

[DA 1]

LEABHAR NA FEINNE

<eng>VOL. I.  
GAELIC TEXTS

HEROIC GAELIC BALLADS  
COLLECTED IN SCOLTAND  
CHIEFLY FROM 1512 TO 1871

COPIED FROM OLD MANUSCRIPTS PRESERVED AT EDINBURGH AND ELSEWHERE, AND  
FROM RARE BOOKS; AND ORALLY COLLECTED SINCE 1859; WITH LISTS OF  
COLLECTIONS, AND OF THEIR CONTENTS; AND WITH A SHORT ACCOUNT OF THE  
DOCUMENTS QUOTED

ARRANGED BY  
J. F. CAMPBELL  
NIDDRY LODGE, KENSINGTON, LONDON, W.  
October 1872.

LONDON  
PRINTED FOR THE AUTHOR BY  
SPOTTISWOODE & CO., NEW-STREET SQUARE, E.C.  
1872

PRICE ONE POUND

[DA 2]

[Blank]

[DA 3-4]

AUTHORITIES QUOTED IN THIS VOLUME.  
[Beurla]

[DA 5-10]

CONTENTS  
OF  
THE COLLECTIONS NAMED.  
[Beurla]

[DA 11-36]

GAELIC TEXTS.  
[Beurla]

[TD 1]

<eng>HEROIC BALLADS.

The Gaelic and the English quoted from Books and Manuscripts in the  
following pages are printed as written and spelt in the copy. The poetry

is divided, and the lines are numbered, by the Editor, J. F. Campbell, Niddry Lodge, Kensington, June 4, 1872.

#### I. CUCHULLAIN.

THE NAME of this warrior is differently pronounced in different districts of the Highlands, and has been differently spelt by Irish and Scotch writers ever since the Book of Leinster was written, A.D. 1130. Dean Mac Gregor spelt it 'Cowchullin' 360 years ago.

The hero and his exploits are familiar to all who speak Gaelic. He is described as a very strong, very active, energetic, fair-skinned, blue-eyed man, of great stature, but not a giant. 'As strong as Cuchullain' is a Gaelic proverb, as familiar as the English saying, 'As strong as a horse.' A plant with a tall stalk and a white flower, with a sweet scent, was named by Mac Donald (p. 41, edit. 1751):-<gai>

'S cútbhrai faílidh do mhuineil  
A chrios-chomhchuluinn na'n cárn!

<eng>Sweet is the scent of thy neck,  
Thou Belt-of-Co-chullainn of the cairns.

The present sound of the name, as pronounced in Islay, may be expressed by Cochullainn.

This warrior appears in tradition as a horseman and charioteer. He is always associated with certain heroes, such as 'Conlaoch,' his son, and 'Connal.' These names, the hero's own name, and his adventures, join him to Irish history, and that gives him the date of Cæsar's invasion of Britain, or thereabouts. In the Book of Leinster, A.D. 1130, is the story of the Tain bo Cuailgne, in which Cuchullin figures as chief character. Fragments of the story are known to old men in the Highlands, and they correspond to the oldest written version, so far as they go. Of this story, versions are in old MSS. in the Advocates' Library. The oldest manuscript versions of this story are about to be published by Mr. Standish H. O. Grady.

I give elsewhere in English all that I have been able to pick up orally concerning Cuchullin,, to show how tradition agrees with writings about 750 years old.

Of fragments of Gaelic composition I give the following:-

1. Cuchullin and Eamhair his Wife, page 1.
2. Cuchullin's Sword, p. 1.
3. Cuchullin's Car, p. 2.
4. Garabh mac Stairn, p. 3.
5. Conlaoch, p. 9.
6. The Heads, p. 15.

#### 1.-1512. CUCHULLIN AND EAMHAIR.

This fragment is not known to me as orally preserved. From it, in 1512, the hero was considered to be an Irish worthy, and one of the Feinne. He is called of 'Dundalgin,' which is the old name of Dundalk. The story of this ballad seems to be the same as that which is called 'The Jealousy of Eamhair,' which has been published.<gai>

COWCHULLIN AGUS EIMHAR.

<eng>A. 1. Dean's Book, page 64. 56 lines. 1512.<gai>

1

LAY a royth in dundalgin  
Cowchullin ni grow neynti  
O taid ni gur er a gon  
Gin sloig wlli na ochyr

2

Halli in noill erin nerre  
Math si waggidir in nane wlli  
Keltith fekkich fowich  
Feine eltych laye za leetiwe

3

Gwr bei in nansych wllith  
Mnan chogn clanni rowre  
In cor sen bi degkir reyve  
Cur ris in naltin dawail

4

In doychis lawee leich  
Atte dr aytlyr chonleich  
Ni hoynti giderring dalwe  
Ser winn cholla in gallew

5

Gawis in crann tawill  
Glan cowchullin gi . . .  
In lawe bi wath troir  
Er mor ni hoyntene gr . .

6

Ryntyr in neltych wo  
Ner zarmit umpith ach awyr,  
Gawis awyr racht fane rynn  
Dayveine ner chart a cheive

7

Geltyr wee no errik sin  
Ni kead oyne elli zayvir  
Lar dorchrith er teive a chnok  
La creif ni norchr nerrik

8

In gen tryle hicgid gow caith  
Za anee gin neigiss noynach  
Ni roe fer gin oe orri  
Wei slawre or datrych

9

Hug bancheill chongullin  
Graw dinani di wllim  
Din charrait eintych aynee  
Hanik a ymill ollanith

10

Agris ayvr in nolt trwme  
A cu rith er chongullin  
Ni hoyne mir gylle deith  
Gin skail na hyi umpith

11  
Da oyr no tre tilfer leis  
Ni hoyne aldyth sner ammis  
Gir leme couf mir a chur  
Iii wrchir hor ni hannich

12  
In hurchir reyve royve  
Sen zol di zaltane gawffee  
Gin virn er wrane di wlyg  
Ryef ach keym sin allane

13  
Re bleygin ni deach zea  
Ach twrss nin nane seach  
Ne hay ymichtych nin nane  
Is inleut ach in twrskail

14  
Mass fer in dathris a woygr  
Nach darn in cow on chref  
Slat war zall di zrawhe mnaa  
Laywith aig voye a

<eng>2.-1786. CUCHULLIN'S SWORD.

This is the only version known to me; but similar measured prose passages about other warriors abound in oral recitations and in old writings. Quoted by Shaw, 1778, p. 149.<gai>

CLAIDHAMH GUTH-ULLIN.

<eng>M. 1. Gillies, p. 211. 13 lines. 1786.<gai>

CHUIR e an claidheamh, fada, fiorchruaidh,  
Fulanach, tean, tainic, geur,  
'S a cheann air a chur ann gu socair,  
Mar chuis mholta gan dochair lein,  
'S e gu direach, diasadach, dubh-ghorm,  
'S e cultuidh, cumtadh, conalach,  
Gu leathan, liobhadh, liobharadh,  
Gu socair, sasdadh, so-bhuailte.  
Air laimh-chli a' ghaisgich;

[TD 2]

Gur aisaiche do naimhdean a sheachnadh,  
Na tachairt ris 's an am sin;  
Cha bu lughe no cnoc sleibh,  
Gach ceum a dheanadh an gaisgeach.

<eng>3.-1816. CUCHULLIN'S CHARIOT.

Something like this fragment is in the First Book of Fingal (p. 11, edit. 1862). The Gaelic equivalent is at page 107, Ossian, 1818, Gratis edition. I give one sample of fragments orally collected, which differ from the book of 1807.<gai>

CUCHULIN NA CHARBAD.

<eng>V. 1. Mac Callum, p. 140. 64 lines. 1813.<gai>

CIA fath do thuruis, no do sgeul?  
 Fath mo thuruis, is mo sgeul,  
 Feara Eirinn sud mar chimear  
 Air teachd chugaibh as a' mhagh 4  
 'N carbad air bheil an dual fioghara fionnduinn  
 Air a dheanamh gu luthmhor, lamhach, tachdail  
 Far am bu lughor 's far am bu laidir  
 'S far am bu lan-ghlic am pobull ur 8  
 'S a' chathair fhrasanta randuidh,  
 Caol, cruaidh, clochara, colbhuidh;  
 Ceithir eich chliabh-mhoir 's a' chaomh charbad sin.  
 Ciod a chimear 'sa' charbad sin? 12  
 Chimear 'sa' charbad sin,  
 Na h-eich bhalg fhionn, chalg-fhionn, chluas-bheag,  
 Slios-tana, bas-tana, eachmhor, steudmhor  
 Le sreunaibh chaol, lainnire, limhor. 16  
 Mar leug, no mar chaoir-theine dearg;  
 Mar ghluasad laoidh creuchda maoisleich;  
 Mar fharum ghaoith chruaidh gheamhraidh  
 Teachd chugaibh anns a' charbad sin. 20  
 Ciod a chimear sa' charbad sin?  
 Chimear sa' charbad sin  
 Na h-eich liath, lughor, stuadmhor, laidir,  
 Threismhor, stuagmhor, luathmhor, taghmhor 24  
 A bheireadh sparradh air sgeiribh na fairge as an caraigibh.  
 Na h-eich mheargantach, tharagaideach, threiseadach,  
 Ga stughmhor, lughmhor, dearsa fhionn,  
 Mar spur iollaire ri gnuis ana-bheathaich, 28  
 D'an goirear an liathmhor mhaiseach  
 Mheachtruidh, mhor, mhuirneach.  
 Ciod a chimear sa' charbad sin?  
 Chimear sa' charbad sin 32  
 Na h-eich chinn-fhionn, chrodh-fhionn, chaol-chasach,  
 Ghrinn-ghruagach, stobhradach, cheannardach,  
 Srol-bhreideach, chliabh-fharsuinn,  
 Bheag-aosda, bheag-ghaoisdneach, bheag-chluasach, 36  
 Mhor-chridheach, mhor-chruthach, mhor-chuinneanach'  
 Seanga, seudaidh, is iad searachail,  
 Breagha, beadara, boilsgeanta, baoth-leumnach  
 D'an goireadh iad an Dubh-seimhlinn. 40  
 Ciod a bhiodh na shuidhe sa' charbad sin?  
 Bhiodh na shuidhe sa' charbad sin  
 An laoch cumaiseach, cumhachdach, deagh-fhoclach,  
 Liobhara, loinneara, deagh mhaiseach. 44  
 Tha seachd seallaidh air a rosg;  
 'S air leinn gur maith a' fraodharc dha.  
 Tha se meoir chnamhach reamhar  
 Air gach laimh tha teachd o' ghualainn. 48  
 Tha seachd fuilteana fionn air a cheann;

Folt donn ri tointe a chinn  
'S folt sleamhuinn dearg air-uachdar,  
'S folt fionn-bhuidh air dhath an oir, 52  
'S na faircill air a bharr 'ga chumail  
D'an ainm Cuchulin mac Seimh-suailti.  
Mhic Aoidh, mhic Aigh, mhic Aoidh eile,  
Tha 'eudan mar dhrithleana dearg, 56  
Lughmhor air leirg, mar luath-cheathach sleibhe,  
No mar luathas eilde faonaich,  
No mar mhaigheach air machair-mail,  
Gu 'm bu cheum tric, ceum luath, ceum muirneach 60  
Na h-eacha a' teachd chugain,  
Mar shneachd ri snoighead nan sliosaidh  
Ospartaich agus unaghartaich  
Nan eachaidh g'a t-ionnsuidh. 64

GUCHULIN NA CHARBAD.

<eng>U. 1. Grant, p. 418. 66 lines. 1814.<gai>

CEA fath do thurais na do sgeul  
Fath mo thurais agus mo sgeul  
Feribh Erinn seud mar chimur  
Tithinn thugibh as a mhaogh. 4  
An carbad air am bel an dual fighara fionnduinn  
Air a dhianabh gu luathmhar lamhach tacmhal  
Far mo lutha agus far mo ladir  
Agus far mo langhlic am pobul ūr 8  
'S a chathair fhrasanta ranndai  
Caol cruai clochara colobhui  
Cether ifera chleamhor a chaomh charbad sin.  
Cud a chimur 's a charbad sin 12  
Chimur 's a charbad sin.  
Na heich bhalgionn chalgionn chluasbheg  
Shliostana bhastana eachmhor steudmhor  
Le streinibh caol lainnir lumhar 16  
Mar leig na mar chaoir theine dheirg  
Mar ghluaisda chreachdai laoi alluinn  
Mar fharam gaoi chruai geamhrai  
Teachd thugibh ann 's a charbad sin. 20  
Cud a chimur annsa charbad sin  
Chimur 's a charbad sin.  
Na h eich lia lu'ar stu'ar ladir  
Thresmhor stuaghmhor luamhor tadhmhor 24  
Bheiragh sparag fi fua na fairg asa caraicibh  
Cud a chimur annsa charbad sin  
Chimur 's a charbad sin.  
Na h eich bharceach tharceach thresadach 28  
Gu stumhor lumhor duarsinn  
Mar spuir iolair ri gnuis ainbheach  
Dha'n gioradh an liamhor mhaiseach  
Mheachtroi mhor mhuirnneach. 32  
Cud a chimur annsa charbad sin  
Chimur 's a charbad sin.  
Na h eich chinionn chroidhionn chaolchasach  
Ghrinn ghruagach stobhrādach, cheannardach 36  
S'rol-bhreidich, chliabh-fharsinn  
Bheg aosda, bheg ghaosdneach, bheg chluasach  
Mhorchri'ach mhor chru'ach, mhor chuimhlean ach

Seangh, seadi, isiad, searachail	40
Briadha, beadara, baoisgeanda baoleumnach	
Dhan gioradh iad an Duseimhlin.	
Cud a chimur annsa charbad sin	
Bhithigh na shuighe 's a charbad sin.	44
Laoch cuimeaseach, cumhachcach, degh-fhoclach	
Libhara, loinnera demhaiseach	
Tha seac meircid air a ruinn	
S'ar linn gur math a fradharc dha	48
Bha sia meoir chnamch reamhar	
Air gach lamh dhe ghualinn do	
Bha siac fhuilt fhiondai air a cheann	
Falt donn re tonnibh a chinn	52
Falt sleamhuinn dearg air uachgar	
S'falt fionnabhui air dhath an oir	
Sna faircill air a bhar ga chunnabhail	
Dhan anaim Cuchullinn mac Semh Sualti	56
Mhic Ui, mhic Ai, mhic Ai eile	
Tha aodann mar fritheine deirg	
Luthmhar air leirg mar lua' cheach sleibhe	
Na mar chruas creanda ealta airghe	60
Na mar mhial air mhachair mhail	
Gum bu tro tric, tro luath, tro mhuirnneach	
Na heachibh tithinn t'orruinn	
Mar sneachca ri snaithagh na sliosabh	64
Ospartaich agus unadhartaich	
Na h eachibh gu tiunsai.	66

X. 1. CARBAD ALAIRE CHUCHUILLIN. 1862.

<eng>Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh, Jan. 31, 1872.<gai>

Sgeulaichte-Eachun Donullach an Talamh-sgeir 'S an Eilean.

[TD 3]

<eng>This fragment was got for me, in 1862, by Mr. Carmichael, from a Skye man. A copy was afterwards sent to Dr. Mac Lauchlan by the collector. The same gentleman got from a blind man the following fragments before 1802:-Z. 57, 7 lines. Z. 74, 7 lines. Z 80, 54 lines. These three are versions of the Gaelic of 1807. It is worth remark that a blind fiddler, in Islay, used to recite passages from Dryden's Virgil, which he learnt from a student to whom he was teaching the fiddle. At page 84 Gaelic of the Book of the Dean of Lismore is a measured prose description of Mac Gregor's horse-28 lines. The last 4 speak of coming from Ireland to praise and to seek it in Alba, and this composition of 1512 is very like the oral descriptions of Cuchullin's Car. Similar passages abound in old Irish writings and in current prose tales. Mac Pherson's English was condemned by critics, but it was founded upon some old Gaelic original. There is nothing to show where the Gaelic of 1807 came from.<gai>

BHA moran aig m-athair (Iain mac Iain ic Eoghain, air Carbadan Chuchullinn) Carbad Comhraig agus Carbad Alaire Chuchullin. Cha chuala sibh riamh na bhaaig do bhardachd Oisein. Is cuimhne leamsa nuair bha mi og agus an t aite so lan dhaoine, lan tuath, gum bitheadh an tigh againn

cho lan a dh' oigire 's a sheanairi (agus do sheanairibh?) fad na h-oiche gheamhraidh agus a chunnaic sibh tigh bail reamh. Moire 's an a sin a bha an oigiri anns an aite so, agus am pailteas aig duine agus beothach. Ach chuir na caoirich mhor as do 'n aite 's cha 'n fhaighean an diugh ann ach iad fein' Seanachaidh.

NA h-eich liobhach lairgearach lothar, 1  
'S na spuir oir fotha (fopa?),  
Sith-fhada shithsheang,  
Beag-chileach beag ghaoisneach, beag chluasain, 4  
Mor chuithach mor cheach, mor chuaileanach  
Uinich 'us osunnaich nan each,  
Bha tarruing Cuchuillin air chill. 7

#### 4.-GARBH MAC STAIRN.

<eng>THIS well-known personage is usually mentioned in Gaelic tradition as a real man: very strong and thick-set; a mighty wrestler, and a Scandinavian prince. I give the following fragments of poems, &c., in which he figures as a foe to Cuchullin and others:-

- 1 D 1. 151 lines.
- 2 F 1. 210 lines, versions of the same ballad.
- 3 O 1. 225 lines, story, language, rhythm, and names different.
- 4 O 2. 82 lines, a popular tale, joined to the name.
- 5 Q 1. 64 lines, no story, vague Mac Phersonic poetry.
- 6 D 31. 40 lines, translation, by Mac Nicol, of D 1, first 10 verses.

772 lines

The first two, independently collected about 1750, associate Garbh with Cuchullin's warriors. The second, got near Dunkeld, about 1800, associates him with 'Fingal, king of Selma,' and the warriors of Fionn. This I take to be modern Ossianic. The fourth is a popular tale, which has been hooked on to many names, including 'The Fiend.' It is here told of Garbh and Fionn, and Fionn's wife. The fifth is a vague Lament, in which Mac Stairn is named. The six illustrate the changes which naturally befal historical ballads orally preserved.

Part of the story of the ballads (1, 2, 1750) is in Mac Pherson's 'Fragments' (p. 59, No. XIII. 1760.) In 1762 the fragment had expanded into the First Book of Fingal. Many stories of different times got joined, and their heroes became comrades.

On looking through Fingal of 1807, not one line of the Gaelic ballads can be found. The language appears to be modern and stiff, and a translation from the English of 1702. This illustrates the growth of an epic from historical ballads and traditions.

D. 1. <gai>DUAN A GHAIRIBH.<eng> 157 lines. 1755.

Mac Nicol's Collection, Ossianic Ballad, No. 16. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 9, 1872.<gai>

1  
ERICH a Chu 'n teridh  
Chi mi 'n Longis ha do labhradh;  
Lom lan na'n Cuan clannich,

Do Longis mor na'n Albharich.

2

Bregich hu Dhorsair gu Muadh,  
Breigich hu Diu 's gach ion uiar;  
She han Longas mor na Maoidh  
Se teasc huginna gar coir.

3

Ha ion Laoich an Doris Teiridh  
An Port an Riodh gu ro mhenmich;  
Gra gu gei 'ir leis gun eal,

4

'S gu ga geal air Feribh Erin.  
Hugidh mis arsa Cuth raoidh;  
Araoin agus O'Connachir;

5

Fear dian Taoibh gheil,  
'S Fraoich fial Mac Fini

. . . . .

6

Aoig masc ârâ a ghluin gheil,  
'S Caoilte ro-gheal Mac Ronan.

7

Na tig air sin a Chu Riodh,  
Na cantir chomhradh gun chli;  
Cha chorigir ris gan Fhail,  
Air ard Rioghachd na Herin.

8

Chonnairc mis coig Caha deug,  
Du Dhamharibh as ni'm Breug;  
Breth air a Gharibh a's Tir Hoir.  
An Maoidh Gallan nan Corag;

9

Sin nar huirt Connil Ceardich,  
Sonn Chatha na Claoin Tearach;  
Cha deid mi fein ris am ghuin,  
'S cha bhu 's eoluch mi mu Chlesibh.

10

'Sin nar huirt Meaoidh hall a Stidh,  
Inn Ochidh Flath na Fenidh,  
Na leigibh oglich nan Cath  
Stidh do high Teridh nan Riogh lath.

11

Sin nar hurt Connil gu coir  
Daoi Mhac alin edir sgeoil,  
Cha bhi ro ghraitâ Bhean,  
Gun duilt sinnidh ri haoin Fhear.

12

Legidh a stidh an sin an fear mor,

Na phrop an fianis an Tloidh  
'S Ionnad tri chead a stidh,  
Chaidh retich a gho san tre sin.

13  
Hog Cuchulin 'n sin a Sciath,  
Air a mhaoidhlin bharradh lia;  
Heale Snaois air a gha Shlaoith,  
'Sghlac Connil a Claidh.

14  
Hug iad a stidh an sin Dronnadh,  
Cheud do Bhiadh agus do Dhibh gun urich,  
Ga Chaigh gus an fhear mhor,  
A hanig as an Esraidh.

15  
Nuair bu haich an fear mor,  
Agus a hug e treis air ceoil;  
Huge sealtin air a nuil,  
Air Caogid Mac Riodh mu himcheal.

16  
Sin nar huirt Brichgain gu Muadh,  
Mac Mhic Caribridh fan Chraoibh ruadh;  
Fear is Faoilte dhuit gun eale ar  
A fianis faribh Erin.

17  
Macanichd Erin uile dhuit san ams,  
A Bhrichdan Bharbhuidh,  
Fad sa bhis misa am Riodh gu tean  
Ar ard riodhac na Herin.

18  
Bhrahinsa dhuit na Braidin  
Ana faidhe tu na Tantin  
Bu leat Lugha Mac Curiodh,  
'S Tiabhidh mac Ghoridh,

19  
Fear dian taoibh gheil,  
'S Fraoch fial Mac Fiui,  
Aaoig Mac aradha Ghluin gheil,  
'S Caoilte ro gheal Mac Ronan.

20  
Lul' im 's dearmid am Blsoidh,  
Deo Mhac Righ-Lehin Lubidh;  
Cormag an Lungais gu Muadh  
Mac Mhic Caribridh faoin Chraoibh ruaidh,

21  
Buinni Borruadh 's borb e stidh,  
'S buin leat gu luadh faoi Fhearais.

22  
Ghaidh an sin na Mic Riodh,  
An ann Tidh Teridh gu fior;  
Agus schuridh iad a Muidh,

Don Treun-fear na fhianis.

[TD 4]

23

Ga ba Laoidh gach Fear dhiu sin,  
Na 'n Garibh Mac Stairn Star-iaclich;  
Cha le ladh fear soir na Siar,  
Air asridh ghrian Lonair.

24

Sin nar huirt Brichgain gu Muadh,  
Mac Mhic Caribridh on Chraibh ruaidh;  
Cia horidhe dhuit dul ad Luing,  
'Shu gun gheil o Chuchulin.

25

Bheil aig Cuchulin Mac na Nighin  
A sgeile Glac innish gu fior a Bhrichgain;

26

Cha neil aig Cuchulin Mac no Nighin,  
A sgile Glac, na Daltar Banni Brahid;  
Na machd Dilis deo mhair,

27

Ach bansa leis Naoish an naidh,  
Bhrrair Alidh as Ardain.

28

Frogair a Choin chulin chaoin  
Mheic Sedrigh so altich  
'Le re bhairt Naois air a chean  
Air a chuid do d'heribh Erin,

29

Ni 'n feara misi na Snios  
Nan fear, Laoich a cho Aois;  
Ach dHINGA Snios Ri Horr aigh  
Ceud do gach curidh cola.

30

Bheirimsa Briar Riodh  
Ann Fheribh aile na Herin,  
Nach deid mi fein ann am Luing  
'S mi gun Gheil o Chuchulin.

31

Bheirimsa Briar Righ ele,  
She labhair an tard Chu Armin;  
Nach toir hu mo Gheil 's ar Muir,  
'S mi fein an am Mheidh.

32

'S Bodich bhidhan udlidh  
'S holc hu fein, 's holc do Mhuintir  
'S ro olc Bean do Haidhe;  
'S cha 'n fear a Bean mhuintir

33

'S cha doir bu mo Gheils an sail  
'S cha neil innad fein ach Allabharich.

34

Sin nuair dherich 'n da Hriach,  
Le neart Chlaidh agus Sciadh  
Togadir an Talibh Tath  
Le 'n Tridhe ansa nuair sin.

35

Bimadich Buille o bheil Sciadh,  
'S fuaim Clisniche ri Cliar  
Fuaim Laoih aig Gaoidh nan Gleann,  
Fu Scleo nan Curidh co tean.

36

Seachd oiche agus seach Lo,  
Hug iad an sa'n imid Scleo,  
'N Cean an teachda Lo,  
Cha bairde 'n Garibh air a Mhaoidh

37

Na Cuchulin a Ghaisge.

38

'N Cean an teachda Lo  
Hug Cuchulin Beum dho,  
Scoilt e o Bhruan gu Bran  
An Scia Eugich Orridh.

39

A Choin Chulin ainnich Triach,  
Agamsa cha mhair mo Scia;  
Ach aonna cheim Teiche noir na niar,  
Cha tug mi ribh 's mi 'm bheidh.

40

Heilg Cuchulin uaidhe Scia,  
Air an aiche oir as Jar,  
Gab ennich shud bolc an Fhaoil,  
Le Mhaibh uaisle na Herin.

41

Ach hug Cuchulin Beum eile,  
Le moid a Mhemnidh sa' scennidh;  
Togadar an Lamh leis an lan,  
Scarar Cean o 'n Cholein.

42

Macanichd Erin uile  
Dhuitsa uamsa, arsa Connil,  
Agus an ciad Choin gun Eall,  
Ann a fianis Feribh Erin.

43

Ni Gnimh ar Gili na'n Cuan,  
Credibh an Riogh maras dual  
Leba 'n ion Laoich mar a ta

44

Ha ion Laoich an so a bha air Saul  
Ha nis gun ashig le immairt sluaigh  
Bha trial gu Teridh nan torr tean  
Gabhail Geil air Feribh Erin.

Fearis Mac Rosidh Mhic Ra 'n Laoich a bairde gheiribh fail, cha Barda  
Fearis a stidh na 'n Gairibh Mac Stairn na huighe.

Bheirimse Briar Righ ann se labhair an tard Chu Armin aoina Cheim teiche  
ge bearde leat nach hai du chead a hoirt.

Do Bhesidh fhir Mhoir a hanig as an Esra, na bitidh na bu Leidhe stigh,  
dheibhe tu fiagh as faoilte hin Tairishe leum air faoilte, gus an gia mur  
Braide gus an curin an am Luing Raoinin Mhic Righ na herin.

'N sin thainig an Dorsair a steach do thaidh Teamhradh nam beumanan  
'schrath e 'n t slabhraidh gu tean Ri'n eisteadh na ceudin.

F. 1. DUAN A GAIRBH MHIC STAIRN.

<eng>210 lines. 1750.<gai>

AIR dha teachd a thoirt Geil air Righ, Eirinn, agus mur Gheil iad uild  
dha gus an do dhuilt Cuchullin ris a Gheil, an t aon do na Fiannaibh a  
bha annsa chuirte san am sin. (Da luchd ionidh an Righ.)

<eng>Fletcher's Collection, page 183. Advocates' Library, Edinburgh.  
January 27, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

1  
EIRICH a Righ na Teimhre,  
Chi mi luingeas mòr 'se labhram;  
Lom lan nan cuan is e elannach,  
Do luingeas mòr nan Allamuireach.

2  
Is breugach thu dhorsair gu muaidh,  
'S breugach thu 'n diu 's gach aon uair;  
'S th' ann luingeas nam maogh,  
'S an Fhiann a teachd d' ar cobhair.

3  
Cho d' eisd e ri tuille sgeoil,  
Ach leum as làthair an Righ mhoir;  
'S e thachair air laoch mòr a teachd;  
A neoir gu dorus na Teimhre.

4  
Do bheannaich an dorsair dha ghu màlt,  
Is dh' fhiosraich e cò as do;  
Is dh' fhreagair am fear mor gu nimhe,  
Thainig mu thoirt gèil air Connul.

5  
'S ni 'n gabhain cumha na ceart,  
Ach Eirinn uile theachd fui'm smachd;  
'S gach flath 's gach Righ dhiu thoirt umhluidh

A dh' aindeoin Chonnuil 's a luchd comhnuidh.

6

Creud d'am bheil ugumsa dheth,  
Ach dearnam do sgeula;  
Agus innsidh mi thu gun fheall,  
Ann an lathair fearaibh Eirinn.

7

Is dh' imich an dorsair a steach.  
Do dh' ard Theimhre nam Beumanan;  
Is chrath e an t slabhraidh gu teann,  
Ris an eisteachd na ceudan.

8

Sin 'nuai' thuirte Connul gu còir,  
Deadh mhac Rìgh an Eidir sgeòil;  
Am bheil allamhuireach a muigh.

9

Tha aon laoch an dorus na Teimhre,  
An am porsa an Rìgh ro mheamnach;  
Is e ag radh gun geabhar leis gun fheall,  
'S gun gabh gèil air fearaibh Eirinn.

10

Do bha Corachar thall a stigh,  
Is ard Rìgh-laochar na Teimhre;  
Fionn mac Rìgh ruaigh  
An ceathramh cuiridh co mucu.

11

Chuirge mise 'n dubhirt Curiogh,  
Araon agus O Conachir;  
Aog mac Garadh a Ghluin-ghil,  
Is Caoilte glegheal Mac Ronain.

12

Na tig air sin a Churiogh,  
'S na canta comhra gun chli;  
Cho torachar leis gun fhoill,  
Gèill air rioghachd Eirinn.

[TD 5]

13

Mur e 'n Garbh Mac Stairn a t' ann,  
On' Ghrèig uamharaidh ro ghairg;  
Bheir e leis ar gèill air muir,  
Dh' aindeoin fearaibh Fiannaibh.

14

Chunnaic mi cuig catha deuga,  
Do chathan Fhamhairean 's ni'm breug;  
Aig breath san tìr Shoir air a Gharbh,  
A' maogh Gamain nan goirean.

15

Bheirinse briathar Rìgh arm,

Fhearaibh àilidh na h-Eirinn;  
Nach do leig an Garbh iad o'n mhaogh,  
Gus 'n do ghabh è gèil gach aon fhir.

16

Sin 'nuair dubhirt Connall cearnach,  
Ursan chatha nan blagh teimhreach,  
Cho d' theid mi fein ris dam bhuin,  
Cho mho is eolach mi ma bheusan.

17

Sin 'nuair dubhirt gead mac Machith,  
'N laoch b' fhurast aithsheun;  
Cha deach mi riabh aon cheum sor na siar,  
A dh' fholum gaisge a' hudligheachd.

18

Tabhair mo ghit thali' si stigh,  
Inighin o chli' Flath na feile;  
Na leigibh oglach nan Cath,  
Do thigh teimhre nan Righ-fhlath.

19

Sin 'nuair dubhirt Connall gu còir,  
Deadh mhac aluin an eiddersgeoil;  
Cho bhi è re aratin a bhean  
Gan diult sinn uile re aon fhear.

20

Leigibh a steach am fear mòr,  
Gu prap am lathair an t slòigh;  
Ionad cheud areitichadh dho san t sreth;  
Muna chuireadh e na shuighe.

21

Feargus mac Rossain ic Rà,  
'N laoch a b' àirde dhe fhearaibh Fàil,  
Cho b' àirde Fearguth a stigh,  
No' a Garbh Mac Stairn 'na shuidhe.

22

Pronn cheud do bhiadh 's do dhibhe,  
Chuaidh a dheanamh dosan gun fhuireach;  
Sa thoirt re na chaitheamh don fhear mhòr,  
Thainig as an Eassa Roimh.

23

'Nuair bu shaitheach don fhear mhòr,  
'S a thuigeas greis air an òl;  
Thug se suil uaithe nun,  
Air chaogad mac Righ mu thimchioll.

24

Do bheathsa fhir mhòir,  
Thainig as an Eass a roimh;  
'S na bitheadh ni bu leithe steach,  
Gheabha thusa fiall is faoilte.

25

Cho tairis leam air faoilte,

Gus an iadham mur ar braide;  
Gus an cuir fam an nam luing a steach,  
Righm mhic Rìgh na h- Eirinn.

26

Sin 'nuair ghabha na mic Rìgh,  
Ann an Tigh Teamhre gu fìor;  
'S a chuireadh iad a muigh,  
Don treun laoch na lathair.

27

Ge bu laothadh gach fear dhiubh sin,  
No an Garbh mac Stairn stanfhiacloch;  
Cho tialuigheadh fear siar no soir,  
Dhiubh an asinn a ghnìomh lomidh.

28

Sin 'nuair thuirt Bricchni gu muaidh  
Mac mhic Cairbre o'n Chraoibh Ruaidh,  
Fear is faoilte dhuit gun fheall,  
Ann an lathair fearaibh Eirinn.

29

'S mise Bhrathadh dhuit na Braidean,  
As am fuighe tu na tàintean;  
Buin leat Lugha mac o Rìgh,  
Agus Fiamhi mac Gorigh.

30

Aogh mac Garadh a Ghluin ghil,  
Is Caoilte ro Gheal mac Ronain,  
Fear Dian taobh ghil,  
Agus Fraoch fiall mac Fiuic.

31

Luagha sgia argumeid am blagh,  
Deadh mhac Ri leathan Lùcais,  
Cormaig an Luingeas gu muaidh  
Mac mhic Cairbre o'n Chraoibh Ruaidh.

32

Buinne borburra nach borb a steach,  
Buin leat gu luath o Fhearghuth.

33

Maed aineachd air Eirinn uile,  
Dhuitsa uamsa Bhrichni Bharabhui,  
Ad sa Bhios mise 'm Rìgh gu teann,  
Air ard Rioghachd na h-Eirinn.

34

'S an an sin' thog Cuchulin a sgia,  
Thair a mhaolin Bharraliath;  
Sheal Snaois air a dha shleagh,  
'S ghlac Connull a Chloidheamh.

35

Sin nuair thubhirt Bricchni gu muaidh,  
Mac mhic Cairbre o'n Chraoibh Ruaidh;  
Cia thorchrar leat dol' na d' luing,

'S tu gun ghèil o'n Choinchullin.

36

Am bheil aig Cuchullin mac,  
Innis gu fìor a Bhrichni  
Nim bheil aig Cuchullin Mac,  
Na nian is Gile glac.

37

Na Dallan munidh Bràghad,  
Na mac dilis deagh mhàthar,  
Ach b' annsa leis naois anaigh,  
A Bhrathair Ailibhin agus ardan.

38

Freagir a Choinchulluin choin,  
A mhic seud riogh subhald;  
Teirbert snaoise an dò cheann,  
'S air do chuid do dh' fhearaibh Eirinn.

39

Nim fearr mir no Snaois,  
Nim fearr laoch a Chomh aois;  
Ach Diongìdh Snaois còir nath,  
Ceud do gach cuiridh comhla.

40

Bheirimsa Briathar Riogh ann,  
Fhearibh Ailidh na h-Eirinn;  
Nach d'teid mi fein ann nam Luing,  
'Smi Gnn Gheil on Choinchullin.

41

Bheirimsa Briathar Riogh eile,  
Se labhair e n t ard Chù armach;  
Nach d teid mo Gheilsa air sàil,  
Smi fein an nam Bheatha.

42

'S Bodach ù bhiodh an Údluigheachd,  
'S olc u fein 's olc t fhear muintir;  
'S olc Bean do thaigh  
'S cho'n fhearr a luchd aon tigh,

43

'S cho d' tabhir u mo Ghèil air Sàil,  
S gun annad fein ach allamarrach.

44

Sin nuair dh' eirich 'n da thriath,  
Le neart an cloidhean is an sgia;  
Gun d' fhogradh an tallamh team,  
Le traighean ann sa 'nuair sin.

45

'S ioma Buille fuidh bhile sgia,  
S fuaim Clishnich re Cliar,  
Mar fhuaim Coille le gaoith nan Gleann,  
Bha Scleo nan curidhnan co teann.

46

Seachd oidhchean agus seachd là,  
Dhoibh aig Imarscleo sa aig Jomarbh hai;  
Sa'n ceann an noidheamh trà  
Cho b' aird e n Garbh air amhoigh na Cuchullina Ghaisae.

47

Ach an ceann an t seachdamh lò,  
Thug Cuchullin beum dhò,  
Sgoilte leis o Bhruan gu Bran,  
An sgiath eangach òrbhuigh.

48

Noish on a theirig mo sgia,  
A Choinchullin a dhairgneas triath;  
Aon cheim teichidh siar no Sor,  
Cho dliubhram is mi 'm bheatha.

49

Bheirimsa Briathar Riogh eile,  
Se labhair e n t ard Chu Joraghil;  
N t aona Chèim teichi Siar na Sor,  
Cho n eil fuidh d' roghun a dheanadh.

[TD 6]

50

Thilg Cuchullin dheth a sgia,  
Thair a mhaolin Bharra-liath;  
Geb einaeh gum b' olc an fheall,  
Ls maitheamh uaisle na h-Eirinn.

51

Thug Cuchullin beum eilli  
Le moid a mheamnidh is asgeine,  
Thogadh leis a lamh sa lann,  
Is sgar e 'n cean ri cholluin.

52

Machd aineachd air Eirinn uilli,  
Dhuitsr uamsa choinchulin;  
Sa chead chorn gun fheall,  
Ann am lathair fearaibh Eirinn.

53

Rinn mise gnìomh air gilù nan cuan,  
Creideadh an Rì mur is dual,  
Tha leaba aon laoich 'n so a bha air Cuan,  
Tha niudh gun aisag aig Iomairt stuaigh.

54

Thrial gu tigh teimhre nan Rìghfhath,  
Ghabhail gèil air fearaibh Eirinn.

O. 1. FIONN IS GARA MAC STAIRN.

<eng>225 lines.

Dr. Irvine's MS., page 129. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, April 1, 1872.<gai>

1

SGUAB Garbh na sleibhtean,  
'S ghull na glinn fo chois;  
Lub na caoilltean an cinn ualach,  
'S thiormuich suas na tuiltean uisg.

2

Shrannadh a' Mharc shluagh a ghaoth,  
Thuit am fraoch fo fhuaim an tart;  
Loisgeadh am feur le'n dian astar,  
'S ghull man ghlasan gach bachd.

3

Theich an eilid le fuathas baoth,  
Chual i glaoth a rain' a sgairt;  
Sheall am fir eum gu nuathara claon,  
Co iad na daoine tha ruag mo theach?

4

Bha garbh treun mar shruth a ghlinne,  
'S am fireach a' cridheadh fo ghluasad;  
Uamhasach mar thorrùn a gheamhraidh,  
Ri oidhche annradh ann àm fuathais.

5

Arda mar Ghiubhas na beinne,  
'San ceò a' tionadaladh mu'n cuairt d'i;  
Marbhtach mar cheud tamasg,  
Aig carra daingean Loda bhuailtich.

6

B' fharsaing rioghachd Gharabh Mhoir,  
Bu lionmhor sloigh toirt dha cain;  
Bha clann mhaoth a' busteadh ainm,  
Is daoine a' crathadh an cinn gu cor.

7

Dh' fhag e a thalla stoirmeil,  
Dh' amharc Thuail an fhuilt dhuinn;  
Tual Mac rìgh Lochlain aigh,  
A choimhich ait an Albinn bhig.

8

Air sgiathaibh gaoithe sgoilt e'n cuan,  
Gu Duu Mhic Tuail nan ioma' creach;  
Theich na sloigh roimh a cheum,  
Bh' an rathad reidh gu Dun nanclach.

9

Co chogadh ri Garabh Mac Stairn?  
Co sheasadh blar na fala?  
B' fharsaing crìochan Thuail,  
Thar garbh bheanntan ciar na Tuath.

10

A ghaisgich mar aon bha dana,  
'S lionmhor blar a chuir iad thairis;

Rainig Garabh crom ghleann nan craobh,  
'Shloid e sia croinn Ghuibhais o thalamh.

11  
Chuir faileas iar o theas na greine (dubhar),  
Fhreagair na creagan do ghlaoth;  
Gheill gach bealach do neart,  
Rainig e ard thir Mhic Tuail.

12  
'S fhuair e gu faolaidh fosgailte.

13  
Choinnich Mac Tuail e air an fhraoch,  
Chuir fault gu caoin iar a charaid;  
Do bheatha a dh' Albuinn nam beann,  
A mhic Stairne o 'n duthaich tha 'n ear.

14  
'S lionar feachd gu cleachd s gu tiorachd,  
Thig a steach fo sgath mo thighe;  
Biodh cuirm is aighir air bhordaibh, (1)  
Seinneadh mo bhaird cliu nan treunfhear.

15  
Tha na bliadhna a threig a pilltinn,  
Latha Sealg nan gleann ciara;  
Thainig Fionn 'sa shloigh nan coir.

16  
Co as tha na fir armach ghasda,  
'Se labhair righ Shelma chruinn;  
Bheil am fiadhac a' dol leibh,  
No 'n teid sibh leam gu Dun ban?

17  
Bha cliu Ghairbh sna danaibh  
Bha eagal air Fionn roimh a theachd;  
Cha b' ail ail leis a bhann gun am feachd,  
Ri Mac Tuail bha Fionn an sith.  
Ach bha mi run anns a ghaoith.

18  
Chuireadh Garbh gu Cuirm is cleas nan treun,  
Gu Dun ban ma 'an eiradh grian,  
Dun bha faoilidh riamh is farsaing,  
Dun am b' ait leam bhi lem' mheann  
Dun o'm faicte mile maise.  
'S tric an d' fhuair an t-aineol biadh.

19  
Thainig Garabh le cheathairne chor,  
Ochd fichead fear fo'n earra shroil;  
Floigh Mac Tuail le chomhairlich fein,  
'S le choisridh dhonna dhana threun.

20  
'S ann an sin bha chuirm gun aithris,  
Fion na Greige as Beoir na Macharach;  
Ceol nam filidh fonn nan clar,

Dan nam ban, is eachd nan Treun.

21

'S fad bha aoibhneas an Talla 'n Dun,  
'S cuimhne leam, a ruin an latha;  
Ach mo thruaighe dh' fhalbh am filidh san dan,  
'S cha 'n eil a lathair ach smurach faiche.

22

Ann an sealla Dun Mhic Tuail,  
Bha Dun Fhinn gu uarach ard:

23

A ghaoth a seida seach a bhalla,  
'Se gun chrith, chneth, gun spairn;  
A thuran, daingean da fhilt dealbhach,  
Mar chreig albhinn lamh ri shail.

24

Sheid an glagaire an corn buadhach,  
A dh' adharc buabhull grinn nam beann;  
A thionaladh a steach na coisruidh,  
Do 'm bu choir bhi fiadhach mheall.

25

O chreag gu creag leum an glaodh,  
Mar oiteag ghaoith am bar nan crann;  
Thainig fuidhi mhor a ghlinne,  
Le 'n coin innealta gu sealg.

26

Thainig fir a bhraigh sgairteil,  
Le 'n eachaibh tartarach is le 'n cuim;  
Thainig gaisgich Locha fhuaimnich,  
Thainig Duthich, Buich 's Baimch.

27

Thainig Diarmad donn 's Cullin,  
Thainig Buidhne do gach fine;  
Righ be sin na daoine treubhach,  
Bha cruit, bha clar, bha feudan redha.

28

A' cur euslan fad air astar,  
Sheall Garabh gu dur nuathara;  
Air na feachdaibh nuadha, calma;  
Fhinn Mhic Cuthail nan ceud cath,

29

Cha 'n ioghna thu fein bhi dana,  
Agad tha na buidhne crodha,  
Dealbhach, tosach, bonnach, craidhach,  
Toslach, cudthromach, beusach,

30

Gach fear mer reth bhuinne traighe  
'S tearc a chithear an leithid.  
O ob shruth gu ruth nan Gael,  
Ghluais na fir nan ard shunt;  
Gu siubhlach thar gnuis na faiche.

31

Mhic Stairne, thuirt Fionn an cainnt reidh,  
'S mor do neart, tha t' ainm ga reir;  
Tilg a chloch 's thug deuch a dh' Albinn,

32

Thog Garabh a chreag ghaileach luchdmhor,  
'S thug urchar ri aghaidh 'n Duin;  
Chrith Selma le mor eagal,  
Sgoilt peirceall an Dun ge b' aill.

(1) Biodh ard air cuirm is aighir.

[TD 7]

33

Dh' fhag eachuiman san fhaiche,  
Bheuchd na creagan le toirm;  
Theich Mac Talla le bruaidhlean,  
'S dh' fhalbh snuadh na coille gu bas.

34

Deach a ris a Ghairbh nam beum,  
Do mhor spionna fein 's do chliu.  
Thuirt Fionn 's a smaoin a crathadh,  
Mar cheo a sgaradh air carn.

35

Chrom Garbh a cheann gaisge,  
'S thog a chreag gu h-iorsach ur;  
Dh' fhalbh i o laimh mar dhealan,  
'S rinn i sgar an ceann an Duin.

36

A mhala mhine, tha lan de uisge,  
Leum an ailbhinn air ais;  
Gu bras beuamanach, buarasach, ard,  
Creigean 's orannan a' geilleadh  
Spreidh a' critheadh gu bas,  
Stad i air Dail an fhraoich  
Ged is faon i 'n duigh bhaigh

37

Bha Mic Fhinn 'san gnuis gu deurach,  
Thug Mac Stairne eibhin buaidh;  
Dh' eirich Goll Mor Mac Morna,  
Fear nach sora riamh am beum.

38

Thog e 'n Tulach a a talhaibh,  
'S thug e urchoir laidir dhian;  
Theich siol Lochlain le ioghna,  
Thog a chlarsach caithream buaidh,  
Thog siol Alba lachan gaire,  
'S sheall Dun ban air chaochla snuadh.

39

Chaidh iad sin a dh' fheadhach bheann,  
A ruaga 'n tuirc le thuisg oillt;  
Treis an toir air loin is eild,  
Is air damh alluidh nan ceum calma.

40

Phill Garabh gu Dun Mhic Tuail,  
Thriall Fionn gu Buth nan struth;  
Thainig sgeul qha cruaidh ri eisd  
Dh' iarr Garabh cios o'n Fheinn le tair.  
No comhrag cuig ceud sar ghaisgeach,  
Ceud loghainn chon ceud seobhag suairc  
Ceud each luath a bhuighnadh geall,  
Ceud earra shroil leinteag ur.

41

Bhuail Fionn an ard bheum sgeithe,  
Chruinnich a threun fhearann ri cheil;  
Bhruchd iad mar thuil nan gleanntan,  
Co sheasadh san am sin roimh an dluthas.

42

Rainig Garabh buth nan struth,  
Le buidhinn cholgara dhana;  
Bha Grainne san tall fo eagal,  
Fionn a fiadhach am feudanaibh duinte.

43

Dh' iarr Garabh aoidheachd 's muirn,  
Mar charaid a bhitheadh dlu dhi fein;  
Aoidheachd cha do dhuilt mi riamh,  
Labhair Grainne le ciall cheart.

44

Ach do cheathairne co mor,  
Cha 'n 'eil cro an teid a steach;  
Gheibh sibh aoidheachd air an raon,  
Ma's miann leibh fhaotainn  
Gheibh le tlachd.

45

Thug i dhoibh sithann bheann,  
As lionn nach do thoga o bhraich;  
Dh' eirich na h-almaraich ghnatha,  
Gu chomhla a tharruing mach.

46

Ach thogar an glaodh Feinne,  
Is dhuisg gach tom is glaic;  
Sheall Garabh thar a ghualainn,  
Chunnaic gu luath Fionn le fheachd.

47

An e so diol na h-aoidheachd a Ghairbh,  
Mo theach 's mo bhean a thoirt uam;  
Teann am rathad gu grad,  
No stad cha 'n fhaigh thu ach bual.

48

Eagal cha bhiodh orm mhic Cuthail,

'S e labhair Mac Stairn gu fiar dana;  
Ged eireadh leat mile leomhainn (loghainn)  
De fhearaibh an domhainn a thainig.

49

Bratach Fhinn sgaoil sa' ghleann,  
An deo ghreine bu deirge cruth;  
Thog a chlarsach a fuaim catha,  
'Sthog Caorull gu h-ard a ghuth.

50

Bha Fionn mar ghrian fo ghruaim,  
'Nuair dhomhlaicheas uimpe ceo duachni tiugh;  
Air uairibh chitear a gnuis aoibhinn,  
Air uairibh i gailach duth,

51

Tharruing na sloigh o 'n t-sliabh,  
Gu tosdach dian chum euchd;  
B' uamhasach sealladh gach mili,  
Bu cinnteach buille an creuchd.

52

Ni 'n d' atharaich Garabh Ceum,  
'Sa threun fhearan daingean ri chul;  
An sleaghan nan cuilg nimhe ri 'n guailinn,  
Am boghan cruaidh deas mar an ruin.

53

Clanna Baoisge thilg an sleaghan,  
'S tharruing an claidhean foinneanta geur;  
Sgath iad siol Lochlain gu talamh  
Mar loisgeas falaisg an tir fheur.

54

A' m' laimhsa bha neart an la ud,  
A Mhalmhine cha b' eagal leam;  
Theich Garabh bras mar cholman,  
'San seobhag grad na dheigh,  
Ghleith sinn ar tighean is ar mnathan,  
Ar clann, ar fearann ar n' euchd.

<eng>NOTE.--This metre cannot be divided into quatrains. It is irregular,  
like Mac Pherson's.<gai>

O. 2. FIONN IS GARA. <eng>82 lines. 1801.

Dr. Irvine's MS., page 163. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, April  
3, 1872.

Along with the fragment (Fionn is Gara) (see page 129) a ridiculous story  
is told which was formed to bring these ancient heroic poems into  
contempt. I shall here insert it copied from the same person who recited  
the other, viz., Alexander Cameron, Tailor, in Drumcharry, Fortingal,  
before mentioned. (Dr. Irvine's note.)<gai>

1

RAINIG Garabh Dun nam buadh,  
Dun ri' n luaidhear Buchanti;

Fhuaras Grainne fuinadh san talla,  
Bha Fionn na chodal an crethaist dhlu  
Le lubaibh gun glacadh Mac Stairn.

2

C' ait bheil Fionn, thuir Garabh?  
Cha 'n fhad air falbh, a righ na faich,  
Gabh aran 's leag do sgitheas.

3

Mar d' fhusneadh Grainne le mend a luathas,  
Dh' itheadh an Garabh gu dlu dian;  
Mar mhada fiadhaich Ghormla,  
Chuir i ghraideall ann am bonnach  
Dh' ith e' n t-earrna foinnamh borba.

4

'S cruaidh t-aran a gheug na maise,  
Mar chreag abharnaich dom' ghoile.

5

Chuir e mheur am beul an leinibh,  
Bha sa chrethail gu tosdach dealbhach;  
Chaill e a muir a thiola,  
Le fiacail ghuineach a bhanbhi,  
Ciod as aois do d' leanabh a Ghrainne,  
'Se labhair gu h-anrach Garabh.

6

Miosachan beag a th' am,  
Ma dh' fhasas gach mios mar so;  
'Se fhreagair Garbh gu tiugh dian,  
Bithidh airde mar airde nam beann,  
'Se neart mar neart na iomghaoith dhochorach

7

Dh' fhalbh Garbh a choimhead cumhachdan naraig  
Far an tric a gheill an Roimh,  
'S ann fhuair Sliochd nan Gael buaidh,  
Trusgan a bhuachaill ghabh Fionn,  
S' thachair air Garbh aig murlin nan alt.  
Rinn Faolan le meud a sgoil,

[TD 8]

Sheas an roth chloch mhailin aig an dorus,  
Na pilleadh Fionn o 'n t-seilg,  
'Se thuir an Garbh le mor fhiamh,  
C' ait am bheil a spionna 'sa threis?

8

Feumaidh e comhrag a thoirt a Ghrabh,  
No tuiteam gu balbh fo mhein;  
Cha 'n aon mise de na treun,  
Deir Luna la treun ghuth.

9

Chunnaic mi Fionn le beag spairn,  
Tilgeadh na Gra chloich sin thar an tigh;

G'a comhlachadh air an taobh eile,  
M'an ruigeadh i 'm blar g'a luathas.

10

Sheall Garbh le smeithe gaire,  
Air a chloich cruin mar an Rè;  
Ballach mar an speur ud shuas,  
Trom mar Dhungael le choille dheurach,  
Cha 'n eil e beo do 'n geilinn luaidh.

11

Ghlaic e chlach is rain e 'n righ,  
Triallam do shliabh nan agh;  
Thachairt air Fionn is mor blagh is brigh,  
Thuirt Garbh ard a laimh,  
Gu luath thairis air gleam 's air beam.

12

Ghluais Luna bu luaithe ceum,  
Thachair air Garbh an gleann caillich;  
An Uidham balaich 'se treun,  
Bha 'n fheudail ri taobh na aibhne seimh

13

Bheil Fionn sa' choire, no sa chathair?  
Cha 'n eil, thuirt Luath bheul le cainnt ghrad,  
Tha Fionn an Innis fail nan tonn,  
Tha fhonn feadh fhiorach is ghlaic,  
Tha Fionn an neart gun choimeas,  
Chuir Fionn righ an Domhain fo smachd.

14

Faic an tarbh beucach gruamach,  
An cum thu air chluais e air raon?  
Rug e air an tarbh ge b' alma  
Rug Luath bheul air a chluais eile.

15

Sgaoilteadh an t-annit cha b' fhaoin,  
A Luath bheul! cha 'n 'eil thu cli;  
Ma tha Fionn am brigh mar sud,  
'S tearc righ a theid na choir,

16

Thogadh Fionn a chreag ud shuas,  
Thilgeadh gu luath ris an t-sliabh;  
Reubadh e coilltean om' freumhaibh,  
Thogadh e cnuic o 'n t-athaibh;

17

Thionndaidheadh e aimhnichean uisge,  
Thionndaidheadh Grian dreusg ghradhach;  
Dhutha e 'n Domhain le torrann,  
Co dh' fheucha' ri botham a haradh?  
Fagam a rioghachd gu luath,  
'S truagh teachd fo fheirg sna blaraibh.

Air an cruinnicheadh lis an Olladh Urramach Alastair Irbhinn Ministir an  
t-soisgeil ann an Dunchailinn bheag.

J. McD.

Q. 5. DUIL MHIC STAIRN RI H-EIRIN. <eng>64 lines.

Stewart's Book. 1813.<gai>

1  
Is tiamhaidh nochd Gleann comhann,  
Gun ghuth gaothair, a's gun cheol,  
Gun fhuaim air Chlàraibh nan tèud,  
Gun uirsgeul Threun, a's gun òl.

2  
Thosd guth nan Filidh na Mhùr,  
Tha muirn a Bhuidhne air sgur,  
Nior fhan ach mise na'n deigh,  
'S mo chònadh air treigsin tur.

3  
Is mi an sean-fhear gun treoir,  
Mar aon Lon leont' anns a choill,  
Mar shòn gun snodhach, gun fhàs,  
Air chaileachd buidhir, a's daill.

4  
Cha b'ionann ri linn Mhic Stairn,  
Bha abhaist Oisein, 'sa neart,  
Bu mhaith a dhimreadh e lann,  
Cha b'fhànn a dhorn air a beairt.

5  
Cha b'amhlaidh iar chath nan Sleagh  
Fhònna 'sa mheanma ri fleagh Fhinn,  
'Nuair thionail mu'n Rìgh a Laoich,  
'S lasair chraobh ri solus grinn.

6  
Chaidh sligean, a's cuirn mu'n cuairt,  
Cha'n fhaicteadh gruaim air gnuis,  
Agus co-sheirm cheann, a's chlàr,  
A' togail àbhachd, a's mùirn.

7  
Ri Ulann, a's Cairiol, a's Raoini,  
Labhair Fionn Ghaël gu fòil,  
Togaibh Dàin luaidh ar Trein fhir,  
A choisin o chein cliu, mar chòir.

8  
'S ait le Rìgh Lochlain nam buadh  
Na Dàin a luaidheas deagh-ghniomh,  
'S is taitneach le Fionn an glèus,  
Thig air bèus Ghaisgeach na strì.

9  
Leig mo Rìgh maraon, a's Mac Stairn  
Ri h-èisteachd Chlàrsach nam rònna,  
Bha cèud Cruit, 's dà chaogad Bàrd,  
Mu'n dà Ard Rìgh air an Tòm.

10

Chaitheadh mar sin an oiche,  
Gu soillse maidne sàir-ghil,  
'Nuair chluinnteadh caismeachd an stuic,  
A' greasadh Fhear Lochlain gu tràigh.

11

Nior liosda astar an long,  
Ag ascnadh thonn air an leirg,  
A's strann-ghaoth Eire fuasnadh,  
An Sleisdean thar cuan-shruth-mear.

12

A mhnathan na tìre a's soir,  
A's buidhe folt, 's is geal braghad,  
A's tric air muir tabhairt shùl,  
'S a tathaich brù na traigh.

13

Coisgear re seal ur 'n iomguin,  
'S an Cabhlach ag iompaidh nur dàil,  
A's subhach leam sibh ga fhairgsin  
Air fairge mar eun fàire.

14

Ach 's truagh leam cuid agaibh caoidh,  
Nan Saoi math, 's fearr na brathair,  
Na leannain caoin, gheal, ciuin,  
Nach stiuir am feasd long thar bàrlinn.

15

'S cruaidh leam ur'n airc mu dheibhinn  
Na chaidh an Eirin fudh ùir  
Is tùrsach leam sgal an con  
Air fiadh, na lon nach tabhair suil.

16

Is goirt leam an donnal bròin,  
A' togail sgeoil d'an caomhainn  
Taibhse nan treun bhi sa cheo  
'S an saighdean gun seal aonaich.

D. 31. DUAN A GHAIRIBH. (1) <eng>36 lines.

Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad, No. 27. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 7, 1872.

SONG OF GARVIE.

1

ARISE! doorkeeper (chief or commander) of the King's palace;  
I see ships innumerable,  
The wavy ocean quite full  
Of the large ships of the Strangers.

2

Doorkeeper you be this Day, and every Hour (in the Morning),  
You Lie (or brings false tidings,) to Day and always;  
It is the Fleet of Moy (2)

Coming to our Relief.

3

There stands a Hero in the Gate of Teira;  
A Hero in the Gate of the King of lofty soul;  
Who says, that openly (or without Deceit),  
He 'll lead Captive the Fones of Ireland.

. . . . .

(1) <gai>Garibh<eng>—Gross robust gigantick man.

(2) Moy (<gai>Maogh<eng>)—Appears to be ye name of a place.

[TD 9]

5

Forwards spring Cuth, the son of Raogh,  
And with him Oconnachor;  
Also ye keen white-sided Warrior Taobh-ghil,  
And the high, (or liberal) minded Fraoch, the son of Fiuidh, (1)

6

Aogh the son of Garadh, with the white knee,  
And the fair Coilte, (2) the son of Ronan.

7

Speak not so, Chu-riogh,  
Nor utter thy feeble words;  
For, without Guile, he cannot be equalled in War,  
By the mighty Land of Erin.

8

Fifteen tribes of Gigantick Warriors  
Have I seen in combat with Garive in ye East (or East country),  
In Moy, the Habitation of Heroes.

9

Then spoke Connil, the chief of the sons of the Forge, who had often  
conquer'd, The  
Prowess of Garive is unknown to me,  
Nor will I engage him in Battle.

10

From another quarter, Maya raised her voice.  
The beautifull Daughter of one of the Chiefs;  
Permitt not that Hero in Battle  
To enter the royall Walls of Teira.

#### 5.—THE DEATH OF CONLAOCH. A.I.M.N.O.V.

THIS is an ancient Aryan story. It was told of Zorab and Rustem in Persia. It was in Marie's Lays (No. 9, ed. 1805, Ellis), written in the early part of the 14th century, in England (Milun, vol. iii. 184, vol. iv. Popular Tales, p. 260.) As part of the Story of Cuchullin, the story was known in Scotland about 1512 (A. 2), and other versions of it are in texts I. 1. M. 2. N. 1. O. V. 2. Y. Z. 34. 52. 59. 60. In all these the main story is that of a son, who is slain in combat by his own father,

when he grows up, and comes from his mother to visit him. In the Gaelic ballads Cuchullin, and Conlaoch, his unknown son, are associated with the King of Ulster; the Heroes of the Red Branch, Connul, &c. The heir of Dundalk appears as the love son of a heroine who lived in Skye; and generally all the names agree with Irish history, though the story is British and Aryan.

Closely read, all the Gaelic versions, A. M. N. 1. 2. O. U. Y. Z. tell one story, and may be fused so as to make one translation. I. Kennedy's version is a different Gaelic poem on the same theme. A reference in verse 53 makes me suspect that it was slightly altered after 1762. In any case, it is Scotch Gaelic about a hundred years old.

The Aryan story of this genuine old Gaelic ballad is in Mac Pherson's English Carthon (Note, p. 127, and pp. 134, 142, edit. 1762). Cuchullin is commonly called 'Cu nan cleas,' Cu of feats, or of tricks of fence. In Carthon he is made Clessa mòr, which name is compounded from two words which mean 'great feats.' The geography is about Clyde and Morven, instead of Skye and the coast of Ireland. The son who is slain is named 'Carthon,' instead of 'Conlaoch.' Fingal and other names, which are not in the old story, appear. As a composition, the whole seems to be original. The Gaelic of 1807 ends abruptly where the ballad story begins. I believe the Gaelic to be a modern translation from the English, so far as it goes, for I cannot identify one line with any of my Gaelic texts. Nevertheless, the story told of Cuchullin and Conlaoch in 1512 was in the English 'Carthon' of 1762. In 1787 Dr. Smith, who lived in the same district as Kennedy (I.), published another Gaelic poem on the same theme, which I believe to be his own composition. 548 lines, p. 158.

The following samples are from unpublished manuscripts or rare Gaelic books:-

A. 2. CONNLEICH Mc NO CON. 103 lines.<gai>

GILCALLUM M'YNNOLLAIG IN TURSKAIL SO SEISS.

1

DI choala ma fad o hen  
Skail di voneis re cowe  
Is traa za haythris gow trome  
Gata mir anneiss orrinn

2

Clanni rowre ni braa mawle  
Fa chonchor is fa chonnil  
Di bur low oyg err wyg  
Er hurlar chogew ullytht

3

Ga hygh no hanik ma genn  
Fa ullyth leichre vanva  
Cath ag waall innoyr ellyth  
Dar zymone clannyth rowre

4

Hanik hukkith borbe a reith  
Ir gurre croith connleich  
A zis ni mur glarrith grinn  
Oo zowu skayth gow errinn

5

Di lawir conchowr re caach  
Ca zoveniyn chon in naglath  
Di wrea beacht nyn skailleith zaa  
Gr teachta la harreith woa

6

Glossis counil nar lag lawe  
Di wrea skailleith din vackein  
Er darve torrinn din leich  
Cayvelir connil laa connleich

7

Ner zoive in leich ra lawyith  
Connil freich forranych  
Cayd dar sloyg di cawleith less  
Aygnyth is bone ri haythris

8

Curreith teachtir canni ni conni  
Woo hardre ayngneith ulleith  
Gow down dalgin zranyth zlyin  
Sen down gaylith ni geill

9

Woyn down sin di loyr linni  
Di zangnowne neyn orginn  
Teggowss gneive nyn serrith sange  
Gow reith feiltyth ny warrinn

10

Dissrych sloyg ullith oynnyth  
Teiggowss kow ni creive roye  
Mak dettin o zoys mir howe  
Nar ettee teacht dor gowir

11

Faddeith or chonchowr riss in gon  
Wayghiss gin teacht dar gowir  
Is connil surrych nyn stead marryth  
In gwrych is keada dor sloygh

12

Deakir zoiss wee ym bred  
A ir churre er charrit  
Ne in raith dole in ayngnyth a lanni  
Si taa lar chawleith connil

13

Na smein gin dole na zye  
A re ni gormlann granole  
A lawe croy gin lagga re nacht  
Smoyner heddyth is a gwreith

14

Cowchullin nyn sann lanni sleim  
Noar a choala turyth connil  
Di zlossa la trane a lawe  
Di wraa skaille dyn wackawe

15

Innis downi er tocht id zailli  
A raig in tow nar ob tegwail  
A liss raa in nawryth zoe  
Fiss tarm ka di zowchiss

16

Dym zaissew er teacht wom hey  
Gin skaili a zinsi zoew  
Da ninsin di neach elli  
Id zraith zinsin dare

17

Corrik rymsith is egin dud  
Na skail ainsyth mir charrit  
Gawsith zi royg a keyv lag  
Ne gail tyigil vin chorrik

18

Ach na wea gne dighow nargenn  
A honchow aw ne herrin  
A lawe zasga in dowss trot  
Mo clow wea in nasge aggit

19

Heymon and dyrchon a chaill  
Ni ta corrik a vanvaill  
Na makan di tor a zwn  
In daltan croye layveith

(1) dh sounds g.

(2) Coilte, the son of Ronan, by tradition was one of the Fingalians, and remarkable for his swiftness.

[TD 10]

20

Cowchullin is corrik croye  
Di wee in lay sen fa zemoye  
A invak di marwe less  
In ter lat chalm coive zlass

21

Innis downni er cove ni glass  
O teith fest for naildeis  
Tarm is di lonni gi lom  
Na terg a zulchin orrin

22

Is me conleich mc nocon  
Ir zleith zown dalgin  
Is me rown dakgis ym bron  
Is tow ag skay di tollwm

23

Vii bleyn di waa ma horri  
Fylwm zasga wom war

Ni classi ler horcher maa  
Waa zessew a vylwum urma

24

Smenis cowchullin vor maik  
A vc ne in draich za chow  
Gur smeine nar wraik feiltyth in ir  
A reyk a chwneith si chateive

26

A arrwm re corp no con  
Di chow is beeg nor skarri  
Re fagsin a cowlwoe a zlyn  
Gasgeith zownyth dalgin

26

Mak sawalti mor a foyme  
Ne low ym broin it ta orrin.

Di.

I. 2. BAS CHIUINLAOICH. <eng>444 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 74. Advocates' Library, April 8, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

THE DEATH OF CONLAOCH.

THE ARGUMENT.

THE following poem is a perfect Tragedy. Conlach, or rather Ciuinlaoch (signifies a mild hero), was a son of Cuchulin, born and brought up by his mother in the Isle of Skye, with whom he mostly resided during his minority. Cuchulin having held the chief command of Conal's army in Ireland during Conlach's minority, prevented his coming to visit his son to Dunscaich so often as he wished. Conlach was disciplined in hunting, eloquence, music, and the art of war, under the tuition of his mother and her friends in Dunscaich during his less age. Before he became a major he turned out to be the bravest hero and the most accomplished warrior in the Hebride Isles. His mother all this time being surprised that Cuchulin took so little notice of his son during his pubilarity, altho' a natural one, indeed her malignity to send him to Ireland in disguise to see his father, sworn not to tell his father or any person whatever who he was or to whom he belonged, but one who could defeat him in a single combat, she not doubting but he would overcome his father, overturn his authority in that nation and supplant himself in his place and become King of Dunscaich in Scotland and Dundalgin in Ireland. The brave and beautiful Conlach set sail with two hands from Dunscaich to Ireland and arrived near the palace of Conal the King, and pitched their tent upon the shore. Fingal and great many of the nobles of Ireland were feasting in Conal's halls at Conlach's arrival. Conal sent sixteen chosen men to Conlach to inquire after his news, and to invite him to his halls, who, upon refusal, encountered him one by one, but were all defeated and bound upon the shore. Dall, who watched the shore, went to Conal and told him how it had happened to his men at the shore;whereupon Conal set off and addressed himself to Conlach surprisingly pretty, requested his news and who he belonged to, which the noble youth durst not discover on account of his oath or promise to his mother. They at last engaged, and Conal is defeated. A scout arrived from Cuchulin, who was stationed at Dundalgin,

with whom intelligence is conveyed back of Conal's defeat. Cuchulin set off in a tremendous career towards the shore where the mighty Conal lay vanquished, to whom he addressed himself with the highest encomiums, and likewise to the brave and beautiful stranger whom he strenuously pressed to disclose his embassage and tell who he was, and what place or people he belonged to, which the brave stranger durst not make known untill defeated. The invincible and intripid Cuchullin unwillingly engaged his only son, who tremelously studied only to defend himself and spare his father. Cuchullin finding himself uncapable to overcome him by arms begun to throw the Gath-bolg or arrows, wherewith the valorous Conlach fell as being not accustomed to. This method of fighting is thought to have been executed by throwing their darts and lances at each other upon the watter, one standing upon each side at a certain distance. But it is more probable it has been shooting the arrows, as being always mentioned under the term of Comhrag. 'Gath-bolg' signifies fighting by arrows.

No story can be more tragical than this of Cuchulin conversing with his son and reflecting his odious and cruel mother, whose avarice and spirit of revenge rendered herself miserable and Cuchulin unhappy by the unfortunate death of their noble, valiant, and beautiful son Conlach.<gai>

BAS CHIUINLAOICH.

1

GUR e so an t-ursgeul fíor,  
'S ann leamsa gu sior is cumhain;  
Ann latha bha sinn gu muirneach,  
A steach air urlar Cuig Ulann.

2

Maille ri Conal an t-sloigh,  
Bha 'n t Oscar og, is Riogh Tuire;  
Is Clann or-bhuigh Riogh na magh,  
Is Clann Riogh Loitheann, is Ruridh.

3

Gun do dh' iucas ann ar dail,  
Gach laoch a b' fhearr bha'n tir Chonail;  
Na Luthaich is laoich na Mithibh,  
Agus Fionn gaolach Mac Cumhail.

4

Dh' iucas iad oirnn o gach taobh,  
Ar maithibh caoin-gheal gun tiorna;  
Gu teach lua'-ghaireach an Riogh,  
Gun easbhuidh air ni ach snighe.

5

Labhair Conal Thonna-gorma,  
Bíodh gairdeach am ghradh a fhlaithibh;  
Seinnibh caithream buaidh gach filidh,  
'S orain bhinne fea' mo Thalla.

6

An fhea' sa raibh fleagh am aros,  
Deanamh abhachd agus iomairt;  
Cuiribh an t slige mum cuairt duinn,  
Bíodh eibhneas air gruaidh gac mithi'.

7

O bhardaibh! seinnibh na duana',  
Cluinnibh an slaugh ar lua'-ghaire;  
Coi'-fhreagradh creugan, is gleantaidh,  
Do choi'-sheirm cheann is chlaraibh.

8

Mar sin duinne subhach, solach,  
Ag eisteachd ceol san teach eibhinn;  
Fea' an lo sin, is na h' oiche,  
Gus na shoillsich madainn ghle-gheal.

9

Chunnaig sinn air bharra chuantaidh,  
Eibheis luath, mar ean air faire;  
Sgoltadh gach tonn mar a dh' eiridh,  
Toirt gu tir nam feara dana.

10

Triuir laoch calma, talmhaidh, treorach,  
'S am folt oir mun guailleann arda;  
Mac samhail cho 'n fhaca 'n iorgail,  
Bha coi-chuimit 'an neart' s an aille.

11

Bha diais diu 'n uigheam Oglaoch,  
'S am fear corr fui' chlogaid stailin;  
Bha cloidheamh ra leis ro an-mhor  
Is sleagh mar chrann luing ra ghairdein.

12

Shuithich iad pubull do 'n toinnte,  
Air carraig luim fui' ar comhnuidh;  
An triuir sin an uigheam catha,  
Bu mhaith gabhail ri h-uchd comhraig.

13

Dh' fhiosraich Conal do'n chle'-armach  
Bu dea-labhrach ann 'sgach co'ail;  
Co reachadh a ghabhail sgeula,  
Do 'n triuir cheutach thainig oirne.

14

Do fhreagair e laoich na Mitheadh,  
'S na Luthaich bu bhinne comhradh;  
Theid sinne dh' fhaghail an sgeula,  
Chonail fheilidh, ma sa deonach?

15

'S deonach leamsa Chlanna curaidh,  
A fhuair urram ann sna blarabh;  
Bha gu h iochdar, feilidh, soghrach,  
Do gach onrachdan nuair b' ànrach.

[TD 11]

16

Ghluais sea-deug dhiu chum na tràdhadh,

Gu muirneach, badhach, faill-labhar;  
'S bheannaich iad do 'n Mhacai' uasol,  
Bha ur-shnuadhar, mar an t-earach.

17

Labhair Beuldearg bu bhim comhra',  
Chuir Conal cro' sinn gu d' fheuchainn;  
Fhir is maille rosg, is aill thu,  
No mhadainn air earr an t-sleibhe.

18

Co thu fein, no cia do dhuthaich,  
No cia 'n Tur an d' fhuair thu t arach;  
Ciod a ghluais thu gu rioghachd Eireann,  
Thair na cuanta', beucach, cair-gheal?

19

Shud dh' iarr Conal oirnne fheoraich,  
'S tu dhol comhla ruinn gu aros;  
A chaitheadh na flea' le uaislean,  
Is a dh' eisdeachd dhuana bha' bhinn.

20

Cho 'n fheud mise idir innseadh,  
Co mi fein no cia mo mhuintir;  
Aih do laoch d' an iul ann spair-meachd,  
Mo dhi-armach, is mo chiumbhreach.

21

Mar a feud tha ogain fhior-ghlain,  
Dhuinne innseadh ach mar labhair  
Air tus chaich do bheiream d' fheuchainn,  
Air tu fein a chur fui' cheangal.

22

Dh' eirich an t-Ogen, is Beuldearg,  
Air a cheile 'n spoirneachd ghābhaidh;  
'S na cara cian taobh na tuinne,  
Leagadh Mac Luthaich fui' shailtean.

23

Chuir e a chaoil fui' n aon rithe,  
An lathair na Mithich threuna;  
'S an croidhe gabhail le ain-teas.  
Gun do cheangladh leis am Beuldearg.

24

Chomhraig iad o fhear gu fear,  
An laoch nach nach roibh meat ann t-eug-bhail;  
Is chuireadh fui' chuibhreach laidir  
Leis an Arman an t-sea deug ud.

25

Daol a bha faire na tuinne,  
Air an eireadh buinnean arda;  
Ghluais e gu lua' dh' ionnsuidh Chonail,  
'S dh' airis e mar so mar tharladh.

26

Tha Mithich nan steuda, meara,

'S na Luthaich is nimhe 'n comhrag;  
Sea-deug dhiu fui' chuibhreach gabhaidh,  
Aig a bhan laoch ud na onrachd.

27

'S mor is measa no bhi mharbh dhoibh,  
Bhi di'-armaicht' aig aon duine;  
Eirich a Chonail chaomh, bhaghaich,  
'S fuasgail air do chairdean uile.

28

Do ghluais Conal, 's cha bu lag lamh,  
Dhol a ghabhail sgeul do 'n Mhacai':  
A thoirt fuasglaidh do 'n bha 'm bruid,  
Gun euradh roi' thruid, no gealtachd.

29

Is bheannaich e gu binn, oscar, r,  
Do dh' Ogan nam bosa calma;  
Teas-ghradh dda do las na chroidhe,  
Ge do bha na Mithich ceansaicht.

30

Fhir mhoir thainig air lear oirnn,  
Las teas am chroidhe le gradh dhuit;  
Tha t fholt mar or no gath greine,  
Loinreadh air na sleibhte lamh-ruinn.

31

Tha do chruth mar ghagan ghleantaibh,  
Ann teas samhraidh fui' bharr aille;  
'Scaol do mhala, 's ciuin do rosgan,  
Mar fhann osnach ghaoith air faire.

32

Mar chrann fui' bhlath tha do ghruaidhean,  
'S fhada buan do shlios a Churaidh;  
Do shuil mar dhealt air magh sleibhe,  
'S deirge do bheul no na sughan.

33

Do dheud mar ur-shneachd air gheugan  
Mar aiteal do 'n ghrein air magh thu,  
Ogain chaoin-ghil nan dual ar-bhuidh,  
'S mor a dh' fhas re, 's math am baile.

34

So dhuit anois bri' mo sgeilse,  
'S maith do ghniomh a threin, 's do ghabhail;  
Ciod a ghluais u o d' theach comhnuidh,  
Mas ann do 'm chonamh, 's mor m' aidhear.

35

Do thainig mise 'n iochd teachdair,  
Dh' fhiosracha' dhiot co do dhaoine;  
Co u fein, no cia do chairdean,  
No cia 'n t-aite 'n d' fhuair u t fhao'lum?

36

Sin a ni nach feudam innseadh,

Ach do neach bheir dhìom e reiginn;  
No 'n innsin e neach sa chala,  
Do dh' fhear a ghabhail, cho 'n eurainn.

37

So Rìogh Ulann, 's Thonna gorma,  
Is aon laoch borbaidh na h-Eeireann;  
No ceill do sgeul ormsa mhilidh,  
Ge mor do ghnìomh ann an t-eug-bhail.

38

Mo sgeula cho 'n fheudar innseadh,  
A chonail na mili' catha,  
Co mi fein o 'n tha fui' gheusan,  
Gus an toir treis dhìom e dh' aindeoin.

39

'S mis is urrainn sin, is feucham,  
Do radh Conal treun, is ghlac e;  
'S mi treas laoch gaisgidh an domhain,  
'S cho d' fhuair coimheach riamh mi glaicte.

40

Thug iad na suinn ceud car calma,  
Taobh na fairg air chadach min-geal;  
Chluint' an sraoinich thair na cnocan,  
Is fathrum an cos bu mhileant.

41

Leagadh Conal leis an treum laoch,  
Chuir gun chreuchd fui' chuibhreach chaich e;  
Rinneadh sud is cha bu chruaidh air,  
Air sgath a chuain ruaidh 's na tràdhadh.

42

Do ghluais teachdaire o Chuchulain,  
A dh' ionnsuidh Chonail ghil ghradhaich;  
Rìogh Ulann, caomh uasal, greadhnach,  
O shean Dun faoilidh nan gaidheal.

43

Sin an Dun a thurladh leinn,  
Do cheart ain-deoin Mor 'n igh 'n Torr-gaill,  
Leis na faoilich, shaoithreach, sheanga,  
Bu nimhneach, meamnach san torr-ghail.

44

Nuair chunnaig Conal an Luthar,  
Labhair e gu ciuin mar b' abhaist;  
Tha mise fui' chuibhreach coimheich,  
Mar nach raibheas riamh ri'm laithe.

45

Toir fios gu Cuchulin uamsa,  
Gus an Dun ud urad aluin;  
Gu Dundalgain grianach geal,  
'Se sean Dun ciatfach nan gaidheal.

46

Mo dhilsein coibhreach am eiginn,

Mo Dhalta treun is trom armaibh;  
Innis dho gu bheil gu' m leireadh,  
Fui' chuibhreach an trein laoich chalma.

47

Do ghluais Luthar nan ceum ea-trom,  
Gu Cuchulin treum na cithe;  
'S dh' airis e mar sin le fuathas,  
Mar tharladh do 'n t slaugh sa chithe.

48

Ta Conal suairce nan steud mear,  
Is sia fir dheug da shluagh cuibhricht';  
A Chuchulin nan arm troma,  
Eirich-cobhair air do mhuintir.

49

'S baoghalach dhamh dol an dail,  
Na laimh leis na cheangladh Conal;  
Maille ra Mhithich, 's na Luthaich,  
'S an-fheilidh, cuthaich an coimheach.

50

No smuaintich gun dol na dhail,  
A laoich nan gorm shile suilbhir;  
A lamh threun gun eagal roi' neach,  
Cuimhnich t Aid, is e ann cuibhreach.

51

Ni 'n cuis duinne bhi fui' mhein,  
Fo nach fuasgladh air ar caraid;  
Fhir mhoir gun laigse nach meat,  
Nach cuimhnich ar t Aid' ann carraid.

[TD 12]

52

An uair a chuala Cu nan cleas,  
An luadh sin air cuibhreach Chonail;  
Ghluais an laoch le neart is danachd,  
A thabhairt sgeula do 'n Choimheach.

53

Ruigh e siar le tartar uamhann,  
'S fuaimneach arm mar spiorad Loda (1);  
Sgaoileadh gioraig is crith chatha,  
Fea' an rathaid gu grad chomhrag.

54

No mar mhiltidh tonn a beucaich,  
Ann stoirm eitidh ri slios carraig;  
B' amhail fuaimneach, arm, 's a luirich,  
'S air a ghnuis bha dullachd catha.

55

Bha cloidheamh liobhaidh a dealradh,  
Toigt' an ard an laimh a churaidh;  
'S na gaoithibh srannar a gluasad,  
A chiabh air snuadh sreothadh buinne.

56

No cnuic air gach taobh dhe' chrithnich,  
Chlisg an t slighe fui' a chosan;  
Las a shuilean dh' at a chroidhe,  
B'an-fheilidh a chith 's choslas.

57

Failte dhuitsa Chonail cheutaich,  
'S iomad ceud a dhiong thu 'n comhrag;  
Ge do tha u 'n diu' fui' cheangal,  
Aon laoch ràthaid gun bhi leointe.

58

Sgaoilte do chliu ann 's gach am,  
Air ceithir randaine an domhain;  
'S measa no bhi marbh a laoich,  
Thu bhi fui' chuibhreach faoin aig coimheach.

59

Tha do ghruaidh mar aiteal sleibhe,  
Do dhreach gu leir mar an cothar;  
Aid uasail an aigneadh fheilidh,  
'S mi nach euradh tigh 'n do d' chabhair.

60

A dhaltain is buirb an comhrag,  
Deis is doghruinneach do natur;  
Duisg do ghaisgedh, faic an laoch so,  
Fiosraich dhe' cia 'n taobh a thainig.

61

Bheamaich Cuchulain do 'n Macaidh,  
Chliuthaich e ghaisgeadh, is aille;  
An gloir bhinn, mar chomhra' filidh,  
'S theasaich a chroidhe le gradh dha.

62

Oganaich a thainig an ceun,  
'S maith do ghniomh, a threun laoich chalma;  
'N tra' chuir u na seachd fir dheuga,  
Fui' chuibhreach, gun chreuchd le arma.

63

Tha aon choi' aille na h-Eireann,  
Air do cheann mar shleibhte baraich;  
'S ciuin, feuta, fearail leam t urladh,  
Tha 'n cliu' san a nasgaidh agad.

64

Tha do chruth san traidh a soillseadh,  
Mar ghealach ri oi'che shaimhe;  
A teachd roi' na neula bailbhe,  
'S amhail do shnuadh sa choill bhlathor.

65

'S e'm adhbharsa theachd an ceun,  
Dh' fhiosrachadh dhiot fein, do chomhnuidh;  
Co thu fein, agus cia t Athair,  
No ceilse ni 's faide oirnne.

66

Geusan thainig leam o'm theach,  
Mo sgeula chumail, os iosal;  
Na 'n airisinn do neach eile,  
'S ann do d' ghnuis arraid a dh' insinn.

67

Comhrag a bheireas tu uait,  
Neo do sgeul mar charaid dhamhsa;  
Gu d' rodhain chighle boga,  
Cho ni dhuit taghadh gu'm chomhrag.

68

Mo gheusan ri tigh 'n air lear,  
Mo sgeula chleith, ach air buadhar;  
No'n insinn e neach thair sàile,  
'Sann do d' ghnuis arraid a luadhain.

69

Do sgeul na t arragaill, O fhir!  
Do radh 'n treun, air chrith fui' luirich;  
Le d gheusan, is t aurra bhreugaich,  
No h eur innseadh, mas beud duinn.

70

Fui' gheusan tha mis' o'm theach,  
Gun do neach mo sgeula airis;  
No 'n insinn e neach gun chomhrag,  
Fear do chomhraidh leam a b aithridh.

71

Comhrag 's fheudar dhuit thoirt uait,  
No gu luath do sgeul thoirt dhamhsa;  
Gu d' rodhain a gheugag bhog,  
Cho chiall duit taghadh gu'm choi' stri.

72

Sin a ni nach feud mis' ailis,  
An deidh gealladh thoirt do 'm Mhathair;  
Co mi fein, no cia mo dhuthaich,  
No cia 'n Tur an d' fhuair mi 'm arach.

73

Comhrag riumsa 's fheudar dhuitsa,  
No fios t' ainm is t aite comhnuidh;  
Gabhs' do rodhain a ghiallan boga,  
'S cho chiall duit taghadh gu 'm chomhrags'.

74

Tri fichid agus cuig ceud,  
Is mile treun, cho bhreug dhamhsa;  
Nach deachaidh slan d 'an teach,  
Da'n d' thug mi comhrag am ònar.

75

Is thug mi deothaidh bu duaileadh,  
Comhrag do 'n fhear lia' Mac Damhain;  
An deidh fir lea' nan arma deas,  
Innis do sgeul agus ailis.

76

Mo sgeula cho 'n fheud mi innseadh,  
Ach do neach bheir dhìom e'n comhrag;  
Na 'n innsin do neach tha 'n Eirinn:  
Do dh' fhear h eugaisge bu deonach.

77

O'n thug u freitich nach innseadh,  
Co do thir, no cia do chomhnuidh;  
Tog bo ghath! Is nochd do ghnìomha,  
Onach eil do d' dhi ach comhrag.

78

Chuaidh iad ann an dail a cheile,  
Na trein bu docair ann comhrag;  
Gach gaoth neartachadh an saothreach,  
Ruillean baotha, beucach, dòbhaidh.

79

Gu cuidreach, cudthromach, beimneach,  
Bha na trein mar thuinn sa bhairich;  
Gan ruagadh le stoirm toirt nuallain,  
Air carraig chruaidh meaghan bàire.

80

B'amhail sin a ghleachd na Suinn so,  
Chluint fuaim an loinn 's gach aite;  
Faileath feuchainn lu'chleas gaisgidh,  
Le minig na chasradh nàmhan.

81

Chuaidh an sgiathan breac a bhlaì'de,  
Chuaidh an cloidheamh gorm a bhearnadh;  
Chuai' an sleaghan fada, liobhaidh,  
A chabadh 'san stri bu ghabhaich.

82

Chuai' a chomhrag nan gath-guainne,  
Gu neo' meinach, 's gu cruai' ghnìomhach;  
'S fhuair a Macan grinn a lot,  
Le Daltan a chatha mhilidh.

83

Thuit e mar ghiusaich san fhasach,  
An t iùran àluinn le fathram;  
Gun fhios, thug a charraig fuaim uaith,  
Chrithich, agus ghluais an talamh.

84

A mhacan a thainig a steach,  
'S ann leamsa rinneadh do chreucadh;  
Is gearr gus an togar do leac,  
No ceil' am feast co u fein duinn.

85

Innis dhamhsa 'nois gulom,  
O na tharladh dhuit am àraich;  
Co u fein, no cia t ainm,  
No cia an taobh as an d' thainig.

86

B' fhurasda dhuit m' aithneacha fein,  
A Cuchulain an t slios aluinn;  
Nuair thilginn ort, gu fiar fann,  
A t sleagh an comhair a h-èara.

87

Gur mi Connlaoch, Mac Cuchulain,  
Oighre dligheach Dun-Dealgainn;  
'S mi 'n run a dh' fhag tu am bruid,  
Ann Danscaich g'am iomsach.

88

Fichead bliadhna dhamh, 's tir shoire,  
A foghlum gaisgidh agus comhrag;  
O! 'sann leatsa thuit do Mhac,  
Do 'n chleas a bha dh' èusbhuidh fho' lum.

<eng>(1) This Spirit of Loda here appears for the first time in a manuscript.<gai>

[TD 13]

89

Mile mallachd aig do Mhathair,  
Gu Dunscaich lann do chealg;  
'Se mhead 'sa bha lochda' inte,  
A dh' fhag t fhuil na linntidh dearg.

90

Ri' gur diombach mise 'm Mhathair,  
Oir si chuir ormsa na geusan;  
'Sa chuir mi a dh' fheuchainn m' fhullaing,  
Riutsa Chuchulain nan cleasan.

91

A Chuchulain chaoimh, chneas-ghil,  
Leis am brisear gach birnn ghàbhaidh;  
Nach feuch thus', is mi gun anam,  
Cia dhiu lamh mum bheil am fainne.

92

Glac an t sleagh fhulangach laidir,  
As mo laimhse laoich gun tioma,  
Glac sin is mo chloidheamh cruadhach,  
Tana cruaidh is sneaghar liobhadh.

93

Glac thusa iad sin maraon,  
Le d' chloidheamh caol righinn, aghor;  
An sgiath chorcair th' air mo dhrim.  
Mo chlogaid cinn, 's mo chrann-àra.

94

'S truagh an aithne rinn u ormsa,  
Athair uasail uaibhrich ghradach;  
Nuair thilginn òrt gu fiar fann,

An t sleagh an comhair a h eara.

95

O na chreachdadh mi 's ann traidh,  
Athair ghraidh, tha bas am chinseal;  
Ulmhaich dhamhsa, leac is uaig,  
Air an tulaich uaine fhior-ghlain.

96

Thuit Cuchulin air a bhlar,  
Gun luth 'n cois no 'n laimh gun chreuchdà;  
Do mheathadh aigheadh le goith,  
Is chaill e chuimhne 'sa cheatfuidh.

97

Bha Cuchulain, a chloidheamh chruidh  
'S ann la sin tiom, truagh, an-eibhinn;  
'Sa Mhac fein air torchairt leis,  
An t shaor shlat chalma, chaomh, cheutach.

98

'S mise Cuchulain nan cleusan  
A chuir na geusan mo laogh uamsa;  
No ceilidh air na fir fheachda,  
Gur h-ann dhamhsa 's deacair truaighe.

99

Gur mi Cuchulain na ceardach,  
Dalta Chonail, àrd-Riogh Ulann;  
No ceilidh air luchd an Tuire,  
Nach mise dh' uraich a mulad.

100

A mharbh mo Mhacan caomh aluin,  
B' fhearr ann gàbhadh du na chunnaig;  
Na' m bithidh mo mhac a lathair,  
Cha bhithinn mar tha co dubhach.

101

Do tha claidh' nean is sgiath Chiuinlaoich,  
Thall air an rùgh, a sior dhealradh;  
Mi g' an caoidh mar seach mar sin,  
Bhi gun chaomh, gun Mhac gun bhrathair.

102

Gur maith do na Loithre buadhach,  
Gur fearr do dh' uaisle na h Alla;  
Gur maith do dh' aon neach air thalamh,  
Nach h iad bu bharant gud mharbhadh.

103

Gur maith do 'n fhear liath Mac Damhain,  
Nach e bu cheannas ri d' mharbhadh;  
Nach e fhuair mar shèud ghointe,  
An sgiath chorcair, is an lann so.

104

'S truagh nach ann an criochaibh, Edailt  
Ann 's na Beuga' no san Isbein;  
No ann an rioghachd na Soracha,

Do thorachaireadh thus a dhilseinn.

105

'S truagh nach ann a Muthann Laithre,  
Nan Laithre nan lanna caola;  
Na 's na Cruachanadh braga bladhar,  
A thuiteadh mo Chiuinlaoch caomhsa.

106

Nan tuiteadh tu ann an Laogam,  
Ann cathan ghaisgeach, is mhilidh;  
Cho ghabhain asad mar eiric,  
Cuig ceud do chlanna Mhic Rioghraidh.

107

Chuala mi, 's fada uaith sin,  
Sgeula bu chosmhuil ri cumha;  
Bhi ga h airis leom gu trom,  
Gun chiall, gun chonn air an tulaich.

108

A Chonnlaoidh ud chaoimh mo charaid,  
Is mairg mi ghearraich do shaoghal;  
Na' m bitheadh tu Chiuinlaoich agam,  
Cho bhithinn a noc am aonar.

109

Na' m bithinn, s mo Chonnlaoch caomh,  
Comhla' 'g iomairt chleusa, calma;  
Bh' eireamaid geill o thuinn gu tuinn,  
Do dh' fhearadh Eireann is Albann.

110

Och is ochain! a Mhic dhileis,  
Mo thuras o Chrìocha Ulann;  
Dholl a chomhrag nan gath-guainne,  
Ochain! gur a cruaidh am fulang.

111

Och agus och! nan och eithre,  
'S truagh mo thuras chum na beinne;  
Faoighe mo Mhic, san dara laimh,  
Agus airm ann 's an laimh eile.

<eng>Kilbrandon, 1st of May, 1785.

That these Poems as they appear in eighty-nine pages preceding this, were transcribed or collected by Mr. Duncan Kennedy, is attested by John Macfarlane, Assistant Minister.

Edinburgh, 28th January, 1806.

This is the manuscript, mentioned as Manuscript 1st in the List of Gaelic Poems; relative letter and certificates to Henry Mac Kenzie, Esq., dated 27th inst., and this day certified by me, and given in to the Highland Society of Scotland.

DUNCAN KENNEDY.<gai>

M. 2. MARBHADH CHONLAOICH LE CUTHULLIN, ATHAIR FEIN. <eng>120 lines.<gai>

NUAIR chaidh Cuth-ullin do dh' Eirinn, dh' fhag e a bhean, d' an gair cuid Aoife, an Dun-scàthaich san Eilein Sciathanach, torrach air Connlaoch. Nuair thainig a mac gu foirfeachd, chuir i dhionnsaidh athar e: ach chuir i foi gheasabh e, nach innseadh e re bliana co e. Ann lorg so a dhiultadh, bhuaill athair e leis a Ghath-bhulga, no bhuilg, a dh' ionnsuich Aoife dha fein, ach a dhearmaid i ionnsachadh do Chonnlaoch, agus leis ambu ghna leo comhrag ann uisge. Deirir gu 'n tilgeadh Connlaoch na gathan air athair ann coinne an earra, ach nach do thuig se e, agus mar sin gu 'n do mharbh e a mhac fein.

1

CHUALAS air fada o shean,  
Soi-sceul a bhuineadh re m' chuimhne,  
La bhi mi gu tuirseach trom  
Air an taobhsa dh' Innse-roghuill.

2

Clanna Ruraibh na 'm breath mall,  
O thigh (1) Chonchair 's o thigh Chonuill,  
Le 'n ur chlainn oig air na maghaibh,  
'S iad air urlar Chuige Ulunn.

3

Na 'm b' e 's gu 'n d'thigeadh 'nar ceann  
Fior laoch Ula, s' nior bhreath theann,  
Gar an' tigeadh oirn a aon bhall eile  
Thoirt diombuaidh do Chlanna ruraibh. (2)

4

Tigidh chugainn am borb fhraoch  
Ancuraidh crothanta Connlaoch,  
Do fhios na 'm fear gradhach grinn,  
O Dhun-scathaich gu h Eirinn.

5

Labhair Conchair re cach,  
Co gheabh sinn chum an og-laoich,  
A thoirt beachd no sgeula dh'e,  
'S gu 'n teachd le h àra uaidhe?

6

Ghluais Conull nach lag lamh,  
Do ghabhail sceula d' an ogan,  
Mar dhearbhadh air toradh an laoich  
Cheangladh Conull le Connlaoch.

7

Greasar chugainn ar fir laoch'or  
Gu Connlaoch fraoch'or furanach:  
Ceud d' ar sluagh a cheangladh leis;  
'S iongna sin 's is buan r'a innseadh.

(1) Thaobh.

(2) Chlannaibh-Rurudh.

[TD 14]

8

Chuidh teachdaireachd gu ceann na 'n conn  
O Ard Righ iongnaidh Uluinn,  
Gu Dun-dealgunn grianach glan,  
Seann Dun ciallach na 'n Gaidheal.

9

An Dun sin a leaghar libh,  
O Mhai aon nighean Ni Mhorguill,  
Gu 'n deach gnìomh saor na 'n steud mear  
Gu Righ failteach na 'm fear.

10

Do fhios na h Ula uaine  
Tigidh Cuth na Craobh-ruaidhe,  
Mac deud-gheal is gruaidh mar shugh  
Nach d' eitich teachd 'nar comhair.

11

Labhair Conchair ris a Choin,  
'S fhada bha thu gan teachd d' ar feachainn  
Is Conull suireach na 'n steud mear  
Ann cuibhreach uainn is ceud d'ar sluaghaibh.

12

'S oil leinn am bith uainn am bruid,  
Na fir a chabhradh air an cairdibh;  
Aich ni 'n reidh dhol a shineadh lann  
Ris an ti leis 'n do cheangladh Conull.

13

Na smuainich gan dol na choinne,  
Lamh na 'n geur arm graine'il,  
Lamh nach lágadh roimh neach  
Cuimhnich t Oide is e 'n cuibhreach.

14

Cuth-Ullin an lamh nach sliom, (3)  
Re cuimhneach air cuibhreach Chonuill,  
Ghluais e le treine a lann,  
Ghabhail sceula d' an ogan.

15

Innis duinne, re teachd a d' dhail,  
Labhair an Cuth 's nior ghabh teagmhail,  
O shlios Righ an abhraid duinn,  
Fios do shlainne, 's cia do dhuthaich.

16

Geasan orm air teachd o 'm theach,  
Gu 'n sceula thabhairt do dh' aoidhe,  
Na 'n tugadh do dh' aon neach eile,  
Do d' dhreachsa bheireath gu h araidh.

17

Comhrag is eigin duit,  
No sceula thabhairt mar charaid;  
Gabh do roghainn a chiabh bog,  
Cha chiall toghaidh dhuit ga m' chomhrag.

18

Chum a chomhraig mar bu treun  
Chaidh an Cuth 's a mhac fein:  
A mhac fein gu 'n d' fhuair a ghuin,  
Le daltanaibh cruaidhe cath-bheura.

19

Innis duinn, ars Cuth na 'n cleas,  
O tharladh tu chaoidh' foi m' ailleas  
Fios t' ainm no do shlainne gu lom,  
'S na triall dol ga fholach uainn.

20

'S measa na sin mar thachair dhuit,  
Aon Choin uir agh-mhoir,  
A ghaisgich aird air thus truid;  
Truaidh mo lus a bhith agad an-asgaidh.

21

Mise Connloch Mac a Choin,  
Oighre dligheach Duin-tigh-dealgunn,  
An Run a dh' fhag thu 'm broinn gu 'n fhios,  
Ann Dun-scàthaich ga m' fhoglam.

22

Seachd bliana san tir sin  
Ag foghlam gaisge o m' mhathair,  
An cleas leis 'n do thorchradh mi  
Bu dheas damh fhoghlam uaidhe.

23

Thoir thusa leat mo shleagh  
Agus buain an sciath so diom-sa,  
'S thoir leat mo chloidheamh cruadhach,  
Lann fhuair mi air a liomhadh.

24

Thoir mo mhallachd gu mo mhathair,  
O 's i chairich mi foi gheasaibh,  
Is chuir mi an lathair m' fhuluing,  
Cuth-ullin, b' ann le do chleasaibh.

25

Cuth-ullin chaoimh chrios-ghil,  
Leis am brisear gach bearn ghaibh, (4)  
Nach amhairc thu is mi gun aithne,  
Cia meur mu 'm bheil am faine.

26

'S olc a thuigeadh tusa uamsa,  
Athair uailse ain-meinich, (5)  
Gur mi thilgeadh gu fann fiar,  
An t sleagh coinne a h earlain.

27

Nuair chunnairc an Cuth air dol eug  
A mhac air call a choi-bheum,  
Air smuainteach air failte an fhir,  
Chaill e a chuimhne 's a cheutfaidh.

28

Cuth-Ullin ge b' ard a chail,  
Gu 'n d' islich sud triall da onoir,  
A mhac fein a thorchradh leis  
An t saor-shlat choranta choi-dheis.

29

Na 'm mairthinns' is Connlaoch slan,  
Ag iomairt air chleas ann comhlan,  
Chuireadhmaid cath formadach treun  
Air fearaibh Alba agus Eirinn.

30

Dh'iath umam ceud cumha,  
Mi bhi dubhach ni h iongnadh,  
O m' chomhrag re m' aon mhac,  
Mo chreuchda a nocht is ioma.

N. 1. TEACHT CONNLAOICH GO HEIRINN.

<eng>Miss Brooke's Irish version of this lay will be found at page 265 of the originals of the Heroic Poems. 1789. Dublin. For lack of Irish type and space, I omit this version. 184 lines.<gai>

O. 10. BAS CHONLAOCH. <eng>112 lines.

Dr. Irvine's MS., page 49. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 22, 1872.

This oral version, collected in the Central Highlands, clearly is the same ballad as A. M. N. O.; but in a different state of preservation. It is printed to show how a ballad, orally preserved, alters to suit the language of the reciter, and the geography of his district.<gai>

1

CHUALA 's cha 'n fhada o sin,  
Sgeul a dhuinne le comha;  
Cha 'n athraisear leam ach trom,  
An ti a Shaor sinn fhin a thoirrara.

2

Clanna Ruro nam breth mall, (cal cam),  
O thir Chonchair gu tir Chonnuill;  
Le 'n ur clann aig Righ na Magh,  
Is iad air Urlar Chuigullin.

3

Nam b' e gu 'n tigeadh nar dail,  
Fir Ullinn Laoich marbhaidh ard, cal-merbhi,  
Teachd a dh' aindeoin air an taobh eile,  
Mar dhìom buaidh ri Clanna Ruro.

4

Nan tigeadh oirnn am borb laoch,  
An curuidh calma Conlaoich;  
A dh' fhios gach modh a ghnathuich leinn,  
O Dhun sgathaich gu Eirin.

5

Gu 'n labhair Conchar ri cach,  
Co chuireadh sibh an dail an Ogan;  
A ghabhail beachd mo sgeul dheth,  
G'an tighin le eura uath.

6

Ghluais Cormull, cha lag lamh,  
A ghabhail sgeul dhe 'n mhacan;  
Ge b' ann a thoireadh nan Laoch,  
Cheangla Connull le Conlaoch.

7

Beir fios gus gach Laoch mear lan,  
An coinneamh gach fraoch fear furain;  
Ceud g'ar sloigh cheangladh leis,  
B' ioghnadh sid, bu mhor ri aithris.

8

Teachdaireachd air cheann nan con,  
Gu ard Rìgh Aonach Ullin;  
Gu Dun grianach dealgach glan  
Leann tnr ceallach nan Gael.

9

An Dun sin a bhuidhicheadh leibh,  
A dh' aindeoin air Nian Thoirgi;  
Air gnìomh saor nan steud each seang,  
Bh' aig rìgh faoilteach nan fearran.

(3) Tiom.

(4) Chaith.

(5) Anmainich.

[TD 15]

10

Gu 'm b' aill leinn a bhi fo bhraidibh,  
Fo 'n ti a dh' fhuasgladh air a charaid;  
Cha reith dol an tionsgladh lann,  
Leis an fhear a cheangladh Connull.

11

Na smaonaich gu 'n dol 'na dhail,  
A laoch nan gorm shuilean tla;  
A lamh threun gun eagal ro neach.

12

Cuimhnich air h-oide 'se cuibhreach,  
Nis o 'n thainig mi 'nad Dhail;  
Mar bha laoch na h ol an teughail,  
A shlios redh an earra bhain.

13

Co thu fein no co do rioghachd?  
Tha Geasan ormsa o m' theach,  
Gu 'n sgeul a thoirt g dh' aon neach,  
Nan tugainn do neach fo 'n ghrein,  
B' ann do d' dhreachsa araidh.

14

Comhrag 's eigin duit thoirt uath,  
No sgeula innseadh mar charaid;  
Gabh do roghainn a chiabh bhog,  
Cha chiall duit tagha gum' chomhrag.

15

Ghluais na laoich an dail a cheile,  
Bu tearc torra na lan meine;  
A mhac fein thorcha leis,  
An Ealtuinn chruaidh chathara.

16

A mhic gabh thairis do sgeul,  
O 'n tharladh ort fein mo dhioma;  
'S gearr gus an togar a leachd,  
Na ceil a nis do thiomna.

17

Buin thusa leat mo sheagh,  
Is thoirear an sgeul sin uamsa;  
Tog leat mo chlaidheamh crotach,  
Lamh threun a shil air a liomha.

18

A Chuchullin, a chrìosain chruinn ghil,  
Leis am bristeadh gach beum gabhaidh;  
Nach amhairc thu s mi g' an aithne,  
Co am meur ma'm bheil am faine?

19

'S olc thuigeadh tusa uamsa,  
Athair Uasail anmeine;  
Mi thilgeadh gu fiar fann,  
An t-sleagh an comhar a h-earlinn.

20

'S mise Conlaoch Mac nan Con,  
Oighre dligheach Dhundealgain;  
An ruin dh' fhag thu na broinn,  
'S mi 'n Dun sgathach gam fhoghuim.

21

Seachd bliadhna dhomh an Duntuilm,  
Ag Foghlum gaisge o mhathair;  
An cleas leis na thorcha mi,  
'S mi fo gheasaibh a dh' fhoghuimin uaithe.

22

Beir mo mhallachd fein do m' mhathair,  
O 'n 'si charaich mi fo gheasaibh;  
O 'n 'si chuir mi 'n lathair m' fhulang,  
A Chuchullin, b' ann fo d' chleasaibh.

23

Anam 's cridhe na Con  
G'a bhron cha mhor nach do sgar;  
An t-oglach ciallach glan,  
An gaisgeach ur a' Dundalgainn.

24

Conlaoch caomh mo charaidsa,  
'S mairg mi a ghiorraich a shaoghal;  
Nann bitheadh Conlaoch agamsa,  
Cha bhithinn an nochd a' m' aonar.

25

Nam bithinnse is Conlaoch caomh,  
Ag iomairt chleas air aon taobh;  
Chuireamaid gu tarabeartach treun,  
Air fearaibh Alb is Eirin.

26

'S mise leannan na craobh ruaidhe,  
Leannan Ioghna 's Ullin;  
Innis a luchd mantra,  
Gur mise Cuchullin.

27

Chuchullin a chridhe chruaidh,  
Gu bheul an nochd fo dhiombuaidh;  
Bhi faicinn a Mhic ga chleth cal gadhi,  
Gun chaill e cheut 's chuimsa.

28

Togamaid leinn airm an fhir,  
Claidhé 's giath Chonlaoich ghil;  
Bheir sinn treis ga chaoidh mar sin,  
Mar bhean gun Mhac gun bhrathair.

<eng>\* Wrote this poem from the recitation of John Macdonald of Dalchosnie, Bunrannoch, who learned it sixty years ago and more from Donald Stuart, alias Donald ruadh, Mac Aonais ruaidh, resident at Jempar, Dalchosnie. March 6, 1804.—A. IRVINE.<gai>

V. 2. DAN A'CHONLAOICH. <eng>144 lines.

Mac Callum, page 144.

This book can easily be referred to. The first ballad continues to be the same, but some variation has taken place in every line. The following is the Argument which contains the story:—<gai>

ROIMH-RADH.

THA eachdraidh Chuchulin no charbad a'toirt dearbhadh dhuinn gu 'n robh e na fhear-cogaidh curanta, crodha, calma, treun. Bha mac aige ri leannan a bh' aig' ann an Alba do 'm b' ainm Aoife. Thug a mhathair Conlaoch mar ainm air. Gheall Cuchulin, do Aoife, air dha bhith na Ardcheann-feadhna air armailte na h-Eirinn, gu 'm pilleadh e dh' Alba aig am araidh, agus gu 'm biodh Aoife mar mhnaoi aige. Ach cha do phill e. 'Nuair a thainig Conlaoch gu h-aois, chaidh fearas-ghaisge fhoghlam dha ann an Dun-sgathaich 'san Eilean-Scitheanach an t-ait' a b' ainmeil san am sin air son foghlum a thoirt seachad do threun-laoich anns gach cluich rioghail a dheanadh feumail iad ann an la a' bhlaire. Fhuair Aoife air fhoghlam d' a mac gach lu-chleas a b' fhiosrach i a bha aig Cuchulin, Athair, ach aon chleas, d' am b' ainm an gath-bolg. Bu tric le gaisgich san am sin an

gath-bolg a chleachdadh 'nuair a bhiodh iad a gleachd le saighdibh ann an uisge. 'Nuair a bha Conlaoch air tighinn gu lan spionnadh, chuir a mhathair fo bhoidean e, gu 'n rachadh e do Eirinn, nach innseadh e co e fein, agus gu 'n dthugadh e athair ceangailte leis do Alba. Bha fios aig Aoife gu 'm marbhadh Cuchulin a mhac leis a' ghath-bholg; agus rinn i so mar dhioghaltas-airson a mhealladh-dochais a rinn e oirre. Dh' fhalbh Conlaoch do Eirinn: chaidh e 'n toiseach far an robh Conull; cheangail e Conul, oide Chuchulin. Chuir Conull fios gu Cuchulin gu 'n robh e ceangailte. Thainig esan a sgaoileadh chuibhrichean 'Oide; agus an uair a dhiult Conlaoch innse co e, ghleachd athair ris, agus mharbh e a mhac fein.

<eng>6.-THE HEADS. A. I. V. Z.

THIS ballad is supposed to tell part of the Story of the Tain, which is in the Book of Leinster, and is about to be published by Mr. Standish H. O'Grady. The oldest Scotch version known to me is given below. A. 3. A version is in B, but I have not yet got a copy of that manuscript. (May 31.)

I. Kennedy's unpublished MS. version begins with 13 verses, of which I have no other version. The rest of the 47 verses correspond to A. They are not copies from any common written original. They are both imperfect oral recitations of the same ballad. The two fused and translated make a longer and better version. The story is known in Irish manuscripts as 'The Bloody Havoc of Connal.' In revenge for the slaying of Cuchullin, his comrade, he takes many heads. These he brings to Eamhir, Cuchullin's love. She questions, and he answers.

V. 3. Mac Callum, p. 132, tells part of the story in his argument, and gives 60 lines of the same ballad, orally collected early in this century. These three versions show how this ballad has altered since 1512, and how it has been orally preserved. Z. Fragments are orally preserved. They are not all worth printing, but they will be considered in translating.<gai>

NO KINN.

A. 3. A HOUDIR SO CONNIL CARNYCH M'EDDIRSCHOL. <eng>96 lines.<gai>

1  
A chonnil cha salve no kinn  
Devin lum gyr zergkis tiern  
No kinn di chw er a zad  
Slontir lat no fir foe fyve

2  
A neyn orgil nyn nach  
A evir oik ne bree binn  
Sanna in nerik chon ni gless  
Hugis loym in ness no kinn

[TD 16]

3  
Ka in kenn mallych zow mor  
Dergyth nayn ross a zroy glan  
Is sa is gir zin le clea

A kenn deive ne raa dait

4

Kenn ree mee nyn nach loait  
Arse m'carbren nyn goith camm  
In nerik mo zaltan fen  
Hugis lwm in gayn a kenn

5

Kai in kenn oid er mye haale  
Go volt fand gi malle sleime  
Rosk mir erre dait mir vlait  
Alda no cach crwth a kinn

6

Manne boe fir nyn nach  
Makmeyf zi zrach gyth coyn  
Dagis a chollin gyn kenna  
Is di hwt wlle lum a loye

7

Ka in ken so zawis tow id laive  
A chonnil vor ne bae linn  
O nach marrin kow nin gless  
Keid verre how er less a kinn

8

Kan v'erris nyn nacht  
Verreyth a ceith gyth gurt  
Mac mo fayr in tur hang  
Di skarris a khenn ra chwrp

9

Ka in kenn od hear in nolt inn  
Da greddyth no kinn go laiv  
Hurris annith er a zow  
Gyn roveddir sal da rar

10

Sess a sowd di hwt in kow  
Di rad a chorp fa wrow dass  
Cow mac conna re nyn rann  
Hugis lam a kenn ter aiss

11

Ka in da ken so is fadde mach  
A chonnil vor a vraa byig vinn  
Er zraigh tenne na kel orn  
Anym no ver a zon ne herm

12

Kenn leyirre is clar cwlte  
In da kenn di hut lem zonna  
Di zon swt cowchullin charn  
Swm zergis merm na wulle

13

Kai in da kenn so is fadde sorre  
A chonnil vor gi gal znee  
Ennyn dae er volt ni verr

Derk in groye na ful leych

14

Cwllin bray is cwnlit croye  
Deiss di verre boye lai ferk  
A evyr seid sor a kinna  
Dagis a gwrp fa linna derk

15

Ka ne vi kinn so solk maine  
De chewe feyn er mye hoyth  
Gwrn in nye dwe a volt  
O hilla rosg connil croye

16

Sessir eascardin a chow  
Chlann challidtein a mwe znaie  
Is said sud in sessir leyve  
A hut lwm sin nerm no laive

17

A chonnil vor aithr ree  
Kayn in ken od da gallith catht  
Gin or fai treilse wa keyand  
Gyn codyth slem ghardyth vart

18

Kenna v'finn v'rosse roye  
V'necnee hor bas lam nert  
A evir is se so a cheud  
Ardree layyn nyn land brak

19

A chonnil vor mugh a skail  
Creid a hut lad laive gin locht  
Din tloe eignyth a veil sin  
A deiltiss kinn na con

20

Deachnor is seacht fychid kead  
Derym peyn is awyr sloe  
Di hut lomsa drwme er zrum  
Di neve mo cwlk cunlaa rag

21

A chonnil kynis taidda mnae  
Inssefail dessne ni con  
Cowf v'hawalt haye  
Na veil agga fein ar for

22

A evir keid di zarna mai  
Gyn mo kowe ym rer san socht  
Gyn mo zaltan fa mhaa crow  
A dol voym a mugh so n . . .

23

A chonnil tok me sa vert  
Tok mo lacht oss lacht no con  
Os da chowe rachfen ayk

Cwr mo vail re bail no con

24

Is mai evyr is keyn dalve  
Ne feine sarve daylta zoive  
Di zerr no cha nul mo spess  
Troe murreich er eiss a chon.

A chonnil.

<eng>I. 2. CONAL REVENGING THE DEATH OF CUCHULIN. 188 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 66. Advocates' Library, April 6, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

It is made known by Mr. Mac Pherson, in publication of the Death of C.

(The rest of page 66 is torn out, M. McP.)

-parts and passeth all between Conal and his wife. The first is addressed to Conal by his wife at his arrival, wherein she mildly reflects upon his long absence in Togorma, &c., and a short account of the Battle to Conal's wife, who soon thereafter died, and desired to be interred with her son Cuchulin.<gai>

CONAL.

I. EARRANN.

1

A CHONAIL chaoimh nan arma geura,  
'Se mo leir a mhaille bha;  
Ort ann Eilein nan sruth dian,  
'S Cuchulain mo chiall sa bhlàr.

2

Thainig Torlamh fuileach fiat,  
Mar dhubh nial o 'n airde near;  
Le saighde corranach dlu,  
'Saighead chuil a rinn a nimh.

3

Saighead almhuidh, eitidh, chraidh,  
Saighead a bhais a bha ann;  
A leag gu h-iosal san uir,  
Mo Chuchulain, run nan lann.

4

Feinnidh fearr-bhuilleach nan ruag,  
Mar osag air cuan nan tonn;  
Bha do shiubhal, meamnach mear,  
B' iomad lear na chlaoi' thu sonn.

5

Tha mo dheoir le dealt na h oi'ch,  
Snithe bhroin a' caoidh an laoich;  
'S mo thuireadh ri teachd an la,  
O mhic mo ghraidh! A mhic mo ghaoil

6

A ghaisgich threin nan iomad buaidh,  
'S cian a ghluais do chliu' san stri;  
Dunscaich na cheathach broin,  
Bhi gun chruit, gun cheol, gun Riogh.

7

'S trom m' aigheadh, 's is lag mo chail,  
'S truime maran no muir sgith;  
Cuin a Chonail thig an la,  
Thig chugam mo ghradh aris.

8

Ionmhuinn àbharach nan leug,  
Thuit an treun, ach thuit gu mor;  
An comhrag nan cathan ceud,  
Lamh bu treine do gach sloigh.

9

O near mar ghrian bha do ghàire,  
Ann am aros measg na milidh;  
Do ghuth mar eigheach creag Ullann,  
'S gach cumasg gun coisgte stri leat.

10

A measg nan triath bha e cosgairt,  
An laoch bu docaire ri teirbirt;  
Builleann cudramach gam bearnadh,  
Mar fhrois o 'n abhar san leirg e.

11

Chi mi t-arma troma liobhaidh,  
Tana direach, math san fhulang;  
Chi mi do sgiath bhreac mar chomhla,  
'S do luireach loinreach nan ulag.

[TD 17]

12

Chi im do chlogaide cruadhach,  
A laoich uaibhrich ann san iomairt;  
Mar charraig thu measg na màmhan  
Carraig laidir dh' fhas gun tioma.

13

A bhean thursach, shnithich, dheurach,  
Eist do d' leire-chreach-'s do d' chumha;  
Bas an armain tha ri dhioladh,  
'S tha na miltidh dh 'a gu fulang.

II. EARRANN.

14

A Chonail sealbhaich dhuinn na cinn,  
'S deimhinn leam gun dhearg thu t-airm;  
Na cinn a chi mi air a ghad,  
Slointear leat air fad am faoigh.

15

Ionmhuinn shoirbheartach nan each,  
Ainnir og na breithe binn;  
An eiric Cuchulain nan cleas,  
Thug mi leam o dheas na cinn.

16

Co e' n ceann sliom, maileach donn mor,  
Is deirge no 'n ros a ghruaidh ghlan;  
Sin is fhaisge do d' thaobh cli,  
Ceann an Riogh is or-bhuidh dath?

17

Ainnir fhabharrach nan clearc,  
Mac Maibhe le' n creachta gach cuan;  
Mo chomraic se sud a cheann,  
'S gur h ann leam a thuit a shluagh.

18

Co e' n ceann ud a chi' eam thall,  
'S fholt nach gann mar channach sliom;  
A rosg mar fheur 's a dheud mar bhlath,  
'S gile no cach cro' a chinn.

19

Leis a sud do thuit ar Rùn,  
Dh' fhagas a chorp na chluidh thais;  
Luthach Mac Chuinn Riogh nan lann  
Thugas leam a cheann air ais.

20

Co e' n ceann ud do chi' eam uam,  
Do bha ghruaidh air dath an ros;  
Gur guirme no 'm feur a rosg,  
'S buidh fholt air dhath an oir.

21

Ceann Mhic Luthaich a Rois-ruaidh,  
Mac na h-uaisle thuit le 'm neart;  
Mo chomraic 'se sud a cheann,  
Ard Riogh Loitheann nan lann breac.

22

A Chonail mhoir le 'n aidhear Riogh,  
Co 'n ceann eil air dhiol chaich;  
'S an t òr air dhrisinnibh a chinn,  
Gu finn-bhuidh sliom mar airgead ban.

23

Ceann Biogh Maitheann nan each luath,  
Mac Fearra-bheum nan dual cam;  
An eiric mo Dhaltain fein,  
Thugas leam an cein a cheann.

24

Co e 'n ceann a thogadh tu d' dhornn  
A Chonail mhoir, 's ni 'n aithreach leinn;  
O nach maithreann Cu nan cleas,  
Co bhiodh tu air leas a chinn?

25

Ceann Mhic Fheardhais nan each,  
Muireach dheanadh creach is lot;  
Mac mo pheathar o 'n Tur sheang,  
Gun do sgaras a chean o chorp.

26

Cha mhor an onoir mhic Rìogh,  
Imeachar gu min air fholt;  
'S mi nach marbhadh e gu brath,  
Mar biodh e mu bhas a Choin.

27

Co 'n da cheann sin air do laimh hheis,  
A Chonail mhoir nan cleasan aigh;  
An t-aon dath tha air fholt nam fear,  
O 's mairg bean g 'am bheil am bàidh.

28

Ceann Mhanuis is Shuimhne mhoir,  
'Se mo dhoidh gur iad a h-ann;  
Aca fhuaras ceann a Choin,  
Air magh Teamhra nan sgor seimh.

29

Co 'n da cheann is faide uam,  
A Chonail nan cruai' lann geur;  
'S guirme 'n suil no 'n dearc air magh,  
'S gile no blath fiodh am bein!

30

Carlla agus Cathull cruaidh,  
Diais a bheireadh buaidh le feirg;  
Thugas leam an cinn mar luin,  
'S dh' fhagas an cuirp fui' Ghleann-deirg.

31

Co na sia cinn air dhroch gré,  
Chi mi dhiot an taobh mu thuath;  
'S gorm an aghaidh, chlaon an ruisg,  
'S dubh am fuilt a Chonail chruaidh.

32

Seisear bhraithrean do chi' eam ann,  
Tha iad marbh, 's an clab ri gaoith;  
Clann Chuilgeadan luchd nan cleas,  
Dream nach raibh air leas mo ghaoil.

33

Co na cinn is caime dual;  
Fainneach, cuachach, mar shnuagh greinn;  
A' dearladh ri madainn chiuin,  
'S mairg da 'n rùn na h-armainn threun.

34

Triuir Mac Torlamh bu bhorb, baoth,  
'S iad na laoich a chaoichail gnuis;  
Bu neo'-meineach iad sa chath,  
Do Dhaltan nan glac geal ur.

35

Co 'n da cheann is faid o' d' chli,  
A Chonail mhìn na meall shuilean;  
'S fad an leac is deirg nan t-suth,  
'S dubh am fuilt, mar shneachd an deud.

36

Da Mhac Riogh Lochlan nan ruag,  
D' an ainm Manus is Lua'-lamh;  
Tharladh doibh a bhi sa chàth,  
An adhaidh mo Dhaltan graidh.

37

Co 'n ceann sin air dhath an Loin,  
'S geal a bhos, is dubh a shuil;  
Tha chruth mar bhlathan an fhraoich,  
No 'n gagan air mhaolan ùr.

38

Riogh Muthann nan ceuda tiugh,  
B' ard a ghuth san iomar-bhàigh:  
A comhrag dealain mo rùin,  
Dh' fhagas a chorp na chloidh thlath.

39

A Chonail mhoir, 's maith do sgeul,  
Cia-mead a thuit le d' bheum san trod;  
Do chlanna Maithibh is Riogh,  
Ann 'san stri bu mhor a lot.

40

Ceann thair fichead agus ceud.  
Gun aireamh air creuhd no air goidh;  
Do cheanna Maithibh is Riogh,  
Thuit sud leam an ìochd a Choin.

41

Thuit an iomar-bhaigh nan laoch,  
Caogad agus fichead ceud;  
Thuit do dh' fhiantidh Thonnagorm,  
Tri ceud bort, 's bu mhor am beud.

42

A Chonail chul-fhionn nan Tur ard,  
'S mor an t àr, 's is modha 'n gnìomh;  
A laoich Churanta nam buadh,  
'S mor an sluagh a dh' fhag thu shios.

43

Mar lithe nam beann gu traidh,  
Dhoirt thu ann san araich fuil;  
Mar iolair a measg nan ean,  
Dh' fhogair thu gach treimh a bun.

44

Ann cath ceatharnail a chraidh,  
Bha do lamh ag deanamh èuchd;  
Mar aiteal teinne nam beann,  
Bha do lann a cosgairt threun.

45

A laoich fhuileachdaich san toir,  
'S mor a leon thu do na Mic;  
Ochoin! mise teirbirt dheur,  
'S Cuchulain nan creuchd fui' lic.

46

Cha dean mi mire san Tur,  
Dh' fholbh mo mhuirne, 's mo cheol-gair;  
Mar ghrian an cogall nan neul,  
Dhubh mo ghné, mo chruth, 's mo chail.

47

A Chonail chaoimh tog mo leac,  
Mu 'n sgarar m' anam o 'm chorp;  
Oir sgearr gus an racham èug,  
'S cuir mo bheul ri bèul a Choin.

[TD 18]

V. 3. LAOIDH NAN CEANN. <eng>60 lines.

Mac Callum, page 132.

This book can easily be got. The versions already given suffice to show how the ballad existed in the Highlands.

The following are references to Manuscripts which contain parts of the Story of Cuchullin:—

1. A Manuscript, attributed to the end of the 8th century, described p. 285, Report on Ossian, 1805, Vellum. Marked V. o. A. No. 1. The place of this MS. is known, but it cannot be got at. There is no complete transcript. It contains a copy of 'The Tain,' and a critical exposition of it. A moral and religious poem, and 'some short historical anecdotes.' From the facsimile, p. 293, these relate to 'Fint uao baoiscne' and his son, whom English readers know as 'Fingal and Ossian.'

Trinity College, Dublin. (H. 1. 13. Hugh O'Daly, 1746, 195, a copy of 'The Tain,' p. 342. Birth of Cuchullin, 349. Exploits of Oileal and Meave, King and Queen of Connacht—.) (H. 1. 14, same scribe, 1750, another copy of 'The Tain.') (Book of Leinster, 1130, pp. 41 to 80 contain 'the Tain bo Cuailgne.' Also 'the Manifestation of the Tain,' and a list of prefatory stories. Hennessy's list, Dec. 9, 1871). (Leabhur na h uidhre,' published, written about 1100). (H. 1. 13. The bloody Havoc of Connall Kearnach.) (H. 2. 6. Historical tale, Aoidheadh fir diadh, written about 1716. Part of 'the Tain.') (H. 2. 17. Breisleach Mhòr mhuighe Muirtheimne, in which Cuchullin was killed.) Royal Irish Academy. (23. c. 26. 'Luidh nan Ceann.' 'The Heads' in a paper MS. written about 1716, (under the name 'Conlaoch,' are 15 entries in the R.I.A. Catalogue.) (A curious story about the ghost of Cuchulaid's Car is in the Book of the Dun Cow, p. 113. The warrior returns to earth in the days of St. Patrick. He describes his condition in the other world, and tells his earthly story in 96 verses for the conversion of King Loegaire, who flourished A. D. 432.) (H. 2. 16, Book of Leacan, col. 955, Aighead én fir mic? aifi. Conlaoch's story.) (H. 3. 17 col. 842, a short abstract of the Historical tale of Cuchullin and his son Conlaoch.) The Atalantis, vol. i. 1858, contains a paper by O'Curry. CUCHULLAINN was a Prince of Ulster, inheritor of Cuailgne and Muirthemne, between Drogheda and Dundalk, now Lowth. He was a hero of the 'Royal Branch' (? The Red

Branch, or the russet tree). Conchubair Mac Nessa, king of Mucha, was the most distinguished king of Emania, and cotemporary with our Saviour. His chief 'knights' were, Fergus Mac Roigh; Conall Cearnach; Fergus Mac Leite; Curroi Mac Daire; and Cuchullainn mac Solte, the youngest and the best. Eimer was daughter of Forgall Monach, who lived near Dublin, at Lusk. She was Cuchullin's wife.

Vol. II. p. 98, the story of 'the sick bed of Cuchullin' is finished. This is a very wild and curious story, which I have not found in Scotland, unless A. 1. is part of it in verse. When Cuchullainn was angry, he drew one of his eyes back so far that a heron could not reach it. The other he thrust out so that it grew as large as a heifer's cauldron. This is now told of 'Goll,' &c. in Scotland, p. 326. vol. III. Y.

In this story are Labhar Cam and Mananan Mac Lir. (Pp. 6159. The Atalantis, London, 1858-60, Brit' Mu'). The Catalogue of Irish MSS. British Museum, and other authorities are referred to elsewhere in the Introduction. The Story of Cuchullin is built on Irish history; it pervades Irish literature from A. D. 1130, and pervades all Gaelic Scotland now.<gai>

Z. 5. CHEUD SGEULACHD <eng>(THE HEADS).

No. 48. Gaelic Index. Y. Vol. IV. 1862. A Gaelic argument, and 62 lines of the ballad sent from Islay by Mr. Alexander Carmichael, who has been collecting ever since.<gai>

BE Connal agus Cochullain clann an dithis pheathraichin. Bha iad aig an ionnsuichadh 'san aon Oil-thigh. Nuair a bha iad a dealachadh ri cheile 's gach aon a dol gu obair fein, thug Connal mionnan a cheud duine bheireadh naigheachd bàs Chochullain dha gu'm bitheadh e marbh 'sa mhionaid. La a thuit Cochullain thubhairt e ri gille mor Laoghaire 'falbhaidh thu a nis agus innsidh tha do Chonnal sgeula mo bhais; feuchaidh thu innseadh dha ann an dubh-fhocal, neo bidhioh thu fein ann an cuinnart.' Dh-fhalbh Laoghaire, rainig e Connal, agus fhailtich e gu suilbhire e. Thubhairt an Connal 'Cia mur a tha mo charaid Cochullain.' 'Tha gu maith, ars an Laoghaire, tha e nis air thigh ur a dheanamh.' 'Gu de, arsa an Connal, an taire a bha aig air an aitribh aosmhor ann s' con do thamh iomadach laoch cho mor risean, na deth am tigh ùr a rinn e.' 'Cha do rinn, arsa an Laoghaire, ach tigh iosal Cumhang. Nuair a shionas e a chasan ruigidh a cheann uachdar, 'sa chasan iochdar, 'sa shronn mullach an tigh.' 'Ne sin ri radh arsa Connal gu bheil mo dheadh charaid marbh.' 'Fhianais sin ort fein, ars' an Laoghaire, 'S tu fein a dh'iomraidh air bàs na misa.' 'O a Laoghaire bhoichd, ars' a Connal so leis bo chruaidhe a bhas, no leat fein; lean thusa mise agus a chuille Ceann bu mho na cheile a bha an aghaidh Chochullain bheir mise a mach iad.' Ghabh e troimh an choille leis agus shniomh e seachd gaid agus thug e do Laoghaire iad. Dh-fhalbh iad le cheile agus thoisich an Connal agus a chulla teaghlach a dhinnsidh Laoghaire bha na namhaid do Chochullain, thoisich ann sin an Connal air toirt a mach nan ceann agus Laoghaire cur air a ghad. Cha robh duthaich, na baile, na teaghlach nach deachaidh ann an eagal nuair a chuala iad gun do thoisich an Connal. Bha iad a dol air aghart mar so gus an do lionnadh na seachd goid le cinn. 'Laoghaire, arsa an Connal, tha mi air mo sharachudh agus tha mi ocrach. Bheil na goid air thuair a bhith làn. Bha iad a nis a dol air aghart dhionnsuidh 'Ura-mhor.' Chaidh an duine ann an sgoim agus na bha ma na bhaile nuair a chunnaic iad an Connal a tighean. An sin labhair nighean uasal og ri h-athair, 'na bithibh fo eagal, cha neil unamsa ach boirineuch agus cuiridh

mi Connal gu sith.' Ghabh i mach na choinnimh agus dh' fhailtieh i e gu suilbhire Thug an Connul Comain a breathran don nighean oig, Chuir i stigh e roipe don talla gu dhinnir. Nuair a bha an dinnir seachad thannaig na bha 'san teaghlach a mach maille ris, 's thug iad dha nach do chuir e dragh orra. Nuair a rainig e na Cinn thubhairt an Connal ri Laoghaire, 'tog leat do chuid cinn a nis 's ma tha tuillidh a dhi ort gheabh thu iad.'

LABHAIR an nighean ri Connal  
'A Chonnuil dhealbhaich nan Ceann  
'S cinnteachd mi gun dhearg thu tairm  
Na cinn sin a thagad air ghad 4

Sloinnter leat air fad na suinn.'  
Nighean thairbheartach nan n' each  
Ainnir og na briathraibh binn  
'N eiric Chochullain nan cleis 8

Thugadh leinn fo dheas na cinn.  
Cia e an ceann molach donn  
Mar dhearg nan ròs 'su ghruaidh ghlan  
Shin thu thall air a thaobh chli 12

'A Chonnul mhor is aillith dreach?'  
'Maigheara fairbheartach nan each  
Mac dha leir creach gach cuain  
Sgar mi dheasan fein a cheann 16

'S gar leam a thuit a shlnugh.'  
'Chonnuil mhoir leat dheugadh righ  
Co e an ceann ailith air diol chaich  
Fhalt òr-bhuidhe mar dhealradh grein 20

Gu mollach slim mar airgiod ban?'  
'Mac an laoigh an rois ruaidh  
Mac a b'uaisle thuit leam neart  
Mo dhoigh gur e sin fein a cheann 24

Ard righ Lochlan nan lann breac.'  
'Cia an du cheann sin air do laimh chli  
'S ailidh libhse an nis an dealbh  
A chonnal mhoir leat dhaighah righ 28

'Soill leam fein gun dhearg thu t'airm?'  
'Ceann Mhathnais agus Mhaidh Mhor  
Se mo dhoigh gur iad a th'ann,  
Ach a fhuaradh ceann a choin 32

Air ma theannruith nan sruthaibh seimh.'  
Co an dà cheann so air do laimh dheis  
Chonnuil nan cleas 's'an aigh  
'Naon dath air fait nan fear 36

'Sminic gu bheil am baigh?  
Calla agus Connal cruaidh;  
Dithis a bheiridh buaidh 'sa 'leirg  
Thugadh leamsa an Cinn fu dheas 40

'S gun do dh-fhag mi an Cuirp  
Fo 'n aon air.

Co an Ceann ad a chithim thall  
Fhalt thall gu mollach slim 44

[TD 19]

A rosg mar fheur, 's a dheud mar bhla  
'Saille nu cach òr a chinn?'  
Mac mo pheathar on tur sheinh  
Sgar mi fein a cheann ri chorp 48

Suarach an onair mhic righ  
Iomchair ga min air an fhalt.  
'Co na se cinn a chithir thall  
Shin thu iad an taobh mo thuath 52

'S guirme agus Caoine an ros  
'S duibhè folt a chinn chruaidh?'  
Seasar bhraithre a bha ann  
Iadsan 's an clab ri gaoith 56

Bo chlann chalaidir nan cleas  
Dream nach robh air leas mo ghaoil.  
Ceann air fhichead agus fichead ceud  
Gun iomradh air fear croin nan lot 60

Do chlann mhaithibh, 's Mhacaibh righ  
Thuit an eiric ceann a choin.'

'Nis a Laoghaire tha do cheannsa a dhith air a ghad agus se mo cheann  
fein, no do cheann fein a theid eir mar toisich tuille.' 'Cha ruig sin a  
leas, as a Laoghaire, bo bheag leamsa no thuit le do laimh ann an eiric  
Chuchullain, agus leagaidh mi ruith le fear do no goid.' Laoghaire bhodh  
bu bheag leaasa na thuit le mo lamsha ann an eiric do mhaighstir mhaith.  
Thoisich e an 'n uair sin agus bha an eachdraidh a dhìomradh gun mo a  
thuit leis, no an nuair a lionnadh na seachd goid.

## II. DEIRDRE.

<eng>THE STORY OF DEIRDRE. F. M. O. Q. R.

THE oldest copy of the Story of Deirdre known to me is in a vellum  
manuscript now at the Advocates' Library, described p. 296, Report on  
Ossian, 1805. The date 1238, the locality of Glenmason, and names of  
owners are sufficient to prove that the story, of which the scene is  
partly laid in Argyll, was known in Cowal a long time ago, This  
manuscript ought to be printed. I can neither read it nor afford time or  
money for its publication. The Story of Deirdre is related to Indian  
Epics, and is an Aryan romance which pervades the Old World. A beautiful  
girl, shut up to baulk a prophecy, is beloved by an old king. She runs  
away with a family of brothers, and after adventures of many kinds, the  
story ends in a tragedy. (See 'Mahábhárata' for the Story of Draupadi and  
the 5 Pandarvas, &c., &c.) In Ireland the Story of Deirdre and the 3 sons  
of Usnoch has been associated with the Story of Cuchullin the King of  
Emania, and the warriors named above, ever since 1130, at all events. The  
Atalantis, vol. iii., 1860, p. 398, has a paper by O'Curry introducing a  
story about 'the Birth of 'Deirdriu' and her adventures, taken from (H.  
2-16, Yellow Book of Leacain. Trin. Coll. Ca. 749, date 1391.) Elsewhere,  
in the Introduction I have told all I know about this story and the

publication of it. In Welsh, bits of the story, as told in Ireland and in Scotland, are told in the Story of Peredur, taken from a MS. of the 15th century (See 'Mabinogion.') The oldest printed Scotch version of the story known to me is quoted by the Highland Society (P. 291. Report on Ossian, 1805). It follows below, divided according to the metre, by Mr. Hector Mac Lean. Fletcher F. 2. got a version in Scotland from oral recitation about 1750. Gillies M. 3. printed part of the story in 1786. Irvine O. got part of the verse, about 1801, from a foxhunter on Loch Tayside. Stewart Q. 1804, printed a version, p. 562. The Highland Society R. 1805, printed a quotation. Mac Callum, 1816, V. 4. got from Mac Lachlan of Old Aberdeen and reprinted the fragment which Mac Lachlan abstracted, and the Highland Society printed, from the MS. of 1238. X. 14. 'Duan na Cloinn,' written in Caithness from the dictation of Betty Sutherland, I have been unable to get, but the name indicates this story. Z. In the autumn of 1870 men in the Isle of Mull could repeat Clann 'Uisneachain.' In the autumn of 1871 an old Mac Neill in Barra could tell the story, and Mr Carmichael had written it down. The story, as I had learned it in Scotland, was shortly this:-

King Connachar, of Ireland, had a sister, whose three sons, Naois, Ardan, and Ainle, ran off with Deirdre, their uncle's sweetheart. They went to Scotland, where they wandered about, chiefly in Argyllshire, according to the names. At last the brothers left Deirdre, in charge of a black-haired lad, in an island, which is identified with a small islet north of Jura, in which are ecclesiastical remains. This character is made steward of the King of Scotland in written versions. The 'black lad' made love to Deirdre. The brothers, in three ships, returned just in time to save her, and told her their adventures. They had been imprisoned in 'Lochlan' or elsewhere, and rescued by a king's daughter. They all embarked, Deirdre sang a Lament for Scotland, and foreboded evil from dreams. They reached Ireland, and after a grand battle the uncle slew the nephews, who had run away with his sweetheart. She bewailed them, and died upon their bodies. Irish history adds—at Emania, the capital of Ulster, in the reign of Conaire, A.D. 145-152; from whom descend the Dalriads, or Scoto-Irish Gaelic tribes of 'Oirear Alban,' as it called in Deirdre's Lament, version R. Fletcher tells a bit of the story about the beginning and end. Gillies tells the return from Scotland, and gives Deirdre's Lament for Scotland. Irvine's foxhunter tells the story told to Deirdre by her lovers on their return. The Highland Society quoted the Lament for Scotland in support of Mac Pherson's Darthula. Peasant reciters tell the story in accordance with Irish history. Mac Pherson's Darthula, edit. 1762, is vaguely related to the traditional tale, but the geography is entirely changed. Upon this geography learned men found theories as to 'Selma' and 'Beregonium' and Vitrified Forts of the Stone Period, which the ignorant who speak Gaelic ignore. There is no Gaelic for Mac Pherson's Darthula. As it is impossible to collate different bits of a story which is more than 800 years old, I print the text, and will endeavour to mend the story which it tells when I translate.<gai>

F. 2. EACHDRAIDH AIR CONNACHAR, RIGH EIRINN, agus air truir MHAC RIGH BHARRACHAOIL clann peathar RIGH CONNACHAR roimh ainmichte.

<eng>Fletcher's Collection, page 29. Advocates' Library, January 17, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

This fragment, written by country scribes from the dictation of a man who could not himself write or read, is partly written in stanzas of four lines. This seems to me to indicate the decay of a ballad, and a change

into measured prose, made of lines, and smaller fragments of forgotten quatrains.<gai>

NOCHDA air bhi do Rìgh Eirinn d' am bu cho-aim Connachar a dol a phosa Ban-rìgh d' am b' ainm Deirdri, agus air bhi dhoibh ag ullachadh fa chomhair na bainnse mharbh iad laogh òg. Air bhi do shneachda òg air a chuir san àm, dhoirt iad fud an laoigh a muigh air an t-sneachda, agus do luidh fitheach air an fhuil. Air do Dheirdri bhi sealltuinn a mach air uinneig Chunnairc i 'm fitheach aig òl na fola, agus a deir si ris an Rìgh, nach bu mhaiseach an Duine aig am bitheadh a chneas co-geal ris an t-sneachda, a ghruaidh co-dearg ris an fhuil agus fholt co-dubh ris an fhitheach. Fhreagair an Rìgh ag radh gun robh clann peathar aigsan, agus gun robh aon diubh air an robh gach buaidh a dh' ainmich i. Thubhairt Deirdri ris an Rìgh a rist nach cuireadh ise cos na leabaidh gus am faiceadh i an duine sin. Air an aobhar sin chuir an Rìgh fios air. Thainig e féin agus a dha bhràthair. Agus do b' e an ainmeanan Snaois. Aille, agus Ardan.

Air do Dheirdri Snaois fhaicsinn lionadh i le gaol dha ionnas gun d' fhalbh i leis, agus dh' fhàg i 'n Rìgh. Air do Shnaois agus do dhà bhrathair long a ghabhail sheòil iad gus an deachaidh iad air tìr aig Beinn-aird. Agus bha giullabeag na 'n cuideachd d' am b' ainm an Gille dubh, bha na chomhalta dhoibh agus a' feitheamh orra.

#### I. PHÀIRT.

1

TUR g'an deachaidh iad air tuinn,  
Clann Uisneachan a Dù-lochlunn;  
Dh' fhàg iad Deirdri agus an Gille dubh,  
A'm Beinn-aird nan aonaran.

2

C' àite an cualas dàn bu duileadh,  
Na 'n Giulla dubh ri dùr shuiridh;  
Air Deirdri chruinneagach gheal,  
Bu Chuibhte orm 'us ort bhi cuideachd.

3

Cha bu chuibhte mi is tu,  
Ghiullan duibh nam mi-rùn;  
Ach gus an d' thig iad dhachaidh slàn,  
Clann Uisneachan a' Dù-lochlunn

[TD 20]

4

Ge b'eùg a rachadh tu dheth,  
'S ge d' fhaitheadh tu bas g'an cumha;  
Bithidh tu 'us Ian dubh an aon leabaidh,  
Gus an d' theid ùir air do leachdain.

5

Gheibheadh thusa Dheirdri ghuanach,  
Bh' uamsa air mhadain a màireach;  
Gheibheadh tu bainne chruidh chraobhaich,  
Agus maorach à Innis-aonaich.

6

Gheibhte tu muinealan mhuc,  
Mar sin agus sruthaga shean-tuirc;  
Gheibhte tu braoideach 'us bò,  
'S a laoigh mhin na fuiling aon so

7

Ge d' gheibhinn uait caolaich fhiadha,  
Agus bradain bhroinne gheala;  
B' annsa leam bior-chul-chas,  
A làimh Snaois mhic Uisneachan.

8

B' e Snaois a phoga mo bheul;  
Mo cheud fhear è 's mo cheud leannan;  
B' e Aille a leigeadh mo dheoch,  
'S b' e Ardan a chaireadh m' adhart.

9

Ach suil g' an d' thug Deirdri ghuanaich,  
Mach air bàr bhaile bhraonuich;  
'S àluin an truir bhraithre a chi mi,  
Snàmhaidh iad na cuantan tharais.

10

Tha Ard, 'us Aille air an stùir,  
'Seòladh gu h-àrd ramhach ciuin;  
Mo ghradh a Gheal-lamhach gheal,  
Tha m' fhear féin ga stiuradh sid.

11

Ach smid na d' thigeadh air do bheul,  
Ghiullain duibh nam braon sgeul;  
Mu 'm marbhar thu gun chiontadh dheth,  
Is nior mò a chreideir mise.

12

O! Chloinn Uisneachan nan each,  
A thainig à tìr nam fear fuileach;  
An d' fhuiling sibh tàir bho neach,  
No ciod è so bha d' ar cumail.

13

Bha d' ar cumailne mach uaitse,  
An t-eabar-sea fuileach faobhar ruadh;  
Rìgh mac Rosnaich ceann fir Phàil,  
Air ar glacadh 's air ar dioghmhail.

14

C' àite an robh 'ur n-airm ghaisge,  
'S air lamhan tapaidh fuilleach;  
N' ar a dh' fhuiling sibh, sibh-féin slàn,  
Do mhac Rosaich bhi gar diong' ail.

15

Cadal g' an d' rinn sinn 'n ar luing,  
An truir Bhraithre druim ri druim;  
M' an d' fhairich sinn beud na feall,  
Dh' iath na sea-longa-deug umainn.

16

Cha bu mhis' nach d' innis dhuibhse,  
A Chloinn Uisneachan bho b' ionmhuinn;  
Nach bu làmh air bhlonaga ban,  
'S nach bu shurd air cogadh cadal.

17  
'S ge nach biodh cogadh fui' n ghréin,  
Ach duine fadadh a thir féin;  
Cadal fadadh 's beag a thlachd,  
Do dhuine is è air deòrachd.

18  
Deòrachd 's mairg g'am biodh an dàn,  
Gur gnàthach leatha cuid sheachrain;  
'S beag a b-urram 'us mòr a smachd,  
'S mairg duine d' an dàn deòrachd.

19  
Ach chuir iadsan ann sin sinn,  
An uamha shalaich fui' thalmhainn;  
F-ar an d' thigeadh fodhain an sàille,  
Tri naoi uairean gach aon là.

20  
Ach aon inghean mhath bh' aig an Rìgh,  
Ghabh i dhinne moran truais,  
Seichdeachan a h-athar gu leir,  
Bu lionmhor ann bian èilde is aidhe.

21  
Chuir i eadar sinn 's am fuar uisg,  
An ribhinn ùr bho si b' fhearr tuigse;  
Ach do bhiodh h-athair sa Chraoibh ruaidh,  
'S a chàirdean gu leir mu thimchioll.

22  
Teachd mo chagair a Thìormhail,  
Cha neil rùine nam ban math;  
Innsidh iad sa chuil, na chluinn iad,

23  
Ciod an rùine a bhiodh ann,  
Nach innseadh tu do t aon inghinn;  
'S an rùine a gheibhinse bh' uait,  
Gu gleitheinn bliadhna gu dill.

24  
Fui' bhile mo chiche deise,  
'S an rùine gheibhinn bho chach  
Athair ghràidh gun innsean duitse Arsa n-inghean.  
An Rìgh ga freagairt.

25  
'Chuir Rìgh Eirinn fios air sàil  
Dh' ionnsuidh uaislean Bharr-Phàil;  
Gu 'm fuigheansa làn mo luinge,  
Do dh' òr do dh' innsridh 's do dh' ionnas,

26  
. . . . .

Chionn na Ciomaich 'chuir gun fheall,  
Air chuan na h-Eirinn am màireach.'

27

Ach leig an Inghinn osna throm,  
As a cridhe gu ro mhòr,  
Threagair aisnichean an tighe  
Leis an osun 'leig an Inghinn.

28

'Cò so leig an osun throm,  
Gur duilich leo na Ciomaich,  
'S mise leig an osun throm,  
Do Chiomaich gur comadh leam,

29

Tha earrun mhòr ann am thaobh clì,  
'S gu marbhadh i caogad Rìgh;  
'S tha luain mhòr air mo chridhe,  
San taobh eile mo choinneamh na h-earrinn'

30

Ach thainig i thugainn d' ar fios,  
An Thiormhail bu ghile cneas  
An rabh thu ann san Dùn ud thall;  
No ciod an aithris a th' ann oirne,

31

'Bha mise ann san Dùn ud thall,  
'S is truagh an aithris a th' ann oirbhse;  
Gu 'm fuigh m' athair làn a luinge,  
Dh' òr Dh' innsridh, 's do dh' ionnas,

32

Chionn na Ciomaich chur gun fheall,  
Air cuan na h-Eirinn a maireach.'

. . . . .

33

'Ach sinibh thugamsa bhur casan,  
A 's gu 'n tomhais mi na glasan;  
Nach fhag mi bonn diubh air dearmad  
Air fad air leud, na air doimhnead.'

34

'Thainig i 'n sin an Ceard cluaineach,  
Mac-an-t-saoir as a chraoibh ruaidh;

. . . . .

35

Eirich thusa a cheird chluainich,  
Mhic-an-t-saoir as a chraoibh ruaidh,  
'S aon inghean Rìgh air tighinn ga d' iarruidh.'

. . . . .

36

'S beag orm fein na bhitheadh ann,  
Aon inghean Rìgh, a shiuladh  
An oidhche gu fìor,

. . . . .

37

'S e bheireadh i dha thigh ga teach,  
Treas tuairesgeul na geamhaiche;  
'S ann a shiulas duine an lò,  
Mar a bheireas còir air aoilleachd;

38

Mirre g' an d' rinn mi am luing,  
Air onfha na mara thruim,  
Iuchraichean m' Athar gu léir,  
Bha iad agam fui' m' mhi-chéil,

39

Leum iad a mach thar a bòrd,  
'S truagh nach deacheas nan druima-lòrg,  
. . . . .

40

An cuimhne leats' a Cheard chluainich,  
'N latha bha thu san Dùn ud thall,  
'Bualadh òir aig m' athair,  
'S a chluan oir a sgrìobh iad ort,

41

'N t-òir a ghaoid thu  
. . . . .

42

'S i 'n fhail oir 'thug mise dhuit,  
A chum an ceann sin air do bhraidhe.'  
. . . . .

[TD 21]

43

Ach' dh' eirich è suas an Ceard cluaineach,  
Mac-an t-saoir as a chraoibh ruaidh,  
Is rinn è na trì iuchraiche buadhach,  
Ri aiteal na h-aon-leth-uaire,

44

Ach smid na d' thigeadh air do bhéul,  
Nach gu 'n labhair 'n teintin dubh sin,  
Na an grinneal an deach' an deanamh.  
. . . . .

45

Ach thainig i 'ris d' ar fios,  
An Tiormhail nan ciabhadh cleachdach  
. . . . .

46

'S'nibh thugamsa bhur casan;  
A's gu 'm fuasgail mi na glasa,  
Mur dh' fhag mi bonn diubh air dearmad,  
Air fad, air leud, no air doimhnead,

47

Ach thog Snaois a chos ri eallachain,  
Ard is Aille co-fhearr-luath,  
. . . . .

48  
Thug i thugainn ar tri chloidhinn,  
Agus lòn an cuigibh oidhche,  
Seorsa cèire leth mar leth;  
'S gu bu leir leinn adhaidh' chèile,

49  
Tha long aig m' athairse air sàl,  
Ann am barr a bhaile bhraonaich;  
Seisear' feathadh lath' 's do dh' oidhche,  
Agus aon fhear donn a toiseach,

50  
. . . . .  
'S gu dìongadh è ceud an còmhrag.'

51  
Ach ma theid sibhse na dhàil,  
Gun eagal na gun fhealsga  
Buailibh gu cothromach ceart,  
Bhur tri chloidhean na aon alt.

52  
Ge bu doirche an oidhche dhoilleir,  
Gu'm bu ghairge rinneas eolas;  
Bhuail sinn gu cothromach ceart,  
Bhur tri chloidhean na aon alt.

53  
Thig thusa steach ad' luing,  
A Thiormhail a's ionnmhuinne leinne,  
A's aon bhean cha d' theid os do cheann;  
Ach aon bhean san tìr an d' theid thu.

54  
Ciod an aon bhean a bhiodh ann,  
'S gur mi choisinn dhuibh na h-anamain,  
B' uaibhreach dhamhsa sin a dheanamh;  
'S a liuthad mac Rìgh 'tha gam iarraidh,

55  
Na 'n trialain air cheumanan cas,  
Air sga buidhne coimhiche.  
. . . . .

56  
Leubhaidh iad ort. A Gheal shoilleir,  
Mu as fìor gu bheil thu torrach,  
Mas mac na inghean a bhios ann  
Ainmich air fear 'tha 'n Dù-lochlunn.

57  
'S mise aon Inghean an Rìgh,  
'S lughaide dhe sin a phrìs;  
Ach 's olc an saothraiche re seall,  
Nach d' thugadh aon èun an caladh.

58

Ach fanaidh mi bliadhna air do ghaol,  
Agus bliadhna eile chion t-ìomraidh,  
'N ceann na cuig na seatha bliadhna,  
Thig gam iarraidh 'n sin air m' athair,

59

'S gleithidh mise do shìth dhuit,  
Bho Rìgh an Domhain 's bho Chonna-chothair,  
. . . . .

PAIRT II.

Agus air innseadh na nitheadh sin dhoibh bha Deirdri ro-dhiomach dhiubh,  
chionn gun d' fhàg iad Tiormhail nan deigh, agus air son a feothas  
dhoibhsan nach iarraidh ise os a cionn gu bràth. An sin ghabh Deirdri agus  
iadsan an turas a ris ga iarraidh agus chunnairc ise aisling.

1

AISLING a chunnaic mi 'n raoir,  
Air truir mhac Rìgh Bharrachaoil;  
Bhi g'an cuibhreacha 's g'an cuir san uaigh,  
Le Connachar as a chraoibh ruaidh.

2

Ach leag thusa t-aisling Dheirdri,  
Air aonach nam burthaichean àrda;  
Air maraichean na fairge muigh,  
'S air na chlochaibh garbha glasa.

3

'S gu'm faigh sinne sith 's gu'n tabhair,  
Bho' Rìgh an domhainn 's bho Chonnachobhair.  
. . . . .

4

Ach co-moch 's a thain an lò,  
'S a sgaoileadh bho'r cul an ceò;  
C' àite 'n do ghabh 'ur loingeas tìr  
Ach fui' dhorus an àrd Rìgh.

5

Thainig Connachar fein a mach,  
'S naoi ceud-deug sluaigh leis;  
Se dh' fheoraich è gu breagha bras,  
Co iad na sloigh ,so, th' air an loingeas.

'S iad clann do pheathar féin a t' ann,  
Is iad nan suidhe 'n caithir aingis; (ill)  
Cha chlann peathar dhamsa sibh,  
'S cha ne gnìomh a rinn sibh orm.

6

Abh mo nàrachadh le feall,  
Ann am fiadhnais fir na h-Eirinn.  
. . . . .

7

Ciod ged thug sinn uait do bhean,

Deirdri chruinneagach chruin-lamh gheal;  
Rinn sinn ruit bàigh bheag eile,  
'S b'e 'n tra's àm a cuimhneacha.

8

'N latha s gàin do long air sàile,  
'S i làn do dh'òr is do dh' airgid,  
Thug sinne dhuits' air long fhéin,  
'S namh sinn féin cuan mu d' thiomchioll.

9

Ge d' dheanadh sibh rium caogad bàigh  
Air mo bhuidheachas gu fìor;  
Air sibh cha 'n fhaitheadh sibh 'n teann  
Ach gach aon dìoth bu mho g'am feudain.

10

Rinn sinn ruit bàigh bheag eile,  
'S b'e 'n tra's àm a cuimhneacha;  
'N latha mheath an t each breac,  
Ort air faiche Dhun-dealgain nois

11

Thug sinne dhuit an t-each glas,  
'Bheireadh gu bras thu 'n t-slighe;  
Ge d' dheanadh sibh rium caogad baigh,  
Air mo bhuidheachas gu fìor

12

Rinn sinne dhuit baigh bheag eile,  
'S b'e 'n tra's àm a cuimhneacha;  
'N latha cathadh Beinn eudain,  
'S a thionndaidh thu rui do chùl,  
Chuir iad thu 'n innis an-iuil.

13

Chuir sinne cath muirneach mòr,  
Air do chùl'aobh an lò sin,  
Agus Bha sinn ga' d' dheidh reir,  
'S thug sinn thugadsa fui' d' iochd,  
Cinn seachd mic Rìgh Morfhairge,  
. . . . .

14

'S ge d' dheanadh sibh ruim caogad bàigh, &c.  
. . . . .

15

Ach thog Snaois a chos r'a bòrd,  
Ard, is Aille air a dhruim-lòrg;  
. . . . .  
An truir bhràithrean, bu bhoidhche ceann-adhaidh

16

Cha bhàs leam a nis bhur bàs,  
A Chlann Uisneachan gun aois;  
Bho 'n a thorachair e leibh gun fheall,  
'N treas fear a's aird tha 'n Eirinn.

17

Ach thigsa a mach a' d' luing,  
A Dheirdri chruinneagach chul-chruin;  
'S cha 'n fhaitheadh tu 'm cùill no 'n coill,  
Facal èud no achmhasain.

18

Cha d' thig mise a mach am luing,  
Ach am fuigh mi m'aon ragha achuing,  
. . . . .  
'S cha tìr 's cha n earras, s cha treoghadh.

19

Cha 'n eich gheala 's mhiol-choin;  
Ach comas tiotan beag do 'n tràigh,  
Thoirt miosgain ann deaigh graidh,  
Do na corpaibh geala cneas-bhàn.

[TD 22]

20

Dh' fhuasgaileadh iad a folt donna-bhui' tla,  
M' an cuairt do 'n rioghain coi-reidh,  
A h-eudach gu barraibh a cos,  
Mu' n d' thugadh i leatha am braid.

21

Cothrom cro na snathaide;  
. . . . .

22

Ach aon fhail òir 'bha mu 'm mèur,  
'S ann a chuir i sud na beul,  
A's dh' imich i leis do 'n traigh,  
Fur an robh Clann Uisneachan.

23

Cò choinnich i anns' an traigh,  
Ach an saor a snaithe ràmh;  
. . . . .

24

'A shaoir a shnaitheas an ràmh,  
Ga 'm bhuil an sgian fhaobhair gheur,  
'S è bheireamsa dhuit ga cionn,  
'N aon fhail òir is fearr tha 'n Eirinn.'

25

'Tur g'an rabh Snaois a cur cloiche,  
Air feasgar anmoch oidhche shathairne;  
Bhris e 'n fhail òir bha mu mheur,  
Le tiorruin na h-aon urachaire.

26

Thug è dhomhs' an fhail' bhriste,  
'S thug i seallan 's bu lan ghibht i;  
Thug mise dhasan an fhail lan,  
'S cha b' ann a mhoithe comainne,

27

'S na cuimhniche mo ghradh geal a bi aige,  
Cha b' eagal dà 'n seachd portaibh deug-n h Eirinn.

28

Ach ghabh an saor meamnadh goirt,  
Air an fhail is thug è Dheirdri chorc;  
A's dh' imich i do 'n traigh  
Fur an rabh Clann Uisneachan

29

Teann thusa nall a Shnaois nàraich,  
A mhic nam flatha d'fhearr àbhaist;  
Na 'n crithiche marbh roimh bheo eile,  
Chrithiche tusa (nis) rothamsa.

30

Shìn i an sin a taobh r'a thaobh,  
Agus chuir i'beul r'a 'bheul;  
As ghabh i 'n sgian gheur roimhe cridhe,  
Is dh'fhuair i 'm bàs gun aithreachas.

31

Ach thilg i an sgian dubh 'sa chuan,  
Mu 'm fuighe an saor achmhasan,  
. . . . .

32

Co moch 's a thainig an lò,  
Thainig Connchar féin 's a lod;  
Mìle màrphaisg do 'n mhi-chéil,  
Thug ormsa Clann mo pheath'r féin a mharbha,

33

Tha mi 'n diu gun Deirdri dheth,  
Na gun aon duine tairrisde.  
Ach tiolaicidh mi 'n aon uaigh  
Snaois 'us Deirdri 'n aon leabaidh.  
'S an lus beag ' thig roimh an uaigh,  
Ge b'e chuireas snaim air a bhàr,  
Gu 'm bu leis aon ragha leannain.  
. . . . .

34

N'am bithinnsa 'n Iuthar nam buadh  
A nocht féin ga fuar an t-shian,  
Gu 'n cuirinn snaim air a bhàr,  
Ge do bhiodh an crann gu criona.

M. 3. CAOI' DHOIRDIR. <eng>240 lines.<gai>

CAOI' Dhoirdir airson Naois agus Clan Uisnich, dhimich Deurdir uaith Chonchair rìgh Ulamh le Nais Mac Uisnich agus a dhithis bhrathairibh, (iodhain, Ailbhe agus Ardan) gu h Albain, ionad ann rabhadar gu sona snaibhneach re uin' fhada, gus na chuir Conchair teachdaireachd shithaimh chairdeil nan dei' gus na phrill iad gu Rìgh-Eirinn, ach d'imir an rìgh feall orra, agus mharbh, an triuir chùraibh 'n am dheidh teachd air tìr, an sin dhruid, Deirdir nis na cuirp agus chaoine gu cumhach iad agus chuir, lamh am ach anam fein.

1

CLANN Uisnich nan each geala;  
Thainig a tìr nam fear fùileach,  
Creud so do bhiodh air ar n eachaibh  
No creid e a ta g'ar cumail.

2

Ta g'ar cumail fada uaine,  
Creid is fa nach cumhain an ruaig  
Lamhan (1) air bhog attaibh bàn  
Nìr cheol cadail dhuinn an cogadh.

3

Còdal uile 's beag a lochd.  
Do dhaòine bhiodh ri deoireachd;  
Ge d' nach biodh coga fo na ghrein  
Ach daòine bhì as an tìr fein.

4

Chuirmear ar luingeas amach,  
A chaith' a chuain gu h eolach,  
Bha sinn subhach ri seoladh  
Is bha Deirdir dubhach do-bhronach.

5

Creud e fa do thuirse bhean  
Agus sinne beo 'n ar beatha  
Nì h aithne dhuinn neach d'ar bualadh  
Nì h eagal luinn fuath no sichaimh

6

Aislinn do chunnacas an raoir;  
Oirbhse thriuir braithre barra chaoìn (2)  
Ar cùibhreach is ar cuir san uaigh,  
Leis a Chònchair chlaoin ruagh.

7

Air chlochaibh sin is air chrannàibh.  
Agus air lachaibh na linne  
Is air chuileinibh na 'm fiadh chor  
Is air earbas fiar an t Seannaich.

8

Creud bheir sinne 'n daill an laoich  
Is farsaing na fairge amach  
'S a liughad cala caol is cuan  
A b' fheadar tarruing (3) gun uabhas.

9

An am luidhe do na ghrein  
Nìr b' aobhar suain dhuain e  
C'ait ionnar ar ghabh long tìr  
Ach fo Bhaile mor Rìgh Conchair.

10

Thainig Conchair amach le  
Sheachd fichid laoch cheann-uallach  
Is dh' fhiosraich le briara brais  
Cia na sloi' 'ta air an luingeas.

11

Clann do pheathar àta ann;  
Sin triar a thainig air tuinn  
Air oineach 's air chomairc an Ri'  
Aig tagradh dilseachd ar cairdeas

12

Cha chlann peathar dhamsa sibh  
Nir bheairt saoi (4) do rinn sibh orm  
Thug sibh mo bhean nam a b' fhoill (5)  
Si Dèirdiri dhonn shuileach ghlei' gheal.

13

An uair a sgaoil do long mu làn  
Is tu a mullach na mara dillin  
Thug sinn dhuit ar long fein  
Do bhi'mar ann nair sin a' do reir (6)

14

De d' mhàrbha sibh caogad righ  
Air mo bhui'eachas gu fior  
Ni am faigheadh sibh an diu do m' shith  
Ach gach uil' èasai' 'm faodain (7)

15

Do rinne mar dhuit bàì' bheag eile  
O 's e nis an tam do chuimhnicheadh  
Chuir sinn' thu 'n comaoibh lionar.  
'S dilleas ar còir air do chomraich.

16

An tann do chuir Murcha Mac Briàn  
Na seachd caithibh am binn Eadair (8)  
Thug sinn' thugan gun easbhui'  
Cinn Mhic righ na h Earrdheise.

17

Ge d' mharbha sibh caogal Ri'  
Air mo bhui'eachas gur fior  
Ni am bheil sibh an diu do m' shith  
Ach gach uil' eas-shith do 'm feadain.

18

Eirich a Naois is glae do chlai'  
A dheagh mhic an Ri is glan coimhead  
Creud fa 'm faigheadh a cholain shuairc  
Ach a mhàin aon chuairt do 'n anam.

19

Chuir Naois a shalta (9) ri clàr  
Is ghlac a chloi 'n a dhorn  
'S bu gharg deanal nan laoch  
Tuitim air gach taobh do bhord.

(1) <eng>(Soft brooks) threatening white hand.

(2) More than mild.

(3) Without fear.<gai>

(4) Sona.

(5) Le foill.

- (6) <eng>Friends.<gai>
- (7) (Ea sith) <eng>mischief.<gai>
- (8) Eadinn.
- (9) <eng>Resolved.<gai>

[TD 23]

20

Gluais a Dheurdruinn as do luing  
A gheug ur nam (10) abhra dhuinn  
Is ni h eagal do ghnuis ghloin  
Fuath no 'eud no achmhasan. (11)

21

Ni 'n rachar am seasd as mo luing  
Ga 'm faighe mi mo raogha achuinge  
. . . . .

22

Cha tir, cha talamh 's cha tuar  
Cha triuir braithre fa ghlan snua' th  
Cha 'n or, cha 'n airgiod 's cha 'n eich  
Ni mo is bean uaireach mise.

23

Ach mo chead a dhol an trai'  
Far am bheil clann uisnich nan tamh,  
Gu 'n tibhrim mo thri poga meala  
Do na tri corpa caomh geala.

24

Sgabileadh a fait dualach tlà  
Aig (12) a mhnaoi bu chuana cail'  
Mu 'm bearra si leith a b feill (13)  
Atrad a bhruid bu choirle,

25

Do ghluais Deirdir an tràì'  
Is fhuair si Saor aig sna (14) isheadh raimh  
A sgian aige cion (15) na leith lamh  
Is a thuagh iona (16) na lamh eile

26

A shaoir is aile am facas riamh  
Creud air an tiubhra tu an sgian  
Gur e bheirinn duit g'a ceann,  
Aon fhaine buaghach na h-Eirinn

27

C'ait an robh am fàine geasach (17)  
An la do bhaòghluisheadh clann uisnich  
'L iongna le buaighibh an fhaine,  
Mar fhuarah an cràdh no 'n guinsin (18)

28

La gu 'n robh Naoine cur cloiche  
Ann 'n ursainn cath fiann na faiche;  
Do sgaoil an fhàil (19) oir fa mheur  
'S thug dhamhsa i mo ghragh da ta sgai,

29

Och do chuimhnich mo ghradh gealsa  
Am faine feartach a bhi na fhochair  
N baoghal do o ghoil nan sluaghaibh  
A ghuin le thuath no le sochai'

30

An sin do shanntaich an saor am faine  
Air dheise 's air àilne  
Gur e bheirin duit ga cheann  
Aon sgian aghmhor na h-Eirinn.

31

Caoi', no Triabhunn Deirdir  
Cha ghairdeachas gun chlann uisnich  
O! s tuirseach gun bhi' nar cuallach  
Tri mic righ le 'n diolfai deoraibh.

32

Tri leoghain a chnuic na h-uamha  
Tri manuinn a bh' Ti Bratain (20)  
Tri seobhaig o shliabh a chuillinn,  
An triar d'an geile na gaisgich  
'S do n tiubhra na h amh thuis uram.

33

Thri Steallain do 'n ubhal oir  
Nach fuilingeadh deannal nan tir,  
Tri mic uisnich o Dhun mona',  
O tri eoin a chochail chaomh.

34

Na tri eoin a b' aille snuagh,  
A thainig air chuan nam bare  
Tri mic uisnich o 'n charra-chruinn (21)  
Tri lachaibh air tuinn a snamh.

35

Soiri' (22) soir gu h-Albain uam  
Farma mhath fraorac cuain is gleann  
Ann am biodh clann uisnich ri sealg  
Bu aobhain suidhe air leirg a beann.

36

Nior (23) b' iongna mi thabhairt grai  
Do dh' Albain ur fa re roid  
Bu ghlan mo choili na measg  
Bu leam a h-eich is a h-or. (24)

37

Bail' agus leath Albain fein  
Do bhiodh agam ard an ceum,  
Is le Fergus nan colg laidir  
Gur maisg a thainig gu h-Eirinn.

38

O ghlinn Maisinn sin gleann Maisin,  
Gor a chreamh is geal a dhosan  
Minic do romneas codal iorrach

Air do mhulachsa ghlinn Maisinn.

39

Gleann Daruaill sin, Gleann Daruaill  
An gleann is binne guth cuaich  
Is binne guth gaodh-air fo 'n choille chruim,  
Os ar ceann ann Gleann Daruaill.

40

Aoibhinn Dòn Meaghr is Dun Fhionn  
Aoibhinn an dùn bha os a cheann  
Aoibhinn Innis Dreoghainn leathain  
Leis sin agus Dun suibhne.

41

Cearthar sin ann Innis Dreoghain  
Far nach faodfadh na slogh ar noisheadh  
Mise fein 's ni moid an àgh,  
Naois Aillbhe agus Ardan.

42

Bhiodh Aillbhe againn ri toirbheirt  
Is Ardan ri seilg sèanta  
Is Naois fein ceann ar muintir  
Is mise ri fuaim nan teuda

43

La gu 'n robh fir Alba 'g ol  
Is clann uisnich bu mor cean (25)  
Do inghean Draosach Dhun Ireoir  
Thug Naois dhi pog gun fhios

44

Gu na gheall e dhi alldaimh aon  
Agh allaigh is lao' na cois  
Is thaghaill se aic air chuairt  
Air pilleadh o shluagh Innarnis

45

Thug a bhean sin o Dhunn Ireoin  
Briaran is a boid mhear  
Gur an racha Naois a dh'eug  
Nach i rachi si fein le fear

46

O choin nar chuala mise sin  
Lian mo cheann lan do 'n eud  
Tilgeadar mo churach air tuinn  
Coimheas leam bhi beo no eug

47

Do thug naois a bhriara sior  
Is a lugha more am fianuis arm  
Nach cuireadh ormsa feirg no gruaim  
Gus an rachamad air sluagh nam marbh

48

Do leanadar mise amach  
Aillbhe is Ardan a bha treun  
Is philleadar mi ris a steach

An diais a chuireadh cath air cheudan.

49

O da chluinne sibhs anochd  
Naois dhol fo bhrot an cre  
Throm ghuile sibh gu bras  
Is ghuilínse a sheachd leath.

50

'S iad clann uisnich sud tha thall  
Is iad nan luidhe bonn ri bonn  
Is da 'n suimluigheadh marbh roimh mhairbh eile  
Gu 'n suimlighe sibhse romhamsa.

51

Tri Dreagno dhunmonai  
Triar currai' na craobh ruaighe  
Tareis nan Triath nior bheo mise  
Triar a bhriseadh gach aon ruaigh.

52

Do threigeas aoibhneas ulamh  
Fa 'n triar curaibh do b'annsa  
Mo shaoghal am feasd mor fhade  
Na 'n laighear aon fheas leamsa.

53

Lair fosgladh a phartainn  
Na deantaran uaibh le gu docair  
Biaidh mi 'm fochair na huaighe  
Far a deantar truai' agus ochain,

54

'S mor a gheibhinn do shochair  
Ann am fochair nan curaibh  
Le 'm (26) fuinn iad gun teach gun teine  
Och mise am feasd nach biodh dubhach.

- (10) <eng>Brown complexion.
- (11) Reproach.
- (12) Strong constitution.
- (13) Unintelligible.
- (14) Shaving oars.<gai>
- (15) Aon.
- (16) Ann.
- (17) <eng>King of Charms.
- (18) Guin, stitch.<gai>
- (19) Failbheag.
- (20) Albainn.
- (21) <eng>Round rock.<gai>
- (22) Bheir soiri.
- (23) Rion bhi agam bu bhreagh oidin.
- (24) Seirc.
- (25) Gheall e nar philleadh e chuairt.
- (26) Na 'm faighinn.

55

An tri sgiatha is an tri sleagha  
Ann san leabai dhuinn gu minic  
Cuirì' an tri cloi' cruadha  
Sint' osceann uaigh nan gillaibh

56

An tri conaibh is an tri sealbhaic  
Biatar am feasd gun luchd seilge  
Tri triari choimhead catha  
Triar dhalaibh chonnail chearnaich.

57

Tri iallaima nan tri Iun sin  
Do bhuin osna o mo chridhe  
'S ann agamsa do bhiodh an tasgai'  
Ga 'm faicsin is aobhar caoi.

58

Och is truagh mo shealla orra  
'S e dh'fhag mi fo dhochair is fo thuirse  
Trua' nach deach mise san talamh  
Sol fa 'n do mharbha clann uisnich,

59

O 's truagh ar tuirse le Fergus  
Gur cealgach chum na craobh ruaidhe  
Le na briara blasda binne  
Fadh ma n' mhilleadh sibh aon uair

60

Och 's mise Deirdir gun aoibhneas  
Anis aig criochnacha mo bheatha  
Bronnfam do 'n triar mo thri pogaibh  
Is duinas ann am bron mo laeth.

O. 15. DEIRDRE NO CLANN USNACHAN.

<eng>Dr. Irvine's MS., page 79. 312 lines. Copied by Malcolm Macphail.  
Edinburgh, March 29, 1872.

The name of the heroine in this poem is Tirfail, not Dearduil. It seems a different poem altogether from Mac Pherson's Darthula; only the names of the three brothers are the same. Deirdre, indeed, is mentioned as her name. And one is at a loss whether the poet gives two names, or whether the poem is a part of two poems. The beginning does not correspond with what follows. (Note by IRVINE.)<gai>

1

FAOIN do shuan oigh na maise,  
An leabaidh fhuar an cois na traigh;  
Mo chridhe tha briste le taise,  
Dom' Dhan glaiste do bhraigh,

2

Tigh gun leus do chomhnuidh  
Bronach do dhaimh 's do chairdean.

. . . . .

3

Turas gu 'n deachadh iad air luing,  
Uainn clann Usnachan ionmhuin;  
Dh' fhag iad Deirdre san Duth,  
Am beinn Ardre 'nan aonar.

4

La is bliadhna dhuinn mar sin,  
Am beinn Ardre nar n-aonar;  
'Se thuirt an Duth dis ruim,  
Ar bainis is mithich a dheanamh.

5

Ar bainis cha' n' eil am fath,  
Ni mo nitear i gu brath;  
Aig gun tig iad dhathaidh slan,  
Cloinn Usnachan an ceann bliadhna.

6

Cinnteach bithidh tu gu dith,  
Ged fhaigheadh tu 'm bas g'an cumhadh;  
Bithidh tusa 'san Dubh san aon leab,  
Aig an teid an ur thar a leachd. (leac)

7

Sealladh gu 'n tugas a mach,  
Air bordaibh a Bharra bhraoin;  
'S ionmhuin an truir chuantaidh chas, (chuantair)  
A shnamhas an cuan dhathigh.

8

Ardan is Ailda air an Stuir,  
A dhimras gu h-ardanach tuinn;  
Mo ruin an glac lamhach geal,  
'S e m' fhear fein tha stuiradh sud.

9

Na tigeadh smid as do bheul,  
O Ille Duith nam fann sgeul;  
Marbhar thu gun chiont dhe,  
Ma ni mu 'n creuda iad mise.

10

A chloinn Usnachan nan each,  
A thainig à tir nam fear fuileach;  
Ad' fhidir sibh tair o neach,  
No ciod a ghraidh a bha g'ar cumail?

11

'Se bha g'ar cumail bhi dol uat  
'S ann duinne gu 'm b' fhuileach an ruaig;  
Niall Mac Frasgan ceann fhear fail  
Bhi g'ar fastail 's g'ar cumail,

12

Cait an robh iad bhur n-airm ghaisge,  
An uair a dh' otha sibh bhur glaca?  
Do Niall Mac Frasgain ceann fhear fail,  
Gu bhitheadh g'ar fastail no g'ar cumail.

13

Codal gu 'n d' rinneas 'nar luing  
Air onfha na Mara thruim;  
M'an d' fharaich sinn bi na ce (no dhur)  
Dh' iadh na sè longa deug umainn.

14

Cha mhise nach d' innis sin duibh,  
Chloinn Usnachan ionmhuin;  
Cadaf fada 's beag a thlachd,  
Do dhuine 'se air Dheorachd. (Thorachd)

15

'S ann a chuir e sinn an uamhain,  
Fada, fada fo thalmhain;  
Far an tigeadh Tharrainn an saile,  
Tri nao uairean san aon la.

16

'San sin nuair thainig e g'ar fios  
An tir-fail bu ghile cneas;  
Ghabh i gne mhor g'ar truaigh,  
Bandrach ur na craoibh ruaidh.

17

Cha robh bian eilde na aigh,  
A fhuar a nighean an Dun a h-athar;  
Nach do chuir an og bhean a b' fhearr tuigse,  
Eadar sinne sam fìor uisge.

18

Dh' imich i do Dhun a h-athar,  
Tir-fail an fhuilt mhaoth sgathaich;  
Fuaradh a h-athair san Dun,  
'Sa chairdean uile m'a thiomchuill.

19

Thigsa a'm' chogair a Thirfail (Thirbhail),  
Ribhinn fharasda dhonn thla;  
An sgeul a cheileas mi air chach,  
A ghraidh g'un innsin duitse,

20

Mari gur olc run nam ban,  
Innsidh iad sa' chuil na chluinneas,  
'S dona 'n run a bhitheadh ann,  
Nuair cheileadh tu i air h-aon nighean.

21

Ghleithinn seachd blaidhna i gun fhios,  
Fom' chich thosgail an tasgaidh:  
. . . . .

22

Chuir rìgh Eirin fios an traigh,  
Gur math Uaisle Innsefail;  
Gu faighinnse luchd mo luinge,  
Dh' or dh' airgiod, a dh' aon druinne,

23

Na cimich a chur, gun fheall,  
Dha amarach air chuain na h-Eirin.

. . . . .

24

Leag a nighean osnadh throm,  
As a cridhe fein gun charg la;  
Chlìsg aisnichean an tighe,  
Le aon osna na h-Inghin.

25

G'e b'e leag an osnadh throm,  
Ri gur ionmhuin leis na cimich;  
'S mise leag an osnadh throm,  
Na cimich gur coma leam.

26

Tha earrainn ann am thaobh cli  
Gu marbhadh i caogaid rìgh;  
Tha earrainn eile a' m' thaobh dheas,  
Is i air luain tharis agam.

27

Sin gur thainig i g'ar fios  
An Tirfaile bu ghile cneas;  
An robh thu anns an Dun ud thall,  
No 'n cual thu aithris oirnn ann?

28

Bha mi anns an Dun ud thall,  
'S bochd an aithris bh' oirbh ann;  
Chuir rìgh Eirin fios an traigh,  
Gu math naisle Innsefail.

29

Gu 'm faigheadh m' athairse luchd a luinge,  
Dh' or dh' airgiod a dh' aon druinne;  
Is sibhse chuir gun fheall,  
Do mairach air chuain na h-Eirin.

[TD 25]

30

Ach sinibh thugamsa ur casan,  
'S gu' n tomhais mi na glassan;  
Ni 'm fag mi bonn air dhi cuimhne,  
Air fad mi leud, no air doimhne.

31

Rainig ise an ceird cluanach,  
Fhuaras ord Gobha na laimh;  
Is e ga shior bhualadh air innan.

. . . . .

32

'S neonach leam thu a nighean rìgh,  
A bhi falbh oidhche ann am chadal.  
'Se bheireadh dhomhsa bhi falbh oidhche,  
Cor m' fhaoineachd a bhi agad. (coir)

33

'S naorachd mise a bhi beo,  
'S coir a fhaoineachd a bhi agam;  
'S an ceann Dubh-sa thair mo bhragaid,  
Gur tu rinn dhomhsa a ghleithheadh.

34

Bha mi la pronna oir,  
An ceardach t-athar an Cluanaidh;  
Choinnicheadh ormsa an t-or a ghaideadh,  
'S gu 'm bu sgeul sid air namhaid.

35

Mire gu 'n rinneas a' m' luing,  
Air onfha no mara thruim;  
Thuit uichrichean m' athar thar bord,  
'S truagh gun mise nan struth lorg.

36

Rinn an Gobha na h-uichrichean buadha,  
Dhi ri fatail na h-aon uaire,  
. . . . .

37

Na tigeadh smid as do bheul,  
Moch no anmoch, no ma fheasgar.  
Aig an inneas an Grinneal e!  
No 'n t-innean air an deach an DH deanamh,

38

Sin gur thainig i gur fios,  
An Tirfail bu ghile cneas!  
. . . . .

39

Sinibh thuganisa bhur cassan  
'S gum fosgail mi na glasan,  
Mar dh' fhag mi bonn air dhi cuimhne.  
Air fad' air laid no air doimhne,

40

Thug Naois an leum gu h-ealachain,  
Ardan a b' aillde co allsa,  
Ailde an deaghai uin.  
. . .

41

An triur bhrathran bu mhath dìongail:  
Bheil sibh nise air 'ur cois?  
No bheil a bhos na ni 'ur dìongail,  
. . . . .

42

No' m bitheadh againn ar tri claidhean.  
Agus lon chuig oidhchean,  
Solus ceire leth mar leth.  
'S gu 'm bu leir dhuinn aghaidh a cheile,

43

Chaidh i dh' iarraidh nan tri claidhean,  
Cha b' e faoidh a b' fhusa dheanamh;  
Rainig i Gille an t-seomair,  
An ribhinn ur m' an iadh an t-Omar.

44

'S neona leam a nighean righ,  
Bhi falbh oidhche ann am chadal;  
'S e bheireadh dhomh bhi falbh oidhche,  
Coir m' fhaoineachd a bhi agad.

45

Na deanamsa ceartas dionnai,  
Nighean an righ o Dhun Meara;  
Tha mi 'g iarraidh nan tri claidhean,  
Agus lòn chuig oidhchean.

46

Solus ceire leth mar leth,  
'S gum bu leir dhuinn aghaidh a cheile,  
. . . . .

47

Cìod a dheanadh tu 'de chloidhe,  
A nighean righ ard fhilathail,  
'S nach b' urrainn thu chuir leis catha,  
No thoirt leis latha seirbhis?

48

Bheirinn cloidhe dhiu' mar ghìt,  
Do mhac a fhuair righ ri Ribhinn;  
Bheirinn cloidhe eile dhiubh,  
Do cheud marcach nan each cuin

49

Bheirinn cloidhe eile dhiubh,  
Do ard mharascail mo luinge;  
Leag i na naoi piosan oir,  
Air a bhord air son nam tri chloidhean.

50

Sin gur thainig i g'ar fios,  
An Tirfail bu gile cneas;  
Tha long aig m' athairse air sal,  
Roimhe thall air chluan Ciaran.

51

Cuigar agletha na luinge,  
Aon fhear mor ann os gach duine;  
Ach buailibh cothromach ceart,  
Bhur tri buillean san aon alt.

52

Ge bu dorcha dubh an oidhche,  
Bu neo-bhorb a rinn sinn iomra;  
Bhuail sinn gu cothromach ceart  
Na tri buillean san oan alt.

53

Thigsa nad luing Thirfail,

A ribhinn fharasda dhonn thla;  
Cha bhi ach aon bhean os do cheann,  
Anns na crìochaibh Gaileach againne.

54

Cum an rachainn ann ad luing  
'S luithead Mac rìgh tha m' iarraidh;  
No gu 'm falbhain fein am braid.  
Air sgath buidhne coimheach eile.

55

Tilgidh iad ortsa gheal ghlonnach.  
. . . . .

56

M'as fìor gu bheil thu torrach;  
Luaidhear air fearaibh na h-Eirin e,  
'S aon nighean mi do 'n rìgh,  
'S mothaid dhe sud mo phris.

57

'S dona an t-aran re seal,  
Nach tabhair aon ian an cala;  
Ach bheirinn bliadhna air a ghaol,  
Agus bliadhna air a ghradh.

58

Bliadhna eile cheann bhi bhos,  
An ceann chuig mìle bliadhna; (bile)  
Thig se an sin am iarraidh.  
. . . . .

59

A ghraidh fein mar dean thu sin,  
Taghsa bean san tìr an tachair.

60

(Thug Naois a mhionnan gu sior,  
As ludh e gu dian eutrom oirnn;  
Nach cuireadh e ormsa gruaim,  
Aig an tìgeadh suain na marbh (racha e 'n)

61

Thug a bhean sin o Dhuntreoir,  
A mionnan mòr 'sa boid mhearr,  
Aig an rachadh Naois an eug,  
Nach racha i fein à d' fhear.)

ERRAINN AIR CHALL.

62

Ach na cluinneadh ise nochd,  
Naois a bhi fo bhrod nan creuchd;  
Gu guileadh i fein gu goirt.  
Is ghuilinsa man seach da reir.

<eng>This from Capt. Morrison, 2nd Dec., 1802.<gai>

63

Thug iad a mach as mo dheigh,

Ailld is Ardan air an t-snamh;  
Is thug iad leo mi gu tir,  
An dithis a chuir cath air cheud.

64

Nuair a shoillsich dhuinne an lo,  
Dhuin umainn an dall cheo;  
Sann ghabh ar currach tir,  
Fo mhor bhaile an ard righ.

65

Thainig Conchar a mach,  
'Sa chairdean uile ma thiomchìol;  
Labhair e gu broddan bras,  
Co na laoich tha air an loingeas?

66

Clann do pheathar fein th' ann,  
Nan suidh an Eathar ur ramh; (fhriamh)  
. . . . .

67

Cha chlann peathar dhomhsa sibh,  
Cha 'n e an gnìomh a rinn sibh orm.  
Ach mo mhaslacha' gun fheall,  
Thar fearaibh Uaisle na h-Eirin.

[TD 26]

68

Ma thug sinne uat do bhean,  
Deardre fhuichar lamh gheal;  
Rinn sinn baigh bheag eile ruit,  
Be so àm a cuimhneachadh.

69

Ann la chuir Murcha Mac Lir,  
Na seachd Cathan beinn Eduin;  
Chuir sinn thu an Innis au Iul,  
Bha sinn an là sin a dh' aon run.

70

Ged dheanadh ruim mìle baigh,  
Air mo bhuidheacheas, gu fìor;  
Bhur sith cha 'n fhaigh gun doghair,  
O 'n rìgh sin Conach odhar.

71

Rinn sinn baigh bheag eile ruit,  
B'e so àm a cuimhneachadh;  
An la bhris do long air sal,  
Lan do airgiod, lan do or,

72

Thug sinn dhuit ar long fein,  
Is shnamh sinn an cuain ma d' thiomchill;  
Ged dheanadh sibh ruim mìle baigh,  
Bhur sith cha 'n fhaigh sibh gu brath.  
(1) Ach gach dìth is motha dh' fheudainn.

73

Eirich a Naois, glac do chloidhe,  
Dheagh Mhic righ ard fhathail,  
Chuir Naois 'n sin a chos thar bord,  
Ardan is Ailde na sthruth lorg.

<eng>Part wanting.<gai>

74

Cha bhas leam anis 'ur bas,  
Chloinn Usnachan gun aois;  
O na thuit e leibh gun fheall,  
Treas Marcaich Uasail na h-Eirin.

75

Dheardhre thigsa as do luing.  
. . . . .  
Cum an rachainn as mo luing,  
Gun mo cheud ragha ath-chanaich.

76

Cha chrobh, cha 'n airgiod, cha 'n oir,  
Cha choilich ghreagha, cha 'n eich uabhrach;  
Ach cead comas dol an traigh,  
Far am bheil clann Usnachan.

77

Thoirt m' fhios gu 'n tugadh gradh,  
Da na corpan cneas gheal;  
. . . . .

78

Sgaoil iad a folt buigh bàn,  
Air an ribhinn fharasda dhuin thla,  
Chum nach tugadh i am braid,  
Letha imrach cro na snaide.

79

Ach aon fhail oir bha ma meur,  
Gun a thiot e sid na bheul;  
Dh' imich e 'n sin do 'n traigh,  
Far an robh clann Usnachan.

80

'S e fhuair ise 'n sin san traigh,  
Saor a snaighe a ramh;  
Shaoir sinn a shnaigheas na raimh,  
Gu'm bitheadh a chorc roinn gheur.

81

'Se bheirinn dhuitsa g'a ceann,  
An aon fhail oir 's fearr bha 'n Eirin;  
Ghabh an saor meanma goirt,  
Thug e do Dheardre a chorc.

82

Dh' imich i an sin do 'n traigh,  
Far an robh clann Usnachan;  
'S e fhuair i 'n sin gun agadh,

An tri chuirp sinnte sios co fada.

83

Chuir i sios a beul ri beul,  
A taobh ri taobh, sa gluin ti gluin;  
Ghabh i 'n sgian gheur 'na cridhe,  
Is fhuair i bas gun aithreachas.

84

(Druid a null a craois eolaich,  
Mhath is uilc 's tu fein a dh' araich;  
Nan suilicha marbh roimh bheo,  
Gun suilicha tusa ro' amse.)

<eng>This from Capt. Morrison, 2nd Dec., 1802.<gai>

85

Ranaig Conach Odhar an traigh,  
Is cuig ceud an coinneamh a mhnaoi;  
'Se fhuair e 'n sin gun agadh,  
Na ceithir chuirp sinnte sios cho fhada.

86

Mile mallachd, mile meang (mairg)  
Air a cheill ata 'gam chumail;  
Air a cheill thug ormsa deagh (dhe)  
Chlann mo pheathar fein a mharbhadh.

87

Tha iadsan gun anam dhe,  
Tha mise gun Dheardre agam;  
Dh' adhlaic iad sios an cluan Eggir,  
Naois is Deardre san aon leaba.

88

Chinneadh lusan as an uaigh,  
Thigeadh thuige à deas 'sa tuath;  
G'e b'e chuireadh air a bharr,  
Bu leis a cheud ragha ath-chuinaich.

89

Nam bithinnse an Turin nam buadh,  
Nochd fein ga fuar an oidhche;  
Chuirinn snaim air a bharr,  
No bhitheadh an crann air criona.

Neolan.

<eng>From Donald McIver, alias Robertson, foxhunter, as before mentioned,  
Loch Tayside.<gai>

Q. 6. AOIDHEADH CHLAINN UISNICH. <eng>364 lines.

Stewart's Collection, p. 562.<gai>

1

A CHLANN Uisnich nan each geala,  
A's sibh an tìr nam fear fuileach,  
Ciod e do bhi air ur n-eachaibh,

Na 'n ceann fath ata 'g ur cumail?

2

Ata 'g ur cumail fada uainn?  
A's gur leibh chuireadh an ruaig,  
D' a'n lamhadh bagad ur nàmh  
Ur 'n amladh anns a chumasg.

3

Ach chuireadh leibh ur long a mach,  
A chaitheadh a chuain gu h-eolach,  
Bha Naos subhach ga seoladh,  
A's Aille, maise nan ògan.

4

Bha Ardan bu deise ga stiuireadh  
Air freasdal a dhithis bhrathar iulmhor,  
Codal shùl is beag a thlachd  
Do'n mhnaoi tha ac air deoraidheachd.

5

Tha an ghaoth gun eisiomail ri'n sceimh,  
A' cleachd r'an trilsibh grinne, reidhe,  
A's mar an oiche tha folach a boichead,  
Tha Dearduil dubhach, dubhrònach.

6

Dearduil thug barrachd an ailleachd,  
Air mnaibh eile na h-Eirin.  
Ni choimeasar rithise càch,  
Ach mar bhaideal air sgà na reultaig.

7

'Ciod e fath do thùrsa a bhean?  
A's sinne beo re do bheatha,  
A's nach aithne dhuinn neach d'ar buadhach,  
An ceithir bruachaibh an domhain.'

8

'Aisling chunnacas an raoir  
Oirbhse a thriuir brathar barra-chaoin:  
Ur cuibhreach, a's ur cur san uaigh,  
Leis a Chonachar chlaon, ruadh.'

9

'Air chlachaibh sin, a's air chrannaibh,  
A's air lachaibh nan linntean,  
A's air cuileanaibh nan fiadh-chon,  
A's air iorball fiar an t-sionnaich.

10

Ciod e bheir sinn an dàil an laoich?  
A's fairsineachd na fairge a mach,  
A's a liuthad cala, caol, a's cuain,  
'S am feudamaid tarruing gun uamhas.'

11

Ceadal na h-òig mhna ni'm b'fhaoin,  
A's diomhaoin spairneadh ri gaoith,  
Loch Eite bu chian o'n iul,

A's Conuill na crannghail ùire.

12

Cha tig soirbheas a deas mo nuar!  
Cha'n islich frith na gaoith tuath,  
Cha tig Naos air ais ri a rè,  
Cha tog e ri brughach an fhèigh.

(1) <eng>Added.<gai>

[TD 27]

13

Ris tha Cuiguladh a dlùthadh,  
A's Conachar an gar na mhùr ud,  
A's an tir sin uile fudh smachd,  
Anns na ghabh Dearduil dhe (1) tlachd.

14

Bu shoineamhail le Dearduil an t òg,  
Agus aghaidh mar shoillse an lò;  
Air li an fhithich bha ghruag,  
Bu deirge na an subh a ghruaidh.

15

Bha chneas mar chobhar nan sruth,  
A's mar uisge bailbh a ghuth;  
Bha chridhe fearail, fial,  
A's aobhach ciuin mar a ghrian.

16

'Nuair a dh'eirgheadh a fhraoch, a's fhearg,  
Bi choimeas an fhairge ghar,  
B'ionann agus neart a tonn,  
Fuaim na lainn aig an t-sonn.

17

Mar reothart a buinne borb,  
Bha e san araich fri streapa cholg,  
Anns am facas le Dearduil' e'n tùs,  
A's i coimhead o mhullach an Dùin.

18

'Ionmhuinn,' ars an oigh thlath,  
'An t-aineol o bhlàr nam bèud,  
Is goirt le cridhe a mhàthar,  
And yellow shafts smoothly you'd see.'

Those knives are called by us Durks, and Fingal was the first contriver of them.

The day of the feast came, and there was joy and mirth within their sounding Halls; there was conditions of peace thought to be betwixt them, but it happened before the feast was over that their foul deeds appeared. Fingal gave to every one of his companions a durk (called by them a hiding knife), and he ordered them, at the hindmost end of the feast, when he would give them notice to make with their new made arms venison for the Gr . . . . . Denmark's valiant men. Then the King of Denmark came with his men to Fingal's house with gr . . . . . who was saluted very generously by them.

[TD 36]

Then when dinner was prepared for them, and when it was ready, both were called. Fingal placed the King's men and his own, man by man according to his rank, and the music of bards was heard in their presence, when dinner was ended, Fingal stabbed his own durk in a piece of beef on the table. Immediately every one of his men stabled the King's men, and there was none left but the King himself, who was made prisoner. The King of Denmark then promised to Fingal the one fourth part of Ireland to himself now and for ever, and a great reward for to defend the rest from any other brutal force, if he would not trouble him any more (unless it would be his own fault), and to let him at liberty, which Fingal promised to do (and performed all his days), for the reward; since Fingal was called the King of Innis' fail, a county in Ireland, called now Leinster.

When Fingal had settled in Ireland, and had peace, he was coming twice a year to Scotland to visit his mother's friends, Chlanna Morna (the Heroes of Scotland) and to hunting, then Goll their King and Fingal joined together and made one company, and their chief command was given to Fingal, then he had the chief command of all the wester cost of Scotland and Ireland. Then he fortified places fit for building, and settled the people which he had under his command, nor was he less assisted in that matter by good conduct than by good fortune, for he was invested among them with regal authority with kingdoms. [? Quotation.] [Fingal's wisdom and bravery triumphed over brutal force; or another nobler still, that the most compleat victory over an enemy is obtained by that moderation and generosity which convert him to a friend. Here, indeed, in the character and description of Fingal, Ossian triumphs almost unrivalled; for we may boldly defy all antiquity to show us any Hero equal to Fingal. Throughout the whole of Ossian's works, he is presented to us in all the variety of lights which give the full display of a character. In him occur almost all the qualities that can ennoble human nature, that can either make us admire the hero or love the man. He was not only unconquerable in war, but he made his people happy by his wisdom in the days of peace. He was truly the father of his people, and distinguished on every occasion by humanity and generosity. He was merciful to his foes, full of affection to his children, full of concern about his friends; he was surrounded with his family, and he instructs them all in the principles of virtue peculiar to that age. He was universal protector of the distressed, whether they would be guilty or guiltless; none of such ever went sad from Fingal; as it may be observed by the following advice to his grandson Oscar:—

'Oscar, bend the strong in arms,  
But spare the feeble hand;  
Be thou a stream of many tides  
Against thy foes in war,  
But like the gale that moves the grass  
To those who ask thine aid.'

Fingal says likewise, 'My arm was the support of the injured; the weak rested behind the lightning of my steel.' These were the maxims of true heroism, to which he formed his grandson. Fingal's fame was represented as everywhere spread, the greatest Heroes acknowledged his superiority, his enemies trembled at his name, and the highest encomium that can be bestowed on one whom the poet would most exalt, is to say, 'That his soul was like the soul of Fingal.'] [? Quotation ended?]

Fingal and his heroes combined in strength, wealth, and reputation till decrepit old age was coming upon them, then they were decreasing daily. Fingal in his latter days had his dwelling-place in the Isle of Sky (which was called at that time the Isle of Mist), and the house was built on a hill above the place where Mac Kinivin's old castle lies, the north-west side of Caol reth, and they were still hunting through Sky since it was the best place for hunting at that time, for vanison was very scarce then for a while in both Scotland and Ireland, and they began to till the top of the mountains where it was bare without wood to support them; then the Heroes became lean and poor, but the women were not so, they wondered how comely and fair the women looked besides themselves. The women were always making their drink of the decoction of Southern wood, raspberries, and the like, and supposed that drink was the reason of their complexion being so fair, and besides they were keeping the best pieces of the venison and dressing it for themselves unknown to the Heroes when they would be absent. One day they went to the continent opposite to them to hunt, and they left Garbh unknown to their women in the house for to see what entertainments they would have, besides themselves. Garbh was in his bed after the rest went off for to watch the women, he fell into a deep sleep, and snored, the women heard him and immediately came to him, and tied his hair on both sides of his head, and wove it again into three plaits, and fastened it to wooden pins, and put it in the ground; they went out of the house, then every one of them cried, 'Huza, huza, huza,' with a loud voice, then Garbh wakened suddenly out of his sleep (for he thought that the enemy was at hand) and left all his hair of his head with the skin to the pins, and came out in that pitiful condition, and some of the women were laughing at him. When he had seen how he was with their contrivance, and how heartily they were laughing at his calamity, he went immediately to the wood, pulled trees out of their roots and made faggots of them, and brought them home with all speed. When he came he found the women in the house, he locked them in and put a faggot burning in every corner of the house till he set it on fire and all the women within it. Afterwards Garbh ran away into a cave to hide himself from the Heroes; Fingal had seen the house on fire, he called all his men together, and they ran in hopes that they would quench it, and jumped over the small Sound (that is betwixt Sky and the land) on their shields (accept one of them who was called Mac Reth, he was drowned there, and they called that sound Caolreth since that day). When the house could not be quenched but destroyed with the fire, and all their women, children, and furniture ruined, they searched all places about for Garbh (when Fingal told them by southsaying who was the destroyer), and found him in a cave, they conjured him to come out, and examined him about the matter, he told them the truth how all things happened. Then Fingal condemned him to be put to death. Garbh asked a petition of Fingal before he would be banished, that was granted him (for Fingal never refused a petition to any person, and particularly the distressed). Garbh's petition was that he would be beheaded on Fingal's thigh by Fingal's own sword, by the hand of Oscar (the strongest man), then they were all afraid that Fingal would loose his leg, then they thought proper to let Garbh away than to kill him upon Fingal's thigh; then some of them ordered Fingal's thigh to be buried seven feet deep in the earth, and to laid his head above Fingal's

thigh upon the earth (since it would not break Fingal's promise) then Oscar cut his head off, and with the force of the stroke Fingal's leg was cut above the knee. Then he went to Rome with his attendance for to cure his leg, and left Oscar in his stead. Before he came home the battle of Cathcabhara was fought between Oscar and Cairdadh, the King of Ireland. Oscar and almost all his men were slain; a few days after the battle was fought Fingal came home and found a few number of his famous champions alive lamenting Oscar; and we hear no more of their deeds afterwards.

After so particular examination of Fingal, I proceed to make some observations on Ossian.

Ossian lived after them all in Ireland, in the house of his daughter, who was married to Peter Mac Alpin, a man that came from Rome to instruct them in the principles of Religion there. It was that man that was writing all histories and poems of the Heroes which Ossian told him in his latter days, but never published till this age, when there is but few fragments of them to be got. The following is collected from the oldest men, who lives at present in this wester side of Scotland.

[Here follows a manifest quotation.]

Ossian had all the art and skill of pure poetry. He had the spirit, the fire, the inspiration of a poet.

He utter the voice of nature, he elevates by his sentiments. He interests by his description. He paint the heart as well as the fancy. He makes his readers glow and tremble and weep. These are the great characteristics of pure poetry. He breath nothing of cheerfulness as he expreseth himself.

How sorrowful is this old age to me, thinking on the warrior's famous deeds. Like an oak tree in desert most cold after my sheltered neighbour's laid down low.

This is a melancholy verse of Ossian, in which he compares himself to an ancient oak mouldering alone in his place, that the terrible blasts of Eolus with her cold breezes hath laid down the rest and looped his branches away.

His continual grief was of thinking that he was left alone to suffer infirmities and sorrow after all the Heroes among whom he flourished. Other times he would cheer himself thinking on their past wars, loves, and friendships. He was not like modern bards, he did not sung for to please readers and critics, for to gain food or raiment, but for to spread their fame, reputation, and generosity thro' the world, and to reveal his love to them. I do not pre-

[TD 37]

tend to say any more of him, for I think it too tedious, but let the reader observe the following versification:—

After this follows the First Collection, which I have arranged with other versions below.—J. F. C.<gai>

P. 1. THAOBH BREITH FHINN-IC CUBHAILL, &c.

<eng>378 lines prose.

Staffa's Collection, page 1. Advocates' Library, Feb. 15, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

THIS fragment, written about 1800, in Mull, contains bits of 'The Battle of Magh Muchdram;' of 'Fionn's Youth;' of the 'Birth of Cormac Mac Art;' and the 'Battle of Gabhra,' all mixed in a strange fashion. It shows the tangle into which tradition gets when it has nearly forgotten an old story.<gai>

SAN amsa bha rioghachd Eirinn roinnte na cuig earrannabh; agus Riogh air gach earrinn dhiubh. B'e athair Fhinn a b' urramicha do 'n iomlan. Bha buan-chogadh eidar athair Fhinn agus aon do na righribh sin.

Air chor 'us man do sguir a Righ ainminnach sin, gun do sgios e an t-iomlan do luchd leanmhuinn athair Fhinn. Ach bha sean fhaith-darichd na measg, ag innsa gun tachradh na nitheamhsa, ach gu fagadh e na dheidh do 'n fhuil Rioghail, na bhuidhnidh a choir air a h-ais. An latha blair mu dheiridh a thug iad, chuaidh athair Fhinn a stigh do thigh Gobhinn. Cha rabh neach a stigh ach ninghin a ghobha. Luidh e leatha, 'us ghabh e thurus gu dol a chumail a bhlaire. Tamull. beag na dheigh sin thainig an gobha steach, agus air geur-bheachdachadh air gnuis a ninghin, a deir se rithe, 's ioghna' leam a ninghin, an coltas ata ortsan drast, seach 'nuair a dh' fhag mis u. Ciod e so deir ise? Tha deir eisan gu rabh ros g Brisg maighdinn agad 'nuair a chuaidh mi mach: Agus tha ros g mall mna agad a nois. Cha neil firinn ann sna briathribh sin deir si. Tha ars eisan le feirg, agus bheir mi 'n ceann dhiot mar dean u aidmhaile shaor agus fhirinneach dhamhs' air a mhionaid. Le h-eagal dh' innis I ga h-athair gun rabh an Righ a dh' fhear aice. Se mo ghuidheasa ri Dia arsa 'n gobhuinn gun eisan a philleadh air ais ni 's mo. Agus is amhluidh thachair. Dh' orduich an Righ agus a chomairle gum biodh ninghin a ghobhinn air a cur ann am priosan, agus air a coimhead ann gu am a h-asaid. Agus air ball chuaidh orda an Righ a chuir an gnìomh an graddadh.

Chaidh faire agus coimhead churamach a chur orra. Aig ceann naoi mìosan iomlan dh' fhàs Cumhall tinn re saothair chloinne, agus rug I ninghin. Air faichdinn so do luchd a gheard agus na faire dh' fhag iad i agus ruith iad leis an ait-sgeuladh' ionnsuidh an righ, agus cha do phill iad ni bu mo. Ach mo dheiridh na h-aoichasa fein rug i mac. Cha rabh neach sam bith a dheanamh frithealadh dhith san ams' ach Luas Lurgann, Ninghin muim 'us Aoida 'n Righ dhleasanich. Cho-luath sa rugadh an leanamh mic, thog Luas Lurgann an earball a còt' e agus theich i 'us cha rabh fios caite. Rainig i cu'pan Saor a brathair, am fear ceard a b' fhearr a bha 'n Eirinn an uair sin. Leig i a ruin ris ag innse dha gach ni mar a thachair. Buichas do Dhia ars eisa mar ata chuis. Ciod e fios nach digeadh an Tarrgeannachd fathast air a chois. Ach caite nois an deid sinn am falach leis. Theid ars ise do Choill-Ulltich. Dh' fhalbh i fein agus a brathair fuidh dhuibhre na h-oidhche gun stad gun fhois, gun an do rainig iad meadhon na coilltich. Nois deir ise cladhich leaba-dhuinn ann an craoibh mhòir dhiubh sin, far am be mise agus an leanamh ann an tearuinnteachd. Rinn a brathair mar a dh' iarr i. agus chuir e dorus ris an aite dhethn chraoibh le chairt air chor 'us nach bu chomasach do neach sam bith aithnachadh na fhaotinn a mach.

Thug Luas Lurgann suil mu 'n cuart agus thubhairt i ri brathair, faic arsa ise an fhailinn ta gu h-iosal an so. Air sealtuinn dhasan gu mion. Ghlac a phiuthar an tuadh agus chuir a dheth an ceann. Nois ars ise cha 'n eil fear ruin ach mi fein. Bha i na dheidh so a siubhal sear agus iar a' cruinneachadh gach ni dh' fhaodadh i dhi fein agus do 'n leanamh. Rachadh i scriob feadh nam bailtin mora bu dluthuidh dhi, agus air

uairibh do thigh a ghobhainn. Ach cha d' fhiosruich e riamh dhith cait an rabh odha, na ciod e bu chor dha, ged bha fios aig gur i thug leathe e oir dh' eug Cubhall a mhathair an uine ghearr an deidh an leanamh a bhreith.

Bha n' t' oganach a fas ann an aois agus ann an tur. Agus cho luath sa thainig caint dha thoisich i air fhaolim, agus air Scoil a thoirt dha agus air uairibh a cluicha leis air clar-Tathlisc, &c. Agus air fas ni bu neartmhoire dha rachadh e fein agus ise choimruith gu mullac Beinn-Eadinn. Ach man toisichidh iad comhruith bhuanidh iad le h-ordanse da gheig dhreathunn, agus chuireadh i easan air thoisach le teann orda ag iarraidh air e ga thoirt fein as orra. Bhiodh i air a dheidh a ghnath a gabhail air mo chul nan cas a stroichdidh chraichdinn agus na feola la cheile.

Ged bu chruaidh so b' fheudar fhullann car seal. Ach gach aon la mar a bha teachd, bha esan a fas ni bu chruaidhe, 'us ni bu luaithe, 'us ni bu neartmhoire. Air chor 'us nach robh an comas da mhuime, urid 'us aon bhuille thabhairt dha. Bha e nois na chomas agas bha e ga dheanamh, se sin re ràdh, gun rabh e nois ga paidheadh le riadh. Na dheid sin thoisich i air fhaolum re fearasbhodha agus ri cluich-Iomain, &c. Air dhi fhaoghlum air gach ealain a b' eol di. Dh' innis i dha co e, cionnus a thainig e; agus ciod e bha aige re dheanamh, 'us re thabhairt gu crìoch, agus aire ro mhathathoirt dha fein air eagal gun digidh an ceam dheth.

Nois Eudail na fear ars ise theid thusa 'n diugh leamsa dh' ionnsuidh na cluich-Iomain ta gu bhi air a chumail sa bhaile-mhor-rioghail. Dh' aonntuich e leatha sa chuis ged nach b' ann le dheoin. Dh' fhalbh iad le cheile, 'us ghabh iad an turus, agus air dhoibh teachd dluth do 'n bhaile chuaidh ise do aite uaignich, ach ghabh esan gun athadh gun aodenas, roimh aon neach uasal na an-uasal. Ach gam brudhadh 'us gam pronnidh thall sa bhos. Air chor 'us gum bu leis buaidh gach buille agus Bàir an la sin. Bha iad mar so car dha na tri do laithibh 'us casaid ur agus thrichd a ruidheachd cluasan an Rìgh air a ghille luideagach bhàn nach rabh fhios co, cia as da. B'ann mo am nan Nolluig a thachair na nithibhsa, 'us b'e Diluain-an t-sainnseail, an latha mor agus deirinnach don fheisd, agus don Iomain. Thuirt an Rìgh theid mise am phearsuinn fein a choimheadh air, agus chi mi ciod us coltas da. Us amhluidh bha thainig an Rìgh agus an gille-ban, agus Luas-Lurgunn a mhuime a geur choimhead air a garridh uaignich fein. Oir cha bheo dhealichidh i ris. Thoisich an gille ban an lathasa mar b' abhaist.

<eng>[Pedigree.]<gai> Ciod e 'n gille fionn ban ud ars an Rìgh tha mort sa marbhadh nan daoine. Na fanidh e agam fein chuirinn eudach, us earradh air, oir tha coltas foghuinntich air. Thuirt a mhuime 'us i tabhairt an deasachidh sin orra fein, le basibh gam bualidh eir a cheila, ag rà. O! eudail do na fearibh, b' fhad' thusa gun bhaistidh. Ach tha u 'n dingh air do bhaistidh da rireadh, agus 'us tusa sin Fionn Mac Cubhail, mhic Ludich, mhic Treunmhoir, mhic Chlama Baoisga h-Eirinn a Rìghdh-leasan nich agus ard rìgh Eirinn fein ge do thugadh do choir uait le ainneart agus le h-eucoir, aich soirbhichidh leat agus gheibh u lamh an uachdar air do naimhdin, &c. Dh' eirich i agus ri siubhal a ghabh i fein agus Fionn. Agus ri siubhal nan deidh a ghabh muintir an Rìgh a chois 'us do dh' each, 'us chuir iad an ruaig agus an toir orra gu teann. Bha Luas-Lurgann a fas sgith agus fann 'us cha b' urrinn i cumail ri Fiom ann an ruith. Air faicsinn so do dh' Fhionn thog e chaillich air a ghualinn. Agus suil cha d' thug e na dheidh, gus an d' rainig e aite comhnuidh fein. Air leagail an Ealluich dha air làr cha rabh aige da mhuime lathair ach an da lurginn. Thug e urchair dhiubh air làr agus ghuil e gu goirt. Dh' fhan e 'n oidhche sin mar bha e air a chlaoi' gun bhiadh gun chadul.

Air an ath-la thug e greis air smaointichadh ciod e dheanadh e oir bha e ann an iomachomhairle.

Cha rabh a chridh aig aghidh a thoirt air aon aite leis am bu ghnath le mhuime bhi tathich. Dh' fhalbh e air fainneoladh. Agus gun fhios gu math aige caite. Agus cam gach radhid dha ach gabhail seachad air Eas gam b' ainm Eas-ruaidh, agus chunnaic e fear ag iasgach air an Eas, agus thubhairt. Fionn ris tha mi deir eisan ann a faillinn mhoir, tha mi guidh' ort thoir dhamh beathach beag do na h-iasgibh sin a dh' ichis mi. Cha tabhair, deir an t-iasgair. Nam biodhidh tu cho mhath arsa Fionn agus gun cuireadh tu mach an t-slat air mo t-shealbhuidh. Rinn an t-iasgair sin agus air ball dh' iasgaich e lan-bhradan; Cha toir mi 'm beathachsa dhuit tha e ro mhòr, agus ro mhath. Sann a than so iasg Rìgh. Nam biodh tu cho mhath 'us gun tuga tu dhomh fein an t-slat. Gheibh lhu sin ars an t-iasgar. Air do dh' Fhionn an t-slat iasgaich fhaotinn, thilg e mach an dubhan agus tharinn e gu tior braddan a bha na bu mho, na braddan an iasgair. Cha 'n fhaod mi 'm beathachs' thoir dhuit deir an t-iasgair, ach bheir mi beathach beag a's ludha na so dhuit. Ach feuma tu rostadh air taobh eile an Eas, agus n connadh air an taobh so, agus ma bhios ball amh na loist' air caillidh tu do cheann ris, agus ars an t-iasgair theid mise chadul, agus biodh e rosta man duisg mi. Ga d' bu chruaidh so b' fheudar aonntachadh leis. Thoisich Fionn air teinnidh fhaddadh 'us air an iasg a rostadh 'us chuaidh an t-iasgair a chadul. Bha Fionn ga th' sharuchadh a brasnuchadh an teine sa rostadh an eisg, ach uair do na h-uairibh, dh' eirich balg loist' air a bhraddan, agus cho luath sa b' urrinn da leig e mheur air 'us lois-

[TD 38]

gidh gu craimh e chuir e mheur na bheul le graddadh agus dh' fhuair e fios an da shaoghail, mar a their iad. <eng>[Wisdom tooth.]<gai> Thuair e fios sa mhionaid sin gum b'e 'n t-iasgair a mharbh athair Fhinn 'us gum b'e Forca-Dubha-ainm an iasgair 'us gun rabh cloidheamh athair lamh ris ann am falach. Dh' eirich e le cabhaig agus thuair e cloidheamh athair us thuge 'n ceann do dh' Forca-Dubha 'us ri siubhal na dheidh sin ghabh Fionn sann uaidhe so a thuradh, sgreubhadh a bhradain ri Easruaidh, cha b' fhuair e 's cha bu teth.

<eng>[The king's law.]<gai> Air ball an deidh an ceann a thoirt dhe 'n iasgar, ghabh Fionn a thuras agus stad na fois cha d' rinn e gus an d' rainig Tìgh a ghabhinn a sheannair. Bha e greis ga dhìomhacrachadh fein an tiogh a sheamair. Ach la do na laithibh chaidh caorich a ghobhinn do ghàradh an Rìgh. Dh' orduich an Rìgh a cheathramh cas a ghearradh dheth gach aon dhiubh. Mas fìor gu rabh ni arid aig an Rìogh gam b' ainm. Teamhair-nan-riogh, agus bha do Bhuaidhibh orra ge b'e uair a bheirta breith chlaon na eucorach gun tuitidh i sìos chum an lair, gus an dugadh aon do 'n fhuil Rìoghail breith cheart. Chruinnich iad gach sean-fhear agus gach duine gliochd san tìor, ach cha d' fhuairadh nam measg neach a thug breith cheart na fìor. Ach chuaidh Fionn a mach gu aite folluiseach. <eng>[The verdict.]<gai> Agus thubhairt e 'Barr na caorach, barr na Cluaineadh, da bharr abbuich, thun am buana: Tha 'n da bharr sin coslach re cheila, 'us breith na aghich sin cha tabhar 'm.'

Cho luath sa na briathribh a mach o bheul, dh' eirich Teamhair nan Rìogh. Bha iadsan uile bha lathir, lan chinntich gum b' aon do 'n fhuil Rìoghail an duine so a labhir na briathran leis an d' eirich an Teamhair. Ghrad chuireadh an toir air gu, teann, ach ruith Fionn 'us cha b' ann gu mall. Thuair e as orra gun bheud 'us phill an toir gun aite fein. Ghabh Fionn

air aghaidh gun chadul gun fhois, agus cha deachaidh stad air a chois na lod as a bhroig gus an do ranuig e ceardach a shean-athir.

Dhathnich an seann duine mar a bha. 'Se ni a smaointich e gun cuiridh e moran guail san teallach, agus piosan do sheann iarunn. Sin thoisich e air seididh nam balg, 'us air oibrichadh na sean iarunn, air chor 'us gun rabh do theas anabharrich 'us do shraddagibh anns a chearduich na chum an tòir gun a chroidh aca urid 'us seasamh mionaid 'n taobh stigh da dorsaibh. Bha Fionn car uine ga fholach fein air chul nam balg agus aig an am cheudna, tollidh a bhalla gus an d' fhuair e as orra. Agus stad na fois cha do rinn e gus an do rainig e pathlis Riogh chuigibh-Colla'.

Bha Eirinn na Cuigibh san uair sin.

Bha Fionn car uine ann am pathlis an Rioghs' gun aon neach a dh' fhiosrachadh dheth co e, na cia as da. Bha e ga ghiubhlan fein gu ro fhaichdillich agus neo lochdach, mo dheiridh chuaidh a dheagh chliu, sa dheandas ma, gu cluasibh an Righ, agus se thachair na lorg sin gun d' rinnidh e na ard steuart, agus na fhear iomchar dibh 'n Riogh. Se ni arid air 'n do shochdruich an Righ a mharbh athir Fhinn, agus a chomhairlich dhìomhair, gun rachadh an Righ na phearsunn, agus aireamh dhaoine leis, air feadh na h-Eirinn uile chum ainmeannan gach duine ghabail sios ann an sgrìobhadh le mionnaibh, dh'-fheuch a fuigheadhe Fionn a mharbhadh, o nach rabh a nois a lathir don fhuil Rioghail ach e. [Cairbre.] An ceann da bhliadhn iomlan thainig Cairbre-Ruadh be sin a Righ a chasgair agus a dhithlarich cairdin athir Fhinn. Am fogus do phaithlis Riogh chuigeamh Colladh, far an rabh Fionn an uair sin na stubhart. Cha do dh' fhiosruich Righ chuigeamh-Colla' fhathast cia as do dh' Fhionn, na cia b' ainm dha. Rinn Fionn e fein aithnichte dha agus leig e ruina ris agus a dubhairt e. O! Righ 'us feudar dhamhsa teichidh as an aite so agus mo dhreuchd a lubhairt, oir ata 'm bàs am fogasg. 'S mise Fionn Mac Cubhail, agus tha Cairbre-Ruadh agus a shluagh leis air mo thoir, oir cha d' fhag e ach mis 'm aonar don fhuil Righail, gun a dhith-lathrichadh agus a sgrios. Tha e gu bhi 'n so a nochd, agus cha 'n urrinn thus, O! Righ mo thearnadh. Us duilich leam ars an Righ, gun rabh e na fhasan agum riamh, nach fiosrichinn do choigrich cia as da, na co e, gus an la 'm biodh e gam fhagail. Ach fan thusa agamsa, oir tha mi 'g iarruidh mile matheamhnis ort. An aite thus a bhi d' sheirbhisich agamsa sann bu cheart dhlighach dhamhsa bhi am iochdran umhal dhuitse. Agus bheir mi m' uile oidheirp air a chuis a leasachadh, agus air seasamh do chòrach. Agus thabhair a cheart aire nach h-innis u t ainm a dhaindeoin nas urra mise na a Righ eile dheanamh, oir 'us aithne dhuit fein ciod e mar a labhras tu, agus bidhidh mis' am charid math air do chul chum do choir fhaotinn dhuit. Mo dheiridh thainig an Righ 'us thoisich e air ainmin nan daoine ghabhail a sios. Bha Fionn air ais agus air aghich, 'us mo dheir-dh' fheoruich Cairbre ciod e ainm. Dh' fhreag air Fionn agus a dubhairt e. Tha mi nois da bhliadhn 'n seirbhis mo mhaighistir, agus cha do dh' fhiosruich e co mi na ciod e mainm fathast. Agus bha sin na mhulad, agus na ogluidheachd leam, agus on a bha mi cho fhad na sheirbhis, cha 'n innis mi m' ainm a nochd gun duais, agus cha choltach do 'm leithidsa do dhuine gun iarr mi ach ni nach ionndruinn thus. O! Righ gad dhith. An tabhair mi an toilichidh ud dha, arsa Righ chuige Colla, re Cairbre. Dh' aonntich Cairbre leis. Us feudar dhamh sin fhaotin fud laimh scribedhte. Thuair e sin. Innis dhuinn t-ainn a nois deir na Righribh ris. Tha ni beag eile dhith orm chum gach ni choimlionadh, agus se sin gun cuir an Riogh a thainig a lamh ris mar fhiannuis gach ni dh' iaras mi gu fuigh mi. Chuir Cairbre mar an ceudna a lamh ris. Thog Fionn am paipeir na laimh agus thubhairt e.

<eng>[Pedigree.]<gai> Eisdibh agus tuigeamh 's mise Fionn Mac Cubhail-ic-Lubhich-ic-Treunmhoir-ic-Chlanna-baoisc a h-Eirinn. Agus ard righ Eirinn

fein agus a fìor dhleasnach ge do thug thusa mo choir uam le h-eucoir agus le h-ainneart. Eirich as t-aite oir us leamsa e le coir cheart. Dh' fhan Cairbre na thosd! Eirich arsa Rìgh-Chuiga-Colla mar a eirich thusa, eiridh mise. Cha 'n eirich arsa Fionn 's math an airidh u fein air do chathir agus air do choir.

Chuiridh Fionn na shuidhe air caithir Chairbre, agus mar sin sìos.

Chuir Rìgh-Chuige-Colla sluagh mòr le Fionn agus e fein air an ceann, gus an d' fhag e gu sochdrach sabhailte Fionn air Rìgh chathir athir fein gun bhàs fìoir na gille. <eng>[Story of Cormac.]<gai>

Rann ludhich-ic con athir Fhinn.  
Seachd bliadhna fìchid gu fìor,  
Bha Ludhadh mac con na Rìgh;  
Gun bhàs gun ghabhadh gun ghuin,  
Fìor, mna na gille bha 'n Eirinn.

Crioch.

<eng>OISEIN AND PADRUIG.

THE following fragments, P. P. P. O. O. Y. Z., tell in various ways part of a story which is very commonly told all over the Highlands now. It accounts for the presence of Oisein in St. Patrick's house, and for the imperfect state of 'The History of the Feinne.' When 'Peter Mac Alpin, would not believe Oisein, the old Hero threw all the history which Saint Peter had written from his dictation into the fire. Saint Peter's wife, Oisein's daughter, snatched the papers out of the fire, and saved all that remains of the history.' This has been gravely told to me as true, over and over again, in Scotland.

According to another story, 'Dabhach' was the name of Oisein's wife, who was big, burly, and fat. When he was old and blind, they fell out. The old warrior threw a deer's bone at her, and threw wide, upon which is founded the saying:-

<gai>'Urchair an Doill mu 'n Damhaich:'<eng> 'The cast at the blind at the Damhach.' The word probably meant 'The Learned' at first. It also means 'The abounding in oxen or stags,' and in later times it has come to mean 'a Vat,' which is feminine. The old Islay smuggler who told this to Hector Mac Lean converted the learned Saint and the poet's wife into a 'brewing vat.' 'So Julius Cæsar dead and turned to clay,' &c.<gai>

P. 3. MAR CHAILL OISIN A FAINNE. <eng>12 lines.

Staffa's Collection, page 35. Advocates' Library, February 17, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.<gai>

BHA Oisìn na bhuachail re cullach na meann aig Padruig agus aig a nìghin. Bha e sin la ga ascich fein agus thug e mach an Sporan anns an rabh am fainne, agus chuir e air lar lamh ris e. Agus na dheidh sin chadil e. Thanig am Biatach air Iteag a nuas as na Speuribh, us e air Faicsin Taip mhor dhearg shaoil leis gum b' feoil a bha ann agus sgob e leis e dh' ionnsuidh aneid far an rabh na h-eoin aig an uair sin. Agus thuair e rithist e' nuair a chuir an Gille Blar odhar leis a chreig e.

P. 2. MU SHEALG DHEIRINNICH OISIN.

<eng>Same Scribe, &c.<gai>

BHA Oisian na shean aois ann an Tigh a muigh na aonar ann am Baile gan ainm Gleann-caoin-fheoir an Sgithreachd Thorasa. Chuir Pàdruiig agus nighean Oisian, cul ris, le ro mheud sa dhichidh e. Chur Padruig cuireadh air Oisin athir-ceila air latha arid chum feusd a dh' umhluiche do dhream arid dheth na cairdibh. Chuir aon do na daoineibh oga, reasgach a bha nan suidh aig an fheusd, aig an rabh Calpa Feidh ga chreim, a cheist air

[TD 39]

Oisian a faca e riamh calpa feidh bu mho nan calp ud. Rug Oisin air a chalpa agus mheurich se e oir bha e na dhall an uair sin. Agus fhreagair e 'n t oganach, agus thubhairt e ris gu fac e calpa Luin moran ni bu mho, agus gum b' aithne dha 'n aite 'n rabh e. Mar a bhi dith na Leirsin. O! se 'n t' amadan truadh ars a nighin a fear ata tabhairt creideis dhuit led Bhosd agus led Bhriagaibh. Thug i an togail ghrad sin air Eachdraidh na Feinnidh bha sgriobht' aig a companach Padruig, agus thilg i 'n t-iomlan ann am meadhoin 'n teinidh, agus chuaidh iad re theinidh, man do rug iad ach air ro bheag a shabhaladh dhiubh. Bha Padruig ro dhuilich air an son. Mata ars Oisin dearbhaidh mise dhuibh, gur i 'n fhirinn ata agamsa. Agus a Phàdruiig mo cheudichis tu dod mhac falbh leamsa lorga mi mach fathast Calpan Luin. Dh' aonntuich Pàdruiig a leigidh leis. Dhalbh Oisin agus mac Phàdruiig, ga 'm b' ainm an Gille-blar-odhar. Choisich iad gu iochdar Beinn an t-sealluidh, agus thog iad a mach ri achadh gan ainm Lurg Iarinn. Thubhairt Oisin re odha cid e laochain a thu nis a faichdinn, oir tha mi cluinntinn monmhor bruidhne. Tha ars odha daoine tha air Seisrich lamh rinn. Thoir mise laochain an rathid a tha iad; rinn odha mar a dh' iarr e air. 'S math a gheibhar sibh fearamh ars Oisin. Tha sin a deanamh mar dhaodas sinn ars a na fioir. Thoir dhomh do lamh ars Oisin ris a chrann-aorean cha tabhair ars odha, ach tabhair an colltair' as a chrann, agus tabhar dha e. Rinn an duine mar sin, agus ghlac Oisin 'n colltaire agus lùb e air a cheil' e.

Na dheidh sin thog iad a mach re ma am bradhadil, agus theirinn iad air Leitir Luin, air a bheil an t-ainm sin gus an la 'n diu'. Deir Oisin re odha bi furachair a faic u seana chraobh mhor dharuich agus cos na taobh. Thuair an Gille-blar-odhar i gun ro mhoran saothrich, le seoladh a Shean-athir. Chuir Oisin a lamh a stigh sa chòs 'us thug e mach as calpa 'n Luin. Dh' imich iad rompa mach as a choillich. Seall a laochain ars Oisin a faic u cnoc mor anns a bhlar an iochdar na coille. Chi ars odha. Treoruich mis' n sin ars Oisin. Se ainm a chnoic sa Ceann-a chnoc ain. Cnoc-fraorc bu ghnath leis an Fheinn a bhi a tathich gu tric ann sna linnibh roimhe sin. Ceart lamh ris a pholl na thiodhluichd Fionn athir Oisin an coire ris an canar gu an la 'n diu' poll choir Fhinn. Thuigh iad air a chnoc agus ghabh iad mo thamh an sin re na h-oich'.

Ghuidh Oisin gu duthrachdach gum biodh Biorach-Mac-Buidheag an t-aon chu bu dona bha riamh san Fheinn air a dheonuchadh dha. Mhosguil e mu dheiridh na h-aoich' 'us e mothachadh trom air muin, a chos, agus dh' athnich e gun d' fhuair e athchumhnic. Dh' fhan e mar a bha aige gu briseadh na faire. Dhuisg Oisin an Gille-blar-odhar, agus thug Oisian eibh na iolach mhor as chuir geilt-chrith air gach creutair gluasadach a bha anns na coilltichin man cuairt dha. Ciod e chi u ars Oisin ris a Ghille-bhlair-odhar? Tha mi faicsinn aireamh lionmhor do chreutairibh beaga seanga ruadha. Leigidh sinn seachad iad sin deir Oisin. Cha 'n eil a sin a Laochain ach sliochd na Luaithe-Luinnich. Thug Oisin an ath-èidh

as. Ciod e nois a cha thu laochain. Chi mi ars odha na h-urid do bheathichibh seanga donna. Tha sin sliochd na Deirge-Dasnuiche. Leig sin seachad fathasd. Thug e an treas èidh as Dh' fheoruich e da odha ciod e bha e faicsinn. Tha mi faicsinn ars odha moran de fheidhibh troma-donna. Bis tuig Biorachmachd buidhaig. Re siubhal a ghabh an cu agus mharbh e seachd lan daimh. Bi furachail a laochain a faic u 'n cu a tighin. O! chi mis e ars an Gille-blarr-odhar agus a chraos fosgailt. Cha neil mo chuileins buidhich seilge fathasd agus marbhich e sinne. Ach feuch a stiur thusa mo lamhs a stigh na bheul nuair a thig e 'm fogasg. Rinn e mar a dh' iarr Oisin air, agus chuir e lamh na chraos 'us mharbh se e.

Tha' air a nois mi far a fac u na feidh a tuitim. Chruinnich e leis iad air mullach a ghualinn 'us air uallich a dhroma, gus an ruiga e 'n cnoc air an do chaidil iad an oiche roimh sin. Chuir iad suas an turhach. Chruinnich iad connadh. Chuir iad na feidh as beoin. Thog Oisin Coir Fhinn athir as a pholl 'us bhruich iad na feidh. Nois a laochain ars Oisin ri odha fan thusa fad na laimhe uamsa man ich mi thu 'n richd toitein. Mo gheibh mise mo leoir an diugh cha bhi dith na failinn ortsa rid bheo. Ma b' fhior na fuidhidh e leoir an la sin gum fàsadh e ogail, laidir, neartmhor treubhach. Bha 'n fhagails aiga on leannan Shith. Bha crios ma mheadhoin air son a bhrù theannachadh air a cheila. Bha naoi (1) tinnachan dhethn chrios sa air a chuir seach a cheila, man do thoisich e air itha nam fiadh. Dh' fheumadh e fhaoitinn doshithinn na lionadh a bhrù 'n sin biodh an crios ann an ruidhidh gus an tinne b' fhaide mach. Ach nair chunic an Gille-blarr-odhar nach rabh coltas air Oisin gum fagadh e fuighlich, sgrìob e leis pios mor do na bha air beulthaobh a Shean-athir, agus chuir e sud air a thaobh fein. Dhith Oisin na bha aig an uair sin ach cha rabh e air a shasuchadh. Dh' ionndrain e na thug odha leis, agus thubhairt e. O! laochain us ro olc thuaras du na faga du an t-ìomlan agam bhithinn cho mhath sa bha mi riamh.

Thiodhlaichd Oisin an coir ann am poll choir-Fhinn. Ghluais e fein agus odha chum pillidh do Ghleann-caoin-fheoir, ach se chomhairl' chinn an ceann odha Oisin gu feuchadh e fuidhidh o Oisin a shean-athir a chuir le craig. Chomhairlich a mhathir dha ro laimh sin a dheanamh. Threoruich se e gu bruaich Uiridh-Bhiatich ris an gaorir gu cummanta nois Uiridh 'n-fhithich, agus dh' fhag e sud e. Thuit e leis a chraig agus stad e meadhoin na h-uiridh. Bha e car uine mam buirinn dha gluasad, ach cho luath sa chuir e 'm preathal sin seachad thoisich e air meurachadh man cuairt da gus an d' fhuair e fainne dhealluich ris uine roimhe so. Nois sann o Leanna sith a thuair e 'n toisich e. Bha do bhuaidh air nach cailidh e radharc agus nach fuidhidh e bas. Thanic e 'n sin dhathic, le fhainne agus le calpa 'n Luin, agus mar a thubhairt e rin man d' fhalbh e, us amhluidh b' fìor, be calpa 'n Luin moran bu mho.

#### P. 4. PADRUIG A' TOGAIL TIGHE

<eng>Same Scribe, &c.

Part of a Legend localised in Mull. The church is specified in Ireland. According to the rest of the story, it ought to be a church on the Hill of Allen, in Ireland, or on Tara.<gai>

BHA Padruig uair a togail tighe, agus aireamh do dhaoineibh aige, sea na seachd deug do dhaoine foghainntich, bha cleach mhor an sin nach rabh an t-ìomlan do na bha lathir nan-urrinn a chur ceart san Tigh. Nan duga' sibh dhamhs ars Oisin ri Pàdrui, biadh na sea-fear-deug chuirinn a chlach ceart am aonar. Mata gheibh thusa sin arsa Padruig agus 'us math an airidh air thu. Thuair Oisin biadh chuig-fear-deug, chum a nighin

biadh fìor as. Dh'ich Oisìn na thuair e, us dh' athnich e gun do chumadh pairt dheth.

Dh' eirich e us chairich e chlach, ach dh'-fhag e aomadh orra mach as a bhalladh. Thuir iad ris nach rabh a chlach ceart fathast. Tha fios agam, ach mar tha bidhidh i uamsa no fuidhinns a biadh na sea-fear-deug, chuir mi chlach ceart, ach a nois tha i 'n sin agabh, agus deanibh fein a caramh mar as aill leibh. Bha chlachsa ri faichdsin ann an Gleann canoir, gus o chionn da bhliadha, bha clachfhearìn a togail pairce agus bhris iad a chlach sa sìos na bleidhibh le h-ord.

O. 31. MAR FHUAIR OISEAN A SHEALLA.

<eng>56 lines.

Dr. Irvine's MS., page 139. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, April 1, 1872.

Part of the same story about the books made metrical.<gai>

1  
RACHAMAID deire ro Ghille,  
Gu mulach an fhirich thud thall;  
'S aithne dh' an fhiagh an t-slighe,  
Comharaich damh alluidh nan crann.

2  
Seol mo shaighead 'na charaibh,  
'S 'gu faigheam mo fhradharc air ball;  
Thainig na Feidh gu h-ualach,  
Bhuail Oisean damh alluidh nan stang.

3  
Cro 'n teine le leacaibh,  
Faigh an coire 's dreachaire colg;  
Gear am Fiadh na mhiribh beaga,  
Bruich e gu deimhin na bholg.

4  
Na blais a shuth, na blais a shithinn;  
'S thig mo neart 's mo shealla gun chealg;  
Uirichidh m' aois mar fheur na macharach,  
Bidheam luath mar fhiadh cheumach ard.

5  
'S ioma beum a fhuair Oisean,  
Agus gath a dh' fhan na fheoil;  
O Linn doghrunn airde tuath,  
Tha mo shuil ar leonta creuchda.

6  
Dh' fhalbh mo leirsean le sean aois,  
Eolas no leigheas bh' aig mo shinnsir;  
Biodh san tim so dhomh gu caoin,  
Sudh na h-eilid seoladh 'n rathad,  
'S gheibh mo radharc mar mo dhaoìn.

(1) Tuill.

[TD 40]

7

An leighis ulluichta gu grad,  
Fhuair Oisean a fhradharc, u'il;  
Bha na beanntan ciar dhubh lachdann,  
'S na coilltean gun chleachd gun tur.

8

Dh' fheuch e tuille dhe 'n leigheas,  
'S dh' fhalbh gach brethal bha dlu;  
Ach fhathasd bha chreuchdan sileach,  
Leis gach gath mille na thaobh.

9

Bhlair e 'n Conraich shudhar shladghach,  
Thuit gath 's gath caol ri caol;  
Ach dh' fhuirich aon gu daingean tearuinte,  
Dh' aindeoin fiachann sudh an fheidh.

10

A Ruadh 's olc a rinn thu oirnn,  
Bhlais thu sudh an fheidh romham;  
Cha do bhlais mi sudh an fheidh,  
Thuirte an Ruadh gu ladarna dana.

11

Bhlais thu sudh an fheidh,  
Thuirte Oisean an cainnt ghrada;  
Cha leigheas mo chreuchdan gu brath,  
Thuit gach gath o 'm thaobh ach aon.

12

Och mo raon 's truagh mi noch,  
Nan geilleadh tu dom' ghuth;  
Cha bhithinn gun luth gun treoir,  
Thuiteadh gach gath aon mar aon,  
'S bhitheadh mo thaobh gu fallain beo.

13

A Ruaidh is bochd a rinn thu orm,  
Tha mi nochd gun cholg gun treoir;  
Tha thu nochd gun tuar, gun treoir,  
Cha mhair an aois beo gu brath.

14

'S maith dhuit gu 'n d' fhalbh gach gath,  
Ach an aon nach sgar ach bas;  
Fossa! fossa! ort a Ruaidh,  
'Se d' ghliocas gun truaigh, gun tur.  
Bheir Beal dhomhsa slainnte luath,  
'S fhathasd ruaigidh fiadh san Dun.

<eng>I do not think that Ossian ever composed this, though I received it under his name. I would not, however, speak with certainty. (Dr. IRVINE's note, about 1800.)<gai>

O. 32. MAR CHAILLEADH EACHDRUIDH NAM FIANN, NO ANACREIDEAMH PHADRIC, ON DON CHEUDNA.

<eng>Dr. Irvine's MS., page 142. 63 lines. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, April 2, 1872.<gai>

1  
LA gu 'n robh Selma air sunt,  
Is Oisean na mhur a steach;  
Thainig 'na choir Mac Alpin liadh,  
'S dh' fhiairaich ciod bu mhiann na theach?

2  
Is dh' fhalbh an Fheinn guntuar gun chlin,  
Mar shneachd o'n tur a mach;  
Cha d' fhalbh an Fheinn a shean fhir liath,  
'S beag orm do cheil gun thachd.

3  
'S ioma latha thug sibh sealg,  
Oisein, air bharraibh ard nam fiadh;  
Seadh, Mhic Alpin na binn ghloir;  
San ait leam do cheol gun mhiadh.

4  
'S breagh am fiadh thair a bhord,  
Oisean 's boiche sgiamh (1)  
'S moth a chos na damh alluidh,  
C'ait an d' fhas a leithid riamh?

5  
Leig dhiot do bhaghail Phadric mhaoil,  
Chunncas lon nach b' aogas da;  
Ma 's ionann do sgeul air an Fheinn  
Cha bhi mi fein nis faid a' d' dhail.

6  
Led ran teine, gach tamh loig faoin, (2)  
'S breugach do mhaoin Oisein dhoill;  
Na loisg gach sgeul, 's filidh dhan,  
Mo thruaighe, cha laithair do Ullin gaoil.

7  
Cha lathair do Charull binn guth beoil,  
Cha lathair do Oran, brigh gach form;  
. . . . .

8  
Cha lathair do Fheargus cliu gach ceoil,  
Cha lathair do Ainnir, mor, no Sonn;  
O Chuthail, faic mo bheud,  
Tiormaich Mo dheur gun iochd.

9  
A Threunmhor tog mo lure broin,  
A Luthainn, thig a'm' choir a nochd;  
O nach robh mi 'n Innis chuin,  
Mar ri Ebhir run mo chridhe.

10

Mar ri Oscar ceann gach cliar,  
Mar ri Fionn briathar gach ni;  
Dh' fhalbh mo spionna 's mo threoir,  
'S tha mi nochd, mar cheò gun tir.

11

Thoir mi, Ruaidh, gu coill nan geug,  
Far an tric a dh' eugh an lon;  
Gu crann daraig uasal ard,  
O 'n tric a leag mi gradh nan con.

12

Sin feucham, a Phadric, gun eol,  
Nach faoin ghloir mo sgeul a nochd;  
Rainig iad a choill an truir,  
Oisean an cu, 's for,

13

Padric thainig nan deigh,  
Mar fhear gun eric, gun choir,  
Fhuaras an lon dubh ciar dhubh,  
Le saighead dian o luinne eille.

14

Shoillsich leus air anam Oisein,  
Thainig osna grad O Chliabh;  
An creid thu Mhic Alphin gun chonn,  
An d' innis Oisean bonn gun chlith.

15

An ionann do sgeulsa ri so,  
Faiceam do sgoil san fhrith;  
'S olc a rinn mi Oisein fheil,  
Dean rium baigh do sgeul tha 'm dhith,

16

Mo sgeulsa cha 'n fhaigh thu gu brath,  
A bha fhir gun tur, gun chlo;  
Gabh do leabhar leathann ban  
Sid am fath a mhill mo cheol.

O 'n aon cheudna.

<eng>These two I take to be modern metrical versions of the old story told above.—J. F. C.

#### THE HISTORY OF THE FEINNE.

THE slaying of Cumhall, the birth of Fionn, and other current prose stories about Art and Cormac, and the battles of Magh Muchdram, and Crinna, when studied by the light of Keating's History, drop into their places. They are told in the reciters' Gaelic words. I will tell them in my English words, in their order. The Story about Oisein and Padruig is at least as old as 1512. The ballads were strung on this string before Dean Mac Gregor's time; but nobody ever wrote them all in order.

I place first:—The religious argument which proves itself to be a Christian's work, by the absence of every sign of the Pagan's creed. It

must be confessed that the Christian imagined a strong Pagan character in this very strange old ballad. I have the following versions:—

A. 5. 6. 139 lines, taken from different parts of the Book, 1512, joined, divided into quatrains, and numbered. F. 5. about 1750. 132 lines. D. 4. 146 lines. Dated 1762. H. i. 284. About 1774. L. i. 105. 1784. O. 17. 122. About 1800.

In 1857, John Hawkins Simpson published, p. 42, a translation from a MS. procured in Kerry, by a Mr. J. O. Sullivan. In 1859, the Ossianic Society of Dublin published Irish and English on opposite pages, with notes. These two are very long versions. They take in many ballads, and differ materially from each other. But, nevertheless, all these contain verses which were in A. 350 years ago.

I print A. D. F. H. O., which all vary. To save space and cost, I do not print L. J. R. Dr. Young's version, L., is in the first volume of the Transactions of the Royal Irish Academy. Hill's version is compared with it by the Irish collector. R. Dr. Donald Smith quotes Hill's version. The object of all then concerned was to prove or disprove the authenticity of Mac Pherson's Ossian. 'Malvina' is the equivalent of 'an Damhach,' Ossian's wife, now 'the Vat'; of old 'the Learned'—to wit, 'the Saint,' to whom the blind bard is made to tell the story. The Polemics which follow, I have never heard orally repeated. Mac Lean has heard old Islay men talking over Oisein's wickedness.<gai>

A WIL NEEWA AG FANE EYRRIN?

<eng>A. 5 and 6.<gai> A HOUDIR SO OSSIN McFINN. <eng>139 lines.<gai>

1  
INNIS downe a phadrik  
Nonor a leyvin  
A wil neewa gi hayre  
Ag mathew fane eyrrin

- (1) Bian.
- (2) Lamh.

[TD 41]

2  
Veyriss zut a zayvin  
A ossinn ni glooyn  
Nac wil neewa ag aythyr  
Ag oskyr na ag goolle

3  
Ach is troyg ni skayl  
Channis tuss cleyrry  
Mis danew chrawe  
Is gin neewa ag fane eyrrin

4  
Nac math lat a teneir  
Vee tow si caythre  
Gin keilt gin noskyr  
Weith far zutt is taythyr

5

Beg a wath lwmsi  
Wee ym hew si caythree  
Gin keilt gin noskyr  
Weith far rwm is maythir

6

Is farr gnwss vec neyve  
Re agsin raa am lay  
Na wil doyr si grwnnith  
Vea aggit gi hymlane

7

Innis dwne a halgin  
Skayli ni caythryth noya  
Verinsi zut gi hayre  
Scaylli cath gawrraa

8

Ma sea skayll ni cathrych  
Zeawris tuss a hannor  
Gin netow gin nagris  
Gin nenkis gin nanehoyve

9

Ka id muntir neyve  
Is oyssil fayne eyrrin  
Vil kroyss na gree  
Na deilli sead cleyrri

10

Ni heynin is ni fane  
Ni cosswil eayd ree cheyll  
Neir zlass glayrre  
Wea geyrre spreyy

11

Er zraw tenni phadrik  
Na fagsi ni demyh  
Gin nis di ree noya  
Ber a steach ni fayni.

12

Ga beg a chwle chronanych  
Ni in dad one zat zryme  
Gin nis din re woralych  
Ne rey fa wil a skaye

13

Ne hay sin di v'cowle  
Re math we sin ne faynow,  
Rachteis fir in doythin  
'N a thigh wle gin nearri

14

Is troygh lwm a henor  
Is how in derri teissi  
Cha chorymich a wra sin  
Ver how er mi reissi

15

Barr in chath layddir  
Verri fenni ny fayni  
Na di hearnyth crawe  
Is tow feyn lay cheill

16

Bog sin a henor  
A ne an coyra bolla  
Is far dea re hynlay  
Na fayne errin olla

17

Ga taring mi layis  
Is me derri meissi  
Phadrik na toythr ayhis  
Er mathew clynni beiskni

18

Ne hurrinn zwt aythris  
Ossin vc in reayne  
Ach nath innyn far mathis  
Agis flathis mi heyarni

19

Di marra aggwm conane  
Far mewlass ni fayni  
Ne legfe layd wnnill di  
Chomis a cleyrri

20

Na habbir sen a ossin  
Is anmein di wrayrri  
Be fest gi fostynich  
Is gawe hugit me ryilt

21

Da wacca ni catha  
Is ni braddiche grast  
Ne wee ane reid id ter  
Ter ach moyir ni fayni

22

Ossin vc ni flaa  
Mest tanmyn a beithyll  
Na cwne ni cath  
Cha nil ag asling sin seill

23

Da glun ni gyir  
Is meith ni shealga  
Bar lat wee na warri  
Na wea si chaythir noya

24

Troyg sin a henor  
Is meithur ni schelga  
Faychin gi honnor  
Za wil si chaythir noa

25

Na habbir sin a phadrik  
Is fallow di wrayrri  
In deggow sin daynyth  
Barr finn is no fayni

26

Er a lawe vc eweissni  
Ne fallow mi wrarri  
Is farr angil din di hanglew  
Na finn is ni faynyth

27

Da beanyth mir a weissith  
A gath zawryth ni beymin  
Di zelin in demis  
Ver tow er ayne errin

28

Dimmyth di wor zail  
Er cath di heill  
Ni warrin did choyth lawyth  
Ach how neiss a tenour

29

Da marri mi zenissi  
Ne estin di choyllane  
Is zoywo di hemoo  
In narrik di choyrra

30

Da mardeis sin ulli  
Si goynith ra cheilli  
Ne wea mi holli lwe  
Re vii caithe ni fayni

31

Vii fegthit urrit  
Urrit vil tuss zi cleyrrew  
Di huttideis sin ulli  
Lay oskir na henyr

32

Ta tou in der di heill  
A henor gin cheyll  
Scur a neiss id wreysrow  
Is be fest zim rayr

33

Da wacca in lwcht cogthoill  
A v`fin in alvin  
Ne raacha za gomor  
Re muntir ni caythre noya

34

Aggis ner low ir dynoyll  
Nor heg most gow tawri  
Sanossil ni braythryth  
Fane woory zi rynis

Mathwm zwt a cleyrre  
Di sgeul na hynniss.

Innis down.

D. 4. URNIDH OSSAIN. 1762-3. <eng>146 lines.

From Mac Nicol's Collection. Copied by Donald Mac Pherson, May 3,  
1872.<gai>

1

AILLIS Sgeil, a Phadric,  
An Onnair do Lebhidh,  
A bheil neibh gu harrid,  
Aig Fianibh na Herin.

2

Bheirnsa Briar dhutsa  
Ossain nan Glonn,  
Nach heil Neibh aig Tathir,  
Aig Oscar na aig Goll.

3

'S olc an Sgeil a Phadric,  
A haggad 'dhos', a chlerich,  
Com am Bithimse ri Crabhidh  
Mar heil Neibh aig Fianibh Erin.

[TD 42]

4

Nach Doinnigh shin, Ossain,  
Fhir nan Briaribh baoille,  
'S gum bearr Dia re aoin Uair,  
Na Fian Erin uille.

5

Bearr leum aoin Chath laidir  
Chunigh Fion na Feine  
Na Tighearn' a Chrabhaidh shin,  
Agus Ussa 'Chlerich.

6

Ge begg a Chuil' chronanich  
Agus Monaran na Greine  
Gun Fhios don Riogh Mhoralich  
Cha deid fo Bhiligh a Sceigh.

7

N' saoil u 'm biunnin E 's Mac Cubhail  
An Riogh 'bhagguin air na Fianibh,  
Dhede gach Neich bha air Hallibh  
Dol na Tsheolle sin gun iarridh.

8

Ossain! 's fadde do Tshuain,  
Erich a suas 's eist na Sailm  
Fon chaill u nish do Lu 's do Rath

'S nach cuir Cath ri La gairbh.

9

Ma chaill mi mo Lu 's mo Rath,  
'S nach mairin Cath a bhaig Fion,  
Do 'd Chleirsnichd, 's beg mo Speis,  
'S do Cheoil eisdichd nin fiach liom.

10

Cha chual u co-math mo Cheoil,  
Fo hùs an Doibhin bhoir gus a nochd,  
'S ha u aoiste ann'-ghlioc Lia,  
Fhir a dhiligh Cliar air Chroc.

11

'S trioc a dhiol mi Cliar air Chroc,  
Illigh-phadric as olc Ruin.  
'Se gair dhuitsa 'chain mo Chruit  
Fon nach duair U Guth air hus.

12

Chualas Ceol os cion do Cheoil,  
Ga mor a Bholis du do Chliar;  
Ceoil air nach luigh Letrom Laoich,  
Faothir builk ai gan Ord Fian.

13

Mara tshuigh Fion air Cnoc,  
Heinne mid port do 'n Ord Fian,  
Chuirridh nan Caddil na Sloigh,  
'S ochain bu bhinn' e na Chliar. (1)

14

Smeorich bhegg dhuth fo Ghleann Smàil,  
Faothir nan Bàse rish an Tuinn,  
Heinnigh midde lethidh puirt,  
'S bha shin fein 's air Cruit ro bhinn.

15

Bha 13 Gaothir dheig Fionn  
Leigidh midde ri Gleann Smàil,  
'S bu bhinnigh Glasgheirm air Conn  
Na do Chlaig' a Chlerich chaibh.

16

Cuide ruinne Fion air Dia  
A riar Chliar agus scòil,  
Hug e La air pronnigh Oir  
'S an ath Lo air Meothir Chonn.

17

Aig meid Fhinthir ri Meothir Chon,  
'S e dioligh Scoil gach aoin La,  
'S aig luthad Eisamail ri Dia,  
Nois ha Fion nan Fian an Laibh.

18

'S gann a chreidas mido Sceil,  
A Chlerich, le'd Leobhar bàn,  
Gun bithidh Fion na cho fial

Aig Duinne na aig Dia an Laibh.

19

Ann an Iffrin ha e 'n Laibh  
Fear le 'n Sath bhi pronna Oir,  
Air son a Dhimais air Dia,  
Chuir iad e 'n Tigh pian fo Leon, (2)

20

Na 'n bigh Clanne Morni 'Steach,  
'S clainni Baoisge na Fir Threin,  
Bheirre midd Fion a mach  
Na bhigh an Teach aguin fein.

21

Coige Choiginibh na Herin ma sheach,  
'S hair Leatsa gur mor am Feim,  
Cha duga sin Fion a mach,  
Gad bhigh an Teich agibh pein.

22

Nach math an Tait Iurne fein,  
A Chlerich gan leir an Scoil,  
Nach co math i 's flaitheas De  
Ma dheothar int' Feigh as Coin.

23

Bha mise La air Sliagh Boid,  
Agus Caoilte bu chruaidh Lann,  
Bha Oscar ann 's Goll nan Sleigh,  
Donil nan Fleigh raoin fo 'n Ghleus,  
Fion Mac Cubhil Corbta Bhrigh,  
Bha e na Riogh os air Cion.

24

Tri Micibh ard Riogh nan Scia,  
Bu bhor am Mian air dol Tshealg,  
A Phadric nan Bachil fial,  
Cha leigge mid Dia os air cion.

25

Bu bheic liom Diarmad o Duine  
Agus Fearreas bu bhinn Gloir,  
Na 'm bo chead leat mi gau luaidh  
Chlerich nuaidh a heid do 'n Roi.

26

Com nach cead Com u gan luaidh,  
Ach hoir tairigh gu lua air Dia;  
Fon ha nois Deirigh air Taois,  
'S cuir dod Mhaoigh t-sheanfhir Le.

27

A Phadric, ma hug u cead  
Air beggan a labhairt Duin  
Nach aidich u (mas cead le Dia)  
Flath nan a ghra air Hus.

28

Cha dug misshe Comas duit,

Tshean Fhir chuirte agus u lia.  
Bear Mac Muire re aoin Lo,  
Na Duinne gan danig riabh.

29

Nar ro math aig neich fon' Ghrein  
Gu 'm bear e fein na mo Tshriach  
Mac muirnich nach deitich Cliar  
Cha leiggidh e Dia os a chionn.

30

Na coabhid ussa Duinne ri De,  
Tshein-fhir Le, na brennich e,  
'S fadde fo 'n hanig a Neirt  
As marrigh e ceart gu brach.

31

Choadinse Fion nan Fleigh,  
Ri aoin neich t-sheoil san Ghrein  
Cha 'diar riabh ni air neich  
'S cha bho dheir e neich ma (1) Ni

32

Bheiramid sheic Cathin Fichid an Fhian  
Air Shean Druim Cliair a Muigh  
Cha duga mid Urram do Dhia  
Na dhaoin (2) Triach (3) a bha air bith.

33

Sheic Caithibh fiochid dhuibhse nar Fein.  
Cha do chreid shibh 'n De nan dul  
Cha bharrin Duinne gar Slioc  
'S cha bheo ach Richd Ossain Uir.

34

Cha ne shin bu chaorich ruin  
Ach Turis Fhin a dhol don Roi  
Cummail Cath-ghaure leoin fein  
Bha e cluidh air Fein gu mor.

35

Cha ne shin chluidh shibh uille ann  
A Mhic Fionn fo 'n gear gu 'd Re,  
Eist ri Raigh Riogh nan Bochd,  
'S iar uss' a nochd Neibh dhuit fein.

36

Comrich an da Aibsdail deig  
Gabhigh mi dho fein an Diugh  
Ma rein misse pecca trom  
Chuir an Cnoc na 'n Tom a Muigh.  
Crioch.

<eng>Note on the manuscript.<gai> (4)

'Hoiran Eichdrigh Mhaistir Donil  
Ha Choinigh an Cois na Tuinne—<eng>(viz. Lismore),<gai>  
An Urnigh bha aig Ossain Liaghlas  
Nach ro riabh ach na' dhroich dhuinne.'

<eng>'The above stanzas were compos'd by Duncan Riach Mac Nicol, in Glenorchy, commonly called Modern Ossain.'  
<gai>

Laa shiùthil slethigh dho. <eng>(Fragment.)  
&c. &c. &c. (All deleted.)<gai>

(1) <eng>Or<gai> Chlian.  
(2) Bhron.

(1) <eng>Or<gai> ona.  
(2) <eng>Or<gai> Chaoin.  
(3) Chliar.

(4) <eng>In 'The Gaidheal' (No. 4, p. 84, Glasgow, 1872) this version is printed in different orthography, from Mac Nicol's manuscripts, which I sorted in 1871. Hill's 'version J., mentioned in a note as inaccurate,' was printed from the manuscript of the Dalmally Blacksmith of 1784. I print from a copy of Mac Nicol's MS. D., and from Dr. Mac Lauchlan's reading of A., and from Fletcher's MS. F. I have no confidence in any orthography, and believe that no two men now alive would agree as to spelling a page dictated in any one of the vernacular dialects of Gaelic now spoken.<gai>

[TD 43]

F. 5. URNUIGH OISAIN. <eng>132 lines.

Fletcher's Collection, page 9. Advocates' Library. Feb. 2, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

NA OISAIN AGUS PATRIC MACALPIN AIG TAGRADH RA CHEILE.

OISAIN.

1  
INNIS dhuinne, 'Phàdruic,  
Air onoir do leubhaidh;  
'Bheil neamh gu h-àraidh,  
Aig Maithibh Fiann na Feinne.

PATRIC.

2  
Dh' inninse sin dhuitsa,  
Oisain nan glond;  
Cha' neil neamh aig t-athair,  
Aig Osgar no aig Goull.

OISAIN.

3  
'S olc an sgeula àraidh,  
Tha agad dhuinn' a Chleirich;  
Com am bithinnse ri crabhadh,  
Mur 'eil neamh aig Maithibh Fiann na Feinne.

PATRIC.

4

Oisain gur fada do shuain,  
Eirich suas is eisd na sailm;  
Chaill thu nis do luth 's do rath,  
'S cha chuir thu cath ri la-garbh.

OISAIN.

5

Mu chaill mi mo luth 's mo rath,  
'S nach cuir mi cath ri la-garbh;  
Do d' chleirsneach gur beag mo speis,  
'S de cheol eisdeachd m 'm fiach leom.

PATRIC.

6

Nior chual tu co-maith mo cheoil,  
Bho thùs an domhunn mhoir gus a' nochd;  
'S tha thu aosda ana-ghlic liath,  
Thir a dh' ioladh cliar air cnoc.

OISAIN.

7

'S tric a dhiol mi cliar air cnoc,  
'Tulla Phàdruic is olc run;  
'S eucor dhuit a chain mo chruth,  
Bho nach d' thuair mi guth an tùs.

PATRIC.

8

Chualas ceol bu bhinne na d' cheol,  
Ge mor a mholas tu do chliar;  
Ceol air nach luigh leatrom laoich  
Faobhar cuilg ris an ord Fiann.

OISAIN.

9

N' ar a shuidhe Fionn air cnoc,  
'S a sheinneadh è port don ord Fiann;  
Gu 'n cuireadh è chadull na sloig,  
'S och-òin bu bhinne è na do chliars.

10

Smeoraiche bheag Ghlinne-smail,  
'S faothar na barr ris an tom;  
Is sheinneadh-midne leò puirt,  
'S bha sinn fhìn 's air cruit ro-bhinn.

11

Bha da ghaodhar-dheug aig Fionn,  
'S leigeamaid iad re Gleann-smail;  
'S bu bhinne leam prosnuich air con,  
Na da chluigse Chleirich àigh.

12

Ach ciod a rinn Fionn air Dia,  
Rinn è rian chliar agus sgolp;

Thug è latha ri pronnadh oir,  
'S an ath-la ri meathair chon.

PATRIC.

13  
Se miad 'ur ruighe ri meathair chon,  
'S bhi diola' sgolp gach aon la,  
'S gun urram a thoirt do Dhia,  
Anis tha Fionn nam Fiann an laimh.

OISAIN.

14  
'S olc a chreideas mi do sgeul,  
A Chleirich le d' leabhar bàn;  
Gu biodh Fionn Mac Cuthail no cho fial,  
Aaig duine na aig Dia ann laimh.

PATRIC.

15  
Tha è 'n ifrinn ann an laimh,  
'M fear le ghna bhi pronna' òir;  
'S thaobh miad a dhi-meas air Dia,  
Chuirte è 'n tigh pian fu' bhron.

OISAIN.

16  
N' am biodh Clanna-Baoisge a steach,  
'S Clanna Moirne nam fear trein;  
Bheireamaidne Fionn a mach,  
Neo bhiodh an teach again fein.

PATRIC.

17  
Maithean na Feinne ma seach,  
Leasta ge bu mhor an t-euchd;  
Cha tugadh sud Fionn a mach,  
Ni mo bhiodh an teach agaibh fein.

OISAIN.

18  
Is ciod è an t aite ifrinn fein,  
A Chleirich a lèubhas an sgoil;  
Nach bu co-maith è ri flaitheas De,  
Na faigheamaid ann fèidh is coin.

PATRIC.

19  
Ge beag a chu' ill chronnanach,  
Is mònaran na grèine;  
Cha theid gun fhios don Righ mhoralach,  
Fu' bhar bhilibh a sgeidhsan.

OISAIN.

20

Cha b' ionnan è 's Fionn mac Cuthail,  
An Rìgh bh' againn air na Fiannaibh;  
Dh' fhaodadh Tr an dombunn,  
Dol na thallasan gun iarraidh.

PATRIC.

21

Na coi-meas thus duine ri Dia,  
'Sa shean fhir leith na breithnich è;  
'S fhad bho thainig a reachd,  
Is seasmhaidh a cheart gu la bhra.

OISAIN.

22

Choi-measainse Fionna mac Cuthail,  
Ri aon neach a sheall sa ghrèin;  
Cha d' iarr e riamh ni air neach,  
'S cha mhò dh' eur è neach mu ni.

23

Thug sinne latha air sliabh Bhòid,  
Bha Caoilte am 's bu chruaidh a lamh;  
Osgar agus Gòull nan sleagh,  
Diarmad on Mhaoth 's Fraoch on Ghleann.

24

Fionn mac-Cuthail bu mhor prìs,  
Bha è na Rìgh oirn san àm;  
'S a Chleirich nam bachull fiall,  
Cha leigeamaid Dia bhos air cionn.

PATRIC.

25

'Se sin a chuir as dhiubh riamh,  
Nach do chreid sibh 'n Dia nan dul;  
'S cha mhairthean duine d'ar sliochd,  
'S ni beo ach riochd Oisian iur.

OISAIN.

26

Cha b'e sin a chuir as dhuinn,  
Ach turus Fhinn 'dhol don Roimh;  
Bhi cuir cath araid leinn fein,  
'Se chuir as d' ar Feinn gu mòr.

PATRIC.

27

'S olc leam sin 'uaitse Oisain,  
Fhir nam briathra' bòile;  
'S gum b' fhearr Dia ri aon uair,  
Na Fiann na Feinne uile.

OISAIN.

28

B' fhearr leamsa aon chath laidir  
A chuireadh Fiann na Feinne;  
Na Tighearna a chràbhaidh sin,  
Is thusa a Chleirich

[TD 44]

PATRIC.

29

Eisd ri radhadh Rìgh nam bochd,  
Is iarr a nochd neamh dhuit fein;  
'S bhon tha deire tighinn air t aois,  
Tog dod' mhaois a shean fhir leith.

OISAIN.

30

Bu bheachd leam bhi tighinn air Diarmad.  
'S air Fearghus bu bhinne gloir;  
Na bu chead leat mi gan luaidh,  
Chleirich nuadh 'theid don Roimh.

PATRIC.

31

Com nach cead leam thu gan luaidh,  
Ach thoir aire gu luath air Dia;  
'S bho tha crìoch a teachd air t-aois,  
Tog do d' bhaosig a shean fhir leith.

32

(1) Cha tugainse atha do neach,  
Leis bu dochadh mi fein na me chliar,  
Mhac muirnich a chualas riamh;  
Ach Flath nam Fiann a raite air thus.

33

Comraich an da-abstail-deug,  
(2) Gabhamsa dhomh fein a nochd;  
'S ma rinn mise peacadh trom,  
Biodh è an slochd nan tam nan cloich.

<eng>H. 1. THE DIALOGUE. 234 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 168. Advocates' Library, January 3, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

THERE was none alive of the Heroes at last but Ossian only, and one of his daughters married to Peter Mac Alpin, or rather St. Peter, who came from Rome to learn the Christian Religion to the Inhabitants of Ireland (to which he addressed all these Poems). And St. Patrick was endeavouring to learn his father-in-law all the principles of Religion, which was very hard to do in his old age, when all his faculties and senses waxed weak by decay and sorrow. Sometimes he had some regard for it, and some other times he would not stay to hear it; it would be as bitter to his ears as

the Worm-wood and Gall to his tongue, and he would rather to sing his own Poems than the Psalms of David, and he thinks them to be nothing in comparison to his own melodious songs. He asked one day of St. Peter were all the Heroes in Heaven, and he said that they were not, and they disputed a while about that; St. Peter was still admonishing him to believe in God and to give over his foolish talking, and not to have such an opinion of God, untill he made him pray at last to the Apostles, which confirms that it was after Christ's death then, when he asked pardon of his sins from them.<gai>

DAN 29.

1

INNIS dhamhsa Phádraig,  
O' onoir a dheadh leabhaidh;  
Am bheil neo' gu h árraid  
Ag uaisle fearadh Eirann?

2

'Bheireamsa dearbha dhuitsa,  
Oisain nan glonn;  
Nach 'eil neo' aig d'Athair,  
Aig Oscar no aig Goll.'

3

'S olc an sgéul a Phádraig,  
A th' agad dhamhsa Chleirich;  
C' ar son a bhitheamsa re crabhadh,  
Mar bheil neo' aig Fiantidh Eirann.

4

'S górach leam sin Oisain,  
Fhir nam briathraibh bailaisg;  
'S gu b' fhearr Dia re aon uair,  
No Fiantidh Eirann uile.'

5

B' fhearr leamsa aon chath láideir,  
A chuireadh Fiantidh Eirann;  
No Tighearna chrabhidh sin,  
Agus tusa Chleirich.

6

'No coi'-meas thusa duine re Dia,  
No breathnich fhir liath re d' lá;  
'S fhad o na thainig a rath,  
Is maithridh e mia' gu bráth.'

7

Choi-measainnsa Fionn nam fleadh,  
Re aon neach a'ta fuaidh 'n ghréin;  
Cho d' iarr e riamh ni air neach,  
'S aon ni do neach cho mhó dh' éur.

8

'No coi-meas thusa chaoidh Fionn,  
Re neach a bha ann o thús;  
Sa bhitheas anois sa rís.  
Gun cheann críoich no deireadh úin.'

9

Ciod e a ghné dhuine sin,  
A bhitheas anois 's gu bráth;  
'S neach raibh toiseach aig a bhith,  
Cho duin e ach Spiorad fás.

10

'Cho mhodha na sin is seadh,  
A fhuair bri' no blagh no cáil;  
O ní no neach tha air chuan,  
No air talmhinn fhuair a bhá.'

11

Ciod e a ghné Spioraid e,  
Nach d' thainig o neach a bha;  
Air an talamh no air chuan,  
Mor Spiorad fhuar bheantidh árd.

12

'Cho ne Spiorad bheantidh fhuar,  
Th' ann ach bith tha shuas do ghná;  
Ann 's na flaitheasaibh is mó,  
Far an lionmhor glóir is grás.'

13

Ciod idir an Spiorad e,  
A th' ann 's na neamhidh is áird;  
Far an saibhir grás is glóir,  
Feadh gach lo gun sgur gu bráth.

14

'Spiorad a chruthaich an cuan,  
Is an talamh fuaridh bráit;  
Gach ní agus neach a th' ann,  
Gun chonamh ann an sea láith.'

15

'S ionngeantach an spiorad leom,  
A chruthaich am fónn san cuan;  
Gun chonamh no iarrtas neach,  
An sea láith le neart a suas.'

16

'Creideam gur h ionngeantach leat,  
O! neach d' fhuair thu beachd no iúl;  
Air an tí tha 'm flaitheas shuas,  
Far nach críochnaich luadh nir cliú.'

17

Ciod e 'n t áite flaitheas fein,  
A Chleirich d' an leir gach olc;  
Nach coi-maith an talamh fein, (or rè)  
Na 'm fiu' t' ann éibhneas is loin.

18

'Oisain 's amaideach do ghlóir,  
Gun dadam eólais no sgóil;  
'N uair a choi'-measa tu fein,  
Aros De re fiathach lon.'

19

Cia ris deir thu áros De,  
'N ann ris na spéura' ud shiar;  
O 'n d' thig sneachd, is uisg, is gaoth,  
Teine bhaoghlach is mór fiath.

20

'Oisain struagh dhuit a bhi beó,  
Gun ghrásaibh, gun treóir no ciall;  
Ach mar Eilid an dalla cheó,  
Nach d' fhuair braon do dh' eólas Dia.'

21

Do fhuair mi eólas is iúl,  
Cho maith sa bha Mur na Feinn;  
Gu séinn Clarseich agus ciúil,  
D ánaibh úr, is sealg an fhéidh.

22

'No coi-meas thusa gu bráth,  
Sealg is Clarsaichibh is duain;  
Re eólas bhi air lágh Dhe,  
An tí leirsinnach tha buan.'

23

'Am bheil leirsinn is fios aig,  
Air gach ni a'ta fuidh 'n ghréin;  
Gach creatair tha ann sa chuan,  
'S air an talmhinn suas le chéil.'

24

'S deimhinn gu bheil fios sin aig,  
Air gach creutair tha air lár;  
Mar an ceudna ann sa chuan,  
S'e fein dhealbh iad suas le laimh.'

25

'Am bheil fios aige gach uair,  
Air ar cómhradhne 's air rádh;  
'N uair a bhios sinn ann ar suain,  
Is tra bhios sinn tinn is slán.'

(1) <eng>'This verse ought to be placed opposite and sooner,' i.e. after the 25th verse.<gai>

(2) Iarramsa.

[TD 45]

26

'Tha fios aige air gach ni,  
A labhair gach siol is áll;  
Is gach sláinte agus león,  
A thig feadh gach ló o láimh.'

27

'S ro' olc leom a ni e sin,  
A chuireas nimh agus cráth;  
Air na daoine a rinn e,

C' om an deanamh sin gu brath.'

28

'Ni e e gan toirt fui' chís,  
Chums 's gu striocha gach neach dh'a;  
Gun deanamh imchuidh faidheoidh,  
Gu dol comhladh ris gu bráth;

29

'Am fuidh sinne dol gun fhios,  
'S tigh do 'n ionad sin leinn fein;  
Chum 's gu biodhmaid ann gu bráth,  
Ann na Aros le Mac De.'

30

'Uidhir na cuilaig a ni srann,  
No monaran fann na gréin;  
Cha d' theid gun fhios do 'n Righ mhór,  
D'a aros gloirmhor r'a re.'

31

'S miodhurach leam fein a sheol,  
Nach d' theid monaran na gréine;  
Gun fhios d' a do fhlaithneas suas,  
Masa farsuing buan a reileach.

32

'Ni 'm fuigh gu siorruidh aon neach,  
Dol a steach gu 'n cheud on lí so;  
'S gun bhi saor o chron 's ghó,  
Cho 'n fhuigh cómhnuidh ann na Rioghachd.'

33

Cho' b' ionnan is Fionn Mac Chuthail,  
An Righ bh' again air na Fiantidh;  
Dh' fhéudadh gach neach bheir an talamh,  
Teachd na thallasan gun iarruidh.

34

'No coi-meas a choidhch a thalla,  
Re teach fhlaithneas is na Trionaíd;  
Cha raibh eólas aig air maitheas,  
Ach air cathaibh agus piantidh.'

35

'Bha sin eólas ais is aithne,  
Cho mhaith sa tha fós re fhaotainn;  
Cha deach' e riamh a chur catha,  
Ach da aindeóin, 'n uair bu bhaoghlach.'

36

'Cha d' fhuair e eolas air Dia,  
Cha b' e mhiann o thús a lá:  
Uime sin cho 'n eil e shuas,  
Ann ionad na luth-ghair.'

37

Ciod e 'n d' ionad am bheil Fionn,  
An ti b' ainmeala a bha;  
An tigh Teamhradh bhinn nan téud,

Far am b' eibhinn béul gach Bard.

38

'Tha Fionn ann an ifrionn shios,  
'S cho d' thig e' nios gu la bhráth;  
Le lughad sa rinn e bhun a Dia,  
Bidh e 'n tigh nam pian fui' chradh.'

39

'S olc a chreideas mi do sgéul,  
A Chleirich le d' leabhar bán;  
Gu bheil Fionn mo choi'-fhial,  
Aig duine no aig Dia an láimh.'

40

'Tha e an Ithuirne 'n laimh,  
Ge d' b'e ghna' bhi pronnadh óir;  
'S aig mead aim-beartan air Dia,  
Tha e 'n tigh nam pian fui' bhrón.'

41

'Nam bu bheó Coirreal is Goll,  
Diarmaid donn is Oscar áigh;  
Cho leigeadh iad Fionn nam Fiann,  
Aig duine no aig Dia an laimh.'

42

'Ge d' bu bheó Coirreal is Goll,  
Diarmaid donn is Oscar aigh;  
Cho d' thugadh iad Triath nam Fiann.  
Gu siorruidh e pian s' e cradh.'

43

Nam biodh Clanna Baoisge steach,  
'S Clanna Mornna nam fear tréun;  
Bheir' maide Fionn amach,  
Neo bhiodh an teach againn fein.

44

'Cuige cutha na h-Eirann air fad,  
Air leatsa gu'm bu mhor am féum;  
Cha d' thugadh iad Fionn amach,  
Ge d' bhiodh an teach aca fein.'

45

Ciod e 'n d' áit Ithuirne fein,  
A Chleirich gan leir an sgoil;  
Nach coi-mhaith e 's flaitheas De,  
Na 'm fuighinn ann feidh is eóin.

46

'Oisain leam 's fhada do shuain,  
Eirich suas is eist na sailm;  
O 'n chaill thu do ruth 's do rath;  
'S nach cuir thu cath re latha gairbh.'

47

Ma chaill mi mo ruth 's mo rath,  
'S nach cuir mi cath re latha garbh;  
Do d' Chleirsinnachd 's beug mo spéis,

'S do cheól eisdeachd cho 'n fhiach leam.

48

'Cho chuala tu cho máith mo cheóil,  
O thús an domhain mhor gus a noc;  
'S thu gu h aosmhor, an-ghlic, liath,  
Fhir is tric a dhioil cliar air cnoc.'

49

'N aile 's tric a dhioil mi cliar air cnoc,  
Ille Phádraig is olc rún;  
'S ea-coir dhuitsa cháin mo chruth,  
O nach d' fhuair mi guth o thús.

50

'Cha do cháin mise do chruth,  
Ge d' thubhairt mi riut gu ciuin;  
Gu raibh thu gu h an-ghlic liath,  
'S nach d' chual thu riamh cho mhai' mo chiuil.'

51

Chualas na b' fhearr na do cheól,  
Ge mór a mholas tu do chléir;  
Ceól air nach d' luigh leith-trom laoich,  
Am faol cuilg bh' aig caoimh na Feinn'.

52

'No coi'-meas gu bráth faol garbh,  
Re sailm Dhaibhidh chalma ghráidh;  
'S ni mo-choi' measas re' d' ré,  
Re Clag Teambal Dhe nan grás.'

53

'Bha sea Lothainn deug aig Fionn,  
'S leigeamaid iad re gleann smàil;  
'S bu bhinne leam frosnaich ar con,  
Na do chlog a Chleirich cháich.'

54

'S amaideach leam fein do ghlóir,  
Feadh an ló gun sgur no támh;  
'N uair a choi-measa tu fein,  
Coin na Féinn re 'm Chlag gu h' árd.'

55

Cha bu coi-meas Coin na Feinn,  
Re d' chlog tiamhidh féin air máil;  
'S ann a bhios bronach gach neach,  
Re h ám tionail mu d' theach cráidh.

56

'Oisain 's gorrach leam do luadh,  
A toirt fuath gach uair do ghrás;  
B' fhearr leat frosnaich Chon na Feinn,  
No bhí g' eisteachd mo lua'-ghair.'

57

'B' ionmhuinne leamsa gach ré,  
Frosnaich chon na Feinn sa ghleann;  
A lathach nan Dámh 's nan Aogh,

No na bheil a bhlagh a' d cheann.'

58

'S baothail thu Oisain mhic Fhinn,  
Gur neo' Chinn do chómhradh cearr;  
Dhoth thu do Chona' na Féinn,  
Na 's mo no mhac De 's da rádh.'

59

Bha seachd Chathanaibh san Fheinn,  
Au mháith am feum 's gach ám air bith;  
'S cha d' thug iad urram do Dhia,  
No Cheann cliar a b' fhiata cith.

60

'Se sin a chlaoidh sibhsa riamh,  
Nach do chreid sibh Dia nan dúl;  
Cha mhaithrean an diu duine d' ar sliochd,  
'S cha bheo ach riochd Oisain úir.'

61

Cha b' e sin a rinn ar claoidh,  
Ach turas Fhinn a dhol do 'n Roimh;  
Sinne cumail Cath-cabhara leinn fein  
Sa claoidh ar Féinne gu ro-mhor.

62

'Bu chubhaidh sin eiridh dhuibh,  
Tuiteam is bhur claoidh le cách;  
Oir b'e bhur rún is bhur miann,  
Bhi cosgairt nan cliar gach lá.'

63

'Cha b' e sin a bu bhéus duinn,  
An dream chaomh a b' úire bha;  
Cha d' rinn riamh marbha' no leóin,  
Ach 'n tra' slóigh oirnn' cearr.'

[TD 46]

64

'Ma 's fhearr leatsa gu la bhráth,  
A bhi gáirdeach no fui' bhrón;  
Thoir urram is cliú do Dhia,  
Is dean a riar gach trá-nóin.'

65

'An toir mise cliú le gean,  
Do neach nach fhaca mi riamh;  
B' annsa leam a bhi tra-nóin,  
A min eisteachd glóir nam Fiann.'

66

'Oisain 's ceanngailte re' d' bheachd,  
A Chleir-fheachd sin nach raibh tlá;  
Leis nach b' ionmhuinn cliú an Triath,  
A sheinn riamh ach iarguin bhlár.'

67

Gur beachd leam Diarmaid, is Coireall,  
'S Fearadhas bu bhaghara glóir;  
Na' m bu chead leat mi da' n luadh,  
Chleirich thruaigh a theich o'n Róimh.

68

'C'om nach ceud leam thu d'an luadh,  
Ach thoir aithr' gu luath air Dia,  
Le d' uile dhúrachd 's do ghradh,  
Ma 'n glac am bas thu gun fhiath.'

69

A Phádruc ma thugas ceud,  
Beagan beag a labhairt dhúinn;  
Aailais ma-sa ceud le Dia,  
Flath nam Fiann a radh air thús.

70

'Cha d'thug mise comas dhuit,  
A shean-fhir churta gun chiall,  
'S ann a thuirte riut gun bhréug,  
Iarruidh neamh is lagh' o' Dhia.'

71

Comraic an dá Ostail déug,  
Gabhamsa dhamh fein a noc;  
'S ma rinn mise freadach tróm,  
Biodh e 'n luidh, san tóim san cnoc.

O. 17. URNUIGH OISEIN. <eng>120 lines.

Dr. Irvine's MS., Page 98. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 29, 1872.<gai>

1

INNIS dhuinn a Phadrig, (aithris)  
Air onar do leughadh;  
Bheil neamh gu h-araid,  
Aig maithibh fir na Feinne.

2

Bheirinnse briathar dhuitsa,  
Oisean nan glonn;  
Nach eil neamh aig t-athair,  
Aig Oscar no aig Goll.

3

'S olc an sgeul araid,  
Th' agadsa dhomh a Chleirich;  
Cum a bithinnse ri crabha,  
Mar 'eil neamh aig maithibh fir na Feinne.

4

Oisean gur fada do shuain,  
Eirich suas is eisd na sailm;  
Chaill thu nis do lugh 's do ragh,  
Cha chuir thu cath ri la garbh.

5

Ma chaill mise mo lugh 's mo ragh, (rath)  
Mar cuir mi cath ri la garbh;  
Do d'ghlaggar gur beag mo speis, (al. chleirsneachd)  
Do cheol eisdeachd cha 'n fhiu leam.

6

Cha chual thu riamh cho maith ri m' cheol,  
O thus an domhain mhor gu nochd;  
Tha thu aosda anaglic liath, (al. agluidh)  
Fhir a dhioladh cliar air chnoc.

7

Ghille Phadric 's olc run, (olc leam)  
'S eucoir dhuit a chain mo chruth, (deacair)  
'S nach d' fhuair mi guth o thus. (an tus)

8

'N uair a shuidhe Fionn air a chnoc,  
'S ghabhadh e port as an airde Fionn; (air)  
Chuireadh e chodal na sloigh,  
'S a chain bu bhinne na cliar,

9

Bha da ghadhar dheug aig Fionn,  
Nuair rachadh iad nan deann ri gleann;  
Bu bhinne leamsa fros nan gadhar,  
Na do ghlagsa chleirich chaisg.

10

Is leigeamaid iad ri gleann smail,  
Bu bhinne leam prosnich ar con;  
Na do thuigse Chleirich aigh.

11

Smeorach bheag ghlinn smail,  
'S faighinn na bar ris an tom;  
Shinneamaid na leth phuirt,  
Bha sinn fein 's an cruit, ro bhinn.

12

Latha dhuinne air sliabh Boid,  
Mac Connuil nan fleagh 's Ronull o 'n ghleann;  
Bha Caoilte bu chruaidh lann,  
Oscar is Goll na sleagh.

13

Dearmad na fleagh 's Fraoch o 'n ghleann,  
Fionn Mac Cuthail bu mhor brigh;

14

B' fhearr leamsa aon chath laidir,  
Chuireadh Fionn san Fheinne;  
Na Tighearna a chrabha' 's thusa chleirich,  
Cha tugainnse faimas do neach.

15

Fionn Mac Cuthail oirnn mar bhreithe,  
'Se na righ as ar ceann;  
'Sa Phadric nam bachul fial,  
Cha leigeamaid Dia os ar ceann.

16

Na coimeas duine ri Dia,  
Shean fhear liath 's na bretich e;  
'S fada o 'n thainig a neart,  
'S mairidh e ceart gu brath.

17

Choimeasainse Fionn nam fleagh,  
Ri aon neach a sheall sa ghrein;  
Cha do iarr e riamh ni air neach,  
'S ni mo dh' eur e neach ma ni.

18

Ge beag a chuibhil chronanach, (chulag)  
Is monaran na greine;  
Cha teid gun fhios do 'n righ mhoralach,  
Fo bhar bhilan na sgeithe.

19

Cho b' ionann Dia is Fionn Mac Cuthail,  
An righ bh' againn air na fiannaibh;  
Dh' fheudadh fir an domhain,  
Dol na thalsa gun iarraidh.

20

'S olc leam sin uatsa Oisein,  
Fhir nam briathra b' fhoile; (b' aile)  
Gu 'm b' fhearr Dia ri aon uair,  
Na Fionn 's an Fheinne uile.

21

'S e sin a chuir as duibh riamh,  
Nach do chreid sibh Dia nan dul;  
Ni mairrean duine do 'r sliochd,  
Cha bheo ach riochd Oisein uir.

22

Cha b' e sin chuir as duinn,  
Ach turus Fhinn dol do 'n Roimh;  
A bhi cur cath araid leinn fein,  
Sid chuir as do'r Feinn gu mor.

23

Ach ciod rinn Fionn air Dia?  
Rinn e rian chliar as sgolb;  
Thug da latha a' pronnadh oir,  
'S an treas la ri meaghair chon.

24

'Se meud 'ur rudh ri meaghair chon, (n' iugh)  
'S bhi dioladh sgolb gach aon la (dissal sgal)  
Gun urram a thabhairt do Dhia,  
Chuir Fionn na Fiann an sas.

25

'S olc a chreideas mi do sgeul,  
A chleirich led' leabhar bàn;  
Gu 'm bitheadh Fionn no co fial,  
Aig duine no aig Dia an lamh.

26

Tha e 'n Ifrinn an lamh,  
Am fear le 'n gnath bhi pronna' oir;  
Thaobh meud a dhimeas air Dia,  
Chuirte' e 'n tigh nam pian fo bhron.

27

Nam bitheadh clann O' baoisge a steach,  
Is Clanna Morna nam feachd treun;  
Bheireamaid Fionn a mach,  
No bhitheadh an teach againn fein.

28

Cuignear a chogaibh na h-Eirin, (chuigibh)  
Leatsa ge bu mhor an t-euchd,  
Cha tugadh sibh Fionn a mach,  
Ni mo bhitheadh an teach agaibh fein.

[TD 47]

29

Ach ciod an t-aite Ifrinn fein,  
A chleirich a leughas an sgoil?  
Nach bu cho maith ri flaitheas De,  
Nam faigheamaid ann feidh is coin.

80

Eisd ri rath righ nam bochd,  
As iar a nochd neamh dhuit fein;  
Ona tha duna' tighinn air t-aois,  
Tog a Mhaoisg a shean fhir liath.

81

Comrich an da Abstail dheug  
Gabhamsa dhomh fein a nochd;  
'S ma rinn mise peacadh trom,  
Biodh e 'n sloc no 'n tom, no 'n cloich.

<eng>Got from Donald Mac Iver, alias Robertson, and Charles Robertson  
foresaid. 1802 and 1808.

OISEIN'S LAMENT. A. 7. 8. 9.

THE following fragments from the Dean's Book, can be recognized in some  
shape in other places, but I have not found them orally preserved in  
Scotland.<gai>

A. 7. TYLYCH FINN. <eng>16 lines.<gai>

A HOUDIR OSSAN McFINNA.

1

DI chonna mee tylych finn,  
Is ner vai tylych teme trea,  
Aggum di chonna mee scheve,  
Di vontir in ir in nea

2

Di chonna mee tylych art,  
Far lar vac donna binni  
Far is farre ne agga mi.  
Di chonna mee tylych finn

3

Dane vaga mir a chonna mee,  
Chonna, m`ynlain fa ynna  
Owcht is mark na vagga ea.  
Di chonnek mai tylych finn

4

Goym ree ni iyg noch gi olk,  
Za vil er mo chinni.  
Sin serra marreine o faynna,  
Dyth chonna ma tylych finn.  
Di chonna mee tylych.

A. 8. IS FADDA NOCH NI NELLI FIYM. <eng>36 lines.<gai>

A HOUDIR SO OSSIN.

1

Is fadda noch ni nelli fiym,  
Is fadda liym in nycheith ryr  
In lay dew gay fadda zoyth,  
Di bi lor fadda in lay de

2

Fadda lwmmi gych lay za dik,  
Ne mir sen di cleachta dom  
Gin deowe gin danyth cath,  
Gin wea feylim class dlweth

3

Gin nenith gin choill gin chrut,  
Gin fronith crewi gin zneiwe gray  
Gin deillych ollom zor,  
Wea gin neilli, gin oill fley

4

Gin chin er swrri na er selgi,  
In da cherd rey in royth me  
Gin dwlli in glaow no in gath,  
Oichane ach is derrick dow

5

Gin wraith er ellit no er feyg,  
Ne hawle sin bi wane lom  
Gin loeg er chonvert no er chon,  
Is fadda noch na nelli fiym

6

Gin errith gaske gnaath,  
Gin nimert mir abaill linni  
Gin snaw zar leithre er loch,  
Is fadda, etc.

7

Din teill mir a ta mee,  
Is trowig er bea mir a ta sinn  
Menir a tarruing clach,  
Is fadda, etc.

8

Derri ni feyni far noiss,  
Is mee Ossin mor m'finni,  
Gesticht re gowow clokki,  
Is fadda, etc.

9

Faye a phatrik zoein o zea,  
Fiss in nini in bea sinni  
Gith serrir marrien roith locht,  
Is fadda, etc.  
Is fadda.

A. 9. A TARRING CLOOCH. <eng>48 lines.<gai>

AUCTOR HUUUS OSSEANE McFINN.

1

ANVINE in nocht nart mo lawe  
Ne ell mi coozein er laar  
Is nee enyth zof waa bronych  
Ym zebil trog sennorych

2

Troyg gi neith cheddeyth doif  
Seach gi dwn er twne talwon  
Re tarring clach a hallinn  
Gow relling hulchin talzing

3

It ta wrskal aggwme zut  
Er ir zi wuntir phatrik  
Estith re astenyth inn  
Schal beg er tocht zin talgin

4

Brwin di rinnyth in swnn  
Er sleywe quoalgein moelyth lwmm  
Di churri er feanow phail  
Ywir in ta hunwail

5

Da drane din wrwin wroyth  
Chur finn er clan morn  
Agus in trane elli zeit  
Ormss is er clannow kiskneith

6

Hugas fregryth nar choyr  
Er m'cowle v'tranewoyr  
Hurd nach bein fada fa smacht  
Is nach danyth doo geilleicht

7

Di weit Finn fada na host  
In leich nac burras a cosga  
Fer gin noyin gin eggill  
Nor a quayl in doo regryth

8

Is sea coyrra di raa rwm  
Flath eanyth ny vane finn  
Bea tou schell a tarring clooch  
Ma in deyt how in weit wronyth

9

Di zeyrris is sin ra erg soss  
O vak cowle a rinzerga  
Sea lenn me din nane awnyth  
Cathrow chath croychalm

10

Fastir miss ag in nane  
Verrir royssa my wraa feyn  
In lwcht a wa gim heit ann  
Is da in deit id tame gi anvin

11

Faa meith in coythrlyth croo din nane  
In gath crwnvonyth Anvin  
Ymyth nac gin anyth ann  
Da in tallyth tame gyth anvin anvin

12

Anvin in nocht cley mo curp  
Creddwm di wraer padrik  
Eddir lawe is chass is chenn,  
It tame ullith gi anvin anvin  
Anvin.

A. 10. IN SOO CHONNICH MAA IN NAYNE.

<eng>36 lines.

THIS fragment places the House of Padruig on the site of Fionn's house, that is to say, on the Hill of Allen, in Meath. It also names many of the warriors. H. 2. I. 3. are Kennedy's versions of the ballad, collected about 1774. Dr. Smith had H. 2. from Kennedy. At page 328 of his book in the English, as he made it in 1780. At page 306 in his book of 1787 is the Gaelic which he made out of Kennedy's copy and others which he had. St. Patrick has become Malvina, and all the names have Latin endings, but nevertheless the passage and the ballad had a common ancestor in A. 10. Kennedy's second version may be compared with his first, and with Dr. Smith, and with A. 10. by those who care to investigate this subject. To me it seems clear that Mac Pherson's Ossian had got such hold of his cotemporaries that they could not leave a ballad alone. Kennedy's sins were small, as appears from a close examination of H. 1.<gai>

A HOUDIR SO OSSIN.

1

IN SOO claonnich maa in nayne,  
Di chonnich ma caynan is goole  
Finni is oskir mi vacki  
Rynith is art is dermit doone

2

M'lowith kynkeith ni gaege  
Garrith derk is ey beg  
Is ey m'carrith nor heyme  
Ni tre finni is fed

3

Glass is gow is garri  
Galwe nin gead is conane brass  
Gole is cwin m'gwille  
Sokkith m'fynni is bran

4

Keilt m'ronane ni gath  
Doywn coylin is leym er gleinni  
Is caedith a fronith or  
Is fer one woyne var by vinni

5

Baynith m'Brassil ni lanni  
M'chromchin tenni m'yn smail  
Agus oskir m'carrith zerve  
Ni tre balwa is ni tre skail

6

Tre boyane zlinni schroill  
Tre rwell o voynith reith  
Vii mic cheilt ni glass  
Tre zlassni zlessra nyn ser

7

Tre beath chnoki durt  
Be veddeis fa wurni znath  
Deach m'eithit vornu vor  
Oissi teacht er boie id tad

8

In soo a chonich ma in nane  
Boyine eall di chenchyth koyll  
In dimchill ossin is inn  
Swle zlinni di fronfre or

9

Fer loo is kerrill croye  
Di verdeis boye er gyth cath  
Fay canym is felune feall  
Di chonnik mi ead in soo  
In soo chonni.

H. 2. CAOIDH OISIAIN. <eng>68 lines.

Kennedy, 1st Collection, page 179. Advocates' Library, January 3, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

How Ossian lamented the Heroes one day he was walking on a hill where they had a fortress, and used to be singing, feasting, and hunting.<gai>

DAN 30.

1  
So far am faca mi 'n Fhiann,  
Chonnamar ann Cian agus Conn;  
Fionn fein is Oscar mo mhac,  
Raonidh, Art is Diarmaid donn.

2  
Mac-luthaich is Caoin-cheann gun chealg,  
Daoire dearg agus Aogh beag;  
Aogh mac Gharidh nach tím,  
Na tri Finn agus Fead.

3  
Glais, agus Geamhail, is Geir,  
Re cuimhneach nan ceud shonn bras;  
Goll mac Rìogheanaich dhuinn,  
Eoghan mac Fhinu agus Bran.

4  
Seachd mic Chaoilte nan lua' chas,  
Na tri Ghlais o shráid nan saor;  
Na tri Fiaghain bu ghrinn dóidh,  
'S na tri Criogheala bu mhor aoidh.

5  
Na tri Oscair Gharidh ghairbh,  
Na tri Bailbh, is na tri sgáir;  
Beinnidh mac Freasdail nan lann,  
Troidh chruinn teann, is Mac-o-smáil.

6  
Caoilte mac Ronan nan cuach,  
An Goll guairn, is Leum air linn;  
Ceud laoch le 'm pointe ór,  
'S fear o 'n Bhó' ain le bheurla bhínn.

7  
Moran is Filidh nan duan,  
Conal suairce na caint thlá;  
Cuth-fhraoch a b' fhearr re tím cruai,  
No caogad do shluagh Rì Pháil.

8  
Muirne Torman agus Seamh,  
Ardan Treun fhear 's Coirreal áigh;  
Cleasa mór an gaisgeach calm,  
Agus Fearr-ghuth nan lann bán.

9  
Cruai' fhear lua'- bheumach gun mhéin,  
Colla féat agus Cáinl thlá;  
Muireach Meamnach agus Brian,

Fir gun fhia' roi' iarguin bhlár.

10

Faoghlan mo dhea' bhrathair fein,  
'S Faradhas béul dearg bu bhinn glóir;  
Treun-fhear Treabhal agus Art,  
Na lán ghaisgich a b' fhearr doidh.

11

Fad- éighe nan ioleaeh cruaid,  
'S Raonac ruadh an leadain óir;  
Luimneach 's Leadan nan rosg máll,  
Breacan ármach, is gnúis og.

12

Maoth chruth, Torman is Caomh, bhéul,  
'S Ceolmhor bu bhinn béus tra' nóin;  
Is Faoghlan mo bhrathair fein  
Ochain nach roibh 'n d' éug do 'm chóir.

13

Cruth-geal lóinreach is Deó-gréin,  
A shoilse' measg chéud air magh;  
'S a Milidh áluin nach d' chlaon,  
Riamh na laoich re lím an gail.

14

Faoghlan, Suine, is Connlaoch,  
Na treun laoich bu mhai' sa chath;  
Muireach, 's Brastalan mac Fhraoich,  
So an t aog a rinn an sgath.

15

Dubh chuimir, s Aille mo ghráidh,  
Is mic Smáile nan cleas lúidh;  
Garbh is Conan mac Mornn,  
'S mi tha air mo leon gan túrs.'

16

'S mac smhail ar luas san ló'd,  
Mar shrann-ghaath, no ceó nam beann;  
Fionn is a dha Choin air éill,  
Bha iad fein air thús sa ghleann.

17

O nach maithrean ach mise dhiu fein,  
'S nach 'eil mi do reir na sgoil;  
'Nois o chuaidhe air mo ghleas  
'S truagh mo thuras fein an so.

I. 3. TUIRIDH NAM FIANN. <eng>68 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 158. Advocates' Library. April 12, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

In this second copy Kennedy seems to have picked up names and variations.  
I have marked the most important with \*. It is curious to see how verse  
and assonance govern these changes.<gai>

1

\* So far am facas an Fhiann,  
\* Chunnacas ann Brian agus Conn;  
Fionn fein is Oscar mo Mhac,  
Raini', Art, is Diarmaid donn.

2

Mic Luthaich, is Caoin-cheann gun chealg,  
Daire dearg, agus Aogh beag;  
Aogh Mac Gharai' nach tim,  
\* Na tri Minn agus Fead.

3

Glais agus Geamhail, is Geir,  
Ri cuimhneachadh nan ceud shonn bras;  
Goll mac Riobhanaich dhuinn,  
\* Eodhan mac Mhinn nan lu-chas.

4

Seachd mic Chailte nan lua-chas,  
\* Na tri Glais o Aird an t-saoir;  
\* Iodhlan is Luthar is Leug  
\* Is tri cheud do shliochd inghean Taoibh.

5

\* Na tri Toscair Gharai' ghairbh,  
Na tri Bailbh is na tri Scair;  
Beinnidh mac Freastail nan lann,  
\* Troi' chruinn, Cam is Mac O Smail.

6

Cailte Mac Ronan nan cuach,  
An Goll guarn is Leum air linn;  
'S an ceud laoch le 'm pointe or,  
\* 'S fear o 'n Bho' ain bu cheolmhor binn.

[TD 49]

7

Moran is Filidh nan duan,  
\* Conall suairc agus Caint-thla;  
Cuth-fhraoch bu treun ann san ruaig  
Bu mhor buai' air Cluana Phail.

8

Muirne, Toiman agus Seimh,  
Ardan, Treun-fhear, 's Cairil aigh;  
\* Cleasamor an curaidh calm,  
\* Agus Fearr-ghuth nan lann ard.

9

Cruai'-fhear lua' bheumach, gun mhein  
\* Colla feut, is Deudgheal graidh;  
\* Muireach, Meamnach agus Cian,  
\* Laoich gun fhia' ann iargain bhlàr.

10

Faodhlan mo dhea' bhrothair fein,  
Fearadhas beul dearg bu bhinn gloir;

\* Treun-lamh, Treathall, is Triall-mall,  
Laoich nach b' fhann 's ann iomairt scleo.

11

Fad eighe nan iolach cruaidh,  
\* Raonai ruadh an leadain oir;  
Luimnich, s Leadan nan rosg mall.  
\* Bricain armach, is Gnuis og.

12

\* Maothchruth, Mungan is Caombheul,  
Ceolor bu bhinn beus tra-non;  
\* Is Miodhlan o Mhuthan gheug  
\* Ochoin! na fir threun san toir.

13

\* Cruth-geal orbhuidh is Deo-grein,  
A shoilseadh measg ceud air magh;  
\* 'S a Milidh aluin nior chlaon,  
\* Riamh na laoich ri tim am bail.

14

Sorglan, Suimhne, is Conlaoch,  
Na treun laoich bu mhaith sa chath;  
\* Muireach, Bastalan is Fraoch,  
Och 's e 'n t aog a rinn an sgath.

15

Duchuimir, is Aille mo ghraidh,  
Is mic Smaile nan cleas-luidh;  
\* Garabh a sgrìos an teach aigh,  
\* Dunscaich nam baideal ur.

16

B' amhail ar n' imichd san lo,  
Is iom-ghaath, no ceò nam beann;  
Fionn is a dha choin air eill,  
Bha iad fein air thus sa ghleann.

17

\* Onach maithrean ach mis do 'n Fheinn  
\* 'S nach eil mo do reir mo thoil;  
\* O na chuaidh air mo ghleus,  
'S truagh mo thuras fein an so.

MALA-MHINE. <eng>(? St Patrick.) 62 lines.

Reprinted from page 306, 'Sean Dana,' Smith. 1787.

See above, p. 47. A. 10.<gai>

THREIG faraon mo sholuis fein,  
Tha mo chridhe nan deigh mar earr-dhubh;  
Mi falach mo ghnuise le m' eide'  
'S mi tuire' gu geur na dh' fhalbh uam.  
Tuiridh; a reultan an àigh,  
Is blàth leam ur bròn-chuimhne. (1)

OISEAN.

Is amhuil, is caomh leam fein  
 Ursanna treun a chatha.  
 Ge trom an suain 's gun lua' ri 'm faioinn,  
 Tha 'n dreach gun stad ann am smuainte.  
 -So far am faca' mi 'n Fhiann,  
 Chunnacas ann Cian agus Conn;  
 Fionn fein is Oscar mo mhac,  
 Raoini' Art, is Diarmad donn;  
 Seimh-mhacLuthaich, 's Caoin-cheann gun chealg,  
 Mac Ghara garg, tri Fionain 's Fead.  
 Bu loinreach an so ceann-bheairt Aoigh,  
 'S bhiodh fead sa ghaoith ag leadan Daoire,  
 Gruag Dheirg mac-samhuil bratach,  
 'S Treunar gasda mar gheig san doire.  
 Bha Torman mar shruth o 'n aonach,  
 Ardan mar chraoibh ro cheo,  
 Muirne ri thaobh is Sith-bheulain,  
 Ag amharc sèimh thar sgiatha gorma.  
 Cleasamor maraon, an gaisgeach calma,  
 'S Fearra-ghuth nan lann bàn,  
 Caoireal binn, faraon is Ulann,  
 'S na sloigh air uilinn ri 'n dàn.  
 -Chunnas ann Moran is Filidh nan duan,  
 Conal suairce na cainnt thlà.  
 Lamh-dhearga le lainn deirg,  
 Is Curach bu mhor feirg am blàr.  
 -'S c' àit a bheil Liughar na féile,  
 'S Fad-éighe nan iolach cruaidh;  
 Raon-ùr-rua' nan leadan òir,  
 Luimne mor-chathach 's Caoilte luath.  
 -C' àit a bheil Leadan nan rosg mall,  
 Beanno armach 's Toscar òg,  
 Mao'-chruth, Calmar is Cao-mhala,  
 Luchd-sgarai' thorc air Gorm'all mor?  
 -C' àit a bheil Faolan mo bhrathair fein,  
 'S Fear'as beul-dearg bu bhinn gloir,  
 Crù'geal bu loinreach eide'  
 'S Deo-greine b'ait le laocha mòr;  
 -C' àit a bheil Ma'-ronnan nan cuach  
 'S a mhaise bha 'n gruaidh Aillidh?  
 Feuch dhomh ceuma Dhuchoimir,  
 Is Crigeal na haghaidh ghradhaich.  
 -Bha Sorglan, Suine 's Conn-laoch  
 Mar steud aonaich ann sa chath,  
 Goll mar shrann-ghaoth na fàsaich,  
 Is Conal a' cur bàis o ghat.  
 -Threig sibh mi, fheara mo ghraidh,  
 Cha 'n 'eil caomh a chàireas m'uaigh;  
 Tha mise ri bròn nur deigh,  
 Is mi fein an t aonaran truagh!  
 'S tiamha idh mi 'm feasd nur deigh,  
 Air sleibhte fàsail am aonar.  
 Theich oighean mo ghraidh mar reulta,  
 'S tha mise nan deigh brònach,  
 Mar ghealach tra dh' eireas a ghrian,  
 'S na reultan a' dian-dhol o 'n àite.

THE following fragments, O. A. 11, 12, 13, 14, can be recognised elsewhere in various shapes, but I have not found them orally preserved.

O. is a mere fragment of a Lament, got near Dunkeld, about 1800. A. 11. points to the very graves of the warriors named. A. 12. is addressed to 'Padrik,' and regrets that the clergy have got the mounds of the Faynith. A. 13. tells what music the Faynith loved, in contrast to the bells. A. 14. treats of sweet voices. These carry on the same idea. The Pagan and the Priest are characters acting a metrical play for the audience, and the scene is the House of Padruig, on the Hill of Allen, amongst the graves of the Faynith. The stage was the reciter's place, wherever that might be for the time.

O. 36. FRAGMENT OF LAMENT. 8 lines.

Dr. Irvine's MS., page 153. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, April 2, 1872.<gai>

Dh' fhalbh iad bha laidir neartmhor,  
Dh' fhalbh iad bha 'n treis na h'oige;  
Dh' fhalbh iad bha 'n laithibh lionmhor,  
'S Dh' fhag iad mise 'm chrionuich bhroite,  
Mar chraobh sa choill gun gheug m'an cuart di  
Gu dionadh o thuarh reota.  
A' seasamh air firach nah-aonar,  
'S gaoth a bagradh h-aois a leonadh.

A. 11. NA TULLYCH. <eng>21 lines.<gai>

GUN AINM UGHDAIR.

1  
ID ta fane tullych so toye  
M'veckowle is groy colk  
M'dadzail neyn in derk  
Nach tug ra erk braeir borb

2  
Id ta fane tullych so dess  
M'vec goyne kness mir wlay  
Cha dor sai nach fa neith  
In gress noch char veine yth law

3  
Id ta fa tullych horryth  
Ossgyr bi vath gol is gnee  
Clan morn gai math ni fir  
Noch char chur sai sen im bree

(1) <eng>A while, O lend us from the tomb  
Those long-lost friends for whom we smart,  
And fill with pious awe and joy-mixt woe the heart.  
THOMSON.<gai>

4

Id ta fa tullych so har  
Gillyth bi van less nyth mnawe  
M'ronane dor weyth clar  
Fane tallych soo har id ta

5

Id ta fane tullych so foyne  
Innor vyth von groik is grane  
Connan dyth zaf gyth murn  
Fa tullych fume id ta.  
Id ta.

A 12. TWLLYCH NI FAYNITH. <eng>96 lines.<gai>

1

TROYG lwm twllych ni faynith  
Ag ni clerchew fa zeirse  
Is danyth lucht ni billak  
In nynit clannyth beisknyth

2

Dayr missi raa croychin  
Schell fada wroychow gi swgych  
Beg a hellis gi tarfin  
In talgin er di wullych

3

Dayr meith skay is sley  
Conn is gyir fad walle  
Ga ta nocht knock ni fayni  
Fa chleyrchew is fa wachlew

4

Da merra clanni morn  
Ni wee fer nordsi seadtrach  
Di zoyve schew fer grabbil  
A lwcht ni baychill breik

5

Da merra m'lowyth  
Si vi curri chalma  
Swl fowkweis in twllych  
Di wee fer cowlyth garryth

6

Da merra clanni carda  
Fir nachir chelggi bayssew  
Ne weith fer glwkgi fer bachlaa  
Nynit ni bradtych

7

Da merra clanni mayvin  
Fer nach banvin in droddew  
Ni weith di wuntir a phatrik  
Gi laydyr er ni chnoken

8

Da merra clan in dew zerri  
Da merra keilti croych  
Ne weith gayr chloogi is chleyrri  
Ga nestich in raa croychin

9

Da merra rynne roydda  
Is keilcroy m'creyvin  
Ne weith di loywr la cheyll  
Ir a laywis a bebill

10

Is ni lwrnga crwnni  
Di ryn in swll doyne  
Di weith di lorga na brossna  
Da bea osgir er layr

11

Ir in trostane woye  
Di ryn in swe swnda  
Math dut nach marrin connan  
Fa manach dorn duta

12

Du marrein swlzorm seir  
Conan meil makave ni wane  
A chleyrre ga mor di zorda  
Di wonin zut dorn gi dane

13

Da marra m' o zoyni  
Er ni lwrnga crossi  
Di weith di lorga sue mest  
A bresta fa chaythra clooch

14

Ir chlwga mir helim  
Da weith dering na woye  
Di weith di chlog na rabba  
Woya fa edin a chaythre

15

Ner zarga shmor a cheyth  
Er gayth geith m'roynan  
Na be di chlog gi hannis  
Ir a wanis a koyllan

16

Ni eddwm bi gi sowthych  
Ne agkwm m'kowl si woe  
Ne ekkym dearmit o doynw  
Ne ekkym keilt m'cronan

17

Ne hynyth mi way gi dowyth  
Er in tullych so phatrik  
Ne ekkym m'lowth  
Ne ekim in chwlllych zrawcht

18

Ne ekkim far loo raym heive  
Ne ekkim oskir na . . .  
Ne ekkim in nymirt vor  
Ne ekkim a choanirt cheyf

19

Ne ekkim clanni smoyl  
Ne ekkim golli mar ni gneyf  
Ne ekkim feillane fayill  
Ne ekkim na zey in nayn

20

Ne ekkim ferris mi wrayir  
Layr meth layr woalta  
Ne ekkim dyrri doynicht  
O woymist koyl gi noyrra

21

Ne ekkim fa kany  
Nach beehow aggin er ayrre  
Ne ekkim ane gar worrin  
Di bi wor torrinn a glar

22

Ne ekkim evinis na hoyl  
Ne clwnim in koyl di wee  
Soll di curri mi mi hoo  
Di fronfwn feyn or gi loyit

23

Inssim zwt a phadrik  
Da bi zayllwm hecht harsta  
Nach fayddwm a heillow  
A vacca may zeivinis agga

24

Missi is cleyrre ni bortwis  
Nocha droyinum ra chaal  
Ga ta mee nocht gi dowych  
Is troygh lwm tullych ni fayne.  
Troyg lwm.

A. 13. SKAILE ER CHOYLE. <eng>40 lines.<gai>

1

SKAILE oiknith er choyle cassil,  
Gow carn wallir berrith mee,  
Na clwnnith dwnni za glwnnith  
Gi glwnnith m'gweill ee

2

Makcowle di choill cossir  
Er sliss alwin in nor weine  
Essin oss in gend ne choll  
Finni in cessew doyr reiwe

3

Ossin dein nichticht is dermit  
Dey v'lowith leich nar zann

Deiss nar leyr cooza coskir  
Conan feyn is oskir ann

4

Sloyne a zey leych zawsich  
Di raye fin fer gyth eyth  
Faikgen mir sin er oill inn  
Ca coyll leiwe is binni er beith?

5

Di raye conan yr we in nymirt  
Eine choyll is binni hor feyn  
Math lawe in ir re heygh  
Enrwnith fer sen gr chwnith er cheyll

6

Foskgi zi chwlg in graith nawit  
Nach in gath ni choklit sa  
A loywe in genn is in gossith  
Koill a bar le oskir aye

7

Koill is mo ruggis zi ryin  
Di rae deomit ni derk maal  
A rozraw gin ga boa zawssith  
Coraa ban is ansith ann

8

Sowd mi choilsi a v'wurn  
Er m'lowith ni narm glan  
Leym in gleyw mi chon gow cre  
Fey ga churri in derri zawe

9

Sowd in koill is koyle dowfsyth  
Di rae fin fla in tloe  
In neym zeith bayne ley braddeiche  
Raym finleich fa atteive oyr

10

In tra weime gin eggil nin neksith  
Ossin a durt fa zoe  
Mi zane is a zoissith in daskgi  
Saif rame cloiss clastin a chole.

[TD 51]

A. 14. BINN GOW. <eng>16 lines.<gai>

1

BINN gow duni in teyr in oyr  
Binn a ghloyr chanyd nyth heoyrn  
Bynn noaillane a nee a quhor  
Bin in tonn a bwn da treoyr

2

Bynn in fygzir a ne zeye bin gow  
Coyth oass cassyth conn  
Alynn in delryth a ne greane

Byn in near feddyl nyth lon

3

Bynn gow illyr esse roye  
Vass kynn coayne v'moyrnye mor  
Bynn gow coythaa oyss barrye doss  
Alynn in tost a nee in coir

4

Fynn mac cowil mayr  
Fani sacht caa na eaynn gyth grynn  
In oayr a lykeyst con ra feayn  
A garrye no zeye bye wynn.  
Bynn gow.

A. 15. NENOR COLIN CHON. <eng>120 lines.

THIS is a very difficult bit of language, and the meaning is obscure. It is quite plain that nine battalions, or bands, led by Fionn, the general of the Feinne, went out with their banners, and sought all over Ireland for something. They fought, and won, a great battle, and after it, they found in a little fort 'maddith za danmist cholin.' The words seemed to the first translator, and they seem to me, to mean, 'a hound from which we might obtain a pup.' But the effort seems too great for the object. If 'chenni cholin,' line 2, and 'chinni cholin chon,' line 3, mean 'a whelp of the kindred of Conchullain,' or of 'Conn,' there is better reason for this expedition. 'A whelp of Conn,' may mean 'Cormac, the son of Art, the son of Conn of the Hundred Fights.' According to tradition, and Irish history, he was brought up in obscurity, and became the greatest of Irish High Kings, after a great fight. (A.D. 213. Battle of Crinna.) I place this ballad here, supposing that I may have guessed right. I wrote the Story of the Battle of Crinna from an old man in South Uist, in 1871, and found out what it meant when I got to Dublin. That story I will tell in its place, in English.<gai>

1

NENOR a quhyme fa chyill  
Di woyn avr chenni cholin  
Woyn avr chinni cholin chon  
Ca mo dorin sin doyn

2

Zearemir my lenyth lerga  
Is glen frethnich ni glawe nerg  
Is fer nach forrimir ann  
Maddyth za damis cholin

3

Dearemir glen dorch dow  
Glen zarve zorrith is gl claehe  
Is fer nach dorrimir ann  
Maddyth za danmist cholin

4

Dearmir scheane zrwmmi clywe  
Is finni wg leive na zei . . .  
Is fer nach dorrimir ann  
Maddyth za danmist cholin

5

Dearmir durlis war wail  
Tawyr wry is down zawrane  
Is fer nach dorrimir ann  
Maddyth za danmist cholyn

6

Dearmir glen okothyth  
Fa forrais awr ossill  
Is fer nach forrimir ann  
Maddi za danmist cholin

7

Dearmir finni wy maye  
Tawyr wry is kintaylle  
Is fer nach dorrimir ann  
Maddi za danmist cholin

8

Dearimir erri wlli  
Eddir chonnith is donni  
Is fer nach dorrimir ann  
Maddi za danmist cholin

9

Gerrid downith mir sen  
Sin feyn pupbill muntyr  
Gin wakcamir tre cath nach  
Di clanni reith ni roylayth

10

Cath catchennith de we ann  
Is cath chonchennith na genn  
Cath drumanich in dey in ney  
Donn er chawyr in drom b . .

11

In tley a soiltich gi hard  
Er inni feyn in eingnyth zark  
In nochtyr ske cheytttyth chay  
Er we in tley . . . gead

12

In tleyg soyltich gi chert  
Er inni feyn fa gall a zlak  
Er layr skaye cheilt gyn wroyn  
Weith in tly z in g

13

In tley a soyltich gi heissil  
Er inni feyn in nagnith eywre  
In noythtyr skae chrwin charre  
We tlay ac mak chrunchan

14

Leygis cheiltyth gallan gleith  
Choylis e nalwin da reroiwe  
Iss mygh lenyth nyn lanni  
In dawr is in down reillin

15

Reggir e goole m'morn  
Faynith kenard cron woyn  
A zleyis felane m'fygni  
Agis ni balwe a borrin

16

Reggir a ze mhak mawoe breik  
Is m'elle o noye brek  
Scay bregh m'daythein dayn  
Is keill croith in nerm rai zeyr

17

Reggir e keinkeith nith golg  
Agis illin feywr zerg  
Is keill croith a croyth zrinni  
Nach estith goyth iywrin

18

Bi winni schenwrannyth sley  
Agis mowr ni meillith  
Agis rann wrattich schroill  
Ag erri a maddin zeith roeith

19

Di hoykgimir dalwe zreynith  
Brattich inni vor ni faynith  
Oyr chor sche tennal  
Fa wor chanan cheintle rwe

20

Di hoykgimir fulling doyrith  
Brattich zwlle wor v'morn  
Menkith we gach troyle chroissich  
Derryth agis tossyth foylith

21

Di hoykimir in menchenith oyrri  
Brattich rynith gin nymig sloyeg  
Sroill lay gonfee knaw is kenni,  
La leygis fwl gow fybrin

22

Di hoykimir kynill chath  
Brattich eillane darre  
Mak finni far flath ni waynith  
Gilli lay gurte tromley

23

Di hoykimir down neive  
Brattich ossin na grri  
Laywe zarg brattich v'ronane  
Is oarnay in deive elle

24

Di hoykimir skoyb zawe  
Brattich oskyr in warffee  
Re doll in gath na glaee  
Menkith zarre skopbe zawe

25

Di hoykimir loith lynith  
Brattich zarmit e zoenith awyissyth  
Noar heyth in neanith wea sche  
Awzissyth oeyrith a mach

26

Di hoykimir barne a reybgin  
Brattich oskyr nar schanith  
Danyth coyharme m'gar zlynni  
La garwe kinni is kenwr

27

Di hoykimir creiwe fowllith  
Brattich clonni var v'lowich  
Noar a heyth in nane a mach  
Is sche wea er in dossych

28

Di rimimir croith chath  
In dymchill inni oyrlach  
Ma dudtych finni farri  
Eddi ni wane worchalmith

[TD 52]

29

Marwes ni catkenich linni  
Agis di goyve ni chonchinnich  
Hutti ni drumanich wlle  
In dymchall inn alwin

30

Munnich beg fa dassi zownith  
In nynwr wrow za zownnith  
Is math forrimir ann  
Maddith za danmist cholin

31

Zearimir erre wlle  
Eddir chonni agis donni  
Is noeche cha dorremir er a feyg  
Cheaddi ferr o zarve na nenor.  
Nenor a quhyme.

CAOILTE.

<eng>CAOILTE was the Swift Man in the Story of the Feinne. He was of the tribe of Baoisgne. In the following ballads he appears with mythical characters. He is of Fionn's generation, and calls him Oide. In Irish legends he and Oisein converse with St. Patrick, and he is made to sing while Oisein tells stories. 'Caoilte and the Boar' has not been found current by any of my collectors, and has not been printed. I give three versions, D. F. H. They are not copied from any written original, and all are much broken. 'The Lay of Astray out Hunting' is of the same class. It survives in the outer Islands. I give four old versions, D. F. H. O. I have Z. 15, and the music of the Ballad, which is wild and melancholy. The last verse in H. names three chief exploits of Caoilte:-1. 'The Day

he was in Dunanoir;' 2. 'The Slaying of the Boar;' 3. 'The Slaying of the Giant with Five Heads.' I have all three stories in ballads.<gai>

D. 5. MAR A BHAIRIBH CAOILT A MHUC THEISG. <eng>64 lines. 1755.

Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad, copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 1, 1872.<gai>

1  
LA a bha shin air Gleann cruaidh,  
Coir air Fraoithidin fad uair;  
Gherich robhin air an Leirg,  
Aoin Mhuc Gheisgirnich Bhoine dearg.

2  
Leig shin air shia Loinin deig,  
Rish a Mhuic agus nim Breig;  
Chuir a Mhuic Dith air air Connibh,  
As dhag I air shealg gun dianibh.

3  
Thug a Bhuc orra Glean Laoigh,  
Bha Caoilte ra Tarichd Caoibh;  
Chagnidh I a T-shleighin ruaigh,  
Mar Bhun shibhaige shean Luachrich.

4  
Thug a Mhuc orra Bein oistil,  
'S bha Caoilte ga hoirt a naisgidh;  
Chumigh I 'a Garmin rish,  
Mar na clachin Garraidh Glassa.

5  
Cait a bheil mo Leannan shithigh,  
Na Nighin na maillich mine;  
Nach digidh I nois gam chobhir,  
'S gur O thigh Beithir I Chonnachair.

6  
'S mianich leatsa Chaolte chaoin,  
Bhi 'g imra ormsa 's du 'd hegin;  
Ach cha bhianich le 'd chorp sheang geal,  
Tin gu 'm Fhios she gu shith Bhruth.

7  
Nan dige du tri oiche Luain,  
Am Fhios gu shith Bhruthidh bhuan;  
Cha Bhig air Mac Riogh san Dobhin,  
Crossa na Gessa nach fuaisglin.

8  
Coir an Fainigh sheo mu d' Bheir,  
Coir an Scian sheo air Bhar Tingin;  
Beir air Chluais air a Mhuic Tsheisg,  
Na gaibh roippe Fua ne Eggil.

9  
Buail I sa Bhall Dorain duth,  
Na beinnigh do Laibh ga Fuil;

Ba Bhas do Mhac Riodh fo 'n Dobhin,  
Fuil shean' Mhuicce 'si air Aoghil.

10

Am Marach nitar do Bhannish,  
Caoilte Mhic Ronain ruinn Tshollist;  
Mas beo mi fo Ra a Cheartais,  
Gun dig mi t-iunnsuidh le Hairrichdibh.

11

Croithidh mi ceid maoilsh mhaoil,  
An Gleann Sheirce Taoibh ri Taibh;  
Croithidh mishe shin a marach,  
Air ghilichis mhic Ronain.

12

Croithidh mi ceid Earbe Luain,  
Nach deig Cuibhne aig Craoigh ruaigh;  
Croithidh mishe shin a mairach,  
Air Dhilichis Mhic Ronain.

13

Croithidh mi ceid Daibh aulligh,  
Nach dag Cuibhne an ard bheannibh;  
Croithidh misshe shin mairach,  
Air Dhilichis mhic Ronain.

14

Le cuirt do Gheichibh don-deargidh,  
Fo Fheirribh oige Fion-arde;  
Le Gillibh gaiste Coithidichh  
Nach Curriste Dhi-armiche.

15

A Chead bhean a hig a mach,  
Air Dorrist Tathidh T-eirigh;  
Glac us' I air mheid Rathidh,  
'S or Erin fo Chean gu cean

16

Gheobhe du chion gun a gabhail,  
Ha glioccas an Dobhain uilligh;  
A Chaoilt air dol an t-aoin' Bhruinnain,  
Air gheigh sheola mnaigh shithigh,  
Nach heil an aoin Rioghichd ruinne.  
Croich.

Am Fearr a bharraigh a Mhuc t-sheisg dheobhigh Ighin Riogh Erin ra posa;  
is heoil a Leannan shithe do Chaoilt cia mar bharaigh e a Mhuch agus cia  
mar dhainnigh e nighin an Riogh an deis a cosnidh. Shin nar ghaibh an  
Riogh Iunigh ga ghlioccas sa chuir e ubhail nach bu ghlioccas saoghilte.

F. 13. EACHDRAIDH AIR MUR A MHARBH CAOILTE MAC RONAIN A MHUC GHEARR ANN  
AM FIONAIS, RIGH NA FEINNE.

<eng>Fletcher's Collection, page 140. Advocates' Library, January 23,  
1872. Copied by Malcolm Macphail. 88 lines.<gai>

Do d' Fhionn is da mor shluagh,  
'Se chunnachdar mar a tighinn o 'n leirg  
A mhuc ghiosganda dhonna dhearg. 4

Chuir i sean dearg air ar conabh,  
Chuir i sinn fhein air luath mhireadh;  
Is dh' fhag sin air seilgne gun deanamh.  
An sin thuirt Bricdni nam buadh, 8

Is tric olc ga luaidh a steach.  
Mo Ghuailibh air Ban,  
Cha bu shuairce muc gar marbhadh  
Thairg Fionn dhoibh cumha mhòr, 12

Thairg è ceud tunnadh do 'n òr;  
Agus earradh fhein do 'n t-sròil,  
Agus toiseach suidhe na seilge,  
Air na h hard bhraon Bheannaibh, 16  
'S a raotha mnatha foithe toirreachastrom  
Is i fhein bho h-og altrum.

An sin labhair Caoilte.  
Ni 'm fear sibh mur Chlanna Riogh, 20  
Na mi do radh Chaoilte na beammunan,  
Deangam a mhuc Ghearr as air ceann  
Fhearaibh uaisle na Feinne.

Ach dh' eirich i ri Beinn laoich, 24  
Is bha Caoilte na hearrluine,  
Is chagnadh i na sleaghan cruaidhe,  
Mar bhun siobhagain seunn luachrach.

Is gun casadh i Garmain ris, 28  
Mo na Clachabh Garbha sleabha,  
Ach dhireach a mhuc ri Beinn asdail,  
Is bha Caoilte ga thoirt an nasguidh  
Ochain! gun mo bhas an dee, 32  
Mu 'n d' rinn mi d' Fhionn breug am fhacal.

Ach c'aite am bheil mo leannan sith,  
Na' inghin na maladh mineadh,  
Nach iochdadh an so gam Chobhair, 36  
Is gur ogha peathar i Chonna-Chobhair,

[TD 53]

Ach thainig an ùr inghin a mach o dhùnuaisl sa deise shioda uaine uimpe.  
Thuirt ise.

Bu mhian leatsa Chaoilte chaoin, 40  
Bhi gam iarruidh is thu' a d' eiginn,  
Ach bhuaidh sin a mach  
Gun ghuth tuille bhi mo 'm dheibhin,  
Ach cha bu mhian le d' chorp seamh gheal, 44  
Tichd d' gam ionnsuidh gu sith-bhruthain,  
Ach na d' thigeadh tu tric oidheach luain,  
Gam fhiosracha gu sith bhrutha bhuaibh,  
Cha neil ceart mhic Rìgh bho 'n domhain, 48

A Chaoilte nach fuasglaidhin ortsa,  
 Ach deansa suidh an so air làr,  
 Is gu 'n d' thoir mi dhuit achmhasan;  
 Cuir am fainne so mu d' mheur, 52  
 Is glachd an sgian bheag air bartiongain

Na math do mhac mnai na fir,  
 Beir air chluais air a mhuich sheisg,  
 Na gabh roimpe fuath na eagal, 56  
 Is cha dual do mhac Rìgh nach torchair

Buail i sa bhual dorain dubh,  
 Is na beanadh dhuit braon ga fuil;  
 Bu cheart mhic Rìgh fo 'n domhain, 60  
 Fuil seanna mhuic is i air aoithall.

A cheud bhean a thig a mach a maireach  
 Glac i air miad a rathe  
 E laimh an Rìgh an àrd fhhlatha, 64  
 Air na bheil a dh' òr sa teimhrie  
 Cha b' aill le Fionn thu ga gabhail

A maireach a nithear do bhainneis,  
 A dheadh mhic Ronain nan lann solluis, 68  
 Ma 's beò mise gu tìm teachd,  
 Thig mi thugadsa le harraichdeadh

Croghaidh mi ciad maoisleach mhaol,  
 Air Gleann-easgaduil ri d' thaobh; 72  
 Ciad doran is ciad damh alluidh,  
 Nach d' fhàg an cuimhne an àrd bheannaibh.

Ciad comhladh do 'n chreamh Ghlas,  
 Air a bhuain 'san fhaoilteach gheamhraidh 76  
 Chuirean sud a steach a maireach,  
 Air bhuitheachas mo leannain.

Air Graidh do dh' fheachibh donna dhearg,  
 Fodh chomhlain do dh' fhearraibh feannaird; 80  
 Le 'n diol do dh' fhearraibh coth-sheilg,  
 Is iad uile do dhìar mhaca.

Croghaidh iad mise an sith-bhruithion,  
 Is cha d' thig mi tuille ga d' amharc 84

Thuirte Fionn.  
 Tha gliocas na Feinne uile,  
 A Chaoilte air dol a d' t-aonbhruinnean,  
 Na seoltachd na mna sith  
 Nach robh ann an aon riochd ruinne. 88

<eng>H. 3. HOW CAOILTE KILLED A FAIRY

WHO WAS IN THE SHAPE OF A WILD BOAR. 1774. 112 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 74. Advocates' Library, December 12, 1871.  
 Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—December 17, 1871, Dublin. Story known to Hennessy: Poem not known.—J. F. C.

Illegible, or missing two lines . . . . . and they had seen no beasts for sport but wild Boar, which was of great bulk and height in proportion. They loosed sixteen Thraves of their Dogs in order to kill him, and pursued him till they overtook him, and then he slew them all upon the spot. Then Fingal offered his choice of their women with many precious gifts, to any man who would kill the Boar. Caoilte, the son of Ronan (who was called Terror of Battle), undertook to kill him. He chased him through woods, mountains, valleys, plains and smooth shores; he at last caught him, but could not kill him, for the Poem says he could jew his arms as green Rushes or Reed: Then he called a familiar spirit who was in love with him, and directed and assisted him till he got the Diabolical beast kill. He went then home, and was generously rewarded and got everything they had promised him.<gai>

DAN 19.

1  
LATHA dhúinne sealg na Cluanach,  
Le Fionn Mac Chumhail gu h-uallach;  
'S cho d' fhuair sinn an sin do shealg,  
Ach aon mhuc dhisgearnach dhearg.

2  
Dh' fhuasgail sinn sea Lothain deag,  
Ris an Torc, 's cho 'n aona bhréug;  
Chuir e earr dhearg air ar Conamh,  
'S bha ar séilg ainne gu 'n ghonadh.

3  
Thairg Fionn an sin cumha, 's leig,  
Nach do thairg e riamh na dheidh;  
Fios a chogair is a sgéulaibh,  
'S a rodhain do mhnaithibh na Féinne.

4  
Maraon is deich unc do 'n ór,  
Agus earradh fein do shról;  
Dh' aon fhear a mharbhadh an torc,  
A chloidh ar conamh calm san trod.

5  
'S e fhreagair e Caoilte caol,  
Mac Ronan, bu luaith 's an fhraoch;  
'Gabham a chúmha uail gu deónach,  
Dhea' Mic Chumhail is cruai' cómhrag.

6  
An sin shín Caoilte air a Mhuic,  
O Bhéinn, aula, gu Beinn luirc,  
O Bheinn luirce gu Beinn eudainn,  
'S o thráí, Lia-druim gu sliagh éilte.

7  
A togail re brái' Dhruim ruaidh,  
'S ann a rug Caoilte air an Fhuath;  
'S ghabh e d' a shleagan géur, le chudhrom,

Thall sa bhos mu shlios a muinail,

8

Cho sgriosadh e slios a muinail,  
Ach mar dhaor, chruai' no Creug-ullan;  
Bu luaithe iad fea' gach aónaich,  
Na gaoth earraich fea' ghleann caole.

9

A togail re gleann an Asdair,  
Bha 'n torc a toirt Chaoilte nasgaidh;  
. . . (1) casadh e ris a gharmain,  
. . . . r na clocha glasa garbha.

10

A tearnadh a sios air Gleann lóchridh,  
Chuir e Caoilte gu h ann dochas;  
. . . . dh e shleaghean ramhra, ruadhe,  
. . . . l sheamrag, cuilc, no luachair.

11

. . . . agh mo thuras, 's mo chrìoch,  
. . . . rinneas breug do 'm Rìgh;  
. . . . mnaithaibh feilidh Fhinn,  
. . . . . heach ann an Croma ghlinn.

12

'O b' áit am bheil mo leannan síth,  
A Dhiorbhail na malla míne;  
Nach d' iga' tu 'nois do 'm chomhair,  
'S gu r ogha pealhar mi Chonchair.'

13

Cho chian do Chaoilte bhi na aonar,  
'N uair chunnacas air bharradh an aonaich;  
Bean luath, eatrom, léimneach mhear,  
'S i teachd chuige le deadh ghean.

14

Bha criosan na laimh ro shéimh,  
'S fail óir mu bharradh a méur;  
Sgian bheag a snaidhadh a h iongann,  
'S i gu snuadh ghlan déud gheal io' lach.

15

'S miannach leatsa Chaoilte chéimnich,  
Bhi d' am iomradhsa 's tu d' eigainn;  
Ge d' nach miannach le d' chorp séimh ghlan,  
Bhi sínte re 'm thaobhsa 'n séimh-ghleann.'

16

'Nan d' iga tu shéimh ghleann doilleir,  
Dhea' Mhic Ronan nan rosg soluis;  
Cho bhiodh air do chull a bhos,  
Aon ni nach d' ugainn dhuit fois.

17

'So an sgian bheag so tha 'm laimh,  
Is glac a mhuc sheisge gu 'n sgá';  
No faicear air airm mhic Rìgh,

Fuil sean torc cuthaich 'se sith.'

(1) <eng>Cut and worn MS. here.<gai>

[TD 54]

18

Bhuail an d' oghlaoch bu tréun lamh,  
An torc nimhe le mór ágh;  
Gus an do thuit e air an lonan  
'S b' ait an sgéul le Caoilte Mac Ronan.

19

'Dean suidh' 'nois am fogus dhamh,  
'S gu d' ugaim dhuit achmhasan;  
C' om an d' ug thu air mo cheannsa,  
Aon bhean tha san Fhéinn aig Fionn-gheal

20

'Cho d' ug mise air do cheannsa,  
Aon bhean tha 'san Fhéinn aig Fionn-gheal;  
Cho d' ug 's cho tabhair re 'm ré,  
O 'n thainig thu 'n diu re 'm fhéum.'

21

'C'om an innis thu sin dhamhsa,  
'S gu 'r h ann agam a tha eolas;  
Posar thu 'n ath la gu 'n fhuaradh,  
Re inghean Aille o Cruachan.'

22

'Si inghean Aille O Cruachan,  
Bhean is fhearr tha 's an Fhiann shuas ud,  
Seachd bliadhna bha Fionn na Féinne,  
Suirtha' air inghean Aille 's fhearr béuse.'

23

'A chéud té thig a' mach an ath la,  
Glac thusa Chaoilt i gu h ealamh;  
'S air na bheil do dh' ór na thalla,  
Cho b' áill le Fionn thu da fhaghail.

24

'Ach ma 's beó mise gu tra' teachd,  
Rigidh mi thusa le gean;  
'S bheir mi dhuit ceud maoslach mhaol,  
An Gleann seirce taobh air thaobh.'

25

Crodheam dhuit céud alluidh,  
Nach fhaca riamh teach no talla;  
Cuiream sin gu teach a máirach,  
Air sealbhachas mo ghradhaich.

26

'Bheir mi dhuit an croisán síd' so,  
Is cho chuir ort sgios do dhroma;  
'S gu 'n toir mi dhuit an fhail óir so,

'S gheibh thu buaidh gach sluaigh is seóilte.'

<eng>Then they departed, and Caoilte returned to the Heroes with the Boar's head; when Fingal saw that he had it, he was vexed that he promised him his choice of their women, for he was sure that Caoilte would choose his own wife. Then he thought proper to cover all their heads, and to put them out one by one, and to let him take his choice thus, (since it would not break his promise). They put out Fingal's wife first, in hopes that Caoilte would stop until a good number of them would come out; but Caoilte took the first according to his familiar love's advice, then Fingal said:—<gai>

27

'Tha gliocas an domhain uile,  
Chaoilte air a' d' aon bhrunnain;  
No seoladh mnatha sithe,  
Nach eil an aon tír ruinne.'

<eng>Then had Caoilte Fingal's wife, and he did not offer such thing any more. Caoilte went next day to meet his first love, who gave him all things she promised him and said:—<gai>

28

'Biodh déarach agad na lorg,  
Gu 'r deurach an sgéula leom;  
Gus an d' eid Beinn aulla air Beinn luirc, (Tuirc)  
Cho 'n fhaic thu mise o 'n diu.'

D. 4. MAR BHAIRIBH CAOILT AN FABHAIR.

<eng>95 lines. 1755.

Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad, No. XIV. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 2, 1872.<gai>

1

LA dhuin an san Bhein Bhain,  
Shin fein & Fianibh Phail;  
She dherich dhuin san Bhein bhain,  
Bhi shior chuir ri sheilg air sheichran.

2

Aig meid na Doirin a dherich ruinn,  
She thachir gar Fein challama choir;  
Nach raibh ra fhetin dhiu ma dherigh,  
Commin aon Deisse ra cheligh.

3

Chuir shin Caoill air Luas a Chas,  
Gheichin am faicce e dhuin Rathid;  
Cha duair ach Rathid gairibh sallich,  
'S oiche dhorche dhoruinnich.

4

Chunnairc e Toigh mor air Lar,  
Air urlar Glinn nan Ceid Oigh;  
Bha Teinne sollist air air a lar,  
Bha dha Dhorist foscailte.

5

Bha Nithin ur ann an Taibh,  
A bailigh gam faiccis do Mhnai;  
Bha Innil Baoi air a Teich,  
Bha aig Cloighin na cean Aoirt.

6

Bha Coig Mialchoin aic air Slaibhrigh,  
Bha Coig Sleigh iarrain suas ri Eallachin;  
San a ghaibh mi crith as Grain,  
Ro bhi dol a steach am aoinir.

7

Na bigh ortsa Crith na Grain,  
Mas du Oigear Inse-fail;  
Nam bigh me Ghra Gealsa a stigh,  
Riogh gum fhaolidhe ro aoithidh.

8

Hug I gho Trithir ga Biagh,  
Hug as da Thrithir ga Hedich;  
Gu de dhuisc mi as mo phraibh,  
Air un Meangean beg don La.

9

Ach an Nighin ailligh aig rait ruim,  
Eirich a suas Mhic Righ Phail,  
Bhuinne gle gheal Dorain.

10

A Mhic na Mnai e Dun dil,  
Hanig iad ort 's du air Himmairt  
Gu de an Immirt hanig orm,  
A Gheig ur fos fainne Gorm.

11

Am Fabhair Mor an tin fon Traigh,  
Bear dhuit Eig na dol na Dhail;  
Hug mi Erigh orm a Suas,  
San leom fein bu leoir a chruas.

12

'S gun chuir mi orm muin air bhuin;  
Mo sheichd Luirichin Treorigh;  
'S chuir mi orm air a bhuin shin,  
Mearrigh uaine air aoin Dath.

13

Bha mo Chlaibh ri 'm T-shlios sheibh,  
'S mo Scia Bhreic a suas ri 'm Ghualin;  
Hug mi Ruathir hun an Dorrish,  
Gu ro lua 's gu hiumscarieh.

14

Co dhorchich orm an Ro Sollist,  
Ach an Fabhair mor mun Ium ghorish  
Cum uam do Gha dirich deas,  
Cha nan air do Hise aha Mi.

15

Co air eille ho do Huil,  
Fhabhair mhoir as du 'm i ruin;  
Ha Leannan ag gum san Duin,  
Nighin na Malich maul (1) I shuil.

16

An m mo Leannan ha u grait,  
Abhair Mhoir, as air do Laibhse;  
Ha Fault Bui orr' as Cuil Cleichdich,  
San orm fein uu chuidh an Coileppich.

17

Cha nuinigh leom na ha u labhairt,  
Mas tu Mac shin an Leth-luachraich;  
'S gur misshe a bhairibh Tathair,  
La Catha Beinnigh Cruaghaich.

18

'Sa bharrais haist a Mhac,  
Mar Scur e dhim ga cho-chleichd;  
Hug mi lshe Buillin deig,  
An corp an Fhabhair as cha Bhreig.

19

Fon gherich e Ghrian san Mhaddin  
Sheal man deich' I shear san annamich;  
Hug e sheolligh sheich a Scia,  
Dheicin faicce a Ghrian.

20

Hug mi Buille beo am Broid,  
Sca mi na Coig Cinn ga Bhraigid;  
Leig mi Mullin rish an Tom,  
'Shile mo chreichin gu trom trom.

(1) Meal.

[TD 55]

21

Co ni an Guth curainte binn,  
Air an Tullich os mo Chion;  
She bainm dhosa a tin fon Heich  
Aile Nin Riogh Connich.

22

Aile dian ussa rium Baigh,  
'S na hinnish e uille do Mhrai;  
Tog leat mo Scia gu dun Dil,  
Cha do hog Bean riabh I rothid.

23

Hog Aile an shin a Scia,  
Dhimmich I lethigh gu dian;  
Cha fhroissigh I 'n Druichd don Fheir,  
S gho bho dhuisgigh I min-ean.

24

Be shin darna Cath a bu Chruaidh,  
Hug Caoilte nan Beuminn Buaghich;  
'S nar a bhairibh e a Mhuc Ghear,  
Ann an Fiannais Rìogh na Herin.

Crioch.

F. 14. LAOIDH CHAOILTE MHIC RONAIN,

AN LATHA BHA É SA BHEINN BHAIN. 1750.

<eng>Fletcher's Collection, page 64. 91 lines. Advocates' Library.  
February 6, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

1  
LATHA dhuinn ann sa Bheinn-Bhàin,  
Sinn fein agus Fionn Rìgh Phàil;  
'Se thachair dhuinn sa Bheinn Bhain,  
Bhio sior chuir seilg air seacharan.

2  
Chuir sinn Caoilte air luathas a chas,  
Dh' fheuchain an gleitheadh e rathad;  
Cha d' fhuair e ach rathad garbh salach,  
Is oidhche dhorcha dhoiruintadh,

3  
Chunnaic e tigh mor air làr,  
Air làr glinne-nan ceud oigh;  
Chunnaic e solus air a làr,  
'S a dhorus fosgailte.

4  
Chunnaic i inghean air a làr,  
Ailidh ga 'm facas do mhnaoi;  
Bha inneal baoigh air a tigh,  
Bha cuig cloidhean na cheann adhart.

5  
Bha cuig miol-choin aic air slabhraidh,  
Bha cuig sleaghe iarunn suas ra fraoigh;  
Is ghabh mi moran crith is grain,  
Mu dhol a steach a maonaran.

6  
Na biodh ortsa crith na grain,  
M' as tu oig-fhear Innse-Phàil;  
N' am biodh mo ghradh gealsa stigh,  
Naille b' fhaoilidh è roimh aoighe.

7  
Thug i dhomsa trian ga bighe,  
Agus da trian ga h-aodach;  
Gur e dhuisc mi as mo phramh,  
Air teachd meangan beag do 'n la.

8  
Inghean ùr a radh rium,  
Eirich suas a mhic Rìgh Phail;

'Mhic nam mnai a Dun-dill,  
Thainig iad ort s tu air t-iomairt.

9

Ciod an iomairt thainig oirnn,  
Inghean ùr nam maogh rosg gorma;  
Fam-fhear mor a teachd bhon traidh,  
B' fhearr dhuit eug na dol na dhail.

10

Ach thug mi eirigh orm a suas,  
Sann leam fheinn bu leoir a chruas;  
Chur mi orm sid muin air mhuin,  
Mo sheachd luireachin treoiridh.

11

Is chuir mi orm air mhuin sin,  
M' earradh uaine is i air aon dath;  
Mo chlaidhe fad air mo shlios seamh,  
Mo sgia bhreac mhor suas ri ghualain.

12

Thug mi ruathar chum an doruis,  
Gu ra luath 's gu h-ioma-sgarra;  
Gur è dhorchuich orm an ro soluist,  
Am famh-fhear mòr m' an ioma-dhorus.

13

Cum uam do ghath dìreach deas,  
Cha 'n ann air do thi a tha mi;  
Co air eile tha do shuil,  
Fhamh-fhear mhoir 's tu mi rùn.

14

Tha leannan agam san Dùn,  
Inghean na malla mhealladh shall, 54

. . . . .  
'Ni mo leannansa tha thu radh 'n,  
Fhamh-fhear mhoir is air do laimh;  
Tha folt buighe 's a cul cleachdach,  
Sann orm bu chuibhe 'n coi-leabaich. 58

Cha 'n ioghna leam na bheil thu radhain,  
Mas tu mac an leigh Luaichraich;  
'S gur ann leamsa thuit t athair,  
Latha catha Beinne-cruaiche. 62

Is ann leam a thuiteas am Mac,  
Mur sguir e dhìom da cho-ghleachd. 64

Ach thug mi mo sheachd-buille-deug,  
Ann corp an famh' air is cha bhreug;  
Bho dh' eirich a ghrian gu moch,  
Gus an deach i siar san anmoch, 68

Thug e suil seach a sgia,  
Shealtain caite an robh a ghrian;  
Thug mi buille beo am braid,  
'S gath mi na cuig cinn ga bhraidhe. 72

Leig mi m' uilinn ris an tom,

Shil mo chreuchdan gu trom trom  
Co ni 'n guth furrain ud thall,  
Air an tulaich bhos 'mo chionn? 76  
Gur h-e b' ainm dhomh teachd bho 'm theach,  
Ailligh Inghean Rìgh Chònuinn. 78

Ailli deansa ormsa bàidh,  
'S na innis mo sgeul uil do mhnai,  
Tog leat mo sgia gu Dundill,  
'S cha do ghlac bean riamh i romhad. 82

Thog Ailligh leatha an sgia,  
'S dh' imich i leatha gn dian, dian;  
Cha chuireadh i an druic do 'n fheur,  
'S cha mo a dhuisge i min-eun. 86

Gu b' e sid treas turn bu chruaighe,  
Rinn Caoilte nam beumanan buagha;  
'N la bha ea n Dun an oir  
'S an la mharbh e a mhuc ghearr,  
Ann am fiadhnais Rìgh na-h-Eirinn. 91

<eng>H. 4. HOW CAOILTE KILLED A GIANT. 128 lines.

Kennedy, 1st Collection, page 79. Advocates' Library. December 12, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—December 17, 1871, Dublin. Not known to Hennessy, but very like the style of current popular tales in Ireland.

THE Heroes were hunting on a mountain called White Mountain; the day being fair and the air favourable: but before the night came great mist overshadowed all the Hills and valleys below, so that the darkness separated the one from the other. They use to bind Caoilte's knees, because he was so swift in running, that none of them could not be up with him, so that he would walk slowly, but they forgot to bind him that day, and when he went astray once, he made a great way through hills, rocks, mountains, and unknown valleys, and about the Twilight he saw a Hermitage far off in a Glen; he ran towards it, went in, and there was none in it, but a young dame, he was trembling with fear, for it was glittering with arms, but she invited and comforted him, and made him sit down, and was very kindly entertained and lay with her during the night, and told him that she was a King's Daughter, and that a Giant stol'd her away, and that she enchanted him not to touch her as a wife for a year and a day, the said time was expired when Caoilte came; she awakened him very early, and said that the Genie was coming from of shore and that it was better for him to die than to go to fight with him. Caoilte rose and made himself ready and met him at the door, the Duel began and lasted till sun setting, then Caoilte killed him, the wife carried his arms, and went both together to one of Fingal's Forts, named White Hill.<gai>

DAN 20.

1  
LATHA dhuinne bhi 'n Gleann cruadhach,  
A cuir ar saighdan 's ar sleagh uainne;  
'Se tharladh dhuinn an 'san leirg,  
Gu deachaidh air seachran seilg.

[TD 56]

2

Aig mead a cheó sa Bheinn bhán,  
Ann bhu mhaith ar 'n iúl a ghná;  
Ge do dh' iairta sinn cho 'n fhuighte,  
Comann diais an aon áite.

3

Ach dh' eirmais Caoilte le luas a chos,  
Air doireachan ain-eolach 's chnoc;  
Is fhuair e rathad fliuch solaih,  
'S oidhche dhorcha dhoireannach.

4

'Chunnaig e uaithe tigh mór,  
An lar glinn' air a cheud óir;  
Bha inghean úr air a lár,  
Is a dhoras fosgailt lán.'

5

'Bha inneal baoth air a teach,  
Bha seachd cloidheamhnan aica steach;  
Bha d' a shleagh a suas re fraith,  
'S da mhiol chú mhor aica stigh.'

6

'Bha earradh re crann an áird,  
Cho mhor cho 'n fhacas re' m lá,  
Ghabh mi roimpe crith is gráin,  
A dhol a steach 's mi 'm aonaran.'

7

'No gabh thusa crith no gráin,  
Ma 's tu óg-fhear Innse pháil;  
'N uair thig mo ghradh gealsa da thigh,  
Re oighe 's ro-fhailteach aigneadh.

8

'Thug i orm fein suidhe suas,  
A dh' éisteacdh a sgéul 's a duan;  
Is thug i dhamh drian d' a beathaidh,  
Agus da drian d' a leabaidh.'

9

'Ach se mhosgail mi as mo phná',  
Air theachd beagan beag do 'n lá;  
Inghean ur ag radh rium fáill,  
Eirich suas a mhic Righ Pháil.'

10

'O! ogain chaoimh ghil aluin,  
Mhic Ronan nan ros g málla;  
'S na dea' mhna' a Dun ghil,  
Thainig uair d' iomairt anois.'

11

'Ciod e 'n iomairt thainig orm,

Ainnir ur na 'm fuarra gorm;  
Tha 'm Fogmhair mór a teachd o thráidh,  
'S b' fhearr dhuit éug na dol na dháil.'

12

'N sin thug mi eiridh orm a suas,  
'S an leam fein bu leóir a chruas;  
'S chuir mi orm muin air mhuin,  
Mo sheachd luireich teanne truide.'

13

'Chuir mi orm air a muin dlu,  
M earradh uaine fein gu luth'r;  
Cloidheamh sínte re 'm shlios sios,  
Is sgia' air mo ghualain chlí.'

14

'Thug mi ruathar thun an dorais,  
A shealtain am faicinn am Fogmhair;  
Co dhorchaich orm an ro-sholus,  
Ach am Fogmhair mór 'm iom-dhoras.'

15

'C' um uam do ghath dìreach nimh,  
Cho 'n ann air do shíth 'ta mis,  
Cia air tha do shíth 's do shúil,  
Fhogmhair mhoir is measa run.'

16

'Tha leannan agam 'san Túr,  
Gur h ann orra tha mo shúil;  
Dáil bliadhna thugsa dh' i dhuine,  
'S anois do thaingas da h-ionnsuidh.'

17

'A ni mo leannans' tha tu 'g radh,  
Fhogmhair mhoir san air a láimh;  
A folt buidh 'sa cúl clearcach,  
'S ann dhamhsa bu chubhaidh 'n coi-leabach.'

18

'S maith a labhair mu d' uaisle,  
Mas tu mac an Leigh luachrach;  
Mharbh mi gu 'n athadh no fuaradh,  
E la catha Beinna cruachan.'

19

'O na tharladh dh' a bhi 'm mhéin,  
'S bhi cho duilbhar rium na ghné;  
'S ann leann a thuiteas a mhac,  
Mar sguir e dhim d' a choi'-ghleac.'

20

'S maith gu d' innis thu sin dhamhsa,  
Fhogmhair mhóir nan arma' graineil;  
Na cuig cinn 'ta air do bhrádhaid,  
Biodh aon dhiu agam na pháidhadh.'

21

Bhuail sinn an sin air a chéile,

Mar mhuinne shruth bhristeadh leimnach;  
'S bu chruaidh no fuaim mhic talla,  
Gaoir ar faobhar caoine gealla.'

22

'Bha eisan mar neart na gaoithe,  
A leagadh coilltach Mhorathairn aobhach.  
'S bha mise mar luas nan sruthan,  
Bhiodh re aodann gaoithe sruthadh.'

23

'Air bhi dhuinn mar sin re cómhrag,  
Omhoch madain gu trá neóine;  
O 'n dh' eirich a ghrian gu moch,  
Gus an deach i siar a chlos.'

24

'Thug mise seachd builleán déug,  
An corp an Fhoghmhair mhóir 's cho bhréug;  
Thug e 'n sin amharc seach a sgia',  
A dh' fhaicinn ciod a dhur a ghrian.'

25

'N uair a fhuair mi fein am fáth,  
'S mhothaich mi e fuidh chrá';  
Thug mi béum beó dh' a gu gabhidh,  
Is sgath na cuig cinn d' a bhrádhaid.'

26

'N sin leig mi 'm uilean air an tom,  
'S shil mo chreucaibh gu trom, trom;  
'N deidh builean an Fhoghmhair mhóir,  
Nach deachaidh neach riamh o león.'

27

'O ogain chaoimh ghil áluin,  
Is fhearr luas do shluagh Righ Pháile;  
Ris an goirear giorag comhraig,  
Mo cheud beannachd fein gu d chomhdach.'

28

'Co ni 'n guth curant ud tháll,  
Air an tulaich os mo cheann;  
Gu 'r e 'n t ainm a ghoirear dhamhsa,  
Aine inghean Righ Connachd ór-bhuidh."

29

'Aine dean thus ormsa báidh,  
Is na h innis e do mhuaidh;  
Tog leat mo sgia' gu Dun-geal,  
'S nin do thog bean riamh i 'n glaic.'

30

Thainig Aine 'n sin gu dian,  
'S thog i mo chloidheamh 's mo sgia';  
Cho roisamh i 'n drúchd do 'n fhéur,  
'S cho mho dhuaisgadh i mean éun.'

31

'Sin an treas turas a b' fhearr,

A rinn Caoilt' nam béumaibh lén;  
'S 'n uair a chuaidh e Dhún an óir,  
Agus a mharbh e 'n torc mor.'

32

'S muladach mise re 'm ré,  
A sior thuireamh sios am béus;  
Mar chrann crion am fasach fuar,  
'N deidh cách 's mo dhuilach thoirt uam.

O. 5. CAOILTE 'S AM FOMHFHEAR. <eng>84 lines.

Dr. Irvine's MS., page 18. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 16, 1872. In this version the stanzas are so broken that I have numbered the lines.<gai>

LA dhuinn sealg beinn Aonais, 1  
Ler h-oigridh ghasda, fir chalma;  
La eile sa' Bheinn Bhain,  
Sir chuir seilg air seacharan.

Suil gun tugas a bhan, 5  
Chunncas gleannan nan ceud oigh, (al. aigh)  
Ainnir sholuis air a lar,  
'S a seachd dorsan fosgailte.

Bha seachd claidhean air a h-aghairt, 9  
Bha seachd sleaghan shuas air alchaig;  
Inneal baoith air a beart deas, (al. as)  
Bha seachd miol-choin aig air slabhruidh.

Ghabh mi cridh, ghabh mi grain,  
O na tharladh dhomh bhi m' aonar ann. 14

Na biodh ortsa cridh no grain,  
Oigfhear ur à Innis fail,  
Bu mhiann leam guth a' Ghael ghlain,  
An uair am minic chluinninn e. 18

Erich thusa Mhic righ Fail,  
'S ann an diugh thain t-iomairt;  
Ciod am fath iomairt thainig orm,  
Ighinn ur is gloine rugh. 22  
. . . . .

[TD 57]

Fomhfhear mor bhi teachd nad' dhail,  
B' annsa 'n teug na dol na choir, 24  
. . . . .

Rinn e dhomh mo leaba dion.  
Gu beachdail air bathais an Urlair.  
Gur e dh' allte leinn m' an seach;  
Fion uisge beatha 's curmailt, 28  
(Al'. Fion uisge, is lion is Curmailt.)

Chuir i ormsa an leanag shithe,  
Leth ri 'm shlios, bu leor a mineid;

Chuir i ormsa air mun sin Na seachd luirichean Freamhri.	32
Chuir i sgiath air mo laimh chli, 'S mo chlaidheamh geur a' m' laimh dheas, Choluich mise ma 'n radh sholuis Am Fomhfhear mor ma 'n iom dhorus,	36
Team as mo rathad a Chaoilte, Cha 'n ann air a thi a tha mi, Ciod an ti am bheil thusa, Fhomh'ear mor na mi run.	40
Tha leannan agam anns an Dun, Leannan ur na malla seang; An leannan sin a tha thu 'g radhte, B'ait leam agam air son mnaoi.	44
'S mise 'n duine mharbh t-athair La catha Beinn A Chruachain; Ciod e ged mharbh thu m' athair La catha beinn a Chruachain.	48
'Se bhitheas agamsa air son paighe, Na cuig cinn th' air a bhragaid; Ghabh iad an sin do cheile O mhoch maduinn gu luidhe greine,	52
Thug am Fomh' ear sealladh fiar (al. siar) Ciod e 'm ball an robh a' ghrian; Thug mi sealladh beag na dheigh, Sealladh bochd do 'm chreuchdaibh fein.	56
Thug mi sgiobag dh'a m braid, Sgath mi na cuig cinn de bhragaid.	58
Leag mi m' ullin ris an tom, As shill mo chreuchdan gu trom trom; Co i a bhean tha os mo cheann, Dheanadh a' chainnt chaoimhneil ruim?	62
Theireadh ruim mu 'n tra so 'n de. Ailde nighean Righ Conair.	64
To mo chlaidheamh tog mo sgiath, Nach do thog bean romhad riamh.	66
Thog i mo chlaidheamh 's mo sgiath, 'S thog mi fein fo dhion, (al. o ghniamh) Chaoilte Mhic Righ soluis. An ann maireach a bhitheas do bhanais?	72
Ma 's mairrean mise an Dun til, Gun tiginn t-ionnsuidh le h-airce; Achanaich dh' iarrainn air mo leannan, An ni sin nach 'eil an laimh,	76
Ceud Douran nach do chlathaich bruach, Ceud eala nach do shnamh air cuan, Ceud searach nach do chraoim air lon, Ceud damh alluidh nach do thilg croc.	80
Gheibhte sud ceud maosach mhaol, An gleann seirce taobh ri taobh, Ceud sobhrach 's creumh glas,	

<eng>Written from the recitation of Archibald Stewart, man-servant, Dalchosnie, Rannoch, February 19, 1801.

NORSE WARS.

A WHOLE series of Ballads relate to the Invasion of Ireland by 'Lochlannaich,' Northmen, or Danes, or Scandinavians. The Sea Rovers wanted Fionn's famous hound, and his wife, his cup, his two spears, and his sword, Mac an Luinn, and sent all sorts of strange messengers in search of them. In H. 5. they send a messenger with some loud-sounding musical instrument—a Timbrel, according to Armstrong's Dict.—a Timbrel, Tabor, Drum, Cymbal, according to O'Reilly. The place of the Norsemen, generally, is about Beinn Eudainn, now the Hill of Howth; so these ballads belong historically to the Norse occupation of Dublin, in the reign of Cormac Mac Art, when the Feinne flourished, in the 3rd century. Historians may explain the myths chronologically, if they can. I leave the mythology to comparative mythologists, for I know nothing like it; and as for the geography, it must take its chance. I give the Ballads as I got them.

H. 6. describes a monstrous mythical personage. H. 7. describes an early adventure in the Story of Oscar, the son of Oisein and grandson of Fionn. I tell his story elsewhere, in English; how he got his name, and what it means.

H. 5. HOW A CHARMER CAME TO THE HEROES,  
NAMED HARD SCUL, TO SING A TIMBREL TO THEM.

60 lines.

Kennedy, 1st Collection, page 66. Advocates' Library. December 9, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—December 17, 1871, Dublin. Not known to Hennessy in Irish manuscripts; not known to me orally preserved.—J. F. C.

A MUSICIAN came to the Heroes, whom they called Claigean Mac Choin a chinn chruaidh, (that is, Hard Head or Hard Scul,) to sing a timbrel to them; and he would play so hard and loud that none of them could stay to hear it. Caoilte was watching; he came where he was and asked of him, how many Heroes had Fingal; he told him that they were divided into seven Cathairns, (that is, into seven Regiments or Companies, but it is not known how many were in each, but supposed to be 500,) and that every one had a wife, a servant-man, and two dogs; he went then to the house and played on the Timbrel. Since they could not stay to hear it, Fingal excused himself, saying that their women were . . . sorrowful, and that they do not like any music at present; but he would not give over playing unless he would get his own dog, named Bran, his two spears, and his sword; but Fingal refused that, saying that his music was not pleasant, and that he would not get his request, since he do not deserve it; then he gave three sounds, and the Heroes were deaf a long while afterward. They sent all their dogs after him, but in vain till they loosed Bran, who overtook him at a cave in Beinn Eúdain, and killed him. Though the Heroes did not ever get victory by human strength over any sort of evil spirits, sorcerers, and the like; yet Fingal was enchanted and happy

among mortals, so that he would get the better of any sort of spirits, conspirators, inchanters, and brutal force.<gai>

DAN 16.

1

'AILIS dhamh a Chaoilte chruadhach,  
Mhic Ronan cia mor d'eibhneas;  
Cia lion tha Mhaitheadh 'n ar Féinnsa,  
Le 'n coin is le 'n coi'-éiridh.'

2

'Seachd Cathain tha n ar Féinn,  
'S cho 'n eil neach dhiu sud gu 'n sgia;  
Gu 'n bhean gu 'n ghille, gu 'n da chú,  
Sud e 'n Túr fui 'n dealbhach iad.'

3

'Tha tiombain nan iarrann fuar,  
Re comhla chruaidh fui 'm sge bhuirb;  
'S fear no bean d'am bheil san Fhéinn,  
Eisteachd ris a ghléus ni 'm fuila.'

4

Dh' imich é gu clios d'ar Túr,  
For 'm bu lionmhor ciuil is báird;  
Is shéinn air an tiombain phreair,  
Ceól bu chruaidh' no iolach báis,

5

Cho 'n eisteachd ris neach san Fhéinn,  
Do bhrí géir a fuaimnach árd;  
Ge'd bhiod cuan is mac talla bheann  
Aig eibhich b' fhánn seach a gáir,

6

Labhair mac Chuthaill an gloir ghlic,  
Mar bu nós dh' a ann 's gach drip;  
'Tha bantrach' ar Féinne fui' bhrón,  
Eist dhinn a'd cheól fhir.'

7

'Cho 'n eisteam gu 'n do chú glann grinn,  
Mar athchuinge uait Fhinn fhéil;  
Do dh' a shleagh a dhoirteas fuil,  
'S Mac-an-loin is goirte béum;

8

'Ne 'm fuigh tu mo shean chu séimh,  
No mo dha shleagh gu 'n chion fath;  
No Mac-an-lion nan luath bheum,  
A thnú ni m fuigh tu gu bráth.'

[TD 58]

9

'Mar sin 's bréug a bhi gu d' mholadh,  
Fhinn gu 'n fhéileachd no urram;

O 'n thug thu uait san aon la,  
Éúr is aithis do dh' aon duine.'

10

'Ni 'n duine thusa gu fíor,  
Ach tnú nathara, nár, mhilteach  
Gu 'n iúl no oileanach riamh,  
'N tra' dh' iarradh tu duais díoleadh.'

11

'N sin líon an t arrachd a' mach,  
Bhuair e uile ar comhnuidh;  
Rinn e trí sgreadan gábhídh,  
'S neach na dheídh cho b' fíach am f . .

12

. eamar ris coin na Féinne,  
Thair gach maóile cnuic is sléibhe,  
'S cho raibh teamhair air luas an fíir;  
Gu h uamh mhór am Béinn éudain.

13

Thug sinn fuasgladh do chu Fhinn,  
Is ruidh e gu dian neo-mhall;  
Mu 'n raibh 'm fuath ach gan a steach  
Rug e air le tíoleam garg.

14

Thug e an sin deanal cruaidh,  
'S Claigean mac Choin a chinn chruaidh,  
Is thorchair le Bran gu 'n fheall,  
Ceann Chlaigain air an uair,

15

Thainig e air ball do 'n Fhéinn,  
Is ceann Chlaigain ann na bhéul,  
B'ait an scalla leis an t-sluagh,  
Ceann an fhuath a bhi fí' dhéud.

<eng>H. 6. HOW SILHALAN CAME TO KILL FINGAL.

36 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 62. Advocates' Library, December 8, 1871.  
Copied by Malcolm Macphial.

NOTE.—December 17, 1871. Dublin. Not known to Hennessy, in Irish MSS. Not known to me as orally preserved.—J. F. C.

A FAIRY or Ghost came into the Heroes, about sun setting, where they use to be walking, and resting themselves on a smooth yellow plain or field, named Silhilan, means little person, who was seen by all men, like a bird's shadow, on the mountains, in a calm fair evening (all names were poetical in that age) to kill Fingal, but Fingal killed him, he was but a wizard, suppose he was in the form of a fairy, for Fingal was not only unconquerable by human strength, but also by Conjurers and Sorcerers.<gai>

DAN 14.

1

LATHA dhuinn air magh ór-bhuidh,  
'Nar suidh aig cathair nam Fiann;  
Chunnacas oglaoch neo-ionnalt,  
Tidhain air magh glinne niar.

2

Gomhal fársuidh, 's broidhe fiar,  
'S amhluidh sin do bha ann fuath;  
Lorg iarraín air fad á dhroma,  
Da lurgain loma 's iad luath,

3

Bha súil aig am bun na cluaise,  
'S bha i gu crithanach ciar,  
'S bha súil 'eile air dhath na réulla,  
A mullach an éudain shiar,

4

An sin do dh' fhiosraich an l árd Righ,  
'Cia 'n t iùl a thainig am fuath?'  
Cia b' ainm dh' a fein is d' a athair,  
Is ogluidhachd air gu luath.

5

'S mise Silhallan mac Sithaill,  
Dhoirtainn fuil is réubhainn feóil;  
Bu mhiannach leam ruidh gu reachdmhor,  
Agus cuir as do Righ Phóil.'

6

An sin do dheargaich an t árd Righ,  
Ris a ghlóir do chan am fuath;  
'S tharruing e lann fhada liomhidh,  
Gu fada, deas, díreach uaith.

7

Gach buille da 'n liubhradh an t árd Righ,  
Le chloidheamh cuilgearra, cruaidh;  
Bheireadh am fuath 's moran tuillidh,  
Da bhuille mu n bhuille uath.

8

An sin do chuimhnich Mac Chuthaill,  
Air a threune chleasaibh lúith;  
Tharruing e Mac-an-loin gu talmhidh,  
'S le ágh mharbh e 'm fuath nach b' fhiú.

9

Bu mhaith leinn gu d' imich am fuath,  
'S gu deachidh na sluaigh a cás;  
Oir b' dara fuath bu mheasa,  
Thainig riamh air Fianntidh Pháil.

<eng>H. 7. HOW CROM NAN CNAMH KIL'D SGIATHAN, THE SON OF THE KING OF  
SCAIRBH.

Kennedy's 1st Collection, page 33. Advocates' Library, December 1, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—Dublin, December 4, 1871. The story in some shape is in the Book of Lismore, Irish MS., 1450, but this ballad was not identified by Hennessy. I have part of it orally collected. Y. 3, Page 182.

THE ARGUMENT.

IT was the custom of the Heroes to set out watch every night in the year, and their was coming every night a valiant Hero with an enchanted music; and the watchman would fell asleep whenever he would hear the music, then the Charmer would steal any victuals they would leave in the night-time, and everything he would see proper, they were vexed that such an Oowler was coming no them, and that all their attempts was in vain. There was a young fellow in their kitchen who was called by name (at that time) <gai>Crom nan cnámh<eng> or <gai>Crom an eanrich<eng> afterwards Oscar, and he said 'I will watch the night;' Fingal said that they would not trust themselves to his watching; he said 'that suppose they would be watching twelve, that he would be with them;' then Fingal allowed him to watch since they would not be but as usual. The Inchanter came as formerly and he slept, but soon awaked and pursued after him, till he overtook him, and killed him. Observe the Poem.<gai>

DAN 6.

1

'THURAS lorgan laoich sa bhlár,  
Madainn dhiamhair fui' dhea' thrachd;  
'S thugas briathar air mo shleagh,  
Nach bi sin lorg Fhinn no Oisain.'

2

'No Caoilte beag nan cos lumhor,  
No neach a bha air Loch lurgann;  
No aon fhear do mhuintir Fhinn,  
A tharlladh orms ann an Croma ghlinn,'

3

'Thogas 'm éudach 's leigeas ris,  
Air fea' mointich is gairbh dhris,  
Bha mi fein am ruidh 's leum,  
'S cho raibh 'm fear mor ach na chruai' chéum.

4

'Rugas air is rugas air,  
An gleann beag eidear dha chreag;  
D' ainm 's do shloinneadh innis dhamsa;  
No cia 'm ball am bi thu chomhnuidh,

5

'S aimaidach thusa fhir bhig,  
'S ógan thu 's cho 'n eil thu glic;  
Cho b' uilair dhuitsa 'n Fhiann uile,  
Dh' fhaghail sgéul o 'n aon duine.'

6

'Cho 'n iarrainnsa do 'n Fhiann uile,  
Ach Fionn is Goll nan treun bhuillean;

A chuid nach sracamaid le 'r lamhan,  
Dhiot loisgeamaid e le 'r 'n anail,

7

'Thugas dhamh sin 's thugas dhamh,  
An t sleagh mhór a bh' air a shon;  
'S chosgair e i thair mo chlaigean,  
Da throidh dhéug an aodann dallais

8

'Thugas dh' a sin 's thugas dh' a,  
An t sleagh bheag a bh' air mo sgá;  
Chosgair mi sud roimh a chroidhe,  
'S choisg mi moran d' a luath mhire.

9

'Oglaoich mhóir nan iomadidh créuc,  
Sgearr gus an togar do leac;  
Innis an deireadh do latha,  
Cia thu feineach no cia t athair?'

10

'S mise Sgiathan Mac Righ Sgairbh,  
Mac an fhir ua'-bhasaich ghairbh;  
'S gu b' e mo nós ann 's gach teach,  
Bhi sior chosgairt cuid gach neach.'

[TD 59]

11

'Gur mi allail dhuit mar tharladh  
A Sgiathain mhóir nan sgia' gráineil;  
Rinn do Chosgairt an Croma ghlinn,  
An Gille con ata aig Finn.'

12

'Cho bu Ghille chon thu riamh,  
'S cho b' e sin thu near no niar  
Ach oglaóch finealta do 'n Fhiann,  
Is lamh cho tréun 's tha 'n Eirinn shiar,

13

'S mairg neach a ghoid ort do lón,  
A madainn dhiamhair re dalla chéo;  
Thu fein 's do shleagh air a tóir,  
'S mairg air 'n do thuit an trom lórg.'

14

Air ball dh' éug an treun laoch gruamach.  
Bu cheatharnach searbh 's gach cruadail;  
Ann an cothas monidh shamhaich,  
Le buill Oscair tréun gach gabhidh.

15

Creid thusa Ille Phádraig,  
Gu raibheams uair bu mhor abhachd;  
Ge do tha mi 'nois gu dubhach,  
Gun charaid gun chath neo' shuthach.

<eng>THE MYTHICAL NORSE CARLIN.

Amongst the people sent by the Norsemen to attack and worry the Feinne are one-eyed Hags, who are associated with one-eyed Smiths. They seem to have something to do with the people who appear in the Story of Beowulf. Historically women commanded piratical fleets. The following ballads relate to these Northern Hags:—D. 5. F. 6. H. 8. X. 2.<gai>

D. 5. CAILLICH GHRAUND. <eng>47 lines.

Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad, No. XIII. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 5, 1872.

This version contains fragments of separate ballads, joined at \*<gai>

1

LA gan ro Fionn air Tullich For,  
Gaibhric air Erin ma Thimchil;  
Hunig e air Bharrìbh nan Tonn,  
A Chaillich eididh leobhor Chrom.

2

Bu bhor a Honnaigh 'sa Hais,  
Bu luath a shiubhal ra Haois;  
Bha Cuabhran aibhlean mu da Bhas,  
Bha Fiaclan shiar sheich a Craos.

3

Bha Haodin dughlas air Dhreich Guail,  
Bha Deud Cairbadich crann ruaigh;  
Bha carr ga Hinibh ma chaolibh a Dorn,  
Bha car ga Caoilt ma Choil-druim.

4

Bha Bar mar choil Chrìnich air Chrìth,  
Bha aoin suil ghloiggich na cean;  
'S bu luaigh I na Ruinich Meoirigh,  
Bha Claibh Meirgich air a Crios.

5

Ri am Feirge bu ghairbh Greis,  
Bha da T-shleigh air an T aibh eille;  
Don Fhua Chuil-lia Chaillich,  
Ri faicin na Fian ma Dheas.

6

Huchda ghaibh a Bhiast nan Innish,  
Hanig a Chaillich oirne le Hair;  
'S reinne lethe cion gun Chommain;  
Bheirete lethe Caogid Laoich.

7

'S bha Gairigh sheirìbh na garradh Chraos,  
\* Spin I lethe a Chuach fo Fhinn;  
'S Ghimmich I Erin fo Thuinn gu Tuin,  
Gun do mheith I uill' an Fhian,

8

'S cha do lean I ach aoin Trithir,  
Fion Mac Cubhail fear shraona nan raibh;  
'S coilte ro-gheal Mac Ronain,  
Leim a Chaillich har Eass Ruaidh.

9

'S bu bhor a sath do 'n Uisg uar,  
Leim I Eass Ruaigh nan Raibh;  
'S bha Cuach Fhinn na leth Laibh,  
Dirigh a mac rish an Taibh eille.

10

Hug Fionn orra urchair T-shleigh,  
Chroisg e shud ro a criogh,  
'S chaisg e Pairt ga luath Bhirigh,  
Rug Fion fein air a Chuaich,  
ba leish o Buaigh 'sa Blaoigh.

11

'S rug Caoilte nan Laibh lua,  
Air a Claibh Cruaidh 'seir da T shleigh;  
'S ghlac Fearr sraonigh nan Raibh,  
Claithibh Chaoilte Mhic Ronain,

12

Sin mar reinn shin sheoid na Caillich,  
An La bha shin ga ruigh an Bein-edin.

Crioch.

F. 6. SGEULA AIR CAILLICH ARAIDH A THAINIG DH' IARRAIDH FÀTH AIR CUAICH  
NAM BUAGH BHA AIG FIONN.

<eng>Fletcher's Collection, page 103. About 72 lines. Advocates' Library,  
January 19, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

This version is so broken, that it cannot all be divided into quatrains.  
Lines, which were poetry at some time, can be recognised in prose; some  
are printed separately, as verse 14, and elsewhere.—J. F. C.<gai>

BHA chuach so ghnà air a gleidhe an tigh tearmuinn agus le fairre Mic  
Rìgh agus cuideachd do mhòr ghaisgich churamach maille ris.

Thainig a chailleach ann riochd mna bochd, ag iarraidh aoidheachd.

1

BHUAAIL a Chailleach aig an dorus gu teann, teann,  
Is thainig Mac an Rìgh an dorus cò san am 'ta ann?

2

Is mise Chailleach thruagh, thruagh,  
'S truaighe dh' imich am bi-buan;  
Is mise chailleach bhochd Nic-aoiste,  
Leig a stigh mi gam gharadh.

3

Freagra.  
Ma dh' imich thu Eirinn go ceann,  
Ann riochd mnatha no droch dhuine;

Gu leanadh do bhuinn ris an làr.  
Mu 'n d' thigeadh tu stigh a Chailleach.

4

Nach mòr am maslach do mhac Rìgh,  
Le mhòr-ghaisgaich 's le mòr ghnìomh;  
E fein bhi gu sàbhalta steach,  
'S gu diultadh uile iad ri aon Chaillich.

5

Gheibhe tu biadh naonar a mach,  
Is fuirich a' d' thos a Chailleach.

6

Cha 'n iarr mise do bhiadh peacach,  
Ni mo dh' iarram t-fhiarr fhacail;  
B' fhearr leams' ceann do theine teith,  
Is co beathadh ri d' ghaodhraibh.

7

Cuiridh mise Giulla leat do 'n Fheinn,  
Ni teine dhuit a dh' aon bheum a Chailleach.

Rachadh an teine sin as,  
Mu 'n ruiginnse leachda Chonnail;  
Arsa Chailleach.

8

Cuir thusa do theine beag air làr,  
Is seid ris gu geur, geur,  
Agus cuir do spair fothad,  
'S dean do ghara ris a Chailleach.

Agus dhuin è n dorus orr'  
Ach chuir a chailleach 'guala ris, a chleith.

9

Gu 'm bi sid a chailleach ghle-gharbh,  
Bhrìst i na naoi comhla iarruinn;  
Mar nach bitheadh annt' ach aon sgialan.  
(Aqua bha i steach orra)  
'S griob i leatha cuach Fhinn,  
'S dh' fhalbh i leatha sìos an rothad.

10

Thachair Oganach urra agus dh' fheoraich e dhi,  
Co as a dh' imich thu Chailleach?

Is freagra fiar a thug i seachad,  
Ghabhaidh mise srath na h-amhunn.

[TD 60]

11

Ma ghabhas tu strath na h-amhunn,  
Gu mor a th' ann do Chlanna-reath;  
Tha cuig-ceud-deug fear fui 'n lionmhor armarchd.  
Is da choinn air laimh gach fir,  
A feitheadh ort a Chailleach.

12

Ma ghabhas tu strath na h-Airde,  
Gur lionmhor ann Clann-na-cearda;  
Tha cuig-ceud-deug fui 'n làn armachd  
'S da choinn air laimh gach fir,  
A feitheomh ort a Chailleach.

13

Ma ghabhas tu air Bheannta dubha,  
Gur lionmhor ann Clanna-rutha;  
Tha cuig-ceud-deug, &c.

14

Fheagair a Chailleach.  
'Ciod e sin theirre tusa Iulla  
Nam fàgainnse na bheil ann sin uile  
Eadar chu luath is aon duine?  
Theire gu bu tapaidh thu Chailleach.

15

Ach ghabh a Chailleach rathad Ach-nabainse,  
Agus thilg i gath neimhe air Fionn Mac Cuthail,  
Agus chuir i sud siar as talamh  
Seachd troidhean do dh' fhior thalamh.  
Thilg Fionn a gath cuilg orra is bhrìst e cridhe.

16

An sin leam a chailleach thair an Eas.  
Is leum gu borborra bras.  
Is leum an triuir cholgorra dheas  
An t-eas an deidh na Caillich.

17

Ghlac Mac Cuthail a chuach,  
O 's ann da fein bha buaigh 's blagh;  
Ghlac Caoilte o' se b' fhearr luathas,

18

A chlaidhe cruaidh 's a da shleagh.  
Is rug Connan bho sè bha gu deireadh  
Air top lia na Caillich, is thilg e san Eas i.

<eng>H. 8. HOW A SPIRIT CAME IN THE NIGHT TIME TO KILL FINGAL AND THE  
REST OF HIS HEROES.

Kennedy's 1st Collection, page 64. 60 lines. Advocates' Library, December  
8, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—December 17, 1871, Dublin. A story like this is in the Irish tale  
of Magh Lena, published, ten years ago, from a MS. of 1720. Poem not  
known to Hennessy. Some verses are the same as the Muilearteach orally  
preserved, but the story I do not know as orally preserved.—J. F. C.

A GHOST came on the Heroes in the night to kill Fingal, Goll, Oscar,  
Caoilte, and Aogh, &c.; since they would not fight with her, she cast the  
door of the house off its hinges, and took away with her Fingal's golden  
cup, they followed her till they overtook her. This spirit and Silhilan  
were the worse that ever came to the heroes.<gai>

DAN 15.

1

OIDHCHE bha sinn a múr Bhéura,  
'S moran do Mhaitheadh ar Feinne;  
Chunnaig sinn a teachd gu lúthmar,  
Fuath a b' áirde no 'n fhiúidh.

2

Bu mhór ciannas air fáir,  
'S bu mhó a siubhal no h áird;  
Bha cochall dubh sios ma bian,  
Is fiacaill seach a craos siar.

3

Bha cloidheamh meirgeach dubh air a leis,  
Re h ám féirge bu mhor a ghreis;  
'S bha sleagh nimhe na deas laimh.  
Gheibha' buaidh air sluagh gu 'n fheall.

4

'Fosglaibh dhamh fheara' Fionn;  
'S mi gu fliuch luidagach fán;  
Shiubhail mi Eirinn fa thri,  
'S cho d' ug duine th' ann dhamh dion.'

5

'Se fhreagair i Fearadhas béul dearg,  
Bu bhinne glóir a bha 'n Eirinn;  
'Mu rinn thusa sinn a chailleach,  
'S ann do chomharaibh droch mhnatha.'

6

'Ma 'n d' ig thu a steach d' ar muthainn,  
Innsidh tu dhuinn brí do thurais;  
'Sa ghealltain nachdean thu dó bhairt,  
Air Fiann Innse-Pháil no Freoine."

7

'Innseamsa sin Fheadharais fhilidh,  
An t ádhbhar mu 'n d' ainig mise;  
A dh' iarruidh cómhrag air Goll,  
Air Caoilte 's air Oscar crom.'

8

'Air Mac Chuthaill nan lamh luath,  
Is air Aogh Mac Gharabh chruaidh;  
Air (neo) gheadh duais thoirt dham gu 'n éura,  
Cho mhaith sa tha múr na Féinne.'

9

'Cho d' theid sinn chaoidh a chomhrag,  
Re fuath oidhche raibh na énrachd;  
Gu 's an d' theid Aula air béinn Torc  
D' an deóin cho d' theid iad gu' d lot.'

10

'N tra' chuala chailleach gloir Fhearadhais,

Lion i suas le cuthach feargach;  
Chuir i roimpe comhla' Bhéura,  
'Sa steach chuai' i measg ar Féinne.

11

Thog i lé cuach Fhinn fhialidh,  
Gu grad lamach s'e cho d' fhaibhraich;  
Chuartaich i Eirinn le colg,  
S' ann Fhiann gu léir air a lorg.

12

Faidheoidh chuir i sinn san fhireach,  
Cha raibh 'm fogus dh' i ach triar;  
Fionn is fear sraoinidh nam rámh,  
'S Caoilte beag Mac Ronan áidh.

13

Do leum i gu cas Eas-ruaidh,  
Ge do bha e cuir ma bhruacha;  
Leun Fionn air a cas léum,  
'S chuir e ghéur shleagh roi' a cachull.

14

Rug Fionn an sin air a chachull,  
O 'n bu leis a blagh sa buaidh;  
'S rug Caoilte nan lamh tréun,  
Air a chloidheamh sa sleagh géur.

15

Rug fear srainidh nan ramh,  
Air a h usgar loimhreach bán;  
Sin mar tharladh d' ar fir théune,  
'N oidhche bha sinn a múr Bheura.

## X. 2. A CHAILLEACH.

<eng>Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh. Edinburgh, February 2, 1872.

Another copy of this was sent to me by William Mackay, Esq., Law Student, 67, Church Street, Inverness, who took this down from the lips of his father, who learnt it in his youth, about Glen Urquhart.

I have numbered the lines because the stanzas are broken.—J. F. C.<gai>

## A CHAILLEACH.

THAINIG a Bhuileardach Ruadh, Mathair Rìgh Lochluinn do 'n Fheinn a thoirt lethe le foil cuach na geasachd. Fhuair i Oisen maille re cuid de dhaona ann an Talla no Feinne.

## A BHUILEARDACH RUADH, (a Chailleach).

'Fosgail, fosgail, laoich loug,  
Nan airm fullung faothair ghorm,  
'S feuch cuid (or pairt) do d' fhaoilteachd,  
Do chailleach bhoc a thig a Caoilte,  
'S mise sin a chailleach thruagh:  
'S fhada a dh' imich mi 's mi buan,

1

5

Cha n-eil an cuigibh na h-Alba,  
No 'n cuig cuigibh na h-Eirrin,  
Aon duine 'dhiultadh dhomh fosgladh,  
Nuair 'chromuinn mo chean fo 'dhorus.' 10

OISEIN.

'Ma dh' imich thusa n' uigh sin uile,  
'S biadhtaichean iad ri droch urra:  
Fuarichidh do smior a chailleaich,  
Mu 'm fosgailear dhuit mo dhorus.'

A CHAILLEACH.

'S dona 'n aithne sin, a mhic righ, 15  
( 'Us mac righ 'ga ràdh ruit)  
Nuair dhiultadh tu fosgladh do dhoruis.'

OISEIN.

'Cha dhiultinn dhuit a monadh fiadh,  
Ged' bhiodh agad triath dy reir,  
Chuirinn biadh naoidhnear gu d' theach, 20  
'S biadh feachd leat o 'n Fheinn.'

[TD 61]

A CHAILLEACH.

'Cha bhi agam do d' bhiadh feachd,  
Ni mo 's àill leam do thàir (shar) fhacal;  
B' amhsa leam teas do d' aimhlibh,  
Agus leabaidh mair ri d' ghaghradh.' 25

OISEIN.

'Gu dearbh cha 'n fhaidh thu teas do m' aimhlibh,  
Ni mò dheibh thu leabaidh mair ri m' ghaghraibh,  
Chuiruinn gille leat o 'n Fheinn,  
Dh' fhadadh teine dh' aon bheum,  
'S gille eile ' dh' ulluicheadh deagh inneal.' 30

A CHAILLEACH.

'Cha 'neil mo choiseachdsa ach mall.  
'S theid an teine sin a crann.'

OISEIN.

'Bunuiig thusa leathtaobh Chuilinn,  
Cuir geigibh caol fo d' spuiribh,  
Seid gu caol geur le d' anail, 35  
'S dean do ghàradh ris a Chailleach.'

A Chailleach sin bu ghairbh craimh,  
Chuir i gualluinn ris a chleidh,  
'S bhris i na seachd geamhlibh iaruin,  
Mur nach bidh annt' ach seann iallan. 40

A CHAILLEACH.

'Tha mi nise stigh 'n ur teach,  
'S liubha nar mairbh na nar beo,  
'S lionmhoir scolb bhios 'n 'ur teach,  
Na macan beo a marach.'

Cheangail i iad taobh ri taobh, 45  
Na b' eadar an caol 's an ruidh,  
'S rug a Chailleach air a chuach,  
'S thug i gu luadh a magh.

Chunnachdas a Chailleach le Fionn air dha bhi tighinn dhachaidh o 'n t-sealg.

FIONN.

'A Chailleach ud a th' air an t-sliabh,  
Dha bheil an ceum casruith gharbh dhian, 50  
Na 'n tarladh tu air srath na h-airde,  
Bu bhao dhail duit clann na ceairde;  
Tri cheud deug le 'n dian armachd,  
'S lothain choin aig gach fear;  
Fir thugad a tha Chailleaich?' 55

A CHAILLEACH.

'Ciod a theireadh tus a dhiullan,  
Na 'm faguinnsa iad sin uile,  
Edar chu luadh agus dheagh dhuine?'

Leam a Chailleach an t-eas,  
Leam gu garbh brais, 60  
Thilg i gath nimhe air Fionn  
A chaidh seachd troidhean 'san fheur uaine  
Thairis air bar a dha ghuaillibh,  
Thilg Fionn a shleagh taobh  
'S bhris e ' cridhe na caol druim, 65  
'S rug Geolach o 'n is i bu luaithe,  
Air sliasaid chruaidh na Cailleaich;  
'S rug Caoilte beag nan cuach,  
Air a claidheamh cruadhach,  
'S air a da shleagh. 70  
Bha iad seachd la 'us seachd oidhche.  
A roinn faobha na Cailleaich;  
'S cha d' rug Oisein a bha air dheireadh,  
Ach air seann chiabhag liadh na Cailleaich.  
. . . . .

OISEIN (?)

'A Chailleaich o 'n is e 'm bas e, 75  
Innis dhomsa ciod e d' aois.'

A CHAILLEACH.

'Cha neil m' aois fein ri aireamh  
Tri cheud bliadhna 'sa dha. 78

<eng>Although the last four lines are recited with the piece as above, they seem to be out of place.—Of the second piece to which I referred in my letter, my father remembers but a few lines, and these, perhaps, not in their proper order—I give them as I got them from him, before I saw the version in Mac Callum's Collection.  
WILLIAM MACKAY.<gai>

PADRUIG MAC ALPINN.

Oisein uaisail Mhic Fhionn,  
'S tu do shuighe air Tulluich eibhinn,  
Laoich mhor mhileanta nach meat,  
Tha mi faicinn sproichd n ad euduinn.

OISEIN.

Dh' innsinn fatha bhron ' th' orm fein,  
Phadruig Mhic Alpinn o n Fheinn,  
La dha 'n robh an Fheinn a muigh,  
'Nan suidh air torran coire (<eng>or<gai> Tora) Siar,  
Chunnachdas a tighinn o 'n mhaigh,  
A bhean sin a b' ailte feamh  
A nighean a b' ailte snuadh,  
Bu ghile 's bu deirge gruigh,  
Bu ghile no gath na greine,  
A h earradh gheal fa gaodh a leine,  
Labhail an oighe fo gheala bheai'd  
'S lachan gaire na ceann.  
. . . . .

<eng>This is part of the Lay of the Maiden. See below.—J.F.C.<gai>

D. 6. CRUACHAN CRAIG AN TULLICH.

<eng>Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, February 29, 1872.

D. 6. and H. 9. are versions of the same ballad. I have no other versions of it, manuscript or oral, Irish or Scotch.<gai>

1  
ACH a Chruachan Chraig an Tullich,  
'S mi fo Mhullich Slethidh Fanis;  
Nochd a tharla mi fo d Tegil,  
Gur trom a leagta do Laibh orm.

2  
La shidh Dhuinne ri fiaghich,  
Bha shin fo d' Dhiabhir a Thullich;  
She chunnairc shin Marcich cetich,  
As e teachd le sceilidh huggin.

3  
Sana dhisrich Fion do 'n Mharcich,  
Gu de fa Taistair fo 'd Chrichibh;  
Thanig mi fo Thaibh na Shiunidh,  
She labhair an Giullidh ceudna.

4

San a ghluais e 'n Cean air Corich,  
Mar gu nigh Folum aig Fillidh;  
Labhair e am briaribh isligh,  
Mar gach Marcich shibhailt shiunnidh.

5

Bithibhse a nochd nar fairrich,  
A Tsheic Cathanin na Feine;  
Gu de e aobhir air Fairrich,  
She ni labhair Fear gar Feine?

6

Gu de a aobhir air Fairrich  
She ni labhir Fear gar Feine?  
Agus nach heil Linn air bualidh,  
Nochd air ochd uachoribh na Herin.

7

Naile hig i oiribh a Chaillich,  
As a Harrachd othar edigh;  
'S gun cumidh ruibhse Coibhrig,  
Gad bhig air Coinigh le chele.

8

San an shin a labhair Connan,  
Cha 'b onnarich dhuinne Ghruagich;  
Mar a fona mid do Chaillich,  
Dhith fein sga Harrachd ga chruathid.

9

Shin nar huirt Gruagich an ubhil,  
Air mo chuibhse a Chonnain;  
Dhaindeoin Sheac Cathan na Feine,  
Gu dearibh rebidh I do chollair.

10

Thug Connan shiocidh hun an ubhil,  
Gad nach bo chuibhidh dha bhualidh;  
San chuir e le ardan spreiggidh,  
A chluas fo 'n Lechean do 'n Ghruagich.

11

Shin nar ghailibh e uain an Gruagich,  
She gu fiaghich fuathich fearragich;  
Mar steid shreinigh dol air aistir,  
Chluint a Hartir ans gach Bearnigh.

12

An Teich shin a bha fon Ghruagich,  
Gur he bualiche ra fhaccin;  
San na Cean a bha 'n Trian orridh,  
M ro Iunnis na Heoirp do Chlachibh.

[TD 62]

13

Har leinne bu bhor a Ghilid,  
Do T shide do T shrol 's do Ghiunnis;  
Fo steid chois chrom a churridh,

Le n faighe gach Duinne Duimpich

14

'S an a ghaibh e uain an Gruagich,  
Gu fiathich fuathich, le ardan shiubhail;  
Agus hanig na tri Fuathin,  
Mar a chualigh Fion Mac Cubhail.

15

Shin nar a hanig a Challich,  
As a Harrachd air a Culibh;  
Mar ri Celidh Leth a Leppich,  
'S riogh cha b' aobhir aithis duin e.

16

Cethir fichid Lan-laoich mor,  
Do chlainnibh Morni huit nan Tus;  
Uirrid eille Chlainnibh Baoisg,  
Agus Caogid a chuir leis.

17

Bha 'n oiche shin dhuinne bronich,  
An deis air Choibhrig ma dherigh;  
A Tarruing air mairibh gu Huaighin,  
'S geil bu chruaithidh leon 's nin ceillim.

18

Bu truimmigh le Fion na Fuathin,  
A ghol uaidh gun am marraigh;  
I ad gun bheim sceinnigh nan Cnaithibh,  
'S nach ro Feinn nar sleighibh garridh  
Na gad rechidh uidhir eille shorchaire  
Do na Fianibh gorama Gaithil.

19

Hanig iad oirne triuir Chlerich,  
Air Erigh Greine n Larna-bharich;  
Agus Ballan shithidh sheirce,  
Euurigh ga hoirt a Lathair,

20

Dharridh Mac a Chleirich oig,  
Air cheid chaint an Tos tus do Dfhionn,  
Ca leas a reinnigh an Teuchd,  
Na co leis an deint' am marraigh.

21

Bu duillich leomsa shud inse,  
Nam bu ni e ghabhidh ceiltin;  
Gun tuittidh iad le tri Fuaghin;  
Na bha do Tshluaidh air an Ellain.

22

Labhair Mac a Chlerich mhoir,  
Gu farriste foil ri Fion;  
Ha Fear a thogid r an Fhian,  
A bherigh an da Trian beo.

23

Ba bhath leom shin ars a Fion,

Gad a choiste e gho ni mor;  
Do dhaoin Fhear thogidh an Fhian  
Gar 'n digidh ach Trian diu leom.

24

Dherich Mac a Chlerich mhoir,  
Le sheirbhais choir os an cionn;  
Le Draoghichd Bhallain nam Buaigh  
Gheirich a Tshluaigh suas le Fionn

25

Mar a thoirchir 's mar a thuit,  
Shin iad dhuit do Bhuintir Fhinn;  
Fon shin fein a reinn an Teachd,  
Cha ghabhamid Feich ga chionn.

26

'Mhanarain ga math do Laibh,  
Thug thu do m Fhein masla mor;  
Fhinn na gaibhse dheth Tair,  
Fhir nach tium ri dol san scleo.

27

Fhinn na gaibhse dheth Tair,  
Fhir nach Tium dol san scleo;  
Sgur Draoighichd a churridh oirribh,  
Leis 'n do Chailligh a Chlann choir.

28

Triur air nach deargidh arm,  
'S nach loisg an Teinnigh ga Bhoid;  
'S nach mo Bhaite leis an Tuinn,  
Ciod an Tium a bha nan Teichd?

Crioch.

<eng>H. 9. HOW AN INCHANTER WITH HIS WIFE AND CHILD CAME TO KEEP WAR WITH THE HEROES.

Kennedy, 1st Collection, page 51. Advocates' Library, December 6, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail. 120 lines.

Not known to Hennessy in Irish Manuscripts. Not known to me, orally preserved now.—J. F. C. Dublin, December 9, 1871.

AN Inchanter came to the Heroes where they were hunting one day, and told them that an old woman, with her husband and child, were coming that night to them, who would keep war with them all. The warluck went away, and came immediately with his wife and child, and killed 310 of the Heroes, and bound 140, but they came to-morrow, and lifted them all to life again into Fingal, without reward.<gai>

DAN 11.

1

LATHA dhuinue bhi re fiadhach,  
Gu' m ann mu dhiamhair na tulach;  
Do chnnaig sinn Gruageach ea-trom,

Le lidhachd le sgéule chugainn.

2

Do bha stéud ag a Ghruagaich,  
'S ann leinne a b' uallach fhaicsinn;  
Na cheann do bha an srian ór-bhuidh,  
Le iomcarachá dh' ór 's do chlachaibh,

3

'S ann leinne bu bhrea a dhiollaid,  
Do shiode, do shról, dh' fhiontrain;  
Air an stéud chois ea-trom churant,  
Dh' fhagte leis gach duine diombach.

4

Ghluais e ann na uile chomhdach,  
Gu Fianntidh phoil mar fhior fhilidh;  
Agus bheannaich e gu siobhalt  
Marcaich seimh nan siog- shuil sionnach.

5

Thrus sinn uile 'n sin gu déonach,  
Gu's an ogan a b' fhearr earradh;  
A dh' fhaghail sgéul gu 'n éuradh,  
Uaith gu h éibhneach uallach eallamh.

6

Dh' fhiosraich Mac Chuthaill d'on Ghruagaich,  
Ann am briathraibh uasal eibhainn;  
'Ailis dhuinne 'nois air thoisach,  
Cia as t astar gu riogh'chd Eirann.'

7

'Thainig mis' o thaobh nan sionnach,  
Do labhair an gille céalfach;  
Gu' m bi sibhsa noc nar caithris,  
A sheachd cathanaibh na Féinne.'

8

Ciod e noc adhbhar ar caithris,  
Do labhair Fionn flath na Féinne;  
'S nach aithne dhamh neach d' ar bualadh,  
Eidear ceath'r bhruacha' na h Eirann.'

9

'Do thig chugaibhsa noc cailleach,  
Is a h arrachd fein le céile;  
Is cumidh iad ruibhsa cómhrag,  
A dh' aingain conamh ar Féinne.'

10

'S an dhuinne bu nár r'a aithris,  
'Nuair a theannamaid r' a chéile;  
Gu céabhadh sin oirna cailleach,  
Is a h arrachd fein le céile.

11

'S ann an sin a labhair Conan,  
Cho 'n eil onoir dhuinn a Ghruagach;  
Cia beag a chéabhadh oirnn cailleach,

A céile sa h arrachd d' an cruaidhead.

12

'Do fhreagair 'an Gruagach guineach,  
Air a chubhaidh fein a Chonain;  
Thig na fuathan oirbh le chéile,  
Is reubar leó 'noc do ghon shuil.'

13

Do bha ubhall ag a Ghrugaich,  
Is thilgaibh e uaith air astar;  
Cheapadh e e san laimh cheudna,  
'S ann leinne bu treabha gaisgaich.

14

Do rug Conan air an ubhall,  
Cho bu chubhaibh dh'a r'a bhualadh;  
'S chluas a bha leith r' a leith-cheann,  
Chuir e le spreigadh do 'n Ghrugaich.

15

Do chailh a Ghrugaich an t ubhall,  
Ona bu chubhaidh dh' a bhualadh;  
'S do sgar e 'n da chluais o 'n chlaigean, (1)  
Gu lom sgaphara do 'n Ghrugaich.

16

An sin dh' imich uainn a Ghrugaich,  
Se gu fiathaich, fuathach, feargach;  
Air a stéud chois, ea-trom, ghasta  
Dheanamh astar thair gach garbhlach.

(1) Bha Conan maol o 'n la so suas.

[TD 63]

17

Is gearr air imeachd do 'n Ghrugaich,  
Se sin a chula Mac Chuthaill;  
Mar fhuaim tuinne na tri Garin,  
Sann dhuinne gu' m b' ádhbhar cumha.

18

An sin thainig oirne chailleach,  
Is a h anachd air a culabh;  
Is a céile leith a leaba,  
'S cho b' adhbhar aitais iad dhuinne.

19

Tri fichead déug 's caogad curidh,  
A bhuaileadh builleán le chéile;  
Se sin a thuit leis na fuathan,  
Do Mhaithaibh 's do dh' uaislaibh ar Féinne.

20

Seachd fichead do Chlanna Mornna,  
Bha lán do chréucaibh 's do chneidhaibh;  
Cho chulas riamh sgéul bu chruaidhe,

No na tri fuathan d' an ceangal.

21

An oidhche sin dhuinn gu bronach,  
An deidh ar cómhraig fai dheireadh;  
A slaódaibh ar mairbh gu h uaidhaibh,  
Sgéula ro thruagh is ni 'n ceileam.

22

Bu mheasa le Fionn na fuathan,  
Dhol slán uaithe as an áraich;  
Na mbead is a thuit sa thorchair,  
Leó d' ar Fianntidh gorma gaidh' lach.

23

Cha loisgadh teine da mheud iad,  
Is cho bháite iad le h uisge;  
Cho dearagamaid orra le 'r n armaibh,  
Cáit anois am biodh an guinsan.

24

B' eisean Gruageach chreag na tulaich,  
Is sinn air uileann sliabh Mhanuis;  
Do tharladh dhuinne na fhreasdal,  
'S bu truagh a leag e a lámh oirinn.

25

Thainig chugain na tri Chleirich,  
Gu ro eibhainn 'n dara mháirach;  
'S am ballan síbhídh seachlíd  
Eatara teachd ann san láthair.

26

Dh' fhiosraich iad do Mhac Chuthaill,  
Mar a bu chubhaidh san uair sin;  
'Cia leis 'n do bhearna' na gaisgaich,  
No créud mu 'n d' rinneadh am bualadh.'

27

'Gur decair dhuinne sin innseadh,  
No tionsgalaibh air a rádha,  
An triuir le 'n d' rinneadh air bualadh,  
Ghabh iad mu dhiamhair na dálach.'

28

'Ma sa sinne tha 'nois uait,  
Thainig sinn gu 'n luach da cheann;  
Comann gu 'n fholachd gu 'n fhuarachd,  
'S togidh sinn do shluabh dhuit Fhinn,

29

Dh' eirich macaidh do 'n chleir óg,  
'S an speirmaise mhór na laimh;  
Le feartan ballan na' m buadh,  
Dh' eirich a shluabh suas gu Fionn.

30

'Na gabhsa masladh a Righ,  
Fhir leis 'm bu mhiann dol 's gach tóir;  
Cha raibh ach draoidheachd uil' ann,

Leis 'n do chlaoidheadh do chlann chóir.'

D. 8. MAR CHAIDH ROCHD DO THIGH FHINN.

<eng>48 lines.

Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 2, 1872.

This ballad, of 1750, relates to a well-known and widely spread legend. Roc belongs to the monstrous Smiths. He is here servant to Cormac. That King sends Roc from Tara, to the Hill of Allen; from the Palace to the Barracks, to run a race with the army. The General wins the race and slays the monster. The King will have the General's head. By 1800, this had become very Mac Phersonic.<gai>

1

TEICHDIRE bha aig mo Riogh,  
Ri Tim dol an naibhreat dho;  
Giulle a bha aig ra ghairm,  
Rochd Mac Fhiachair she b' ainm dho.

2

Sabhail shin mar mhithigh she,  
Bha aoin Chas Chli as a t-shoin;  
Bha aoin Laibh as uchd nach Tim,  
Bha aoin suil an Lar a Chinn mhoir.

3

Bha do ghraoighichd aig an Fhua,  
Gum bo luaidh naoin chas ghearr;  
Gun fagigh e gach neich air bith  
San as a Rith a choir e Geale.

4

Sin nar huirt Cormaig ri Rochd,  
Mas aill leat bhi nochd gam reir;  
Gluais gu Hallabin a suas,  
Cuir geall air Luas rish an Fhein,

5

Ghluais Rochd an Guilligh nach Tim,  
Air Choibhra 'n Fhir bu bhinn Guth;  
Rainig e Allabhi nan Lann,  
Bheannuich e do D fhionn san Bhruth.

6

San nar huirt Diarmaid Donn,  
Mac o Duibhne nach trom Triogh;  
Fhir ad a thanig on Chuir,  
Gu de choir usa fo 'n Taoigh?

7

'S missigh Gille Choirmaig Dhuin,  
'S air gach Druim bu bhath mo Rith;  
Hainig mi chur Geall air Luas,  
Rish na bheil shibh T-shluaigh astigh

8

Gheirich Gille nan Cass caoil,  
Ga ruidh air feo Fraoich as Bheann;  
Ga ghlaichde 's bu bhor a Phian,  
Dherich an Fhian uille as Fionn.

9

'S iad a tearnigh gu a Luan,  
Shin nar chaidh an sluaigh nan trott;  
Chuir iad Bein Edin air Chrith,  
Aig meid an Rith a rein Rochd.

10

Leim e Ess Ruaigh ga bu bhor,  
'S cha do bhean a Bhrog ga Bhord;  
Leim Mac Cubhail e gu grad,  
'S bha stad air gach Fearr do chach.

11

An uair a chungig mo Riogh,  
Bhi briste Gessin an T-slhuaigh  
Ghia e 'Laibh mu aoin Chois Ruic,  
Air Aodin a Chruic thalabhi nair.

12

Gach Fearr a thige gar Fein,  
A Dhrium geur gu harruing as;  
Sin mar chaidh Rochd do thigh Finn;  
An connibh a Chinn sa Chas.

F. 7. RANN MAR A CHAIDH ROC A THIGH FHINN. ROC-MAC-CIOCHAIR, GIULLE BH'  
AIG RIGH CHORMAC. <eng>7 lines.

Fletcher's Collection, page 80. Advocates' Library, January 17, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.<gai>

BHA an Giulla so aig an Righ, agus chaidh e chuir geall air luathas ris  
an Fheinn uile, is cha rabh aig ach aon chos, is aon làmh, agus aon suil,  
mar a deir an Rann.

BHA aon chos fodha nach robh mall,  
Bha aon làmh as uchd nach cli,  
'S aon suil air clar a chinn mhoir,  
Bha do dhruigheachd air an fhuath,  
Gu' m bu luaithe 'n aon chos ghearr,  
'S nach beireadh air neach air bith.

<eng>H. 10. HOW ROCHD WAS KILLED BY THE HEROES. 44 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 55. Advocates' Library, December 6, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—Dublin, December 9, 1871.—Not known to Hennessy, but a man of this  
kind is somewhere described. Before the Celts came Ireland was infested  
by people of this kind called Na Fomhairain, as I learn from the Wars of  
the Gael, &c., printed.—J.F.C.

CORMAIC the King of Ireland had an Inchanter, named Rochd; this was his  
shape, he had one left foot, only one hand, and a circular eye in the

middle of his forehead, like the Cyclops Vulcan's servants. The King sent him to try race with the Heroes, for he thought that they would not gain victory in running, but Fingal overtook him, and killed him.<gai>

[TD 64]

DAN 12.

1

TEACHDAIR do bha ag an Rig,  
Re h ám dol an aimhra' dhó;  
Gille do bh' aige r' a ghairm,  
Rochd Mac Fhiathchair s' e b' ainm dhó

2

Do labhair Cormaic re Rochd,  
'Ma 's áill leat bhi noc do 'm réir;  
Truss roimhad gu h Albhéinn suas,  
'S cuir geall do luas ris an Fhéinn.'

3

Dh' imich Rochd an gille nach tím,  
Le chómhradh nach bu bhinn léinn;  
Rainig e Teamhradh nan lann,  
'S bheannaich e le greann do 'n Fhéinn.

4

'S ann mar so do bha a shnúadh,  
Bha aon chos chlí as a thóin;  
Aon lamh air uchd nach bu tím,  
'S aon súil an clar a chinn mhóir.

5

'S e fhreagair e Diarmaid donn,  
Mac O Duimhne bu chruinn troidh;  
'Fhir ud a thainig d' ar Féinn,  
Cia do thuras fein o 'd thigh.'

6

'S mise gille Chormaic chruinn,  
'S air gach dream bu mhaith mo ruidh;  
Thainig mi chuir geall mo luas,  
Ris na bheil sibh shluanh a stigh.'

7

Dh'eirich gille nan cos caol,  
Da ruidh air fea' fraoich is bheann;  
Dh' eirich ge d' bu mhór a phian,  
Dh' eirich an Fhiann uil' is Fionn.

8

Bha sinn mar sin o luan gu luan,  
A suibhal bhruach, bheann is chnoc;  
'S chuir sinn Beinn éudain air chrith,  
Le mead na ruidh a rinn rochd.

9

Léum e Eas-ruaidh ge mór,  
'S ni 'n do lean e bhórd a léum;

'S leum Fionn e gu grad,  
'N uair a stad gach fear do 'n Fhéinn,

10

'N uair a chunnaig Fionn nam fleadh,  
Gu d' bhris e geasan a shluaidh;  
Dh' iadh e dha láimh mu chois Ruichd,  
Air eudann a chnuc ailbhídh fhuair.

11

Mar sin a chuaidh Rochd do thigh Fhinn,  
An comhair a chinn no chas;  
'S gach fear mar thigeadh do 'n Fhéinn,  
Bho dhrim géur d' a tharrungas.

O. 18. ROC. <eng>132 lines.

Dr. Irvine's MS., page 103. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.

Cormac, A.D. 213., sends Roc to Albhuin (Allen), to run a race with Fionn. He catches him at Eas Ruagh (Ballyshannon). Then Cormac, King of Ullin (Ulster), is changed into Mhullin (of the Mill) and later into Mhuile (of Mull). At \* \* \* the whole thing changes in style and rhythm. It becomes stiff, and all the names from Cuchullin downwards to the end of the last battle are jumbled together in hopeless strife. 'Oscar' slays 'Connachar.' 'Cormac' praises 'Fionn.' Somebody in the East of Scotland manifestly composed upon this theme before 1800. April 1, 1872,—J. F. C.<gai>

1

LABHAIR Cormac ri Roc,  
Ma 's aill leat bhi nochd am reir;  
Druid romhad a dh' Albhuin suas,  
'S cuir geall luathas ris an Fheinn.

2

Ni mise sin air a riar,  
Chormaic nan cliar 's nan long;  
Ach 's eagal nach tig air m' ais,  
O laoich bhras na mor ghlonn.

3

Roc bha eagal riamh nad' chail,  
On tharladh tu nam luinn;  
Co chuma ruit an luathas,  
Dol suas ri eudainn tuim,

4

Luath mar cheathach na beinne,  
'S a ghaoth g'a ghreasadh le toirm;  
Leum Roc na luing leathain,  
A reuba cuan athach gur traigh.

5

Latha bha sinn an crom ghleann nan cloch,  
Thainig oirnne an t-athach ioghna;  
Dh' fhalaicheadh cuig meoire a thraidh,  
Trian do urlar an righ thighe.

6

Bha mar dhruichd air an fheur  
Cha robh ach aon chas chearr o thoin;  
Aon lamh as uchd gun bhi cli,  
Is aon suil an clar a chinn mhoir.

7

Oglaoich thainig an Cuin,  
Ciod a thug thu fein do'r tigh;  
Is mise gille Chormaic chruinn,  
Air gach luim bu math mo ruidh.

8

Thaineam a chur geall luathas,  
Ris na bheil do shluagh 'nar tigh;  
'S faoin do bheachd, a Roc nan lub,  
Ann a' d' run tha beairt chli.

9

Cha 'n eil a shluagh aig Cormac nan sleagh,  
Na dh' fheucha ruinn an ruidh na fri;  
Gluaiseachd gille nan cosan caol,  
Ga ruidh feadh fraoich 's bheann,

10

Glaccadh bu mhor a shian,  
Dh' eirich an Fhiann uile 's Fionn;  
Leum e eas Ruadh, ge bu mhor,  
'S cha do bhean a bhord ga throidh.

11

Leum Mac Cuthail e gu grad,  
'Nuair stad gach fear san Fheinn;  
Dh' iadh e lamh ma aon chos Ruic,  
Air eudainn cnuic talmhain fhuar.

12

Gach fear mar thigeadh do 'n Fheinn,  
Bha lann ga tarruing as;  
Sid mar chaidh Roc gu tigh Fhinn,  
An coinneamh a chinn 'sa chas.

13

Teachdaireachd fhuair Cormac mor, <eng>? New.<gai>  
Gu na leona' Roc sa ghreis;  
Mhionnaich e bu diobhail duinn,  
Nach bitheadh Fiann g' an cheann thoirt leis.

14

Ghluais e Chosruidh o thulach ard,  
Gu Seallama a chuir fo thuinn;  
Bhuail e steach gu comhrag dian,  
Cu cian a charrais ud duinn.

15

Sheall Fionn o chaislidh nam buadh,  
Suas gu mullach mhill deirg;  
Co iad na h-athaich a ghluais,  
Fhearruis co 'n sluagh air an leirg.

16

Ghluais Feargus armach og,  
An rod a thainig am feachd;  
Co iad na fir chalma dhian,  
A thriall do chrom ghleann an t-sneachd?

17

So Cormac righ Mhuilin an aigh,  
Cha 'n eil baigh aige ri neach;  
Ag iarraidh coir o Fhionn nam Fiann,  
Dioladh Ruic ruaidh nan each.

\* \* \*

18

A Chormac a chuireadh cath cheud,  
'S mor am beud do theachd air lear;  
Cuimhnich a chomain a bha,  
'S gabh baigh dhuit fein bhuil.

19

Cha chiall duit tagha gu'r feachd,  
Tha ar neart mar chreag nach aom;  
'S tric a chuir sinn do namh gu cuan,  
Tha Roc na shuain gu faoin.

20

Mar beo do Roc nan cleas luath,  
Gille bu chruaidhe an cath threun;  
Diolaidh mi a leon gu cas'  
Ma bhitheas an fhaich am reir (do'm).

21

Phill Fearghus bu mhor blagh  
'Sa magh a critheadh fo cheumaibh;  
Sid e Cormac righ na Muile,  
Ag iarraidh fuil Ruic is beuman.

22

Crom ghleann 's fhada bha slan,  
Is tamh aig eilid nan raon;  
Gun ghuth cogaidh gun luaidh air,  
Gun fhuaim bais a struth o Mhaoil.

[TD 65]

23

Fheara na geillibh do 'n athach,  
'Se labhair Fionn 's cath na ghruaidh;  
Pillibh an ruaig suas Druimalba,  
Faiceadh Cormac call a bhuidh.

24

Chaidh na fir an dail a cheile,  
Goll a' caithe na faiche;  
Oscar mo shar Mhac dealanach,  
Caoilte eridhe na gaisge.

25

Cuthullin an aigne mhoir,  
Faolan og, agus Diarmad maiseach;  
Toscar nan arm geura  
Bha mi fein a' measg nan toiseach.

26

Co sheinneadh cath nan laoch,  
Co dh' fheuda' a luaidh an t-ar;  
Thuit le laimh Ghuil Iolun armach,  
Mac rìgh Chormaic sìos air lar.

27

Thuit le Oscar Conchar nan lan,  
'S gann dh' fheudta fhearg a chasga;  
Dh' eirich Cormac dhiona' a shloigh,  
Dh' eirich Fionn suas mar fhrascharn,

28

Thachair na fir laimh air laimh,  
Chaidh 'n gathan nam bloighdibh a' s t-athar  
Tharruing iad an lannan crodha,  
Chluinnte fead an arman dathte.

29

Dh' fhalbh clogaide Chormaic chruinn,  
Lann bu duilich a chasgadh;  
Chormaic tha do bhas a' m' laimh,  
Ach 's aithne do Fhionn Mac na maise.

30

Chormaic eirich 's leat t-armachd,  
Pill gu talla garbh na macharach;  
'S dochdair Alba ri chlaoidh,  
'S lionar suidh tha dhi teachrach.

31

Roc thuit le lubaibh fein,  
An struth Dhuithe threun nan glas charn;  
Siol gun bhaigh chatar an uachdar,  
Buaidh gu brath cha tig le taise (gaise).

32

Tha Fionn, deir Cormac nan ceud,  
Mar shruth do 'n fheur anam na tior;  
Mar reul san oidhche da na neoil,  
'San ceo a' camadh ma cheann gun chli.

33

Biodh ruim reidh, a fhilath nan ard bheann,  
Tha nam h ag iarraidh mo bhagradh;  
Eirin uile ged bu leam,  
Gheibheadh tu choinn Garna chasgadh.

<eng>THE SONG OF THE SMITHY.

CELTIC Heroes had mythical weapons like others of their class. They got them from a monstrous Smith, who belonged to the Norsemen. He was one of three brothers: 'Roc' was one, 'Lon Mac Liòbhan,' the hero of this

ballad, was another, and 'the Smith of the Ocean' seems to have been the third. Their Father was 'a mighty man.' They had one leg and one eye. This one at least had seven arms, with which he plunged swords into his mother's breast. These mythical Celtic people clearly are the equivalents of Vulcan and the Cyclops, Arges, Brontes, Steropes, &c.; who were slain with arrows by Apollo, because they made thunderbolts, with which Æsculapius was slain by Jove. The versions of this ballad are so like each other, that, by the able help of Mr. Hector Mac Lean, we have hammered them into one. In April, 1872, I collated Y. 1., 104 lines, orally collected in Barra, with Y. 2, 37 lines, written in Islay, see Vol. III. 'Popular Tales.' In June, the collector of these and other versions read aloud all other versions which we had got, in their order of date, while I noted each verse of Y. with corresponding letters and numbers. We read D. F. H. M. O. V. Y. Z. From these eight versions, written between 1750 and 1872, by as many collectors, in as many different parts of Scotland, Mr. Hector Mac Lean selected various lines and readings; and, having with great trouble collated the whole, he wrote the words in his modern Gaelic orthography. The result is, that 104 lines taken down from the repetition of one man in Barra, in 1860, have grown to 175 lines, chiefly by the addition of the verses marked F. from Fletcher's version. The story told in these verses is commonly told with many more incidents, but the verse is forgotten. We next read the whole over again for various readings, and added all that concerned the story in foot-notes. By this process all dialects are lost, and the language is brought down to modern orthography. Nothing else is changed. The men named have swords assigned to them, but the same men and weapons do not always go together. They get eight swords and eight spears. Kennedy sings, H. 20:—<gai>

'B'aidhearach sinn an dara mhaireach  
 Ann an Ceardach Lon Mac Liomhean  
 Gu bu Mhaith ar 'n ochd cloidheamhnan  
 'S ar 'n o-chd Sleaghan righne fìor ghlann.'

<eng>Four Heroes were first engaged in the adventure; a second band of four are mentioned, but seven other men are named in different versions. Eleven men and as many weapons are named. Three men and two swords are named, but not together.—<gai>

1. Fionn <eng>had<gai> 1. Mac an Liun.
2. Oisein <eng>had<gai> 2. Gearr nan Callan; <eng>or<gai> Gear nan Calg.
3. Osgar <eng>had<gai> 3. A Chruaidh-Chosgarrach; an Euchdrìgh; an Drioghleannach; an Druidhlannach;
4. Daorghlas <eng>had<gai> 4. An Leadarnach Mhòr; a Chreichd'ich; a Chruaidh-Chosgarrach;
5. Diarmaid <eng>had<gai> 5. An Liòmharrach; an Loimhcannach; a Chosgarsach Mhòr;

<eng>6, 7, 8. The three sons of the tribe of the Smithy, who are often named in other ballads, had three swords. H. 22:—<gai>

Bha trì cloidheamhnan Chlann na ceardach  
 Bu ro mhaith am féum ri gaisgeadh  
 'S b ainm do chloidheamhnan nan, Saoithean  
 Feadag is Faochadh, is Fasgadh.

<eng>Otherwise,<gai> 6. Fead; 7. Faoidh; 8. Fasdál:—6. <eng>Whistler; 7. Sleep, or Rest from pain; 8. Shelter.<gai> 9. Goll; <eng>and<gai> 10. Faolan, <eng>one of Fionn's sons, have no swords.<gai> 9. A Bhagarach, <eng>and<gai> 10. Mac-na-Ceardich, <eng>or<gai> A Chonnlann-Nichd-na-Ceardach, <eng>have no masters. Sword is masculine, Blade is feminine, so the names vary in different versions.<gai> 11. Dearg Mac Droighan <eng>is mentioned once in O., a very imperfect late version; he has no sword; and he does not seem to have anything to do with this adventure. One sword has three masters. Eleven swords are named and eleven men.<gai> Caoireal, <eng>Fionn's youngest son, is not named. He comes late in the story, and makes up the 12.

Here follows the fused version of the Smithy Song: the only bit of cooking that is to be in this work.<gai>

DUAN NA CEARDAICHE.

<eng>D. F. H. M. T. Z.<gai>

1  
LATHA dhuinn air luachair leothaid,  
Da cheathrar chròdha dh' aon bhuidhinn;  
Mi fhéin a 's Osgar a 's Daorghlas  
A 's Fionn féin, gum b 'e Mac Cumhail.

<eng>D. 2.<gai>

2  
Da cheathrar fhialaidh 's iad beul-dhearg,  
Da cheathrar bheul-dhearg 's iad altach;  
'Nam suidhe dhuinn air an tulaich,  
'S ann leinn 'bu chumha ar cuimhne.

<eng>D. F. H. O. M. Y. Z.<gai>

3  
Chunnaic sinn a' teachd 'nar comhdhail,  
Òlach mòr a 's e air aon chois;  
An culaidh dhuibh ghris-fhinn chraicinn,  
Le còtan lachdunn 's le ruadh bhrat.

Y. Le chochal (mhanhdal) dubh ciar-dhubh craicin  
Y. Le cheanna-bheairt lachdann 's i ruadh-mheirg.  
Y. Le i 'onnar lachduinn 's le ruaidh bheart. (bheire) D.

<eng>D. 4, H.<gai>

4  
Bha currachd mu cheann maol éitidh, (chlogad)  
B' i 'mhaol gheur a bha ro-ghruamach;  
Aon sùil mholach an clàr aodainn,  
'S e 'sìor dhèanadh air Mac Cumhail.

<eng>D. F. H. M. Y. Z.<gai>

5  
'S ann an sin a thubhairt Mac Cumhail,  
'N am duinne 'bhith 'dol seachad;  
Co 'm ball am bheil do thuineadh,

'Ille le d' chulaidh chraicinn?

<eng>H. 4.<gai>

6

Nior bheannaich an truth do sheachdnar  
Fhinn Mhic Cumhail O Almhuin;  
Dhuitse 's na comainean ceudna  
Fhuath ro-dhéisnich, éitidh, chealgaich.

[TD 66]

<eng>O. 4.<gai>

7

Lonn Mac Liomhuin gu b' e m' ainm,  
Ann tir Lochlain fhuair mi m' arach;  
Bu nearachd m', athair do 'n rugadh mise  
I 's mo dhithis bràithrean.

<eng>D. F. H. M. O. Y. Z.<gai>

7A

Lon Mac Liòbhann, b' e m' ainm ceart e,  
Na 'm biodh agaibhs' orm beachd sgeula;  
Bha mi treis ri uallach gobhann  
Aig righ Lochlainn anns an Spaoili.

<eng>D. F. H. M. Y. Z.<gai>

8

Thàinig mi g' ur cur fo gheasaibh,  
O 's luchd sibh 'tha 'm freasdal armaibh;  
Sibh a bhith 'gam' ruith 'nurn ochdnar  
Siar gu dorus mo cheardaich.

<eng>D. F. H. M. Y. Z.<gai>

9

Cia 'm ball am bheil do cheardach,  
A thruth am b' fheairde sinne' faicinn;  
Faiceadh sibhse i ma dh' fhaodar,-  
Ma dh' fhaodas mise cha-n fhaic sibh.

<eng>D. F. M. Y. Z.<gai>

10

Gun d' thug iad an sin 'nan siubhal  
Air Chòige Mhumha 'nan luath dhearg;  
'S air Ghleann an Buidhe mu bheithe  
Gun deach iad 'nan ceithir buidhuibh.

<eng>D. F. H. M. O. Y. Z.<gai>

11

Bu bhuidheann diubh sin an gobha,  
Bu bhuidheanu eile dhiubh Daorghlas;  
Bha Fionn 'nan deaghaimn 'san uair sin  
A 's beagan de dh' uaislean na Féinne.

<eng>D. M. O. Y. Z.<gai>

12

Thug e as mar ghaoith an earraich  
'Mach ri' beannaibh dubha 'n t-sléibhe;  
'S cha-n fhaiceadh thu ach air éigin  
Cearb d' a éideadh thar a mhàsan

<eng>D. F. H. M. O. Y Z.<gai>

13

Cha ghearradh an gobha ach aon leum  
Air gach gleannan faoin romh fhàsach:  
Air sliabh Buidhe mar bheithir,  
. . . . .

<eng>D. F. M. Y. Z.<gai>

14

A' tearnadh air alltan a' chuimir,  
A' dìreadh ri bealach nam faobhar;  
Chunnaic iad uatha foir fàire  
Ionad tàimh a ghobhann éitidh.

<eng>D. M. Y. Z.<gai>

15

Fosgladh beag gun d' thug an gobhainn;  
Na druid romhain arsa Daorghlas;  
Na fàg mi 'n dorus do cheardaich  
An àite teann as mi 'm aonar.

<eng>H.<gai>

15A

Chuir iad an lorg siar fai 'n teallach,  
Is teannachair do chorrann caorrainn;  
No ceathair uird a bha re freasdal,  
B' fharr no sud a fhreagradh Dorghlas.

<eng>D. F. M. Y. Z.<gai>

16

Fhuaras an sin builg ri shéideadh;  
Fhuaras air éigin a' cheardach;  
Fhuaras ceathrar ghoibhnean rìgh Meirbhe,  
De dhaoine doirbhe mi-dhealbhach.

<eng>D. F. M. Y. Z.<gai>

17

Bha seachd lamhan air gach gobha;  
Seachd teanchairean leothair aotrom;  
'S na seachd uird a bha 'gan spreigeadh;  
'S cha bu mheasa 'fhreageadh Daorghlas.

<eng>D. F. H. M. Y. Z.<gai>

18

Daorghlas fear gharadh na ceardaich!  
Bu ghoirt 's bu ghàbhaidh a throdan!  
'S bu deirge na gual an daraich,  
A shnuadh le toradh na h-oibre.

<eng>D. F. H. M. Y. Z.<gai>

19  
Lahhair fear de na goibhnibh  
Gu griomach agus gu gruamach;  
Co e 'm fear caol gun tioma  
'Shineas an teinne crudhach?

<eng>D. F. H. M. Y. Z.<gai>

20  
An sin fhreagair Fionn Mac Cumhail  
Mar 'bu chubaidh dhà 'san uair sin;  
'Cha bhi 'n t-ainm sin gun sgaoileadh,  
Bha Daorghlas air gus an uair so.'

<eng>D. F. M.<gai>

21  
Fhuaras an sin airm 'n an sìneadh,  
Na claidhmhean liòmharra daite;  
'S iad coimhlionta air an deanadh,  
De dh' armaibh dìreacha, gasda.

22  
Fhuair sinn an sin arn ochd claidhmhean  
De dh' armaibh dìreacha, daite;  
Tri chlaidhmhean eile 'nam fochair,  
Fead agus Faoidh agus Fasdal.

<eng>H.<gai>

23  
Tri chlaidhmhean chlann na ceardaich  
Bu ro mhaith am feum ri gaisge;  
'S gum bi 'n liòmharach lann Dhiarmaid,  
'S iomadh latha riamh a dhearbh i.

<eng>Y. Z.<gai>

24  
A chruaidh chosgarrach lann Osgair;  
An leadarnach mhòr lann Chaoilte;  
Mac an Luin aig Fionn Mac Cumhail,  
Nach fàg fuigheal de dh' fheoil dhaoine.

<eng>D. F. H. M. Y. Z.<gai>

25  
Agam fhéin bha gearr nan collann  
Bu mhòr farum an am truide  
. . . . .

<eng>F. 22.<gai>

26

'N sin 'nuair 'labhair an gobhainn  
'N déis am faghairt mar a dh' fhaod e;  
Cha bhi iad uile gu m' réir-sa,  
Gun am faghairt am feoil dhaoine

<eng>F. 23.<gai>

27

Chuir iad an sin croinn mu 'n timchioll,  
Co air an d' thigeadh a' chaol-spairn;  
Co air an d' thàinig an iomairt,  
Ach air Fionn, rìgh chlann Baoisgne.

<eng>F. 24.<gai>

28

Dh' imich Fionn dh' ionnsuidh an doruis,  
A 's e làn carruich mu 'n aobhar;  
'Se 'tharladh air a' dol seachad  
Ceum beag rathaid 's e ri smaointeach.

<eng>F. 25.<gai>

29

Lean e gus an do ràinig e dorus,  
Bhuaile e mar fhear ag iarraidh faoileachd;  
Fhreagair seana-bhean e 'bha caslaich;  
Gu glic, foistneach rinn i fhoighneachd.

<eng>F. 26.<gai>

30

Ciod na nithean 'tha thu sireadh;  
Na co as do theachd an taobh so?  
. . . . .

<eng>F. 27.<gai>

31

Fhreagair Fionn an sin gu fialaidh,  
Fios t' ainme b' àill leam fhaostainn?  
Ciod e do riaghailt air fuireach?  
Na do thuineachas an taobh so.

<eng>F. 28.<gai>

32

'Gur mise màthair a' ghobhann  
'Bu mhaith a thobhairt nam faobhar;  
'S bha mi ri còmhuidh 'san asdail  
Anns am bheil thu 'faicinn m'aodainn.

<eng>F. 29.<gai>

33

Tha do mhac ag iarraidh t' fhaicinn '  
Siar gu dorsaibh a' cheardaich  
. . . . .

<eng>F. 30.<gai>

34

'Tha seachd bliadhna o nach fhaca  
Mi mo mhac na duine de m' chairdean;  
Ach ma tha e 'gam' shireadh an ceart uair  
Théid mi g' a fhaicinn 'san am so.'

<eng>F. 31.<gai>

35

An sin 'nuair a ghluais Fionn 's a' chailleach,  
'Siar gu dorsaibh na ceardaich;  
Chuir e 'bhean a steach an toiseach,  
O 'n a bha dosgiadh an dàn dith.

[TD 67]

<eng>F. 32.<gai>

36

Sparr an gobha na h-airm dhaite  
Mach ceart troimh chorp a mhàthar;  
'N sin thuirt e ri Fionn-'A dhroch dhuine  
Thug orm dol am fuil nach b' àill leam!'

<eng>F. 33.<gai>

37

Thuirt e ri Fionn-'Sin di chloidheamh,  
'S dèan a thasgaidh anns an sgàbard;'  
Thuirt Fionn, 'nuair a ghlac e 'n chloidheamh,  
Gun robh car ann 's an robh fàillinn.

<eng>F. 34.<gai>

38

Dh' iarr an gobhainn ri fhaicinn  
Ciod an car a bh' ann nach b' àill leis;  
B' aithreach le Fionn a thoirt seachad,  
'S dh' iarr e 'n lann air ais gun dàil air.

<eng>F. 35.<gai>

39

Sparr e 'n claidheamh anns a' ghobhainn,  
'S rinn e 'fhaghart mar a b' àill leis.  
. . . . .

<eng>F. 36. H. Y. Z.<gai>

40

Gun do ghabh sinn an sin mu shiubhal  
'Ghabhail sgeula de righ Lochlainn;  
Gun do labhair an righ uasal  
Le neart suarraicheas mar bu chubhaidh.

<eng>F. M. Y. Z.<gai>

41

'Cha d' thugamaid air bhurn eagal  
Sgeula do sheisear dh' 'ur buidhinn;  
Gun do thog sinne na sleaghan;  
'S gum b' ann ri aghaidh nam bratach.

<eng>F. M. Y. Z.<gai>

42

Bha iadsan ann 'nan seachd cathan,  
'S cha do smaointich flath air teacheadh;  
Ach air làr na Foide Fineadh  
Cha robh sinne ann ach seisear.

<eng>F. M. Y. Z.<gai>

43

Bu dithis diubh sin mis' agus Caoilte,  
Bu triuir diubh sin Faolan fial;  
Bu cheathrar dhiubh Fionn air thoiseach;  
'S bu chaignear dhiubh 'n t-Oscar calma.

<eng>F. H. M. Y. Z.<gai>

44

Bu sheisear dhiubh Goll Mac Morna,  
Nach d' fhulaing tàir ri m' chuimhne;  
Ach sguiridh mi nis d' an àireamh,  
O-n chaidh an Fhéinn gu sod oirnn.

<eng>D. 22.<gai>

45

O nach mairionn dèagh Mhac Cumhail,  
Cas shiubhail nam mòr-cheum doireach;  
'Bhith air làn an duirn de 'n aran  
A' tarruing nan gallanan uisge.

<eng>D. F. M. Y. Z.<gai>

46

Bu mhaith mi latha na teann-ruith  
Ann an ceardaich Loin Mhic Liomhann;  
A nochd ged as anmhan mo threoir  
Déis an sgeoil so 'bhith ga innseadh.

<eng>Various Readings.

D. 3. Lines 2, 3.<gai>

2 Le Mhantal duth ciar dhuth Craiccin  
3 Le Ionnar Lachdin 's le ruadh-bheirc

<eng>D. 4.<gai>

1 Le Chloggaid mu Chean maol Èitidh.  
4 Togadar air Nairm ri fhaicsinn

<eng>O. 1. Lines 1, 2, 3, 4.<gai>

Chunncas tighinn o 'n Mhuna  
Fear fada dubh 's e air aon chois  
Le mhantul ciar dubh cricinn  
'S apran de 'n eudach chianta.

<eng>D. 4.<gai>

Le chlogaid mu cheann maol eitidh  
A mhaol gheur a 's ise gruamach  
Linn duinn a' bhith faicinn an òglaich  
Togadar ar 'n airm ri fhaicsinn.

<eng>H. 3.<gai>

1 Bha currachd ma chon-mhaoil chéiste.  
3 'S 'nuair bha sinn mu chomhair a chéile  
4 Thogadar ar 'n airm le fuathas

<eng>D. 5. Lines 3, 4.<gai>

Co 'n Tir ann aon bi do Bhunnadh,  
Na Fhìr ud a Chuthail Chraicein?

<eng>H. 5. Lines 3, 4.<gai>

Co an tir am bheil do mhuthinn,  
Fhìr ud tha fui' 'n chuthall gruamach?

<eng>D. 6. Lines 3, 4.<gai>

Gur mishe an Tolla Gotha  
A bhaig Riogh Lochlan San Bheirbhe

<eng>H. 6. Lines 3, 4.<gai>

Gu bheil am umhall Gomha  
Aig Rìgh Lochlan anns a' Mheirathair.

<eng>D. 18.<gai>

4 Fead a 's Faodh agus Fasgadh

<eng>D. 19.<gai>

1 A bhagarach 's Mac Ceardich  
2 Bha Chosgarach mhor aig Diarmid.

<eng>D. 20.<gai>

1 Mac an Loin b i Lann Mhic Cuthail  
3 Aig Oscar bhithidh an Euchdrìgh  
4 'S gum bi Chreichdich lann chruaidh Chaoilte

<eng>D. 21.<gai>

1 Agam fein bha Gearr nan Calluin.

<eng>H. 20.<gai>

1 Be Mac an Loin lann Mhic Cuthall

3 Gu b 'e 'n Drioghleannach lann Oscair  
'S bi Chruaidh chosgarrach lann Chaoilte

<eng>H. 21.<gai>

1 Gu b' i 'n Lainheannach lann Dhiarmaid  
3 A-gam fein bha gean nan callunn.

<eng>H. 22.<gai>

1 Bha tri chloidheamhan chlann na ceardach  
4 Feadag is Faochadh, is Fasgadh.

<eng>F. 20.<gai>

1 Fead agus Faoidh agus Fasdail  
2 'Sa Chomhlann nichd na Ceardach  
3 'S an lann fhada ghlas bh' aig Diarmaid

<eng>F. 21.<gai>

1 A-gam san bha geur nan calg  
3 Machd an Luin a bhaig machd Cuthaill.

<eng>H. HOW THEY GOT VICTORIOUS ARMS  
FROM A SMITH WHO INCHANTED BY THE KING OF DENMARK.

Kennedy's 1st Collection, page 27. 92 lines. Advocates' Library, Nov. 30, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—Dublin, December 9, 1871.—Not known to Hennessy as preserved in old Irish writings.

THE ARGUMENT.

FINGAL was one day walking on the face of a hill, named <gai>Luachair-leodhaid<eng> (that is, on the side of a mountain all covered with rushes; all things was named poetically by them) and seven persons along with him, viz.: Ossian, Oscar, Diarmaid, Dorghlas, &c. They saw one person coming to them on ne leg and curriously cloathed. They knew that it was for some mischief he was coming to them, for kings at that time had enchanted persons for their diversion and use, he enchanted them to follow him to the door of his smidy in hopes that he would overwhelm them to death; they followed him with all haste thro' mountains, vallies, and all rough and desert places, there was none of them near him, but Dorghlas who was called Caoilte since that day; he keeps him always in sight, and overtook him at his smidy; the rest came then one by one, they would not return home without reward for their trouble, they got their eight swords and eight spears that would get victory over any brutal force.<gai>

M. 5. CEARDACH MHIC LUIN. <eng>104 lines.

This version is fused with the rest. It is quoted from Gillies for comparison.—J. F. C.<gai>

1  
LA dhuinn air Luachar Leobhar

Do chearar chrogha do 'n bhuighinn  
Mi fein, (1) is Oscar (2) is Daorghlas  
Bha Fionn fein ann, is b'e Mac-Cumhail.

- (1) Ossian.
- (2) Diarmad.

[TD 68]

2

Chunncas tighinn o' n mhaigh  
An toglach mor is e air aòn chois  
Le chochal dubh, ciar-dubh craicion,  
Le cheann-bheirt lachdainn is i ruadh-mheirg.

3

Bu ghranda coslas an òglaich,  
Bu ghranda sin agus bu duaicnidh,  
Le chlogaid ceann-mhor cèutach,  
Mar mhaol eidi' dh'fhàs duaicail.

4

Labhair ris Fionn Mac-Cumhail,  
Mar dhuine bhiodh dol seachad;  
Cia i an tir am bheil do thuini'  
Ghiulla le do chulai' chraicion.

5

Lun Mac-Liobhain, 's e m' ainm ceart,  
Na 'm biodh agaibhse beachd sgeul orm,  
'S gu 'm bithinn re obair Gobhainn  
Aig Ri Lochlainnann an Spaoili'.

6

Thainig mi gur cuir so gheasaibh  
O 's luchd sibh tha freasdal armaibh,  
Sibh gu mo leantain buighinn shocair,  
Siar gu dorsaibh mo Cheardaich.

7

Ciod am ball am bheil do Cheardach?  
Na 'm fearda sinne, g'a faicsin?  
Faiceadh sibhse sin, ma dh' fhaodas,  
Ach ma dh' fhaodas mise, cha 'n fhaicsibh.

8

Sin n'ar chuaidh iad nan siubhal,  
Mar chuige mugha na luimedheirg  
Air sliabh buidhe mar bheithir  
Gu 'n robh sinn' nar ceathrar buighnibh.

9

Bu bhuighinn dhiubh sin an Gebhainn  
'S bu bhuighinn eile dhiubh Daorghlas,  
Bha Fionn 'nar deidh san uair sin  
Is beagan do dh'uaislibh na Fèine.

10

Cha deanadh an Gobhain ach aon-cheum,  
Thair gach gleannan faoin 'n robh fàsach  
Cha ruigeadh oirne ach air eigin,  
Cearb d'ar n' aodach shuas ar masaibh.

11

Tearna gu urlar a choire  
Dire re bealach na saothair;  
Fosa beag ort, ars' an Gobhain,  
Druidse romham arsa Daorghlas.

12

'S na fàg mi 'n dorsaibh do Cheardaich  
Ann aite tean is mi 'm aonar.

. . . . .

13

Fhuaras ann sin builg g'an seide  
Fhuaras air eigin ceardach  
Fhuaras ceathrar Goibhnibh re meirbhidh  
Do dhaoine dairbhe mi dhealbhach.

14

Gu 'n do labhair fear do na Goibhnibh  
Gu grimeach agus ga gruamach  
Co e am fear caol gun timeadh,  
A shineadh mach tinne Cruadhach.

15

Dubhairt Fionn fear fuasgla' na ceiste,  
(An lamh nach tagamh 'san fhiadhach)  
Cha bhi 'n t ainm sin sgaoilte,  
Bha Daorghlas air gus an uair so.

16

Bha seachd lamhan air a Ghobhin  
Agus seachd teanchair leobhar aotrom,  
Na seachd ùird a bha gà spreige,  
'S cha bu meas a fhreagra Caoilte.

17

Caoilte fear fhaire na Ceardaich,  
Sgeul deirbhte gu 'n troid e  
Gu 'm bu deirge na 'n gual daraich  
A shnuadh, a toradh na h-oibre.

18

Fhuaras ann sin na 'n sine,  
Do armaibh dìreach daite  
'S an coliana air an deanaibh  
Do dh'armaibh sìnte na faiche.

19

Fead, agus Faoi' agus Fasdál,  
Is a Chonnlann nic na Ceardaich,  
'S an lann fhad' a bh'aig Diarmad  
'S ioma' la riamh a dhearbh i.

20

Agam fein a bha Deire na 'n colag,

Bu mhor farum a truide  
'S Mac-an-Lùin a bh'aig Mac-Cumhail,  
Nach d' fhag fuigheal do fheoil dhaoine.

21

Gu 'n do ghabh sinne ma shiubhal,  
Ghabhail sgeula do Rì Lochlan;  
Sin n'ar labhair an Rì uasal,  
Le neart suairc mar bu chuma.

22

Cha tugamaid air bhur eagal  
Sgeul do sheisir do'r buighinn  
Gu na thog sinn na sleaghan  
'S gu 'm b'ann re aghaidh na 'm bratach.

23

Bha iadsan ann na 'n seachd cathan,  
Cha do smuainich flath re teiche  
Ach air lar na foide fineadh,  
Cha robh sinne ann ach seisir.

24

Bu dithis diubh sin mis; agus Caoilte  
'S bu triuir dhiubh Faolan feall,  
Bu cheathrar dhiubh Fionn air thoiseach,  
'S bu chuigear dhiubh an t-Oscar calma.

25

B' e sheisir Goll Mac-Mòrna,  
Nach d' fhuiling tàir re m' chùine  
Togaibh mi tuile dheth 'n àireamh,  
O chuaidh 'n Fheinn gu sodra'.

26

Bu mhath mi la na teann-ruith  
Ann am Ceardaich Lònaich Liubhain.  
An nochd 's anmhan mo chàil  
An dèis a bhi 'g rìreamh na buighne.

A MHUILEIRTEACH. D. F. M. O. &.

<eng>THIS personage is described in ballads as a woman, having one terrible eye swift as a mackerel, shaggy hair, black blue complexion, and teeth encumbered with splinters of bone. According to some versions, an eagle, or a griffin with claws like a tree was on her head. So at least I read the words. She was an ally of the Norsemen. She came from the sea, and fought all the Feinne, who made a battle ring of their seven battalions before they slew her. Perhaps she represents one of Odin's corse choosers. I have the following versions:—D. 9. 84 lines. F. 9. 36 lines. J. 2. 87 lines. M. 6. 120 lines. O. 16. 105 lines. S. 1. 97 lines. Y. 2. 225 lines. Z. 3. 30 lines = 687 lines. All these were orally collected between 1750 and 1872, between Dunkeld and the Islands. I print five versions. My own version, orally collected before 1862, by Mr. Hector Mac Lean, will be found in Vol. III. In translating, I will make the best I can of the whole. I tried to fuse these versions, but could not do it to my satisfaction.<gai>

D. 9. DUAN A MHUILEARTICH.

<eng>Mac Nicol's Collection. 84 lines. Ossianic Ballad, copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 1, 1872.<gai>

1  
LA do 'n Fhein air Tullich toir,  
Re abhrac Erin man Tiomchil;  
Chunnairc iad air Bharribh Thonn,  
An Tarrachd eitidh aotail crom,

2  
She b' ainm do 'n Dfhuath nach ro fann,  
Am Muilleartich maoil ruaigh mathionn muantich  
Bha Haodin du-ghlas air Dhreich guail,  
Bha Deud carbadich claoin-ruaigh.

3  
Bha aoin shuil gholggich na ceann,  
'S bu luaigh i na riunich Maoirinn;  
Bha greann ghlas duth air a ceann,  
Mar dhroch Coill chrinich fo air Chritheann.

4  
Ri abharc nan Fian bu bhor Goil,  
T shauntich a bhiast teachd bhi nan Innis;  
Mhairbh i le Habhichd Ciad Laoich,  
Sa Gaira mor na gairbh Chraois.

5  
Cait a bheil Fir as fearr na shud,  
An Diugh ad Fhein a Mhich Cubhail;  
Chuirinse shud air do Laibh,  
A Mhuileartich Mhathion mhaoil chammafach.

6  
Air sca Luchd chumail nan Conn,  
Na bi oirne gad mhaoithidh;  
Gheibh u Cubhigh as gaibh shith,  
Huir Mac Cubhil an tard Riogh.

7  
Gad' gheibhinse Brigh Erin uille,  
A Hor 'sa Hairgid sa Hiunbhis;  
Bearr leom u Chosgairt mo T-shleigh,  
Oscair a Raoine, sa Chaorrail.

[TD 69]

8  
An T-shleigh shin ris a bheil u fas,  
San aice ha do dhian-bhas;  
Caillidh tu Dos a Chinn chrin,  
Re deo Mhac Ossain a dhearraigh.

9  
Busa dhuit ord crothidh nan clach,  
A chaigna fod 'l Fhiaclan  
Na cobhrig nan Fian fuillich.

10

'N shin nar dherich Fraoch na Beist,  
Dherich Fionn Flath na Feinigh;  
Dherich Oscar Flath nan Fearr,  
Dherich Oscar agus Iullin.

11

Dherich Ciar-dhuth Mac bramh,  
Dherich Goll mor agus Connan;  
Dherich na Laoich nach bu tiom,  
Laoich Mhic Cubhail nan arm grinn.

12

Agus rein iad Cro-coig-cath,  
Mun Arrichd eitidh san Ghleann;  
A chearthir Laoich a b' fhearr san Fhein,  
Choibhrigidh i iad gu leir,  
Agus fhrithilidh I iad ma sheach,  
Mar Ghath Rinne na Lasrich.

13

Hachir Mac Cubhail an aigh,  
Agus a Bhiast Laibh air Laibh;  
Bha Druchd air Barribh a Lainne,  
Bha laibh a Cholla ri Guin bualidh.

14

Bha Braoin ga Fhuil air na Fraochibh,  
Thuit am Muileartich leis an Righ;  
Ach ma thuit cha b' ann gun strith,  
Deichin cha duair e mar shin.

15

O La Ceardich Loin Mhic Liobhain,  
Ghluais an Gothidh leis a Bhrigh;  
Gu Teich Othar an ard Riogh,  
'S bu sgeuligh le gotha nan cuan,  
Gun do bharraigh am Muileartich maithion maol ruagh.

16

Mar dechidh e an Tailibh tolc,  
Na mar do bhathigh am muir do bhain Long,  
Cait 'an ro Dhaone air bith,  
Na bharraigh am Muileartich mathionn.

17

Cha ne bharbh i ach an Fhian,  
Buighin leis nach gabhir Giabh;  
'S nach deid Fua na arrachd as,  
Fon T sluaigh aluin Fhalt-bhui-iompaidh.

18

Bheir mise Briathar a rist,  
Ma bharbhigh am Muileartich min;  
Nach fhag mise aoin na Ghleann,  
Tom, Innis na Eillain.

19

Bheir mi breapadich air muir,

Agus cnagadich air Tir;  
Agus ni mi croran Colli (crocoian)  
Ga tarruing hugamasa Taithichean (Treibhichean).

20

S mor an Luchd do Loingeas ban,  
Erin uille do Thog bhail  
'S nach dechidh do Loingeas riabh air sail,  
Na thoga Coigibh do dh' Erin.

21

Mile agus Caogid Long,  
Sin Caibhlich an Righ gu trom  
A dol gu Crichibh Erin  
Air hi na Feinigh nan taragh (fanagh).

F. 9. CHAILLEACH 'THAINIG GU TULAICH FHOIRR.

<eng>Fletcher's Collection, page 75. 36 lines. Advocates' Library.  
January 17, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—March 21, 1872. Wars of the Gaedhel with the Gaill. Todd, 1867. xcv  
Introduction; page 41, Text. Examples of female adventurers taking  
command of a fleet are not uncommon in Scandinavian history. The ships of  
the russet damsel, 'Inghin Ruaidh,' and the ships of 'Oduind' appear  
amongst the names of Sea Rovers in the Danish invasions of Munster,  
together with the name of Carl Otter, the black, who was slain in  
Scotland by Constantine III., A.D. 916.

In this version the poetry is partly written as if it were prose.<gai>

Là ga 'n rabh Fionn na shuidhe air Tulaich Fhoirr 's an Fheinn uile ma  
thiomchioll, chunnacadar a' teachd ar barr nan tonn, Cailleach eidigh,  
leothar, chrom, aig teachd a dhubhairt comhraig orra.

1

AIR bhith do Fhionn air tulaich Fhoirr,  
'G amharc Eirinn mu thimchioll,  
Air faicinn dha teachd air bharr thonn,  
Earrachd eidigh, fheall, chrom.

2

Bu mhòr a h-ionnud 's a fàs,  
Bu luath cuid siubhail ri h-aois.  
Bha cuarain iarruinn mu dà mhàs,  
Bha fiaclan siar seach a craos;

3

Bha claidhe meirgeach air a crios,  
Ri àm feirge bu gharbh greis,  
Bha da shleagh iarruinn air an taobh eile  
Do 'n fhua' chul-liath Chailliche.

4

Bha car ga ionain mu chaol a duirn,  
Bha car ga caothair mu chaol-druim;  
Bha h-aodan du-ghlas air dhreach guail,  
Bha deud charabadach chrann ruadh,

5

Bha aon suil gholach na ceann,  
'S bu luaith i na rionnach maoire,  
Bha greann-ghlas orra' mar bhi  
Na mar choill chrionaich air crith,

6

Air faicsinn dhi an Fhiann mu dheas,  
Chuca ghabh a bhiast nan innis.  
'N sin thubhairt a Chailleach ruitha,

7

Thainig mis' dhuabairt còmhraig;  
Air Fionn mac Cuthail 's air Goull, mac-Morne,  
Is air mac Luthaich bu gharg gair  
Air Caoirreal agus air Baoisge.

8

Thainig a Chailleach oirrnn n' ar n' àireamh,  
Is rinn i oirrnn cion gun chomain,  
Mharbha leatha ceud laoch,  
'S bha gaire na garbh chraos.

M. 6. DUAN A MHUIREARTUICH, NO MHUILEARTUICH. <eng>120 lines.<gai>

1

LATHA d' an Fheinn air tulaich shoir  
Ag amharc Eirinn mu 'n timchioll  
Chunnairc iad ag teachd air fonn  
An t-arracht eitidh creathoil crom.

2

'S e b' ainm d' an fhuath nach robh tiom  
Am Muireartach maol ruadh Muingeann  
Bha eadan du-ghlas air dhreach guail  
Bha deud a charbuid claon ruadh.

3

Bha aon suil ghlogach na cheann  
'S bu luaithe e na rionnach maodhair  
Bha greann ghlas-dubh air a cheann  
Mar choille chrionuich fo chrith-reo.

4

Re faic'inn na Feinne bu mhor goil  
Shantuich a bheist a bhith nan innis

5

An tosach mireadh agus àir  
Rinneadh leis gean gun chomain,  
Mharbh e le abhachd ceud laoch  
'S a ghaire na gharbh chraos.

6

O loch nan Cuach thainig mi  
Gu teith diomasach deadh dhian,  
Geill as gach aon fhear sa chath  
Gur e dh' iar am fuath gu comhrag.

7

Fear is fear ma chomhrag cheud  
Chuireadh an rìgh dh' fhios na beist,  
'S mar ruitheadh a mhuir-chlach muigh  
Mharbhadh am Muireartach Muingeann,

8

C'ait am bheil fir a 's fear na sud;  
'S e labhair am Muireartach Muingeann,  
San tìr san tainig mi chugaibh,  
Mhic Cumhail, gu grain nan oilein.

9

Chuirinn-se sud air do laimh  
A Mhuileartuich Mhuingeann chlaoin chaim,  
Air scath luchd chumail nan cón  
Na bith oirne ga d' mhaoitheadh.

[TD 70]

10

Gheibh thu cumhadh 's gabh sith,  
Thuirt Mac Cumhaill an t-ard rìgh,  
Deich ceud ubhall d' an òr ghlan  
'S tog dh'inn a chulanuichnan coin.

11

Ge d' gheabhuinn-se brìgh Eirinn uile  
A h or a h airgiod 's ah ionmhas  
B' fhearr leam fo chosgairt mò shleagh  
Oscar, is Raoine, is Cairioll.

12

Labhair laoch nach d' fhuiling tair  
Mac Mornai d'am b' ainm Conan,  
Caillidh tu dos a chinn chrin  
Re deagh Mhac Oissain d' fhoir rìgh.

13

B' asadh dhuit ord crothadh nan cloch  
A chagnadh fo d' dheudaich  
Na comhrug nam Fiann fuileach  
Air nach do bhuadhaich aon duine.

14

Dh'eir'ich Fionn flath na Feinne,  
Nuair chunnairc e colg na beiste  
Dh'eir'ich Oissain flath nam fear  
Dh'eir'ich Oscar agus Iulunn.

15

Dh'eir'ich Ceothach nan arm nuadh  
Dh'eir'ich sud is Raoine ruadh

16

Dh'eir'ich Ciar-dhubh Mac Brabh  
Dh'eir'ich Art Mac Morain nam Mionn.  
Dh'eir'ich diais a b' aluin dreach  
Cuchuluinn is Faolan neo mheas.

17

Dh'eir'ich na laoich nach bu tiom  
Laoich Mhic Cumhaill nan arm grinn  
Rinn iad cro chum a chatha mhoir  
Mu 'n arracht air faiche nan scleo.

18

A cheathrar laoch a b' fhearr san fheinn  
Chomhruigeadh e iad gu leir  
Is fhrithealadh o iad mu'd seach  
Mar ghath rainne na lasrach.

19

Thachair Mac Cumhaill an aigh  
Is a bheiste laimh air laimh;  
Bha taobh a cholla re guin bualuidh,  
Bha braon d' a fhuil air na fraochuibh.

20

Thuit am Muileartach leis an righ,  
Ach ma thuit cha b' ann gun stri  
Deuchainn cha d' fhuair e mar sin  
O la ceardaich Lóin Mhic Libhainn.

21

Dh'fhalbh an Gobhain leis a bhrigh  
Gu teach athar an aird righ;  
Rinneadh beud, deir Gobhain nan cuan,  
Mharbhadh am Muireartach ruadh.

22

A righ Beatha dhuit is nair  
Ar saruchadh le luchd aon oilein.

23

Mur do loisg teine, mur do bhath tonn,  
Mur do shluig muir leathann lom,  
Cha robh do dhaoinibh air domhain  
Na Mharbhadh am Muileartach Muingeann.

24

Cha b'e mharbh e ach an Fhiann  
Buidheann leis nach gabhtadh fiamh;  
Cha d' theid fuath na airrachtas  
O 'n t-sluagh aluin fhalt-bhuidhe chas.

25

Bheir mise briathar a ris  
Ma mharbhadh am Muileartach min  
Nach tog mi do Eirinn aigh  
Tom, innis, no oilein;

26

Nach tog mi an corruibh mo long  
Eirinn chorranta cho-throm

27

Cuiream breabanuich air muir  
Ga togbhair as a tonn-bhalla,

Crocain chroma re tir  
Ga tarruing as a taibhe.

28

Is mor an luach do loingis bhain  
Eirinn uile a dh' aon laimh  
'S nach deachaidh loingear air sal  
A thogadh cuige do dh' Eirinn.

29

Chuir e fios gu flathaibh Fail  
Am Muireartach fhaotain da slan  
No barra brigh Eirinn uile  
Eadar mhac righ is aon duine.

30

Gabh mo chomhairle, 's in choir  
Labhair Mac Cumhail mhic Trein-mhoir,  
Is fearr or cruinte nan clach  
Na comhrag nam Fiann fuileach.

O. 16. AM MUIREARTACH.

<eng>Dr. Irvine's MS., page 93. 105 lines. Copied by Malcolm Macphail.  
Edinburgh, March 29, 1872.

Fragments of the ballad which is current in 1871, with lines from other  
ballads introduced near the end, where the whole is much broken.<gai>

1

LA dhuinn air tulaich Soire (Soiruidh),  
Ag amharc Eirin uile mar tiomchioll;  
Chunncas tighinn air bharraibh thonn,  
Arc ailid agus Iall chrom.

2

Is e b' ainm do 'n uamhanach ghlan,  
Am Muireartach Maol ruagh Mhaighe (mhara)  
Bha a h-eudainn du' ghlas air dreach guail,  
'S a deud charbad garbh ruagh.

3

Aon suil ghlogach na ceann,  
Na bu luaidhe na sionnacha maighe (rannach) (mara)  
Agus greann liath-glas troimh a ceann;  
Mar choille chrionaich fo chrith-reoth (do chrithionn).

4

Air faicsinn nam Fiann fo geasamh (ma coinneamh),  
Tigeadh a bheisd do 'n Innis;  
'Se steud mile gan tionndadh,

5

Mharbh i le gean gun choman,  
Deich ceud laoch,  
Agus a gaire na garbh chraos,

6

Co iad na laoich a b' fharr na sud,

O 'n ti o 'n d' thainig mi;  
A thug sibhse air saile,  
Air sgath Chonalaich nan con (Choniallaich),

7

Oirne na bitheadh gach maoithe (Mhaoidhe),

8

Bannsa air barraibh mo shleagh,  
Oscar is Raoini is Caoirrall;

9

Deir an laoch nach d' fhulang tair,  
Mac Morna do 'm b' ainm Conan.  
Fagaidh tu dos a chinn chrine,  
Re Mac Oisein iarraidh;

10

Triath as gach naonar 'sa' mhagh,  
Gur e dh' iarr a bheisd gu comhrag;  
Comhrag de luchd comhrag ceud,  
Chuir sinne a dh' ionnsuidh na beisd.

11

Bha bheisd gam frith lannadh seachd,  
Mar fhiodh chonna air lassadh (Iolum).

12

Gun tharla Mac Cuthail an aigh,  
Agus a' bheisd laimh air laimh;  
Earlunn cha 'n fhacas air sir,  
O Cheardach Loin Mhic Liomhuin.

13

Cha bu dona Ioghuir an aigh,  
Rinn cobhair air an laoch ann ruadh;  
Oisean le 'n deargar na gil,  
Oscar arm ruadh agus Iolunn.

14

Ach thuit a bheisd leis an righ,  
Ma thuit cha b' ann gan chis (stri);  
Gun deach an Gabhainn leis a bhrigh,  
Gu teach Gobha an ard righ

15

A dh' innseadh gu 'n do mharbhadh a Mhuireartach (mhin).

16

Mar do shluig talamh toll,  
No Muir leathan lom;  
Cha robh air an talamh sa a shluagh,  
Na mharbha' a' Mhuireartach ruadh.

17

Cha ni rinn e ach am Fionn (an Fheinn),  
An dream leis an cuirte gach geill;  
'S ann duitsa ta a naire a righ,  
Do chis chatha bhi aig luchd oilean (elan).

[TD 71]

18

Ma mharbhadh a Mhuireartach mhin,  
Bheir mise briathar dhi;  
Nach fag mi ann an Eirin clach,  
Ald, no amhainn no fireach,

19

Gun an toghail air bharraibh mo long,  
An corpa cothromach co trom,

20

Gun tugainn breabanaich air Muir,  
Gun togail as an tighibh;

21

Corr is nao mile long,  
Thug righ Lochlain leis;  
Chum foid na h-Eirin a ghabhail,

22

Dh' ionnsuidh bas na h-Eirin uile  
Edar righ agus ro dhuine.

23

Teachdaireachd gu Flath Fail,  
Chuir Fionn flath an t-sluaigh;  
Gabh cumha is dean coir,

24

Is gheibh thu deich ceud bratach chaol datha,  
Deich ceud ealtainn chaol chatha,  
Deich ceud lan chu thar chonnaibh.  
Deich ceud con iall lan trom,

25

Deich ceud cu coilair eille (eile).  
Bheireadh Fionn flath na Feinne,  
Gabh cumha is dean coir;  
Agus gheibh thu deich unga de 'n òr dhearg.

26

Ged fhaigheadh e gach seud bhuagha,  
A bh' ann Eirin uile;  
Cha phill se a long,  
Gus am bi Eirin aig air aon rugha (rutha).

27

Fearus filidh toscar righ,  
Fear a labhradh gu iular mìn,  
Labhair e gu fìor ghlic, sar ghlic,  
Ris an righ bu neo-bhrathail;

28

Ge b' e beag leat tha 'n Fheinn ann,  
Bheir thu do theann leum air ais,  
Do d' luing ghlais,  
Air no fuilingeadh tu t-aimhleas.

An laimh do fhraoich is d' fheirge.

29

Ille 's breugach do bheul,  
Trian na bheil an so do shluagh,  
Cha robh agaibhse riamh an Eirin;  
Dhuinne bu mhairg dol nan dail,  
Agus dhoibhse bu mhairg teachd thugainn.

30

Ba iomadh muinial gu maoladh,  
Agus corp g' an trom aomadh;  
O thus greine gu comh fheasgar,  
O laimh treuna an Oscair (lamha).

31

Bha lamh an Oscair an tiugh an t-sluaigh,  
Agus leigeadh leis cuig ceud fear sleagh gach uair.  
Ach gu 'n thuit air dhith 'n t-sluaigh,  
Aon righ air meud ionmhas.

32

An sin do chuir sinn an ruaig  
Mar chliath chatha ri 'n sailtibh bha sinn;  
Nar cleath chatha g' an ioman,  
Air pilltinn duinn air ais,  
Air leinn gu 'm bu cruaidh an coltas;  
Rinn corran nan sleagh,  
Na tolta troi chom an Oscair.  
Neo-iomlan.

<eng>From John Stewart, tenant, Bohaly, aged 86. November 1, 1808.<gai>

&. MUILEARTACH. <eng>30 lines.

Written by Mac Phail from the recitation of Norman Murray Habost Ness Lewis. 1866. This fragment is curiously altered.<gai>

1

LA do 'n Fhiann air tullach Oirm,  
'G amharc Eirinn mu 'n timhchioll;  
Chuala iad gaoraich air mhuir lom,  
Chunnacas mar mhuc air bharr thonn.

2

'S b' ainm dha an Fhuath nach gann,  
Am Muileartach maol ruadh moirean;  
Bha h-aodan air dhreach a ghuail,  
Deud Charbad cho ruadh.

3

An aon suil ghollach bha na ceann,  
Bu luaithe i na riomach moime;  
'S am falt liath bh' air a ceann,  
Mar choille-chrion-chribhean.

4

Ach mar do shluig talamh toll i,  
No mar do bhàth muir sleamhainn lom i;

Cha d' thainig chum an -tsoaghail a riamh,  
Lion a mharbadh a Muileartach.

5

Thuit arsa Gobha nan cuan,  
Mur eil am Muileartach maol ruadh moireann;  
Clach cha 'n fhag mi dh' Eirinn ud thall,  
Ann alt no 'm fireach no' n amhain.

6

Togaidh mi an coire mo luinge Eirinn,  
Chomhanta-cho-throm;  
'S chluinntear bragadaich muir,  
Ga tarring as a tathan.

7

'S mor an cualach de luingeas bàn,  
A thogadh an cuigleadh de dh' Eirinn:  
Cuig fichead 'us mile long

8

A thog an righ 's gur achd-throm.  
Gu càs Eirinn a chur fo smal,  
'S righ na Feinne na fenadh.

<eng>MANUS, &c. D. G. H. I. M. O. &.

THE demand for Fionn's Wife, and for his magic cup, and for his arms, and mythical hounds, led to the slaying of the mythical people above-mentioned:—The Musician, and the Witch, and Roc, and the seven-armed Smith his brother, and the Smith's mother; and the King's foster-mother, the 'Muirearteach.' The Smith of Ocean, whoever he may have been, tells 'Manus,' and the King himself in person leads a great fleet to avenge his 'Muime' and conquer Ireland, and the Celtic Heroes. Ballads about 'Manus' were universally quoted as 'the originals' of 'Fingal' from 1762 till Mac Pherson's 'originals' appeared in 1807. Collectors in all parts of Scotland wrote versions of the Lay of Manus; and many of these still exist, as they were gathered by the Highland Society, about 1800. All versions known tell the same story, which is not Mac Pherson's.

'The Battle of Ventry,' A. 19, proves that ballads about battles fought on the coast of Ireland, between foreign invaders and Celtic Heroes, were current in Lismore in 1512. In 1739, Pope got C. 4. 'The Battle of Gabhra,' in Sutherland, which belongs to the series. About 1755, Mac Nicol, minister of Lismore, got D. 11, 12, 13, 14. About the same time, Fletcher, in Achalladar, got F. 12, and other bits of the story in Argyll. About 1762, Mac Diarmaid wrote G. 2. in the Central Highlands. About 1774, Kennedy got H. 12, 15, and I. 4, 6, &c., about the coasts of Argyllshire. In 1780, Hill got J. 3, at Dalmally, from a blacksmith, and printed what he got. Before 1784, Mac Arthur got K. 1, 2, 3, in Mull; and Dr. Young, an Irishman, got in Scotland, L. 5, &c., which he printed. In 1786, Gillies, of Perth, printed M. 7, 8. In 1789, Miss Brooke printed N. 3, which is an Irish version of the ballad of 'Manus.' About 1801, Dr. Irvine, of Little Dunkeld, wrote O. 9, 14. In 1805, the Highland Society quoted the ballad in their report. R. About the same time they got a transcript which is marked '16, Poems of Ossian, collected by Io Mac Donald in the western parishes of Strathnaver, Ross, and Inverness-shire, Sept. and Oct. 1805;' S. 1., 400 lines; S. 7., &c. In 1813, Mac Callum printed V. 8, 9. In 1862, I printed part of the story. Y. 2., orally

collected in Uist, and Y. 11, part of the sequel. I then had in MS. Z, 18, 22, 23, 26, 40, 63, 71. Seven fragments of the poetry. I have lots of scraps besides.

In 1871, the Policeman at Tیره sang me the Lay of 'Manus.' John Cameron, at Castlebay, in Barra, sang 41 verses, 164 lines, almost as in Gillies, omitting one verse. September 26, Angus Mac Donald, in South Uist, sang me his version, in which was this verse:

<gai>'Sin a labhair Fionn  
Onair agus buaidh  
Bheir mi air fear theid sios  
Le sgeual a nuas o 'n t-shluagh.'<eng>

The place for this verse is after the 11th in D., and the 8th in G., the 10th in H., I., and the 7th in M., O. The place of it is vacant in all the versions which I had gathered from 1750 downwards; and the gap was filled by a clever old fellow who cannot read a word.

[TD 72]

In June, 1872, I got a copy of S. 1, and there found an equivalent verse.

This seems to me conclusive. This ballad has pervaded Ireland and Scotland for more than a hundred years, it has been orally preserved ever since it became a ballad. Mac Pherson got hold of it. It is worked into the English Fingal, but there is none of it in the Gaelic Fingal. Few ballads in any language have such a pedigree. But, on the other hand, I never heard a reciter repeat any part of Fingal as it was distributed gratis, in Gaelic, in 1818. Nor can I find a single verse of it in any ballad, from A. to Z. In 1805, Dr. Donald Smith picked more than 800 lines out of Manus and other ballads, which he arranged and printed above passages selected from Mac Pherson's English of 1762. In 1807, 'The Originals of Ossian's Poems' were published. In 1872, I print many of the very ballads out of which Dr. Donald Smith picked lines, in order that Gaelic scholars may judge for themselves.

In 1805, Mac Donald and his authority, Alexander Mac Rae, North Erradale, P. of Gerloch, aged 80; had recited and written in order:—1. The Muireartach. 2. Manus. 3. The Banners. 4. Fionn's Banner. 5. Fionn's Tribute. 6. The Battle of Beinn Eidin. All these exist separately. I had arranged them in this order, long before Mac Donald's manuscript was discovered by Mac Phail, in a heap of papers, in a drawer at the Advocates' Library, in 1872.

The story is, therefore, metrical popular history, orally preserved, which believers in Mac Pherson's Ossian condemned as spurious, and cast aside. The chronology needs explanation. If any Scandinavian Monarch invaded Ireland in the 3rd century, the dates agree. If the Monarch meant be 'Magnus Barelegs,' who was slain in attacking Ulster, 1103, then popular bards or Irish historians err. Cormac's army of the 3rd century conquer Manus about 900 years after their date, and Oisein, one of them, goes back 670 years, to tell the story to St. Patrick.

In order that scholars may read, I print:—D. 10, dated 1755, with notes from G., dated about 1762; which versions are alike. D. 12. The Banners. A similar passage from A., 1512, follows, in the place which seems to belong to the ballad in which it occurs. It also occurs in S. 1. I print H., the first of Kennedy's copies, with I., all that he added in his

second copy. J., got from a Smith at Dalmally, can be read in the Gentleman's Magazine, 1782-1783. K. is in the first number of the Transactions of the Royal Irish Academy. M. 7. I reprint from Gillies, as the first printed Scotch version, 1786. N. is the first and only printed Irish version. The book is easily got at, and I want room. I print O. with references to M., to show, that a book, printed at Perth, had not affected oral recitations at Dunkeld, after 14 years, and to show that Mac Pherson's Gaelic Fingal was then unknown in his own district, a few years before it was printed. I do not print Mac Callum's version, 1816, V. A short fragment marked &. 8., illustrates the present fragmentary preservation of ballads even in districts where their recital has been forbidden. In it the Dialogue between Padruig and Oisein survives. I do not print my own collection. To print all existing versions of Manus is more than I can undertake single handed. As Mr. Kennedy says:

'Observe the Poems.'  
<gai>

G. 2. ORAN A CHLEIRICH,  
<eng>OR THE DESCRIPTION OF A BATTLE BETWEEN THE FIANDS AND THE DANES.  
1872. 168 lines.

G. 2, copied from a manuscript wrote in the year 1762, by Eobhan Mac Diarmad, possessed in 1872 by John Shaw, meal-miller, at Kenlochrainneach. Copied by John Dewar, June 11, 1872. Collated with Mac Nicol's version, and all notable variations entered in italics.<gai>

D. 10. OSSHAIN AGUS AN CLEIRICH. 1755.

<eng>188 lines.

Mac Nicol's Collection. Copied by Donald Mac Pherson. Advocates' Library, May 3, 1872. These two had some common written ancestor, as I believe, from their accordance.

G. 1.-<gai>OSSHAIN.

1  
A Chlerich a chanfas na Saim,  
Air liom féin gur borb do Chial,  
Nach eist hu Tamuil re sgeil  
Air an Fhein nach fhachd hu riamh.

<eng>G. 2.-<gai>CLEIRICH.

2  
Air mo Chumhasa Mhic Fhoin  
Ga bein leat bhi teachd air Thein,  
Fuaim na 'n Saim ar feadh mo Bheoil  
Gur he siud bu cheoil damh Fein.

<eng>G. 3.-<gai>OSSHAIN.

3  
Na bi tu Coimheadadh do Shalm  
Re Fianachd Erin nan Arm nochd,  
A Chlerich, gur làn olc lium  
Nach sgarain do Chean red Chorp.

<eng>G. 4.—<gai>CLEIRICH.

4

Sin faoid Chomrichsa, a Fhir mhoir  
Laoidh do bheòil gur binn leum fein,  
Fagamaid suas Altair Thein.  
Bu bhinn liom bhi teachd air Thein.

(G.) Togbhar leatsa Seallan ann.

<eng>G. 5.—<gai>OSSHAIN.

5

Na mbidhin thu, Chlerich chaoimh,  
Air an traidh ha siar fa dheas,  
Aig Eass libhrich nan' Shruth sheamh  
Air an Fhein bu mhòr do Mheas.

<eng>G. 6.<gai>

6

Beannachd air Anam an Laoich  
Bu ghairbhe Fraoch ans gach Greish,  
Fean mac Cumhail, Cean nan Sloigh  
O san air a laointe 'n Teass

(G.) Ard rìgh Laghan

<eng>G. 7.<gai>

7

La dhuinne fiaghach na 'n Dearg,  
'S nach derich an Tealg nar Car,  
Gu facas deich Mile Bàrc  
Air an Tràidh a teachd air Lear.

(G.) i'omairt n'an ramh on o'ir.

8.

8

Sheasabh sinn uil air an Leirg,  
Thionnail an Fhein as gach Taoibh;  
Seachd catha-urcharie gu prop,  
Gur e dhiadh mu mhachd Nin Taoig.

9.

9

Thanic an Cabhlach gu Tir  
Greadhin nach bn bhin hair leinn  
Bu lionmhor ann Pubul Sroil  
Ga thoighbail leo os an Cean.

10.

10

Hogiad an Coishri on Choill  
'S chuir iad orra an Airm ghaidh  
'S an air Gualin gach Fhir mhoir  
Is thog iad orra on Traibh.

<eng>G. 8.<gai>

11

Labhair Mac Cumhail ri Fhein;

An fhidir shibh fein co na sloigh,  
Nan nd fisruigh sibh co Bhuidhin bhorb  
Bheir an Deannal cruaidh san Strachd.

<eng>G. 9.<gai>

12  
Sin nuair thuirt Connan a ris;  
Co bail leat, a Righ, bhi ann?  
Co shaoleadh tu Fhinn nan Cath  
Bhiodh ann ach flath na righ?

<eng>G. 10.<gai>

13  
Co gheomid an air Fhéin,  
Rechidh a ghabhail sgeul don sluadh,  
'S a bheiridh hugain e gun chleth,  
'S gu beireadh e breith is buaidh?

<eng>G. 11.<gai>

14  
Sin nuair huirt Conan a ris:  
Co bail leat, a riogh, dhul ann;  
Ach Fearghus fior ghlic do Mhachd,  
O she chleachd bhi dul nan Ceann?

<eng>G. 12.<gai>

15  
Beir a Mhallachd, a Chonain mhaoil,  
Huirt an Fearghus bu chaoin Cruth,  
Racharsa ghabhail an Sgeil  
Don Fhein 's cho bann air do Ghuth.

<eng>G. 13.<gai>

16  
Ghluais an Fearghus armail og  
Air an rod an Coinneamh nan 'm fhear  
'S dh fisrich e le Comhradh foil;  
Co na Sloigh so hig air Lear?

[TD 73]

<eng>G. 14.<gai>

17  
Manus fuileach, feasich, fial,  
Mac Riogh Beatha nan Sgia dearg,  
Ard Riogh Lochlan, Ceann nan Cliar,  
Giolla bu mhor Fiabh as Fearg.

(G.) A Mhean Crioich.

18  
Ciod a ghluas a Bhuin bhorb,  
O Rioghachd Lochlan nan Colg seann  
Mar han a mheadacha air Thian  
A hanig air Triath thair Lear?

<eng>G. 15.-Various.<gai>

Cia ass a ghabhadar a bhuidhin bhorb  
Gas ridh Rìgh Lochlin na 'n Colg-sean,  
A dhiaridh commun na 'm Fian  
Ma chian ris an Traidh fa near?

<eng>G. 16.<gai>

19  
Air do laimhse, Fheargheas fhoile,  
As an Fhein ga mòr do Shuim;  
Cha ghabh sinn Cumha gun Bhran  
Agus a bhean a hoirt o Fhean

<eng>G. 17.<gai>

20  
Bheiridh an Fhein Comhrag cruaidh  
Do d' shluadh ma 'm fuighe tu Bran  
Is bheiridh Feau Comhrag tréun  
Dhuit fein, ma 'm fuighe thu Bhean.

<eng>G. 18.<gai>

21  
Hanig Fearghus mo Bhrair fein  
'S bu chosmhuil ri Grein a Chruth  
'S dhisidh e Sgeile go foil  
Ga b' osgaradh mor a Ghuth.

<eng>G. 19.<gai>

22  
Mac Rìogh Lochlan sud faoi 'n Triath,  
Go de 'n fa dhomh bhi ga chleth?  
Cha ghabh e gun Chomhrac dlu  
Na do Bhean 's do Chu faoi bhreth.

<eng>G. 20.<gai>

23  
Choidhe cha tugamse mo Bhean  
Do dh' aon neach a ta fuidh 'n Ghréin  
'S cha mho mheir mi Bran gu brath  
Gus an teid am Bas 'n a Bheil.

<eng>G. 21.<gai>

24  
Labhair Mac Cumhail ri Goll  
'S mor an Glonn duin bi nar tosd  
Nach tugamid Comhrac borb  
Do Rìogh Lochlann nan Sciadh breachd.

25  
Seachd Altramain Lochain lain (1)  
'S e labhair Goll gun fhas Cheilg  
'S air libhse gur moran Sluaidh

Bheir mi 'm Brigh 's am buaidh gu léir.

26

'S e huirt an Tosgar bu mhor Prios.  
Diongamsa Riogh Inse Torc  
'S Cinn a dha Clomhirlich dheug  
Leig faoi m' choimhir fein an coisg.

<eng>G. 22.<gai>

27

Iarla Muthuin <eng>(Munster)<gai> 's mor a ghlonn  
'S e, huirt Dianamaid donn gun Ghuin.  
Coisge mise sud dar Féin  
No Tuitim fein air a shon.

<eng>G. 23.<gai>

28

Gur e ghabh Mi fein fos Laimh  
Gad tha mi gun chail a nochd  
Riogh Termin na 'n Comhrag teann  
'S go sgarain a Cheann re Chorp.

<eng>G. 24.<gai>

29

Beribh Bearmachd 's bumibh Buaidh  
Thuir Mac Cumhail na 'n Gruaidh dearg,  
Manus mac Gharra na 'n Sloigh  
Diongaidh mise ge mor Fhearg.

<eng>G. 25.<gai>

30

Noiche sin duinne gn Lo  
Bainmig lein a bhi gun Cheoil  
Fleagh gu fairsing, fion is Céir  
So bheidh aig an Fhein ga òl.

<eng>G. 26.<gai>

31

Chuneas mu 'n do 's car an Lo  
A gabhail Doighansa Ghuir  
Meirg Riogh Lochlin an Aigh  
Ga hogail on Traidh nan nuchd.

<eng>G. 27.<gai>

32

Chuir sinn Deo-ghreine ri Cran  
Brattach Fhein bu gharg a Treish  
Lomlan do Chlochaibh Oir  
A guinne bu mhor a Meas.

<eng>G. 28.<gai>

33

Iommad Cloimh Dorn chron oir

Iommad srol ga chur ri crann  
An cath mhic Cumhail Fean na 'n fleadh  
Bu lionfar Sleadh o sair Ceann.

<eng>G. 29.<gai>

34  
Iommad Colan iomad Triach,  
Iommad Skia as Lurich dharamh  
Iomad Draoiseach as Mac Riogh  
'S cha raibh fear riamh dhiu gun Arm.

<eng>G. 30.<gai>

35  
Iommad Cloigid maiseach Cruaidh  
Iommad Tuadh is iommad Gath  
'N iath Riogh Lochlan na 'm pìos  
Bu lionfar mac Riogh is Flath.

<eng>G. 31.<gai>

Rinneadar an uirnigh theann  
Bu cosmhaluch re grian na 'n ord  
Cath fuileach an da Riogh  
Gu ma ghuinneach brigh an Colg.

<eng>G. 32.<gai>

36  
Rinneader an 'Nuirnidh chruaidh  
'S bhrisseadear air Buaidh na 'n Gall,  
Chrom sinn ar Cean an sa Chath;  
Is rein gach Flath mar a gheall.

<eng>G. 33.<gai>

37  
Thachair mac Cumhail na 'n Cuach  
Agus Mànus na 'n Ruag aidh,  
Re Cheil' ann an Tiugh (Tuitem) an Stluaigh  
Chlerich nach ba chruaidh an càs.

38  
Go 'm be sud an Turleim tean,  
Mar Dheann a bheridh da Ord,  
Cath fuileachdach an da Riogh  
Go 'm bu ghuineach briogh an colg.

<eng>G. 34.<gai>

39  
Air Brisseadh do sge an Dearg  
Air eridh dhoibh Fearg as Fraoch  
Theilg iad am Buil air an Lar  
'S hug iad Spairn an da Laoich.

<eng>G. 35.<gai>

40

Cath fuileach an da Riogh  
'S an leinne bu chian an Closs  
Bha Clachan agus Talamh trom  
A mosgladh faoi Bhonn an Coss.

<eng>G. 36.<gai>

41  
Leagar Riogh Lochlan gan (an) adh  
Am fianuish Chaich air an Raoch  
'S airsan ged nach bhonair Riogh  
Chuireadh Ceangal nan tri Chaol.

<eng>G. 37.<gai>

42  
Sin nuair huirt Connan maoil,  
Mac Mornadh bha riabh ri Holc,  
Cumar rium Manus nan Lan  
'S go scairrin an Ceann re Chorp.

<eng>G. 38.<gai>

43  
Bha neil agam Cairdeas (na caomh) G.  
Riutsa Chonnain mhaoil gun Fhaalt  
O 'n harla mi 'n Grasan Fhein  
'S ansa leam na bi fu 'd smachd.

<eng>G. 39.<gai>

44  
O harla thu 'm Ghrasabh fein  
Cha 'n iommair mi Beud air Flath  
Fuasgeath mi husa o 'm Fhein  
A Lamh Fhreun gu cur mor Chath.

(1) <eng>Probably the Baltic, which never ebbs.—Mac Nicol.<gai>

[TD 74]

<eng>G. 40.<gai>

45  
'S gheibh thu do Raoghin a ris  
Nuair a treid thu do 'd Thir fein  
Cairdeas is Comunn do ghna  
No do Lamh a chuir faoi 'm Fhein.

<eng>G. 41.<gai>

46  
Cha chuir mi mo Lamh faoi 'd Fhein  
'N cian a mhairtheas Cail am Chorp  
Aon Bhuille Taoighe Fhein  
'S aithreach Leinn no reinneas ort.

<eng>G. 42.<gai>

47

Mi fein agus Mathair is Goll  
Triuir bo mho glonn san Fhein  
Ged tha sinn gun Draosich no Colg  
Ach easteachd ri Hord Cleir.

D. 12. CUBHA FHINN DO RIGH LOCHLIN.

<eng>Mac Nicol's Collection. 43 lines. Ossianic Ballad. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 1, 1872.<gai>

1

DEICH ciad cuilain deich ciad Cu,  
Deich ciad slaibhrìdh air Milchu;  
Deich ciad sealtuin chaoil chatha (sleigh)  
Deich ciad Brat min Datha

2

Deich ceud Gearaltich cruaidh dearg, (Each)  
Deich ceud nobul don or Dhearg,  
Deich ceud maighdin le da Ghun,  
Deich ceid mantul don shid ur,

3

Deich ceid sonn a dherigh leat  
Deich ceid shrian oir agus airgid.

RIGH LOCHLIN.

4

Gad a gheibhidh Rìogh Lochlin shud,  
'S na bha Mhaoin 's do T sheidin an Eirin;  
Cha fhillidh e T-shluaigh air ais,  
Gus 'm bigh Erin uille air Earras.

5

Suil gun dug Rìgh Lochlin uaidh.

<eng>THE FLAGS.<gai>

1 Chunnairc e Brattich a tin a mach agus Gille  
Gaiste air a Ceann air a lasa do Dh'òr Eirinich  
2 Dibhuille Duibhne dualich,  
'Ni sud Brattieh Mhic Trein-bhuaghich;

DIBHUILLE.

3 Cha ni sud ach an Liath-luid-neach,  
Brattach Dhiarmaid O Duibhne,  
'S nar bhigh an Fhian uil' a mach,  
'Shi an Liath-luid-nich bu toisich.  
4 Suil gan dug Rìgh Loch, &c.

DIBHUILLE.

5 Cha ni sud ach au aoinchasach ruaidh  
Brattach Chaoilte nan mor T-shluaidh

Brattach leis an sgoiltear Cinn  
'S le an doirtir Fuil gu aoibranibh.  
6 Suil, &c.

DIBHUILLE.

7 Cha ni sud ach an Scuab ghabhidh  
Bratach Oscair Chro-laidir,  
'Snar a ruighte Cath nan cliar,  
Cha biach fhiarich ach Scuab-ghabhidh.  
8 Suil, &c.

DIBHUILLE.

9 Cha ni sud ach a Bhriachil Bhreochil  
Brattach a Ghuil mhoir mhic Morni,  
Nach dug Troigh riabh air a hais,  
Gus an do chrithan an Tailibh trom ghlass.  
10 Suil, &c.

DIBHUILLE.

11 'S misa dhuitsa na bheil ann,  
Ha Ghile ghreine an sud a tighin  
As naoigh slaibhrinin aist' a shios,  
Don or Bhuidh gun Dal sgiabh. (Dail)

12 Agus nao nao lan-ghaisgeach  
Fo chean a huille slaibhrigh  
A togairt air feo do T-shluagh thibh

13 Mar Chliabh-tragha gu Traigh  
Bigh gair chatha gad iummain.

<eng>H. 12. HOW MANUS, THE KING OF DENMARK,  
CAME TO TAKE AWAY FINGAL'S WIFE BY FORCE.

284 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 11. Advocates' Library, November 28, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

Dublin, December 9, 1871.—Known to everybody in Ireland, but no copy  
older than the 18th century known to Hennessy.—J. F. C.

THE ARGUMENT.

OSSIAN one day began to tell Peter how Manus, the King of Denmark, came  
to Ireland to make war on Fingal, unless he would get his dog and wife.

The Heroes have seen one day a navy coming from the north towards their  
shore, and when the navy came to harbour, they send Fergus to ask what  
news, and from what country they came from. They told him that they came  
from Denmark for Fingal's wife and dog, or if he would not deliver that  
willingly, that they would take them by force. When Fingal heard the  
news, he prepared for them the next day, then they drew up their army on  
both sides. Fingal and Manus said that they would try combat themselves  
first, and they ordered their men not to go near them, and whoever would  
be Conqueror that he would get his desire, and the army on both sides

would be spectators. Fingal defeated Manus, and bound him hand and foot. Then he repented that he came at all, and promised with an oath that he would never come to war against him any more. Fingal upon these conditions loosed him, and went away for his own country, but on his way going home, his men said that suppose Fingal was stronger than he, that they were stronger than Fingal's men, and if he would allow them to return back and give a battle, that they would surely gain the victory, to which he consented. Then Fingal asked of Manus, when he came to him the second time, thus,--

'Dost thou remember valiant Manus,  
Last day thy promising oath to all us?'  
'Most mighty Fingal, that I do,  
It's left upon the mountain dew.'

Then the battle began with swords unsheathed in hand very smart, till not one was left of Manus's host alive, except any person that asked pardon, or fled and hid himself in a solitary place. But Peter Mac Alpin said to Ossian that he had not much regard for his Histories and Poems (at present), besides the Psalms of David. When Ossian heard that, he said that if he would compare his Psalms again to Fingal's melodious poems, that he would separate his head from off his body.

Observe the Poem.<gai>

DAN 2.

1  
A CHLEIRICH a chanas na sailm.  
Air leam fein gu'r baoth do chiall;  
Nach eiste tu tamull sgéul,  
Air an Fhéinn nach cual thu riamh.

2  
'Air do chubhi 'sa Mhic Fhinn,  
Ge binn leat teachd air an Fheinn;  
Fuaim nan sailm air feadh mo bheóil,  
Gu 'r e sin is ceól leam féin.'

3  
C' oni bi tu coi-meas do shalmaibh,  
Re Fionn gaidheal nan arm noicht;  
A Chleirich ge lán oil leam,  
Gun sgaram do cheann o d' chorp.

4  
Fuidh d' chomric tha' eams fhir mhóir,  
Laoidh do bheóil is binn leam fein;  
'S ma 'n alla chualas air Fionn,  
Gur binn bhí teachd air an Fheinn.

5  
Na 'm biodh tusa Chleirich cháich,  
Againn air an traidh mu dheas;  
Aig Eas loitheann nan sruth séimh,  
Air ann Fheinn bu mhór do mheas.

M. 2.

6

Beannachd air anam an laoich,  
Bu gharq fraoch ri dol 's gach greis;  
Ard Rìgh Lochlan ceann an t sloigh,  
'S an air a shlointear an t-Eas.

[TD 75]

7

'Se sin fein an t-Eas so shiar,  
Eas mu 'n deanamh an Fhiann Seilg;  
Eas eibhain a b' aille srath,  
Bu lionmhor ann loin is deirg.

M. 3.

8

Latha dhuinne fiadhach san leirg,  
Cha d' thainig an t seilg n ar car;  
Chunnacamar na h iomadibh lóng,  
Seoladh gús an traidh o near.

M. 5.

9

Thainig an cablach gu tir,  
Buidheann nach bu mhidhur lein;  
'S bu lionmhor sar phubul shróil,  
Ga thogail dhoibh os an ceann.

10

Dh' fhiosraich Mac Cuthail d' a Fhinn,  
'An d' fhidir sibh an cabhlaich árd;  
No cia 's Ceannard air no sloigh,  
Do ni 'n total mor is traidh.'

11

'Se fhreagair e Conan maol,  
Mac Mornna bu chaoil gnìomh;  
Co shaolas tu Fhinn nan cath,  
Do bhi sud ach Flath no Rìgh.

12

'Dh' fhiosraich a rìs Flath nan cuach,  
Do mhaithidh sluagh Innse-fáil;  
Co rachadh a ghabhail diu sgéul,  
O 'n Fhinn bu mhaith buaidh is ágh.'

13

'Se fhreagar e Conan maol,  
A Rìgh co shaoleas tu dhol an;  
Ach Fearadhas fir ghlic do mhac,  
Oir 's 'e chleachd bhi dol nan ceann.'

14

'Mallachd dhuitsa Choinain mhaoil,  
Do ra Fearadhas bu chaoin cruth;  
Reacheamsa dh' fhaighail dhiu sgéul,  
O 'n Fheinn 's cho nan air do ghuth.'

15

'Dean thusa sin Fhearadhais fhéil.  
Reach a dh' fhaghail sgéul o 'n t sluagh;  
'S cho fhad is bhitheas tu beó,  
Gu fuigheadh tu moran duais.'

16

'Dh' imich Fearadhais armach óg,  
'S an rod an có-dhail na 'm fear;  
'S dh' fhiosraich é na comhra' fóill,  
Co na sloigh thainig air lear?'

17

'Tha Manus orra na Thriath,  
Mac Righ Meaghich nan sgia' dearg;  
Ard Righ Lochlan ceann nan cliar,  
Gille is ro' mhor fia is fearg.

18

'Ciod e ghluais a bhuidheann bhorb,  
O ard rioghachd Lochlan nan colbh sean;  
Ma sann a mheadachadh air Feinn,  
'S e beatha bhur tréun thair lear.'

19

'Gur e ghluais a bhuidheann bhorb,  
O ard rioghachd Lochlan nan arm bras;  
Gu d' ugamaid a bhean o Fhionn,  
Da ain-deoin leinn agus Bran.'

20

'Air a laimhsa Mhanuis mhóir,  
As do shloigh cia mor do mhuirn;  
Cia mhead sa thainig leat thair tuinn (lear),  
Cho tabhair sibh Bran thair tuinn.'

21

'Do bheir an Fhiann cómhrag cruaidh,  
Do 'd shluagh mam fuigheadh tu Bran;  
'S bheir Fionn cath tulchuisseach dlú,  
Dhuit fein ma 'm fuigh thu a bhean.'

22

'Air a laimhsa Fhearadhais fhéil,  
As an Fheinn cia mor do ghreann;  
Cho ghabh mi cumha gu 'n Bhran,  
Gun a bhean no cómhrag teann.'

23

'N sin phill Fearadhas mo bhrathair fein,  
'S bu chosmhuil re grein a chruth;  
B' fhoisneach a dh' innseadh é 'n sgéul,  
Ge b' osgarra tréun a ghuth.

24

'Se ard Righ Lochlan a tha 's tráidh,  
Ciod é 'm fáth dhuinn bhi d' a chleith;  
Gun chómhrag díbhragach dlú,  
Air ghea' do bhean 's do chú fai bhreith.

25

Do dh' fhan Fionn fada na thosd,  
'S bha moran sbrochd air an Fheinn;  
Oir bu phéin ro' dhoilich leó,  
Am brosnadh mor a rinn an tréun.

26

Cha tabhair mise mo bhean,  
Do dh' aon fhear a tha fui 'n ghréin,  
'S cho mho liubhream Bran le' m dheóin,  
'N fhea' sa bhios an deó am chré.

27

'Is labhair e rís re Goll,  
'S mor an trom dhuinn bhi nar tosd;  
Gu 'n chómhragh díbhragach tréun,  
A thabhairt dhoibh sud fein a noc.'

28

Bha freagradh aig Oscar dh' a,  
'S cho bu nár dh' a teachd gu prop;  
Leigeadh dhoibh codal gu lá,  
Is bio' sa máireach air an corp.

29

'S do labhair Oscar a rís,  
Dionamsa Rìgh innse torc;  
'S ceann an da chomhairlaich dhéug,  
Cuiream iad gu léir o 'n corp.

30

'Seachd Iarlacha Locha luan, (I. Maighreachan)  
'Se thuirt Momad mor gu 'n cheilg;  
Iadsan fein ge mor an cruas,  
Coisgidh mis' am buaidh san leirg.'

31

'Iarla Muthann is mor glonn, (I. oighre chumainn)  
Do rá Diarmaid conn gu 'n oth 'n;  
Coisgeamsa cia mór an t-eachd,  
No tuiteam fein air a shon.'

32

'Truir mas Innse torc 's mor cith,  
Do rá Caoilte nimh nan leirg;  
Iadsan cia mor feum is treóir,  
Ni mi 'n lot 'san león le feirg.'

33

'Seachd oighreacha' ghleann nam fuath,  
Do rá Fearaghuin luath gu león;  
Cnuasaichidh mi 'n corp le 'm airm,  
Gus an traoigh an gairg 's an treóir.'

34

'Seachd Mic Maitheannis borb feirg, (I. 33. Nathais nan ros g borb)  
Do rá Garabh bu tréun lamh;  
Cuireamsa gu bas iad fein,  
No tuiteam fein air a bhlár.'

35

'Seachd oighribh na Beirathair bhán, (I. 34. Maighre)  
Do rá Faoghlan bán gun ghó:  
Coisgeamsa cia mor 's cia tréun,  
No tuiteam fein air an lón.'

36

'Seachd Mic Luthaich O Rois ruaidh (I. 35. On lir uaine)  
Do rá Caoireall bu cruaidh gharg;  
Coisgeamsa cia mor an teachd,  
No tuiteam fein leó air ball.'

37

Da Mhac Mhanuis ceann an t-sluaigh, (I. 36. Braithrean)  
Do rá Feardhas buadhach gráidh;  
'Coisgeamsa cia mór an gruaim,  
'S dheanadh gníomh cruidh sa bhlár.'

38

'S ann an sin a dubhras fein,  
Ge ta mi mar tha mi noc;  
Rìgh Garabh nan cómhrag teann, (I. 37. Scairbhe)  
Gu sgareamsa cheann a chorp.'

39

'Mile beannachd dhuibh is buaidh,  
Do rá Mac Cuthaill nan ruag áigh,  
Manus mu 'n tional na sluaigh,  
Coisgidh mise bhuidh sa bháir.'

40

Air bhi dhuinn mar sin gu lá,  
Cho bu ghná' leinn bhi gu 'n cheól,  
Fion is fochlas, feóil is céir,  
A bhiodh aig an Fhéinn mar nós.

41

Air madain an dara mháireach;  
Ghluais iad a dh' fhagail ar puirt;  
'S meirgeach Rìgh Lochlan an áigh,  
Da thog' ail o thraidh 'n ar uchd.

[TD 76]

42

Leig iad an gadhair fui 'n choill,  
'S cheangail iad orra 'n airm áigh;  
Eallach guaille gach fir mhóir,  
Thogadar leó fein o'n traidh.

43

B' iomeadach ann clogaid cruaidh,  
B' iomeadach ann tua' chum sgath;  
'N cuideadh Rìgh Lochlan gu fìor,  
'S cho raibh aon neach ann gun ghath.

44

B' iomead cloidheamh 's b' iomead sgia',

B' iomead Triath le luireach gharg;  
B' iomead craosach air Mic Righ,  
'S cha raibh aon neach dhiu gu 'n arm.

45

Thionail iad an ear san iar,  
An sin an Fhiann as gach taobh;  
Seachd Cathain na h iorgaill gu prop, (I. 44. cnoc)  
Thionail sin mu mhac inghean aoigh. (Taig)

46

B' iomead cloidheamh an ceann bheairt óir,  
B' iomead sról da chuir re creann;  
Aig fuileachdaich Fhinn nam fleagh,  
'S iomead sleagh bha os ar ceann.

47

Thog sinn Gill ghreine re creann,  
Bratach, Fhinn, bu gharg 's gach greis;  
'S i lán do chlochaibh do 'n ór,  
A Phádraig nach bu mhór a meas.

48

Chuir sinn a mach dh' fhulang d' oghrainn, (I. 47. dorainn)  
Bratach Fhearadhais óigh mo bhrathair  
'S thog sinn a mach bratach Chaoilte,  
'N Lia' luidagach b' aoibhneach dealradh.

49

Thogadh suas mo bhratach fein,  
A shoillse mar a ghrein an dúibhre;  
'S thog sinn a mach an Lia luidagach, (I. 48. luimineach)  
Bratach Dhiarmaid óig o duimhne.

50

Thog sin a' mach bratach Fhaoghlain,  
Ghuill is Oscair aobhaich amhlaich;  
Agus bratach gach ard cheannard  
Bh' ann 's na Cathanaibh san uair sin.

51

'N sin thional Fionn Eirann gu tráidh, (I. 51. Fionn)  
Thoirt coinneamh do chlanna gall,  
Air toirt dhuinn ar cinn gu cath,  
Deanamh gach flath mar a gheall.

52

Do thachair Manus nam buadh,  
'S dea' Mhac Cuthaill nan ruag áig;  
Ra chéile 'n toiseach an t-sluaigh,  
A Phádraig nach bu chruaidh an cás.

53

Thilgeadar uathe 'n airm áidh,  
Chuaidh iad gu spáirneachd laoich;  
Gu cómhrag dibhragach teann,  
'S fathram an lann air an raon.

<eng>I. 53. (various.)<gai>

Shuidh sinn an sin an da shluagh,  
Air ar n' uilinn shuas sa ghleann;  
'Sann leinne bu mhor an gníomh,  
Na 'm fuigheadh Manus di air Fionn.

54

Shuidh sinn an sin an da shluagh,  
Air uileann mu thuath a chnuic:  
'S air leam fein gu bu mhór ar modh,  
Cho deach aon laoch dhinn dá 'n cluich.

55

Thug iad an sin deannal cruaidh,  
Mar nach d' ugas riamh re 'm linn;  
Coi meas dhoibh a near no niar,  
Cho 'n fhacas riamh ag fianntidh Fhinn. (I. 54. Fiannachd)

56

Clochán agus talamh trom,  
Charaicheadh iad le spoirneach chos;  
A charachd siar is a niar,  
O! Phádraig nach bu chian gu 'n chlos.

57

Do leag Mac Cuthail uam buadh,  
Manus nan ruag air an raon;  
'S air leim fein nach b' onoir Rígh,  
Chuir Fionn ceangal nan trí chaol.

58

'Labhair an sin Conan maol,  
Mac Mornna bha riamh re h olc;  
Gluais siar O Mhanus nan lann,  
'S gu sgaream a cheann o chorp.'

59

'Cho 'n eil cáirdeas dhamh no gaol,  
Riutsa Choinain mhaoil gu 'n chéil;  
Tharlladh mi fui' ghraisaibh Fhinn,  
'S céud fearr leam no bhi fui' d' mhéin.'

60

'S mu tharladh tu fui' m ghrásaibh féin,  
Cho d' rinn mi riamh béud air flath;  
Gheibh thu do chomas dhuit féin,  
A lámh thréin a chuir mór chath.'

61

'S do dha roghain dhuit a rís,  
No dal da thigh do d' thir féin;  
Combanas, comman is grádh,  
No do lámh a thoirt do 'n Fheinn.'

62

'An fheadh sa bhios mise beó,  
No bhios an deó ann am chorp;  
Cho toir mi buille t adhaidh Fhinn,  
'S aithreach leam na rinneas ort.'

63

Dh' imich iad an sin a dholbh,  
Do rioghachd Lochlan nan colbh sean, (I. 62. O riogh-'chd Eireann)  
A eagmhuis bean 's a choin, (Fhinn)  
Gu 'n bhuill thoirt le 'n loinn do neach.

64

Bha iad fui' aimheal ro mhór,  
Air an t sligh dol d' an teach;  
Nach do' fhéuch iad a chuis air chóir,  
'S gu biod fios ac co bu treis.

65

Se sin a dubhairt na sloigh,  
A bhris le mór ghó an reachd;  
Ge do bhuaidhaich ortsa Fionn,  
Gheibh sinne buai' air arm gu beachd.

66

Chuir iad iompaid air an Righ,  
Gu pilleadh a rís air ais;  
An dochas gu fuigheadh iad buaidh,  
Air an t-sluagh bu chruaidhe 'n cath.

67

Phill iad an sin dh' ionnsuidh Fhinn,  
'S thuirt e re Manus gu' n ghruamaich;  
'C' áit am bheil do mhionnan mór,'  
'Fagas le gó fa' r an d' fhuaras.'

68

'N sin fhreagair e an laoch borb,  
Air am bitheadh colg 's gach ghreis;  
Dh' fhagas e air dhruic an fheóir,  
Air an raon mhór ud mu dheas.

69

Thug sin an sin deannal cruaidh,  
Da chéile gu buailteach cas;  
Gus 'n do bhuaidhaich sinn gu cuanna,  
Air sluagh Mhanuis uaibhreach bhras.

70

Mach o fhear a ghabh a shith,  
No rinn a dhidinn gu géur;  
Da chuideachd Righ Lochlan gu fíor,  
Che deachaidh duine d'a thir fein.

71

Bheireamsa briathair gu fíor,  
Do 'n fhíor Chríosduidh fhuair a chéusa  
Gu bu mhaith a chuir sa fhuaradh,  
An latha sin sluagh na Feinne.

<eng>I. 4. THE INVATION OF MAGNUS. 296 lines.

A POEM.

Kennedy's 2nd Collection, page 10. Advocates' Library, April 4, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE—A few various readings are printed in the margin of version H. in italics. Verses which are not in H. are printed below.

THE ARGUMENT.

MAGNUS, King of Denmark, sailed for Ireland with a strong fleet in order to deforce Fingal of his wife and famous dog (called Bran). At their arrival Fergus one of their most ancient Bards was sent by his Father Fingal to ask their design in their hostile appearance, and if for peace, to invite them to his Hall. Upon enquiry Fergus was told of their view which he communicated to Fingal. Upon the day following Fingal drew up his army and marched towards the shore in order to engage the Danes. Both armies met and Fingal and Magnus agreed to decide

[TD 77]

the cause in a single combat, wherein Magnus was defeated and bound hand and feet upon the spot. Magnus was set at liberty upon giving oath that he would give no further trouble to Fingal for a year and a day. Magnus sails off for Denmark, and is upon his way persuaded by his army to return back and engage the Fingalians, observing to him that tho' Fingal was stronger than him that they by superiority would overturn Fingal's troops. After they landed and pitched their tents Fingal sent out a scout who spoke to them after this manner:—

<gai>C'ait am bheil mionnan mora Mhanuis?  
Fagas far an d' fhuaras.<eng>

Upon the scout's return Fingal marched against the Danes who he eagerly attacks. Magnus is kilt, and his whole army are either slain or taken Prisoners.

The Poem is addressed to the Son of Alpine.

I. 63.<gai>

THOG na trein an suil gu h ard,  
Air gach Barc thainig air lear;  
Mar chuile loch Leuga bha 'n aireamh,  
Triall o 'n trai' san airde near.

<eng>I. 64.<gai>

Bha na sluaigh fui' aimheal buan,  
Air cuan stuathach nan tonn sgith;  
Nach do chomhraig Cathain nam Fiann,  
Bu mhor frioth, is fiach san stri.

<eng>I. 65.<gai>

'S e comhairle thug na sloigh,  
Air Manus mor nan long aigh;  
Tigh 'n thuige air an ais o 'n chuan,  
Gu Maithibh sluaigh Innse phail.

<eng>I. 66.<gai>

A dubhradar ris an Riogh,

'S mor an dì dhuinn triall an diu;  
Gun chomhrag catharra cruaidh,  
A thoirt do 'n Fhiann mu 'n gluais thair muir.

<eng>I. 67.<gai>

Phill na laoich nan caogad borb,  
'S bu mhor an toirm air an trai';  
Mar fhuaim tuinne bha gach treud;  
Is fathram nan céud nar dail.

<eng>H. 67. I. 68.<gai>

Chuir Fionn teachdire gu luath,  
Gu Manus nan ruag 's nan gnìomh;  
C'ait am bheil do mhionnan mor,  
Fhir nach cum a choir ach clí.

<eng>H. 68. I. 69.<gai>

Fhreagair an Triath, gu fiata borb,  
Air am bithidh, colg 's gach greis;  
Th' fhagas iad ann dealt an fheoir,  
Air an lon ud siar mu dheas.

<eng>H. 69. I. 70.<gai>

Thug sinn an sin deanal cruaidh,  
Mar nach fac, 's cha chuala mi;  
Mar theirbirt teine na nial,  
Bha gach Triath a' sgathadh sìos.

<eng>I. 71.<gai>

Mar choill chrionaich air an t sliabh,  
'S an osag dhiann ann nan car,  
B' amhail is slachdraich nan sonn,  
Bha tuiteam fui' r bonn sa chath.

<eng>I 72.<gai>

Thuit Manus armann an t sluaigh,  
Mar leug teine 'n cuan nan sruth;  
B' an-eibhinn iolach nan laoch,  
'Nuair chualas gach taobh an guth.

<eng>H. 70. I. 73.<gai>

Mach o fhearr a dh' iarr a shith,  
'S ghabh a dhideinn far sgeith;  
Do chuideachd Rìogh Lochlan, gu fìor,  
Cho deachaidh duine d' a thir fein.

<eng>H. 71. I. 74.<gai>

Bheireamsa briathar d' om Rìogh,  
Riamh ann stri nach d' fhuiling tair;  
Gun do thuit do na seachd Cathain.  
Drian do mhaithibh Innse-phail.

<eng>I. VERSE 74, OTHERWISE.<gai>

Bheireamsa briathar do' m Ri,  
Mu 'n deachai' crioich air a ghreis;  
Ceathrar is ceart leth na 'm Fiann,  
Th' fhag sinn air an t-sliabh mu dheas.

M. 7. COMHRAG FHEINN AGUS MHANUIS (1)

<eng>172 lines.<gai>

1  
GE b' e bhiodh leinne an laoi,  
Air an traidh tha siar foi dheas,  
Aig uisge Laoi're na 'n sruth seamh,  
Air an Fheinn bu mhor a mheas.

2  
Beannachd air anam an Laoich,  
Bu gharbh fraoch anns gach treis,  
Ard Righ Lochlainn ceann na 'n treun,  
'S ann air a shloinnteadh an t-eas.

3  
La dhuinn ag fiaghach na 'n dearg  
'S nach d' eirich an t-sealg 'nar car,  
Gu faca sinn mile bàrc  
Air an traidh ag teachd air lear.

4  
Sheasamh sinn uil' air an leirg,  
'S thionail an Fheinn as gach aird,  
Dh' fhiosrachadh co iad na sloigh,  
Rinn cruinneachadh mor air traidh.

5  
Thainig an cabhlach gu tir,  
Greadhuinn (2) nach bu mhin 'ar leinn,  
Bu lion mhor ann pubull sroil,  
Ga thogbhail leo os an ceinn.

6  
Thog iad an gasradh o 'n choill;  
Ghlacadh leinn' ar 'n airm ghaidh, (3)  
Da shleagh air gualainn gach fir mhoir  
Agus thog sin oirn gu traidh.

7  
Cea a gheabhamaid na'r Feinn  
A rachadh ghabhail sceil d' an t-sluagh,  
'S e radh Fionn flath gun chleith,  
Gu 'm beireadh e breath is buaidh.

8  
Sin nuair labhair Conan a ris  
Co a Righ, b' ail leat a dhol ann,  
Ach Fearghus fìor ghlic do mhac,  
O 's e chleachd a dhol na 'n ceann?

9

Mallachd ort a Chonain mhaoil,  
Labhair Fearghus bu caoine cruth,  
Rachain-se ghabhail sceil  
Do 'n Fheinn 's cha b' an air do ghuth.

10

Ghluais Fearghus armoil óg,  
Air an rod an coinne na 'm fear,  
'S dh' fhiaruich e le comhradh foil,  
Co iad na sloigh a thig air lear.

11

Manus fuileach fear'a fial,  
Mac Righ Beatha na 'n sciath dearg,  
Ard Righ Lochlainn ceann na cliar,  
Giolla bu mhor fiamh (4) is fearg.

12

Ciod a ghluais a bhuidhean bhorb,  
O chriochaibh Lochlainn na 'n colg sean,  
An ann a chuideacha na 'm Fiann  
A thainig an triath thair lear?

13

Air do laimhse Fhearghuis fheil,  
As an Fheinn ge mor do mhuirn,  
Cha ghabh sinn cumha gun Bhrán,  
No a bhean a thoirt o Fhionn.

14

As do laimh ge mor do dhoigh,  
'S as do shloigh ge mor do mhuirn,  
Mhead agaibh 's thain' thair lear,  
Cha tugadh sibh Bran air tuinn.

15

Bheireadh an Fheinn comhrag cruaidh,  
Do d' shluagh mu 'm faigheadh tu Brán  
'S bheireadh Fionn comhrag treun  
Duit fein mu 'm faigheadh tu bhean.

16

Thainig Fearghus mo bhrathair fein,  
'S bu chosmhuil re grein a chruth,  
'S dh' innis e sceula d' an Fheinn,  
'S gu 'm b' oscaradh treun a ghuth.

- (1) <eng>Magnus.<gai>
- (2) Greadhann?
- (3) Chaith'?
- (4) Fraoch?

[TD 78]

17

Mac Righ Lochlainn sud o 'n traidh,  
Ciod e 'm fath dhamh bin ga chleath?

Cha ghabh e gun chomhrag dluth,  
No do bhean 's do chuth a bhi foi bhreath.

18

De cha d' thugainn-se mo bhean  
Do dh' aon fhear ata foi 'n ghrein,  
'S Cha mho bheirinn Bran gu brath,  
No gu 'n d' theid am Bas am' bheul.

19

Labhair Mac Cuthaill re Goll,  
Am mor an glonn duinn bhi 'nar tosd,  
Nach tugadhmaid cath laidir borb  
D' Ard Righ Lochlainn na 'n sciath breac?

20

Seachd altrumain an lochain lain,  
'S e labhair Goll gu 'n fhas-cheilg,  
Ge lionmhor acasan an sluagh,  
Deangaidh mis' am buaidh 'san leirg.

21

Thuirt an t-Oscar bu mhor brigh,  
Leig mise gu Righ Innse-torc,  
Clann a dha chomhairlich dheug  
Leig fa m' chomhair fein an cosg.

22

Labhair e Conull a ris,  
Deangam-sa Righ Innse-con,  
Is ceinn a shea-comhalta deug,  
No biaidh mi fein ar an son.

23

Iarla Mumhan (5) ge mor a ghlonn,  
Labhair Diarmad donn na 'n con, (6)  
Caisgidh mi sud d' ar Feinn,  
No tuitidh mi fein ar a shon.

25

'S e feimeas a ghabh mi fein,  
Ge ta mi gu 'n treine an nocht,  
Righ Teurmann na 'n comhrag teann  
Gu 'n scaruinn a cheann r'a chorp.

25

Beiribh beannachd' beiribh buaidh,  
Arsa Mac Cuthaill, na 'n gruaidh dearg,  
Manus Mac Garadh na 'n sluagh,  
Coisgear leam ge mor fhearg.

26

An oiche sinn duinne gu lo,  
B' ainmic leinn a bhi' gun cheol,  
Fleadh gu farsuing, fion is ceir  
Gheibhte aig an Fheinn nias leor.

27

Chuncas mu 'n do scar an lo  
Gabhail doigh ann sa ghuint,

Meirgh' Righ Lochlainn an aigh  
'Ga togbhair o' n traigh 'nar uchd.

28  
Chuir sinn Deo-ghreine re crann,  
Bratach Fheinn bu ghairge treis  
Lomlan do chlochaibh 'n ór,  
'S ann leinne (7) gu 'm bu mhor a meas.

29  
'S iomad cloidheamh dorn-chrann oir,  
'S iomad srol ga chuir re crann,  
Ann Cath Mhic Cuthaill na 'm fleadh,  
'S bu lionmhor sleagh os ar ceann.

30  
Iomad coitein iomad triath,  
Iomad sciath is luireach gharbh,  
Iomad tóiseach is Mac Righ,  
Is ni 'n raibh fear dhiubh gu 'n airm.

31  
Iomad clogaid maiseach cruaidh,  
Iomad tuadh is iomadh gath  
Ann cath Righ Lochlainn na 'm buadh,  
Bu lionmhor ann Mac Righ is flath.

32  
Rinneadar an urnaidh chruaidh,  
Bhriseadar air sluagh na 'n Gall,  
Chrom gach fear a cheann sa chath,  
Is rinneadh leis gach flath mar gheall.

33  
Thachair Mac Cuthail na 'n cuach  
Is Manus na 'n ruag aigh,  
R'a cheile ann tuiteam an t-sluaigh,  
'S ann leinne gu 'm bu chruaidh an dail!

34  
Gu 'm b' e sud an tuirlin teann,  
Mar ghreann a bheireadh da órd,  
Cath fuileach an da Righ,  
Gu 'm bu ghuineach brigh an colg!

35  
Air briseadh do sciath an Deirg,  
Air eirigh dhoibh fearg is fraoch,  
Thilg iad am buill air lár  
'S thug iad spairn an da laoch.

36  
'Nuair a thoiseach stríbh na 'n Triath,  
'S ann leinne gu 'm bu chian an clos!  
Bha clochan agus talamh trom  
Mosgladh foi spoirn an cos.

37  
Leagadh Righ Lochlainn air an traidh,  
Am fianais chaich air an fhraoch,

Air-sin, ge d' nach b' onoir Righ,  
Chuireadh ceangal na 'n tri chaol.

38

Sin nuair thuirt Conan a ris,  
Mac Morna bha riamh re h-olc,  
Leigir mi gu Manus na 'n lann,  
'S gu 'n scarainn a cheann r'a chorp.

39

Cha 'n 'eil agam cairdeas no caoin,  
Riuts' a Chonain mhaoil gu 'n iochd.  
O tharladh mi 'n lamhaibh Fheinn  
'S ionsa leam na bhi foi d' smachd.

40

O tharladh tu m' lamhaibh fein,  
Cha 'n imir mi beud air flath,  
Fuasglaidh mi thusa o m' fheinn  
A Lamh thereun a chuir mor-chath.

41

'S gheabh thu do roghainn a ris,  
Do chuir dhathigh do d' thir fein, (8)  
Cairdeas is comunn a ghnathach,  
No do lamh a chuir fa m' Fheinn.

42

Fa t-Fheinn cha chuir mi mo lamh  
An cian a mhaireas cail am chorp,  
Aon bhuille t-aghaidh Fheinn  
'S aithreach leam na rinneas ort.

43

Cha 'n ann ormsa rinn thu e,  
'S ann duit fein a rinn thu 'n cron;  
Do na thug thu shluagh o d' thir  
'S beag a philleas ris an sinn.

O. 14. EAS LAOIRE, NO CATH MHANUIS.

<eng>Dr. Irvine's MS., page 73. 136 lines. Copied by Malcolm Macphail.  
Edinburgh, March 25, 1872.

NOTE.—The letter and figure M. 1, &c., refer to Gillies, which had been  
printed about 14 years. It will be seen how this varies from the book and  
from earlier versions.<gai>

1

A PHADRIC a chanadh na sailm,  
Air leam fein gur baoth do chiall;  
Nach eisd thu tamull ri m' sgeul,  
Air an Fheinn nach fhac thu riamh.

2

Air do chumhsa Mhic Fhinn,  
G'e binn leat teachd air an Fhinn,  
Guth nan salm air feadh mo bheoil,  
Gur e sid bu cheol leam fein.

3

Nam bitheadh tu comhada do shalm,  
Ri righ tearmuin nan arm nochd;  
A chleirich gur lan olc leam,  
Nach sgarainn do cheann o d' chorp.

<eng>M. 1.<gai>

4

Nam bitheadh tusa a chleirich aigh,  
Air an traigh ud siar fo 'n ear;  
Aig Eas Laoire nan sruth seamh,  
Air an Fheinn bu mhor do mheas.

<eng>M. 3.<gai>

5

Latha dhuinne siubhal bheann,  
Cha do thachair an t-sealg nar car;  
Chunnic sinn a teachd gu traigh,  
Iomadh barc bu lionair fear (nall thar lear.)

<eng>M. 6.<gai>

6

Thog sinn ar gas ruidh o 'n choill,  
Bratach Fhinn bu gharg a greis;  
Air a diona an clochaibh oir (duna)  
Air leinne gu 'm bu mhor a treis.

(5) Mudhan.

(6) Gun on.

(3) Aigh an Fheinn bu.

(8) Nuair tharlas tu d' thir fein.

[TD 79]

<eng>M. 7.<gai>

7

Dh' fharaid Mac Cuthail ga shluagh,  
San uair bu mhoir a ghean;  
Co theid uainn a ghabhail sgeoil,  
Co iad na seoid a thain' thar lear?

<eng>M. 8.<gai>

8

Thuirte Conan mearachdach maol,  
Co a righ a b' aill leat a dhol ann?  
Ach Fearghus fìor ghlic do Mhac,  
On 'se chleachd bhi dol nan ceann.

<eng>M. 9.<gai>

9

Mallachd dhuitse Chonain mhaoil,

Thuir amf Fearghus bu caoin ctuth;  
Rachainnse a ghabhail sgeul,  
Do 'n Fheinn 's cha b' ann air a ghuth.

<eng>M. 10.<gai>

10  
Ghluaisidh Fearghus armach og,  
San rod an comhdhail nam fear;  
'S dh' fhiosraich na choradh foil,  
Co iad na seoid a thain thar lear?

<eng>M. 11.<gai>

11  
Manus fuileach corrach fial  
Mac righ Betha nan sgiath dearg;  
Ard righ Lochlain ceann nan cliar,  
Gille bu mhor feach a 's fearg.

<eng>M. 12.<gai>

12  
Ciod a ghluais a bhuidinn bhorb,  
O rioghachd Lochlain na colg sean?  
An ann r chuideachadh nam Fiann,  
A thainig bhur triall thar muir.

<eng>M. 13.<gai>

13  
Air a laimhsa Fhearghuis threin,  
As an Fheinn ga mor a mhuirn;  
Cha ghabh sinn gun chomhrag fhear,  
No bhean is bran a thoirt o Fhionn.

<eng>M. 14.<gai>

14  
Air a laimhsa Mhanuis threin,  
Asad fein g'a mor do spion;  
Air mheud sa thug thu leat thar lear,  
Cha tugadh sibh Bran thar tuinn.

<eng>M. 15.<gai>

15  
Bheireadh an Fheinn comhrag cruaidh,  
Do d' shluagh nan liodhra iad Bran;  
'S bheireadh Fionn comhrag treun,  
Dhuit fein mu 'n faigheadh tu bhean.

<eng>M. 16.<gai>

16  
Gluasadh Fearghuis thugainn fein,  
'S bu cosmhuil ri deo greine a chruth;  
Dh' innseadh e an sgeul gu foil,  
'S gu 'm b' osgara mor a ghuth.

<eng>M. 17.<gai>

17

Sid e Manus air an traigh,  
Ciod e' m fath dhuinn bhi ga chleth,  
Cha ghabh e gan chomhrag dlu,  
No do bhean 's do chu fo bhreth.

<eng>M. 18.<gai>

18

Chaoidh cha tugainnsa mo bhean,  
Da dh' aon fhear a sheall sa ghrein;  
'S cha dealaich mi ri Bran gu brath,  
Gus an teid am bas na bheul.

<eng>M. 19. 21.<gai>

19

Labhair an t-Oscar ri Goll,  
'S mor an glonn dhuinn bhi nar tosd;  
Chann a she-comhalta deug,  
Leig mar coinneamh fhein an casg.

20

Deangamsa Cithach nam buadh,  
Thuirt Caoirreal bu chruaidh colg;  
G' an lethtrom a chuir air cach,  
G' e b' e laoch g' an tig am cho-dhail.

<eng>M. 23.<gai>

21

Iarla Mutha 's mor an sonn,  
Thuirt an Dearmad donn g'an chealg,  
Dheangainse e 'n lathair chaich,  
No bithidh mo bhas air an leirg.

<eng>M. 32.<gai>

22

Chrom sinn ar ceann sa' chath,  
Agus rinn gach flath mar gheall;  
Bha airm righ Lochain an aigh,  
G'an togail air an traigh nar sgairt.

<eng>M. 33.<gai>

23

Chonnuich Manus agus Fionn,  
Mar dheann a thigeadh o dhà ord;  
Cath fuilleachdach an dà righ,  
Gum bu guineach brigh an colg.

<eng>M. 35.<gai>

24

Air an sgithach air an leirg,  
'S air sgoltadh an sgiath 's an lann;  
Thulg iad uatha an airm ghabhi,

'S chaidh iad gu spairn an da laoch.

<eng>M. 36.<gai>

25

Clachan agus talamh trom,  
Mhosgladh sud fo bhonn an cos;  
A sraoineachd an ear san iar,  
B' fhada 's cian a chluinnte an clos.

<eng>M. 37.<gai>

26

Leagadh Manus air an traigh,  
Am fianuis chaich air an raon;  
Airsan cha b' onoir righ,  
Chuirteadh ceangal nan tri chaol.

<eng>M. 38.<gai>

27

Thuirtear Conan mearachdach maol mac Morna  
Am fear bha riamh ri h-olc;  
Cumar duinn Manus nan lann,  
'S gu 'n sgarraim a cheann o a chorp.

<eng>M. 39.<gai>

28

Cha robh comhdhallas no caomh,  
Eadar mise 's tu Chonain mhaoil gun fhalt;  
O 'n tharla mi fo ghrasaibh Fhinn,  
B' annsa leam no bhi fo d' smachd.

<eng>M. 40.<gai>

29

O 'n tharla tu fom' ghrasa' fein,  
A lamh threun a chuir mor chath;  
Ni mi do dhionadh om' Fheinn,  
'S cha 'n iomar mi beud air flath.

<eng>M. 41.<gai>

30

Gheibh thu da roghain a ris,  
Cead dol dathigh do d' thir fein;  
No gaol, is comunn, is pairt,  
Ach do lamh a thoirt do 'n Fheinn.

<eng>A NEW VERSE.<gai>

31

Rach dathigh do d' thir fein,  
'S na tig air h-ais a dh' eighach cron;  
Lean fiadh do bheanntan ard,  
'S na taghail gu brath a' m' chor.

<eng>A NEW VERSE.<gai>

32

Tha mo bhaighse ri neach gun treoir,  
'S cuimhne leann an la a chaidh;  
Foghlum ceart a' d' aros mor,  
Sid a righ an ceo nach luidh.

<eng>M. 42.<gai>

33

Bheirinnse mo bhreathar a righ,  
Am fad sa mhaireas cail nam chorp;  
Nach toir mi buille t-aghaidh Fhinu,  
'S aithreach leam na rinn sinn ort.

<eng>M. 39.<gai>

34

Cha b' ann ormasa rinn thu e,  
'S am ort fein a reinn thu 'n call;  
A mheud sa thaineadh leat thar lear  
Cha teid iad air ais ach mall.

<eng>From Mr. Mac Intyre foresaid, Glenylon.<gai>

[TD 80]

<eng>S 1. PART I.—<gai>A BHUIRBHURTACH,<eng> to line 97.

Part II.—<gai>CATH BHEINN EIDIN,<eng> from line 97 to the end. 1805. 399 lines.

From Mac Donald's Collection from Alexander Mac Rae in Gairloch, Ross-shire. Copied by Donald Mac Pherson, Advocates' Library, June 11, 1872.<gai>

1

LA dhuinn air Tulach sòir  
'G amharc Erin mu ar tiomchal  
Chunnaic sinn air bharr a thonn  
Aoghalt, athrachd, chuthal, chrom

2

Bha h' aogais air dreach a ghual  
'Sa deud cairbartach enamh-ruadh  
Bha crion-fholt glas air a ceann  
Mar choille chriona, chrith-thean

3

Bha aon suil ronnach na ceann  
'S bu luaith i no ronnach muigh'r  
Bha cloidheamh meirgeach fo crios  
Air gach taobh don chrithal chois

4

'S gur b' ainm don Fhuagh nach tiom  
A Bhuirbhurtach, mhaol ruagh mhordhin  
Re amharc nam Fiann fo dheas  
Gun ruith a bheisd na h' innis

5

Rinn i gean gun chomann duinn  
Mharb i le h' abhachd ceud laoch  
'S a gaire na garbh chraos

6

Cait on robh sluagh bu chiallich  
'S bu narich na sud agibhs'  
Measg Fianna Innse-Fail  
No air Mhathibh na h' Erin?

7

Labhair laoch nach d' fhulaing sàr  
Mac Moirna' dha m' b' ainm Coinean  
A bhuidhin sin bha fann  
Annta dheargadh do bhreim lann

8

Agus air sgath cullanich (1) nan con  
Oirne na bithid ga' muighadh  
Cha n da-fhear dheug a b' fhearr san Fheinn  
Thabhart Comrag do 'n Bheisd

9

'S urrad eile ged bhithidh iad ann  
Bhiodh marbh san aona bhall

10

Ach gheibh thu cumha 's gabh còir  
Caogad Iuna dhe 'n dearg or  
Agus ga' m b' fhearr or cnodidh nan cloch  
No cogadh nam Fiann fhaobharach

11

Ged fhoidhin buaidh (2) Erin uile  
'H or 'sa h' airgiod 's a crionachd  
B'fhearr leam fo choisgeard mo shleadh  
Oscar is Reinne is Cairil.

12

O 'n se do phughair a thig dheth  
Se dheibh thu gun chumha comrag  
'S caillidh tu dos do chinne-chrion'  
Re deagh mhac Ossian iarruidh

13

Dar dherich colg na Beisd'  
Gan derich Fionn Flath na Feinne  
Dherich Oiscean Flath nam fear  
Dherich Oscar 's dherich Iollin

14

Gan derich Diarmad donn  
Dheirich leis an lion-bhuidhean  
Dherich laoich nach tim 's aach tais  
Dherich an Glas le mhor neart

15

Sin dar dherich iad uile  
Eadar mhac Ri 's gach aon duin'

'S mar Bheisd' dhioghair 's a ghlean

16

Rinn iad Cro chrotha cathmhor  
Mar Mhuir ri clochan a mhol  
Bha dol aig a Bhuirbhurtach orr'

17

Ach fhritheal i iad mu seach  
Mar ruith sradagan lasarach  
Ach an tus iorghal an aigh  
Thuit cabhair air na Laoich lann

18

Thuit a Bhurbhurtach leis an Ri  
Is ma thuit cha b' ann gun gan stri  
Deachan cha d' fhair e mach sud  
O la Ceardoch Lon Mhic Liobhin

19

Ghluais an Gobh' leis a bhrigh  
Gu teach athair an ard Ri  
Rinneadh beud ars' Gobhan nan cuan  
Mharbhadh a Bhuirbhurtach ruagh

RI.

20

Mar do slugadh i 'n talamh toll  
No mar do thagh a mhuir leathan lom  
Cha rath do dhaoine air an domhain  
Na mharbhadh a Bhuirbhurtach mhoidhean

GOBH.

21

Cha ne mharbh i ach an Fhiann  
Buidhean nach gabh roimh dhuine fiamh  
Cha d' theid Fuath no arrachd as  
On t shluagh aluin fholt-bhuigh

RI.

22

Bheir mise mo mhionnan Ri  
Na mharbhadh a Bhuirbhurtach mhin  
Nach fag mi do dh' Erin an aigh  
Innis no Ealan no Tom

23

Nach tog mi 'n coir-thaobh mo laong  
Dh' Erin churanda ao-throm

24

'S chuirin breabanich air muir  
Ga togail as a tonna bhalladh  
Le Crocan croma ri tir  
Ga tarring as a tamh-thonnadh

GOBH.

25

'S mor an luchd do luingeas ban  
Erin uile dh' aon laimh  
'S cha deach do luingeas air sàl  
Na thogadh Cuigeadh do dh' Erin

26

Deich fichid agus mile Laong  
Thog an Ri sud 's gum b' fheachd throm  
Gu geill Erin thabhart amach  
Agus air shith na Feinne nam faradh.

MANUS.

S. 1.

27

Bha ceathrar air farthar a chuain  
Do ghlan daoine uailse Innse-Fail  
Oscar agus Reine Ruagh  
Ossian nam buadh agus Cairil ard

FING.

28

'N d' fhiosraich sibh an deas no 'n tuagh  
Co ni n' teannal chruaidh san traigh?  
Chan eil am ach Flath no Ri  
Thuirte Coinean maol gun fholt

29

Och nam foidhius' am Fheinn  
Fear a ghabhadh sgeul an t' sluaigh  
'S e labhair Fionn flath nam fear  
Gum fordheadh e breith agus buaidh

CONAN.

30

Sin thubhart Coinean a risd'  
Co a Righ b' aill leat dhol ann  
Ach Feargus fìor-ghlic do mhac  
O 'n se a chleachd a dhol nan ceann

FERG.

31

Mallachd dhuit a Choinean mhaoil  
Labhair Feargus bu chaoine cruth  
Reachinse a ghabhal sgeul  
Dha 'n Fheinn 's cha b' ann air do ghuth

32

Ghluais Feargus armal og  
Air a rod an coimhneadh nam fear  
Dhoinich e le comhra foill  
Cia na sloighs' tha air lear

LOCH.

33

Ma Manus oirne mar Thriath  
Ard Ri Lochlin nan sgia airm  
Se Ri Lochlin ceann na Triath  
Gille bu mhor fiach us fearg.

FERG.

34

Thubhart Feargus rubh gu min  
'N ann do chuideacha' nam Fiann  
Thanig an Triath tha so air lear  
'S Ri Lochlin orr mar cheann

- (1) Cullanach, <eng>a dog boy, or dog-keeper, gloss.  
(2) Some say <gai>buur,<eng> cattle.<gai>

[TD 81]

LOCH.

35

Air do lamhsa Fhearguis fheile  
'S as an Fheinn cia mor do mhuirn  
Cha ghabh sinn cumha gun Bhran  
'S a bhean thabhart o' Fhionn

FEARG.

36

Tha Ri Lochlin air an traigh  
Ciod e 'n sta a bhi ga chleth  
Cha ghabh e cumh' o' Fhionn  
Gun a bhean sa chu fo bhreith

FINGAL.

37

Cha d' thugams' sin bhean  
Do dh' aon fhear tha fo 'n ghrein  
'S cha mho dhealaichinn ri Bran  
'M feadh s' a bhiodh an deo 'mo chre

38

Ach air bhi fada dhuinn nar tosd  
Gun smuainich Oscar an aigh  
Dhol a labhairt re a sheannair  
'S a Chleirich bu mhor an cas

39

Bheir mise mo bhriathar doigh  
Thubhairt Oscar 's cha be 'n sgleo  
Cia be laong as fhaide seoil  
Mug iad air an turas leo

40

Gan seol i le'mfuil fo druin

Air neadh nach eil i nan coluin

41

S' b' fhearr na bhi gan iarnudh thuinn o' thuinn  
'M foidhean cruinn air aona bhall

42

Siud dar thubhart mi fein  
Ged eil mi mar tha mi an ochd  
Ri Lochlin nan Comhrag theann  
Gu sgarruin a cheann o' chorp

43

Sin dar thubhart Reine Ruadh  
Cia mor a thac' a shluagh baoth  
Naodh fichid do Gheard an Ri  
Dhaindeoin an stri, bheir mi an sar

44

Gan dubhart Caoilte nam Fiann  
'S cur a sgia air a lamh  
Naodh fichid Curamh gun diomh  
Diolidh mis iad air an traigh

45

Ghlac an Duth mac Rivin colg  
Le guth borb 's e labhart aird  
Naonar a luchd comhrag chéud  
Nam chomhair Fein air an traigh

46

Sin dar thubhart Coinean re Goll  
'S mor an glonn dut bhi nad thosd  
Nach d' thugamid cath laidir teann  
Do Mhac Mheathan nan airm noichdt'

47

Labhair Cuaire gill Fhinn  
Tog dhiot do sheinn is bi slan  
'S ged thanig iad uil' air thuinn  
Cha mhor dhiubh theid air sal

48

Beirim beannachd 's beirim buaidh  
Thubhart Mac Cumhil nan gruaidh dearg  
Maonas Mac Garrie nan sloigh  
Leagidh mis cea mor fhearg

49

Air mhoch erigh n' la air 'n mharach  
Ghluais Fergus File gu gle dhan  
Air chomhail mar bu chòir  
A dhiondsaidh Mathibh Ri Lochlin

50

Chuir e air a Luirach mhor  
'S a Chlogaid de 'n or mu cheann  
Gun chuir e a chloidheamh ri chrìos  
'S a dha shleagh re lios 's a chrann

51

Bheannich e dar cha e mhan  
Dh' fhear a sheasomh aite Ri  
'S dhoinnich e le comhradh foill  
Ciod e a mor shluaghs' a tha air tir

52

'Saimideach thu reir mo bheachd  
Co b' urra sa chleas dhluth?  
Ach Maonas Ri Lochlin nan Laong  
Le fheachd trom gu cosnadh cliu

FERG.

53

'S aimideach a bhuaill thu 'n speach  
'S nach d' iomradh mi creach no toir  
'S ge mor a thug sibh luibh an all  
Gum feudadh sibh bhi gann a falbh

LOCH.

54

Co b' urra sa chleas dluth?

FEARG.

55

Ch b' urra sa chleas dluth  
Ach Fionn ur a b' fhearr buaidh  
Nach do theich roimh dhuine riabh  
Ach gan teicheadh na ceuda uaith

LOCH.

56

Ni mise cogadh oirbh le 'm fheachd  
'S bheir mi creach o Fhianna Fail  
Bithidh Sgeollach (1) agam 's Bran  
'S bithidh Fionn sa bhean nam lamh

FEARG.

57

Feudidh tu a chantan gu beachd  
Gur creach neart sin oirn gu brath  
Ach cait am biodh Oscar og  
Agus Ri nnm Fear mhoir ann 'n lamh

LOCH.

58

Dhechinn fein Oscar og  
Ossian mor is Goll nan cnamh  
Dechinn sliochd Ri nam Fiann  
Is Fionna fial cia mor a lamh

FEARG.

59

Feadidh ta bhi triall an tir  
Thubhart Fergus as caoin cruth  
'S tu laoch as mo fo 'n ghrein  
Ma dhearbhas tu fein do ghuth

60

Ciod e a choirre 's mo rinn Fionn  
Man d' thanig sibhs a thogail gheall?

LOCH.

61

Se choire 's mo rinn Fionn  
Muisne Ri Lochlin nan gleann  
Gun mharbhadh i 'n Erin shuas  
Seal mas d' fhuairis le Clann-

FEARG.

62

Cha b' fhiach a choslas a bh' ann  
Bha h' aogas air dreach a ghuaill  
Bha crion-fholt glas air a ceann  
'S co dheanadh clann ri Fuath?

LOCH.

63

Cha b' Fhuath bhann ach Bean  
Cha robh i fann na tir fein  
'S nam foidhidh i comhrag naodhnar  
Chuireadh i di air an Fheinn.

FEARG.

64

Chan fhaca sinne bean ann  
Ach Cailleach chann 's i gann do cheill  
Bha aon suil ghlonnach na ceann  
'S chuir i anntlachd air an Fhein

<eng>FIONN'S TRIBUTE.<gai>

65

Dheibidh sibh Cumh' s gabhibh coir  
Caogaid Tunna do dhearg or  
'S gum b' fhearr 'or cnodidh nan cloch  
No na bheir na Feachd da chuinn

66

Dheibh thu seachd ceud nighin bhais-gheal-bhan  
Is seachd ceud Curadh theidha nan dail  
Seachd ceud bó gun bhlodhan riabh  
Seachd ceud Each le 'n deagh thriall

67

Seachd ceud Daimh chabair nam beann  
Ghlacadh gun ghuth cinn no coin  
Seachd ceud aogh le n' seachd ceud Maogh  
Chuiradh an lamh an' Leitir Shoir

68

Seachd ceud seobhaga rinn sealg  
Seachd ceud Gadhar garg am beinn  
Seachd ceud Ealla dho 'n t' snamh  
Seachd ceud Lach le Ràe air Leinn

69

Seachd ceud Ruagh-Chearc dhe 'n fhraoch  
Seachd ceud Coillach-chraobh air chrann  
Seachd ceud Iolair o Thuath  
Seachd ceud Earb' a luath ran gleann

70

Seachd ceud Cubhag seachd ceud cuach  
Seachd ceud smeorach ' ghluais o 'n bheinn  
Seachd ceud Lon duth am beinn aird  
Is seachd ceud ni nam b aill' luibh

(1) <eng>Fingal's two dogs.<gai>

[TD 82]

LOCH.

71

Ged fhoidhin buaidh Erin uile  
'H or sa d' airgiod 's a crionnachd  
Cha phillinn mo Lòd air Sal  
Ach am biodh Erin uile air earras

<eng>(Here follow the Banners, as in other versions.)<gai>

LOCH.

72

Co i a Bhrachs' Fhili Dhunaich  
Ne sud Brach Mhic-treun Bhudhich  
Chi mi Gille gathasd air a ceann  
'S air a lasadh dhe 'n or ebhin?

FEARG.

73

Cha re sud ach an Lia Luathnach  
Bratach Dhiarmid og o' duinne  
'S dar thigeadh an Fheinn a mach  
Gheòbhidh an Lia-Luathnach toiseach.

LOCH.

74

Co i a Bhratach ud Fhili Dhuainnich  
Ne sud Bratach Mhic-treun bhudhich  
Chi mi Gille gath'sd air a ceann  
'S air a lasadh dhe 'n òr ebhin.

FEARG.

75

Cha ne sud ach an Duth-Nea' (<eng>or<gai> Nimh')  
Bratach Fhoilte Mhic Rea  
Dar chruinnicheadh Cath na Cliar  
Cha bhiodh iomradh ach air on Duth- Nea'

LOCH.

76

Co i a Bhratach ud Fhili Dhuainich  
Ne sud Bratach Mhic Treun bhudhich  
Chi mi gille gath'sd air a ceann  
'S air a lasadh dhe 'n òr ebhin

FEARG.

77

Cha ne sud ach an aona-Chasach ruagh  
Bratach Reine na mor shluagh  
Bratach leis am briseadh eirm  
'S leis an dorteadh Fuil gu faobartan.

LOCH.

78

Co i a Bhratach ud, Fhili Dhuainnich  
Ne sud Bratach Mhic-treun bhudhich  
Chi mi gille gath'sd air a ceann  
'S air a lasadh dhe 'n or ebhin

FEARG.

79

Cha ne sud ach a Sguab-ghabhi  
Bratach Oscar chro-laidir  
Leis an leigta cinn gun amhichin  
'S nach tugadh troidh air a h' ais  
Ach an crithidh an talamh trom-ghlas

80

Sgaoil sinn an Deo-ghréine re crann  
Bratach Fhinn bu theann sa chath  
Loma-lan do chlochan dhe 'n or  
'S ann luinn gu 'm bu mhor a meas-rath

LOCH.

81

Saolamid gun thuit a Bheinn—

<eng>FIONN'S BANNER.<gai>

FEARG.

'S durra dhuit na bheil ann  
Geal-gheugach Mhic Cumhil re crann  
Is naodh slabhrin aisde sios

82

Dh 'n or bhuidhe gun dall-sgiamh  
Is naodh naodhnar a lann ghaisgich  
Fo cheann na h' uile slabhrìdh  
Mar Chleath treamhadh gu traigh  
Bithidh a gair-chath ga d' ioman.

LOCH.

83  
'S breugach do bheul Fhili bhinn  
Cia mor agads' sluagh na Feinne  
Trian na h' agams do shluagh  
Cha robh aguibh riabh an Erin.

FEARG.

84  
Ge beag leatsa an Fhiann theircs  
A Ri Lochlin na mor chamhlach  
Bheir thu do theann leum fo 'n fheasgar  
Roimh lanna glasa ni t-aimhleas.

85  
'Arsin an toisich a chomhrag chruaidh  
Se lathair Mac Cumhil nam buadh  
Cromadh gach fear a cheann sa chath  
Is deantar leis gach Flath mar gheall.

86  
Bu lionmhor guailin ga maoladh  
Agus coluin a snuaghadh  
Bu lionmhor ann tuitim fleasgich  
O eirigh Greine gu feasgar.

87  
'S cha deach faobhar airm gu muir  
Ach aona mhile do shluagh bàrr  
Theich iad mar shruth air bhara-bheann  
Is sinne sa chath gan ioman.

88  
Deich fichid 's mile sonn  
Thuit eadar Garrie agus Goll  
O 'n dherich a ghrian gu moch  
Gus an deach i fo san anmoch.

89  
Seachd Fichid 's seachd Cathan  
Na bha do shluagh aig Ri Mheathan  
Thuit sud le Oscar an aigh  
'S le Cairil mor na corra-chnamh.

90  
Bha Mac Cumhil 's a shluagh garg  
Mar chaoir-theina na mor fhearg  
Mar shardagan diana cas  
'M feadhs' a mhair Lochlinach ris.

91  
Thachoir Mac Cumhil nam buadh

Is Maonas nan ruag aigh  
Ri cheil an tuiteam an t' sluaigh  
'S ann luinn gum chruaidh an cas

92

Dar thoisich stri nan laoch  
'S ann luinn gum chian an clos  
Bha clochan agus talamh trom  
Fuasgladh o' bhonn an cos

93

Air briseadh don cloidhean ha dearg  
Dheirich orr fearg agus fraoch  
Thilg iad am buill' air an lar  
'S thug iad sparn an do laoch.

94

Thuit Ri Lochlin an aigh  
M' fianuis chai air an Fhraoch  
'S airse ged nach b' onair Ri  
Chuireadh ceangal nan trì-chaol.

95

Sin dar labhair Coinean maol  
Mac Moirne bha riabh bha riabh ri h'olc  
Leigibh mise gu Maonas nan lann  
'S gu sgarruin a cheann o' chorp.

96

Cairdeas cha neil agam no gaol  
Dhuitsa Choinean mhaoil gun fholt  
'S o 'n thurladh mi 'n lamhan Fhinn  
'S annsa leam e na bhi t' iochds'.

97

Cha n' iomar mi beum air Flath  
Fuasglaidh mi thusa o m' Fheinn  
A Laoich threin chuir mor-chath.

98

Dheibh thu do roghan a risd'  
Dhol as gud thir fein  
Cairdeas is comunn is gaol  
No thighin led lann gu m' Fheinn.

99

'M fadsa bhithis ceill am chorp  
Cha bhuail mi buille t' aghaidh Fhinn  
'S aithreach leam na rinnis ort.

100

Cha n' ann ormsa rinn thu n' lochd  
'S ann rinn thu 'n cron duit fein  
Dhe 'n thug thu do shluagh o' d thir  
'S beag a philleas a risd dhiubh sin.

101

Ach cia be thigeadh anns an uair  
Gu mullach Bhein-Eidin fhuar  
Chan' fhac 's cha n' fhaic e gu brath

Urad do dh' fhaobh ann' aon la.

<eng>&C. MANUS. 30 lines.

Mrs. Taylor's, 7, Dalry Park Terrace, Edinburgh.

December 23, 1871.

I picked up—from the recitation of an old man—the enclosed in Lewis three years go. You will see how closely it and Kennedy's version agree.

I remain, yours very sincerely,  
MALCOLM MACPHAIL.

J. F. Campbell, Esq.<gai>

[TD 83]

1

LÀ dhuinn a' fiadhach air leirg,  
Cha do thachair an t-sealg n'ar còir;  
Gu faca sinn mìle bàrca,  
Air sàl a' tighinn o near.

2

Thachair Mac Cumhail nan cuach,  
'S Manus nan gruaidhean àigh;  
Air leth air iomall an t-sluaigh,  
'S a Chlèirich nach bu chruaidh an càs.

3

Stad sinne taobh air thaobh,  
'S leinne bu chian an clos;  
'S nac faodah duine dhol non dàil,  
Gus am faiceadh cach an lachd.

4

Gidheadh ged nach b' onair rìgh,  
Chaidh ceangal nan trì caoil air.

. . . . .

5

Oin thuirte Conan 's e thall,  
'Ged tha mi mar tha mi nocht;  
Leig mise gu Manus nan long,  
Ach an sgath mi cheann o chorp.'

6

'Cha 'n eil càirdeas 's cha 'n eil gaol,  
Riutsa Chonain mhaol gun fhalt;  
'S an tha mi fo ghràsan Fhinn,  
'S e 's àill leam na bhi fo d' iochds.'

7

O' na thachair thu fo m' ghrasan féin,  
Cha 'n iomair mi trèun air flath,  
Leigidh mi thu dhachaidh a làmh thrèun,  
'S iomadh a chur treun an cath.

8

'Gheibh thu do dha roghainn a rìs,  
'N uair a ruigeas tu do thir féin,  
Càirdeas is carantas is gaol,  
Ach do làmh a bhi saor o 'n Fheinn.'

A. 17. FLEYGH. <eng>84 lines.

IN this a messenger comes over sea to ask Fionn and his warriors to embark, with their two famous hounds. They fall out with the Herald, and do not go. The last two verses are part of Oisein's Lament to Padruig.<gai>

1

FLEYGH wor rinnì lay finni  
Innoiss dowl a halgin  
Fa hymmi dwn we ann  
Deanow albin is errin

2

Fearis m'morn mor  
Din reane fa gall glor  
A waktow fleywi zar  
O hanyth tow weanow errin

3

Di reggir sen finni wane  
Fa math wle tor is tear  
Dowrt gi wak fleywi zar  
Na gi fley ane reywe in nerrin

4

Chongimir huggin won tonn  
Leich mor ayrrichtich foltinn  
Gin ane dwn ag ach ay feyn  
Fa math in toglach essane

5

Mir hanyth shay in gen ni wane  
A dowrt in toglach fa keyve keyll  
Tarsyth lomsith noss inni  
Is ber cayd leich id di hymchill

6

Deych mek eichit morne mor  
Ber let in dowss di henoyll  
Fer is ocht zet chlonn feyne  
Ber is oskir di zane wane

7

Ber deachnor di clannith smoill  
Is feichit di clanni ronane  
Ber di clanni mwin let  
Deachnor elli gin dermit

8

Ber let dermit o dwnith  
Bar ni swr is no schalge

A feyn is kerrill id lwng  
Deychnor di zanith is di zorrin

9

Ber nenor do zillew let  
Fa farda how ym bee aggit  
Agis twss fen a inni  
A v'awasse erm zrinni

10

Ber C leich let er twnni  
Di zna wntir inn v'kowle  
C skay gin m wi nor  
Dinni m'kowle v'tranewor

11

Berssi let in nossa inni  
In da chonni is ferri in nerrin  
Ber bran is skoillin let  
Lowt di zorrin i gimicht

12

Na beith fadcheis ort a inni  
Di ray in toglach ard evin  
Tuggir fa woye id heith  
Di we er ar sloye is soiche

13

Glor anwit hare id chenn  
Ogle out hanik chwggin  
Min fayin tow in weanoss inn  
Di wea di chen gin chollin

14

Di choraa ni churffe in swm  
A chonane meill ni beymin  
Is mest in sloye di wee ann  
Id ta tow agrow anwin

15

Errissyth clanni biskni ann  
Erss conane in nani  
Gowis gi neach zeuwe erm leich  
Tig ni feanith ass gi ane teiwe

16

Marwar in sen mak di zinn  
Feani gall a zassgi zrinn  
As mak a zillin m'morn  
Fa math in gath chrwnwoynyth

17

Errissyth arriss ann  
Is daniss a wurrill  
Fearyth yn beinni cwt  
Ag gowle di chonan in nani

18

Di wersi a wraa feyn di zinn  
Di ray gowle mor nim beymin

War conan na mess a chinni  
Na bonfeit ass in tinchin

19

Ferris koill Dr eichid in glen  
Er nach leyr rawe cheith in ferrin  
Ay gin fiss nyth feanith ag finn  
Troyg in skaill so halgin

20

Faddi lommi a halgin trane  
Nach wagga ma dunni zi nane  
Ead a shelgi o zlenni gow glenn  
Is nith aewlt no dymchol

21

Binvin lom ossin m'finni  
Na hanich kenn nach deach zee  
Ter gi dwni gar royve ann  
Di binvin leom finni wley.  
Fley.

<eng>FIONN'S EXPEDITION TO LOCHLAN.

D. F. O. P. 261 lines.

THIS ballad belongs to the Story of 'Manus,' but I am not certain that it is correctly placed in this order. This Scandinavian Herald might be reasonably explained as an old one-legged, one-armed, one-eyed Viking, with a gauntlet on; but as the five toes of his single foot covered two-thirds of the floor of the King's palace, a good deal must be allowed for poetical license. It is best to leave him as a Celtic myth. The King's questions, and the answers of the Feinne show that a great deal of the story is lost. I have nothing about the slaying of the King's sons, or the battles named. In the form of stories a great deal more of this Expedition to 'Beirbh' is told in the Islands. The stories I will place in translating. Mr. John Hawkins Simpson, in 1857, at page 209, printed a Mayo version of 'Fionn Mac Cumhal goes to Loughlin,' which is the same story.<gai>

D. 11. AN TATHACH IUNIGH. <eng>67 lines.

Mac Nicol's Collection, Ossianic Ballad, No. XII. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 5, 1872.<gai>

1

LA dhuinn an Tigh Chromghlin nan Cloch,  
Hanig gar 'niusuidh an Tathich;  
'S dholliche coig Meoir a Thraigh,  
Trian do Dhurlar an Riogh Thaigh.

[TD 84]

2

Bha aoin Suil an Lar a Chinn,  
Bha aoin Chas chli as a thoin;  
Bha aoin Chrog uasich as uchd.

'S bu duthidh I na Gualich Gothin.

3

Hog Connan an Dorn le Durichd,  
Gu Hathich mor na haoin suiligh;  
Stad a Chonnain fanna' d cheil,  
She a labhair Fion flath na Fein.

4

Bu bhor an Taobhir Reachd leom,  
Gum buailte Teichdire Riogh Lochlin;  
Sheo a chiad La a hain u gu 'm Theich,  
A nois Athaich Aonigh.

5

Fhir as gorm aoin suil gun Tlachd,  
Innish duinne Toir (1) as limm michd;  
Hanig me fon Lochlin lethich,  
Agus fon Chudichd ghorm Tsleighich.

6

Hoig mi shinigh nach ro male,  
Hanig mi fo chrichibh Lochlin;  
Ighin Riogh Lochlin bha bhuig,  
Chuir i Fios air Fion gun tairbeart.

7

Missigh labhairt ri Riogh Flath nan Fian.  
E dhol ga sirigh gu Lochdruim-cliar:  
Bha sheich ciad Fichid Cota shroil,  
An Tigh Bhic Cubhail Mhic Treinbhoir.

8

Bha Clogid as Scia as Lurich,  
Air gach Laoich iursich Ard-ghlunich;  
Bha Innil gasta air gach Fear,  
Fraoch teth air gach Laoich lanmhear.

9

Bha Ullich air gach Fearr don Droing,  
Do Luchd nan Urchair innilte;

10

An dug shibh am iunsuidh Cithich  
Oran Buaigh? Ars Manus

11

'S mis 'a bharibh Cithich nam Buaigh,  
Huir Mac Cubhail nan Arm ruaigh;  
Air an Traigh ha shiar mu Thuath,  
Fenigh far 'n do thuit mor T-slhuaigh.

MANUS.

12

An dug shibh gam iunsuidh Gorm T-shuil nan Cath?

13

'S mis' a bharibh Gorm T-shuil nan Cath  
She labhair an Tosgair arramach:

Gabhigh mi fostaibh Marraigh an Fhir.  
Fon a thuit e leom an Iurril.

MANUS.

14

An dug shibh gam iunsuidh Laibh nam Beud mo mhac fein?

15

'S miss' a bhairibh Laibh nam Beid  
She labhair Diarmaid O Duibhne,  
'S nar ro Math agguibh ga chion,  
Gad ha mi am Buisgain Fheribh Lochlin.

MANUS.

16

Ceanglibh an Fearrbogg ud.

17

Cait a bheil na Miunnin mor a Bhanis?

MANUS.

18

Ghagas far an duaras iad.

19

Harruing shin an shin air sheic Fichid Scian,  
'S gu la Bhrach gum' bard air Miagh;  
She bharaibh shin trithir mun Fheir,  
Shail man dranig shin an Dorrust.

20

Bhrish shin Buaghinin an Tuir,  
'S barbh shin an Dorsair,

21

Chaigh shin gu durragha steach,  
Shog shin ubhlidh na Cairich;  
Hainig shin air an Fhaichigh amach.  
Nar Droing aigintich arramich.

22

Ghlaic shin Riogh Lochlin nan Buaigh,  
Hug shin lein e niar gu Herin;  
Sriabh uaigh shin amach  
Bha Ciosh agguin air Feiribh Lochlin.

Crioch.

F. 11. MAR A CHUIR RIGH LOCHLUNN FIOS FEALLSA GU FIONN MAC CUTHAIL.

<eng>Fletcher's Collection, page 18. 92 lines broken. Advocates' Library,  
January 12, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

1

'S AN aig tigh Chrom-ghlinn nan clach,  
Thainig an Tathach ioghna;

Dh' fholuich cuig meoir a throighe,  
Trian do dh' ùrlar ar Rìgh-thighe.

2

Bha aon chos fodha nach clì,  
Aon suil air clar a chinn mhoir;  
Bha aon lamh iarnuigh as uchd,  
'S bu duighe i na gualach gothain.

3

Thog Conan an dorn gun duire,  
Gu A' athach mòr na h-aon sula bhualadh.

4

Stad a Chonnain 's fan a' d' chèil,  
Se labhair è Fionn fein,  
Bu mhòr an t-aobhar reachd leam,  
Thu bhualadh teachdair Rìgh Lochlunn am theachsa.

CEIST.

5

Nach è 'n diu an ceud latha,  
Thaing thu gu m' theach Athaich ioghnaidh;  
Fhir is guirm' aon sùil gun tlachd,  
Innis dhomhsa t-airre is t-iompaidh?

FREAGRADH.

6

Thanaig mis' o 'n Lochlunn leathaich,  
Is o 'n Chuideachd ghorm shleaghaich;  
Thug mi sìnteag nach robh mall,  
Thainig mi bho chriochaibh Lochluinn.

7

'Chuir Inghean Rìgh Lochluin Bhà-bhuig,  
Chuir i fios gu Fionn gun toirbeairt;  
Leamsa fios a dh' ionnsuidh 'n Triath,  
Dol na h-iarraidh thair Loch-druim-cliar.'

8

Is è bhi seachdain bho màireach,  
Aig cathair na Bèirbhe ann Lochluin.

9

Bha sid againn seachd ceud fichead còta sròil,  
Ann tigh Mhic Cuthail, mhic Trenmhoir;  
Bha da shleagh is lann 'us luireach,  
Air gach laoch iorsuch àrd ghlunmhor.

10

Bha inneal gasda air gach fear,  
Agus fraoch teith air gach laoch lanmhear;  
Bha ùlach air gach fear do 'n droing,  
Do luchd na 'n urchair innealta is dh' fhalbh sinn.

11

Rainig sinne Cathair na Bèirbhe ann Lochluin. Thachair Rìgh Lochluin  
oirnn a muigh 'us chuir è fàilte chridheil oirnn, agus thug e cuireadh

dhuinn a steach. Ghabhadh bhuainn an sin ar cuid àrm, 'us chuir iad an tigh taisge a muigh iad, ach thugadh dhuinn fein an iuchair ga gleitheadh. Thug iad a steach sinn an sinn do Righthigh mòr bha aca 'us dhuinte dorsun an tuir sin do oirnn. Do shuidh fear a dhaoine Righ Lochluin air gach gualain do na h-uile againne, agus bha fear eile a' frithealadh do na h-uile truir a shuidh fui 'n làn armaibh, agus gun againn ach a mhain sgianan foluich oirnn (mar bu ghnà leinn ann an àm cunnairt). Bha 'n Righ na shuidhe air Cathair os-ar-cionn, d' ar nurail 'us d' ar nearrail. Ach 'nuair bha gach cuirm an deidh an cuir thairis 'S e dh' iarr an Righ fios Ceist.

12

Cò mharbh' mo mhacsa Ciothach nam buadh?

13

Am Freagradh.

Is mise mharbh do mhac Ciothach nam buadh,  
'S è labhair è Goull arm ruadh,  
Air an tràì' ud siar mu thuath,  
Am feinne mun do thuit mòr shluagh.

14

Deir an Righ a rist.

15

Cò mharbh mo mhac Gorm-shuil nan cath;  
'Is mise mharbh do mhacsa Gorm-shuil nan cath,  
'S e labhair e an t-Oscar armach,  
'S cha 'n-àicheadh mi bàs an fhir,  
Bho 'n a thuit e leam san iorghaill.'

CEIST.

16

C' àite an dh' fhag sibh mo mhac fein,  
Lamh nam bèud am Biugal-briagha?

(1) <eng>History.<gai>

[TD 85]

FREAGRADH.

17

'S mise mharbh Lamh nam bèud,  
Do mhac fein am Bingal-briagh;  
Se labhair è Diarmaid-o-duinne,  
'S nior robh math agaibh da chionn,  
Ge d' tha mi 'm builsgein fir Lochluin.

18

Beirbh air an fhear bheag ud 's ceanghlaibh è, Arsa Righ Lochluin

19

C' àite bheil na briathra mòra a Mhànuis? Arsa Fionn.

20

Tharruing sinn an sin ar seachd ceud fichead sgian,

Agus aig meud ar gaisge bhù mhoid ar gnìomh;  
Mhairbhte leinn truir mu 'n d' rainig sinn an dorus,

21

Bhrìste leinn dorsun an tuir,  
Agus mhairbhte leinn an dorsair,  
Ach phill sin gu dùr a steach  
Is thog sinn ulaidh na Cathrach.

22

'S bha sinn a mach air an fhaiche,  
Mar droing aigneach uallaich;  
Agus riamh bho sin a mach,  
Tha cìs againn a fearaibh Lochluin.

O. 38. CARRACHD RIGH LOCHLAIN AIR FIONN.

<eng>92 lines.

Dr. Irvine's MS., page 158. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, April 2, 1872.

THE poem which follows, in the beginning, resembles the beginning of 'Roc,' see page 103, but the rest is different. It is called 'Carrachd Rìgh Lochlain air Fionn.' (Collector's note.)<gai>

1

TUR a chuir rìgh Lochlain fios gu Fionn,  
San aig tigh chrom ghleann nan clach;  
Thainig oirne an tathach ioghna,  
Dh' fholuich cuig meoir a throidhe  
Trian do urlar ar rìgh thigh.

2

Bha aon chos fo 'n nach robh cli,  
Aon suil air clar a chinn mhoir;  
Bha aon lamh iarnuidh as uchd,  
Bu duibhe i na gualach Gothainn.

3

Thog Conan an dorn g' an tiorca,  
Gu athach mor na h-aon suil a bhuala;  
Stad a Chonain 's fan a' d' cheill,  
'Se labhair e Fionn fein.

4

Bu mhor an taobhar reachd leam,  
Thu bhuala teachdire rìgh a' m' theachsa;

5

Nach e 'n duigh an ceud latha,  
Thain' thu gum teach athaich ioghna;  
Fhir is guirme suil gun tlachd,  
Innis dhomhsa taire 's t-iompaidh.

6

Thainig mise o Lochlan laghach (al. learach)  
'Son chuideachd ghorm shleaghach;  
Thug mi sinteag nach robh mall,

Thainig mi o chriochaibh Lochlain.

7

Chuir nighean rìgh Lochlain bhla bhuig,  
Chuir i fios gu Fionn gun toirbeart;  
Chuir i fios dh' ionnsuidh 'n Triath,  
Dol ga h-iarraidh thar Loch druim cliar.

8

'Se bhi seachdan o maireach,  
Aig Cathair na Beirbh an Lochlain;  
Bha sid againn seachd ceud fichead earra shroil  
An tìgh Mhic Cuthail, Mhic Treunmhoir.

9

Bha da shleagh, is lann is luireach,  
Air gach laoch iorsach ard ghlunmhor;  
Bha inneal gasda air gach fear,  
Agus Fraoch leth air gach laoch lar.

10

Bha ulach air gach fear g' an droing,  
Do luchd nan urcharan innealta.

11

Is Dh' fhalbh sinn.  
Air sgiathaibh gaoithe a' siubhal cuan,  
Dh' fhalbh sinn gu h-ualach ard;  
Mar coinneamh chunnaic sinn mar stuagh  
Cathair na Beirbh an cois na traigh.

12

Thachair rìgh Lochlain oirnn a muigh,  
'S chuir e failte chridheal oirnn;  
Thug e cuire dhuinn a steach,  
'S ged a thug cha 'n ann chum aigh.

13

Ghabhadh uainn ar cuid arm,  
'S thaisgeadh iad an carn a muigh;  
Thuga dhuinn fhein an Iuchar ghatha,  
Cha smuain gleithe bh' air ar n-uigh.

14

Chaidh slinn steach do thigh 'n rìgh mhoir,  
Dhuinte oirnn dorsan an tuir;  
Shuidh fear a dhaoine rìgh Lochlain air guallain a h-uile fear againn:  
fear a frithealadh do na h-uile truir. Iadsan fon lan armaibh, gun againn  
ach ar sgenan foluich.  
An rìgh na shuidhe os ar ceann gar n-earail; nuair bha gach cuirm an  
deigh dol thairis.  
Se dh' iarr an rìgh fios co mharbh mo mhacsa, Ceothach nam buadh.

15

'S mise mharbh do mhac Ceothach nam buadh,  
'Se labhair Goll nan arm Ruagh Cha 'n aicheadh.  
Air an traigh ud siar ma dheas,  
Am Feinne ann do lot a chneas.

16

Co mharbh mo Mhac Gormshuil nan cath?

17

'S mise a mharbh do Mhac Gormshuil nan cath.  
'Se labhair an t-Oscar armach.  
Cha 'n aicheadh mi bas an fhir.  
O na thuit e leam san Tiorghuil.

18

C'ait an d' fhag sibh mo mhac fein,  
Lamh nam beud am beag a bhriathra (1)

19

'S mise mharbh lamh nam beud,  
Do mhac fein am Beuga Briagha.  
'Se labhair Diarmad o Duighne,  
'S nior robh math agaibh ga cheann, (chionn)

20

Ged thu mi builsgean fir Lochlain,

21

Beiribh air an fhear bhragaid,

22

Ceanglaibh e ars righ Lochlain,

23

C'ait a bheil na briathra mora Mhanuis?

24

Dh' fhagas far an d' fhuaras.

25

Tharruing sinn seachd ceud fichead sgian,  
Aig meud ar gaisge bu mhor gnìomh,  
Mharbhta leinn truir m' an fhear.  
Seall mu 'n d' rainig sinn an dorus.

26

Bhrisear leinn dorsan an tuir;  
Mharbthe leinn an dorsar dur,  
Ach phill sinn lann gu dur a steach,  
'S thog sinn ulamh na Carachd.

27

Bha sinn a mach air an fhaiche,  
Eutrom aigealach uallach,  
Agus riamh o sin a mach,  
Bha cìos agalnn air fearaibh Lochlain.

<eng>This evidently differs from the other, though the character of the messengers answers the Champion of Cormac—from the MS. of Mr. Mac Iver foresaid. (Collector's note.)<gai>

P. 10. TURUS FHINN DO LOCHLUNN.

<eng>Staffa's Collection, page 65. 64 lines. Advocates' Library, February 23, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

1

INNIS thus dhuinn a Phadruig,  
O 'n a 's tu a 's fearr meadhair,  
Greis air Scialachd Fiannibh Fhinn,  
La àrid a bha sinn an Cromaghleann.

2

La dhuinn an Cromaghleann nan clach,  
Thanig oirn an t-athach angabhi;  
Thuirt e le gloir bhuig nach tìom,  
Nach cãithte leinn cuid an Cromaghleann.

3

'N sin labhair Fionn le guth mor,  
Uist a Chonain 's coisg do dhorn,  
'S mor an t-abhar reachda leinn  
U bhualidh Teachdaire Rìogh Lochlunn

(1) Breuga Briagha.

[TD 86]

4

Ach fhioir as buirbe suil gun tlachd,  
Sloinnsa dhuinn t-ar agus t-ìomachd.

5

Thanig mis o Lochlunn Leathunn  
O'n chuideachd chuirm fhleaghich,  
Thug mi treun cheim gun bhi mall  
Ann an cein o chrìochibh Lochlunn,

6

Thug nighin Rìogh Lochlunn nam bla buig,  
Dhuit fein Fhinn a gaol gun dearmad  
'Us dh' iarr i ortsa Mhic Cubhaill,  
A tabhairt o luchd a troma chleigh.

7

Cairibh air cotana sroil,  
Air ar corpibh seanga sithar  
Air Luirichin 'us math maise,  
Scabhuill òir fui fhillidh gasta.

8

Sciath bhreac nan eangach dar dion  
Trogamid a ghaoil gun Iomaguin,  
Sciath bhil oir 'us Lann 'us Luireach  
Air gach Gill-Oglaoch Ard ghluinich,

9

Inneal comhann air gach fear,  
Fraoch Siubhail air gach Gille,  
Ulà' ach air gach aon do 'n dream,  
Do luchd nan uarachairin Innealt,

10

Thog sinn ri drummachull a chuain,  
A Bhuidhinn 's cha b' fhurast air diongabhail  
Cath-eagar do dh' Fhiannibh Fhinn,  
Gun smaointin eagal na Ionaghuin.

11  
Latha dhuinn sa mheirbh ag òl,  
Pobull Fhinn 'us Riogh air tonail  
Ag òl sa 'g iomairt air leinn,  
Sinn fein 'us sluaghan Riogh Lochlunn.

12  
Sin labhair Riogh Lochlunn fein,  
An dug sibh leibh Lamh nam beud,  
Na Cìthhùch mo mhachd eila,  
Na Gomunn na Mìogthsul briatha.

13  
Us mise mharbh lamh nam beud,  
Ars Osgar 's ni b' iomadh breug  
Gun tainc do dhuine ga chionn,  
Na na bheil do fhine 'n Lochlunn,

14  
'S mis a mharbh Gomunn do mhac,  
Arsa Raoini but gheal glachd,  
Air Traigh a chliabhain fui' thuath  
Siar o rudha na morchuan,

15  
'S mis a mharbh Ciùth' ìch do mhac eila  
Arsa Diarmuid Donn o Duibhne;  
'Us gabham re mar bhadh an fhiòir,  
O 'n sann leam a thuit 'n Iorghuill,

16  
Ghabh sinn air an fhaich' a mach,  
Nar dream aiginnich ualich,  
Scolt sinn roimh Dhorsibh an Tùir;  
Agus thuair sinn buaidh air na Loch-lunnich.

17  
Agus phill sinn air ar 'n ais a chum air 'n aite fein a ris.

## Q. 2. AIREAMH FIR DHUBHAIN.

<eng>Stewart's Book, Vol. II. p. 547.

AS this book is by no means rare, I print this from a modern Irish MS., bought in Dublin. The figures are the same, but the words differ. As this is a numerical puzzle, the arrangement of the men who represent the numbers must always be the same. The Scotch and Irish words by which the numbers are remembered differ, but not materially. The problem is so to arrange two rival parties of 15, as to make every ninth man a foe and slay him. The game is very commonly played with black and white pebbles, ranged in a circle in alternate lots:

4. 5. 2. 1. 3. 1. 1. 2. 2. 3. 1. 2. 2. 1.

Beginning to count at 4, white for Fionn and his men, the 9th is the last of the first black lot of 5. The 18th is in a black lot of 2, and so all the 'black strangers' are cast out as nines, and slain by the craft of Fionn according to the tale. This arithmetical legend seems to fit where cunning was pitted against cunning.<gai>

GOID FHINN AGUS DHUBHAIN.

4 Ceathrar fionn fiadha ar thùs  
Fa merbhar liom aniomthus  
5 Cuigear dubha na n dail  
de lucht derbh chogar dhubhain  
2 dias o Fhinn borb g bheath  
1 Fear o dhubhain teibhartach cath  
3 Triur o mhac cubhuill fheill  
1 As fear o dhubhain dhreich reidh  
1 Suighios Fionn san mbrogh bhan  
2 Gha dhias dhubhe ar a laimh deis  
2 Is dias eile do mhuntar fhinn allmhuine  
3 Truir o dhubhan mo chion  
1 Fer fiadhaigh na n aghaidh sinn  
2 dha fhear on lioch nar lag lamh  
2 dias o Fhinn  
1 as fear o dhu ban  
30

<eng>Copied December 29, 1871, from a modern Irish MS. bought in Dublin from O'Daly. See Stewart, p. 547, Vol. II., where the figures are the same, but the words differ.<gai>

AN BRUIGHEAN CAORTHUIN. 1603.

<eng>THIS Fenian tale seems to be a copy made by a Scotch scribe, who used Irish characters and orthography. The story is common in Irish MSS. of late date. This is an old copy, and the language looks still older. I give it as a sample of language, in hopes that some one will print the entire manuscript. The following note is by the gentleman who copied the fragment:—

Copied June, 1872, by Donald Mac Pherson, Advocates' Library, from a transcript made into current hand by the Rev. Donald Mac Intosh, 1804, from the Dunstaffnage MS., written by Ewen Mac Phail, dated, October 22, 1603.

Among the Gaelic MSS. in the Library there is also a transcript of 'Bruighean Caorthuin' made into current hand in 1812 by Ewen Maclachlan, Old Aberdeen, from another MS. now in the Library (see Appendix to Ossian, Vol. III. p. 566, ed. 1807). This MS. has no date, but the name 'Magnus Mac Muirich' appears on its first remaining leaf. It consists of five Tales in prose, interspersed with pieces of poetry that relate to the subject, a Vocabulary of obsolete words, and a short historical Poem on the Kings of Ireland. (1)

On the page cited, MS. 2 is said to consist of 193 pages. The writing is ascribed to about 1600. The poetry is said to be very beautiful, and some of it is ascribed to Cuchulain. Probably this belonged to Clanrannald's Bands, who were commonly educated in Ireland.—J. F. C.

The original is written, in Irish character, on paper, quarto, in a clear hand; but the ink is faded, and the MS. much damaged. This story seems to be a copy from some older writing. It is still current orally preserved. See 'Popular Tales,' vol. ii. Y. p. 168. See also <gai>'Fionn le Feachd na Féinne air cúl Bheinn Eidin a' sealg,' <eng> orally collected, 1871, by Donald Mac Pherson.—June 20, 1872.

THE STORY OF THE ROWAN TREE DWELLING.

A FRAGMENT.<gai>

RI UASAL oireadh ro gabhusa flaitheas & saor lamhas ar na clithre treabhaidh Lochloinnach ar feachd naill i colgean cruaidh armach mac Do ain & do co onn (c)aon & ard oireachdus laisan righ síos ar saithd na beirbh loch luin bannaigh & rangadur an ceithir treabha Lochlanach na chomhdhail la air IS ann sin do labhair righ Lochlain do ghuth ard mor follus ghlan innsin naonnadh & a feadh adubhuirt Lochluin ar se anaithidh dibh lochd no ainimh mar rigare mar tighearna orumsa a dubhuirt cach uile daitheas aon fhear nar barcuidh a dubhuirt an righni mar sin daisa fein ar se is aith nid damh locht ro mhor oruim o sfheain (shean) creud-he an locht sin

<eng>(The ten following lines in the MS. are illegible. Top of page 2.)<gai>

agus forglun na Lochannach is do chaidhe d . d. ar magh duireadnab fomharach & is an do thuirtabhain ce iodhon. Ceaithlann chaladh craos fhiacloch & is ann ata a feart an dun Ceaithlann don taoph at uaidh do mhagh Duir. Is ann sin do duirt Niamhadh cruth tsoluis inghean Neidh gConair slaghuibh & gcona cloinn & is ann ata dfeart don taoibh tshiar do sin & do tuit ann sin clanna Uaneid & is ann ata abfeart ag clar Luighne & agcarn Uineid amarl' Eareann do cheannladh bal' Luigh uidh Lamh fhada IS ann sin a dubhuirt ri L. l. isead is ailliomsa ar se dul an Eairinn dfhaighuil ciosa mo sinnsr o

(1) <eng>Maclachlan's Analysis, p. 20.<gai>

[TD 87]

Eaireann & dfaghuibh braghad gill re comhall damh a dubhradur maithe Lochlann gar maith leo fein an turus sin re deanamh & gar miste leo a fad condearn e & a dubhuirt ri Lochlann gaism (1) sluaigh do chuir ar an L. l. uile & do chruinnidar chuige U. ruagh chatha ro mhor ar faithce na Beirbe Lochlann aid & do dainighnidar a longa & aluath bharcá & do chuaidar ionnta go lid mheach lhgaireach & thugadar leimh sanntach isin a bfairge go fíor neartmar & nir bfeuchadar dolc no dan fm lann da furadar no gar gabhadar chuan ad taisc eart Ulladh & tangadar athair co tinneanas nach & do gabhar ag arguin na críche co coim diochra & is e pa ri air Eirinn an tan sin iodhon Corbmuc mac Art mhic Cuinn ceud chathach & rainic fios na trom daimhe sin go Teamhrindhe mur roibhe Conn ceud chathach & do chuir Corbmuc deachda gu Healmuin Laighean mar roibhe Fionn mac Cuphuill da radha ris an trom daimh dho iongabhail sin diochra deareanachaibh iarna cluin strin sin dFionn do chuir trional ar & cathuip na Féinne tangadar go hobann ath-lamh da ionnsuige isin mbaile & tigid ag coinne na nallmarach ina drongadh disgire dasachtach & mor sguiradar don ruadh'ar no go rangadar ag comhdhailna Lochlan: & ar faicsin a ceile doiph tugadar ionnsuighe neamhais (2) naimh deamhuil fair a cheile & do tuitadar socheidh iondeat ara airg leith don tuireann treun neartmar sin. IS ann sin do fhearguidheadar an Fian do an datha go Poirt & ll

ferdam laidir dala Ghuill Morna ar bfaicinn na Feinne ambaoghal ag na Hallmarachuibh do ionnsuighe mara bfaicuid Meairghe righ Lochlann & do nochd a lann liomhtha leathan leadarach & ro gabhadar urluighe adh garbha amiarmartaca di ar na Lochlandachuibh & diaigh sin tarla he fen & ri Lochlann da cheile Eac do rondadar comhrac disgir dachdac do eudrain re cheile & do tuid ri Lochlainn abfoir ceann an comhruc sin do beamannuibh ghlac laidir Ghuil mhic Morna & do bhriseadh air na Lochlanaich o do tind atdriath & a tighearna & do chuaidh ar tri mhic ri Lochan do chathadh ag an catha o do dhuit anatar & do mharbh dios diobh & ainic Fionn an tres mac diobh, iodhon, Nioch mac colgan & do churadh ar na Lochlanaich ar dtuidim an triar treun fhear sin uadha & ni deacha eal' chach beatha as diobh gan mharbha & do ghabh Fionn Miòch & do bean alan fuaslaghadhas & do goireadh ri Lochlan do mhidhach ar sin a dubhuirt Mioch re Fionn o do tugais manam damh a lathair cath & gar tuilleas bas dfaghuil ni bfuicfeam thu gu brath & do bheura cios na Lochlannach chugam an Eirinn & caidhfeud maille friotsa he & anfad agad go brath imthusa miodhindh do an se a bfochuir Finn & drong mor da mhuinntir mailleadh fris seal fad do miodach acgcoimhidis & a dubhuirt Conan mac Morna re Fionn is mor an guasachd duit a find ri Lochlan do beadh ad gcoimhidachd do gnath ar marbhadh a athar accath dhuit do radh Oisin mac Fhinn is fior do Chonan sid ar se & o nach aill le ri Lochlann sgaradh friotsa tabhuir fearan do deanam tigaduis & na biodh s'e ad coimhidachd ni siad no do bise. In ann sin do goir Mio mac Colgain cuga & dubhuirt Fionn frios toigis do deanamh & do dtiubhradh se feain a rogha do da triucha cheaudh d fhearaim an Eirinn do & rugh Miodh do roghainn & triuch .c. aon tuaith taoibh tuaith dhi & aseadar far gabh se an fearonn sin, iodhon, Fairsinge an chuain do bhi eaidar an da tir sin & nach biodh coimheud do gna fair adhbhar eile far gabh se an fearann sin anochus go bfeudfan se Lochlannaidh & Greugaidh do tabhairt lais ar an chuan sin an trath do geubha se baoghal faille re deanamh air na Fianaibh & do haindead (3) an fonn sin le Miodach mac Colgain & do liondoice trom conach aige ceithre bliadna do ar anordanadh (4) sin aon do lo da dtàing Fionn & Fian Eirin do tseilg & dfiadhach fa triucha cheaoin (5) ri & fa chriochaibh bfear more ris a raitar Hi Connal Gabhra a Mugh & do suigh Fiond na dumha tseulga ar tulach n fairg sgana fris aratar fearoinn ua ag Conniul anuid & drong dfianaibh Eacpionn ma raon fris an'

Nior cian doibh annsin go bhocadar aon og laoch da nionnsuighe & he mor mileanta ag teachd do lathair chuga & trealamh comh daingean catha uime, iodhon, cotun suaithnidh sroil & ceannbheairt corr chlochimh buadhach uima cheann & sgiath dond dath aluinn re na ghualuin chli & da shleagh tshith fhoda na laimh dheas & tainic do laithar & do bheannuidh d Fhionn & d Fhianuibh Eairinn & do fiarfuidh Fionn sgeala dhe do raidhsean fear dana me ar se tainic re dan cugadsa IS iongnadh an cul' (6) fir chatha & fir chomhrucgiodh at sin mar sin.

IS fear dana mise ar se tanag re dan chugadsa tri hion' (7) dana do diol so ar Fionn & tarsa liomsa go bruighuin eaigin do bhruighnibh Eairinn & do geabhar do diol ann uimse a dubhuirt an toglaoch gabhuim mar diol uaidh ar son mo dhana a ciall do thuicain damh & cuirim fo geasuibh tu fon attuicsin damh gabh dan ar Fionn in loisge teine uair ge creach.

Ad connuirc teach isin tir, as nach tabhair geill do ri maith sean leur gabhadh eon righ teach tuigim sin ar Fionn is e sin brogh na boinne iodhon, teach Aonghus oig mhic an Dagma or ni feudar a losgadh na creacha is e sin tuigsin an roinn sin ar an fear danadh. Ad connuirc fear sha leith tuaith nach beiras a lan do buaidh ni fear leis amh na bruith. No comhin agarbh cluith. Tuicim sin ar Fionn is e sin cloidheamh Aonghasa oig ad connarcas & ni fearr lais amh na bruite ag eairadh cnamh & corp do laimh eachdaidh Aonghas ciodh mall a ceaimtar gach tuaith is luaithe.

Ad connarc beannsa leith theas agas clann treu na cneas iodhon. Noach luath & asiad achlann do connarcus, Treana-Tuigim an bean sin, ad connarcus, iodhon, an boinn do leaith teas cneas, iodhon, Bric mall chorcra & a bhradain eaochair breagair ciodh mall nan sruth sin is luaithe he Eaoch luath oir siubhluidh se an domhain re bliadhuin & no dhiongann each do luas an siubhal sin isi sin tuigsin an rainn sin air an fear dana abhuir tuilleadh dod dhan damh air Fiond dconnuirc ceathearnadh go mbuaidh fan neirgidis iomad sluaigh Eaochuir og is Eaochuir tslat ciod ba frith ad connuirc Tuil' eaile tuigion sin ar Fionn is cara daonghus og tusa & ni cara damhsa & is i slighe do gabh se leathtreana luthgort fein & ad conuaircus beith beaga os bar dos & deagh bile ag tional ag cnuasaigh & is iad sin an ceatharn ad connaircus is fionn sin ar an fear dana ishi sin tuig sin an dana ud do rinne asaduitse cia thusa fein a dubhart Conan mac Morna ane nach aitheaochnur (8) tusa he ni aithnim ar Fionn do aitheanta mise & Osgar & Oisin creud noch aithion uinn si mo mhuintir fein & ni aithnim an fear ud ar Fionn is dod mhuintir fein sud ar Conan & ni caruid dhuit e & do budh cona de noach a namhuid daithne no charuid oir isse do dheanad olc dho & is e sud Miodhach Mac Colgan & is leatsa do chuid athuir & a dis dearbh brathair ag cath buidhe Beirbhe & do beanus alan fuasgladh as fein & ata se riceidar mbliadhnaibh deug ag oglaochas agad & ni tugse biadh no deocha duit fris an re sin. A dubhairt Mioch Mac Colgan ni mise as ciontach fris sin a Conain ar se uair us roibhe me aon mi rsin nach beith fleath agam fan chomhair. & us thaonic se da caitheamh & us mo tugas cuireadh do & atan fleadh agam dho anochd tigeadhse da chaitheamh & ata bruidhean air tuinn ata an fleadh & annsa mbruighuin ata air tir do bheirthar da caitheamh iodhon cuirimse Fionn fo geasaidibh uatha as haith le sin & a dubhuirt Fionn re h-Oisin ansa ann so & drong dFiann Eireann maille friot & na leig dionnsuighe bruighne anoilein iad & cuirfead fios sgeula cugadsa cionas a bfias an druidhean:

IS iad so an cugar do a fan abfochair Oisin isin duha tsealg. iodhon. Diarmuid O Duibhne & Cailti mac Ronain & Fiacha Mac Finn & Fath Canantar mac mhic Con & Ainn'si mac Suibne tsealga & siad so do cuaidh le Fionn gus an mbruighin iodhon. Goll mac Morna & Conan Mac Morna & Mac Lughach luimneach laiceachdach & Sgiath bhreac bhreac mac Dathchain & Glas mac don a cearta bearta & da mhac Aodh bhig mhic Fhinn & Daolgus & Conan mac an Leith Luachra & Gallan mac an Luachra & da ri Fheinnidh Chonnachd iodhon. Coir cosluath ceud guinach & ceid chinnidh mac Conall Cruacha & da ri Fhianuidh Fhian Laighean. iodhon. Flaitheas bfear Leith broighe & Doncha mac Breasuil & do chuaidh dfiachuin le Fionn & do chuaidh Conan rompa steach ansin mbruighin & ni fhair aon nduine innte & fuair se ag comh maith do Bruighnibh riamh & euduighe sioda so masacha & bruit aille ioldathach or snaithacha ar leath ugadh (9) ar urlar na bruighne & gach re clarinnte. iodhon. clar gle gheal & clar dubh & clar gorm & clar uaine & clar dearg & gach ar doman ar cheann do mol Conan go mor suighugha na Bruighne & do chuaidh asteach innte an tan sin & do shuidhadar ar na bratuibh sioda fuaradar argcionn insin mbruighin & nior baill leo aneuduighe fein beith eateara & euididhna Bruighne & do bhi baladh sar maiseach ag teachd don tinnadh ionnus gur fasadh & gar meudughadh meanman aigionta an baladh sin Dubhuirt Fionn ann sin IS ionna liom ar se fad go faghtar ni eigin do biadhadh na Bruighne si chuguin dubhuirt Goll mac Morna ata ni is iongantugh leam pein ina sin. iodhon. an tine roibhe boladh suaghuinadh so maiseach ag teachd ann so duinn gar breine hi anois na camra an domhain & is si is mo deathach do deintibh an domhuin uile a dubhuirt Glas mac Aoin Chearta beurrta ata ni is iongantugh leam fein ina sin. iodhon. an Bruigh-

(1) gairm, <eng>gloss. in MS.<gai>

- (2) neo-thais, <eng>gloss.<gai>
- (3) Ainmichead, <eng>gloss.<gai>
- (4) anochdadh, <eng>gloss.<gai>
- (5) chrìoh caoin, <eng>gloss.<gai>
- (6) culaidh, <eng>gloss.<gai>
- (7) hionna, <eng>gloss.<gai>
- (8) aithnich, <eng>gloss.<gai>
- (9) ugonna, <eng>gloss.<gai>

[TD 88]

ean a roibhe gach re ndatha deurasamh-lachd gach uile datha gan aon clar anois innte ach iarna dluth daingniughadh ar e cheile re slataibh cruaidhe caorthuin & re cula tuath & farchadh da mbualadh eire cheile a Dubhuirt Faolan mac Aodh bhig Finn ata ni is ionganthadhe leam spein ina sin. iodhon. an Bruighean ar a raibhadar seachd n doirsi ag teachd ann so dhuinn nach bfuil anois orrtha ach en doras & a dubhuirt Conan mac Morna ata ni is ionganthuidhe leam spein inasin. iodhon. euduighe sioda & na bruit aille en samhla do bhi fuinn (10) ag suighe ann so duinn nach bfuil en snaith fuinn anois diobh & dair leam gar bi hi cre na talmuin reurgcreathadh anois & gar fuaire i no sneachdadh fhuar en oidhche IS ann sin a dubhuirt Fionn is geis damhsa abeadh am bruighin aon an doruis ar se & is eaguil leam garab bruighean a Fhail a bhuighean sa a bfuil muidh & gearradh druim ar taoibh i di deanamh mar sin air Conan & tug lamh laochadh tapadh ar armuigh & mor feud en cor do chor de IS ann sin a dubhuirt Goll mac morna a Fhinn cuir hortog fad geud fise & foilladh si duinn creud he an corsa oruinn is deacuir leamsa sin ar Fionn ciodh deacair is eigin damh a deanamh.

Cuirus Fionn ordog fan geud & do foillseadh. iodhon. fios & fior eolus do IS annsin a do leig Fionn osna mhor as & a gabhaim ar son mor saoghuil a bfuaras go nuigid so uair ata ri Lochlann re ceithre bliadhni deug ag dealbh na faille chugain & a nois do fuaire se arach ar deanamh agus tug se tre (11) fhear do Ghreugachuibh lais dangoir tar righ an domhuin mhoir & ata se rìghe deug na fairadh & seachd catha tional gach rìghe diobh & ata tri rìghe Innse-Tile orrtha sin. iodhon. tri draoidhe duaibhseacha diabhladhe & tren fhear talcara treun chalma iad sin. iodhon. Nemh & Agha & acuis anamana & is iad do chuir an uirse fuinn da bfuilmuid ceanguilte & ataid am bruighin anoilein & is gearr gottigid gcuirne cumbhais & ni feudmuid ne an bruigheansa dfagbhail no go gcomuiltar fuil na tri rìghesi do cuir anuirsi fuinn duinn & ba truagh laisan bfein an sgeul sin & do ronnfad caoineadh-adhbal mhor ag cluinsin.

A dubhuirt Fionn na deanaisi sin ach gabha meud meanmuin chugaidh re huchd euga oir ni roibhe do saoghal aguinn ach abfuaram & sinnadh an dord fiansa dhuinn mar oirfidhadh duinn rea mbas & do rinnadar amhla sin. IS ann sin a dubhuirt Oisin mac Fhinn do gheal Fionn fios do chuir chugam da ttaitnadh an teannadh andeachuidh fris & agus cia do rachadh d fhios sgeul cugamsa achadsa ar Fiacha mac Fhinn uair is mi duine oige annso rachadsa leat ar Innsi mac Suibhne tsealge agus do gluaisadar rompa chum na bruighne & do chualadar an Dord Fian ag seinnimh go ceolmur & a dubhuirt Innsi mac Seaga Suibhne Is olc ata ar ac an droing do ni an ceol sa ar se uair is re linn do broin is gnath re Fian. uibh eirionn an ceolsa do dheanamh do chuala Fionn comhradh na deise deagh laoch sin & a dubhuirt Fionn ane guth Fiacha mhic Fhinn so ar se-is e go dearbh ar Fiachadh ma se na leig ni is neasa na sin duine e uair atamuid ceanguilt don talamh & duir Innse Tile & do fiarfuidh Fionn deasaich ua do bhi ina foireadh ata da dalta. iodhon. Ainnsi mac S. S. teaidhleas & na leig an gar cath rachna nallbharach e a dubhuirt ainnsi mac S. S. a Fhinn ar se do bolc an luach oileamna damhsa teideadh romhadsa an tan is cruaidh duit

& tu an guasachd bais a dubhuirt Fionn o nach ail leatsa deitheadh ar se cuiridh fen & Fiacha ar an athsa ar sgath na bruighne & cosnaidh he no go beura drong eaigin dFiannuidh Eairionn oruibh do rinneadh ar amhladh sin IS annsin a dubhuirt Fiacha a mhic S. ar se comeadsi an tathsa, &c.

B. 4. BRUIGHIN CHEISE CORUIN. (1)

<eng>Twelve stanzas (by Fergus) forming part of the above tale, copied July, 1872, by Donald Mac Pherson, Advocates' Library, from Rev. Donald Mac Intosh's Transcript of Ewen Mac Lean's MS., page 157; and fol. 105, or page 20 of Book II. of MS., finished December 9, 1690.

This was written at Ardchonail, in Argyllshire, in the Irish character. See Account of Texts quoted.—J. F. C.<gai>

1

BUADHACH sin a Ghuill go mbuaidh  
Is prap ro fhoros na sluaigh  
Do bheithmis uile gun chinn  
Muna tliocfas chugin

2

Giodh mor anuar ro fhoirus riamh  
Oruinne a Ghuill na nardghliaidh  
Do bu mo in cas oirne an uar  
Ar mbeith ceanguilte anenuaimh

3

Camog agus Cuillin chiar  
Is leo do cheangladh an Fhian  
Occus Iarnach fa garbh gleic  
Do cheangal sin tre croibhneart

4

Nuar do bhail leo ar ceinn  
Dho buan dinn gan eislinn  
Do chuaidar na triar amach  
Is dfag siad amhsion go bronach

5

Nior cian doibh sin ar an leirg  
Na tri deamhnadh fa claon cerd  
Go facadar ag teachd na gar  
Goll mor is e na aonar

6

Tiagaid na tri mnai mora  
Accomhdhail an an churaidh chrodha  
Occus comhracus riu tre rath  
An dorus beoil na huamhadh

7

Nior ghnath leis cothrom a diarraidh  
Goll mor anaighnadh fhiallaidh  
Comhruccus riu go teann  
Dar mharbh Camog is Cuillin

8

Daon bhuile don loin luim

Aghearus iad araon fa ndruim  
Gur thorcuir Camog an bas  
Is Cuillin gar cruaidh an cas

9

Iadhas Iarnach leadh da druim  
Gion calma an curaidh comhlan  
Iompus Iollain ri go ceart  
Occus ceanglus i tre croibhneart

10

Nochdas Iollain an lann  
Is di do bheanfadh an ceann  
No gur gheall si an Fhian uile  
Aisde o og go seann duine

11

Sgaoilus Iollain di iar sin  
Tigid araon don bhruighin  
Agus sgaoileas dinn uile  
Edur ri agus ro dhuine

12

Aon gair bheannochna uaine uile  
O oglach go sean duine  
Do Gholl ar mbreith amach  
Don bhuine bhrioghmur bhudhach.

Buadhach.

#### C. BRUIDHEAN CHEISE COREUNN.

<eng>I copy the following from fragments tied with 'Pope's' papers, but not in his hand. July 3, 1872.—D. M.<gai>

AIR bhi don fhein ceangailt ambruidhean Cheise Coreunn trid draodheachd le inghin Chontrain mhic aimideil agus air feachain do Fheargus air Goll a teachd dam fuasgladh a dubhairt e an Laoidh.

1

BUADHACH sinne gus an diudh  
Is bras ro eudheas an sluadh  
Bha sinn uile gun chinn  
Mun an tigeadh tusa thugainn

2

Ga mor gach uair dh' fhoir thu riamh  
Oirnn a Ghuill nan ard ghliadh  
Bu mho an cas oirnn an uair  
Bha sinn ceangailt an aon uaimh

3

Caomag agus Cuillionn chiar  
'S ann leo do cheangladh an Fhiann  
Agus Iornach le garbh gheas  
Do chuibhrich sinne tre chroneart

4

An uair do baill leo air cinn

Do bhui dinn gun eislan  
Dochaidh an triuir amach  
Is dh' fhag iad an fhiann gu bronach, &c.

S. 9. IOMACHD NAODHNAR

<eng>(i. e. THE ENTERPRISE OF NINE).

52 lines.

Copied by Donald Mac Pherson, Advocates' Library, June 14, 1872.

This and the following version illustrate changes in oral recitations.  
The ballad is rare.

ARGUMENT.

FINGAL with only eight of his train, resting themselves on the heath  
after the fatigue of the chase, are attacked by the King of Lochlin and  
his Troops. The Lochlins are slain and the nine Fingalians survive the  
battle.<gai>

(10) Foghain, <eng>gloss.<gai>

(11) Treun, <eng>gloss.<gai>

(1) <eng>See Lists of Authoritie, No 46.<gai>

[TD 89]

1

OCH a shithean sin 's a thulaich  
Air am bheil mi 'n diugh lan boichdeas  
Bha mi uair 's a b' ionga leam  
Bhi nam aonar orta'

2

Mis is m' aithair is mac Luthach  
'N triuir sin dom chubhi 'n t' sealg  
Nuair a nochda sinn nar n arma  
Gur e thuiteadh lium Fiadha dearg

3

Oscar is Goll is Caoilte  
Faoghlán is Carril is Diarmad  
'S air m' ullain fein a Phadric  
Gun cuireadh sinn far air fiadhach

4

Le air naodh coin 's le air naodh goodhir  
'S le ar naodh sleaghana mora'  
Is le ar naodh claidheamhana glas  
Bu ghathasd an toisich comhrag

5

Leig sinn anna sin ar naodh gadhair  
Thug sinn faoch ar feadh nam beannta  
'S gan mharbhadh leinn aghana donna  
Agus Doimh throma nan gleannta'

6

Air bhi dhuinn bhi sgi airan tulach  
Thanig thugain olach gabhodh  
Dhomich ri Fionn gu h' umhaill  
'N tus' Mac Cumhail aghmhi

7

'S e sin mise Fionn nam buadhan  
Cia be thusa do shluagh an domhain  
'S mas ann thugain tha ar 'n iorghil  
Tha sinn naodhnar ma ar comhair

8

'S tana leam sin re 'n ar n' aodan  
'S a liuthad laoch treuna sleagh  
Thanig a mach o' Ri Lochlin  
Thogail creachan is cis dhibh

9

Air laimh t' athar 's do dha sheanair  
'S air laimh do leannan shuarich  
Da mhead 's tha sibh dhaoine ann  
Rheir a naodhnar 's dhuibh bualadh

10

Dhimich an teachdair gu siubhlach  
'S shuidhich iad iul mu ar comhair  
Mharbh gach fear again diubh deichear  
Sud mar reicadh sinn nar gnothach

11

Ach thug sinn sin an ruathar dàn  
Bu lionmhor ann far a sluaigh  
Bu lionmhor ann gaineadh sleagh'  
Bu lionmhor ann fleasgach a snuaghadh

12

Bu lionmhor ann cloigin gan sgoltadh  
Bu lionmhor ann coluin ga maoladh  
Bu lionmhor ann fear criosa geal  
A freasadh fol air na fraochadh

13

Ach 'n tim dhuinn sgur do chur a chath  
'S na mathibh uile dhiochairt  
Shuidh sinn sin 's cha bu dochridh  
Fear is ochdar air an t'-shithean.

## X. 2. DUAN NAN NAONAR.

<eng>Copied by Malcolm Macphail (56 lines), from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh, orally collected in Caithness. Edinburgh, February 8, 1872.

This fragment belongs to the Norse Wars, and seems to fit in here.<gai>

1

SHITHEAN sin is thulach ard,  
Air a bheil mi 'n diu làn goirteas,

Bha mi uair is b' ioghnadh leam,  
Gu 'm bithinn m' aonar ortsa,

2

Mi-fhein is m' ath 'r 's mac an Lobhar,  
An triuir do 'm b' chubhaidh an t-sealg;  
'S nuair a rachadh sinn air ghleus,  
Se dh' eireadh dhuinn feidhean dhearg.

3

Oscar is Goll agus Caoilte,  
Faolan is Coireal is Diarmaid;  
Och air m' olluinn fhein Phadruig,  
Dheanamh sinn fàth air fiadhach.

4

Le naoi coin 'a le naoi gaodhair,  
'S le naoi sleaghan geur gabhaidh;  
'S le naoi claidheamhan geur glas  
Bu ghasd iad an tùs comhraig.

5

Leag sin na coin is na gaodhair,  
Bha faoghaid feadh nam beanntibh;  
Se mharbhte leo aghan donn,  
Is daimh thromh nan gleanntibh.

6

Air bhith dhuinn bhi sgith do 'n t-shocair  
Chunnaic sinn tighinn eolach gabhaidh;  
Dh' fheoraich e dhuinn gu h-umhaill,  
An tusa mac Chumhail aghmhor?

7

'Se sin mise Fionn nam buadh,  
Cia b' e thusa do shluagh an domhain;  
'S ma 'sann ruinn tha ur 'n iorghuil,  
Tha sinn naonar ma ur comhair.

8

Is tana leam sin ri ur 'n eudan,  
Is liuthad treun ceud laoch gabhaidh;  
Thainig o righ Lochlinn do chosnadh na h-Eirinn.

9

Air laimh t-athair is do sheanair,  
Is air dà laimh do leanan shuaraich;  
'N aindeoin na chuireas sibh ri ur comhair  
Bheir sinn dhuibh bualadh.

10

Dhalbh an teachdair gu siubhlach,  
'S shuidhich e iul ma ur coinneamh  
Mharbh gach fear againn diubh seisear,  
Sud mar reiceadh leinn ur gnothuich.

11

Thug sinn nis ruair dana,  
'S bu lionmhoir gearradh sleagh;  
'S bu lionmhoir sleagh air slios greis-laoch,

'S iomadh greis-laoch bha na luidhe.

12

Bu lionmhoir ann clagain ga spealtadh  
Is fleasgach bha ri iognadh  
Is fear shlios goal bha traoghadh,  
Thala air na fraocha.

13

Bu mhath Gall an tùs a chath ud,  
Bu mhath m' athair fein is Caoilte ann;  
Cha b' aithne dhomh co aca nach molainn,  
'S! bu ionmholta an naonar.

14

Air bhith dhuinn bhi sgith do 'n fhuileach,  
Is na maithibh chuir a dhith orra;  
Shuidh sinn 's cha bu doacaluich, (1)  
Fear is ochdnar air an t-shithean.

Crioch.

P. 5. TURUS FHINN DO THIGH ODHACHA BEAGANICH. 1802.

<eng>Staffa's Collection, page 38. 177 lines. Advocates' Library,  
February 20, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

THIS is a sample of the kind of repetition which is called 'Ursgeul,' = a noble of Heroic tale. It is not a fair sample of oral recitations; but as it was written in Mull about 1800, and was still remembered there in 1871, I print this curious story just as it is in the Advocates' Library. 'O Finnla' is now called 'Rìgh Fionnaghail,' that is to say, King of the Fair Strangers. The Norsemen, distinguished from Danes, are so named in old Irish writings. At the end comes a man from Orkney, in a red garment, with a black dog, to challenge Bran. The well-known and greatly admired balled of 'The Black Dog' follows. The whole seems to be part of the Northern endeavours to secure or destroy that mythical hound. Like other prose stories about the Feinne, this is more mythical than the verse.-J. F. C.<gai>

BHA Fionn agus aireamh mhor do dh' uaslibh na Feinne maille ris aig seilg, agus seachran seilg orra san uair sin chunnic iad fear mor an ard, agus e tighin nan comhdhail, agus fìor dhroch coltas air. Bha dorn Gulbunn do dara suil a muigh agus dorn Gullbunn do 'n t-suil eila stigh.  
<eng>[This is told of Cuchullin and others.]<gai> An deidh failte chuir air Fionn us air an Fheinn, thubhairt e cha chreid mi fein nach bheil seachran seilg oirbh. Dh' fhreagair an Fheinn e, agus thuir iad ris nach rabh, gun rabh an suil ria ged nach dh' fhuair iad fathist i.

Cia as dhuit fein arsa Fionn, agus cìod e brìgh do thuris san aitesa.

Thainig mis ars eisan air theachdaireachd a dh' iarruidh Fhinn agus a mhor uaislin, chum cuirm as cuid oich gha-

(1) Doacal, <eng>afflicted, from <gai>di<eng> privative and <gai>focal<eng> a word; hence doacal etymologically means mute, silent, which is invariably the accompaniment of grief and sorrow.<gai>

[TD 90]

bhail ann an tigh Odhacha-beaganich a nochd. Cha 'n fhaod mis ars a Fionn a fhreagar, oir tha mi fuidh gheallidh gu bhì aig Ban-rioghn Eas-ruaidh air an oicha nochd fein. <eng>[Ballyshannon, in Ireland.]<gai>

Cha sin us coir dhuibh a dheanamh arsa Conan, ach da earrunn a dheanamh air na daoineibh a tha maille riut agus Goll a chuir air ceann an dara buidhidh gu Ban-rioghn Eas-ruaidh, agus u fein air ceann na buidhnidh eila gu Tigh Odhacha-beaganich Smath a labhair u Chonain arsa Fionn ni mis a mar a dh' iarr thu ach feuma tu fein a bhì leam.

Roinn iad a chuideachd, agus chuaidh Fionn air ceann an dar buidhne, gu Tiogh Odhacha-beaganich da 'm bu chomhainm Riogh-Finnla. Agus air ruidheachd dhoibh chuiridh Fionn sa chuid daoine ann an tiogh mor fada farsinn gun aon neach a chumail cuideachd na caitheamh aimsiribh leo. Thuigh gach aon do chuideachd Fhinn air aon taobh don Tigh, be Conan fear coimhead chon Fhinn an uair Sin. Thuirte e ri Fionn an deigh greis don oiche dol thairis orra gun cheol, gun òl, gun aidhir, cha neil a choltas oirn arsa Conan gu fuigh sinn a bheag do thoilinntin an so nochd. Tha mi toileach eiridh agus crann a chuir air an dorus, 'us gun duine leigidh a stigh tuilidh a nochd. Dean a Laochain arsa Fionn ma thoilichis tu fein. Dh' eirich Conan agus chuir e 'n crann air an dorus, agus sheas e fein an taice ris.

Cha b' fhada na dheidh so nair a chualas fosgladh san dorus.

Co sud arsa Conan? Tha' n so mise machd mor O Finnla, agus sea garbh ghaisgich dheug leis, a tiogn a chumail cuideachd us caitheamh aimsirich le Fionn machd Cubhail a nochd. An leig mi stigh iad Fhinn arsa Conan. Dean a Laochain mo thoilichis tu fein arsa Fionn. Thainig iad a stigh, agus shuidh iad air an taobh eila do 'n tigh, mo choinnibh Fhinn sa chuid daoine, us cha dubhairt aon neach ri neach eila failte dhuit na cia do sgeula Thanig fosgladh ann san dorus. Co sud arsa Conan. Tha 'n so mise Ninghin mhor O Finnla, agus sia maidhdinna-diag leam a tign a chumail crachdaireachd us caitheamh aimsirich, re Fionn mac Cubhail a nochd. An leig mi stigh iad Fhinn arsa Conan. Dean a Laochain mo thoilichis tu fein, arsa Fionn. Leigh Conan a stigh iad sud Thubhairt Nighin mhor O Finnla, us i togail a guth air aird, cuiridh mi mo cheann rid cheann Fhinn ic Cubhail nach bheil fear dheth do chuideachd nach leag mis ann an coththrom Gleachd. A Bhitch arsa Conan ciod e mam biodh a chroidh na dh' anam agad do cheann a chuir rim mhaighistirsas. Theid mise Ghleachd riut. An caramh a cheila ghabh iad. Air an dara car chuir i Conan air a dhruim air an urlar, agus cheangail i cheithir chaoil gu daor agus gu dainginn le cord agus le sea snaom-annadiad fhagail air. Bha Conan greis fuidhn chuibhrich sin oir bha naire air Gaisgich Fhinn eiridh ga fhuasgladh, chionn gur a bean a cheangail e. Rachadh fear an drast sa rithist a mach a choimhead na h-oicha, agus dh' fhuasgladh e snaoim san dol seachad.

Agus mar so lean iad gus an d' fhuasgladh an t-iomlan. Cho luath sa ghabh Conan a chasan an caramh na h-Inghin a bha e an dara h-uair Leag e i air a cheud char, oir bha e air fheargachadh gu h-anabharach. Nach bheil fios agaibhs Fhinn ic Cubhail nach do leag mise bean na nighin riamh a rachadh gam 'euchinn ann an gleachd: nach rabh mi dh' fhear aice nan leaginn i. Man leiginn air a cois i. Tha 'm fios sin agam arsa Fionn. Bha Conan a dh' fhear aice 'n lathir na bha stigh. Nach bheil fios agads Fhinn nach bheil te bha mi riamh a dh' fhear aice nach dug mi 'n ceann dhith. Tha fios sin agam arsa Fionn agus bu leoir a dhonadas.

Thug Conan an ceann dhi, agus thog e leis i eidar cheann 'us chasan, agus thilg e nach i air taobh muigh an Tighe, agus cha dubhairt aon neach ris gum b' olc. Chrann e 'n dorus agus sheas e aige: cha b' fhada na dheidh sin nair a chualas fosgladh san dorus. Co sid arsa Conan? Tha 'n so arsa fear a bha muigh mise tiogn le Torc gu Fionn mac Cubhail agus gu aas-lin cuiridh e mach daoine bheir a stigh e, sann air son suipeir Fhinn a tha e. Bha fear an deigh fìor a dol a mach ach cha rabh a h-aon idir a pillidh. Sheall Conan a mach agus faiccar aireamh do chuidhichd Fhinn marbh air an Dùn. Chaidh Conan a mach agus ghrad thiontaich e 'n taobh air an rabh calg-neimh an Tuirc ris an fhear a thug Ionns' an tigh e, agus bha e marbh air ball.

Thug Conan a stigh an Torc agus Bhruich 'us dha' se e, agus roinn se na thri earannibh e. Thug e da earinn don Fheinn, 'us ghleidh e earinn eadar e fein agus na coin Labhair aon do chuideachd O Finnla agus thubhairt e chuala mi riamh Iomradh math air an Fheinn, mar dheagh bhiaituich agus chreid mi e gus a noch, ach tha mi faicsin a nois nach fìor e. 'Ne sin a tha u 'g radh arsa Conan 'us e toirt an urchair sin do ghuala mhor an Tuirc a bha e creim, agus chuimsich e fearsa labhair man cheann, agus spriod e 'n Teanachainn as ris a bhalla: ag radh se mo bharrail gu bheil do leoir agadsa dheth. Cha do labhair neach gum b' olc do chuideachd Fhinn no O Finnla.

Cas na dheidh so thanig bualidh san dorus, co tha sud arsa Conan?

Tha 'n so fear aig a bheil cu dubh air eill, ag iarruidh comhrug chon air an Fheinn. An leig mi stigh e Fhinn ic Cubhail. Dean a Laochain mo thoilichis tu fein arsa Fionn. Cho luath sa thanig an cu dubh a stigh, am bad chon na Feinne ghabh e, us mharbh e tri chaogid cu air an Fheinn man d' fhuasgladh Bran. Ach cha do chuimhnich Conan a. Cha rabh neimh sa bhroigs ge do theirta Brog neimh ria, ach na b' fhìor gun rabh spuir neimh air Bran agus gu biodh e feumail air uairibh a bhrogsa bhi mo chois gan geard.

Bhrog neimh a thoirt dheth chois Bhraim us bha 'n cu dubh a faotinn a chuid a b' fhearr do bhran.

Labhair Fionn agus a dubhairt e shaoil mi riamh gum bu ghille math chon u gus a nochd a Chonain. Sann a so a chuimhnich Conan nach dug e bhrog neimh dhe chois Bhraim. Dh' eirich Conan ann an gradidh, a thoirt na Broige do Bhran, ach man d' fhuair e sin a dheanamh thug na coin sea falannan diag air Conan. Cho luath sa thuair Bran a bhrog ri lar dh' fhuair e chuid a b' fhearr an chu dhubh, agus mharbh e thiotadh e. Be so 'n riasan man do chanadh Laoidh a choin duigh, agus so i <eng>(see page 49).

N.B.—This venomous claw and golden shoe are accounted for in a long story orally collected by myself in 1871.—J. F.C.<gai>

P. 6. LAOIDH A CHOIN DUIGH. <eng>115 lines.

Staffa's Collection, page 49. Advocates' Library, February 20, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

The sequel in prose continues the story of Fionn's adventure with the Norsemen, who appear as magicians able to cast enchantments on their enemies. Bran by glamour is made to slay the Fenian women and children in the seeming of deer.<gai>

1

LA gan dh' eirich flath na Fiann,  
Greis man dh' eirich Grian air fonn;  
Chuana sinn a tiogn on Traigh,  
Fear earraidh dheirg sa choin duidh.

2

'S gile na gath greine ghnuis,  
Sa dha ghruaidh air dhreach na suth,  
'S gile na gach blath a chorp,  
Ged thachar fholt a bhi dubh.

3

Cha do ghabh e eagal ro bhair,  
Sann a dh' iarr e comhrug chon,  
Leig sinn na coin chatha cheandubh,  
Leis nach bn mhiann dol air chuil

4

An cu dubh bu gharbh a threis,  
Bhuidhnidh leis tri chaogad cu,  
Dh' eirich Fionn a measg an t-sluaigh,  
'S dh' amhairc e gu truagh air bran,

5

Nair dheargich e 'n tor na cheann,  
Dh' eirich gart us greann air Bran,  
Nair chrath Bran an t-slabhruich oir  
Measg an t-sloigh man doirt an fhuil

6

'Sann a sin bha Scann-fhuil ghlan,  
Eidar Bran 'us 'n cu dubh,  
Thug iad cuir eifeachdach gharbh,  
'Us dhagadar marbh 'n cu dubh.

7

Oganich us aille delbh  
On thorachairidh leinn do chu,  
Fios do shloinnich b' aill leinn uait  
Na co 'n tior as na ghluais u.

8

Ti-mhi-fhortain se 'n diugh m' ainm,  
Thani mi fuidh stoirm air con,  
Shaoil mi nach rabh ann san Fheinn  
Aona chu bhuidhnadh creachd air Föör. (1)

9

Mar a bhi Geola nan car, (? Sgeolan)  
Agus Bran le miad a luis,  
An cuilein man duinte 'n Iall,  
Cha 'n fhagadh e siar nar Dùn.

(1) Ainm a choin duibh.

[TD 91]

'N sin thiodhllaichd an Fheinn gu leir,  
An tri chaogad cu fein,  
'Us thiodhlaich an Laoch a chu fein,  
Air chul aonich 's air aghidh Grun

11

'S iomad grnagach dheud gheal og,  
'Us binn Gloir 's 'us Guirme suil  
Thiodhlichdadh an Dun nan Torc,  
Bheiridh biadh a noch dom chu.

Crioch.

Na dheidh so chaidh Conan a mach agus rug e air a chu dhudh air earball air dha bhi air fheargachadh airson na mharbhadh do choin Fhinn, agus air son a mhi ghnathich agus an droch aodheachd a thuar Fionn a mhaighistir, agus chuid daoine, phron, 'us bhru, 'us mharbh e na dhamis air ga naimhdibh air Taobh muigh an tighe. Ghlaodh aon do mhuintir O Finnla. 'O! ars eisan nach dig sibh a mach agus gun caisgidh sibh a fear maol malluicht aig a bheil 'n cu dubh ria Earball.' 'Cha 'n fhag e duine beo man stad e.'

Leum gach aon do chuideachd Fhinn a mach as an tigh, a dh' fhaicsin co bha ann, agus dh' fhagadh Fionn na aonar. Dh' eirch na bha stigh do mhuintir O Finnla, chum Fionn a mharbhadh agus chuir iad air Imain e gu Oisin an tighe. Chrom gach aon a chaidh a mach an ceann sa cath maille re Conan. Bha Fionn san ams' an eigin mhoir. Thug e eidh air an sgiath shnithaich. Chluinnt e i ann an cuig cuigibh na h-Eirinn. Cha tugta uair sam bith eidh orr' ach uair a bhidh Fionn na Eigin, agus mar a digidh comhnadh ga Ionsuidh, man dugadh i 'n treas eidh, bhiodh e cailte, chuala odh Fhinn gam b' ainm Oscar an eidh, agus a dubhairte, tha mo shean-athir ann an eigin mhoir. Leum gach aon ann am Beairt-thuimhnich, agus cho luath sa ranig Oscar, chaidh e stigh air druim an tighe. Cha rabh e comas dha dol a stigh air an dorus, a chionn gun rabh Geard laidir air. Chaidh e eidar a th' sean athir agus muintir O Finnla, agus shaor e sheanathir as an lamhaibh. Agus cha d' fhag iad fear Innse sgeoil, na chumadh Tuairc asgeil, ach machd mor O Finnla, chaidh eisan a mach air mullach an tighe, agus thuair e as orra.

Air madinn an la b' fhoisge ghabh na bha lathir dhiu 'n turas gu pillidh ions' an aite fein. Agus thachir machd O Finnla riu ann an coltas eila, oir bha draoidheachd aige. Thubhairt e ri Fionn, a bheil an cu sin math, tha arsa Fionn? A marbh e feidh? marbhich arsa Fionn. Cuiridh mise geall ars eisan nach marbh. Tha e ruit arsa Fionn. Mo thachris na feidh oirn. Cha b' fhada dhoibh mar sin, nair a chunnaic iad aireamh lionmhor dhiubh Stuig Fionn Bran, ach cha ghabhadh Bran stuigidh uaidhe. Cha deanadh each a chluasan a mhaoladh agus fheamman a chrathadh. Nach dubhairt mise ruit arsa fear a thachir orra.

Faic a nois gu bheil do gheall ort. Stuig Fionn an dara h-uair e. Ach cha deanadh Bran ach a chuasan a mhaoladh, 'us earball a chrathidh. An treas uair bhuaill Fionn e agus ri siubhal a ghabh bran agus thug e fotha s tharl a, us triod us rompa, agus cha mhor nach dug e dith air an Imlan diubh. Nair a chaidh an Fheinn gan aite fein, cha d' fhuairead iad mnathan na clann rompa. Bha iad air a marbhadh le Bran ga aindeoin, oir chuir machd Righ Finnla fu gheasabh iad.

Mac Nicol's Collection, Ossianic Ballad. Copied by Malcolm Macphail,  
Edinburgh, March 4, 1872.<gai>

1

SHE chunnig shin tin fo 'n Traigh,  
Fearr Earra gheirg as Coin duigh;  
'S gille nan Gegan a T-shnuaigh,  
Bha dha ghruaigh air Dhath nan suth.

2

'S gille na gach Bla a Chorp,  
Gad harla ga Fhalt bhi duth;  
Egil cha do dhaibh e robhin,  
She dhiar e oirn Coibhrig Chonn.

3

Leigadar rissin Coinn Chaich,  
Lois nach bu ghna dol air Cul;  
She 'n Cu duth bu ghairbhe Greis,  
Thorchrir leis tri chaogid Cu.

4

Dherich Fionn am measg an T-shluaigh  
'S ghaibhric e gu cruaidh air Brann;  
Dhearragich a dha T-shuil na chean,  
Dherich gairt as Grean air Bran.

5

Nar chrath Bran an T-slaibhrigh oir,  
Measg an T-sloigh le 'n doirte Fuil;  
San an shin bha Scainnirt Ghlann,  
Edir Bran as an Cu duth.

6

Thug iad Cuir efichdich gharag,  
Fagadar mairibh an Cu duth;

7

Oganich as ailigh dealbh,  
Neis fon horchrir lein do chu;  
Fios do Loinnigh' bail lein uait,  
Na co 'n Tir as 'ndo Ghluais u.

8

Ebhin Ossain be sud mainm,  
Hanig mo stoirm air Conn;  
Haoil mi nach ro sud nar Fein,  
Na bhuinigh creichdin air For.

9

'S ma bhuithur Geola nan car,  
Agus Bran aig meid a Luigh;  
Cha ro Cullain mun druid' Ial,  
A ghagigh For shiar mun Dun.

10

Suimmid maodin deud-gheal og,  
'S binne Gloir sas bui cul;  
Ha na suithidh 'n Dun nan Torc,  
Bherigh Biagh a nochd do 'm Chuith.

Crioch.

F. 15. RANN A CHOIN DUIBH. <eng>60 lines.

Fletcher's Collection, page 117. Advocates' Library. Feb. 7, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

Eachdraidh air fear a thainig a thagairt comhrug chon air Fionn agus air an Fheinn uile.

1

MOCH eiridh rinn flath nam Fiann,  
Seal mun d' eirich grian air magh;  
Chunnachdar a tighinn o 'n leirg,  
Fear chochul deirg 'sa choin duibh.

2

B eibhin è ri amhrace suas,  
Bha dha ghruaidh air dhreach nan subh;  
Bu ghile na chailc a dheud.  
Fhalt o tharladh dha bhi dubh.

3

Thainig thugin gu mur Fhinn,  
Fleasgach grinn sa bhar mur lon;  
Bho fhuil an fhir ghabh e sga,  
'S ann a dh' iarr e air cach comhrug chon.

4

Fhuasgladar uile coin chaich,  
Leis nach bu gl'nath dol air cul;  
An cu dubh bu gharbh a ghreis,  
Mharbha leis naoi caogad cu.

5

'Sann an sin a labhair Fionn,  
Si shoh an Iorhuil is cha bheag;  
A' tionndadh bho charruibh an t-sloigh,  
Is dh' amhric e gruamach air Bran.

6

Nuair chralh Bran an t-slabhruidh oir,  
A measg an t-sloigh bu gharbh a gaoil;  
Dh' eirich gart is greann air Bran,  
Gu bhi an sealbhan a choin duibh.

7

Buinnibh an iall do 'n chuilean gu fior,  
Bu mhaith a ghnìomh gus an diugh;  
Is gu faichdeadh sibh sgaineart ghlan,  
Eidir Bran is an cu dubh.

8

Leig iad na coin sroin ri sroin,  
Measg an t-sloigh gun do dhoirt iad fuil;  
Le Comhrug diamhar gu dlu,  
Gus 'n do mharbha an cu dubh.

9

Ach fhir ud a thainig gur Feinn,  
Bho 's ann leinn a mharbhadh do chu;  
Innis do shloinne na t-ainm,  
No co an tir as an d' thainig thu.

10

Eibhun Oissian b'e sud m' ainm,  
Thainig mi fodh stoirm air cohn;  
Shaoileam nach robh sud nar Feinn,  
Aon chu chuireadh creuchd air For.

11

Mur bhi Geola nan car,  
Agus Bran le miad a luis;  
An cuilean mu 'n duineadh thu an iall,  
Cha 'n fhagadh mo Thriath san dun.

[TD 92]

12

Dun a choin duibh an dun ud shior,  
Flath nam Fiann bu gheall a mhur;  
M' achuings air Padruic nam fear,  
Gu 'm faichdar a leachd san dun.

13

'S ioma maoidean deud gheal og,  
Bu bhuidhe cul is bu ghuirme suil;  
Tha na 'n suidh an dun nan torc,  
A bheireadh a nochd biadh do 'n chu.

14

Thiolaichd sinne am fiorldach fial,  
An leabuidh chruaidh chon an cu;  
Gur e thiolaichd sinn nar Feinn,  
Aon fhichid deug caogad cu.

15

Deichid ceud fichead na narm glan,  
An la shin a mharbh Bran an cu;  
Bha aig mac Chuthail nan corn òir,  
Aig iomairt is aig òl san dùn.

<eng>H. 14. HOW BRAN KILLED THE BLACK DOG.

84 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 48. Advocates' Library, December 5, 1871.

Dublin, December 9, 1871.—Story known to Hennessy; Poem not.

A MAN early in the morning came to the Heroes with a Black Dog, named For (means literally a Dog who would go far and near to get venison and prey for himself), in hopes that he would kill all their Dogs, and killed 150, till they loosed the vanquisher Bran. Observe the Poem.<gai>

DAN 10.

1

AIR bhi dhuinn la sa Bheinn t-seilg,  
Bu phuthar leinn bhi gu 'n choin;  
Ag eisteachd re gárraich ian,  
Re buirich fhiadh agus lon.

2

Do rinn sinn ár ann gu 'n chealg,  
Le 'r conaibh 's le 'r 'n armaibh neimh;  
'S thainig sinn d' ar teach tra' neóin,  
Gu subhach ceolmhor le gean.

3

'N oidhche sin dhuinn an teach Fhinn,  
Ochóin bu bhinn ann air cor;  
Re dhuinne bhi sgathadh théud,  
Re caitheamh ean, fhiadh is lon.

4

Moch eiridh rinn Fionn 'n ath lá,  
Mu 'n d' ainig grian ar a bhruth;  
Is chunnaig e teachd o 'n leirg,  
Fear chochaill deirg is choin duidh.

5

'S ann mar so do bha a shnuadh,  
Bha dha ghruaidh air dhreach nan sugh;  
'S bu ghile nan canach a chneas,  
Ge d' tharladh d' a fholt bhi dubh.

6

Thainig thugainn gu mór chrá,  
'N Gille grinn 's a bhár mar lon;  
Air urrlam cho luidheamh sgá,  
'G iarruidh air cach comhrag chon.

7

Leig sinn thuige 'n tus a bhláir,  
Gach greadhain a b' fhearr bha 'n ar múr;  
An cú dubh bu ghang a ghreis,  
Mharbhadh leis trí chaogad cú.

8

'S ann an sin a labhair Fionn,  
'S e so an iorgaill nach lag;' (I. s' mor slad)  
Thiondaidh e chul ris an t-sluabh,  
'S dh' amhairc e le gruaim air Bran.

9

'N sin chrath Bran an t-slabhruidh óir,  
A measg an t-slòigh bu mhor a ghal;  
Do las a dha shúil na cheann,  
Is dh' eirich grann air gu cath.

10

'B uineadh an iall do 'm chú gu fíor,  
Bu mhaith a ghniomh gús an diú;  
'S gu faicamaid sgannail ghlan,  
Eidear Bran is an cú dubh.'

11

Leig iad na coin sróin re sróin,  
Measg an t-sloigh do dhoirt iad fuil;  
B' e sin an deobhidh ladair gharg,  
Mu 'n d' fhagadh leis marbh an cú dubh.

12

'Fhir ud a thainig d' ar Feinn,  
O 'n mharbhadh leinn fein do chú;  
D' ainm 's do shloinneadh ailis dhuinn,  
Is an tir as na ghluais thú.'

13

'Eibhainn Oisain gur e 'm ainmsa,  
O riogh'chd torc mu stoilbh ar con;  
Shaoil mi nach raibh ann 's an Fhéinn,  
Aon chu dheanamh créuc air For.

14

'Mar bhitheadh (1) Geola nan car,  
Agus Bran le mead a lúidh;  
Cha raibh cú mu 'n duinte 'n iall,  
Dh' fhagadh mo thriath beó 'n ar Túr.'

15

'S maith a chuma bh' air mo chusa,  
Bha alt luidh fad o cheann;  
Meadhan leathann, leodhar-chliabh,  
Uileann fhiar agus speir cham.'

16

'Sboga buidh 'ta air Bran,  
Da thaobh dhubh, agus tárr geal;  
Drim uaine re suinn san t-seilg,  
'S da chluais bhiorach, chorrach dhearg.'

17

'S iomad gruageach fhionn gheal donn,  
Is gurme súil 's is ór bhuidh folt;  
Tha an duthaich mhic Righ Torc,  
Bheireadh biadh do 'm chusa noc.'

18

'N sin thiodhlaic am fíor laoch fial,  
An leabuidh chaol chria' a chú;  
'S do thiodhlaicaibh leis an Fhiann,  
'S an Dún shiar tri chaogad cú.

19

Dh' imich Eibhainn Oisain uainn,  
'S cho bu bhudhach leis a theachd;  
O na chaill é a dhea' chú,  
Bu mhor eolas ludh is neart.

20

'S deich céud fichead do 'n arm ghlan,  
'N la sin a mharbh Bran an cú;  
Bh' aig Mac Chuthaill nan cornn óir,  
Re h-iomairt 's re h-ól san Túr.

21

Creid thusa Phádraig gur fíor,  
Gu raibh sinn uair bu mhaith cliú;  
A chleirich ge d' tha mise noc,  
Ann am aon chéilainn bhochd a d' mhúr.

I. 7. AN CU DUBH. <eng>84 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 60. Advocates' Library, April 6, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

As this is a second version, written by the same man, I give variations only.

THE fame of Fingal's Hounds for the game was spread over a great part of the world, especially that of his own Grayhound, Bran. A man came from Inis-torc (supposed to be the Orknies) with a large and monstrous Black Dog, not doubting but he could kill all the dogs that pertained to Fingal. At his arrival, For, being the name of the Black Dog answered to, engaged and kilt three fifties of Fingal's hounds. Fingal liberated Bran, which soon dispatched Forr. Fingal seemed to have had an extraordinary notion of chusing and training these animals being found very useful upon several occasions, especially for the game, and chasing and banishing wild beasts.<gai>

AN CU DUBH.

2

Do rinn sinn àr air an leirg,  
Bu mhor ar seilg is ar coin;  
B' armach, eibhinn sinn tra'-noin,  
'N teach Riogh Phaile Triath gun òn.

3

Triath na feile b' eibhinn tìm,  
Ag caitheamh ean agus lon

9

Bu bhorb a ghreann, 's bu bhuirbe sgal.

12

Fhir ud a thainig d' ar Feinn,  
On' thorchair leinn fein do chu;  
Do dh' fhearadh an domhain gu leir,  
Cho 'n eil fiosam fein co thu.

(1) Mathair Bran, agus bha a colg no a fionnadh min.

[TD 93]

13

Eibhinn-cosgar gar e m' ainm,  
O Innse-torc ma 'stoilbh ar con;

14

Mar bhitheadh Geola nan gath, (? Sgeolan)  
Agus Bran le mead luigh;

16

Spogan buidh' ta air Bran,  
Tarr-geal uaine dhath san leirg;  
Suil mar airneig spuirean comhlach,  
'Sda chluais bhiorach, chrodha dhearg.

17

'S iomad gruagach rinn-gheal, àrbhuidh,  
'S guirme suil, 's is aille folt;  
Th' ann an Innse-torc nan armann,  
Dheanamh bhaidh ri 'm Chusa noc.

19

Dh' imich Eibhinn-cosgar uainn,  
Cha bu bhuadhar leis a theachd;  
O na thorchair leinn a Chu,  
Bu mhor alla ludh is neart.

DUN AN OIR. <eng>D. F. H. I. O.

THIS Golden Mound or Fort or Castle is identified with a castle on the island of Cape Clear, at the southern extremity of Ireland. See note page 127, Book of the Dean of Lismore, and Miscell. of Celt. Soc. p. 143. In the poem noted it is mentioned as a remote place, from which guests came to Castle Sween, in Argyllshire, about 1472. The Tribe who owned the Golden Castle are named in 'The Lay of the Heads' as slayers of Cuchullin, who were themselves slain by Connal. This ballad, therefore, seems to describe an outbreak of an old feud between the Northern and Southern tribes of Ireland, during a pause in the Norse Wars. Of the six warriors engaged, one may either be 'Fergus Sweetlips,' Fionn's son, or their Norse ally, who appears in a later ballad as a foe. Many places in Gaelic countries are named 'Golden.' A Golden Rock is in Sutherland; and a Golden Mountain is in Jura: somewhere in the middle of Scotland is a place called 'Dun an Oir,' which has been identified with a Fenian story. In this ballad the place meant was in the West, and the narrator was speaking to Padruig, on the Hill of the Feinne, that is on or about the Hill of Allen. Probably some place on the West coast of Ireland was meant. This exploit is mentioned in one of the ballads about Caoilte. See above: page 55, line 89.<gai>

D. 19. CATH NA 'N SEISEIR. <eng>62 lines.

From Mac Nicol's Collection. Copied by D. Mac Pherson. May 3, 1872.<gai>

1

SEISHEAR ga 'm biodhmaid ma 'n Riogh,  
Cho bi 'n T-seishear bu bheg Briogh,  
Sgar Ban diu Fearragan Fial.  
Coilt is Caoireal nan gorm Shrian.

2

Leig sinn air Cuachan re Sruth,  
Is reinn sinn an Tòl gun Ghuth,  
Cuach Fhein a bhuidhin an Geall,  
Shiabhladh i na haoinaran.

3

Thaineic seachd Sheasheair nar Ceann,

Don T-sluagh fhuilleach fhaoibhar fhionn,  
'S a 'm Fear bu taribh dhibh sinn,  
Go 'n 'diongadh e Ceud an Ceud an Comhrac.

4

Bhiodh ma Bhragad gach Fir mhoir,  
Scabbul daingean do 'n dearg shrol,  
Osean na Craoisiche nimhé,  
Lanna saoibhir 's iad doth-chaithe.

5

Da Luireaich an Eidibh Theann  
Ma Chuirp sheanga na 'n saor-chlann  
Bhiodh air uachdar sin orr' uille,  
Earreadh Uaine air aon Dath.

6

Thairg Fean doibh Cumha mhor  
An Earreadh fein de 'n dearg shrol,  
Ceud Bean no Baintreach sa bhron  
'S fear os a Chean sa Chomh-ol.

7

. . . . .  
Se huirt Clann a Chuilg na 'n Cleass  
Cho bhi sinne reidh go Hoiche.

8

Sin nuair dhiosluigh Fean a Gloir,  
'S e 'g amhrac ar Sluadh a Chomh-oil,  
Bheil sibh gabhail Teabheachd dheth,  
Dul a bhualadh na 'n seachd Sheisear?

9

Bha mi Latha 'n Ruaig na 'n Gleann,  
Huirt an Tosgar bo mhor Greann,  
'S reinn mi Gniobh bu dorra leum,  
Na 'n Ceinn a bhuintin do Sheishear.

10

'S huirt Fearragan mac an Riogh,  
Marbhaidh mi mo Sheashear dhiobh,  
'S cho chuir e Truim' air Neach eille,  
Na thig slan o 'm Ioruidhailse.

11

Diongidh misidh Sheissir eille  
She huirt Caoril nan arm gaiste  
Is cha chuir e trom air Chach  
Aoin Laoch a hig am Chobhail.

12

Labhair caoilte nan Arm nibh'  
Marbhaidh mi mo Sheshear dhibh,  
Go ma dearg o bhun go barr,  
'M Ball an tairngin mo Gheur-lann.

13

Gur mairg a dhagadh air Dail  
Diaish leis an craimte Craimh;

Marbhaidh mise 's Goll a Ghaisge,  
Air da Sheishear 's an aoin Aitteal.

14

Chrom sinn ar Cinn anns a Chath,  
Is reinn gach Flath mar a gheall;  
Mharbh mi fein mo Sheishear ar tus;  
Sud a Phadric mo cheud Chuis.  
Mharabh Osgar Sheishear is Fear (? Fean)  
Se mo dhochun bhi ga iomradh.

15

An Fear mu dheire bha aig Fean  
Mar bhuinne edar dha leann,  
Ghabh e, is bu mhor an Teachd,  
Air seachd Buillin na aoin Sgedh,  
'S mar bhiodh Osgar nan ceud Radh  
Cheangladh e sinne nar Sheiseair.

F. 10. RANN AN FHIR SHICHD' IR.  
DUN AN OIR. <eng>35 lines.

Fletcher's Collection, page 10. Advocates' Library, January 17, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

In this version the poetry is broken. The same lines can be recognised in  
other versions, which follow.<gai>

LATHA araid' bha Fionn sa bheinn sheilg,  
agus seisear do 'n Fheinn comhla ris;  
chunnacas Laoch a teachd na 'n comhail ris  
an do chan Fionn am fear Sichd'ir, ag radh

1

Fhir Shichd' ir sin agus fhir Shichd' ir,  
Ciod an t-àite as an d' thigeadh tu?

2

Thainig mis' a Dùn-an-òir,  
An Dùn a ta an fhiar;  
An Dùn nach d' thugadh a gheil riamh,  
Nach d' thugadh a bhroighdean a muigh,  
'S d' am biodh a naimhdean diomach

3

Rainig Sinne Dùn-an-òir,  
'S chrom sinn ar cinn mu 'n cho-òl;  
'S thainig seachd seisear d' fhearai bh mòr na ar ceann.

4

Do shluagh fuileach faobhar arm,  
'S am fear bu tàire dhiu sud  
Gu 'n dìongadh è ceud an còmhrag.

5

Bha mu bhraidhe gach fir mhòir,  
Sgabull daite do 'n dearg òr;  
Craosach mhaille na 'n làimh neimhe,  
'S lannan leobhra' bha dò-chaithe.

6

Tùs slòigh 'n àm dol san teagmhail,  
Agus deire tighinn a mach;  
Bho se' thoga buaigh na buidhne,

7

Deir Fionn.  
Ma dh' fhàg sibh air deireadh cliar,  
Dithist leis an croimear cnai  
Diongaidh mis' 'us Goull a ghaisge,  
Air da sheisear a dh' aon aithim.

[TD 94]

8

Ach bha 'm fear mu dheire bh' aig Fionn,  
Mar Sheobhag eadar dhà lion;  
Fhritheal è 's bu mhòr am feum,  
Air seachd builleann na aon sgeith  
'S mur bhith Oscar nan rath,  
Cheangail è sinne mar seisear.

<eng>H. 13. HOW FINGAL, WITH SIX OF HIS NOBLES, WERE INCHANTED TO GO TO  
KEEP WAR WITH CLANN CHUILAGADAN IN THE GOLDEN HILL. 88 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 57. Advocates' Library, December 7, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

Dublin, December 9, 1871.—Except as part of the Cuchullin Story, this is  
not known to Hennessy in any shape.

THE ARGUMENT.

FINGAL was one day with six of his Nobles, was walking out, and they saw  
a Fairy, coming unto them, when he came he looked narrowly on Caoilte,  
and Caoilte asked of him from whence did he come, thus:—

You little wise man,  
From whence did you come?

I did come from the Golden Hill,  
Which lieth still westward;  
Its prisoners were never got out,  
Inconquered in all war.

For what reason did you come,  
To us most mighty hands,  
Who are unconquered yet by men,  
And exceeds all in war?

I came to enchant you six men,  
With Master to our hands,  
To dine with us to day in Hill,  
And then to keep us War.

Then the conjurer ran away, when he enchanted them to follow him to the  
Golden Hill, Caoilte keeps him always in his sight; and had a faggot of  
sticks, and he would stab a stick in the . . . of every hill, and mount,

that the rest would know where to follow him, which he use to do always when he would be in extremely hurry, and he would cast three shadows then, his two foot, [The Gaelic dual.] and his head, when he came to the hill, he found a Table covered and all kind of victuals and liquor on it, which was to be found in that age. In a while after that the rest all came one by one, each according to his swiftness, and tho' they were both hungry and thirsty and also tyred, they were afraid to eat or drink any, for fear of punishment; since there was none present to invite them, but one of them said, because it was presented to them that they would take some of it, they were not long eating when Four Men came among them, and the weakest of which would kill one hundred in conflight; Fingal offered them a great reward for to touch him not, but they said since they were able to do it, that they would take no reward, but their six heads and to make himself a prisoner, then they rather to give an attempt to them, tho' they were sure to fall, than to surrender otherwise; they began and killed them all, and brought home with them their arms, apparel, and every precious things which they had in their Tower.<gai>

DAN 13.

1

LATHA bha Fionn is seisear ag ól,  
'S iad nan suidh mu 'n aon bhórd;  
Thainig seachd seisear 'n ar ceann,  
Do shluagh fuileachdach faodhbhar arm.

2

B' iad sin na gaisgich ro mhór,  
A b ' ualmharra cruitheachd croic;  
'S am fear a bu táire dhiu,  
Gu 'n dìongadh e ceud gu 'n diú.

3

Bha clog mu cheann gach fir mhóir,  
An comhdach clocharra córr;  
Is cotaibh ionnealta grinn,  
Mu chuirp thréun na fear neo' thím.

4

Ghabh sinn eagal rompa uile,  
Nach d' ghabh sinn riamh roi aon bhuidheann;  
Gu marbhadh iad sinn gu 'n sóradh,  
Oir cho deach neach riamh o'n comhrag.

5

Do thairg Fionn dhoibh cumha mhór,  
Corr agus céud unc do dh' ór;  
Céud sath ris nach deachidh srian,  
Is céud bean bhantrach choi' fhial.

6

Céud cloidheamh 's céud earradh óir,  
Is suidh os a cheann ann 's gach ól;  
Coimhdachd Rìgh 'm baile mór,  
'S dol a dh' fhulang lús a leóin.

7

Se thuir na curina tréune,  
O na 's comasach dhuinne dheanamh,  
Cho ghabh sinn cumha no geall,

Ach bhur sea cinn air aon bhall.

8

An sin dh' ioslaich Fionn a ghloir,  
Is sheall e air luchd a choi' óil;  
A dhaoine 'n gabha' sibh deisainn,  
Dhol a bhualadh nan seachd seisair.

9

Se thuirte an t-Oscar bu mhór greann,  
'An lá chuireadh ruaig nan gleann;  
Rinn mi túrnn bu chruaidhe leam,  
No ge d' bheiream an ceann do sheisear.'

10

'Diongaidh mise seisear dhiú,  
Do rá Fearraghuin bu mhór lúth;  
Cho chuir e lé-trom air cách,  
Aon laoch a theid o 'm lámh.'

11

'Diongaidh mise seisear eile,  
Do ra' Caireall nan arm teine;  
'S dearg mo fhraoch re sgalhadh cheann,  
'N uair a nochdams' mo chruai' lann.'

12

'Diongams' Caoilte nan lámh luath,  
Fear is seisear do 'n mhór shluagh;  
Gu 'r guineach iomairt mo lámh,  
'N uair a nochdam lann gu h-ár.'

13

Diongams Oisain is grad lámh,  
Mo sheisear fein air aon bhlár;  
Cho chuir e dragh air aon aitim,  
Aaon fhear theid o Ghearr-nam-callunn.

14

'Mu dh' fhagadh gu deireadh cláir,  
Diais leis an creumar cnáimh;  
Diongaidh mis' is Goll a ghaisgidh,  
Ar da sheisear a dh' aon aital.'

15

Lean sinn an an sin air a chéile,  
Seisear do Mhaithidh na Féinne;  
Is Clann Chuilgadan nan cleas,  
Gu 'm bu choidhliont ar coi' ghleac.

16

Do 'n shiubhail mi 'n bhuidh bhraonach,  
Cho 'n fhas riamh an coi' baodhlach;  
'G eisteachd re slacraich ar 'n arm,  
Mar bhuailt innain le trom fhaithrich.

17

Dhiongas mo sheisear air thús,  
A Phádraig 's bu mhór a chliú;  
Dhiong Oscar a seisear le aon bhéum,

Mo sgéul goirt a bhi d' a iomradh,

18

Rinn na curina mar gheall,  
Mar rinn mise 's mo ghradh calma;  
Ach am fear mu dheireadh a bh' aig Fionn,  
Bha mar bhuinn' eidear dha lionn.

19

Ghlac e 's bu mhór an téuchd,  
Ar seachd buillean na aon sgé;  
'S mar bhitheadh masg Oscair le rath,  
Mharbhadh e sinne le ghath.

20

Dh' imich sinn o Dhún an óir,  
Gu subhach le gean gu 'n león;  
'N deidh cosgairt na tréun aitim,  
Gheibha' buaidh 's gach bláir is batailt.

21

Thug sinn leinn an airm 's an eideadh,  
'S gach gné shéudaibh bu mhó féume;  
Le moran do dh' ór an Tearmain,  
Gu sólasach gu Tigh-teamhra.

22

Creid thusa chleirich na h-Eirann,  
Gu raibh sinn uair bu mhor eibhneas;  
Ge d' nach maithrean aon anois dhiu,  
Ach mis' am aonar gu snitheach.

[TD 95]

I. 5. DUN AN OIR. <eng>92 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 56. Advocates' Library, April 6, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

As this is a second version written by the same man I give variations only.

THE GOLDEN HILL.

FINGAL and six of his nobles and brave Heroes were taking their walk of an evening and saw a Fairy like person making towards them, who Fingal knew to be with Intelligence from far and address'd him as follows:—<gai>

FHIR shicir toir fios duinn,  
Cia 'n t-uil as an d' thigeadh tu?

Thainig mis O Dhun an oir,  
An dun ud siar nan Triath fiontruinn;  
An dun as nach d' thuigte bhraidean a mach,  
'S da' am bithidh a naimhde diomach.

Ciod e ghluais o Dhun nan cliar,  
An t-oglaoch fiato, gearr;  
A dh' ionnsuidh Cathanaibh na Feinn,  
Nach d' fhuiling beud am blar?

Thainig mis' am theachdair cuilg;  
O Chlann Chuilgeadan nan cleas;  
A tha ri feist a thoirt do 'n Fheinn,  
Do mhead sa dh' eile leis.

<eng>Fingal instantaneously followed this scout to the Golden Hill, where they arrived much fatigued and found none of Clan-chuilgadan at home. The Women treated them very hospitably and were eating and drinking by the time Clan-chuilgadan came upon them (being 42 in number) who attempted immediately to make Fingal prisoner and kill his attendants. Fingal offers them great many rewards, to no purpose, and be friends. The brave Fingalians seeing they had either to do or die encountered and kilt Clan-chuilgadan and came home victorious to Tura, loaded with arms and valuable accoutrements from the Golden Hill.<gai>

1  
LATHA chuaidh Fionn do Dhun an Oir,  
E fein sa sheisear mun aon bhord;  
Thainig seachd seisir nar ceann,  
Do shluagh fuileachdach, fao bhar arm.

3  
Is cota creithilte grinn,  
Mu chuirp nan treun nach bu tìm.

4  
Mar fhuaim tuinne chluint an comhradh,  
'S cha deachaidh neach riamh o 'n comhrag.

6  
Ceud cloidheamh, ceud earrad buaidh,  
Ceud ceann-beairt is sligheach chruaidh;  
Coimhdeachd Riogh anns gach toir,  
'S dol a d' fhulang tus an leoin.

8  
Dhol a bheuma nan seachd seisear.

10  
'G eisteachd ri slachdraich nan dornn,  
Gach beum mar innein nan ord.

19  
Mar bithidh Masg Oscair nan geusan,  
Mharbhadh e sinne 'nar seisear.

20  
Dh' imich sinn o Dhun an Oir,  
Gu subhach eibhinn gun leon;  
An deidh Clann-chuilgeadan nam bèum  
A chosgairt 's bu mhor an sgeul.

21  
Bu deurach bantrachd nan sonn,  
A caoidh na dh' eug air an tom;  
Mar ghàrraich ean air an tràidh,  
Chluinte iolach bhròin gach mnàith.

22

Thug sinn leinn an arma geura,  
Liobhaidh, leudara, san t-eug-bhail;  
Gu muirneach, miolainte, meamnach,  
Triall thair gach magh gu Tigh-teamhra.

23

Creid thusa Phadraic nan cliar,  
Gu raibh sinn la bu mhor miadh;  
Ged nach maithrean ach mise noc,  
Am aonaran snithich fuidh sprochd.

O. 4. DAN AN FHIR SHICAIR. <eng>73 lines.

Dr. Irvine's MS., page 15. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 16, 1872.

In this version are lines which do not seem to belong to the ballad.<gai>

1

CHUNNACAS tighin o'n lear,  
An t-aineil mor athach ioghna;  
Fhir Shicair nan ceuma borb,  
Ciod an t-ait as an tigeadh tu?

2

Thainig mise á Dun an oir,  
An Dun ata an aird an Iar;  
An Dun nach tug a gheill riamh,  
'S gu 'm bitheadh a naimhdean diomach.

3

Rainig sinne Dun an oir,  
'S chroma ar cinn man cho-ol;  
Thainig seachd seissir 'nar ceann,  
Do shluagh fuileach faor arm.

4

Am fear bu taire dhui, sud,  
Gn 'n deanga o ceud an comhrag;  
Bha ma bhraigh gach fir mhóir,  
Sgapul daite dhe 'n oir dhearg  
Craosach mhaille nan laimh nimhe  
'S lannan liobhra bha do-chaithe.

5

Thairg Fionn doibh cumha mor,  
Thairgeadh leis ceud unga òir.  
Ceud saoi ris nach deacha srian.  
Ceud bean bhantrach co-fial,  
Tus sloigh 'n 'am dol san teugmhail,  
Agus deire tighinn a mach,  
O 'se thogadh buaidh na buaighne.

6

Ach fhreagair na cuiridhean calma.  
O 's comasach dhuinn a dheanamh,  
Cha ghabhar lein cumha no geall,  
Ach 'ur cinn uile air aon bhall.

7

An sin dh' islich Fionn a ghloir,  
Sheall e air luchd a cho-oil;  
Dhaoine an gabh sibh fuathas deth,  
Dol a bhualadh nan seachd seissir?

8

Deir an t-Oscar bu mhor greann,  
An la thugadh ruaig nan gleann;  
Rinneadh gnìomh bu chruaidh leam,  
No na cinn a bhuin do sheissir.

9

Deangar leamsa seissir eile,  
'Se thuirte Caorrul nan arm gasda;  
Bu dearg fraoch a sgaradh cheann (sgatha)  
Deangai mise seissir rìgh.

10

'Se thuirte Feargu an gloir mhin,  
Cha chuir iad leatrom air chach;  
Gach aon laoch a thig a' m' choail. (cho-dhail)  
Deangaidh Caoilte nan cas luath,  
Fear is seissir do 'n mhor shluagh.

11

Deangaidh fear saothrach nan ramh,  
A sheisir fein air aon bhall;  
Deir Fionn Mac Cuthail  
Ma dh' fhag sibh air deire clair,  
Dithis leis an croimear cnamh,  
Diongaidh mise 's Goll na gaisge,  
An dà sheissir a dh' aon aitim.

12

Bha 'm fear ma dheirebh aig Fionn,  
Mar sheodhag eadar dha lion;  
Fhrìghail e 's bu mhor am feum,  
Aiar seachd builleann na h-aon sgeth;  
'S mar bhi Osgair nan nadh.  
Cheangail e sinne 'nar seissir.

<eng>The following fourteen lines do not seem to belong to the rest in any way, but they are written here, so I leave them.<gai>

13

Croilhidh mi ceud maoslach mhaol,  
Air gleann Easgadail dan laogh;  
Ceud Douran 's ceud damh alluidh,  
Nach d' fhag an cuibhne an ard bheann.

14

Ceud comhladh do 'n chreamh ghlas,  
Air a bhuan san fhaoileach gheamhraidh,  
Chuirinn sid a steach am maireach,  
Air bhuidheachas mo leannan.  
Air greigh do eachaibh donn dearg,  
Fo cholainn do fheara feannaid:  
'Se 'n diol do eachaibh co-sheilg,  
'S iad uile do dhi armacha,

Caoithidh iad mise an sith bhrugh,  
Ach cha tig mi tuille a' d' amharachd.

TEANNDACHD MOR NA FEINNE.

<eng>I AM puzzled where to place this ballad. According to peasant reciters, people from many foreign realms joined the Feinne when their fame had spread. They had

[TD 96]

beaten Manus, the Northern invader, and the Southern tribes at Dan-an-Oir. According to this ballad, two recruits, of whom one was a son of 'Leir,' or Liuir, who seems to have reigned in the Isle of Man, took umbrage, and deserted to the King of Lochlann. According to current tradition, the warrior had a love-mark on his brow, <gai>'Sugh Seirc.' <eng> The Northern Queen, who was a daughter of the King of France, and newly married, eloped with the deserters, who returned to their comrades. The injured King pursued. Fionn sent a princess, probably one of Cormac's ten daughters, to offer gifts, and herself. The invaders would have nothing less than Fionn's head. The Lady blessed them, and rode away. The Banners were hoisted, in a passage which is very old, and common to several ballads, and battle was joined. Goll and his tribe, backed by the Clanna Baoisgne, after eight days, nearly exterminated the Northmen, but a third, or two thirds, of the Irish army died. It somewhere appears that Fearragin had served with the Feinne, and that he, not Manus, enticed them to Lochlann.

More of this family appear in prose tales, serving with the Feinne, and slaying giants in Ireland.

This ballad is very popular. Copies of it were in Irish MSS. before 1784, and these are in Dublin still. In December, 1871, Mr. Hennessy, who is well read in old Irish MSS., did not know this ballad, of which I had Kennedy's version.

Something like the story is told by Mac Pherson in the Battle of Lora (p. 111, edit. 1762), but that is not the ballad story. No Gaelic for Mac Pherson's poem exists. It is certain that this ballad pervaded all Scotland more than a hundred years ago, and that it was then commonly recited. A great many versions were orally collected:—1. Pope, 1739, had a version which he called Dibird fli. Apparently it was the same which begins Dibir Dlighe in Mac Donald's collection. 2. Mac Nicol of Lismore, had two fragments, about 1755, 192 lines. 3. About the same time, Fletcher of Achalader had 224 lines. 4. Kennedy had 248, and 268 lines collected in Argyllshire. 5. In 1780, Hill got 46 lines in Argyllshire. 6. In 1784, Mac Arthur had 10 lines, got in Mull. 7. About the same time Bishop Young had 159 lines. 8. In 1786, Gillies had 236. 9. About 1800, Dr. Irvine got 194 lines from a man who learned the ballad from his grandmother, in Mac Pherson's country. This version contains many lines which are not in Gillies', printed at Perth, 1786, and lines which are in no other version known to me. 10. At some late date Mac Donald got 84 lines from George Mackay, in Dalvig House, parish of Farr, aged 55; John Mackay, Knockbreac, parish of Durness, aged 50; and Donald Mackenzie, Duartbeg, parish of Eddrachellis, aged 61, in Sutherland. 11. In 1816, Mac Callum printed 180 lines and 95. 12. In 1862, I had 106 lines orally collected in Barra and Uist by Mac Lean. 13. In 1871-2, I found that the ballad was known to many, and got a great deal of the story from old men in the outer Islands, but few could then recite the ballad itself. I have

collated all these, more than 2040 lines. Were I to fuse the versions, they would make about 300 lines. I print D. Mac Nicol's version, in his own orthography; extracts from F., which is very like D.; Kennedy's first version, H.; and extracts from his second, I.; extracts from O., and from S. The books quoted can be read. All that is in them, and all that I have collected is represented in the following samples of this curious old historical ballad. It belongs to the Norse Wars. The language is not like the old written language. I believe this to be a popular traditional ballad that was first written early in last century. When it was composed I am unable to guess, but part of it was old in 1512.<gai>

D. 14. CATH BEIN EDIN. <eng>112 lines.

From Mac Nicol's Collection. Copied by D. Mac Pherson, May 3, 1872.-  
J.F.C.<gai>

TEANNTACH MOR NA FEINE.

1

LA ga 'n raibh Padric na Mhùr  
Gun Saim bhì air Uigh ach òl  
Chuidhe Thigh Osseinn mhic Fhinn  
O san leis bu bhinn a Ghloir.

2

Failte dhuit a shean Fhir shuaire  
'T ionsaidh air chuairt thanig sinn,  
A Laoch mhìli baile Breach,  
'S dearbh nach deir thu neach snad ni.

3

Sgeul a bail linn fhaotain uait,  
Ogha Chumhail, bu chruaigh Colg,  
'N teantach 's mo an raibh an Fhian,  
O na ghin thu riamh nan Lorg.

4

Dhinsinse sin dhuit gan Tamh,  
Ghiolla Phadric na 'n Salm grinn,  
Teantach smo an raibh na Fir,  
On a ghineadh Fianachd Fheinn.

5

Dearmad Fleagha ga 'n drin Feann  
'S an Albhidh ri Linn nan Laoch,  
Air Chuid don Fhein shuas Druim dearg,  
Gu 'n derich a 'm Fearg san Fraoch.

6

Ma dhibir sibh sinne ma 'n Ol,  
Huir Mac Ronain le Gloir bhinn,  
Bherinse is Ailte ur  
Freiteach Bliana ri Mur Fheinn.

7

Thog iad gu sgiobalt an Triath  
An Cloimh sa 'n Sgiadh dan Luing  
An Deish Fhenidh, Armach, Fhial  
Go Rìogh'chd Lochlan na 'n Sgia slim.

8

Muintiris Bliana do 'n Riogh  
Se thug an Deish a bfhear Dreach  
Mac Riogh Carchair (1) nan Sleigh Geur,  
Agus Ailte nach 'd eur neach.

9

Thug Bean Riogh (2) Lochlan nan Sgiadh donn  
Gaol gu trom 'scha bann go deas  
Do dh' Ailte greadhnach an Fhuilte deirg  
Dh folbh' I leish an Ceilg sám Braid.

10

Dh folbh' I leish a Leabaidh 'n Riogh,  
Sud an Gniomh ma 'n doirte Fuil,  
Sa nionsaidh Flaitheas na 'm Fhian,  
Ghabhadar an Trial thar muir.

11

Fhionnail Riogh Lochlan a Sluadh  
Cabhlach cruaidh sam bhi go deas, (3)  
Se dheireadh leis re aon Uair,  
Na naodh Rioghre sa 'n Sluadh leis.

12

Lochlanich a Bhuin bhorb,  
'S ro mhaith 'n Colg re dul an Cein,  
Thug iad um Freitiche Triath,  
Nach pilleadh iad Srian na 'n deigh.

13

Thogadar an Abhaist (4) ard,  
Re Crich Eire garbh an Greish  
'S chuirthear a 'm Puible a muigh (5)  
Gaoirid on Bhruth an raibh Feann.

14

Teachdaireachd thanig nar Ceann, (6)  
Teachdeareachd (7) chuir rinngo Truadh,  
Comhrac cruaidh o Fhiana Fail,  
{Fhetin air an Traigh mu thua  
Gur e bail leo fhaotin uain.} <eng>Interlined.

Note.—Here fit in verses 15 to 32, Fletcher's version.<gai>

15

Fhregair Ailte 'n Comhrac treun,  
Fear thabhairt Lan-gheil sgacch Cath  
{Ceann ali mhic Leirg na lir,  
Ceann Mhic Neamhi, 's Ceann Mhic Lir} <eng>Interlined.<gai>  
Maoithear leis an dara Beum.

16

Seachd fichid Ceannairt dar Foin,  
Agus Ailte fein air Tùs  
Thuit sud le Laimh Fhearagain mhor,  
Ma 'n deachaidh na Sloigh an dlus.

17

Se raite Feann Flath nan Cuach  
'Se gamhrac air Sluadh Inse fail,  
Co dhiongas Fearagain san Ghreish,  
Mu 'n leigemid Leis air tair?

18

Se ni ghabhadh sud le Goll,  
An Sonn nach burraste chluidh,  
Diongamsa Fearagain san Ghreish,  
Leigir edir air Cleis Luidh.

19

Cuchulan is Diarmaid Donn,  
Fearra-chu crom is mac an Deirg, (Leidh)  
Dhidin o Bhuillibh an Laoch  
Cuir dish air gach Taobh d' Sgeth.

- (1) Riumachain.
- (2) Bann riogh.
- (3) Adras gu treish.
- (4) Colvurs.
- (5) gu tiugh.
- (6) gu Fionn.
- (7) Sgeil Fiom a.

[TD 97]

20

Buin leat an seachd fichid Fear mor,  
Nach uras a chloidh ar Chul,  
Cuir air Laimh Shoisgeal mo Riogh  
Chlannaibh morna na 'n Gniobh borb.

21

Buin leat Cath feugra na Fein  
Nach d fhidir Ceum thoirt air Cùl,  
Cuir sud air do Ghualin deish,  
De Shiol Cumhail na 'n Cles luth.

22

Ochd Oiohin duinn is ochd Lo  
A sior chuir ar air as Tloigh;  
Ceann Riogh Lochlan na 'n Sgia donn  
'S e mhasidhe Goll air an 9th Lo.

23

Tuille is seachd fichid sonn,  
Thuit sud le Gara 's le Goll,  
On a gherich a Ghrian moch,  
Gus an deacha I siarr Anmoch.

24

Seachd fichid do Chlanaib Riogh,  
Bu mhor Gaisge agus Gniomh,  
Thuit sud le Osgar an aidh,  
Is le Caorreal Cnes-bhànn.

25

Air a Bhaiste thug thu orm,

Chlerich a chanfas na Saim  
Thuit leumsa 's le Feann nam Fleagh  
Coimhliona Ceann ris a Chearthair.

26

Ach nan fuighe E Cothron nan Airm,  
Deadh mhac Innil nan Lann glass,  
San Albhaidh na 'n abairte Thriath,  
Cho ghlaodhta ach an Fhian as.

27

Tuille agus Leth air Fein,  
Thuit sud air an T-sliabh fa dheas,  
Ach na 'n lughamid a Ghrian,  
Cha mho na Trian thanig as.

28

Ach nan lughamid an Riogh  
A Phadric, le 'm mian gach salm,  
Ge 'd thanig Droing dar Maithibh as,  
Cho drin sinn ar Leas san La.

D. 13. COBHAIROLE A CHINN AIG FION. <eng>80 lines.

From Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad No. XXV. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 7, 1872.<gai>

1

COBHIRLE a chin aig Fion,  
'S aig Maithibh Eirin gu leir;  
Nighin Riogh nan gaibhte uaip,  
Gun faithidh e sa bhean fein.

2

Hug shinne gha nighin Riogh,  
Bu ghuirme suil 's bu ghrinne meir;  
Chuir shin ga coibhidichd ceud Eich,  
A' bear rish an dechidh strian.

3

Chuir shin ga coibhidichd ceud Each,  
A bear rish an dechigh strian;  
As ceud marcich air am muin,  
Le Cullidh T-shriol (oir) le 'n laiste Gniobh.

4

San herrin I air an Raoin,  
'S ghagadar na' doigh na Heich;  
San a hug I ceim ga choir,  
'S da ubhil oir na Laibh dheis.

5

Da Chaillin (1) air Gualin a Guin,  
Dealibh a Chruin fo Gheil nam port;  
Do naichd 's e Pubil Fhinn,  
Innis duin a Bhrigh sa Bheichd.

6

Mo Naichds' e Pubil Fhinn,

Gu 'n Insin a Bhrigh gu ceart;  
Mu reinn do Bhean ort Beart chli,  
Gun' dimmir I gniobh gu cear.

7

Mu reinn do Bhean ort Beart chli,  
'S gun 'dimmir I Gniobh gu cear;  
Cairdeas as Commun ri Fionn,  
Gun faigh du 's mi na Geall.

8

Dheothidh du shud as ceid Leig,  
As ciad sheud don Tairbhi T-shaoir;  
Dheothidh du ceud shoebhac suairc,  
Air am bithidh Buaidh nan Ian.

9

Dheothidh du shud as ceud Corn,  
Dhianigh do 'n Uisg ghorm an Fion;  
'S ga be dholigh aiste Deoich,  
Cha reichidh a Hart am meud.

10

Gheobhidh du shud as ceud Mios,  
Cuir sa Rìogh a Bheathidh 'naigh;  
'S ga be ghlethidh iad rim beo,  
Chumigh iad Duin og do Ghna.

11

Dheobhidh du shud as ceud Graoidh,  
As lan Glinne do Chroigh ban;  
Mar gaibh u shin beannichd leat,  
Hoir leat do Bhean 's dian ruin shi.

12

Co duginse Shith do Dhail,  
Na Mhaithibh Erin gu leir;  
Ach Fionn fein a dhoil fo 'm Bhreth,  
Agus Creich a hoirt gu Traidh.

13

Ach cha dug u leat do neirt,  
Na bherigh a Chreich gu Traigh;  
Fallaigh mishe 's beannichd leat,  
Fon chaigh Teinnich bun do riunn.

14

Cha nailibh thuss' a chiabh nan cleichd,  
Riobhin fhairiste Bheoil bhinn;  
Gheobhidh du no sheide saoir,  
'S guilain u fein ri 'm Haibh deis.

15

Cha 'n fhan mish' a Chean nan Cliar,  
Fonach traoigh mi Tiabh na Fhearg;  
Fonach faithin saoir fom Bhreth,  
Cean na Deishe bu ghann cial.

16

Cha 'n fhagin aguibh do Dhearras,

Do Dfhon na Dfherin na Hullich;  
Ach Erin na croichdan Glass,  
A hogbhail leom ann am Loingis.

17  
Gun thiuntaich I riuthidh a Cuil,  
'S mharcich I Cuirsa gu dian;  
'B iummid Sroil ga hoiggail suas,  
'Nordibh gu lua chaidh an Fhian.

18  
Doilfin nic Ghailcin fon Ghreig,  
Muimme Fhearragin as ni 'm breig;  
Ri faicinn a Chinn ga Daulte,  
Righ bu neo ailidh a himmichd.

19  
Goul & Oscar an aigh,  
Connil as Caorril Cneas-bhan;  
Mo bhuilher mi 's Fionn nan Fleigh;  
Gam bunnigh I 'n ceann don Cheirir.

20  
Mar Fearr chaidh as o Beul airm,  
Na chaigh le Maim don Ghreig;  
Do Riogh Lochlin na ga ni,  
Cha dranig riabh an Tir fein.

F. 12. TEANNDACHD MOR NA FEINNE, AGUS MAILLE RIS, ORDAMH, AGUS TEACHD A MACH NAM BRATAICHEAN. <eng>224 lines. Extracts.

Fletcher's Collection, page 49. Advocates' Library, Feb. 5, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

I. PAIRT.

13  
'M FOGUSG do 'n rugha 'n raibh Fionn.

23  
Gheibhe tu sud is ceud crios,  
'S cha d' theid slios m' an d' theid iad eug;  
Chaisge iad leum-dromma 's sgios;  
Leug riomhach nam bucal bàn.

24  
Gheibhe tu sud is ciad long,  
Sgoilte tonn air bhuinne borb;  
Air an luchdacha gu teann,  
Deis gach aon-ni a b' fhearr doigh

25  
Gheibhe agus ciad mac Righ.  
Bhuineadh cis air chluiche bhuirb;  
Gheibhe is ciad scobhag shuairc,  
Air am bitheadh buaigh nan eun,

<eng>This also occurs in Manus.<gai>

II. PAIRT.

Sgaoil Fearrghus a Bhratach re crann,  
Mar chomthar gun do dhiult Rìgh  
Lochlunn cumhadh.

(1) Chainnil.

[TD 98]

1

Air faicsinn 'sin ghluais an Fheinn ghaolach gu foil.  
M' am biodh Eirinn uil' air earras.

2

Thainig sluagh thair iomch' rum thonn,  
Thainig sud 's bu trom am feachd;  
Suil gon d' thug Rìgh Lochlunn uaith,  
Chunnaic è Bratach a tighinn a mach,  
Is Giulla gasda air a ceann,  
Air lasadh do dh' òr Eireannach.

DEIR RÌGH LOCHLUNN.

3

'Co i a Bhratach sid Iulla dhunaich,  
An i sud Bratach Mhic Trein-bhuaghaich,  
Chi mi Giulla gasda air a ceann  
'S i fein aig togra thair sluagh.'

DEIR FEARRGHUS.

4

Cha ni sud ach an Liath-luidhmeach,  
Bratach Dhiarmad-odh-duimhne;  
'N tra thigeadh an Fheinn uile 'mach,  
Ghabhadh an Liath-lui' neach toiseach,  
'S gur h è bu shuaichneas don t-srol-bhuighe  
Toiseach teachd is deire falbh.

5

'Cia i 'Bhratach so Iulla dhunaich,  
An i sud Bratach Mhic Trein bhuaghaich  
Chi mi Giulla,' &c.

6

Cha ni sud ach án aon chosach (ruadh)  
Bratach Rhaoine na mor shluagh;  
Bratach leis an sgoiltear cinn  
'S le doirtear fuil gu h-aobrainibh

7

'Co i Bhratach so Iulla ghunaich,  
An i sud Bratach,' &c.

8

Cha ni sud ach a Bhriachail-bhròchuil,  
Bratach Ghuill mhoir mhic Morne;  
Nach d' thug troigh riabh air a h-ais,

Gu 's 'n do chrith an talamh trom-ghlas.

9

'Co i Bhratach so Iulla,' &c.

10

Cha ni sud ach an Dubh-nimhe,  
Bratach Chaoilte Mhic Reathe;  
Air a mhiad 's gu 'm bi sa chath,  
Cha bhiodh iomra ach air an Du'-nimhe.

11

Co i Bhratach so Iulla ghuaaich,  
An i sud Bratach Mhic Trein-bhuaighaich.  
Is Giulla gasda air a ceann,  
'S i lasadh le b-òr aoibhinn.

12

Cha ni sud ach an sguab-ghabhaidh,  
Bratach Oscair chrodha laidir;  
Nuair a ruigte cath na cliar,  
Cha b' fhui' 'fiaruich ach an Sguab-ghabhaidh.

13

Ach thog sinn' Deò-ghreine ra crann,  
Bratach Fhinn bu teann 'sa chath;  
Lom' lan do chlochamh 'n òr,  
'S cosmhail bu mhor meas is rath

14

'S air faicsinn dha bratach Fhinn,  
'Shaoileadh e gu 'n thuit a bheinn.'

FEARRGHUS.

15

'S duilich dhuitsa na bheil ann.  
Gath-greine Mhic Cuthail ra crann;  
Is naoi slabhruidhean aiste sios,  
Do 'n òr bhuighe, gun dall sgiamh,  
Agus naoi naoi làn-ghaisgeach.  
Fu' cheann na b-uile slabhraidh  
Aig togairt air feadh do shluaigh.  
Mar chliath treoghaidh gu traigh  
Thoir an aire dhuit féin,  
Biodh gair chatha ga d' iomainn.

RIGH LOCHLUNN.

16

'S breugach do bheul fhili bhinn,  
'Trian na ta agamsa do shluagh;  
Cha rabh agaibhse sann Eirinn.'

DEIR FEARRGHUS.

17

Ga beag leatsa an Fheinn thearc so,  
Bheir thu d' gheann mu 'n d' thig am feasgar,  
Roimhe 'n lana glasa no ni thu d' th aimhleas.

BROSNUCHA FHINN.

18

'Cromaibh bhur cinn sa chath,  
'S deanadh gath Flath mar a gheall.'

19

Seachd fichid d' mhaithibh air Feinne,  
'S Ailte fein air an tùs,  
Thuit sud le laimh Earragain mhor,  
M 'an deachnaidh na sloigh an t-lùs,

20

D' fhuirich Fionn fada na thosd,  
Luigh sproc air 'n Fheinn gu leir;  
'Co dhionghas dhomh Earragain so ghreis,  
No 'n leigeamaid leis air tàir?'

21

Sin nuair a labhair Goull,  
An sonn bha docair a chlaoidh,  
Leigear mi 's Earragain sa ghreis,  
'S gu 'n feachamaid air cleas luigh,

22

Mac-luthinn agus Ciaran crom,  
Diarmad donn is Mac-an-leigh,  
Ga d' dhiona bho bhuillinn an laoich,  
Tog dithis air gach taobh mar sge,

23

Seachd fichead agus mìle sonn,  
Thuit sud le Garra' is le Goull;  
Dha urrad le Oscar an aidh,  
'S le Caoirreal cora cnaidh.

24

'S air an ainm a thug thu orm,  
Iulla Phadruic nan salm binn;  
Gun do thuit leom fein 's le Fionn,  
Choi-lion cean ris a chearthar,

25

Mur rabh duine ann,  
Chuaidh 'mach o bheul airm;  
Na theich le maoim do 'n Ghreig,  
Do Rìgh Lochlunn no da shluagh,  
Cha deachaidh duine d' a thir fein.

26

Thuit sinne cor is leth air Fiann,  
Air an traigh tha siar fo dheas;  
Ach n' an lughainne a ghrian  
Cha mho na air trian a thair as.

Kennedy's 1st Collection, page 1. Advocates' Library, November 27, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

THE ARGUMENT.

TWO Kings came to Fingal, named Aile and Caoilte, to learn his art of war, hunting, &c. The custom of the Heroes was, that they would make a Feast every Thursday in the year. But the first Thursday after they came the Heroes forgot to hold the feast; Aile and Caoilte thought it was for them they delay'd to hold it. In a short time afterwards the Heroes went all to the mountains to hunt, they left Aile and Caoilte at home to take care of their Habitation (since they were strangers, to rest themselves), there came a heavy shower of hail stones, and the Heroes asked of Fingal what he would give to each of them if the shower was gold (to entice him). Fingal said that he would give a great sum to every one of them, because they would love him; but he did not mind to mention Aile and Caoilte. Fingal would place every man of honour at the foremost end of the table, and every man according to his rank would sit there till they would come to the least. They were one day in haste in going away on some Journey, and they did not mind to call them in time, and they sat that day on the Hindmost end of the Table. They thought then that the Heroes had not much regard for them at all. Immediately they swore that they would stay no longer with the Heroes, and that they would not dine with them for a year and a day. They went away then to Denmark, and bound themselves to serve the King for a year and a day, that they would learn his Art of War, Eloquence, &c. When the said time was expired, the Queen fell in love with Aile, they ran away and Caoilte along with them to the Heroes for refuge. The King of Denmark gathered nine Kings with their host along with his own, to revenge himself on Aile and the Heroes, for to gave him refuge. Then the Heroes fought the sorest battle that ever they fought in their life, as you may observe by the following Poem:-  
<gai>

DAN 1.

1

LATHA bha Pádraig na mhúir,  
Cha robh Sailm air iugh ach sgeúl; (ag ol)  
\* Chuaidh (1) e thigh Oisain Mac Fhinn, (Mhic)  
Oir Sann leis bu bhinn a bheúl. (gloir)

\* Labhair Oisain an so mar gu bu neach eile labhradh.  
(1) Gluais.

[TD 99]

2

'Fáilte (2) dhuitsa! shean fhir shuairce,  
T' ionnsuidh air chuairt thainig nu; (3)  
Laoch mhili' is caoin dearg dreach,  
Cha d' eur thu riamh neach mu ni.

3

'Sgéul (4) a b' áill leam fhaghail (5) uait,  
Ogha Chuthaill bu chruaidh colg;  
An teanntachd 'as Moghadh 'n raibh.  
'N Cath is teinne chuir an Fhiann  
O na ghen thu riamh nan lorg,'

4

Bheireamsa lán dearbh dhuit,  
Ille Phádraig nan sailm binn,  
Mu 'n chath 's teinne chuir na fir,  
A na gheinamh fianntidh Fhinn.

5

Dearmad fleagha do rinn Fionn  
An Albheinn ri linn nan laóch,  
Bha cuid do 'n Fheinn fui dhruim dearg,  
'S dh' eirich orra fearg is fraoch.

6

Dhioir iad sinne san ór, (ol)  
Mac Ronain nan gloir ceún binn  
Dubhairt Caoilte is doidh leinn,  
'S ni mo fhuair sinn mar bu choir  
Ionad suidhe mor mhur Fhinn.

7

'An eiric a mi-mheas dhuinn,  
'S o neach do chum fleagh na Féist,  
Bheir mis is tus Ailb' úr,  
Freiteach bliadhn re mur na Feinn.'

8

'N sin thogadar orra gu triall,  
An cloidheamh san sgia' nan luing;  
'N diais laoch bu chaoin dearg dreach,  
Gu Righ Lochlan nan srian sliom,

9

'S bu Righ air Lochlan san uair,  
Fear a gheibhadh buaidh ' sgach blár;  
Fearraghuin mac (6) aon fhear nan long,  
O' Righ bu mhaith a lann sa lámh.

10

Muintearas bliadhna do 'n Righ,  
Thug an diais bu chaoin dearg dreach,  
Caoilte Mac Rannaghuin (7) nan sleagh geúd  
Agus Aillidh nach d' eur neach.

11

Ach Ban Righ Lochlan nan sgia donn,  
Ghabh i gaol trom nach roibh deas;  
Air Aillidh greadhnach nan arm dearg,  
Gus an d' rinn i chealg ud leis.

12

Ghluais i a leabiadh an Righ,  
B' e sin an gníomh mun dhoirteadh fuil;  
'S gu Albheinn aobhneach na 'm fiann,  
Thogadar an triall thair muir.

13

'Mo chomric orts Fhinn nan coin,  
Labhair e ghu cro-dhearg aill;  
Nuair tharlas mi 'n cás na toraichd

Tensairgibh mi sloigh Righ Pháil.'

14

'Gabham do chomric thair muir,  
Roimh aon neach a sheall sa ghréin;  
Tra tharlas tu an cás san toir  
Gabhidh 'n sloigh do dhion fui 'n sgeith.'

15

Thionail Righ Lochlan a shlugh,  
'N cabhlach a bha gu cruaidh deas;  
'S e na thional e mn thuath  
Naoi Righridh san sluagh leis,

16

Sheól iad an cabhlach gu h-árd,  
Gu rioghachd Eirann bu ghearg ágh;  
'S gu h-Albheinn oigheach na 'm fiann,  
Thogadar an triall o thráidh.

17

Shiuthich iad am Priplean gu luath,  
Righ Lochlan sa shluagh nach raibh tiom,  
Air na tillichean a muigh,  
Gairid o' n bhruth an raibh Fionn.

18

Teachdaireachd thainig o 'n Righ;  
An sgéul tím chuir ruinn gu truagh;  
No 'n laodhad Innseabh phail  
Cómhrag fear do mhuintir Fhinn,  
Fhaghail air a ghlinn mu thuath.

19

Fhreagair Aillidh o 'n cómhrag cruaidh,  
'N sgéul truagh sin thainig an céill;  
Ceann aillidh dea' mhac Righ Liuir,  
Thuit leis air an dara beim.

20

Deich Ceannaird fhichead d' ar Féinn,  
Is Aillidh féin air an tús;  
Thuit sud le laimh Fhearraghuin mhoir  
Ma 'n deachaidh na slóigh an dlús.

21

Thuit nach fhagadh againn teach,  
No amhuinn no béinn no tulach,  
Ach Eirinn na cragan glas,  
Nach d' uigte steach ann na loingas.

22

Do thairg Fionn dhoibh cumha mhór  
Do na sloigh thainig an céill, (ceinn)  
'S do Righ Lochlan nan colbh sean,  
Faraon agus a bhean féin.

22

Thug sinne dhoibh ingin riogh  
'S guirme suil sa 's gille deud

<eng>(P. 89)<gai>

Chuir sinn ga coimhdeachd ceud each  
As fearr ris n' deachadh srian.

23

Ach Lochlanaich a bhuidheann bhorb,  
Aig mead an colg is an ágh  
Cha ghabha iad cumha fui 'n ghrian,  
Gun an Fhiann a chuir nan dáil.

23

'S ceud marcach air a muin  
Le 'n earradh sroil on laiste grian <eng>(P. 89)<gai>  
Nuair theirrin 'n sin air 'n t-sraid  
Sa a' fhag i no deigh na heich.

24

(8) Cha mho ghabhadh Fearraghuin mor,  
Aig mead a dhóchas as féin  
Duais no bhean air tir no tuinn,  
Ach suinn Eirinn bhi fui mhéin.

25

Ach comhairl eile chinn aig Fionn,  
'S aig maithaibh Eirinn gu léir,  
Inghean Righ nan (9) gaibhte uath,  
A thabhairt dhosan na géill.

26

Fhuaradh an sin inghean Righ, (ur)  
Bu ghuirme súil 's bu ghrinne méar,  
Bha snuagh a ghnuis mar a ghrian  
'S b' fhearr gu mor a ciall 's a gné.

27

Chuir sinn d' a coimhdeachd céud each,  
Bho mhaith ris an deachidh sriann;  
Is ceud marcaich air a muin,  
An culaidh shróil bu lasrach fia.

28

'N uair a thurlig iad air an raon,  
'S a fhag iad nan deidh na h-eich;  
Thug i céum an sin d' a cóir  
'S d'a ubhal óir na láimh dheis,

29

'Coid do nuaghachds' o phobull Fhinn,  
Ainuir ghrinn sa chiabh nan clearc,  
'S an t' adhbhar mu 'n d' ainig thu féin,  
Aithris gu 'n chaird e le gean.'

30

'Se mo nuaghachds' o phobull Fhinn  
Gu 'n innseam dhuit e gu 'n cháird;  
O 'n rinn do bhean ort beairt chlí  
'S a dh' imair i e gu cearr.

31

Cairdeas is comman re Fionn,  
'S gu fuigheadh tu mi na geall;

Anois 's a rís feadh mo láith  
'S gach aon séud is ághoir thall.

32

Gheibhadh tu sin is céud léug,  
Is céud séud an talla saor;  
Gheibhadh tu sin is céud scobhag,  
Air am bitheadh buaidh gach aon.

33

Gheibhadh tu sin is céud crios  
'N slios mu 'm bi cha tuit am blár,  
Coisgidh iad leum drom is sgios,  
Séud riomhach na 'm bucal léan. (amlag)

34

Gheibheadh tu sin is ceud cornn,  
A ni do 'n bhurnn ghorm am fion,  
'S ge b'e dh' olas asta deóch,  
Cho bhi dhochartas gu 'n dion.

(2) Umplachd.

(3) Suinn.

(4) Fios.

(5) fhaotain.

(6) Bè athair a bu mho loingas a bha r'a fhaghail san aimsir sin.

(7) Mac Riogh Connachain.

(8) <eng>This 24th Stanza claims as his own composition.<gai>

(9) Nan dual arbhui óir.

[TD 100]

35

Gheibheadh tu sin is ceud mias,  
An luchuirt Rìgh am beatha 'n áigh;  
'S a b'e ghleadhas iad re bheó,  
Cumidh iad óg an duine ghná,

36

Gheibheadh tu sin is ceud lórg,  
A sgoilteas tónn air mhuinne bórb;  
Air an luchdeachadh gu trom,  
Leis gach aon ni 's buadhaich colg,

<eng>From 37 to 53 are not in I.<gai>

37

Gheibheadh tu sin is ceud each,  
Cho mhaith ris an deachidh srian,  
Is céud marcaich air a muin,  
An culaidh shróil is lasrach fia (10)

38

Gheibheadh tu sin is ceud Ghreadh;  
Is lán glinne do chrobh bán  
Is mar a gabh thus iad sin,  
Thoir leat do bhean 's dean ruinn saimh.

39

Cha tobhair mi sibh gu brath,  
Do mhaitheadh Eirinn gu léir;  
Gus am fuigheam Fionn fui 'm bhreith,  
Is a chreach a thoirt leam féin.

40

Cha d' ug thu féin leat do neart,  
Choidh na chuireas Fionn fui 'd bhreith,  
'No bhuidhneas a chreach dhuit fein,  
Ach folbhidh mis' is beannachd leat.'

41

'Cho 'n fholbh thusa chiabh nan clearc,  
A righ bhinn fharast a bheóil bhinn,  
Gheibheadh tu gach seud gu saor,  
'S ceannghlam thu re 'm thaoibh geal slím.'

42

'Cho 'n fhan mise Cheann nan cliar,  
O nach traoidh mi d' fhia no d' fhearg,  
'S o nach fhuighean féin o d' bhéul,  
Sith dh' fhiann Eirann gu 'n chath searbh.'

43

Cha tabhair mi sith do dh' Fhionn,  
Air son aon ni tha fui 'n ghrein,  
O 'n thug e tearman do 'n fhear,  
A mheall uam mo dhea bhean fein.

44

'N sin charich i riu a cúl  
'S mharcaich i d' ar cúirt gu dian,  
B' iomad sról gu chur a suas,  
An ordamh luath chuaidh an Fhiann.

45

Dh' imich Fionn an sin air thús  
Dea mhac Cuthail a ghnuis ghil,  
A Chumail Comhrag ris an Righ,  
'N gníomh sin mun do thuit na fir.

46

'S deich fichead air a laimh dheis,  
Do shliochd Cuthail nan cleas lúi;  
Agus naoi fichead fear mòr,  
Bu docair a chuir air ceúl,

47

Dh' fhiosraich an sin flath nan cuach,  
Do Mhaitheadh sluaigh Innsa fail;  
Co dhiongadh Fearraguin sa ghreis,  
Mu 'n deanadh ar mi leas le táir.'

48

Do bha fhreagrachd sin aig Goll  
Are sonn bu docair a chlaoidh  
Leigear ni 's Fearraghuin sa ghreis,  
'S gu feuchainn a chleasaibh lúi,

49

Cuimhnich cath feargarra na Féinn  
'S Chlanna mornna nan cleas lúi,  
Is mac Cuthaill nan arm noicht,  
Air a threune chleasaibh lúdh.

50

Thor leat seachd fichead fear mòr  
Do Chlanna mornna nan cleas lúi,  
A dh' fheitheamh air eacoir an fhir,  
Cuir Sin air thaobh cúil.

51

Mac Lubhidh is Diarmaid donn,  
Oscair crom, is mac an Léig,  
A' d' dhion o bhuillean an Laóich,  
Biodh diais air gach taobh do' d' sgè.

52

'N sin chuaidh sinn an dáil a chèile,  
Slóigh nan deich Rìgh is Suinn Eirann,  
'S bu luaithe na greann ghath earrich,  
Sinn a dol an tús na t-eúg' bhail.

53

Bu luaithe no millidh sruthan,  
A ruigh an aon slugan o árdaihb;  
Bhiodh a béucaich gu tréun meamnach,  
Le toirm Geamhraidh o gach fásach.

54

Cho bheacadh tréun thonn na tuinne,  
'N uair bhuailt iad re créugaibh ard;  
Le neart na gaoith tuath san fhaoillach  
Cho stuaghda re gaoir an ard chath.

<eng>The three following poems belong to some other poem, i.e., Dearg Mac Druibhail.

P. 93. DR. YOUNG.<gai>

55

Ochd laithean duine gun tamh  
Sior dheanabh ar air no sloigh  
Cean in riogh Lochlunn no 'n sgiath donn  
Se buidhin Goll air a naothaobh lath

55

Ceart choimeas cómhrag nam fear,  
Cho 'n fhac mi riamh re 'm la;  
Ceann Rìgh Lochlan nan sgiá donn,  
Bhuidhinn Goll air an naoi' amh trá'.

56

Tréunlamh ingheann Bhalcain o 'n Ghréig,  
Muime Fhearraghuin gun aon bhréug  
'N uair thugadh an Ceann da Dalta  
Rí bu' neo' amhluidh a céill,

57

Bha Goll ann, 's Oscar an áigh,  
Conall 's Coireall a chneas bháin:  
Mar bithidh mi 's Fionn nam fleagh,  
Gu 'n d' ugardh i 'n ceann do 'n cheathrar.

58

Deich fichead is mile sonn,  
Ceith ir fichead is coig mile sonn (5080)  
Thuit sud le Garadh 's le Goll;  
Uighir le Oscar an áigh;  
A dha urradh le Oscar an aigh (10160)  
'S uighir le Coireall is Sonn,

59

Air a bheastadh thugas orm,  
Phádraig a chanas na sailm;  
Gu 'n do thuit leam féin 's le Fionn,  
Ceann is uighir ris a cheathrar.

60

O 'n dh' eirich a Ghrián moch thrá,  
Gus an deachidh i siar an moch;  
Cómhrag aon fhear air an t-sliabh  
'S beag nach do thuit iad gu h-iomlan.

61

Mach o mhead sa chuaidh leinn fein,  
No theich air a bhéigh mu dheas;  
Do Righ Lochlan is da Shluabh,  
Cho deachadh duine dhiu uainn as.

62

Ach lutheams' air anam mo Righ,  
Mu' deachidh críoch air a ghreis;  
Ceathrar is ceart leith nam fiann,  
Thuit sin air an t-sliabh mu dheas.

<eng>I. 6. FEARGIN.—A POEM.

Kennedy's 2nd Collection, page 1. 204, 64 torn out, = 268 lines.  
Advocates' Library, April 3, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

IN this manuscript about 64 lines are torn out. Marginal notes in various hands bear upon each writer's own share in the Ossianic Controversy. Extracts.

THE ARGUMENT.

ALLY the son of Lear, and Cailte the son of Rangin, (two petty Kings in the South of Scotland) were sent by their Fathers, Lear and Rangin, to Fingal to be disciplined in the arts of War, Hunting, and Poetry, during their minority. Fingal at their arrival happened to be engaged by Clan-Chuilgidan, (1) a rebellious Clan who took up arms against the Lawful King of Ireland, in which he became victorious, and came home loaded with plunder, which was distributed among the Fingalians according to their rank. Ally and Cailte expected a share of the Prize, as well as those who fought for it; they likewise expected that Fingal ought to hold a feast on account of his victory and their arrival, and that they shou'd occupy the foremost seats in the King's Hall. Fingal being not in his own Hall

cou'd'nt observe these rules to which he was accustomed. Ally and Cailte protested against staying any longer under the tuition of Fingal, and set sail for<gai>

(10) Is fearr cruth.

(1) <eng>See the Ballad of Dun an oir.

[TD 101]

Feargin, King of Denmark, to whom they promised obedience during their pupilarity, on condition he would treat them as becometh their rank, and discipline them in the sciences above mentioned; to which Feargin consented. Soon after their arrival the Queen of Denmark (Feargin's spouse) fell in love with Ally with whom she fled accompanied with Cailte to Fingal for protection. Feargin raised a powerful army, and all the Kings of Scandinavia with their troops, being nine in number, and sailed for Ireland, assuring themselves of a total defeat of Fingal and overrun his Dominions if he should attempt to protect Ally the delinquent. The outrageous Danes landed, and Fingal sent Ally accompanied with thirty of his bravest men to Feargin to ask his pardon, and offer him his wife back. Feargin kilt the thirty men and Ally leading the van. Fingal equipt his grandiloquent daughter Semhrosge accompanied with one hundred chosen men on Horse-back, and proposed herself to Feargin in place of his own wife, with great many warlike rewards and provisions, and proclaim peace with her father, which he obstinately refused. At the return of Shemrosge Fingal marched against the Danes, who were totally overturned. Fingal lost in the action upwards of one-half of his army, on which account this battle is reckoned to have been the most severe day the Fingalians ever fought.

The Poem is addressed to the Son of Alpin.<gai>

5

RI linn do Mhac Rannghuin og,  
'S do Aillidh an t-ogan treun;  
Teachd, gu mac Cumhail nan sluagh,  
Gu Anna nan duan 's nan teud.

6

Bha Fionn an cath Dhun-an-oir,  
'S Riogh nan sloigh bu mhor ann gniomh.  
Measg clann-chuilgeadan nan cleas,

7

Philleadar mo Thriath a b' fhearr cliu,  
Chum an tuir 's nach diulta daimh;  
B' eibhinn aidhearach an Fhiann,  
Mar thoirm ealtain ian gu traidh.

8

Ann Auana do chlann nan laoch:

10

An comain an teirbirt dhuinne,  
'S nach do chum iad fleagh nan ceud,  
Bheir mis' is tus' Aillidh ur,  
Freiteach bliadhn' ri mur na Feinn.

12

Fearghinn mac aon fhear nan long;

15

'S gu h-Auna aobhach nam Fiann.

16

O 'n Mhereir-bhàn sheol na laoich,  
Leis a ghaoith air chuantaidh mear;  
Clos cho d' rinn i 'm port air seimh-shruth,  
Ach mar ean gu mein nam fear

18

Gabham do chomraic thair muir,  
Dhea Mhic Liuir nan arman treun;

20

Gu riogh'chd Eirinn bu gharg àr;  
Gu b-Auna aigheach nam Fiann,

22

Teachdaireachd thainig gu Fionn,

25

Ach Eirinn na crogan creacht',  
Nach d' thuighte steach ann na loingear.

27

Cho ghabhadh iad cumha fui' n ghrein,  
Ach an Fheinn a chur nan dail.

28

Cha ghabhadh Fearginn nan ruag,  
Cis o 'n t-sluagh air son a mhnà;  
Ach Eirinn o thuinn gu tuinn,  
'Sa suinn a chosgairt fui' phna.

<eng>Here the Princess gets a name.<gai>

29

'S aig Maithibh Eirinn nam peall;  
Seimhrosg nan dual arbhuiddh oir,  
A thaibhairt dhosan na geall.

30

Fhuaradh a mach Seimhrosg ur,  
Bu ghuirme suil 's bu ghrinne mear;  
Bha snuagh a gnuis mar a ghrian,  
'S b' fhearr gu mor a ciall 'sa gne.

31

Chuir sin d'a coimhead ceud each,  
A b' fhearr ris an deachaidh srian;  
Is ceud marcaich air pheill oir,  
'N eulaidh loinreach bu mor fiadh (miadh)

33

Ciod do sgeul o phobull Fhinn,  
Annir bhinn an-reinn-fhuilt thlà;  
'S an t-a' bhar mun d' thainig gu tuinn,  
Airis dhuinn, ma 's leinn do ghradh.

34

'Se mo sgeuls' o phobull Fhinn,  
A laoich nach fìom ann tus a bhlaire;  
O 'n rinn do bheann ort beairt chli;  
'Sa dh' imir i 'n gnìomh gu cèarr.

35

Cairdeas is comann ri Fionn.  
'S gu fuigheadh tu mi na geall;  
Le run dileas feara-phàile,  
'S gach aon seud is aghoir thall.

36

Gheibheadh tu sin is ceud leug,  
Is ceud seud ann tuail nìdh saor;  
Gheibheadh tu sin is ceud seothag  
Air am bithidh buaidh gach taobh.

40

Le ionnas na tonn a folbh.

57

(1) Ghluais sinn uile le Rìogh-phàile,  
Triath nan armann, b' fhearr san stri;  
Bu chosmhuil ri toirm an-fhaslaich,  
Sinn a' doll an dail a ghniomh.

58

Mar ghaoth earaich, no lon sleibhe,  
Bha gach treud a' triall nar ceann;  
Mar shruth uisge chluinte 'm beumna,  
A' tuiteam far sgè nam beann.

59

Mar leachda' tuinne san fhaoilich,  
Sruth dian a' maoma nan dàil;  
B' amhail is slachdraich nan laoch so,  
A' cosgairt na dh' aom o 'n traidh.

61

Treunlamh Mac Bhalcain o' n Ghreig (muline)  
Aide Fhearginn 's cho 'n aona bhreug;  
Nuair chunnaig e 'n ceann d' a dhalta,

62

Thug e' n ceann le shleagh do' n cheathrar.

63

Is le Cairill, an t-armann donn.

64

Air an iargain thruim so th' orm,  
A Phadraig nach dean stoilbh a h-eineach;

65

Ona dh' eireadh a ghrian moch,  
Dhùinne gun chlos fad trì la;  
Comhrag Rìogh Lochlan nan sluagh,  
'Sa chath chruaidh ann gairte bron.

(1) <eng>Pages 7 and 8 are wanting.<gai>

M. 8. TEANNTACH MOR NA FEINNE. <eng>236 lines.<gai>

1

DEARMAD fleadha gu 'n d' rinn Fionn,  
San Albhainn (1) re linn nan laoch,  
Air cuid d'an Fheinn shuas Druim-dearg,  
Gun d' eirich am fearg 's am fraoch.

2

Ma dhibir sibh sinn mu 'n ol,  
Thuirt Mao Ronain le gloir bhinn,  
Bheirims agus Alde ùr  
Breiteach bla'na re mur Fheinn.

3

Thog iad gu sciobalt an triall,  
An cloidheamh 's an sciath d'an luing,  
An diais fheinnidh, armaidh, fhial,  
Gu Rìgh Lochlainn na 'n srian sliom.

4

Bu Rìgh air Lochlainn san uair,  
Fear a bhuidhneadh buaidh gach blar,  
Earragan Mac Ainnir nan long,  
Gu 'm bu mhaith a lann 's a lamh.

5

Muintearas bliana d' an Rìgh,  
Tug an diais a b' fhearr dreach,  
Moc Rìgh Conchair na 'n sleagh geur,  
Agus Ailde nach d' ear neach.

6

Thug Bann-ri'nn Lochlann na 'n sciath donn,  
Trom ghaol trom 's cha b' ann gu deas,  
Ba ilde greadhnach an fhuilt deirg,  
Is dh'fhalbh i an ceilg lois. (2)

7

Ghluais i leis a leabai 'n Rìgh,  
Sud an gnìomh mu 'n doirtear fuil,  
'S a dh' ionnsuidh Flaitheas na 'm Fionn,  
Thogadar an triall thair muir.

8

Chruinnich Rìgh Lochlainn a shluagh,  
Cabhlach cruaidh a dh' fhas gu deas,  
'S e dh'eirich re aon uair  
Na naoi Rìghrin 's an sluagh leis.

(1) Almhain.

(2) Leis.

9

Lochlainich a bhuidheann bhorb,  
Is ro mhaith colg re dol am feim,  
Thug iad am mionna ag triall  
Nach pilleadh iad is Fiann nan diaidh.

10

Thogadar an Albaist ard,  
Seach criocha Eirinn nan colg teann,  
'S ann Albain leathann na 'm Fiann,  
Thugadar an Triath air traidh.

11

Shuidhich iad am puible gu tiugh,  
Rìgh Lochlainn 's a shluagh nach tim,  
Air an tulach a bha muigh,  
Guairid o 'n bhrughann raibh Fionn.

12

Teachdaireachd thainig gu Fionn,  
Teachdaireachd chuir rinn ga truadh,  
Comhrag dluth d' Fhiannaibh Fheinn,  
Fhaotain air na gleinn mu thuath.

13

Thairg Fionn doibh cumha mor,  
Do na sloigh a thain' ann cein,  
Do Rìgh Lochlainn nam arm sean,  
Far aon is a bhean fein.

14

Comhairle chinn aig Fionn  
'S aig maithibh na Feinne gu leir,  
Nighean rìgh na 'n gabhtadh uap,  
Thoir do Rìgh Lochlainn nan arm geur.

15

Ach Lochlainnich a bhuidheann bhorb,  
Aig feabhas an colg is am mein,  
Ni 'm b' ail leo cumha chunnaic grian,  
'S an Fhiann fhagail na 'n diaidh.

16

. . . . .  
Ach Mun foghain leasta sin,  
Thoir leat do bhean is dean rinn sith.

EARRAGAN.

17

Cha d' thugainn-so sith d' Ailde fein,  
Mo mhathaibh na Feinne gu brath,  
Ach Fionn fein a chuir fo 'm bhreth  
Is a chreach a thoirt gu traidh.

18

Cha 'tug thusa leat do neart,  
Do bhrìgh mo bheachd-sa, thair sal,  
Na chuireadh dhuit Fionn fo d' bhreth,  
No na bheir a chreach gu traidh,

19

Fhreagair Ailde na 'n comhrag cruaidh,  
Sceul a thainig truadh dha fein,  
Ceann mhic Neimhe 's mhic Lir  
Madhar leis an dara beum.

20

Seachd fichead do mhaithibh ar Feinne,  
Agus Ailde fein air thus,  
Thuit sud le laimh Earrgain mhoir,  
Mu 'n deachaidh na sloigh ann dlus.

21

'S e labhair Fionn flath na 'm buadh,  
'S e 'g amharc air sluagh Innse-fail,  
Co dheangas Earragan sa ghreis  
Mu 'n leigeamaid leis ar tair?

22

Do bhi freagradh sud aig Goll,  
An sonn bu deacair a chlaoidh,  
Deanamsa Earragan sa ghreis,  
Leagar eadrinn le'r cleas-luidh.

23

Cuimhnichibh cath feagarra Feinne,  
A Chlanna Morna 's mor cli  
A Chlanna Baoige na 'n arm deas,  
Leigibh ris bhur dea-ghniomh.

24

Beir leat Oissain is Diarmad donn,  
Fearr-chuth crom is Mac au Leigh,  
Ga d' dhionadh o bhuillibh an laoich,  
Cuir diais air gach taobh mar sceith.

25

Buin leat cath feagarra na Feinne  
Nach d'fhidir ceum a thoirt air cul,  
Cuir sud air do ghualain deas,  
Do shiol Chumhail nan cleas-ludh.

26

Ochd latha dhuinne gun tamh  
Sior chuir air ais an t-sloigh,  
Ceann Righ Lochlainn na 'n sciath donn  
Bhuighinn Goll an naodhamh lo.

27

Naoi fichead is mile sonn  
Thuit sud le Garaidh 's le Goll,  
O na dh' eirich a Ghrian moch  
Gus an deachaidh i siar amoch.

28

Seachd fichead do chlannaibh Righ,  
Ga 'm bu dual gaisg' is mor gniomh,  
Thuit sud le Oscar an aigh  
Is le Cairioll Corra-chnamh.

29

Mun' fear a chuaidh as o fhaobhar arm,  
No 'n comhrag le maon do threig,  
Do righ Lochlainn no do shluagh,  
Cha deachaidh duine do thir fein.

30

Na 'm faigheadh e co'throm na 'n arm,  
Earragan Mac Ainnir na 'n arm glas,  
'S an Albhuidh na 'n abairt, air Triath,  
Cha ghlactadh ach an Fhiann as.

31

Corr agus leath ar Fiann,  
Thuit sud air an t-sliabh mu dheas,  
Ach na 'n luadhimid a Ghrian,  
Cha mho na ar trian thainig as,

32

Ach na 'n luaidhimid ar Righ,  
Cha mhnaoi is Triath fo bhron,  
'S ge d' thainig d' ar maithibh as,  
Cha d'rinn sinn ar leas san lo.

NA BRATICHEAN.

MANUS, RIGH LOCHLAINN.

33

Ge d' gheabhadh Righ Lochlainn sud,  
Na bha mhaoin 's do sheuda 'n Eirinn,  
Cha philleadh e shluagh air ais,  
Gus am biodh Eirinn, uil' air earras.

OISSAIN.

34

Scaoil Fearghus a Bhratach o chrann,  
Mar chomhar gu 'n dhiult Righ Lochlainn cumha,  
Ghluais an Fhiann ghaolach gu foill  
Gus am biodh Eirinn uil' air earras.

35

Thainig sluagh fairim chairim nan tonn,  
Thainig sud 's bu throm an fheachd;  
. . . . .

36

Suil d' an tug Righ Lochlainn uaidh,  
Chunnaic e Bratach ag tidh'n amach,  
Agus gille gasta air a ceann,  
Air a lasadh do dh' Òr Eireannach.

MANUS.

37

Cia i a Bhratachsa Fhili dhunaich;  
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich?  
Chi mi gille gasta air a ceann,

Is I fein ag togradh their (3) sluaghadh.

FEARGHUS.

38

Cha 'n i sud ach an Liath-luineach, (4)  
Bratach Dhiarmuid o Duibhne,  
'N tra thigeadh an Fhiann uil' amach,  
Ghabhadh an Liath-luineach toiseach.

MANUS.

39

Cia i a Bhratach-sa fhili dhunaich,  
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich?  
Chi mi gille gasta air a ceann,  
Is i fein ag togradh thair sluaghadh.

FEARGHUS.

40

Cha 'n i sud ach an Aon-chosach (5) ruadh,  
Bratach Raine na 'm mor shluagh,  
Bratach leis an sgoiltear ceinn  
'S le 'n doirtear fuil gu aobranaibh.

MANUS.

41

Cia i Bhratach-sa Fhili dhunaich,  
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich?  
Chi mi gille gasta air a ceann,  
Is i fein ag togradh thair sluagh.

FEARGHUS.

42

Cha 'n i sud ach a Bhriachaill Bhrochaill,  
Bratach Ghuill mhoir mhc Morna,  
Nach d' thug traigh riamh air a h-ais;  
Gus 'n do chrith an talamh trom glas,

43

Gur h e bu shuaimhneas d' an t-srol bhuidhe,  
Toiseach teachd is deireadh falbh.

. . . . .

- (3) Bhar.
- (4) Luidnaech.
- (5) Fhionn-chosach.

[TD 103]

MANUS.

44

Cia i a Bhratach-sa Fhili dhunaich,  
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich?  
Chi mi gille garta air a ceann,

Is i fean ag togradh thair sluaghadh.

FEARGHUS.

45

Cha 'n i sud ach an Dubh-nimhe,  
Bratach Chaoilte Mhic Reatha;  
Air mheud d' am bitheadh sa chath,  
Cha bhiodh iomradh ach air an Duibh-nimhe.

MANUS.

46

Cia i a Bhratach-sa Fhili dhuanaich?  
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich!  
Agus gille gasta air a ceann,  
's i lasaradh le h-òr aoibhin.

FEARGHUS.

47

Cha 'n i sud ach an sguab-ghabhaidh,  
Bratach Oscair chrodha laidir,  
Nuair a rigteadh cath na 'n cliar  
Cha b' fhiu a fiaraich ach an sguab-ghabhaidh.

OISSAIN.

48

Thog sinn an Deo-ghreine (6) re crann,  
Bratach Fheinn bu teann sa chath,  
Lom-lan do chlochaibh an or  
'S cosmhuil ga 'm bu mhor a (meas) rath.

MANUS.

49

Saoilidh mi gu 'n thuit a bheinn.

FEARGHUS.

50

Is doilich dhuise na bheil ann,  
Gath-greine Mhic Cumhail re crann,  
Is maoi slabhraidh aiste sios  
Do 'n or bhuighe gun dall-sgiomh;

51

Agus naoi naoi lan ghaisgeach,  
Fo cheann na h-uile slabhraidh,  
Ag togairt air feadh do shluaigh,  
Mar chliath (7) traodhadh gu traidh

52

Biaidh gair chatha ga d' iomain.

MANUS.

53

Breugach do bheul Fhili bheinn,

Trian na ta agam ann so do shluagh  
Cha robh riamh agaibh-s' ann Eirinn.  
Ge beag leats' an Fhiann thearc-sa, (8)

54

Bheir thu do theann leim mu 'n tig am feascar  
Roimh lanna glas, no ni thu d' aimhleas.

FIONN.

55

Cromaibh bhur ceinn sa chath,  
'S deanadh gach flath mar gheall.

OISSAIN.

56

Bu liona ceann ga mhaoladh,  
Ag us gualain ga shnaigheadh,  
. . . . .  
O eirigh Greine gu feascar.

57

Cha deach' o fhaobhar lann gu loingis,  
Ach aon mhile do shluagh barr;  
Theich iad mar shruth o bharruibh bheann,  
Is sinne san chath ga 'n iomain.

58

Bu lionmhor Fiannaidh agus sonn,  
Agus curaidh bu throm trost;  
Ach samhuil d' Oscar mo mhac-sa  
Cha robh aca bhos no thall.

59

Seachd cathai do bharr an t-sluaigh  
Thuit sud le Oscar na 'm buadh,  
'S an naonar mac a bh' aig Manus Ruadh.  
. . . . .

60

Seachd fichead agus mile sonn  
Thuit sud eadar Conan is Goll;  
Ach Mac Cumhaill 's a shluagh garg,  
Mar chaor theine na 'm mor fhearg;

61

Le shradagaibh diana cas,  
Bha buille gach laoich ann sa ghreis  
Fhad 's a mhair Lochlannaich ris.

O. 9. TEANNDACHD MHOR NA FEINNE.

<eng>Dr. Irvine's MS., page 41. 194 lines. Copied by Malcolm Macphail,  
Edinburgh, March 21, 1872.

THIS was orally collected near Dunkeld, about 1800. I have carefully  
collated it with all the older versions which I have. To save space, I  
print only lines which do not occur elsewhere—20; and 6 with various

readings. 168 lines are in other versions, and vary chiefly in orthography and names; e.g., by a very natural change, we get 'Albuin' for Mac Nicol's 'Albhidh,' Kennedy's 'Albheinn,' Fletcher's 'Alabainn,' Kennedy's 'Auna,' Gillies' 'Albhainn.' The place meant clearly is 'Almhuin,' according to Irish orthography, and according to these Scotch reciters. But scribes so write the sound, that modern writers contend for Mac Pherson's geography, and call 'the Hill of Allen,' 'Scotland;' 'Almhuin,' 'Alba.'  
<gai>

TEANNDACHD MHOR NA FEINNE. <eng>Extracts.<gai>

12

GU Albuin bheag ladhaich nam Fiann;

43

De righ Lochlain, no de shluagh,  
Cha deach duine do 'n tir fein;  
Dh' fhag sinn coir as leth air Finn,  
Air an traigh bha siar fo dheas.

44

Ach nan tughainna a' Ghrian,  
Cha mhotha na ar trian thainig as;

45

Ach nan lughamaid ar Righ,  
Chaidh mnai is Triath fo bhron;  
Ged thainig de' r maithibh as,  
Cha d' rinn sinn ar leas san la.

46

Tog arsa Fionn, gu grad,  
Tog gu h-arda cliu an Laoich;  
Bu neartmhor nn Triath na bhad,  
Ged tha e 'n diugh fo bhac an fhraoich.

47

'S iomadh suil au Lochlainn fhuair,  
Sileadh nuas gu frasach geur;  
Cha 'n fhaic sibh a chaoidh na thuar,  
An curridh nis a leag air feur.

48

Tha thalla gun chliu gun chlar,  
'S damhaich lan broin m' an fhear;  
Ard righ Lochlain donn an sar,  
Se mi agh thug o thu thar lear.

49

Cluinnibh fuaim a Chaoilte ciara,  
Dh' fhalbh aighir nan cliar 's nan con;  
Am bheil a thannasg a' siubhal gu fialadh,  
Na thuit an Triath am beann nan lon.

<eng>Charles Robertson learn'd this poem from his said grandmother, and also heard it from others many years ago.<gai>

S. 5. DIBIR DLIGHE. <eng>84 lines.

(i.e., THE NEGLECT OF RIGHT.)

Copied by Donald Mac Pherson. Advocates' Library, June 1872.

THIS version contains lines which are not in other manuscripts. There are many slight variations in words, etc., which I have not thought worth notice. The following is the Collector's

ARGUMENT.

FINGAL gives an entertainment to his Heroes, but neglects Alvin and the King of Rona's son. They, taking this as an affront, took their journey to Lochlin. After being some time there the King of Lochlin's wife fell in love with Alivin. Having made an elopement, they return to their native country. In consequence of this rape, the King of Lochlin collects his troops and navy, and invades Scotland, where it is said the Fingalians were at the time. A keen and bloody battle ensued, in which most of the Lochlins fell. Gaul encounters the King in person, and, after a long and severe engagement, the latter falls.<gai>

1

LA do Phadric.san Tuir  
Gun churam air ach 'g ol  
An tigh Ossian mhoir mhic Fhinn  
Gur ann luinn bu bhinn.

2

Fios bu mhath lium fhoidhean uat  
Ogh' Chumhail 's cruaidh colg  
'N cath 's cruaidh chuir an Fheinn  
Se bha mi fein air a lorg.

(6) A Ghile-ghreine.

(7) Chliabh.

(8) Earrasuidh-se.

[TD 104]

3

Agams' tha dheagh bhrath dhuit  
Phadric sheinnis na sailm bhinn  
'N cath is cruaidh chuir na fir  
O 'n la Ghinneadh Feinn o' bhinn

4

'N Dibir-Dligh do rinn Fionn  
San Albhi (1) ri linn nan laoch  
Air cuid don Fheinn air Druim-dearg (2)  
Dherich orr am fearg 's am fraoch.

5

Dhibir iad sinne san ol  
Mac Ri Rona bu do-luinn  
Agus Elbin (3) Mac Iavir Ruaigh (4)  
Buidhean a dheargadh gu cruaidh rinn.

6

Dhimich an dithis ud don' Iar

'S thog iad an triall uainn air muir  
Do thir Ri Lochliu nan laong  
Gur ann luinn bu trom an cean

7

Thug bean Ri Lochlin nan laong  
'N troma-ghradh nach robh ro-dheas  
Do dh' Elbhin greadneach nan airm  
Rinnis les a cheilg gun fhios.

8

Ghluais i e leabidh an Ri  
(Sud an gnìomh mu 'n dhortar fuil)  
Gu h' Albhi fhlathach nam Fiann  
Thog iad leo an triall gu muir.

9

Gan thog Ri Lochlin nan laong  
Fheachd gu trom re chur an geill  
Deich Cathan fichid o' Thuath  
Don t' sluagh b' fhear bha fo n' ghrein.

10

Aon Cath deug bha sinn nan dail  
Do Fhiannidh Fail bu mhath grinne  
Taghadh gach fear a rug bean  
San teagheach ghlan an robh Fionn

11

Par dh' fhas an Ri lom-lan rachd  
Thog e a Bhratach re crann  
'Shuidhich e a luingeas gu tingh  
Muigh o 'n bhruth 'n robh Fionn.  
. . . . .

12

Gach treas claidheamh 's gach treas cù  
'S gach treas Luireach ur ni 'n Fheinn  
Gach treas maighdin og gem fhear  
Thabhart do Ri Lochlin sa bhean fein

13

Bhagair Elbhin comhrag cruaidh'  
Sgeul thruagh re chur an leud  
Bhiuieas le Iorghil nan lann  
A cheann air 'n dara beum

14

Deich Ceannaidan fichid do n' ar Feinn  
Is ceann Elbhin fein air thus  
Gan thuit le lamh Iorghil mhoir  
Mun deach na firr anns an luths'

15

Dhoinnich Mac Cumhail nan Cuach  
Re mathibh sluaigh Innse Fail  
Co choinichas Iorghil re dreis  
Mun leigadh sibh leis ar sar

16

Gar o fhreagair esan Goll  
Sonn bha deacair ri chlaoidh  
Mis agus Iorghil re dreis  
Leigar eadrin an cleas dluth.

17  
Beannachd bhi ais do bheul  
'S minic a labhair thu sgeul mhath  
Chuirte leat cath a chlaoidheamh chruaidh  
'S ioma neach a chuaidh led chath.

18  
Gabh Oscar is Diarmid donn  
Carril crom is Mac an Leith  
Dod dhedean o' bheuma 'n Laoich  
Dithis air gach taobh dhed sge

19  
Tri la is tri oidhch gun bhiadh  
Bha na firs' an sgainnir dhearg  
Ach na bhuineas le Mac Moirni nan lann  
A cheann air an t' seachda tra.

20  
Moch neach a dhalbh le moim  
No neach a chaidh as don Ghreig  
Aon do chuideachd Ri Lochlin  
Cha deach dh' athchidh gu thir fein.

21  
Fear agus ceart leth nam Fiann  
Thuit air an t-sliabh fo dheas  
Ach ma dhinnsis mi mo sgeul gu fior  
Cha deach a bheag 's ar trian as.

A. 16. YMICH OCHTYR. <eng>52 lines.<gai>

CATH SEISIR. <eng>The Defeat of Carthonn.<gai> Tuirbhs re lein tarlach  
dara. Bardachd Dheireannach Oisein. Carthonn, &c.

<eng>ASSUMING that the conquest of Fearagin and nine Northern Kings ends the Norse Wars, and frees the Feinne, their next exploit seems to follow in this ballad. It is rare. Eight Warriors: Oscar, Caoilte, Mac Luaith, Fionn, Diarmaid, Oisein, Raodhne, and Caoireal, went forth to war in Italy, France, Spain, and Britain, where they fought and conquered, as Oisein, one of the band, tells Padruig. In Kennedy's version, they are but six. In Kennedy's second version, name, argument, and story, are changed. To this belong fragments of Oisein's Lament. One came to me from Islay, in 1859; the other came from Dr. Mac Lauchlan, with its pedigree, March 31, 1872. This last fragment was printed in the Inverness Courier, with a translation and dissertation by 'Nether Lochaber.' The versions here printed explain points which seemed obscure. Whether this be of the time of Charles II., or a poem by Ossian, it certainly is very unlike Mac Pherson's Ossian, and very like other popular ballads. It has the characteristic Celtic imagery, which 'Ossian's Poems' have not. This poet, in Oisein's character, identifies himself with his natural, familiar woodland image of withering solitary age. He is not like the last nut in the husk. He is that solitary, withered, relic of past seasons, wavering in the autumn breeze, about to fall; the last of six.

These were, Oscar, Caoilte, Oisein, Ruidhne, Goll, and Gorri. The King of Greece, in the 2nd verse, identifies the story, which was the same in all versions. In Kennedy's second version, lines marked \* were altered. They suit a new 'Argument.' Where Kennedy's English 'Arguments' are his own his Gaelic Poems remain like others of their kind. When his English improves, his oral ballads yield to Arguments which are not his. The Feinne become Mac Phersonic, pro tanto. Something vaguely like part of this story, was in Mac Pherson's English, p. 127, 1762. In the latest editions, vol. I., p. 192, are 371 lines of Gaelic, of which I cannot find one in this ballad. No Gaelic for the end of Carthon exists, unless it has been found or composed since 1871.<gai>

YMICH OCHTYR.

1

COYA lwm ymich ochtyr  
Chor tocht er my venmyn  
Cut da nymich cha chellwm  
Gin gur wellwm gi calmi

2

Oskir is keilt crowith  
Is m'lowith fa moltyr  
Finn agis Dermid deadzale  
Quogr leytych zar nochtyr

3

Misse agis rynith is kerrill  
Keyve in norrin gin lochti  
Chinnimyr er chreith banwe  
Gir wea anmyn nochtyr

4

Ymich orrin skaill darwe  
Inni gi calm fane sottill,  
Daggimir downe vec cowle  
Cowin lwm ymich ochtyr

5

Zawrmir downe re albin  
Bi chalme dwne a rochtin  
Hut reith lay m'kowlle,  
Cowin lwm ymich ochtyr

6

Er zorttymir zwle tagsin  
Ymith class inta is corkir  
Finni a wade gi brow  
Cowin lwm ymich ochtyr

7

Huggymir cath sin neddall  
Di fre tegwalle na porteiv  
Rugimir boye is cowe  
Cowin lwm ymich ochtyr

<eng>(1) Fingal's Hall.

(2) Red or bloody hill.—Mac Donald.

(3) Alvin, the same with Aldo, in the Battle of Lora.

(4) This is similar in Mac Pherson's Battle of Lora.—J. Mac Donald.<gai>

[TD 105]

8

Hugimir caith ni frankgi  
O sann di fre gi doggir  
Zowimir geylle is cowe  
Cowin lwm ymich ochtyr

9

Hugimir cath ne spane  
A tantyn is a tochtyn  
Quhoye r my ray fane doyne  
Cowin lwm ymich ochtyr

10

Hugimir caith brettin  
Bi zeglich ay is be doggir  
Hoggymir gayle doyne  
Cowin lwm ymich ochtyr

11

Warrimir Crom ni carne  
Er fargi is ay er ottill  
Foyrrymir gi ter owille  
Cowin lwm ymich ochtyr

12

Na rey harnik ni clossich  
A phatrik ossil hochmyn  
Finni wayde er cowe  
Cowin lwm ymich ochtyr

13

Noewe a manmsyth phadrik  
Is hard crawe is sochyr  
O phakgyth missi id coithr  
Cowin lwm ymich ochtyr.

Cowin lwm.

<eng>H. 16. HOW SIX PERSONS WENT FROM FINGAL TO LIFT TAXES FROM ALL  
KINGS, OR ELSE TO KEEP WAR WITH HIM. 60 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 31. Advocates' Library, Dec. 1, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—Dec. 4, 1871, Dublin.—As Tradition this story is common in Ireland,  
but the ballad was not identified by Mr. Hennessy.—J. F. C.

THE ARGUMENT.

THERE went away six persons of the choice and ablest of the Heroes from  
Fingal to lift tribute on every King; or else to keep war with Fingal;  
they first went away to the King of England (for Scotland was paying a  
yearly tribute to him) for to get the down off him, and when they got  
that, they did not go no further. Observe the Poem.<gai>

DAN 5.

1

'S BRISTEACH mo chroidhe sa Phádraig,  
'S mi tigh 'n air na bha sinn deanamh;  
'Nois ged nach maithrean Mac Chuthaill,  
Leam is cumhain cuid d' a bheasaibh.

2

Gu 'n innseam dhuibhsa Mhic Alpainn,  
Aig bheil beannachadh uile Eirann;  
An treabhantas do rinn seisear,  
Nach gabhadh eagal no éuradh.

3

Ailis sin dhamh Oisian nárairch,  
A dhea' Mhic Fhinn bu leóir abhachd;  
Ciod an treabhantas rinn seisear,  
D' ar laoich éibhneach, threisail áluin.

4

Ghluaiseamar o 'n chathair amlaich,  
Seisear fear armach do bhuidheann;  
A dh' iarruidh freagradh gach tíre,  
'S a thogail cís do Mac Chuthaill.

5

Do ghluais sinn an tús ar teachd' reachd,  
Dhionnsuidh Rìgh Sasgan nan géur lann;  
Ochóin! bu mheamnach ar 'n aigheadh, theachd ro deisainn.

6

Teachdaireachd chuir gu Rìgh Sasgan,  
Do bhrí nearta bu chubhaidh;  
Géill a thoirt dhuinn air ar 'n eagal,  
Air ghea' freagradh do Mhac Chuthaill.

7

Do fhreagair dhuinne 'n Rìgh buadhach,  
Do bhrí uabhair agus treise;  
Nach d' ugadh e géill no freagradh,  
Is gu b' ion eagal do 'n t-sheis.

8

Do thogamar ris air sleaghan,  
'S gu b' ann r' a ádhaidh ar bratach;  
Re aithris air ár nan gaisgeach,  
Bha mnái' o 'n fhairsneach gu galach.

9

Thogamar leinne d' an uaisle,  
Cuiig ceud gu 'n fhuasgladh do dh' Eirinn;  
Sin dhuitsa sgéul a mhic Alpainn,  
Aig bheil Laideann agus Beurla.

10

Sin na rinn sim suas do bhraidhdean,  
Le tilgail ar saighde calma;  
Is na thog sinn d' an uaisle,  
Mu 'n d' fhuasgail sinn bann do dh' Albinn.

11

Bu diais dhiu mise 's Caoilte.  
Bu triar dhiu Faoghlán fearrbhuidh;  
B' e 'n ceathramh dhiu 'n t-Aogh Mac Rosaich,  
'S b' e 'n cuige dhiu 'n t-Oscar calma

12

B' e 'n Seathamh dhiu Milidh áluin,  
Nach do chlaón riamh bair re' m chuimhne;  
'S a noc gu' r muladach a' ta mi,  
Re tím bhí 'g àireamh na búidhne.

13

Phill sinn air ar 'n ais do dh' Eirinn,  
Sinn mar cheathairn éibhneach shutha;  
Agheilleachdain air a bhagar,  
Do bhrí feartean Fhinn mhic Chuthaill.

14

Rainig sinne na seachd Cathain,  
Dream nach deachidh riamh air theicheadh.  
'S air clor réidh na fola Feinne,  
Cho raibh dhinne 'n sin ach seisear.

15

B' iad sin fein a chuirear chruthach,  
A dh' fhag gu trom dubhach mise;  
Dh' fhag iad urseann mo chleibh snitheach,  
Agus crún mo chroidhe bristeach.

<eng>I. 11. THE DEFEAT OF CARTHONN. 72 lines.

A POEM.

Kennedy's 2nd Collection, page 26. Advocates' Library, April 4, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

THE DEFEAT OF CARTHON.

IT is very probable that this Carthon or rather Carthonn, is the usurper Carausias, who had frequently fought and overcame the Caledonians and forced their neighbour Kings and Lords that possessed the south countries of Scotland to pay him a yearly tribute. These oppressed petty Kings sent for Fingal to whom they agreed to pay him an adequate tribute, upon condition he would rid them of the tyranny of Carausias and recall the Tribute, to which Fingal consented, and sent off three hundred men of the flower of his Bands commanded by six of his brave and most valarous champions to reclaim the tribute of Carthon, who at their arrival upon demanding the tribute (or appoint a day to engage Fingal and his army), were furiously attacked by Carthon's Legions, of whom the brave Caledonians took 500 prisoners to Scotland where they were kept under close confinement till Carthon laid down the tribute. This and several other successes helped greatly to establish Fingal's authority over all Scotland, and procured him the love and favour of his neighbouring Kings. The Poem is addressed to the Son of Alpine or St. Patrick.

All this is an afterthought. See above, A. 16. H. 16.—J. F. C.<gai>

1

'S BRISTEACH mo chroidheasa Phadraic,  
'S mi tigh 'n air na bha sinn deoramh;  
Noc ge d' nach maithreann Mac Cumhail;  
Leam is cumhainn cuid da bheusaibh.

2

\* Gun insinn duitse Mhic Alpinn,  
\* Bheireadh claisteachd do dheas' sgeula;  
Ann treubhantas do rinn seisear,  
Nach gabhadh eagal no euradh.

3

Aillis sin damh Oisein naraich (dhainich)  
A dheas' Mhic Fhinn bu leoir abhachd;  
Ciod an treubhantas rinn seisear,  
\* Le 'n laoich bu treise sa ghabhadh,

4

Ghluaiseamar o 'n Chathair amlaich,  
Seisear fear armach le 'r buidheann;  
\* A dh' iarruidh freagradh ar Rioghradh,  
'S a thogail cis do Mhac Cumhail.

5

Ghluaiseamar an tùs ar teachd' rachd,  
Dh' ionnsuidh Ri' Sasgann nan geur lann;  
\* Ochoin! bu mheamnach san astar,  
\* Na laoich a chaisgeadh an t-eug-bhail.

[TD 106]

6

\* Teacdaireachd chuir gu Riogh Carthonn,  
\* Do bhri' calmachd, mar bu chubhaidh;  
Geill a thoirt duinn air ar 'n eagal,  
Air neo-freagradh do Mhac Cumhail.

7

Do fhreagair dhuinne Riogh buaghar,  
Do bhri' uabhair agus treise;  
Nach d' thugadh e geill no freagradh.  
Is gu b' ion eagain do 'n t-seisear.

8

\* Dhoirt iad chugainne na sluaigh,  
\* Mar theachd a chuain air rua' rugha,  
\* Gu beucach, buidhneach 'n ar co' ail,  
\* 'S nach tuigt' an comhra' san uighe.

9

\* Mar èitil nan ean ann soinninn,  
\* 'S doinnean a dubhadh an àbharr;  
\* Bha toirm nan Treonach, na millidh,  
\* Le gathan liobhaidh, gu 'r bearnadh.

10

Do thogamar ris ar sleighan,  
'S gu b' ann ri aghaidh ar bratach,  
Ri aithris air àr nan gaisgeach,

Bha mnàì' o 'n fhairsnich gu galach.

11

\* Mar shileadh nam beann air aonach,  
\* Bha 'n creuchdan nan laoch a' dortadh;  
\* Mar ghaoth charranach Beinn-auna,  
\* Bha gàir nam fann ann sa chòmhrag.

12

Thugamar leinne da 'n Uaislibh,  
Cuig ceud gun fhuasgladh do dh' Eirinn;  
Sin duitse sgeul a Mhic Alpainn,  
\* Ga 'm biodh Laidinn agus Greigis.

13

Sin mar rinn sinn suas do bhraidean,  
Le tilgeil ar saighdean calma;  
Is na thog sinne da 'n Uaislibh,  
\* Ma 'n d' fhuasgail a chis do dh' Albinn.

14

Bu diais diu mis' is Caoilte;  
\* B' e 'n treasamh dhiu Faolan fearr-bhuidh;  
B' e 'n ceathramh dhiu 'n t-Aogh Mac Rosaich,  
'S b' e 'n cuigeamh dhiu 'n t-Oscar calma.

15

\* B' e 'n seathamh dhiu Aogh Mac Dàire,  
Nach do chlaon riamh bair ri 'm chuimhne;  
A noc gur muladach ata mi,  
Ri tim bhi 'g aireamh na buidhne.

16

\* Philleadar air ar 'n ais do dh' Albinn,  
Sinn mar cheathairn armaich, shuthaich;  
A gheilleachdain air a bhagradh,  
Do bhri' feartan Fhinn Mhic Cumhail.

17

Do rainig sinn na seachd Cathain,  
Dream nach do chuaidh riamh air theicheamh;  
'S air clor rè na folbha Finnidh,  
\* Rainig sinn iad sin nar seisear.

18

Gu b' iad sin a chuirear chruthach,  
A dh' fhag gu trom dubhach mise;  
Dh' fhag iad ursann mo chleibh snithich,  
Agus crun mo chroidhe bristeach.

## Z. 9. TUIRBHS RE LEIN TARLACH DARA.

<eng>Sent by Ion Mac Fergus, Port Weeymss, Islay.<gai> Ceud Mios  
Feadharadh 10 ladh. 1859.

SEISEAR bhraithrean sin air sliochd  
Seisear sinn nach d' fhidir lochd;  
Is-cha mhair ean t de 'n seisear gu beachd  
Air an Lichd ach mise nochd.

<eng>This verse is printed in Kennedy's Hymns, page 102, as 'Cumha nam braithrean,' which Kennedy got from a Craignish man, who could recite more of the Poems of Ossian than any other between the Mull of Kintyre and Highbridge in Lochaber.<gai>

X. 5. BARDACHD DHEIREANNACH OISEIN.

<eng>36 lines.

Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh. Edinburgh, January 29, 1872.<gai>

1  
SEISEAR sinne saor o shliochd,  
Seisear nach do smaonaich lochd;  
Chaidh fear dheth 'n t-seisear fo lic,  
'S mor fath mo chlisgidh nochd.

2  
Cuigear sinne 'dol air ghleus,  
Sid e thugad righ na Gréig;  
On 's dearmad dhuinn a dhol air chuairt,  
Bhuineadh uainne fear an treud.

3  
Ceathrar sinn a' sealg ré seal,  
De bhuidhinn armaibh nach gabh g  
Air cho cruaidh 's gan cuirte leinn cath,  
Bhuineadh uainne fear na fir.

4  
Triùir sinn 'an gnìomhan còr,  
'G aithris thairis air chleas arm;  
Shiubhail a' Ghrian o ear gu iar,  
'S bhuineadh uainn an Triath gun chealg.

5  
Suidhidh sinn 'nar dithis a muigh,  
Sgailidh sinn fo nar gean;  
Thainig an t-Aog mar bu dlighe,  
'S bhuin e uamsa 'n dara fear.

6  
Mise 'n am ònar 'n an déigh,  
Cha bheatha dhomh ach am bàs;  
Cha d' thainig air thalamh 'nuas,  
Aon neach leis nach cruaidh an càs.

7  
'S mi 'n aon chnò 'dh' fhàs 's a mhogan,  
Gun chnò eile 'n am fhasgadh;  
'S gearr mo bhogadh gu tuiteam,  
'S a ghaoth' dol fotham gu farsuing.

8  
'S mi 'n aon chraobh a dh' fhàs 's a chnoc,  
Mar stoc a bhuaileas an tonn;  
Cha bheatha dhomh ach am bàs,

'S mairg do 'n fàgair a làmh lom.

9

Caoillte, Goll, agus Gorri,  
Agus Oscar, uallach slios-gheal;  
Mise 'us Ruidhne o 'n a mheanbh bheinn,  
Gu-m b'e sid ainm an t-seiseir.

<eng>'The above verses have been taken down, by Farquhar Mac Donnell Plockton, from the recitation of an old man, Farquhar Mac Rae, Kintail, who on his deathbed repeated them a day or two before his death.'

'Plockton, Lochalsh, February 1, 1866.'<gai>

M. 14. LAOIDH LAOMUINN MHIC AN UAIMH-FHIR. <eng>106 lines.

Gillies, page 302.

I have one other version of this ballad; Gillies gives no hint where he got it before 1786. It is part of the Dialogue between Oisein and Pádrúig, with the same actors in it. Laomuinn, the Giant's son, would seem to have something to do with the name of Beinn Laomuinn (Ben Lomond.) Supposing him to be one of the people conquered in the last ballad, I place him here. The rhythm of this differs from the usual rhythm of these ballads.<gai>

1

IS cian o sin a Thulach ard,  
Gu facas air do bharr uair  
A bhuigheann nach diultadh roimh neach,  
Ge d' tha thu 'n diu gun teach gun tuar.

2

'S ann ortsa bhiodh Laomann mor  
Mac Nuagh-fhir (1) a chlaoi gach treis,  
Fear a chuir Alb fo aon chain,  
Le spionna dha laimh 's a chleis.

3

Acruineachd, a h-airgiod 's a h-or,  
A h-iasga geal, a feoil 's a fion,  
A leuga logmhor is a maoin  
Ghabhadh leis an laoch gun fhiach.

4

A ris thainig cairioll 's an Fhiann  
Mac Rìgh Alba na 'n sciath 'n oir;  
Cha bu ladhaid thu sud mu d' rath  
A thulach dhaite dhea' ghlan snuagh.

5

Bha sinn ann cath niar thiom,  
Nach do phill re aite cruaidh,  
Gun easbhuidh faobhair no rainn,  
Ge mor a bh'air ar ceinn do shluagh.

6

Thainig Diarmad 's Caoilte cruaidh,  
Fo 'n bhrataich euchdaich arm-ruaidh,

Le 'n eathaibh millteach gun dail  
Bu dearg sochair an iomairaidh.

(1) Cha bhi mi 's an laoch a riar.

[TD 107]

7

Thaing an ceathramh Cath d' ar Feinn,  
Curaidh bu mhaith feim air tos,  
An laoch nach tugadh briathar tais,  
Iolunn bras Mac Mornai moir.

8

Naoi mic-fhichead Mornai moir  
Thainig chugainn le 'n sloigh mhear,  
Naoi fichead sciath gharg ann goil,  
A dheangadh ceud gach aon fhear.

9

Thainig chugainn Faolan fial,  
Deich ceud sciath is cloidheamh glas,  
Goisridh do mhaithibh na 'm Fiann,  
Gu Dun-laomunn nan ciabh cas.

10

Glaisein connachdach na 'n tonn  
Choncas an cath trom ag teachd,  
Fa choinne Feinn flathail Fiann  
Gu Dun-laomunn na 'n ciabh cas.

11

Thainig chugainn Galdui' mor  
Agus Fiannachd Abarneachduinn,  
Fa choinne Feinn flathail Fiann,  
Gu Dun-laomunn na 'n ciabh cas.

12

Thainig chugainn an deis noin  
Cath Fheinn Mhic Cumhail Mhic Treunmhoir;  
Gu 'm b' i sud an Toirc ghreadhnach  
Fionn fein 's a lan teaghlach.

13

Thainig an Fhiann ghaolach gu mor,  
Leis na glas laoich bu chruaidh neart;  
Sluagh, fothrom is caithreim na 'm Fiann,  
Thainig sin, 's bu trom am feachd.

14

Bha fear rompa bu caoine gloir,  
Gun easbhuidh sioda na saor-shroil,  
Bhiodh air taobh deas an fhir mhoir  
An cuiseir gasta an-mor.

15

Or gu pailt air na h-earluinn  
Air slios an laoich mhoir mheanmnich

16

Chuige thionaileadh an Fhiann  
As gach sliabh an ear 's an iar.  
Bu lionar sin a bha sinn ann  
Lireach agus lann is fear.

17

Corr agus naoi mile Burc  
Dh' iath sinn iad mu Dhun na 'n dos;  
Raineadh sinn Tulach na 'm blath  
Ghabh sinn tur is tamh is fois.

18

Chuaidh sinn fo 'n Ghil-ghreine  
Seachd catha na gna Fheinne,  
Fo 'n chrann chiuil bu mhath buaidh,  
Foi 'n Reilin daite arm-ruaidh.

19

Chunnaic sinn mu 'n cuairt d' an Dun  
Comhlaoich re daoradh dluth shleagh,  
'S an laoch fuileach air an ceann,  
'S cinnteach gu 'm bu sean a bhias. (2)

20

Dh' eirich Laomunn gu deas,  
Air teachd oirne greis d' an lo,  
'S iomadh lamh agus cos  
A theasgadh leis agus ceann.

21

'S iomad sleagh a chorcradh leis,  
'S lionar cneas sna chuir e lann,  
Bu lionar draoiseach 'nar Feinn,  
B' aillsidh creachdan fo laimh.

22

Dh' eirich Oscar an aignidh mhoir,  
A chosgadh 'n fhir bha 'n gar dho;  
Dhosan comhrag chaogad laoch  
Niar dh' eitich an saoi sa chleo.

23

An t-Oscar mor bras-bhuilleach  
Fear a reubadh gach cath,  
An tuil mhor gharbh ghasta,  
Ur mhacan an ard-fhlath.

24

Mo mhac-sa bhuadhaich an cnoc,  
Le h-Oscarr a thuit an t-aoidh,  
'S ioma' reuba bha na chorp,  
'S ioma' loit na dheas-thaobh.

25

Seachd ràthain do 'n Almhain uir  
Ga leigheas ann cuirt na 'n Gall,  
'S cha dubhairt Oscar aich no iòd,  
Ge h-ioma cnead a bha ann.

26

Is mise Oisain dea' mhac Fheinn,  
Is ann rinn gu leigeadh e run;  
An la sin bu mhor mo rath,  
Bu mhi an dara cath air thus.

27

Beir mo bheannachd uam an nochd,  
Beir m' anam bochd gu Dia;  
Soruidh uam ad' chuideachd Fheinn;  
Leinn a Thulach ard is cian.

<eng>THE STORY OF DEARG.

THE last story was a broken history of a blood feud between Celts and Scandinavians, lasting through several generations, and ending in the 'tightest battle' the Heroes ever fought. This seems to be another story of a blood feud. We are told that Cumhall, Fionn's father, slew the father of Dearg mac an Deirg. A prose story tells that Oisein's mother was daughter of Dearg, and that she was enchanted, wooed, and won under the form of a deer. In a third story the Feinne go hunting with Dearg. To test his wife, they pretend that he has been slain by a boar. The wife prepares the funeral feast, sings a ballad, and dies. Dearg invades Ireland from Scotland; some specify Mull as his kingdom. The Feinne, who had gone from Ireland to hunt with Dearg, fight him when he invades their country, and Goll slays him in a ballad. Of this ballad 10 versions are known to me:—1. About 1690 a version was written at Ardchonail, 267 lines. 2. About 1750 Mac Nicol wrote a version at Lismore, 290 lines. 3, 4, Kennedy wrote two versions, 256 and 256. 5. About 1780 Bishop Young got 36 lines in Scotland somewhere. 6. About 1800 Dr. Irvine got 38 lines about Dunkeld. 7. Mac Donald got 60 lines in the North of Scotland. 8. Mac Callum printed 294 lines in 1813. 9. In 1862 a great many people knew the story, and some few could repeat parts of this ballad. 10 Mac Donald's version, S., I never heard, but I read his version in June 1872.

Fionn next went from Ireland to Scotland to hunt. He fell asleep. Diarag og Mac Righ Deighir, one of the Feinne was with him. A stranger wished to avenge his father on Fionn. Diarag defended Fionn, and was slain. Fionn awoke, lifted the dead warrior, lamented him, and had him buried at Albhi, where the Feinne were buried.

The next bit of the story is well known as a ballad. Conn, the son of Dearg, possibly brother to Diarag òg, came from Scotland to Ireland to avenge his father's death on the Feinne. Goll, who slew the father, also slew the son. The warrior is described as a giant. The Story then concerns four generations: Cumhall, Fionn, Oisein, Oscar:—Irish at blood feud with:—Dreabhal, Dearg, Dearg Mac an Deirg, and Conn Mac an Deirg, Scotch chiefs alternately friends and foes, but with the vendetta always behind. Dearg's wife says (O. 28., verse 2) that she was the daughter of Laomain, the son of Roc. In M. 14. Laomain, the Giant's son, is invaded and overcome. But Roc (p. 63) was the name of the one-eyed, one-legged runner slain by Fionn;—brother of the Smiths, who were allies of Manus, the Scandinavian foe. So the whole system hangs together. A great many stories are all brought to the same point. Whatever the story may be, it ends about Teamhra, or Albhinn, the seats of the Irish High King and his army. According to tradition, 'The praise of Goll was sung after the slaying of Conn Mac an Deirg.'

Verses (33 to 37. D. Conn Mac an Deirg) indicate another blood feud between the Clanna Baoisgne and Clanna Morna, which began in the days of Cumhall and ended in the overthrow of the Feinne.

Parts of this series of ballads have been indentified with passages in Mac Pherson's 'Calthon and Colmal,' p. 219, edit. 1762. I cannot see the resemblance. Dr. Smith seems to have composed a poem upon this theme, p. 277. edit. 1780, 'Dargo the Son of Druivel.' The Argument contains part of the Story of Dearg, but the poem itself and the Gaelic equivalent differ entirely from the Gaelic ballads which Dr. Smith's neighbours, Mac Nicol and Kennedy, gathered orally in the same parish and district. Of Conn Mac an Deirg, I have D., 188 lines; F., 210; H., 130; I., 176; L., 170; M., 144; O., 159; S., 116; Z., orally collected by myself, 16, 158; 17, 66; 19, 139; 27, 191; 32, 60. In 1871 I heard the ballad sung by peasants in the Highlands. Of this story in verse I have of Dearg's Story, 1513; of his son's story,<gai>

(2) Sean, no teann a mheas.

[TD 108]

<eng>2,047; in all, 3,560 lines, which I have collated. I print a selection below. Were they fused these would make about 600 lines, but to fuse them would be to lose the variations which seem to bear upon subjects of general interest, namely, Philology and Tradition.<gai>

D. 16. DUAN AN DEIRG. <eng>290 lines.

Mac Nicol's Collection, Ossianic Ballads. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, February 29, 1872.

A comparison of this version with Kennedy's proves that they had no written original from which to copy. Both wrote from oral recitation in different districts, and their versions vary accordingly.<gai>

1  
GLEIS air caithreim an Fhir mhoir,  
Thainig thugain an ceud uair;  
An treun Laoch bha lan do dh' oil,  
B' e 'n Dearg dana Mac Dreithin. (Treithin)

2  
Thug e a Mhuinnin do,  
An ceud La aig dol air sail;  
Nach faighadh e geil air bith;  
Aigh aon Fhianaigh air Fheobhas.

3  
Go Thasg nan Fiann as mor Goil,  
Gluasaidh an Dearg Mac Dreithin,  
An oir fo Thir nam Fear fionn,  
Gu crichibh Iaradh Fear Eirin.

4  
An Dithist Laoch nach d fhuillin Tair,  
Aig aibhric a Chuain chobhair bhain;  
Bha Raoidhne Rod-gheal Mac Finn,  
San Caoil Crogha Mac Cribhinn Righin.

5

Tra-shoir an Ti thin thair chuan,  
Thuitidir nan Guilibh Suainn,  
Gus an do ghaibh Barc an Fhir Bhoir,  
Car air an Traigh dan geur Choibhidh.

6

Thug an Laoch fa theintidh Dreich,  
Leim thair a crannibh craosach;  
'S tharring e a Bharc air snaigheadh,  
Air an Traigh dhil ghaineich.

7

Bha Fault Fion-bhui mar or cheard,  
Oscion a mhaillcathin nach Duigh;  
'Sa dha Gheare ghorma mar ghlainnidh,  
'S bu dhealbh-ghnuis do 'n mhilidh.

8

Bha dha shleigh chrann-reibhir chath,  
An Laibh Mhic an ard Fhlath;  
'Sgiath oir air a ghualin chlith,  
Aig Mac uasal an ard Riogh.

9

Lann nibhe ri liodairt chorp,  
Aig an Laoch gun eagal coibhraig;  
Neul cuntuidh clocharra corr,  
O 'n mhilidh shocharra shuil-ghorm.

10

Geil gaisgaidh an Doibhin Toir,  
A choissin an Dearg Mac Dreithin;  
Air mheid a Thappa air Dheilibh,  
Air choibhrag ceart air cheudibh.

11

Dhuisgidh Raoidhne Rod nior Thiom,  
'San Caoil Ceutanuch crogha calma;  
Glaccadar an airm Laoch nan Laibh,  
Agus Ruidheadar na choibhdhail.

12

Habhair sgeul dhuinn Fhir mhoir,  
Oirn' a ta gaibhrac a Chuainn;  
Da Mhac Riogh le sar phailt shinn,  
Dion lan uaislin na h-Eirin,

13

An Toisg fo 'n taine mi nois,  
Cho 'n ium aon neach da ain-fhios;  
'S mi 'n Dearg Mac Riogh nam Fear fionn,  
'G iarraidh ard Rloghachd Eirin.

14

Labhair Raoidhne 'n aigne mhir,  
Ciod e an Rioghan Dearg Mac Dreithin;  
Freigairt na geil air Tir Fail,  
Com am faigheadh tus e Laoich Iumlan.

15

Ge maith shibhs' a Dheishe Laoich,  
Do bhrigh Farmaid & Fraoich;  
Co bhacca dhim a gabhail,  
A glaccadh na hiom ghabhail.

16

Nan sloininse dhuitsa na cathan,  
A Dheirg Mhic an ard-Fhlath;  
Slionbhar an Teibhra Laoch Lainn,  
A dh' euridh riutsa da'd choibhrag.

17

'S mo Bhriathar ge borb do Raithin,  
Deir an Caoil Ceutanaeh croagha calma;  
Gun rachains do'd dheichuin anois,  
A Laoich ud a thainig thairris.

18

Air a chaol chrogha bu mhath Dreich,  
Leimidh an Dearg gu dasanach;  
Le Fraoch mor & le feirg,  
'S mairg air an do bhuaile an treun Laoch.

19

Dhianaigh an Dearg coibhrag cruaidh,  
'S an Caol crogha le mor uaille;  
Agus thug iad Torrinn deas teann,  
Re sgolta sgiath & chath-bharra.

20

Gum iomrapa na Deishe,  
Ann san Iurrughail nior thairris;  
Gu do cheangladh leis an dearg,  
An Caol crogha san Chrodh-linn.

21

Dh' eirich Raodhne Rod-nior thiom,  
An deis an Caol crogha do chriplidh;  
Mac Riogh na Fein gu sar,  
Choibhid an Treun-fhear 'sga chonbhail.

22

B' iongantach an cheassibh Goil,  
Eattara san air chruaidh Feime,  
Gus 'n do cheangladh leis an Dearg,  
Raodhne nan Rod 's nan Luath bheumanan.

23

'S ro mhaith 'n gniobh san Cala dhuit,  
Shinne mar Dithis do cheangal.  
Fuaisgail an Crioplaidh Laoch Lainn,  
'S bigh shinne nar dithist ma 'd thiomchil.

24

Fuasglaidh an Dearg 's nior threish Fiach  
Cuibhreach na Dushe deo Laoch;  
'S ghaibhe an Briathar leth far leth,  
Nach toga shiad arm na Aoghaidh.

25

Gluasadar an shin gu Teabhra,  
Gu Cormaig a bhoir Theoghlaich;  
Mac Driethin nan geur Lann buaghach,  
Gu Triath Teabhra nan deagh Luaidhrean.

26

Dh' eirigh na Fir shin a Thoabhra,  
Fir mhora dhireacha dheallabhach;  
'S gu 'm b' iumma Fear dhonn-bhroit-shroil,  
An tiomchioll Chormaig an ceud uair.

27

Labhair Triath Teabhra gun oir,  
Suighibhse Chliar chalma churanta;  
'S cha 'n uabhar dhuibh Fearg an Fhir,  
'S na Togaibh airm na aoghaidh.

28

Air Eachdaridh na Faiche dho,  
Dho Mhac Dreithin nam mor scleo;  
Leigas na Roidin Riaghailleach,

29

Bheannuich an Dearg le gloir bhinn,  
Do Thriath Teabhra gu aobhinn;  
Agus fhreagair am Flath agus Doruinn,  
De Chath mhilidh na treun oige.

30

Suighidh an Dearg is nuon thiom,  
Agus fiarruiche (1) ard Riogh Eirin;  
Do bhriogh do Thuruish gu Teabhra,  
Innish e Laoich mhoir mheanmnuich.

31

She beachd mo Thuruish dhuit,  
Mhic Airt Churanta Chormaig;  
Treis do dh' Eirin bu mhaith leom,  
Na Fiass bheumanan mu d' Thiomchioll.

32

Geil Eirin do tabhairt air muir,  
'S maing a dhiairigh i a threun Fhir;  
A Prish cha choissin I gu brach,  
A deis a tabhan le aon oglach.

33

Mu 'n faighinse nalsa Chormaig,  
Flathas uille gun Doruinn;  
Coibhrag chuig ceud do chlannibh curaidh,  
Uaisle Mhic Airt ghrinn churant.

(1) Fiosruiche.

[TD 109]

34

Chuir Cormaig a cheud calma,  
A chluidheadh an Deirg ga Bhuintir;  
Da cheud eille bu ghniobh dho,  
Chlaoidh an Dearg san aon Lo.

35

Chuir e Teachdarichd gu luath, luath,  
Gu Mac Cubhail a mhor shluaidh;  
Thainic air an Lamabhairesach,  
Mac Cubhail gu mor-dhailich.

36

Le nao mile gaisgeach glan,  
Nach pillidh ascail na scainnir;  
Aillibh oir mu cheann gach Fir,  
Do shluaidh Fheine a h-Albhuinn.

37

Sgiatha Fithidh le 'n Imlibh oir,  
Le 'n Earraidh sheibhidh saobh-shroil;  
'S gheabh sluagh Mhic Morna nan creach,  
Cuirm is poit an Taigh Teabhradh.

38

B' e Iomrapa Mhic Riogh na Mionn,  
Air Tighin a steach ga'r Pobbul;  
Thug na nao mile cleass Luth,  
'S ann ab' aobhar Iomruinn.

39

Gun bheannuich Fionn gun Dail,  
'S fhreagair an Dearg Dreach-bhor dha;  
'S dhiar e Cubha gu luath,  
Air Mac Cubhail na Coibhrag.

40

O 'n La 's math do Laibhsa Fhir,  
'She thubhairt Flath Feinn Albhuinn;  
Thoirbheirtinse Braidin (2) dhuit,  
A Dheirg air Eggal coibhraig.

41

Mas sann thuggamsa thrialfas shith,  
A Laochidh le 'r claighin solluist;  
Uailse ceud ullabh Fhinn,  
A Mhic Cubhail airm ghrinn.

42

Chuir Fionn a cheud calma,  
A chlaoidh an Deirg da mhuintir  
Air Chonn 's air Dhorn Mac Smail,  
'S air Lann Mac Lonain.

43

Thuit Connan Mac an Lein,  
Agus an Dorn da reir;  
Thuit le Laibh gun Lochd,  
Ceud Fear Fuilleach faobhar-nochd.

44

Dh' eirigh Faolan le Feirg mhoir,  
'S togair a Mheirg shaorridh shroil;  
Agn's phrosduichir a Chip Chatha,  
Dol a chosnadh mhic an ard Fhlath.

45

Gith Teine gith Cailce cruaidh,  
Do bhi dheth 'n Lannibh san uair;  
Agus Gith eille do nimhe,  
Do bhi do Lannibh na Mhilidh,

46

Gun do thaisgeadar an Lannaibh,  
Air an Corpadh caobha cneas-ghealla;  
'S gun do ghlaic Iad cuim a cheile,  
An deis an urnaidh do aidbhail.

47

Gun do cheanladh leis an Dearg,  
Faolan Crogha nan Caoibhruin,

48

A Ghuil Mhic Morna nach miolta,  
Gniobh do mhir Crogha na Calmhuinn;  
Caisg dhiom coibhrag an Fhir,  
Bheirigh Gaisge a mhor shluaidh.

49

'S leat fein shud air tus do Dhala,  
Trian Cubhadh & Feudalach;  
Deich ceud Uighe do 'n oir fa thri  
Gheibha tu uams' ars an Ard Riogh.

50

Gad a Dhraotar le Feine,  
Clanna Morna Mhunga bhuighe;  
Bheirin fein mo Choibinne dhuit,  
A Riogh na Heirin da d' Fhurtachd.

51

Shin mar a ghluasadh Mac Morna,  
Na chullaidh Chatha, chruaidh choibhraig;  
A chasg Uabhar an Laoch Lain,  
'S mairg a phrosnuiche na choibh-dhail.

52

Shinn mar thogadar an Fhola,  
An Dithist mhilidh ro ghlanna;  
Le snaidheadh chloggad is sgiath,  
Eadar Mac Dreithin is Iulluin.

53

Shin nar thogadar an cleass,  
Aig an Dreinnadar am mor chloass;  
'S aig 'n do Thost Fir Eirin uille  
Ri Flass-bheumanan na h-Iurraghaille.

54

Sheichd oichin & sheichd Lo,  
Far m bu tuirsich Mic is mnai;

Gus am fac iad Goll Mor,  
An uachdar air an Dearg aibhidh.

55

Fuatr Goll mar a ghealladh leis,  
Fo Mhac Cubhail gun aineas;  
'S bu bhuigheach am Flath gun duair,  
Do choibhrag Iullain arm-ruaidh.

56

La is Bliaghan an Dubhar Ghuile,  
An deigh bhi coibhrag an Laoch Lain;  
Bha Mac Morna le Fios,  
An Taigh Toabhra ga leigheas.

57

Mishe Fear is Fili Fhionn,  
Air sgath Feine Mhic Cuibhail;  
Teachd an Trein Fhir air Tuinn,  
Trian a ghaisgidh nior dh' Innish.

<eng>VARIOUS.<gai

58

\* Ca bheil h-uille neach dhiu shin,  
She labhair an Dearg Mac Dreithin  
'S gun fiacha midde ra cheila,  
Mar Fheichin is mar an-fheichin.

<eng>H. 17. HOW DEARG WAS KILLED BY GOLL.

Kennedy's 1st Collection, page 83. 256 lines. Advocates' Library,  
December 14, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—December 17, 1871. Dublin. Not known to Hennessy.—J. F. C.

THE ARGUMENT.

THERE was a king on a part of Scotland called Drea-bhall, or rather Draó-bhoil, means an Inchanter in Battle, who would get victory over any set of people by his evil wisdom, and he had a son named Dearg; for his cheeks was very red and most beautiful to behold. When he came to manhood, and had learnt how to make use of arms, he thought proper to go to Ireland, in expectation that he would gain all that Island to himself, against all the force of the Cormac. But if they would give him a reward for his fear, he would not want no more, but if not, he wants 100 of their best Champions at once to keep com-flight with him. He killed 1,200 of Cormac's best Champions in one day; then he sent for Fingal, who lives at Alirin (at that time) in the said Kingdom, for to get his aid. Fingal came, and Dearg killed 200 of his best Heroes in one day: then he send Goll to him, and the Duel last six days and a half before he could kill him; and he was a day and a year lying with his wounds before he was cured.<gai>

DAN 23.

1

GREIS air caithream an fhir mhoir  
A thainig oirnne cheud oir;

An treun laoch s' e lan do mhear ghoil,  
Gu b' e 'n Dearg dana Mac Drea-bhail.

2

Thug e freiteach an laoch lán.  
Seal mu 'n d' ainig e thair sáil;  
Nach pilleadh gu 'n ghéil gu mór-thir,  
Do bhri' na Feinn' s Chormaic cómhraig.

3

Gu nós na Feinn 's bu gharg a lon,  
Dh' imich an Dearg Mac Dreabhail o noir;  
O thir na 'm fíor feara tréuna,  
Gu criochaibh fíorann Fiann Eirann.

4

Air dol do 'n laoch lom a sheóladh,  
Seal mu 'n d' uabhair e gu cómhrag;  
Do chomharaich an Dearg déud gheal,  
Air Beinn éudain nan sluagh aoibhain.

5

Diais do bha aig an tráidh,  
Coimhead a chuain chobhair bháin;  
B' iad sin Rígh nan ród mac Fhiun,  
'S an Caol-cro mac Ribhinn bhinn.

6

Cho do dh' fhair iadsan an cuan,  
Ach thuit iad nan síoram suan;  
Gus an d' ainig Bát an fhir mhoir,  
Air an tráidh mhín da 'n ceart chóir.

(2) <eng>Hostages.<gai>

[TD 110]

7

Chuaidh an tréun laoch bu mhór neart,  
An gathaibh a chaol chrann neo-meat;  
Leag e beairteachadh gu teóma,  
'S tharruing i gu cithe caolais.

8

Dh' imich an Dearg bu mhaith dreach,  
Chucasan an sin a steach  
'S bha fholt donn bhuidh mar ór ceard,  
Os ceann a chuirp a b' áille dreach.

9

Bha da dhearc shuil ghorma ghloin,  
Ann an gnúis a mhilidh bhail;  
'S bha dha ghruaidh cho dearg re corcair,  
'S cho chaoin re iughar nan cnocaibh.

10

Bha da shleagh reamhar gu sgathadh,  
An laimh mhic Rígh nan ann latha;  
'S cloidheamh sínte r'a shlios garbh-gheal,

Gheibha buaidh air sluaigh d' an calmas.

11

Bha clogaid do 'n teannda mu 'n cheann,  
Bu tréun aobhneach, neartmhor calm;  
Is sgia' uain air gualain chlí,  
Deadh mhac uasal an árd Rígh.

12

Barr áill is gaisgidh an t-shaóghail,  
Do choisain an Dearg mac Draobhoil;  
A mead an gilead, an aóibhneas,  
An cómhrag deise 's an ceatfaidh.

13

Bha a milidh clocharra córr,  
Fuidh chochalach úr-ar ghorm;  
'S bha lann nimhe gu claóidh 's gu leónadh,  
Air leis gun eagal cómhraig.

14

Ghluais an diais bu mhór ágh,  
Na choinneadh nach d' fhuilaing táir,  
Dhol a dh' fhaghail sgéula dhe',  
Cia e, no cia as a theachd.

15

'Ailis sgéula dhuinn fhir mhóir,  
Oirne tha coimhead an t-slóigh;  
'S diais laoch sar mhaith sinn,  
Do dh' uaisle maithaibh fiann Fhinn.'

16

'Ma san chugams' thainig bhur treis,  
Cho deachaidh aon laoch riamh o 'm ghreis,  
'S mi an Dearg mac Righ nam Fionn,  
Thoirt Eirinn gu leir o Fhionn.'

17

'A Dheirg nan iomadidh sgleó,  
'S faoin do bharail, cia ro mhór;  
Treise do lamh is do chuim,  
Gu dean thu re 'r la an túrnn.'

18

'Mar a fuigheam fain gu deónach,  
Géill air eagal mo gharbh chómhraig;  
Gheibh Eirinn Dhamh fein re 'm linn,  
A dhainn-deoin Chormaic is Fhinn.'

19

'Na 'm feacha' tusa re 'r maitheadh,  
A Dheirg mhic Righ nan ann lathaibh;  
'S iomad laoch a gheibht' d' ar seorla,  
Nach stuatha' tu choidh r'a chómhrag.'

20

'C' áit am bheil aon laoch dhiu sin,  
Se labhair an Dearg le cith;  
'S gu feachamaide r' a chéile,

Le fiathach mór 's le h-ann réite.'

21

'Air a ghlóirsa ge binn aoibhneach,  
'S e labhair an Caol-cro céatfach,  
Gu reachamsa fein gu d' chlaoidh,  
O na thainig thu thair tuinn.'

22

Chuaidh iad an sin chuig a chéile,  
Na fir mhora bu leóir géire;  
Choi-sgreadadh gach beann d' an lannaibh,  
'S chrithaichadh am blár fui 'n casaibh.

23

B' e sin an cómhrag teth teann,  
A sgoltadh sgia' is chruaidh lann;  
Gus 'n do chlaoidheadh leis an Dearg,  
An Caol-cro, is a thréun fhearg.

24

Chuir e a chaoil gu teann daingann,  
Na cuigear fuidh 'n aona cheangal;  
'S cho raibh fannadh air gu cómhrag,  
Na 's mo na tréun tuinn re mór ghaoith.

25

Dh' eirich Righ nan Ród gu sgiobalt,  
'N deidh an Caol-cro a chriophladh;  
Mac Righ na Féinne gu 'n táir,  
'N coinneadh an tréun fir 's na dháil.

26

Bhuail iad an sin air a chéile,  
Mar bhriseadh tréun tuinn ag eibhaich;  
Agus chluinte toirm is gaóiraich,  
Ac mar shrann ghaoith teach thair aonach.

27

B' e sin an cómhrag ro gharg,  
A sgoltadh sgia' is chruaidh lann;  
Gus 'n do chlaoidheadh leis an Dearg,  
Righ nan Ród, is a thréun fhearg.

28

Cheangail s' e e gu teann gabhidh,  
'S cho raibh sin na throm d' a lamhan;  
Oir cheangladh e céud lán ármaicht,  
Do thréun laoich fhuileachdach chalma.

29

'S maith do ghniomh agus do ghabhail,  
Sin faraon a bhi fuidh d' cheangal;  
Fuasgail air cuibhreich a laoich lán,  
Is tog sinne faraon mu d' láimh.'

30

'O' na tharladh dhuinn fui' d' mhein,  
Deansa iochd oirnn le deadh ghné;  
'S bheir sinn braithar dhuit gu deónach,

Nach tog airm a' d' aidhaidh 'n cómhrag.'

31

Dh' fhuasgail an Dearg bu mhór neart,  
Cuibhreach na' deis' bha 'n deadh dreach;  
'S cho d' iarr a briathar air neach,  
Ach leig e mu sgaoil iad as.

32

Ghluais iadsan an dara mháireach,  
Gu teach Chormaic na mór abhachd;  
'S mac Dreabhaill nan geur lann buadhach,  
Gu teach Auna na mor shluaghaibh.

33

Rainig iad pobull Righ Auna,  
Na fir bha mór díreach calma;  
'S b' iomaid neach le dhonn bhrat sróil,  
Mu theach Chormaic teachd d' ar coir.

34

'N sin labhair Cormaic gu 'n oth 'n,  
'Suidheadh a chliar chalm san tród;  
Na stuathadh re feirg an fhir,  
'S na togadh bhur 'n airm dh' a gin.'

35

Air suidh do 'n Dearg, 's nior thím,  
Sin a dh' fhiosraich ard righ Eirann;  
'Bri' do thurais-sa thair múir,  
Innis dhuinne laoich mhóir thruid.'

36

'Se bri' mo thurais o Albinn,  
Ard-righ Churanta Chormaic;  
Géill Eirinn do bhuntain leom,  
No fras bhéumanna' gu 'm chom.'

37

'Geill Eirinn thabhairt thair muir,  
Gi de ge d' iannadh tréun truid;  
'S cís nach togar i gu brath,  
Air tathach le aon lámh.'

38

'Mar a fuigheams' uaisla Chormaic,  
Maitheas agus duais gu deonach;  
Cómhrag céud do chlanna curidh,  
'S áill leam fhaghail gu aon tulaich.'

39

'N sin do chuir Cormac céud calma,  
A chlaoidh an Deirg a dh' aon aurra;  
Thuit an céud sin la roid bhorbsan,  
Is ceud eile mhuintir Chormaic.

40

'N uair chunnaig an Righ an Dearg,  
'Dol air a luthchleas le fearg;  
Chuir e teachdaire gu luath,

Gu mac Chuthaill na mor shluagh.

41

Thainig orra 'n dara mháireach,  
Fionn Mac Chuthaill na mór dhálach,  
Le seachd mile gaisgeach allail,  
Nach sgiuthadh air ais le sgannail.

42

Bha sgia' uain' an iomlaig óir,  
Air earradh síde séud óir;  
'S bha sailm mhór mu cheann gach feinnidh,  
Air fir Fhinn a h-Albheinn eibhainn.

[TD 111]

43

Air teachd gn sa mhagh dhuinne,  
'N ar buidheann churanta shuthach;  
Thog an Dearg mac Rìgh nam Fionn,  
Pubull mór gu fulang teann,

44

An sin 'n tra thainig Fionn féin,  
Is a phobull d' a dheadh réir;  
Bheannaich e gu binn do 'n Dearg,  
Do 'n óg innealta dhon dhearg.

45

Do bheannachdsa Dheirg áluin,  
'S deirge gruaidh na subhan fásaich;  
'S gile bian no canach sleibhe,  
No úr shnachd air bharra ghéuge.'

46

'Fhir is ághoir neart is uaisle,  
Raibh mar charraig re h-uchd bualte;  
Innis dhamsa bri' do thurais,  
O Albinn nan armaicht curidh.'

47

'Innseams' sin dhuit Fhinn gu 'n táir,  
Is do d' shluagh o Albheinn árd;  
A dh' iarruidh cumha neo cómhrag,  
Ortsa mhic Chuthaill a 'm ónrachd,'

48

'Air a laimhsa ge maith 'n gabhadh,  
Se labhair Fionn nam béum gáidheal;  
Cha toir mise géill dhuit deónach,  
A Dheirg air eagal do chómhraig.'

49

'Mar a fuigheams' uaits' Fhinn shuthaich,  
Duais mhór air eagal mo luinne;  
Cómhrag ceud do dh' fhearra calma,  
'S áill leam fhaghail air a bhall so.'

50

'An sin do chuir Fionn céud calma,

A chlaoidh an Deirg a dh' aon aurra;  
Thuit an ceud sin le roid ghábhídh,  
Is céud eile shluagh Rígh Pháile.'

51

'N sin 'n uair chunnaig Fionn an Dearg  
A dol a' rís air a luthchleas;  
Bhrosnaich e a chip chatha,  
Is uaislean 'sa mhór mhaithaibh.

52

Dh' eirich Faoghlan am fearg mhor,  
Le chraosaich rinn iomad león;  
A dhol a dhiongail an laoch láin,  
'S bu mhairg a bhrosnaich e na dháil.

53

B' e sin an cómhrag nach b' fhánn,  
A sgoltadh sgia' is chruaidh lann;  
Gus 'n do chlaoidheadh leis an Dearg,  
Faoghlan fuileach le thréun fhearg.

54

'A Ghuill mhic Mornna na mor ghníomh,  
A chruaidh chrodha, 's tréun air dion;  
Nach coisg thu cómhrag an fhir mhóir,  
A lámh a ghaisgidh sa lámh mhór.'

55

'Gheibh tu suidh' air thús 's gach áit,  
Da drian bo is each, is áil;  
Deich céud unca do 'n ór fhíor,  
Is nas modha o 'n ard Rígh.

56

'Ge do thuit le d' chinneach fuileach,  
Clanna Mornn' Mungarídh uile;  
Cho duilt mi mo chonadh dhuit,  
A Rígh Pháil re d' fheum an diu.'

57

Dh' eirich Goll 's nin d' fhuilaing táir,  
Na chulaídh éidídh iomlan;  
'S na h-airm sheanta do bha 'm bruid,  
Thog mac Mornna milídh 'n truid.

58

Bhuail iad an sin aít a chéile,  
Gu cruaidh cuidreach, is cho bhreugach;  
Chruaidh 'n leirg air chríth fui' an casaibh,  
'S chruaidh teine d' an arma glasa.

59

Bhuaileadh iad ga neartmhor do bhídh,  
Mar dha mhúinne bhíodh re cómhrag;  
Choi'-éighadh creagaibh is beanntídh,  
Re airm nan curine calma.

60

Se la agus aon tra' déug,

A thug na curine sa bheum,  
Mu 'n do chlaoidh Goll nam béumaibh,  
'N Dearg mór a cheart reiginn.

61

'S olc a chuir a ruinn an Dearg,  
Dhiol e oirna throm fhearg;  
Thuit leis da cheud do dh' fhir Fhinn,  
'S uighir do fhir Chormaic ghrinn.

62

Thuit sin leis an da la,  
D' ar fir bu mho neart is ágh;  
Gu 's an do mharbh Goll nam beumaibh  
E 'n seachdamh la cheart reiginn.

63

La is bliadhna 'n leabaidh Goll,  
An deidh leadairt an laoich luim;  
An tigh teamhra' gu 'n fhios,  
Bha mac Mornna dá leighas.

64

'S mise Oisain, filidh dubhach,  
Bha do ghna' am Fiann Mhic Chuthaill;  
'S mu dh' éug am fear ud air thoisach,  
Gu 'r cian re ailis ar dochann.

I. 12. BAS DHEIRG. <eng>256 lines. Extracts.

Kennedy's 2nd Collection, page 31. Advocates' Library, April 5, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

DEARG the son of Dreathal is handed down by tradition in this manner. That he was a petty Lord of an island called Innis-dreithin. That his Father Drathal or Draobail was kilt by Comhal (Fingal's Father) on account of his frequent invasions into Ireland, and his alliance to the Danes. When Darg come to Man's state he sailed with 100 chosen men to Ireland, and protested he would be revenged upon both Cormac (then King of that realm) and Fingal for the death of his Father Dreathal. Upon the first day after his arrival he engaged 200 of Cormac's army, who were all slain. Cormac sent an express for Fingal, who happened to be not far off. Fingal and his army arrived, and two hundred men are sent out to engage Darg's party. In this action both parties are kilt. None remained now to disturb them, but Darg, who is engaged and kilt after a conflict of six days by Goll the son of Moirne, who lies sic of his wounds for a year and a day.<gai>

1

GREIS air caithream an fhir mhoir,  
A thainig oirnn le ceud sloigh;  
An treun laoch bu mhaith sa bhail,  
Gu b' e 'n Dearg dana Mac Dreabhail.

3

Gu tir nam fior fheara treuna,  
An criochaibh foireann Fiann Eireann.

4

Air doll do 'n laoch throm a sheoladh,

7

Leag a' siuil ar lar a taomaidh,  
'S tharuing i an sglithe caolais.

8

Bha fholt fionn-bhuidh mar or ceard,

10

Bha da shleagh liobhar gu sgathadh,  
Ann laimh Mhic Riogh nan ann-latha;  
Cloidheamh sinte air slios a Ghaidheil,  
Gheibheadh buai' air sluagh Riogh Phaile.

11

Bha clogaid do' n tointe mu cheann,  
An laoich, cheutaich, neartmhoir, chalm;

12

Ann comhrag deise sann t-eug-bhail.

13

Is loinn nimh a choisgeadh torachd,  
Air a leis gnn eagal comhraig.

19

'S iomad laoch dhinn dhol an torachd,  
Nach stuatha tu choi'ch a chomrag.

21

Gu feuchamsa fein an turnn,  
Ona thainig thu thar tuinn.

22

Thug iad an sin chuige cheile,  
Na suinn bu trom ann san t-eug-bhail;  
Choi-èigheadh gach beann d' am beum.  
Chreithnich an leirg le fearg nan treun.

24

Ach mar threun tuinn ri h-euchd doilinn.

26

Sheas na suinn ri h-uchd a cheile,  
Mar bhriste buinne bha 'm beumaibh;  
Is chluinte torrainn nan laoch,  
Mar chreag Ulan roi 'n iom-ghaoth.

27

An comhrag sin, bu gharg, teann,

28

Cheangail e 'n sonn air an traidh,  
Cha raibh sin na throm da laimh;  
Oir cheangladh e ceud gun armadh,  
Do threun laoich fhuileachdach Chormaic.

30

Noch dhuinn einich ann dea' ghnè;

'S bheir sinn freitich dhuit gu deonach,  
Gur leat ar 'n airm, is ar conamh.

[TD 112]

34  
Na stuathadh ri fearg nam fear,  
'S na togadh ur 'n airm gu mear.

35  
Bri' do thurais-sa d' ar rioghachd,  
Innis dhuinne, laoich, mhor, mhilidh.

37  
'S cis i choi' ch nach tog u 'n comhrag,  
Air a tathach le d' cheud og-laoch.

38  
Cis is luachmhoir na mo thorachd;

42  
'S bha sai'l mhor mu cheann gach Feinnidh,  
Air fir Fhinn nan arma geura.

45  
No cathamh cuir air bharr gheuga.'

<eng>[The introduction of Morven is worth notice.<gai>

47  
Ortsa Mhic Cumhail na mor bheann.

49  
Mar a fuigheams' Fhinn na feile,  
Duais Mhic Riogh, gun stri, gun eura',

55  
A thì dh' eiris air thus na seilg,  
Gheibh thu drian do mhaoin gach leirg;

56  
Ge do thuit le d' chinneach borb,  
Clanna Mungairidh nan colbh;

58  
Bhuail na suinn air druim a cheile,  
Gu cruaidh cuidreach, is cho bhreugach;  
Chreithnich an leirg 's chlisg no slnaigh  
Nach d' thigeadh Mac Moirne uaith.

59  
Bha 'n airm liobhara sa bhail,  
Mar theine na nial sa mhagh;  
Dh' éigh na creagan sgread na glinn,  
Da' m beumannaibh druim air dhruim.

60  
Mun do mharbh Goll nan geur lann,

61

Thuit leis ceithir cheud d'ar sluagh,  
'S an leith sud air Fionn nam buadh.

62

Thuit sud leinn an Dearg mor, mear,  
'S na laoich a thug e air lear;  
Trein nam buadh bu chruaidh san toir  
'S trugh a thuit san iomairt-sgleo.

63

'N tigh Teamhra, gun fhios nan coi' each,  
Do bha Mac Moirne ga choimhead.

64

Bu deurach, tursach ann Fhiann,  
A' caoidh nan treun air an t-sliabh;  
Ma thuit an Dearg bu trom docair,  
Bu chian ri ailis ar dochann.

S. 8. DUAN DHIARAG, <eng>i.e., DIARAG'S POEM. 60 lines.

COLLECTOR'S ARGUMENT.

A KING of the name of McCanno, whose father, it seems, Fingal had slain, comes to revenge his death upon the Fingalians. He finds Fingal asleep on the heath, and Diarag, who was an intimate companion of Fingal's, sitting beside him. Diarag, rather than disturb Fingal, encounters the King in person, and falls in the action. Fingal awoke, found Diarag expiring at his side, and not finding the perpetrator, pours out his lamentations over his lifeless body.<gai>

1

SGEUL th' agam air Fionn fìor ghlic  
'S air Diarag og nan geallamh  
'S air macan nan colg dhiomhasach  
Thanig anios a tìr Rì Channibh.

2

Air Mac Cumhail Mhic treunmhoir  
Sud an sgeul tha mi ginnse  
Thanig e do shealg do Alba  
'S ann a Erin urghlan Innsin.

3

Geisdachd ri fuaim na srutha  
Sri gutha nan Eoin Cheinne  
San thuit suain nach robh gu h' eatrom  
Air Fionn-ghlic ogh Threunmhoir

4

Gun luidh sin air Fionn na Feinne  
'S e air Tulach fhiorghlas sheamhoir  
Gun bhi maille ris don Fheannadh  
Ach Diarag og mac Rì Deighir

5

Labhrin riut am briathra fionald  
Agus dhinnsin dhut mo sgeul  
Ma se Fionn is e na chadal

Na togair 's dhol do dh' fheuchan.

6

Ach air m' ullain fein a Dhiarag  
Cha 'n ioslaich mis an ceums' duit  
Ach an diobhil mi fein m' athair  
Air Fionn oir gur flath nam Fiann e.

7

'S baoth a ghloir a theiradh tusan  
Mhic Ceannibh o' ghleann sleibhe  
Bithidh do cheann do'd dhimus fhabh thu  
Led ghloir chinn air ro-bheag ceill.

8

Sin ghluais fearg an da Ghrugair  
Agus thugadh iad gu cheil  
'S b' fhaid a chluinte no glaothil Curra'  
Faoch am builleam 's am beuman.

9

Tharruing iad sleaghan nimh  
Tharruing iad claidheamhan geur  
Bha cuirp is cnamhan gan gearradh  
'S iad sior chur fol air a cheile.

10

Sin dar dhuisc Fionn na sleagha gabhi  
'S e 'n lathair nam fear chalmund  
Thog e air a dheas laimh Diarag  
'S e shinte sin gun anmuin.

11

Ach air m' ullain fein a Dhiarag  
Nam dhidean dhomh do thearnadh  
Truagh nach bu naodh naonar do 'm mhaithibh  
Chaidh dhith do 'm ch Chaithibh, t'aitse

12

'S e mor an-Eric sin air Diarag  
'S labhair ris an sluagh lamhich  
'S a luithad laoch treun re chathamh  
Bh' agads' do shluagh na h' Albhi.

13

So an lamh nach diolradh mise  
Re m' aois no' re m' aineol  
Ach an d' thanig an fheachd dhubhach  
Thugads' o' thir Channibh.

14

Sud am meur bu ghlinn air theudan.  
Fo 'n bheul bu ro mhath guth  
Sud an lamh a b' fhearr an ionas  
Cha ionald riabh san t' sruth.

15

Togamid e chlaodh na h' Albhi  
Far an t' iolaicir na Fein  
Agus beannachd a bhi air t' anam

A dheagh Mhic Alpin Fheile.

M. 11. DEARG MAC DEIRG. <eng>40 lines.<gai>

BHA fhios aig an Dearg gu 'n robh mór ghradh aig a mhnaoi dho; ghabh cuid fa laimh a dhearbhadh dho nach robe agradh treibh-dhireach, agus chum na criche-sin; chuir iad teachdair d'a h-ionnsuidh, le cuid eadach lan fola, a dh' innseadh dh'i gu do mharbhadh an Dearg le Fiachullach. Air cluintin an sceil dhubhaich, chum i an dan so, ghabh i air a clairsich e, bhris a cridhe agus chaochail i.

1

AN Dearg Mac Deirg gur mis a bhean;  
Air an fhear ni 'n (1) d' fhidir lochd;  
Ni 'm bheil saoi nach d'fhuair a leireadh (2)  
'S truadh ata mi fein an nochd.

2

Dearg Mac Cholla (3) craobh d' an Tu'r (4)  
Leis an seinnte gu ciuin cruit;  
'S ionmhuinn aoidh air nach luidh fearg:  
Chlaidheadh an Dearg leis a mhuic.

3

B' ionmhuinn t-aghaidh mhin-dearg mhor,  
Bu deacair a cloth ann an cath  
Sin is cridhe farsuing fial,  
'S bu ghile na Ghrian a dhath.

4

Mac Cuinn (5) a Innis Da-bhi,  
B' ionmhuinn Righ air son ar sealbh; (6)  
Giolla gun ghaol bo no eich  
Re am creich, ach claidheamh Dearg.

5

Ni 'n eitich e duine mu d' ni,  
'S ni 'n d' iarr ni air neach fo 'n Ghrein:  
Fear bu mho 's bu ghlaine dealbh:  
Cha 'n fhacas ann ach Dearg fein.

6

Ni 'n d' iarr tha duine fa sheud,  
Ni 'n d' rinn breug 's ni 'n d' fhidir lochd;  
'S niar mho dhiult thu comhrag arm  
O neach 'gan robh an 'm na chorp.

7

'S mi nighean Laomuinn Mhic Roidh,  
Dha 'n tric 'na phronnadh or air cheird; (7)  
Ge b' iomadh ga m' iarruidh saoi  
B' fhear leam bhi 'nam mhnaoi aig Dearg.

- (1) Sud am fear nach.
- (2) Leir.
- (3) Mac cholla.
- (4) An iuil.
- (5) <eng>Print, picture.<gai>

- (6) Saoghn'.  
(7) B' ionnann 's Rìgh ar sealbh.

[TD 113]

8  
Gur mi nighean Athain fheinn  
Leis am fiosraicheadh gach dealbh;  
O sgaradh mo cheud fhear uam  
Cuirear mi san uaigh le Dearg.

9  
Sud a sheabhac 's a dha choin,  
Leis an doi'lich (8) cron na sealg;  
An tea leis am b' ionmhuinn an truir  
Cuirear i nochd uir le Dearg.

10  
Bha mi ann tigh an rair, (9)  
Dia an t-sliabh sin Chnoc na learg,  
'S biaidh mi ann an uaigh an nochd  
Mu 'n scarar mo chorp re Dearg.

O. 24. DEARG MAC DEIRG. <eng>28 lines.

Dr. Irvine's MS., page 116. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.<gai>

Rannan briste, <eng>or Fragments of Poems, from Captain Morrison Greenock, upwards of 80 years. 1801.<gai>

1  
DEARG Mac Deirg gur mise bhean,  
Air an fhear cha didir lochd;  
Cha 'n eil saoi nach d' fhuair a leira,  
Gur truagh tha mi fein de nochd.

2  
'S mi nighean Laomain mhic Roc,  
Do 'n tric a phronna òr nan ceard;  
Ge b' ioma ga 'm iarraidh saoi,  
Gu 'm b' fhearr leam bhi nam mhnaoi aig Dearg.

3  
Gur mi nighean aithin Fhinn,  
Leis am fiosraicheadh gach dealbh;  
O 'n sgaradh mo cheud ghradh uam,  
Cuirear mi san uaigh le Dearg.

4  
Mac Cuiun á Innis Da-bhi,  
'S ionmhuinn rìgh, a sona ur sealbh;  
Gille gun ghaol bo no eich,  
Ri am creich ach cloidhe dearg.

5  
'S ionmhuinn t-aghaidh mhin dearg mhor,  
Bu deachdair a cloth 'n cath;  
Sin is Cridhe farsuing fial,

Bu ghile na a ghrian a dhath.

6

Sud a sheobhag sa dha choin,  
Le 'n deanar moran cron an sealg;  
Am fear lem b' ionmhuinn an triur,  
Cuirear iad san uir le Dearg.

7

Bha mi ann an tigh an Raoir,  
Air an t-sliabh sin chnoc na leirg;  
Bithidh mi ann an uaigh a nochd,  
Mar sgarar mo chorp o Dhearg.

<eng>Multum caret.<gai>

O. 28. DEARG MAC DRUIDHAN. <eng>11 lines.

Dr. Irvine's MS., page 121. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, April 1, 1872.<gai>

DEARG MAC DRUIDHAN. (al. DROIGHAN)

1

TREIS air chaithrean an fhir mhoir,  
Thainig an oir fo dhiombuidh (baigh)  
An treun fhear as e lan do ghoil,  
An Dearg dana Mac Druidhan.

2

An oir o thir na fear Fionn,  
Gu sith thoir rann Fiannachd Eirin,

Chuid eile air chall ach an Rann ma Dheiri.

3

Seachd oidhche agus seachd la,  
Bu tuirseach Mic agus mna;  
Sgathadh chlogaid is cheann,  
Edar Goll agus Mac Druidhan.

<eng>Got from Mr. Macdonald, of Dalchosnie, February 26, 1801.<gai>

D. 17. CONN MAC AN DEIRG. <eng>188 lines.

Mao Nicol's Collection. Advocates' Library. Copied by D. Mac Pherson, May 3, 1872.<gai>

1

SGEAIÀ air Conn mac an Deirg  
Air a lìonadh le trom Fheirg,  
Dol a dhìleadh Athar gun Fheall  
Air (Chriochaibh ro-mhor) na Herin.  
(Uislith 's air Mhaithibh)

2

Airis duinne, Osshain narich,  
Mhic Fhein uasail so-ghraduigh,

Sgelachd air Chonn fearrdha fearroil  
An sonn calma ciun ceannail.

3

Cia bo mho Conn na 'n Dearg mor,  
Osshain na 'n Briathra Binn-bheoil;  
No 'm bionnan dealbh dho is Dreach  
'S do 'n Dearg mhor, mhearr, mheanmnach?

4

Bu mho Conn gu mor mor  
Tighin an caradh air sloigh  
Tarruing a Luinge a Steach  
Au Cumhang Cuain is Caoilis.

5

Shuidh e air an Tulich gar coir,  
An Fiuidh curanta ro-mhor,  
Sgabhadh e ga Chlesibh gargadh  
Siar an am Baileibh na 'n Niarmoilt.

6

Chaidh e 'n frilinibh nan Neul,  
Os air Cionn an sa ath-mhoid. (or mhiad)  
Is ni 'm baile neach faoi 'n Ghréin.  
No Conn nan Arm faobhar gheur.

7

Gruaidh chorcur mar Eughar caoin  
Rosg gorm faoi Mhala chorrigh, chaoil;  
Falt orchheardail, grinnail, grinn,  
Fear mor meanmnach, fearroil eibhin.

8

Colg nimhe re Liodairt Chorp,  
Aig Laoich teug-bhuailteach na mor olc,  
Bhiodh a Chlaimh re sgadh Sgeidhe  
Aig an Laoich ri ath-réite.

9

Buaidh sgach Ball an raibh e riabh  
Air ghaisge air meud a ghníomh.  
Ghabh e coibhlan Neart gun Sgios,  
Re tabhairt Geil a moir chiois.

10

Go 'n tugainse Briathar cinteach,  
A Phadric, ge nar ri ins' e  
Gur ghabh an Fhian Eagal uille,  
Nach do ghabh iad riabh roimh aoín Duinne.

11

Ri faicsin doibh Conna Choinn  
Mar Onna Marha le Toinn,  
Agus Falachd an Fhir mhoir,  
An coinnibh Athar a dhioladh.

12

Se huirte Connan maoil mac Morna,  
Leiger huige an ceud uair mi,

'S go 'm buinin an Cean a mach  
Do Chonn di-measach, uaibhreach.

13

Marmhasg oirt a Chonnain mhaoil,  
Nach sguir thu 'd Lonnan a choidhch,  
Cha bhuinne thu 'n Cean do Chonn,  
'S e huirt Osgar na mor-ghlonn.

14

Gluasidh Connan le (mu) mhi-cheil,  
Dhaindeoin na Feine gu leir,  
An Coinneabh Choinn bhudhaich bhrais,  
Mar Char Tuaghal ma Aimh-leas.

15

Nuair chonnairc Conn bu chaoin Dealbh,  
Connan a dol an sealbh Arm,  
Thug e sioca air an Daoi,  
'S e teachadh gu luadh do Dh' Albhidh.

16

'S iommad Crap is Bailc is Meall,  
Bha gat a suas air droch Cheann,  
Air Cean Chonnain mhaoil gu reamhar,  
'S na coig Caoil san aoin Cheangal.

17

Beannachd air an Laimh a reinn sin  
'S e labhair Fear na 'n Cruth nuadh,  
'S go ma Turis gun eridh dhuit,  
A Chonnain mhi-cheile gun Fhealt.

18

'N sin se Comhairle chinn doibh  
Deagh Mhac Fhein bu bhinn Gloir  
Chuir gabhail sgeula 'n Fhear dhocair  
Gluasidh Feargheas binn Fhoclach.

(8) Le ceard.

(9) Gorta.

[TD 114]

19

Gluasidh Feargheas binn, badhach,  
Glioc cialach mor-dhalach  
Air Comhairl' Athar mar bu chòir  
Gabhail Sgeul do Chonn ro mhor.

20

A Chuin mhor, bhudhaich, bhrais,  
Fhir shugich, ait, eibhin,  
Gabhail sgeul Thanas o Fhean  
Cea Fath do Thuris do D'h erin.

21

Insimse sinn duit gu beachd,  
Fheargheais, agus buin e leat,

Eirig Mathar bail leum uaibhse,  
O Mhaithibh Teaghlaich ar mor uaisle.

22

Cean Fhein 's dha Mhic mhora,  
Ghuill, Ghridhe agus Gharadh,  
'S cinn Chlann Morna gu Huile  
Fheatuin an Eirig aon Duine.

23

Na Erin o Hoinn go Toinn,  
A gheilleachd in do 'm aoin Chuing,  
Na comhrag coig Ceud dar Finneadh  
Fhaotain air Mhadain a Marach.

24

Gluasidh Fhearghuis thughain fhein,  
A Phadric, ni 'n Canam Breug,  
Go 'n do thosd an Fhein uille,  
Re cluintin Sgeul an aoin Duinne

25

Cia do sgeula o 'n Fhear mhor,  
Se raite Fean Flath an stloigh,  
Ailis dùine e go propadh  
'S na ceil oirn' e a dh' aoin olcaid.

26

Se mo sgeula o 'n Fhear mhor,  
Gur ail leis Ceud dar sloigh  
Fhaoitin air Mhadain a Maroch,  
Gu Comhrag na Dioth-mhaileadh.

27

Se labhair cuig Ceud dar Finneadh,  
Caisgidh sinne a luath Mhire;  
Cha robh sud doibh mar a radh  
Bhi dul ann san Iommairt bhaite

28

Hug e a mach Cloimh an Deirg mhoir  
Le conna Catha cheud Uair,  
Thug e ruadhar Fhir an Gran  
Mar Sheabhaic measg Ealta mhin-eun.

29

Biomad Fear sa Ghair a bhoss,  
Iomad Laimh ann is leath-choss,  
Iommad Cloigin ann is Ceann,  
Cuirp gun choigleadh air a Bhall.

30

Cuig Ceud eile ge 'd bhi ann,  
Go 'n tuiteadh iad air aoin Bhall,  
Is Conn a cailceadh a Sgiadh,  
'G iarridh Comhraic 's go m b' ain-riar.

31

Hagh sinn seachd fichid Fear mor,  
Do Mhaithibh Teaghlaich ar mor sloigh

Hoirt a chinn do mhac an Deirg,  
'S dhaithnigh sinn Fear faoi Throm-fheirg.

32

Chaidh ar seachd Fichid no dhail,  
'S ann orra thanic an Di-mhail,  
Thug e ruadhar Fir forthuin  
Bu luadhe e na Roth Gall-mhuillin.

33

Thuit ar seachd fichid Fear mor,  
Babhar Tuirse e 's Do-bhroin;  
Go 'n 'd leig an Fhein gair Chruaidh  
Re dioghuga a mhoir-shluaidh.

34

Fhir a chleachd mo chamhair riamh,  
Ghoill Mhic Morna no mor-ghniomh,  
Bu mhian Suile gach 'b aile  
'S a Phrionsa Tola na Dio-mhaladh.

35

'S dana leam Conn bagra ort  
'S air Clanna Morna gu huille,  
Nach buinne thu 'n Cean deth gu fearroil  
Mar rein thu ga Athair roimhe.

36

Dheanainse sin duitse Fhein,  
Fhir na 'n breathra, blath, binn,  
Chuir gach Fuadh 's folachd air cuil,  
'S go biodhmaid uille dh' aoin Run.

37

Gedo mharbhadh thu m' Fhein uille,  
Gu diothuga an aoin Duinne;  
Bhithin fein 's mo Threuna leat  
A Riogh na Feine ga d' chabhair.

38

Gluaisidh Goll na Chulaidh Chruaidh,  
Ann an Fianis a mhor-shluaigh,  
Bu gheal, dearg gnuis an Fhir,  
Na Horc garg dul an Tus Iorudhail.

39

Huidheachad an sin na Cip Chatha  
A dhoil a habhairt an ard Latha,  
'S na Airm sheanta a bha 'm Braid,  
Thog Mac Morna mileant Iad.

40

Nuair chaidh iad an Dail a Cheile,  
Cha nacfas riabh an Co-Baoibhail;  
Na Curidhnin bu gharmh Cith,  
Chuir iad an Tulich air bhall-Crith.

41

Dith Fola do chnaimhibh an Cuirp,  
Dith Teinne do 'n Armaibh nochd,

Dith Cailce do sgiaibh 'n Aidh,  
Dul siar ans na Hiormailtibh.

42

Biomad Gaoir do Theinne ruadh,  
Teachd o Fhaobhar an arm Cruadh  
Os cionn na Ceanna bheartibh corrich  
'S iad a cuimhnich na mor fhalachd.

43

An da Churidh bu gharibh Cith  
Chuir iad an Tullich air bhall-Chrith  
Le 'm Beumnibh bu leor meud,  
'S bha 'n Fhein uille gan easteachd.

44

Seachd Laethe agus aon tra Deug,  
Bu tuirsich Michd agus Mnaidh,  
Gus 'n do huit le Goll na 'm Beum,  
Ann Sonn mor air cheart egin.

45

Gair eibhin gun d' reinn an Fhian,  
Nach dreinnibh leo roimhe riabh,  
Re faicsin doibh Ghoill Mhic Morna  
Nuacar air Chonn Treun-toirich.

46

Se tabhairt Chonnain a Sas,  
'N diaghaidh Lonnan a mhi-ghrais.  
Naoidh Raidhin do Gholl an aigh  
Da leaghas mun raibh e slan.

47

An seachd Fichid sair cuig ceud,  
A Phadric, ni 'n Canam Breug,  
Gon d' thuit sud le Mac an Deirg,  
Is bu chruin air Fein na dheaghaidh.

Crioch.

F 17. EACHDRAIDH A BHA EADAR PADRUIC AGUS OISSAIN MO CHONN MAC AN DEIRG.

<eng>210 lines.

Fletcher's Collection, page 161. Advocates' Library, February 9, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—Collated with Mac Nicol's version: this has many variations, which follow. This evidently is an ill-written version of a very good oral recitation.<gai>

2

AIR maitheamh is uaisleabh na Feinne.

3

A mhic Fhinn shuairchde shoth ghraich;  
Sgialachh air Chonn, fhearr fearail;

5

A' toirt a bharcan a steach,  
Air an traigh ghil ghainmheach.

6

A dol siar am bailceabh nan Iarmailtean.

8

Bha folt buidhe mar òr ceauird,  
Bhos ceann gealla ghuala a mhileadh.

9

An laoch mòr mear muirneach fearail-eibhin  
Bha chalg neatha ri leaduirt chorp;  
Aig laoch teagaisg na mòr olc,

13

Ach coimhrle a chinn aig Fionn,  
Is aig maitheadh na Feinne gu leir;  
Cò rachadh a ghabhail sgeulachd do 'n choltach,  
Ach gluaiseadh Fearguth beul dearg binn fhochdlach.

14

Gluaiseadh Fearguth gu ba binn,  
Gu glic, suairce sòth ghradhach;

15

Do mhac an Deirg bu gharbh cleachd,  
Bheannuich Fearghuth gu fìor ghlic;  
Is fhreagair Conn è mur bu choir,  
Fearghuth fiolanta binn a bheoil.

[TD 115]

FHREAGAIR CONN.

17

Dh' innsin-sa naichd dhuit Fhearghuth bainse-leat,  
Eiric m' athar a b' aill leam uaibhse,

FEARGHUTH.

18

Ciod an eiric a bhi thu 'g iarruidh air d' athair,

CONN.

19

Ceann Fhinn sa dha mhic mhoir,  
Ghuill, Ghriuir, Airteair, Chaoirail, agus Chormig,  
Uaislean Chlanna Morna uile fhaoitin an eiric aon duine.  
Na eiric bho thuinn gu tuinn.

20

A gheilichdean do m' an a Chuinn,  
Na coig ceud bh' uaibhse air mhoch mhaduin a maireach,  
Is gu 'n sgarin an Cinn re 'n Corp,  
A dhaingean Fhinn agus Chormig.

THUIRT FEARGHUTH.

23

Gur e b' aill leis fhaoitean uaibhse,  
Air mhoch maduin a maireach,  
Deich ceud gar Fiannaibh,  
Is gun sgaradh e an Cinn re 'n corp  
A dh' aindeoin Fhinn agus Chormig.

24

Is gun buineadh midne an ceann a muidh,  
Do chonn dimeasach uaimhreach.

25

Ach air dhuine dol na dhail,  
Ni an robh sùd duinn mar a ghrathain;  
Thug e ruathar fir am foirrin.  
Bu luaithe è na roth galla mhuilin.  
Dol troimh ialt do dh' ianuibh an t-sleibh.

26

Air an fhaiche is e 'g iarruidh comhrui

27

Is d' fhaireach sinne Fionn foidh throm fheirg.

<eng>[This is a kind of Chorus repeated.<gai>

28

Chaidh air seachd fichead na dhail,  
Is thug è ruathar fir a ghna,  
'S iomad fear sa ghair a bhos,  
'S iomad lamh a bh' ann is cos,  
'S iomad claigean bh' ann is ceann,  
Is cuirp gun choigleadh air aon a pheall,  
Is urrad eile ged bhiodh iad ann.  
Gu 'n tuitfeadh foth aon a cheann,  
Is bha Conn a cailceadh a sgiath,  
Air an fhaiche g iarruidh comhrui gu han fhial.

30

Ionnach orst a Chonain mhaoil,  
Deich ceud ad leitheadh air traith,  
Cha dugadh ceann Chuinn an Iomain,  
Ni 'm buinneadh thusach an ceann do Chonn,

31

Do labhair Osgar na mor ghlonn,  
Ach gluaisidh Conan mu mhi cheill;  
A dhaingean na Feinne gu leir,  
An comhail Chuinn bhuaidheagh bhrais,

32

Mu char tua'll ga aimhleas,  
Nuair a chunnaic an Conn bu chaoin cruth,  
A teicheadh dhachidh gu h Alabuinn,  
'S iomad cnap is faob is meall,

Bha 'g eiridh suas air dhroch ceann,  
Air mhaoil Chonain gu dearbh deamhin  
Chuir e a choig caoil foidh naon cheanguill

33

'S iomad screud is iolach chruaidh,  
Bh' aig Conan am fianuis an t-sluaigh;  
'S bu luaithe na fuaime tuinne a teachd,  
Is an Fhiann uileadh 'g eisdeachd

34

Gu ma slan do 'n laimh a shin duit,  
'S e labhair Fionn nan crodh nuadh;  
Gu ma turas gun ghnìomh eiridh leat,  
A Chonain mhaoil mhi cheili.

35

A mhiann subhla bhois gach bhain.  
Aurd fhlaith na teaghmhalach.

37

Cuir fuachd is falachd air cul,

39

An sin nuair a shuidh iad na pruipe-chatha  
A dhol a thoirt an aurd latha;  
Na h-airm tsheandachd a bhachda am braoid,  
Gun do thog mac Moirnie melenta iad

40

An sin nuair chaidh Goll na chulaich chruaidh  
Na phrop am fianuis an t-sluaigh;  
Bugheal dearg gnuis an fhir,  
Na thorc aurd an tus na hiarghuill,

41

An sin air dhoibh dol an dail a cheil,  
A d' fhiachuin co a b' fhearr beuman;  
Chuireadh iad di cailceadh d' an sgiabhibh  
Is di teineadh gan armaibh.

42

Di foladh do chneasuibh an cuirp,  
Le 'm buileabh baoibhail,  
Dol siar am bailceabh nan iarmailtean

43

Am folt a falbh le gaoth nam beann,  
Le sgleo nan cuirridhean co teann;  
An da churradh bu gharbh lith,  
Chuir iad an tullich air bhalla chrith.

44

'S iomadh caoir do theineadh ruadh,  
Bha teachd ò neimh nan arm faobhar cruaidh.  
'S ceann nan ceanuabheirtibh corrach,  
Is iad a cuimhneacha na mòr fhalachd.

45

Latha agus aon tra deug,  
A chum iad comhrag is ni 'm breug;  
Gun do bhuithin Goll nnm beuman,  
Ceann a Chuinn mhoir air lòn eigin.

46

Gair gun do leig an Fhiann,  
Nach do leig a leithid roimhe riamh;  
Air faichdin doibh Goll a crodhadh;  
An uachdar air Chonn treun torachd.

47

Bhi fuasgladh Chonain è sas,  
An deis lonan a mhi ghrais,  
Naoth raithean do Gholl an aidh,  
Ga leithis mu 'n robh e slan,  
Aig òl fionadh a dh' oiche sa la,  
Sa stroiche òir le trom a dhaimh.

Crioch.

<eng>H. 18. HOW CONN, THE SON OF DEARG, CAME TO REVENGE HIS FATHER'S  
DEATH ON THE HEROES.

180 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 92. Advocates' Library, December 15, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—December 17, 1871. Dublin. Except a general knowledge of the story,  
not known to Hennessy.

CONN came to revenge his Father's death on the Heroes, to Ireland, and he  
was but a child when his Father was slain, and killed 1540 of the ablest  
of the Heroes, in three day's time, but he was killed by Goll, at the end  
of seven days.<gai>

DAN 22.

1

SGEULACHD air Chonn mac an Deirg  
Air a lionadh le trom fheirg;  
A dhiol bas athar gu treabhach,  
Air fianntidh fearoil 'n h-Eirann.

2

'Ailis sin dhamh Oisain náraich,  
A shean fhir shuairce theó-ghrádhaich;  
Sgéulachd air Chonn fearraidh fearail,  
An sonn calma, caomhe, ceanail.'

3

'Am b' ionann d' a dhealbh is d' a dhreach,  
'S do 'n Dearg mhor, thréun, mheamnach mhear;  
Na 'n raibh e cho chalm gu león,  
Ris an fhear a b' athair dhó.'

4

Bu mhoda Conn na e gu mor,  
A teachd am fiadhnaís ar sloigh;  
A tarring a luinge caoile,  
An cithe cuain agus caolais.

5

Shuidh air an tulaich d' ar coir,  
'N fhiuidh churanta ro mhór;  
Bha ghruaidh chorcair mar iughar caoin,  
Rosg máll agus mala ro chaol.

6

Aigheadh mhór do 'n fhine ghrinn,  
Mor, meamnach, fearail, eibhinn;  
Bha lanna nimh gu leadairt chorp,  
Air slios an laoich gun eagal trod.

[TD 116]

7

C' áit am b' áille laóch fui 'n ghréin,  
Na Conn nan arm faodhbhar, géur;  
A leithid cho 'n fhacas riamh,  
'G imtheachd rathaid na mór shliagh.

8

Ghabh sinn eagal roimhe uile,  
Nach do ghabh sinn riamh roimh aon dhuine;  
'S an a chite con-fhathadh Chúinn,  
Mar on fhathadh mara re tréun túinn.

9

Se chomhairle chinn aig Fionn,  
'S aig uaisle Eirann nach b' fhann;  
Chuir a dh' fhaghail sgéul 'n fhear dhocrach,  
Fearadhas béul dearg, binn fhoclach,

10

Ghluais Fearadhas gu binn bádhach  
Gu muirneach, meadhach mor aghach;  
Air chomhairl' athar mar bu choir,  
A dh' fhaghail sgéul do Chonn ro mhór,

11

'Fhir mhoir a thainig d' ar fios,  
Do radh Fearadhas fíor ghlic;  
Sgéul a b' áill leam fhaghail uait,  
Ciod e fath do theachds' o chuan.'

12

'Se fath mo theachdsa gu beachd,  
Fhearadhais ma 's áill leat;  
Eiric 'm athar a b' áill leamsa,  
Do dh' uaisle fiann Eirann 's Albann.'

13

'Ceann Ghuill is Ghreathair mac Mornna,  
Fhinn agus a dha mhic mhordha;  
Is ceann Chormaic agus Oscair,  
'S na bheil sibh beó dh' Fhiann nochdamh.'

14

'Is Eirinn o thuinn gu tuinn,  
Fhaghail dhamh fein fui' m aon chuim;  
Sin no cuig céud d' ar fine máireach,

Gu cómhrag dibhragach dana.'

15

'Cho b' ionann sa radh air dóidh,  
A Chuinn le d' iomadidh sgleo;  
Nan d' igadh cuig céud d' ar fine,  
Choisgeadh iadsan do luath mhire.'

16

Phill Fearadhas mo dhea' bhrathair,  
A dh' inns' an sgeoil mar a b' ábhaist;  
Do 'n Fhéinn gu socrach foillidh,  
Ge b' osgarra tréun a chomhradh.

17

'Conn mac an Deirg sud tha 's tráidh,  
O Albinn nam beanntidh árd;  
Gu marbhadh Ghreathair is Ghuill,  
Is Chormaic is Oscair chruinn.'

18

'Fhinn agus a dha mac mór,  
Chormaic is ar 'n uile shlóigh,  
Sin is Eirinn 'n eiric athar,  
No cuig céud fui' iochd an ath-la.'

19

Bha 'n Fhéinn uile 'n sin du bhrónach,  
Le eagal roimh 'n churidh chómhraig;  
Gu marbhadh e 'n Fheinn le cuthach,  
Is sluagh Chormaic fein le luinne.

20

'Dh' fhiosrach Fionn an sin gu 'n sólas,  
Co reachadh an dáil an ógain;  
'S gu fuidheadh e duais gu deónach,  
Nan d' igeadh e nios o chómhrag.'

21

'Se fhreagair e Conan mac Mornn',  
Leigear mi chuige chéud óir;  
'S gu d' ugainn dhe 'n ceann gu fearail,  
Mar thainig d' a athair cheanag.'

22

'Mallachd dhuitsa Choinain mhaoil,  
Cha sguir thu d' lonan a choidhch;  
Deich céud a' d' leithid air traidh,  
Cho chuireadh ceann Chuinn gu lár.'

23

A dh' aingain na Féinne gu léir,  
Do ghluais Conan le mhi-chéill,  
A dh' ionnsuidh Chuinn bhuaidhaich, bhras,  
Gu car aimhleis gu luath cas.

24

'N uair chunnaig Cónn bu chaoin dealbh,  
Conan a dol an seilbh arm;  
Thug e sitheadh gus an daoi',

'S e teicheadh uaith ag caoi'.

25

B' iomaid crap, is faob, is meall,  
Bha 'g eiridh air a dhroch ceann;  
'S chuir caoil Chonain gu daingeann,  
Na 'n cuigar fuidh 'n aon cheangal.

26

B' iomad sgairt aig 's iolach chruaidh,  
Re am cruinneachadh a mhor shluaigh;  
Bu labhaire no fuaim tuinne, teachd,  
An Fhiann uile d' a eisteachd.

27

Cuig céud 's cho bu ghníomh dhó,  
Chuaidh a chlaoidh Chúinn a cheud ló;  
Chuaidh Conn rompe gu 'n mhéin,  
Mar sheobhag roimh ealtainn éan,

28

Bha Cónn a cailceadh a sgia',  
'S e 'g iarraidh cómhrag gu dian;  
Air Féinn Innse pháil is Freoine,  
Le misg dhearg catha gu 'n soradh.

29

Cuig ceud 's cho bu ghníomh dho,  
Chuaidh a chlaoidh Chúinn an dara ló;  
Chuaidh Cónn rompe gu 'n mhéin,  
Mar sheobhag roimh ealtainn éan.

30

Bha Conn a cailceadh a sgia' moire,  
'S e sior iarraidh tuillidh cómhraig;  
Air Mac Chuthaill bu mhaith eólas,  
'S gu deanadh e lot is leónadh.

31

Cuig ceud 's cho bu ghníomh dhó,  
Chuaidh a chlaoidh Chúinn an treas ló;  
Chuaidh Conn rompe gu 'n mhéin,  
Mar sheobhag roimh ealtainn éan.

32

Bha Conn a cailceadh a sgia' móire,  
'S e sior iarraidh tuillidh cómhraig;  
Air Fiann Eirann agus Albann,  
'S gu deanadh gu leir a marbhadh.

33

B' iomad ar garraich a bhos,  
B' iomad lámh ann is leith chos;  
B' iomad claigeann ann is ceann,  
'S cuirp nan caiginn air aon bhall.

34

Thagh sinn seachd fichead fear mór,  
Do mhaithaibh teaghlach ar sloigh;  
A thoirt a chinn do mhac an Deirg,

'N uair chunnaig sinn Fionn fui' throm fheirg,

35

Thuit ar seachd fichead fear mór,  
Adhbhar turs' agus do-bróin;  
Chómhraigidh am fear bu táire,  
Céud calma nach b' fhánn an gábhadh.

36

Thug Cónn ruathar fir chuthaich,  
Bu luaith' e no galla mhuilinn;  
'S e cailceadh a sgia' le sólas,  
A sior iarraidh tuillidh cómhraig.

37

'A Ghuill mhic Mornna na mor ghníomh,  
O! 's tu chleachd ar cabhair riamh;  
Cha 'n ann oirnn tha Cónn a bagradh,  
Ach ortsa Ghuill is mó aigneadh.'

38

'Dearbhamsa sin leats Fhinn,  
Fhir nam briathraibh bláth binn;  
Cuireamaid fuath agus falachd air cúl,  
'S biodhmaid uil' air an aon rún.'

39

'N sin chuaidh Goll na chulaidh chruai,  
Ann an fiadhnais a mhor shluaigh;  
Is bu chraobh dhearg gnúis an fhir,  
A dol an tús na h-iorgaill mhir.

40

Na curina bu gharg cith,  
Chuireadh iad an tulach air chrith;  
Le 'm beumanna mead air mhead,  
'S iad a cuimhneacha' neo' mhéin.

41

Le sgreadail an lanna garbha,  
R' a chéile le géur neart calma;  
Chuireadh iasg nan cuntaidh stuadhach,  
Ann an caoilte caole fuáraidh.

42

Chuireadh feidh nam beanntidh árda,  
Gus na gleanntidh fuaraidh fasaich;  
'S ealtach binn fhoclach nan coilltach,  
Ann 's na speura le crith oilte.

43

Cho 'n fhaca mi riamh re 'm láithibh,  
An leithid an cath no 'n gabhadh;  
Chuireadh dith teine da 'n lanna,  
'S dith fola da 'n cneasa geala.

[TD 117]

44

Seachd oidhchean, is seachd lá,

Gu bu tursach fir is mnáith;  
Gus an do chlaoidh Goll nam beumaibh.  
An Cónn mór a cheart reigainn.

45  
Seachd ráidhean do Gholl an aigh,  
D' a leigheas gus an raibh e slán;  
Ag eisteachd ceól a dh' oidhch 's do lá,  
'S caithreamh óir fuidh throma dhaimh.

I. 14. BAS CHUINN.

<eng>Kennedy's 2nd Collection, page 40. 176 lines. Advocates' Library,  
April 5, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

CON being a Minor when his Father Darg was kilt by Goll, whose death he sincerely regreted, and whose loss time cou'd not efface until he would be revenged upon Fingal and Goll. When Con came to man's state he sailed from Inis-drain, or rather Inis-drethin, with a Band of 500 chosen men, in hopes of a compleat conquest, make himsel King of Ireland, overturn Cormac the King and Fingal and his valiant Bands. At his arrival he engaged 500 chosen men, which were all kilt. Upon the day following other 500 men were turn'd out to engage Con and his valiant Band, who were all slain. Upon the third Day other 500 men were turned out by Fingal of the flower of his army to encounter Con, who all fell in the action, which occasioned great lamentations among the Fingalians seeing Con always victorious. Con's army being by this time reduced to 140 men, Fingal upon the fourth day musters his army, and picks up 140 of the best and most experienced warriors out of the Bands of Baisge and Moirne to encounter Con, who all fell in the attack. Con is left alone now without a single man to assist him, and desires to be engaged by Cormac, Fingal or Goll in a single combat. Goll undertook the fight, which continued for seven days with equal courage and ardour. At last the brave and valarous Con fell by the hands of the mighty and tremendous Goll the son of Moirne.<gai>

2  
AILIS sin duinn Oiseinn naraich,

3  
Na 'n raibh e co chalm san leirg,  
Ri Mac Dreabhail bu trom fheirg.

9  
Chur a ghabhail sgeul do 'n fhear dhocrach,

12  
Eiric m' Athar is aill leom,  
Neo' fras bheumanna' gum chom.

15  
Cho b' ionann sa radh air choir,

18  
'S na ghluaisis d' ar sluaigh san toir;  
Is Eirinn an eiric an Deirg,  
No cuig ceud fui' bheum san leirg.

19  
Bha Cormaic fui' thime throm,

Riogh na Feinne, 's an treun Goll;  
Mu phrosnachadh an laoich lain,  
Bu docair s' ann iomar-bhaidh.

20  
Dh' fhiosraich mo Riogh, flath nan cuach,  
Do mhaithibh Eirinn nam buadh;  
Co reachadh an dàil nam fear,  
Dhiongail an comhraig air lear.

21  
Mar thainig d' a Athair le Goll.

23  
A dh' ionnsuidh Chuinn, bu trom greis,  
An tnu 's cha b' ann air a leas.

28  
A mesg chothann, gun sgath comhraig.

29  
Chuai' Conn rompa gun fhia',  
Mar sheobhag roi' ealtainn ian.

30  
Air Mac Cumhail nan arm geur,  
'S nan sonn bu docaire beum.

32  
Air na Fiantaidh gorma ceutach,  
Na suinn bu docair san t-eug-bhail.

36  
Thug Conn ruathar fir cuthaich,  
'S bu luaithe no ghrian a shiubhal;  
Ag iarraidh comhraig na Feinn,  
'S gun duine beo, ach e fein.

39  
'S bu chraobh, or-dhearg gnuis nam fear,  
A' dol an tus na h iorgaill mhear.

41  
Chuireadh fèidh nan sleibhtidh ard,  
Gus na gleanntaibh fuarruidh fas;  
'S eanlach binn-fhoclach nam beann,  
'S an a'bharr le sgreideil lann.

42  
Cho 'n faca mi riamh ri 'm linn,  
An leithid ann comhrag Fhinn;  
Chuireadh dith teine d' an lanna,  
'S dith fola d' an cneasibh geala.

M. 12. CONN MAC AN DEIRG. <eng>144 lines.<gai>

1  
AITHRIS dhuinne, Oisiain dhanaich,  
Mhic Fhinn shuairce sho-ghrádhaich,

Sgheulachd air Chonn feardha fearail,  
An sonn calma, caoin, ceanail.

2

Sgheulachd air Chonn mac an Deirg,  
Air a lìonadh le trom fheirg  
Dol a dhioladh Athar gun fheall  
Air uaislibh 's air maithibh na Fēinne.

3

Cia bu mhò Conn na 'n Dearg mòr,  
Oisiain nam briathra binn bheoil?  
No 'm b' ionann dealbh dha is dreach  
'S do 'n Dearg mhòr, mhear, mheanmnach?

OISIAN.

4

Bu mhò Conn gu mòr, mòr,  
A' teachd an garadh ar slòigh,  
A' tarruing a luinge a steach  
'An cumhang cuain agus caolais.

5

Shuidh e air an tulaich 'gar còir  
Am fiuidh curanta ro-mhòr,  
Mar thrágha mara re treun thuinn,  
Aig ro-mheud falachd an t-suinn.

6

Chaidh e 'm frithleanaibh nan neul  
Os ar cinn san ath-mheud;  
Is ghabhadh e d' a chleasaibh gairge  
Siar ann am bailcibh na h-iarmailte.

7

A mhac-samhail cha 'n fhacas riamh  
Ag imeachd magha mo mòr shliabh;  
'S cha b' àillidh neach fo 'n ghréin  
Na Conn nan arm faobhar-gheur.

8

Gruaidh chorcuir mar iubhar-chaor;  
Rosg chorach ghorm fuidh mhala chaoil;  
Fait ùr, òr-bhuidh, amlach, grinn,  
Air an òg mheanmnach, fhearail, aoibhinn.

9

Colg nimhe gu liodairt chorp  
Aig laoch àghmhor nan trom lot:  
Bhiodh a chloidheamh làimh r'a sgéith,  
Air an laoch re h-aimh-réit'.

10

Buaidh sgach ball an robh e riamh  
Air ghaisge, air meud a ghnìomh;  
'S gu 'm b' iomadh laoch a bha gun sgios  
A' tabhairt da géill agus mòr chis.

CONAN.

11

'Se labhair Conan maol mac Morna,  
'Leigear thuige an ceud uair mi,  
'S gu 'm buin mi an ceann a mach  
Do Chonn dì-measach uaibhreach.'

OSCAR.

12

'Marbhaisg ort, a Chonain mhaoil,  
Nach sgair thu d' lonan a chaoidh?  
Cha bhuineadh tu 'n ceann do Chonn,'  
Do ràdh Oscar nam mòr ghlonn.

13

Gluaisidh Conan na mi-chéill  
A dh' aindeoin na Féinne gu léir  
An coinneamh Chuinn bhudhaich bhrais  
Mu char tuathal aimh-leas.

14

'Nuair a chunnaic an Conn bu chaoim dealbh.  
Conan dol 'an sealbhaidh arm,  
Rug e le sichd air an daoidh  
'Se teicheadh gu luath uaith.

15

B' iomad sgread is iolach chruaidh  
O bheul Chonain nam diom-bhuadh:  
Chaidh air Conan maol gu deimhin  
Na cùig caoil fuidh 'n aon cheangal.

16

'Beannachd aig an láimh rinn sin,'  
'Se labhair Fionn a' chruth ghil.  
Is sheall iad an sin air a chéile  
Mòran do mhaithibh na Féinne.

[TD 118]

17

Gur i chomhairle chinn doibh  
Sár mhac Fhinn bu chaoine glòir  
Chur a ghabhail sgeul do 'n fhear dhocrach:  
Gluaisidh Fearguth binn-fhoclach.

FEARGUTH.

18

'A Chuin mhòir, bhudhaich, bhrais,  
Fhir shùgaich, ait, aobhinn,  
A ghabhail sgeula thàinig mi.  
Ciod é fàth do thuruis do 'n tìr?'

CONN.

19

'Innseamsa mo sgeul dhuitse,  
Fhearguth, agus buin leat e.

Eiric m' athar b' àill leam uaibhse,  
O 'r maithibh is o 'r mòr uaislibh.

20

'Ceann Ghuill 'sa dhà mhic mhòir,  
Ceann Fhinn flath an t-slàigh;  
Cinn chlanna Morna uile  
Fhaotainn 'an éiric aon duine:

21

'An tìr uile o thuinn gu tuinn  
A ghéilleachduinn do m' aon chuing;  
No còmhrag cùig ceud d' ar fineadh,  
Fhaotainn air madainn am màireach.'

22

An sin labhair cùig ceud d'ar fineadh,  
'Caisgidh sinne a luath mhireadh.'  
Cha robh sud doibh mar a ràdh  
Re dol anns an iomarbhaidh.

23

Thug e mach claidheamh 'n Deirg mhòir  
Le confhadh catha sa' cheud uair.  
Thug e ruathar fir forthuinn,  
Mar sheobhag measg ealta mhìn eun.

24

B' iomad cruth a chaochail greann,  
Is cuirp ath-chumta le cruadhas lann:  
Iomad làmh ann is leth chos,  
Iomad cloigeann thall 'sa bhos.

25

Cùig ceud eile ged' bhiodh ann  
Gu 'n tuiteadh sin air aon bhall;  
Is Conn a' calcadh a sgiath,  
Ag iarraidh còmhraigh, 's gu 'm b' an-iar.

26

Thogh sinn seachd fichead fear mòr  
Do mhaithibh theaghlach ar mòr shlàigh  
A thoirt a' chinn do mhac an Deirg;  
Is dh' aithnich sinn Feann fuidh throm fheirg.

27

Chaidh ar seachd fichead 'na dhàil;  
'S ann orra tháinig an dìobhail:  
A' dol 'an cumasgadh na buidhinn  
Bu luaithe e na roth Gall-mhuilinn.

28

Thuit ar seachd fichead fear mòr;  
B' aobhar tuirs' e is do-bròin:  
Gu 'n do leig an Fhiann gàir chruaidh  
Re diothachadh a' mhòr shluaigh.

FIONN.

29

'A Ghuill mhic Morna nam mòr ghnìomh,  
Fhir a chleachd ar cobhair riamh,  
A mhiann sùile gach baile,  
A laoich làidir na teugmhaile,

30

'Is dána leam Conn a bhagradh ort,  
Is air clanna Morna uile,  
Nach buineadh tu 'n ceann dheth gu fearail  
Mar a rinn thu dheth athair roimhe.'

GOLL.

31

'Dheanainnse sin dhuitse, Fhinn,  
Fhir nam briathra blàtha binn.  
Cuireamaid fuath is falachd air cùl,  
Biomaid uile dh' aon rùn.

32

'Ged' mharbhta an Fhiann uile  
Gu diothachadh an aon duine,  
Bhithinn féin 's mo threuna leat,  
A rìgh na Féinne, 'gad chobhair.'

33

Gluaisidh Goll 'na chulaidh chruaidh  
Ann am fianuis a' mhòr shluaigh.  
Bu gheal is dearg gnùis an fhir  
Re dol 'an tùs na h-iorghuile.

34

Dh' èirich frith, is fearg, is fraoch  
Air dà mhalaidh an dà mhòr laoich.  
An dà churaidh bu mhòr cith,  
Chuir iad an tulach air bhall-chrith.

35

Aon là deug agus tràth  
Gu 'm bu tuirseach mic is mnàì,  
Gus 'na thuit le Goll nam benmannan  
An sonn mòr air cheart éigin.

36

Gàir aoibhinn gu 'n d'rinn an Fhiann  
Nach d' rinneadh leo roimhe riamh  
Re faicinn Ghuill chròdha 'n uachdar  
Air Chonn meanmnach, mór, uaibhreach.

O. 7. CONN MAC AN DEIRG. <eng>159 lines.

Dr. Irvine's MS., page 29. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 20, 1872.

THIS version collated with Gillies proves that the book had not affected oral tradition in the Eastern Highlands; compared with the Western versions, it is easy to see how a popular ballad changes. All that is in Gillies is in the older versions; but in the East there is a tendency towards the Caledonian Fingallan theory, which changes words. In the same

district Mac Pherson took no notice of this traditionary ballad. Not a line of it is in his Gaelic.

1

SGEULACHD air Conn Mac an Deirg,  
Lionnta le mor throm fheirg  
Teachd dhioladh bas athar gun fheall,  
Air uaislibh 's maithibh na Feinne.

2

An sgeul sin rainig Fionn,  
An Farmail nan creugan Ard;  
Sheall mu 'n cuairt air armuin ghreadhnach,  
Ghreas gach laoch gu bhuil chath sgith.

3

Co dhiu' is mo Conn n' an Dearg Mor,  
'S e labhair Oscair nam binn ghloir?  
No 'm b'ionann Dealbh agus Dreach,  
Do Chonn Mor mear meamnach?

4

Chunnacas Conn thar steudaibh glasa,  
A' tarruing a luinge a steach,  
Ann Carrais Cuain nan caolas.

5

Shuidh air an Tulaich 'nar coir,  
Am Fiui Curranda, dian, mor,  
Gabhail do chleasa gu garg,  
Ann am barca nan iarmailtean (thaca na h-earmailt)

6

Bha lann nimhe a liodairt chorp,  
Aig a Chonn theugbhalach na mor olc;  
Ealtuinn cheardail ghlan ghrinn,  
Air an fhear mhor, mhear, mheanmnach,  
A 's e gu fearrail suilbhear eibhinn,  
A mhac samhuil cha 'n fhacas riamh,  
A' siubhal sratha, no mor shliabh.

7

Gruaidh chorcara mar Iudhar caoin,  
Rosg ghorm fo mhala chaoil;  
Suil a tilgeadh teine ruaidh,  
A' loisgeadh gaisge na mor shluaigh.

8

Bha lann fo sga a sge,  
Aig an laoch gu aireite;  
Dh' iomar o iomadh cleas luthaidh,  
Do 'n Fheinn gu 'm b' aobhar tuirse.

9

'S e comhaire chinn aig Fionn fein,  
'S aig maithibh na Feinne gu leir;  
Deagh Mhac Fhinn bu bhinne gloir,  
A chuir thuige an ceud thos,  
Dh' fhiosrachadh sgeul dhe 'n fhear dhocrach  
Chuir sinn Fearas beul dearg binn fhoclach.

10

Chuinn mhoir mhir mheanmnaich,  
Gheig uir ghil dhealbhaich;  
'Se m' fhiosrachadh dhiot gu beachd,  
Ciod fath do thuruis a dh' Albuinn?

11

Dh' innsinse sin duit gun chleth,  
Fhearais mas aill beir leat?  
Eiric m' athar b' aill leam uath,  
Na bheil sibh a Mhatha san Fheinne. (al. Eirin)

12

Cean Fhinn oirt 's Ghuill,  
Cinn chlann Morna uile;  
Fhaotainn an eiric aon duine  
No comhrag cuig ceud uath.  
Do 'r maithibh 's do 'r garbh shluagh,  
Gu 'm buinnin na cinn diubh a mach,  
Dh' aindeoin Fhinn as Chormaig.

[TD 119]

13

'N uair phill Fearas o 'n fhear mhor,  
'S e labhair Fionn flath an t-sloigh;  
Innis an sgeul dhuinn gu nochte,  
Na ceil oirm dh' aon lochd.

14

'Se sid Conn Mac an Deirg,  
Alr a lionadh le trom fhearg;  
Teachd a dhioladh bas athar gun fheall  
Air uaislibh is maithibh na Feinne.

15

Eiric athar is aill leis,  
O na bheil sibh mhaithibh 'n Eirin,  
Ceann Fhinn oirt a Ghuill,  
Cinn chlanna Morna uile.

16

Fhaotainn an eiric aon duine,  
No comhrag cuig ceud uath,  
Do 'r maithibh, 's do 'r garbh shluagh,  
Gu buineadh e na cinn diubh mach,  
Dh' aindeoin Fhinn 's Chormaig.

17

An sin thuirt Conan maol Mac Morna,  
Leigear thuige mi 'n ceud thos,  
As gu 'm buininn an ceann a mach  
Dhe 'n Chonn dhimeasach uabhrach.

18

Inich ort Chonain mhaol,  
Cha sguir thu do loineais ri d shaoghal  
Cha tugadh tu 'n ceann de Chonn,  
'S e labhair Oscair na mor ghlonn.

19

Ghluais Conan na mi-cheil,  
Dh' aindeoin na Feinne gu leir;  
An caramh Chuinn bhuaidhich brais,  
An car bu tuaile dh' eirich leis.

20

B' iomad sgread is iolach chruaidh,  
Bh'aig Conan nan diombuaidh;  
B' iomad faob is crap, is meall,  
Ag atadh suas air a dhroch ceann.

21

Air ceann Chonain gu reamhar,  
'S a chuig caoil an aon cheangal,  
Bu chruaidhe eigh na toirm tuinne,  
Is an Fheinn uile ga eisdeachd.

22

An sin thuirt fichead fear Finne,  
Leagaidh sinne a luath mhire;  
Rachadh Conn a romha sud,  
Mar sheobhag troimh ealtainn eun.

23

Thug e ruadhar fir ri foirre,  
Nas luath ma roth muillein;  
B' iomadh ionmhas 's am bar a bhos,  
B' iomadh lamh ann 's leth chos.

24

Airp gun chogull air aon bhall; (al. cuirp)  
Uiread eile ged bhiodh ann;  
Thuiteadh le Conn air aon bhlar.

25

Bha conn a' cailce a sgiath,  
Ag eigheach comhraig le an-rian,  
Chuir sinn cuig fichead fear uain  
G' ar maithibh 's g' ar mor shluagh,  
A thoirt a' chin a Mhic an Deirg,  
Dh' aithnich sinn Fionn fo throm fheirg.

26

Rachadh Conn troimh sud,  
Mar sheobhag troimh ealtuinn eun  
Rha Conn a' cailce a sgiath  
Ag eigheach comhraig gu dian.

27

Dheagh Mhic Morna nam mor ghnìomh,  
Fhir a chleachd mo chomhair riamh;  
Nach truagh leat conn a' bagairt ort,  
Is air chlanna Morna nan geur lot?

28

Nach d' thugadh tu an ceann deth,  
Mar a thug thu dhe athair roimhe?  
Dheanainse sin duitse, Fhinn,

Fhir nam briathar blatha binn.

29

Chaidh gach fuachd 's falachd air chul,  
Biothad uile a dh' aon run;  
An sin chaidh Goll na chulaidh churaidh,  
An fianuis a mhor shluaigh.

30

Bu gheall dearg gnuis an fhir,  
Na mheall garbh an tus Iorghuill,  
Ghluais e gu ciocrasach dana,  
Dh' ionnsuidh na teugbhalach.

31

Tha ceth teine de 'n airm chruaidh,  
Tha ceth fala de chnaimh an cuirp.

32

Tiomadh caor theine ruaidh  
Teachd o nimh nan arm chruaidh,  
Os ceann nan ceann bheartain carrach,  
Is iad a' cuimhneach na mor fhalachd.

33

An da chuiridh bu mhor cith,  
Chuir iad an tullaich air chrith  
Am folt sguabadh gaoth nan gleann,  
Gleac nan curridhean bha co teann.

34

Seachd laithean agus nao tra,  
Bu tursach fir is mnai,  
Aig na bhuidhinn Goll na mor bheum,  
Ann Conn mor a cheart eigin.

35

Aon ghair eibhinn rinn an Fhiann,  
Nach do rinn a leithid riamh,  
Ri faicinn dhoibh Ghuill an uachdar,  
Air Conn treun, bras, uabhrach.

36

Tri raian aig gun robh slan,  
Toirt Chonain chrin a sas,  
Leigheas Ghuill mhic Morna.

37

Sgeulach air Chonn feara fearrail,  
An sonn mor calma ceanail.

X. 9. DUAN CHOINN MAC AN LEIRG.

<eng>171 lines.

Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac  
Lauchlan, Edinburgh, February 9, 1872.

THIS was orally collected in Caithness, 19th and 20th April, 1854, by George Mac Leod and James Cumming, from the oral recitations of Christina Sutherland or Widow Simpson. She was born 1775 in Rhea, on the West of Sutherland. I print it because Sutherland Gaelic is not often printed. Lines in this MS. are not numbered. It is printed as written, in paragraphs.<gai>

1

INNIS dhuinn Ossein naraich,  
Mhic Fhinn uaisle shuairc sho ghradhich;  
\* Do sgeul air Conn, Fearg, is Fearail,  
\* Na soinn chalmant coghineal.

2

Co bu mho Conn na 'n Dearg mòr,  
Oissein nam briathar ceolbhinn;  
Am b' ionann dealbh dha is dreach,  
Is do 'n Dearg mhaiseach mhoralach.

3

Bu mho Conn gu mòr mòr,  
Teachd o mhara le shloigh;  
\* Tarruing a luingeas a steach,  
\* Gu teamhair (1) cuain is caolas.

4

\* Bha sgiath nimh air gu leagadh a chorp,  
\* Air crios teug-bhoil na mòr olc;  
\* Is claidheamh air sgath a sgeith;  
\* Air an laoch ud gu h-aimhreach.

\* Bha gruaig cuir (2) air mar iuthar caomh,  
\* Rosg gorm, an dà mhala cho chaol;  
\* Folt buidhe aghmhor teardail,  
\* Uasal fearal aoibhinn grinn.

6

Sheas air an tulach ma ur comhair,  
Milidh curannt' bha ro mhor;  
Leis an gabhta' chleas gu garbh,  
Ann am (3) bailcul na h-iarmailt.

7

Bheireams' mo bhrithar cinnt,  
Phadruig cha bu nar ri inns';  
Gu na ghabh sinn d' eagal  
Roimh uile is nach do ghabh,  
Sinn riamh roimh aon duine.

8

\* 'S e chomhairl a dh' inntig aig Fionn;  
'S aig fearibh uailse Eirinn;  
Aig clann na mara muirne,  
Deagh mhic Fhinn o 'm binn gloir,  
'Chuir ghabhail o 'n laoch dh' shocarach,  
Bhaigheach bhinn fhocalach.

- (1) Teamhair,<eng> a shaded walk on a hill, hence <gai>Teamhair cuain,<eng> a harbour or bay naturally protected from storm.  
(2) <gai>Gruaig cuir,<eng> curling hair like the gentle yew.  
(3) In sword exercises the thrusts and cuts made thro' the air.<gai>

[TD 120]

Ghluais Fergus air comhairl athair, mar bu choir,  
Do ghabhail sgeul churaidh  
O Chonn bu ro mhor.

10

Bheannaich Fergus le gloir bhinn,  
Do Chonn tairise (4) bha ro' Fhinn;  
Fhreagair Conn e mar bu choir.  
Fergus fhillidh fhir choir.  
Mhic an fhir (5) dhimeasidh mhear,  
Dhuainn bhuadhich dheud ghil,  
Thainig a ghabhail sgeul o Fhionn.  
'Cia fath do thochd do Eirinn?'

11

Fios mo thuruis ann gu beachd,  
Fergus nam b' fhear a b' àill leat?  
Eiric m' athair a b' aill leam,  
Dhibhse mhaithibh fir Eirinn.

12

Gu ceann Ghoill is dà mhac Mhuirn,  
Fhinn is Chribhinn 's Chori-Chorn;  
Gu ceann Chlonnairt na Muirne uile,  
Gu 'n ditheachadh mar aon duine,  
Cormaic Mac Airt agus Fionn.  
'S na th' beo do fhearibh Eirinn.  
O thuinn gu tuinn fhaotainn  
Dhomsa fo 'n aon chuinge,  
Comhrag air coig ceud ur sloigh;  
Air mhoch mhaduinn a maraich,  
Gu sgarinn an cinn o 'n corp  
An aindheon Fhinn is Chormaic.  
Gluaisidh Fergus thugain fein,  
Phadruig na abairim breug.

13

Chlost sinn sud an Fheinn uile,  
'G eisdeachd ri sgeul Fergus,  
Labhair Fionn flath nur sloigh  
Fergus ciod do sgeul o 'n fhear mhòr?  
Innis duinn gu beachd.  
'S na ceil romhainn na h-ainiochd.

14

Se mo sgeulsa o 'n fhear mhor,  
Nach fhearr leis gun choig ceud ur slogh  
Air mhoch mhaduinn a màirich,  
Gu cath comhraig diobhalaich,  
Gu ceann Ghoill, is da mhac Mhuirn,  
Fhinn is Chribhinn 's Chori-Chorn,  
Gu ceann Chlonnairt: na Muirne uile  
Gu 'n ditheachadh mar aon duine,

Cormaic Mac Airt agus Fionn,  
'S na tha beo do dh' fhearibh Eirinn,  
O thuinn gu tuinn fhaotuinn  
Dhomhsa fo 'n aon chuinge,  
Labhair Conon mac Muirn mor,  
Leigibh mise chuige sa cheud doigh  
Gu sgarainn an ceann ud de,  
Air a cheann diomsa air a cheann desa,  
Beir a mholach!—a Chonoin mhaoil!  
So an onoir nach fhaidh thu chaoidh,  
Cia fath gu 'n coisgeadh tu Conn  
Fhuirbidh (6) Oscar na mor lom.

15

Gluaisidh Conon le mhi-cheil,  
'N aghaidh na Feinn gu leir,  
'N aghaidh Choinn bhuadhich bhrais,  
Gu car tuasaideach aimhleis,  
Dar chunnaic an laoch bu chaoin a dealbh,  
Coinean dol an sealbh uan arm  
Thug e sidheadh do 'n fhear,  
Is ghabh e teicheadh a choin fhalbhidh,  
Ach 's lionmhor scread is iolach cruaidh.  
Bha aig Conoin ri aon uair,  
Bu luaith e na tuirm tuile teachd,  
'S an Fheinn uile ga choimhead,  
Bu lionmhor cnapain agus meall.  
Bha 'g eiridh suas air a dhroch ceann,  
Air maoile Choinean gu reamhar.  
Na coig caoil sa 'n aon cheangail,  
Beannachd aig an laimh shin riut.  
Labhair Fionn flath na Fiann,  
Gu ma turus gun eiridh dhuit,  
Choinean dhona mhi cheillidh.

16

Ach chuir sinn ur coig ceud a mach,  
Gu mear meanmarach moralach  
Cha an laoch ud trompa gun ghrainn,  
Mar sheobhag dol troimh altan mhin eun,  
Is mas tionndadh tu barr a bhois  
Bu lionmhor leth-laimh agus cos,  
Bu lionmhor colluinn bha gun cheann,  
Nan coinnlean marbh air 'n aon lamh,  
Coig ceud eile ciod bhiodh iad ann,  
Bhiodh iad marbh air 'n aon bhonn,  
Ghluais sinn seachd fichead fear mòr,  
Ionnas gu 'n d' thainig an diobhal oirne  
Chaidh e trompa mar mhaoil muileann,  
Bu luaithe e na rotha gall mhuileann  
Thuit na seachd fichead fear mor  
Ionnas gu 'n d' thainig an diobhal oirne,  
Far an d' rinn an Fheinn an gair cruaidh,  
Bhi ditheachadh ur mor shluagh,  
Fhir nach d' aitheachadh cabhain riamh  
Air thapiachd 's air mhor ghnìomh,  
Mhiann suile gach borr: (7)  
Is phrionnsa gach teugbhoill,  
Nach fhaic thu Conn 's e maoitheadh ortsa,  
Ghoill churaidh gach namhaid,

Nach cuireadh tu an ceann ud de gu fearal  
Mar chuir thu de athair roimhe,  
Dheanainn sin dhuits' Fhinn.  
'Bhriathraribh nan ceol bhinn,

17

Na 'n cuireamaid gach fearg is fuil air chul,  
'S gu 'm bidheamaid uile de 'n aon runn,  
Dar bha Goll na chullaidh chruaidh'cht,  
Darg say miss wra less  
Ga math di thress a inn ayle

25

Derre oskir agus Gowle  
Bi worbe coskir lonn ni gath  
Nane sessow in gar in tloye  
Eddir in far mor si flaath

26

Hanik in leich bi wath tlacht  
Le feich is lay nart no genn  
Aggis foddeis woyn in wen  
Di we gar a zolin inn

27

Tuk m'Morn in turchir dane  
Gi croy na zey din tleyg  
Ner anni in turchir nar hay  
Za sky gin darny da wli

28

Di crath oskir fa mor ferg

A chrissi yerg za layve claa  
Aggis marveis stayd in ir mor  
In teaach a rinyth lai

29

Nor hut in stayd er in lerg  
Zimpoo la ferg is la feich  
Agis fokgris borbc in teme  
Corik er in kegit in leich

30

In tewe moe zinsyth fene is dinn  
Kegit leich nar heim no zall  
Gar waat in tessow sid drost  
Di zyle in gask la nyth lawe

31

Varrit da willi gi marri  
Gi dane di gi far zew sin  
De nemist wlli fa hur  
Mir hu ac coryk fir

32

Chaywill tre nenor gi moy  
Sin nirrill chroy solli di scur  
Ga croy chaywill ni de cheill  
Er gi eine dew sin a churr

[TD 130]

33

Di zrwt gowle in nagni vir  
Gu leddirt in ir in gor roit  
Ga bea chewic eads in sin  
Bi zarve in gell sin gloe

34

Horchir m'Morn la laive  
M're nyth sorchir skaylle mor  
Is margk trave in danik in ven  
Fa hut in far in gar roit

35

Is er tutty in ir vor  
In gar zi choyn croye in ceme  
Di we neyn re heir fa hwne  
Bleygin ac finn ansyth nane

36

Flann m'Morn croy in cass  
Hor bass fa mor in teacht  
Ne reive leich a danik as zeive  
Gin a chneis lane di chrecht

37

Mathirsyth feine by wath tlacht  
Neach a wackyth reyve neir er  
In nis ass derri dym zneith  
Er inn is annit doth skayll.

Annit doth skayll.

38

Do zawe sea churre no o skay  
Leith na thraa zor royve ann  
Na gin dug ayr mor er ir wane  
Is gin dranik se a feyn fynn.

39

Mir wee kegit leich garwe  
In daall in narm zo gi loor  
Wemist gin choywir fa smach  
Da goyvys woyn in cor

40

Di weit in glywe gin tocht  
A cluyith chorp agus skay  
Co math chorik pen a deiss  
Ne aykyth reiss er mi ray

41

Eligir aggin ag in ess  
Fer bi wath tressi is gneive  
Currir fa wrayth gi moyer  
Fane oyr in nonor mi reith

42

Deyth bleyin zoolle in narm naye  
In leith worb nar loyeth in reith  
M'Morn fa deyiss lamm  
Gai leygiss ag finn ni fleygh.

D. 19. EASS RUAIDH.

<eng>Mac Nicol's Collection. 139 lines. Ossianic Ballad. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, February 27, 1872.

THIS is the same as A. 18. 'Mac Riogh na Sorcha' is supposed to be the son of the King of Portugal. It is exceedingly curious to note the changes which have taken place in this ballad, written by the Dean of Lismore about 1512, and by the Minister of Lismore about 1755 to 70. Every line has changed, but so as to preserve something like the sound, and something nearly equivalent to the meaning of each line, and each quatrain. A few verses have been forgotten; one verse in the second version is not in the first. The Story and the Ballad continue the same in spite of the changes.

A better illustration of the power of tradition I never saw.—J.F.C.<gai>

1

LAITHIDH dhuinne beggan sluaidh,  
Aig Eass Ruaidh nan Egin mall  
Chuncas aig sheola air Lear,  
Curach mor & Beann ann,

2

Sheisibh shinn uille gu dion,  
Moch Fionn nan Fiann & Goll;  
Aig aibhric a Churich b' airde leim;

'S bean da reir a scoltadh Thonn.

3

Aithne cha dreinn neach ach tost,  
Gus 'n do ghaibh i Calla sa phort sheibh;  
Shin nar dh' eirigh air an Eass,  
Thanig as Macca Mnaoi.

4

B' ionnin dearsa dhith 's do 'n Ghrein,  
'S bu thaoir a Mein ann 's gach Dealbh;  
Inghin og thaing an Cein,  
Beithemid fein roipe sòirbh.

5

Bheannuich I do phobul Fhinn,  
Gun bheannuich I gu binn doibh;  
Fhreagair Mac Cubhail na Fein,  
Gu h-ubhail grinn dith 's gu foil.

6

Dh' fhairid an Riodh bu mhath Fios,  
Cia t-aird a nighin ghlan ur;  
Nach innish u dhuinn a Bheann,  
Cò 'n Treabh as an tainig tu.

7

'S Inghinn mi do Riogh Fa-thuinn,  
Dh' insin Shin dhuit ge Cruinn mo Dhail;  
Nach h-eil Tir mu 'n do Dh' iath Griann,  
Nach d' iarras thusa a Fhlath Phail.

8

Do bhrigh do Thurish air gach Rod,  
Inghin og as ro mhath dealbh;  
An t-abhar mu 'n tainig tu 'n lein,  
Nach tabhair thu fein du'nn a Dhearbh;

9

Ort mo Choimirin mas tu Fionn,  
Thoir dhaibh Linn a Mhacca Mhnai;  
Do bhrigh Furluinn is do Bhuaidh,  
Glac mo Choimirin gu luath tradh.

10

Glacam do choimirin a Bhean,  
Dh' aoin Fhear da bheil an Crich;  
Ach innish dhuine gu beachd,  
Co an neach bhiodh air do Thi.

11

Ta ga 'm Bheor-uidh ruagidh air Muir,  
Laoch bu bhor guin air mo Lorg;  
Mac Riogh na Sorcha 's geur airm,  
Neach thin da 'm b' ainm Maidhre-borb.

12

Geassin a chuirin na cheann,  
Fhadsa bhithidh Fionn air sail;  
Nach rachadh du leis mar mhnaoi,

Ge math a ghnìobh is a Laibh.

13

Labhair Osgar le Gloir bhirr,  
An Laoch a chaisgidh sud gach Reir;  
Gad nach foirin Fionn fa Gheass,  
Cha rachadh tu leis mar mhnaoi.

14

Bliaghna dhuinne san Labh threin,  
Chuncas an steud air an Leirg;  
Agus a mheid as gach Fear  
Shiubhal na Fairge gu dian  
San Rod cheudna reinn a Bhean.

15

Bha cloggadd teann tuinntaidh mu cheann,  
Air an Fhear nach bu thiom 's bu threun;  
Sgiath dhruimnich nach teid air a h-aish,  
O Imlaig gu cneas a chleibh.

16

Bha claibhibh trom toirtoil nach gann,  
Do bhi an Laibh an Fhir mhòir  
Aig ionmairt a chlessibh gu dian  
A teachd ann Druimlibh a chuain.

17

Bha neul Flath & Rosg Riogh,  
An ceann an Fhir bu chaoìn cruth;  
Gabh mhaidh a shnuaigh 's geile dheid,  
Bu luathidh' steud na na shruth.

18

Badde labhan na creann Iughir,  
'S bu bhinne na Eoin chiuil a ghuth;  
Tighin o 'n Tuinn gus a chrìch,  
Aig 'n do fharraid an Riogh bu mhath cliu.

19

An saoilleadh tu fhéin a Bhean,  
'Ne thud an Fear a deireadh tu;  
Saolidh mi Mhic Cubhail Fheinn,  
Gur a Coibhlan nach tiom e,  
Gun tairg eisin mo bhreath leis  
Ge mor do neart as an Fhein.

20

Thainig an Laoch bu bhor Tlachd,  
Le Fraoich as le neart nar ceann;  
Cha 'd fharraid e Curruidh na Triath,  
Na Laoch gar Fianibh gu raibh ann.

21

Sheisibh Osgar sheisibh Goll,  
Bu mhor Cosg air Lonn an cath;  
Nan Dist an Iummil an t-shloidh  
Eddar am Fear mor sam Flath.

22

Do fhuadich e leis a Bhean,  
Do bhi 'n cairibh Gualin Fhein;  
Thug e Tair mhoir air an Fhein,  
Gus an d' rainig e fein Fionn.

[TD 131]

23

Thug Mac Morn an urchair threun,  
Gu crothidh as a dheidh da shleagh;  
'S cha do bheann an urchair da chre,  
Ach reinneadar da sgeith da Leath.

24

Do thilg Osgar an aigh,  
A chraosich dhearg as a Laibh chlith  
As maratar leis steud an Fhir,  
'S mor am beud a chinneadh leinn.

25

Do thuit an steud air an Leirg,  
Thiuntaidh e le Feirg 's le Fraoich;  
Dh' fhogair ge bu mhor an Taom,  
Coibhrag air an ar caogid Laoch.

26

Tuilleadh dhiomsa fein 's do Fhionn,  
Chaidh ceud nach bu tiom na dhail;  
Ge bu mhath an aigne san Tosd,  
Gheall eisin an cosgairt le Laibh.

27

Clann a Morna cruaidh an cas,  
Fhair Bas ge gairg am Beud;  
Cha raibh neach a thainigas,  
Nach raibh chneaslach lan do chreuchd.

28

Bliadhna dhoibhsin gun airm aigh,  
Gach Laoch gairg a shath a shleagh;  
Nan Luithidh fa theagasg Fhinn,  
Dan leighis aig Fionn nan Fleagh.

29

Dh' eirich Goll an aignuidh mhir,  
A Liodairt an Fhir san chaol-rod;  
Ge b 'e chithidh iad an thin,  
Bu bhor an gail' is an scleo.

30

Bha claighinin soc ri soc,  
Re lioddairt chorp & sciath;  
Tinnil catha' bh' aig an Deiss,  
Cha 'n fhaccas ris roibh riabh.

31

Ga do chlaoidh Mac Morna le Laibh,  
Mac Riogh na Sorcha as theibh snuaidh;  
'S mairg Treabh on dainig a Bhean,  
Leis 'n do Thuit am Fear on chuan.

32

Thiolica a choir an Eass,  
An Gilli bu mhaith cleass as clith;  
Churigh mu Bhraithidh gach Meoir,  
Fain oir an onnoir mo Riogh.

33

Bha Inghin Riogh Bhara fo thuinn,  
Fad Bliadhan aig Fionn ann san Fhein;  
An Deigh Tuitim an Fir mhoir,  
O Choitha Chuain truadh an sgeul.

34

Mathair fein bu ro-mhath Dreach,  
Cha do dhuilt e neach da Thruadh no Threin;  
A nois o 's deire dha' m' chliuth  
Gu suim gur aithne dhaibh 'n sgeul.

<eng>H. 19. HOW MAIGHRE BORB, THE SON OF THE KING OF SORACHA, WAS KILT BY GOLL.

124 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 22. Advocates' Library, November 29, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

Dublin, December 9, 1871.—Known to everybody in Ireland, but no copy older than the Dean's known to Hennessy: A. 18. above.

It is curious to watch the minute changes that have taken place in one man's version of this old ballad: so I print his two Arguments, and his various readings.

THE ARGUMENT.

MAIGHRE BORB was courting the daughter of the King of Tir-fuidh-thuinn; and she was not willing to marry him; they happened to be one day walking out together, and he said to her, 'Who is in life under the sun that is able to keep you from me now?' 'You are wrong,' says she, 'I shall go to Fingal to Ireland, and he will defend me from you for a year and a day;' he ordered her to go to Fingal immediately, and that he would take her from him, the spite of all his might and force. She went away with some attendance to Fingal to defend her from him, he pursued her in hopes that he would take her from Fingal; for he was of extraordinary height and bigness, and of strength accordingly, besides being a great Inchanter or Conjuror, but nevertheless he was kilt by Goll at last. Observe the Poem.<gai>

DAN 3.

1

THA sgéul beag agam air Fionn,  
A chuireas mi 'n suim gach uair;  
Air dea' mhac Cuthail na 'm fleadh,  
Leis am buinte blagh is buaidh.

2

Aillis sin dham Oisain fhéilidh,

Nach d' éur aon neach riamh mu sgéul,  
Ciod an gníomh rinn dea' mhac Cuthaill,  
Bhios tu cuimhneacha' gu h-eibhneach.

3

Latha bho Fionn is beagan sluaigh,  
Aig Eas-ruaidh nan leag sruth máll;  
Chunnacas a seóladh o near,  
Curachan óir is aon bhean ánn. (1)

4

Sheaseamar uil air an tom,  
'S Flath nam fiann agus Goll trom;  
A feitheamh a churachain a b' fhearr gléus  
Is e na reis a sgoilteadh thonn.

5

Air a churach cha' d luigh smal,  
Clos ch d' rinn am port no támh;  
Gas an d' rainig e an t-Eas.  
Is dh' eirich aiste maise mná. (2)

6

B' ioneann dealradh dh' i 's do 'n ghréin,  
Is b' fhearr gu mór a méin no dealbh;  
A bhean a thainig an céill,  
Bha sinn gu léir roip' gu 'n fheall.

7

Do ghluais i gu pubul Fhinn,  
Is bheannaich i gu grinn dó;  
Fhreagair Mac Cuthail gu grinn,  
A beannachadh binn le dóidh.

8

'Mo chomraic ort mas tu Fionn  
Labhair rinn a macaidh mná;  
Le feodhas t-ainme 's do bhuaidh,  
Mo chomraic ort gu luath tráth.'

9

Dh' fhiosraich mo Righ bu mhaith dealbh,  
Cia as teachd na triall gheal úr;  
Cia an t-ainm a ghoirte ri,  
No cia b' athair dh' i air thús.

10

'Inghean Righ Tir-fuidh-thuinn,  
Dh' innsin dhuit gu cruinn mo sgéul;  
Cho 'n eil rioghachd an d' eirich grian,  
Nach d' iarras dhutsa Righ Fhinn.

11

'Brí do thurais as gach ród,  
Ainnir óg is gloine gné;  
'S an t-adhbhar mu 'n d' ainig thu 'n Fheinn,  
Aithris gu 'n dáil dhamh fein é.'

12

'Torachd a tha orm air muir,

Laoch is trom guin air mo lorg  
Mac Righ Soracha' nan sgia' airm,  
Triath d' an goirear Maighre borb.'

13

'Geasan do chuir s' e am cheann,  
Nach cumeadh Fionn mi o sháil;  
'S nach bithainn bliadhna aige mar mhnaoi,  
Cia mór leis a ghníomh is ágh.'

14

'Labhair an gaisgeach le glóir mhir,  
'N laoch leis an coisgear gach Righ;  
Gus an liubhreadh Fionn a gheasan,  
Nach reachaimsa leis gu sior.'

15

'Glacam do chomraic a bhean,  
Roi' aon neach a tha an clé;  
'S a dh' ain deóin a Mhaighre bhuirb,  
Fad bliadhna gheibh thu uam dion.'

16

Chunnacamar a tigh 'n air stéud,  
Laoch do bha mhead thair gach fear;  
A caitheamh na fairge gu dian,  
An t-iúl ciadn' thainig a bhean.

17

B' fhad a leac bu gheal a dhéud,  
'S bu mhire stéud no gach sruth;  
Adhaidh fhlathail is rosg rioghail,  
'N ceann mhilidh bu chaoin cruth.

18

Bha cloidheamh trom toirtail nach gann,  
Teainnte re slios an fhir mhóir;  
Sgiath chreinneach dhubh air a leis,  
'S e 'g iomairt air chleasaibh gach doidh.

(1) Cho b' ór e ged bha e cho loinrach re h-ór.

(2) No macaidh mna.

[TD 132]

19

'Deir ruinn mar a thainig thu' Clí,  
Dh' fhiosraich mo Righ bu mhai cliú;  
An aithnich thu fein a bhean,  
'N e sud am fear a deir thu,'

20

Aithnicheams' e mhic Chuthaill Fhinn,  
'S gur phathar leam e do d' Fheinn,  
Tairgidh e mise thoirt leis,  
G' e mór ar treis asaibh féin.

<eng>Not in I.<gai>

21

'Mo cheud beannachd dhuit a' nois,  
Is dean mise fein a dhion;  
O 'n ghaisgeach is buirbe gruaim,  
O 'n a dh' fhuathaich mi roi ghníomh.'

22

'N laoch sin a thainig o 'n chuan,  
A eagmhuis sluaigh bu mhor prís;  
Do bhuidhinn é lois a bhean,  
'S i gairid o laimh mo Rìgh.

23

Dh' eirich Oscar, 's dh' eirich Goll,  
Bheireadh losgadh lom 's gach cath;  
'S dh' eirich iad uile na sloigh,  
Eidear am fear mór 's am Flath.

24

Goll mac Mornn nan urachair tréun,  
Asa dheidh do thilg e sleagh;  
B' i 'n urachair bu truime 's bu tréine,  
D' a sgé do rinn da blaigh.

25

Thilg an t-Oscar le lán fhéirg,  
A chraosach dhearg le laimh chli;  
Do mharbhadh leis stéud an fhir,  
'S mór an cion do rinneadh lé.

26

Charaich e ruinn air an leirg,  
An laoch bu mhor fearg is prís;  
'S chlaoidh é naoi naonair gu luath,  
'S an iorgaill chruaidh shultidh shíth.

27

Mar bhithead an caogad laoch gárg,  
Bhi 'g iomairt ar 'n arm fai leith;  
Dh' fhagadh é sinne fui' sbrochd,  
'S cho ghaibhte uainne cosg leis.

28

Goll Mac Mornna nan lámh tréun,  
Bhuail s'e e gu geur le shleagh;  
Mu chothair a chroidhe le threóir,  
'S thuit e air an lon gu 'n fheith.

29

Thug e dha buille na dha,  
Gus ac d' fhag an deó a chré;  
Bu mhairg aen bhean mu 'n de thuit,  
A leithid do chleitheach treun.

30

Thiodhlaicadh leinn taobh an Eas.  
Macaidd mor nan cleas 's nan gníomh;  
'S chuir sinn mu bhradhaid gach meóir;  
Fáinn óir an onoir mo Rìgh.

31

Bha inghean Righ Tir fui' thuinn,  
Bliadhna shlan aig Fionn 's an Fheinn;  
An deigh tuiteam an fhir mhóir,  
Le neart an t-sluaigh 's mor sgéul.

<eng>I. 13. MAIREBORB, MAID of CRACO, or EAS-RUAGH.—A POEM. 128 lines.  
Extracts.

Kennedy's 2nd Collection, page 20. Advocates' Library, April 4, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—Kennedy's Geography is not to be depended upon, but it is the  
traditional geography attributed to this ballad.

'Sorcha' is either 'Portugal' or 'Ardnamurchan.' 'The Land under the  
Waves' is either 'Holland' or the small Island of 'Tiree.' 'Sorcha' means  
'Light,' and possibly this may be a Gaelic form of 'Saracen Land.'

#### THE ARGUMENT.

MAIRE-BORB, the son of the King of Soracha or Ardnamurchan, a District of  
Argyleshire, fell in love with Semhchruth, daughter of the King of that  
Island Tirrie, then Tir-fui-thinn. Semhchruth, being not fond of  
Maireborb, seeing her Father willing, they should make it up, sailed  
(accompanied with a few hands) thro' the night to Ireland, to be  
protected by the great generous and hospitable Fingal, who at her arrival  
was hunting along with a small party at Eas-ruai. Semhchruth made up to  
Fingal, and made known her story.

Fingal undertook to secure her for a year and attack Maireborb if he  
should attempt to take her off by force. Presently Maireborb approached  
upon the shore, mounted his steed and took away Semhchruth who sat upon  
Fingal's right hand upon the Hill. Goll threw after him his spear and  
broke his shield. Oscar kilt his steed. Maireborb seeing himself so  
desperately handled, attacked and overturned four-score and one of  
Fingal's party. And if Fingal had not sent fifty men one after another  
off to Bera for their arms, he would have been overcome by Maireborb and  
his small Party, and have taken off the captive Lady. Maireborb is kilt  
by Goll, and interr'd with great solemnity by the Fingalians.

Semhchruth resided in Fingal's Hall for a twelvemonth mourning for the  
brave and valarous Maireborb.

The Poem is addressed to the Son of Alpine.<gai>

#### MAIREBORB.

1

CHA raibh ann ach fear is ceud;  
Leis am bui'nte blagh 'sgach euchd.

2

Ailis sin damh Oisein thim,  
Laoich is binne bhriathraich beul;  
Ciod e 'n gnìomh rinn dea Ri'-phaile,  
Triath nam fleagh, nam blar, 's nam beum.

4

Flath nam Fiann, is an triath Goll;

6

Bha sinn gu leir roipe soirbh.

7

Is bheannaich i gu binn do;

8

Labhair ruinn dea' mhais gach mnà;

9

Dh' fhiosraich mo Riogh a b' fhearr dealbh,  
Cia as teachd na Triath ghil ùr;  
Bu deirge gruaidh, bu bhinne guth,  
'S bu ghile cruth no ghrian air mur.

10

Inghean Riogh Tìre-fui-thuinn,

13

Nach cumadh Fionn mi na dhàil;  
'S nach bithinn bha 'n aig mar mo mhiann,

14

Nach reachainnsa leis sa gnìomh.

15

Roi' aon fhear a' ta ann clì;  
Re blià 'n bi 'n tuilg 's an sìth.

16

Chunacamar a' tigh 'n mar ean,

18

Sgia' chreimneach, dhu air a leis,

21

Mar èitil nan ean ri gaoith,  
Bha 'n laoch a tìgn 'n air ar muin;  
Suntach, sligheach, sran-ard ceum,  
Mar steud eisg a' ruigh le sruth.

22

Labhair a bhean fhionn gheal og,  
Fhinn nan cornn gur an cruas;  
Tionaladh ann Fhiann na cho-ail,  
So i 'n torachd-'s leoir a luas.

27

(1) Charuich e ruinn air an leirg,  
An laoch bu mhor fearg agus pris;  
Chlaoi' e naoinaonair gu luath,  
'S an iorgail chruaidh, shultaidh shith.

29

Goll tha' Moirne nan arm geur,  
Bhuail e 'n treun laoch ann sa bhail  
Thuit an t-armaicht, ceanail calma,  
An lamh gharbh a b' fhearr sa mhagh.

30

Triath na Sorach bu doirbh ri leon,  
Chaill e 'n deo, 's bu mhor am beud; (2)

32

Bha inghean Riogh Tir-fui-thuinn,  
Blia' na aig Fionn ann san Fheinn;  
An deidh tuiteam an fhir mhoir,  
Le neart an t-sloigh, 's cruai' an sgeul.

<eng>(1) We are apt to believe this passage to be a mere fiction, and beyond credibility that Maireborb could vanquish upwards of fourscore of the flower of Fingal's army; yet we find in Sacred History many actions more wonderful. Abishai, the son of Zeruah, had lifted up 'his spear against 300 of the Philistines, whom he all slew at one time.'  
(Collector's note.)

(2) In Kennedy's first version they hit him when he was down: in this second version they say that it was a great pity he lost his life.—J. F. C.<gai>

[TD 133]

M. 9. DAN NA H-INGHIN. <eng>84 lines.

Gillies, page 35.<gai>

1

LA d' an robh sinn uille an Fhiann,  
Air sliabh Sealmath nan sruth dian,  
Choncas ag teachd sa' mhadh,  
Inghean 's i 'g imeachd 'na h-aonar;

2

An inghean bu ghloine sinuagh,  
Bu ghile 's bu deirge gruaidh:  
Bha dà rosg àillidh 'na ceann,  
'S i 'gamharc falachaidh m'a timchioll.

3

Bha léine do 'n t-sròl a b' ùire  
M'a cneas gràdhach, caoin, cùraidh,  
Is gu 'm b' àillidh na 'n gath-gréine  
A bràghad a suas o caomh léine.

4

Chuir i comruich air Fionn,  
'S air Goll muirneach Mac Morna,  
'S air Oscar an àigh,  
Làmh chosgair gach teugmhail.

AN INGHEAN.

5

'Mo chomruich oirbh, Fhianna matha,  
Eadar chloinn rìgh is ard fhlatha.'  
Ceist gach aon fhir do theaglach Fhinn,  
San uair sin thugadh do 'n Inghin.

FIONN.

6

Dh' éirich Fionn féin 'na comhair,  
'A rioghainn donn bhois gheal nàrach,  
Am bheil tòrachd air do lorg,  
A gheug mhàlta nan saor cholg?'

AN INGHEAN.

7

'Tha sin tòrachd orm féin,  
Fhinn uasail is rioghail Féinn,  
Iulann an airm dheirg a 's àillidh,  
Mac oighre rìgh na b-Iarsmàile.'

CAIREALL, ROIDHNE, FAOLAN, AGUS FEARGUTH.

8

Dh' éirich ceathrar mac Fhinn gu baoth,  
Caireall agus Roidhne ruadh,  
Faolan agus Fearguth òg;  
'S dh' àrdaich iad 'an glòir san uair.

9

'C' àit' am bheil e 'n oir no 'n iar,  
No ann an ceithir rannaibh an domhainn,  
Nach fàgadh eanchainn a chinn,  
Mum buineadh e leis thu, Inghean.'

AN INGHEAN.

10

'S mòr m' eagalsa, Fhianna matha,  
D' ar leadairt is d' ar mòr dhòrainn.  
Tha 'm fear mòr, mìleanta, treun,  
Fiùranta, mear, bras san teugmhail.'

FIONN.

11

'Suidh thus' an so air ar sgàth,  
Inghean o 'm màlta comhradh,  
'S cha bhuin am fear mòr thu leis,  
Ge mòr do dhòchas as fheobhas.'

12

Choncas am fear mòr uainn  
Ag teannadh gu cal' as a' chuan,  
Ag tarruing a luinge gu tìr,  
Toirt gu 'r 'n ionnsuidh le h-ain-mèin.

13

Mar illbhinn aillbhinn chraige,  
Mar stuadhan ainmheasach thugainn,  
'Na chaoiribh teinntidh o chladach,  
Gu 'm b' e sin coslas a' mhìlidh.

14

Bha seuchd do 'n t-sròl bhuidhe mu 'n fhear,  
A cheannbheairt chlochara nèamhain;  
A lùireach mhòr iursach uallach,  
'Sa dhá shleagh 'nan cuilg re ghualainn;

15

A chlaidheamh mòr froiseach neimhneach,  
Cruaidh cosgara 's e co'-dhìreach:  
Sgiath innealt, òrbhui', le 'm briste blagh,  
Air dorn toisgealt' a' mhìlidh.

16

Thug e ruathar fir gun chéill;  
Cha do bheannaich e dh' Fhionn no 'n Fhéinn.  
Leum an t-saighid le sàr bheachd,  
'S thorchair le a làimh, an Inghean,

17

'S cheangail e ceathrar mhac Fhinn;  
'S bha 'n t-Iulann gu h-armach eutrom.

18

Thionndaidh mo mhac-s', air an leirg,  
An t-Oscar 'se làn do throm fheirg;  
'S thug e 'n aire gu dùr, dàna,  
Air an òglaoch mhòr, a tháinig.

19

B' e sin an còmhrag creuchdach,  
Fuileachdach, feumannach,  
Bos-luath, beumannach,  
Ard-leumannach, gábhaidh.

20

Mar abhuinn a' ruith le gleann  
Bha sgrios am fola cho teann;  
Mar chaoiribh dearga o theallach  
Torran nan laoch namhadach.

21

Ach thug Osgar beum feardha mear  
Gu h-Iulann ard an deud ghil,  
S' thorchair leis a' bheum ghráineil  
Mac oighre rìgh na b-Iarsmáile.

M. 10. CATH RIGH SORCHA. <eng>136 lines.

Gillies, page 102.<gai>

1

TA sgeul beag agam air Fionn,  
Ge bè chuireadh an suim è  
Air Mac Cuthail bu dearg dreach,  
'S eibhinn leam re mo rè.

2

Lath dhuinn air bheagan sluaigh,  
Aig eas ruadh na n' éighin mall,  
Chunnacas fui sheòl o 'n Ear

Curachan oir is bean ann.

3

Caogaid Laoch sinne fa thre.  
Bu mhaith air gnìomh cairt,  
Fir nar deigh gur mairg do chi,  
Ge be tir am bi mid cuairt.

4

Dh' eirigh sinn uile gu dian,  
Ach Fionn n' am Fiann-agus Goll,  
Dh fheitheamh an Curachan a b' 'airde  
'S do bhi treun aig sgolta thonn.

5

Nior ghabh si eùradh no cosg,  
Nior ghabh si caladh a 'm port gnàth,  
Air teachd don churachan air an eas,  
'Se dheirich as macaibh Mnà.

6

B' ionann dealra dhi 'S do n' Ghrèin,  
'Saoibhir a mead, maith a deilbh,  
An Inghin ùr do thàinig an cèin,  
Do bha sinn fein roimpe soirbh.

7

Do ghluais i gu pobull Fhinn,  
Is bheannuigh i gu grinndhà  
Fhreagair Mac Cuthail gu binn  
Am beannacha a roin li dhà

8

'Brigh do thurais air gach ròd,  
Inghean òg as àilte dealbh,  
Airis an toisach do sgèul,  
Cia thu fein no creud è d' ainm.'

9

'S Inghean mì do Rìgh na Suain <eng>(Sweden)<gai>  
Innsim Dhuit gu cruinn mo sgèul,  
Is ni bhuil sruth fui luidh grian,  
Nach suibhlain, air iarrtas Fhiannibh fial.

10

Mo chomarich ort fein ma 's tu Fionn  
Se thuirtear ruinn an macaibh mnà,  
Do bhri do mhorachd 's do bhuidh,  
Gabh mo Chomruich uam gu trà,

11

'Ghabhamsa do Chomruich a bhean,  
Thair aon fhear ga bheil sa Chrìch,  
Labhair mo Rìgh bu mhaith fios,  
Cia noise atà air do thi.'

12

Fiachaibh ata orm thair muir,  
Triath is mòr gaol air mo lorg  
Mac Rìgh na Sorcha is gèur Airm,

Gur è 's ainm dha Daighre borb,

13

Do chuirfeas geasa ann a cheann,  
Gu 'm beireadh Fionn mi air sàil,  
'S nach bithin aigesan mar mhnaoi,  
Go mòr leis a ghnìomh is àgh.

14

Se thuthairt Oscar le ghloir Mhir,  
An Laoch sin a chaisgeadh gach Rìgh,  
No gu 'n cuireadh Tionn do Gheis,  
Ni 'n rachadh tù leis mar mhnaoi.

[TD 134]

15

Chunnaca a teachd air steud,  
Fear 's a mheud thar gach fear,  
Marceach na fairge gu dian.  
'San iùl cheudna, thainig a bhean.

16

Da Chraòiseach Catha na dhòrn.  
A teachd san ròd air a stéud,  
Air ghile, air dheirge, 's air dhreach,  
Ni 'm faca mar neach mar e,

17

Do bhi flath agus rosg Rìgh,  
'S an aoghaidh b' ailte lì is cruth,  
Bu bhinne a ghuth no gach teud,  
'S bu mhireadh a steud no gach sruth.

18

Cloidheamh trom trosdail nach gann,  
An teannt air taobh an fhir mhòir,  
Sgiath leobhar nach mochd air ais,  
Se g 'iomairt a chleasa corr.

19

O thuinn trá thainig se gu tìr,  
Labhair mo Rìogh bu mhaith cliù,  
An aithnuigh thu fein a bhean,  
'Ne sud am fear a deir thù?

20

Aithneachas a Mhic Cuthail ghrinn  
'S mòr am pughar leibh gur he,  
Tairgidh se mise a bhuin leis,  
(Ge mòr bhur treis) as an Fheinn.

21

Na dean' sa bòsd a bhean,  
As aon fhear da bhuil da phòr,  
Ge 'd shiubhladh se n' domhain gu leir  
Gheibh't san Fheinn fear da chomh,

22

Dheirich Cairioll agus Goll,

Dias a fhuair an losgadh trom an cath,  
'Nan seasamh an gar an t' sloigh,  
Eadar am fear mor 's na Flaith.

23

Ni 'n d'fheuch é lann no sgiath,  
Do Laoch na Triath da 'n rabh ann,  
Gu 'n draoinn é tair air an Fheinn,  
Gus an d' thainig é gu Fionn,

24

Air teachd do oig fhear bu mhaith, dreach  
Thugainn le neart, feachd, is feirg,  
Gu 'n d' fhuaidich e uainn a bhean  
Bhi 'n deas-ghar do laimh Fhinn eilg,

25

Thug Mac morn an urchair dhian,  
Gu fada na dheigh do shleagh,  
An urchair nior chuaidhe da reir,  
'S da steud chearna si da bhloidh.

26

'N trà thuit an steud air an leirg,  
Thionnda e le feirg 's le fraoch,  
Smaoinntich e ge cruaidh an càs,  
Comhrag na 'n tri chaogad Laoch.

27

Mar-bhith na laoich a bhi garg,  
Is fhagail doibh do t' airm an leoir,  
Bhidh siad fa chobhair a smachd,  
Da 'n geibhte uaithe a cheart choir.

28

Leig e nàò naònar gu luath.  
San iarguil chruaidh mu 'n do sguir,  
Ceangal guineach nan tri chaol,  
Air gach Laoch dhiubh sin do chuir,

29

Clann Morna cruaidh an càs,  
Fhuair iad bàs bu mhor an sgeul,  
'S ni n' raibh aon neach a chuaidhe as,  
Gun a chneas fa ioma créuchd.

30

Dheirigh Goll an aigne mhir,  
Leadairt an fhir an cath gh' leo,  
Ge be chifadh iad an sin,  
Bu gharbh an gaoil is an sgleò.

31

Re sgoltadh sgiath, 's re leadairt chorp,  
Gu feartha feur treun calma cruaidh,  
Na leoghainn laidir, ghuineach, dhisgir,  
Araon comh chiochrach gu buaidh.

32

Do chlaoidh Ioluinn na mòr fheachd

Mac Rìgh na Sorcha sgeul truagh,  
Gur mairg gus an 'tainig a bhean,  
Far thuit am fear on chuan.

33

Do Dhalaicmar aig an eas,  
An gaisgeach bu mher treis is brìgh,  
Is chuirfadh air fa bharr gach meòir,  
Fail òir ann onoir mo Rìgh.

34

Do bhi inghean Rìgh fa thuinn, <eng>(under waves)<gai>  
Bliadhna na mhnaoi aig Feann san fheinn  
Taréis tuiteam an fhir mhòir,  
Le neart an t-sloigh, truagh an sgéul!

<eng>In the last verse the name is the same as it was in A. In verse 9 the name has the same sound, and has the meaning given in *italic*.—J. F. C.

### S. 3. THE FALL OF ROYA, OR THE KING OF SORA'S SON.

Copied by Donald Mac Pherson, from Mac Donald's Collection. Made in the North of Scotland about 1800. This is the same ballad, in a different dialect of Gaelic, and interesting to students of Gaelic. Therefore I print it, though it is repetition.

#### THE ARGUMENT.

A WOMAN pursued by the King of Sora's son, by name Mayro Borb, escapes to the Fingalians and claims their protection. The Royal Hero appears and falls upon the Fingalians, kills a number of their troops; at last, in single combat with Gaul, he falls on the field of battle.<gai>

1

LA do Fhionn as bheagan sluaigh  
Aig Eas-Ruagh Mhacear mna  
Chunncas a seoladh o 'n Ear  
Cuireach oir agus beann ann

2

Sheasamh sinn uile air an t'sliabh  
Be Fionn nam Fiann agus Goll  
'G amharc Curach bu chiun ceum  
'Si gu trean a sgoltadh thonn

3

Cha d' rinn i fuireach no tamh  
'S cha mho ghabh fois am port gnà  
Ach 'g imeachd gu bruach an Eis  
'Se dherich as Macear mna

4

'Se labhair ruinn Macear mna  
Gabh mo chomrich ma 's tu Fionn  
Air ghaol t'earlaid is do bhuidh  
Gabh mo chomrich gu luath trath

5

Dheanins' sin ruits a bhean  
Seach aon neach athafon ghrein  
Na 'n innsidh tu dhomh re seal  
Co 'm Fear a th' air a shith

6

Geasimh tha orms' re muir  
Laoch is trom toir air mo lorg  
Mac Ri Sorach na sgiathan airm  
'S gur e 's ainm dha Maighre Borb

7

Geasimh cha chuir am' cheann  
Gu 'n d' thiginn gu Fionn air sal  
'S gu 'm bithin aige mar mhnaoi  
Aig feamhas aoidh agus aill

8

Sin dhuinn an tus ar bruidhna  
Dhoineachd man Ri bu mhath fios  
'N athnichadh tu nis a bhean  
'N e sud am fear a th' air do shith

9

Ocha dan Mhic Cumhail Fhinn  
'S pughar teinn leam gur e  
'S tairgidh e mis a thabhart leis  
Cia mor do threis as an Fheinn

10

Cha d' ghlac claidheamh na dhorn  
'S cha mho chuir sleagh o 's chionn  
Aon fhear a bheiradh tu uainn  
A dhaindeoin sluagh Innse Fail

11

Chunncas tighin air 'n steud  
Am fear mor 's a mhead as gach fear  
Marcaeh' na fairge gu dian  
'N siubhal ceudn' rinn a bhean

12

Bu dubh a cheann 's bu gheall e dheud  
Bu luaith air an steud e na gach sruth  
B' fhaid a lamhan no cruinn iuil  
Bu bhinne no eoinn ciuil a ghuth

13

A chlogaid gu teintidh mu cheann  
Air 'n Laoch nach tim 's nach tla  
Sgiath chruaidh mheaumnach air a leas  
A 'g iomard chleas air a chle

14

Claidheamh trom toirteal nach pill  
Gu dluth ri taobh an fihr mhoir  
Dha-shleagh ghaisgeal 's cruaidh rinn  
Nan seasamh air cul a sgé

15

Dherich Oscar 's dherich Goll  
Broisbuinn bha tron sa chath  
Sheas iad air garadh an t-sloigh  
Eadar 'm Fear mor sam Flath

16

Cha d' ath e do churrag no thriath  
Na dh' onoir Mhic Ri gu robh ann  
Ach sior chuir far air an Fheinn  
Gus 'n dranig e fein air Fionn

17

Thanig an Laoch bu mhor tlachd  
Thugain le neart 's le gnìomh  
'S gan d' fhuadich e uainn a bhean  
Bha air guaillin deas an Ri

18

Thilg Oscar ann an sin na dheigh  
'N urchair nach bu re an t-sleagh  
'S mun do sgath i idir re chle  
Rinn i dhe a sge da-bhluidh

19

Chrath an t-Oscar bu mhor feirg  
A Chraosach dhearg as a lamh chlith  
Leis an urchair thuit steud an fhir  
'S mor an cion a chinnech leo

20

'N cra thuit an steud air an leirg  
Thionnda' e le fearg 's le fraoch  
Bhagair e cia bu mhor am beum  
Comhrag treun air cheuda laoich

21

Chuir sinn tri chaogaid do Laoich gharg  
A chosg meanmnema 'n oig mhir  
'S chuire ceangal nan tri chaoil  
Orra is fuil air taobh gach fir

22

Chlann Mhic Moirni smor 'n gnìomh  
Gan chaochail iad be 'n truagh sgeul  
Cha roibh a h-aon diubh thanig as  
Nach robh o 'n criosa lan do chreachd

23

Mar bithidh tri chaogaid do Laoich gharg  
Bha dh' annas airm ann ar comhair  
Bhithimid fo phughair gun smachd  
Nam feuchaid dhasan ceart choir

24

Dherich Goll nan aigriadh mhir  
Fianal an Fhir bu mhor feum  
Coltas ann comhrag an dithis  
Chan fhaca mi rithisd na dheigh

25

Thuit le Goll nan aignadh mhir  
Mac Ri na Sorach ba sgeul thruagh  
'S mairg ait as na ghluais a bhean  
'N tra thuig i seal a dhinnisidh chuain

26

Nis tiolaic mid fo bhonn an Eis  
'M fear mor 's a mhead 'as gach fear  
'S (1) curamid mu chainneal gach meoir  
Faithin air mar onoir mhic Ri.

(1) <eng>al.<gai> 'S cuiramid mar on air ain an Ri  
Faithn air mu chainneal gach meoir.

D. 20. AN INVINN. 1766. <eng>106 lines.

From Mac Nicol's Collection. Copied by Donald Mac Pherson, May 3,  
1872.<gai>

1

OSSAIN uasail mhic Finn,  
'S tu 'd shuidh air an Tullich eibhin,  
A Laoich mhoir mhiligh nach mettidh  
Gun faic misidh Bron air Hintin.

2

Cuid do dhaoibhar mo bhroin fein,  
A Chlerich, mas àil leat eist,  
Chunnairc mi uair Teoghlich Fhinn,  
Bha e mear, mor, meorich eibhin.

3

Air an Tullich sheo bha 'n Fhian  
(Bha shin uil ann a dhaoin riar)  
'S co Chunnig shin tin san Mhaoigh  
Ach Ighin huggin 's i na haoinir.

4

An 'Nighin ùr a 'bailidh snuaidh  
Bu gheal as bu dearg a Gruaidh,  
Bu ghilidh na gach Gath Greine,  
A Braidh huas fa caoil Lenigh.

5

Bha da Rosc gharichdich na Ceann,  
Bha Earridh àlin ma Timchil,  
Bha Dunidh do 'n or ma Bragid  
Bha slabhrìdh oir ma caoin àrin,  
Bha Lenidh don Tsroil ab ùridh,  
Le ra cneas graich sheibh, Cùlin.

6

Hug shin air trom-ghaoil di uille,  
An Teoghlich shin Fhinn e Allabhin (1)  
Gun neich do 'n Fhein Gaoil do mhnaoi fein,  
Ach do 'n Ninbhinn.

7

Chuir i a Comrich air Fionn,  
An Righin 'si gu bog gheal binn;  
Chuir i a Comrich air Goll,  
Be sud Laoich alin nan some  
Air Oscar mac Ossain au an Righ  
'S air a Chaoil Chroigh mac Greidh.

8

Ma Chomrich oirbh Fhiannibh mais  
Eddar Chlannibh Righ as Fhlath  
Co sheo torichd air do Lorg  
A Nighin uir as aoibhir colg.

9

Ha shin a torichd orm fein  
Fhir uasail as ribhich fein,  
Illin mor milainte mear,  
Oiridh air Riogh na Hespainte.

10

Gur eigcoir leom Fhianibh phail  
E gar leidirt as gar dorin  
Am Fear mor milainte treun  
'S airm gu faobharich rein-gheir.

11

Cait an raibh e an Niar na 'n Noir,  
Na o Cheir raintibh an Dobhain,  
Nach faiceidh Eannachin a Chinn  
Man legimid leis thu Inbhinn.

12

Inbhinn bhois-gheal, bhog-gheal, bhinn,  
Ighin ùr nan gorm-rosc mall,  
Suidh ussa an seo air me sga,  
Inghin ga graunte do Chobhra  
Man doir am Fear mor u leis,  
Ga mor leat do Dhoigh as Fheothis. (Bhost)

13

Chunnairc shin am Fear mor uain  
Caibh gu Callidh on Chuan,  
A tarring a Luinge gu Tir  
'Sa teachd huggin le Hanna-méin.

14

Gu 'm be sud am Fear mor màilte (miltich)  
Na stuidh annibh allabharigh,  
Le Fraoich feirg gu Fianaibh Fhinn,  
'S e teachd na Chaoir Heinte huggin.

15

Bha Chlaibh mor froissuch neibhnich  
Cruaidh osgaridh co-dhirich <eng>(interlined)<gai>  
An Cean-bheirt hoerich fhir chintich,  
Bha Scia Oir le 'm hriste Blaoigh,  
An Dorn Toisgealt a Mhilidh.

16

Bha Lurich ard iursich uarich (uallich)  
Bha sa threin Scabbal breachd buaich,  
Bha Ceanna bheirt chlochara sheibh  
Oscion Aghaidh hochridh Inmaccain.

17

Bha Dunidh do 'n noir mu 'n Fhear,  
'S ceansichidh shididh gan ceangal,  
'S da Thleidh fa 'm bunn bu chruaidh reinn  
Nan Cuilg shesibh suas ra ghualin.

18

Hug e ruathir Fir gun Cheil,  
'S cha do bheannuich e Dhionn na 'n Fhein  
Bharibh e Ciad do Dhianibh Fhinn  
Agus mheribhte leis an Innabhin.

19

Cheangil e Faolan mac Fhinn  
As tri naoinar da Luchd leannabhin  
Do 'n Chinnidh bhoir mheamnich mhear  
'S bha 'n Tillin gu harramich etrim.

20

Hiuntaidh mo mhac's air an Leirg  
Oscar 's e lan do Throm Fheirg,  
Sgun do dhuabir e Cobhrig  
Es an Fhear bhor bhois-gheal bha rarich

21

Hiuntaidh Iullin ri 'm mhac fein  
'S dheante leo cobhrig trein  
O 's fear Ceanriach ceoich Ceann-dearg  
Grad-leimnich, bras-bheimnich, ainnasich.

22

Mar Hruibh aûnn le Gleann,  
Bha Scrios am Folidh co tean,  
Mar Chaoir Heinte tin e Teallich  
Toirin nan Laoich naudich.

(1) <eng>Or<gai> Allabhitt.

[TD 136]

23

Hug Oscar Beim fearraghlán Fir,  
Gu Illinn arramich deid-ghlann,  
She mhaoigh e leis Bheim ghraunte  
Cean mhic Riogh na Hespainte.

24

Air an Tullich sheo ha Leachd,  
A Mhic Alpin, ha sheo fir;  
Leachd na mnaidh air an taoibh eille  
A Dheo mhic Alpin e Hallabhidh.

25

Bha leinnidh gum bo mha eid,

'S nach roibh aoin neich dhiu ach sheid  
Ach Beannichd air an nannim gu leir  
'S hugis beannichd eil air Ossain.

Crioch.

D. 22. AN IONMHUINN. <eng>22 lines various.

From Mac Nicol's Collection. Copied by Donald Mac Pherson, May 11,  
1872.<gai>

13 <eng>various.<gai>  
CHUNNAIC sinn am fear mòr uainn  
Ag caitheadh gu cala o 'n chuan  
Ag tarruing a luinge gu tìr  
'S a teachd chugainn le h-an-mein.

14 <eng>various.<gai>  
Gu 'm b' e sud am fear mor millteach  
Na stuaidh ainneamh, allamharaich,  
Le fraoch feirg' gu Fiannaibh Fheinn,  
'S e teachd na chaoir theinlidh chugain.

15 <eng>various.<gai>  
Bha chlaidheamh mor froiseach, neimhneach,  
Cruaidh coscarra coi-dhireach  
Bha sgiath ordhadh bhristeadh bladh  
Ann dorn toisgealt a mhilidh.

16 <eng>various.<gai>  
Bha luireach ard, Irseach, uallach,  
Fo thréun sgabull breac, buaghach;  
Bha ceann-bheirt chlochara sheimh  
Os cionn aghaidh shocraidh a mhacaimh.

17 <eng>various.<gai>  
. . . . .  
'S da shleagh o 'm bun bu chruaidh rainn  
Na 'n cuilg seasamh suas ri ghualainn.

22 <eng>various.<gai>  
Mar shruthadh amhain le gleann  
Bha sgrios am fola coi-teann,  
Mar chaoir theinnte teachd a teallach,  
Toradh Toiriunn nan Laoch namhadach.

F. 18. DUAN NA H-INGHINN. <eng>128 lines.

Fletcher's Collection, page 1. Advocates' Library, January 12, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.<gai>

1  
ACH Oisain uasail mhic Fhinn,  
'S tu a' d shuidh air 'n tulaich èibhinn;  
Laoich mhòir mhileant' nach meat,  
Gu faiceamsa bròn air t-inntinn.

2

Dh' innsins' aobhar mo bhròin féin,  
A Phàdraig na 'm b' àill leats' éisd;  
Mi cuimhneachadh air Fèinn nam Fiann,  
Bhi air an tulaich so dh' aon rian.

3

Air an tulaich (so) bha sinn araon,  
Ille Phàdraig (naomh) na breith saoir;  
Chunnaic mis' uair teaghlach Fhinn,  
'S iad gu mear, mòr, meamnach, aoibhinn.

4

Air an tulaich so bha 'n Fhiann,  
Latha dhuinn' ann dhaon rian;  
Chuannacas leinn bean ann sa Mhaoth,  
'S i teachd thugainne na h-aonar.

5

'N ainnir ùr a b' àille snuadh,  
Bu ghile 'us bu dèirge gruaidh;  
Bu ghile na gach gath grèine,  
'Bragud shuas fui' caomh lèine.

6

Bha dà rosg àrusgach na ceann,  
Bha earradh àluin mu timchioll;  
Bha dùmhna do 'n òr mu bràgud,  
Bha slabhruidh òir mu caoin àraidh.

7

'S bha lèine d' an t-sròl a b' ùireadh,  
Leath ri cneas gràdhach, caomh, curaidh;

8

Thug sinne air tromma ghaol uile,  
An teaghlach sin Fhinn a h-Albainn;  
Gun aon fhear dhinn ga mhnaoi fèin;  
Ach air gaol uile do 'n Inbhinn.

9

Chuir iseadh còmruich air Fionn,  
'N ribhinn 's i gu bos-gheal binn;  
Chuir ise còmruich air Goull,  
'S b' e sid laoch àluin nan sonn.

10

Air Oscar mac Oisain fhèile,  
Is air a Chaol-chrogha mac Grudhein;  
'Mo chòmhruidh oirbh Fhianna maithe,  
Eadar chlanna Rìgh is Fhlaithean.'

11

Cò thà tòrachd air do lòrg,  
Ainnir ùr a 's àille dealbh;  
'Tha sin a tòrachd orm fèin,  
Fhir uasail a 's riobhaich Fèinn.'

12

'An t-Iolun mòr mileanta, mear,  
Oighre Rìgh na h-Eispainte;'

. . . .

14

'S eagal leamsa Fhianna Phàil,  
Bhi d' ar leadairt 'us d' ar doruinn,  
Leis an fhear mhòr mhileanta thrèun,  
'Airm iuranta, roinne-gheur.'

15

Dh' eirich suas ceathrar mac Fhinn,  
Caoirreal, agus Rainne ruadh;  
Faolan, agus, Fearrguth òg,  
Is dh' àrdaich iad an glòir san uair.

16

C' àite an d' imich è niar na noir,  
Na bho cheithir àirdibh 'n domhunn;  
Nach faiceamaid eannchuin a chinn,  
Mu 'n leigeamaid leis thu Inbhinn'.

17

A ghèug bhonne-gheal, bhosgeal ghrinn,  
Inghinn ùr nan gorm-rosg eibhinn;  
Luidh thusa ann so air ar sgàthne,  
Inghean ge dana' do chòmhradh.

18

'S cha d' thoir am fear mòr thu leis,  
Ge mòr leat do dhòigh is fheothas;  
Chunnacas leinne fear mòr bhuainn,  
A' caitheadh a chalaidd 's a chuain.

19

'S è tarruing a loingeas gu tìr,  
'S è teachd thugainn le h-aon-meir.

20

B' e sid 'm fear mòr bosgheal mi-nàrach,  
'N a stuaghaibh alluidh almharadh,  
Na fhraoch fèirge gu Fiannaibh Fhinn,  
'S è teachd 'na chaor theintich, thugainn.

21

Bha chlaidhe mòr froisneach neimhneich,  
Is è cruaidh cosgurra, co-direach;  
Bha sgiath òir m' am bristeadh blaath,  
Ann dorn toisgeal a mhili.

22

Bha luireach ard-iorsach uaibhreach,  
Bha treun sgàbull breachd buaghach;  
Bha ceanna-bheairt chlochra' shèimhidh,  
Oscionn adhaidh shòchri'-ghaisgich.

23

Bha seachda do 'n òr mu 'n fhear,  
Bha ceansuichean sìoda ga' n ceangal;  
Bha dha shleagh 'os bun, bu cruaidhe, roinn,  
'S iad na 'n cuilg sheasamh ra ghualnibh.

24

Thug è ruathar fir gun chèil,  
'S nior bheannaich è dh' Fhionn na 'n Fheinn,  
Mhairbhte leis ceud d' fhianna Fhinn,  
Agus mhairbhte leis an Inbhinn.

25

Cheangail è Faolan mac Fhinn,  
Is trì naoithnear do luchd leanmhuinn;  
Do 'n chinne mhòr mhileanta, thrèun,  
'S bha an t-Iolun gu h-armach eatrom.

26

Thionndaidh mo mhacsa air an leirg,  
Oscar 's è làn do throm fheirg;  
Sann a dhu'abair è geur chòmhrug,  
As an fhear mhòr bhosgeal mhi-narach.

27

Thionndaidh 'n t-Iolunn ri 'm mhac féin,  
Is dheanta leo còmhrug treun;  
Bho 's fear mòr creamhach creuchdach,  
Bas-luath, bras-mheineach, ard-leumnach.

[TD 137]

28

Mar shruthadh amhuinn le gleann,  
Bha sgrios am fola co-teann;  
Mar chaoir theinntich teachd à teallach  
Bha torra na 'n laoch namhadach.

29

Thug Oscar bèum fearraghlan fear,  
Gu h-Iolunn armach deud-ghlan;  
Sann a bhuin e leis a bheum ghrannda,  
Ceann mac Rìgh na h-Eispainte.

30

Air an tulaich so tha leac,  
Dheadh Mhic-Alpin tha so fìor;  
'S tha leac na mnai air an taobh eile,  
A dheadh Mhic-Alpin a h-Albainn.

31

Air leinne gum bu mhaith iad,  
'S cha robh 'naon neach dhiubh ach siad,  
Bennachd air 'n annam araon,  
Is thugadh beannachd eile air Oisain.

X. 3. LAOIDH NA NHIGHINNE. <eng>52 lines.

Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh. Edinburgh, January 30, 1872.

THIS was orally collected for me, by Mr. Carmichael, in Skye. A copy was sent to Dr. Mac Lauchlan afterwards.<gai>

Eachun Donullach—Eachun mac Iain mhic Iain, mhic Eoghain an Talamh—sgeir  
anns an Eilean Sgiathanach.

1

LA dhomh romh 'u Fheinn a muigh,  
'S mi nam shuidhe air tulach Coire-siar,  
Chuannacas a tighinn o' n mhaogh,  
Nighean 's i g-imeachd na h-onar

2

Nighean a b' ailli snuadh,  
Bu ghile 's bu deirge gruaidh,  
B' ailli no gathan na greine,  
Geala bhrollach fo caol leine,

3

Bha lacha 's gaire na ceann,  
'Us slamhraidh oir mu geal bhraigh (<eng>pro<gai> bhrè).

4

An gaol a thug iad uile dhi,  
O theaghlach mar Fhinn na h-Eeilebhinn,  
Cha robh speis aig duine 's an Fheinn,  
Ga mhnaoi fein ach an nighinn,

5

Mo chomraich air Fionn nam Fiann,  
'S mo chomraich air Fiann nam flath,  
Edar righ agus ard fhlath,

6

Mo chomraich air Diarmad donn,  
'S air Faolan nam faotha (? rogha) sonn,  
Air Goll 's air Oscar an aigh,  
Luchd chasgairt na teugmhallach,

7

Tog do chomraich dhìomh a bhean, (Goll)  
'S gur mi 's laige tha fo' n ghrein,  
'S laige mi nam Boc mac smail,  
'S laige mi na Greanachar mac Greanacharbhig

8

'S gur mi 's laig thig no thainig.  
'S ionagh mor leam thu bhi lag, (oighe)  
'S mi ga d fhaicim an ana-bheachd,

9

'S gur tu 's cuimichte da chois,  
Dhe 'n shluagh aluinn chruinn choitchean,

10

Chunnacas am fear mor ud uainn,  
Taoghadh cala as a chuan,  
Tarruing a luinge gu tir,  
Tighinn thugain gu h-ana min,

11

Le fhraoch uchd 's le chruaidh chlogaid,  
Be sud am fear mor mall,

Mar stuaidh dhirich as gach gleann,  
Le cheanna-bheairt chlochorra chomhar

12

'S cinn shochair a mhac,  
Be sud am fear mor gun chiall,  
Mharbh ciad do dh' Fhianntaichean na Feinn,  
Agus an nighean

13

Thionndaidh mo mhac air an leirg,  
Oscar 's e lan do throm fheirg,  
Rinn e comhrag ris gu garg,  
Gu faobharach fuilteach garbh,

14

Gu ceann-ru dorn-ru tulachain,  
Mar chaora (chaoire) teinteach teallaich,  
Bha fuam nan laoch na-udach (? namhaidich)

15

Thug Oscar am beum faradhantach bras,  
Air gille donn an deud ghlain,  
Sgaradh leis a bheum ghraneil,  
Oighre araid an easpuig.

<eng>THE BATTLE OF FINTRATH.

FIONN traigh means 'white strand.' In Islay, to the north-west, near Bolsa, is a white sandy beach, on which, as it is said, Fionn and his people fought a great battle with the Northmen. The place is called <gai>'Fionn-traigh,'<eng> and is said to take its name from Fionn. The ballad taken from the Dean's Book is not now remembered, but part of the story of it is localised. Mr. John Hawkins Simpson, in 1857, published a translation of an Irish version: 'The Battle of Ventry Harbour. The battle at the harbour of Ventry (fair strand) is supposed to have been fought about A.D. 240. A translation of the Epic poem relating to the battle is here given. It is not known who was the author of this very ancient work.'

Then follows a good English version of an exceedingly wild, extravagant Irish prose story, which has the marks of old manuscript tales. All the Kings known to the composer of the story, including the Kings of India and France and the Emperor of the World, invade Ireland. Fionn beats them in Homeric single combats. The Ossianic Society of Dublin were about to publish <gai>'Cath Fhinn Tragha,'<eng> an account 'of the battle fought at Ventry, in the county of Kerry, in the third century of the Christian era, between Daire Donn, Monarch of the World, and the Fenians. To be edited by the Rev. James Goodman, A.B.'

'This battle lasted for 366 days; the copy at the disposal of the Society is the earliest known to exist, having been copied from a vellum manuscript of the fifteenth century, now deposited in the Bodleian Library, Oxford, by the Rev. E. D. Cleaver.'

Unfortunately the Ossianic Society came to an end after printing six volumes, in 1861; so this 'Battle of Ventry' is buried in the Bodleian, which has no catalogue of Irish manuscripts.

This victory over the whole world seems to place Fionn at his highest point, so I place it, after victories over single foreign champions. Possibly, a real battle might have been fought somewhere, at sometime, during the reign of Cormac; but the battle described never was fought by men anywhere. The 'fabulous romantic' tale of Cath Finn Tragma was mentioned by Keating. See p. 344, O. Mahony's translation.<gai>

A. 19. TRAYE FINTRATH. <eng>168 lines.<gai>

ACTOR HUIJUS OSSIN.

1

LAY za deach say zai keill,  
Patrk zrynn ni bachal . . .  
Rug e in tossin less er wurn,  
Gow was aa gi . . . sl . . .

2

Is di bail awzail uoid,  
Ossan nan roak nach teym  
Coo in tein neaach gin a loyith,  
Smow chur groym er feanow fyinn

3

A cleryth ni bachill brek,  
Bi wor ym beacht zut reid lin  
A churri a wrayr a znaath,  
Ne wai zaw er fanaw fyinn

4

Onyth harly zut gin noine,  
A Ossin gin doll nane dey  
Bee say er chathris gi braa,  
How gathris di znaa nyn fane

5

Kegit blyin di bein boa,  
A geyskych reid choel syth heill  
Ne hynossit zut gow maik,  
A luit eacht a rin feanow fyinn

6

Fa ranew in doyn traane,  
Wa agginn fene er gyth . . .  
Keiss ga hokwail gow fane fin,  
Na noe in tegwail . . .

7

Ne reive ansyth si doythin vor,  
Nach da bi chor bea na . . .  
Ne reive in nalwe nin lann brek,  
A darveith . . .

[TD 138]

8

Da nynnosit zeive in ness,  
A Ossin nin gress noch mein.  
Coo yn tein neach bi zar lave,

Wa sreyith . . .

9

Mor in feine, a churris orm,  
A cleyrrith oyd nyth f . . .  
Ni hynossit gow lay looin,  
Ne way loye . . .

10

Onyth harlyth how nane dey,  
A Ossin da dane . . .  
Coo nyth leich bar lat mait skay,  
Ri dol din ane ansyth gath

11

Oskir is keilt is gowle,  
Is m'lowith nyn lanni maath  
Fa hymchill v'kowle ayl  
Boyin di bi raa si chath

12

Farzone fullych m'ynreith  
Is kerrill ri sneive zaath  
Dermin daath alin gyn nawle,  
Re hor skaath chin bi waath

13

Collyth m'cheilt er wley mynni,  
Kyrkeith curri nyn genk maath  
Agus rynnith m'ynreith,  
Myrychin nar wenyth in gaath

14

Felane foltinn bi wakith ind,  
Agus garryth in deim narv  
Derring m'doyrin gyn none  
Aygh m'garryth bi waath law

15

Me fene is g. m'smail  
Is dyryth darrith m'ronane  
Tre mek nyth kerd gyn chalk,  
Re oyr hentyth di barm yark

16

Mir a zana ma zut goo,  
A cleryth wor furt nyth mynni  
Cha noch banit dossyth din nane  
Ach gith fer fane a braath a zille

17

Soo id chaithir is gawe di fenni  
Is wayassi in narm gi ler  
Gi ein neach ga bi zar laiwe,  
Hanyth o chaaith guss in nane

18

Hanyth reith lochlin er ler,  
Daor done skaa by wor gnaa  
Di wraa keiss errin er koyne,

Fane deyryth r sloyg gyth ler

19

Hanyth ith chawr zar wane,  
Twoa dey hug ass gi knok  
Carbryth loaechr bi waath lawe,  
Iiij chayth slane gow port

20

Vii caythin hanik in nane  
Huggar in near o lea cuynni  
Ne . . . sa nyth deacha rir gerrow,  
Oo roe zein slane o zaryth dwnni

21

Is sai waa na chawlyth long,  
Daryth deown syth hylych fene  
Xxx caath feit di loyith  
Nath dea woyin dar der feine

22

Waa ga weeow er in traee,  
Cown krer bi lawe gin locht  
Ruk sloyg nyn hynea zeive,  
Is di hog ea kenni reith er knok

23

Cown m'reith wllith nin eacht,  
Agus dollir nan greath trom  
Di zagamir er in traee  
Er ym bayth fo zar tonni

24

Iij mec doytith ga bi rane,  
Yth toythit o lar yn long  
Fer tenni is kerkil a flwk,  
A zaik sinni a gorp gi lommi

25

Oor armyth neyn reith grekga,  
Agus forni nyn beyne trome  
Di zagamir fa zaar byve,  
Is ner aig synn in vyve fa bron

26

Iiij mec reith lochlin  
Bi a chasgr sein de neive arm  
Ne tre balwe one vorrin or,  
Neyn deacha sayd voyn ach marg

27

Re in doythyn ga bi wor,  
Dare done skayth bi zall gnaa  
Di zaig sinn sin a chorp er traee,  
Er ni lot fo wail nyn nane

28

Di loyew in doythyn trane  
Neyn deacha woyn fene sin nar  
Ach reith ni franki mir hea

An lyn say brea er in nail

29

Er eggill in oskir wll,  
Cha di leggi ay voyeni er lar  
Gow glen baltan mir ta hest,  
Is and di zawe ay foss is tawe

30

Er traye fintrath ni goyn  
Fer in churri ni sloye in tar  
Er reow in doythin trane,  
Di zoil sein fene er sar

31

Di bimmi o reith r narm,  
Leich a waa marve er in lar  
Di bimmi clawe agus skayth  
Na blaya har er in traye

32

Er traye fintraithin nyn port,  
Di bimmi ann corp ferrane  
Di bimmi leich fa zar byve,  
Is di bimmi ann fyve ar

33

Phatrik V'Alpin ail,  
Neyn danith zar wane wo rae  
Ach da cath eggr gyn locht  
Is ny roif in gorp slane

34

Cath di clanni bissskyni zeive,  
Boein noch char vennyth in law  
Cath di clanni mornyth nyn grath  
Is in darne lay clannow smail

35

Er fr lawsyth ath halgin trane,  
Say zaik sin dar wane sin nar  
Coyk cathin eggr zar sloyig  
A legga woyn er in tra

36

xxxth ca feizit gin rath,  
Deechcayd feithyit gith cath zeive  
Zarremay loyg zar zoynn,  
Nach dranik er toynn a reiss

37

A halgin da wreggin clar,  
O baillait deym pen gych skail  
Gow dukgai caa zawryth nyth glann,  
Noch cha danik ken r lay

38

Di rynni sin a gawli long,  
Agus argit trome in reith  
In noor sin eydda sin neycht,

In neirrin er gi lea dee

39

A Phatrik matha ny mynn  
An id keilli a waym bass  
Cur feyn talla her mo knees  
Oss aggit hay fiss mo skail

40

Ossin o taa tow skeith,  
Dane a noss di heith gou bass  
Gau turnigin is ear tlws,  
Is gew Dea mowch gi lay

41

Ar sleyve Seyane la luain  
Agus ni sloye er a lar  
Meichall is mur is mac Dey,  
Dy hoyrt fene er an law

42

In da espil deyk si wlay  
Gi clerych may is gi faye  
Edrwme agis effrin or di  
Wi gi croy er my lay.

Lay.

A. 25. NEYN A WRATA INN. <eng>84 lines.

THE MAID OF THE WHITE MANTLE.

THIS ballad, or the story of it, is known in Irish writings. It is not remembered in Scotland now. It indicates cause for strife amongst the Feinne, and names many of their wives. Though it does not immediately belong to any Story in the series, it fits where the Feinne have reached their glory, and begin to decline.<gai>

[TD 139]

A HOUDIR SO —.

1

LAA zane deach Finn di zoill  
In nalwe is ner ymmit sloyg  
Sessir bann is sessir far  
Iyn zhil is aneir ucht zaall

2

Finn fayn is Dermoit gin on  
Keilt is ossain is oskir  
Conan meithl gom maal er myg  
Agus mnan nin vi leith sen

3

Mygin is ban einn bi zane  
Is annir ucht zall mi wan feyn  
Gormlay aolli is dow rosg  
Neaof is neyn enneiss

4

Nor a zoyf meska no mnan  
Tugsiddir in gussi raa  
Nach royf er in doythin teg  
Sessir ban in goyth inrylk

5

A dowirt an nynnilt gyn on  
Is Tulych carnich in doythin  
Ga maath sewse is ymmith ban  
Nach drynn fes ach re in ar

6

Gerrid er ve zawe mir sen  
Tanik in van dar rochtin  
Ein wrata wmpa gin alda  
Agus e n iyn naygh

7

Tanik neyn a wrata inn  
An vaenissi v`kowle  
Banichis din re gin non  
Agis swis na arrygh

8

Feafryth finn skail zyi  
Din neyn lwchr lawzill  
A wan a wrat gin alda  
Keid a rad ow is tein naygh

9

As giss dym wrat gin alda  
Ban ann ac na ennaygh  
Nocht chay naygh dein fame wrat  
Ach ben in ir gyn ralocht

10

Tawir ym brat dym wreith feyn  
Do ter conane mor gyn chaele  
Go westmist im brear mir  
A twg na mnawe wo chanew

11

Gawis ben chonnane ym brat  
Is curris wmpa la rachta  
Gom bea sen an loyth locht  
Dar lek rys wlle a gall ocht

12

Mir a chonnik connan meil  
Ym brat er cassyth fa teyf  
Tawris in chreissyth gin neaf  
Agis marveis in neyn

13

Gavis ben dermoit a zeil  
Ym brat wo wrei chonnan meil  
Noch char farr a wassi zyi  
Cassi ym brat fa keiyf

14

Gawis ben oskyr na zey  
Ym brad coo adda coyve ray  
Ga loyvir skayth a wrat inn  
Noch char ally a hymlyn

15

Gawis myghinis gi aal ym brad  
Is di churri fa cann  
Di chass is di chwar mir sen ym brat  
Gi loa fa clossew

16

Tawir ym brata er m'raa  
Dym wneissi is ne cwss clae  
Go vestmist in ness gon non  
Tres elli da hymlyt dewe

17

Di warynsi brair riss  
Agis ne brair eggiss  
Nach darnis di weiss ri far  
Ach dol dutsi in neiss lenew

18

Nochtis ben vek ree a teef  
Curris umpi ym brat fer chei . .  
A sayth eddir chass is lawe  
Na gi ley er a ldwygnane

19

Ane phoik doaris in braed  
O wak o zwyne darmit  
Di reissi ym brad owm laar  
Mor wea see na hynnirrane

20

Tawrew mi wrat doyf a wnaa  
Is me nein in derg zrana  
Noch cha dernis di locht  
Ach fess ri finn fyvir noch

21

Ber mo wallych is ymith woygin  
Se der m'kowle gin boy  
A dagis fa mhaalych er mnawe  
Na tyr huggin ane lay.

Lay.

<eng>CAOILTE'S RABBLE.

THIS curious production is not remembered in any shape, so far as I know. It indicates a quarrel between King Cormac and his General. In a list of the Irish collection of the Rev. James Goodman of Skibbereen, I find mention of 'The Quarrel of Cormac and Finn at Teamhair.' In this old Scotch version Caoilte rescues his chief and kinsman from Cormac. In the next ballad Oisein slays Cormac. According to current Scotch tradition,

and Keating's History of Ireland, Cormac choked on a salmon bone. The very bone is specified in Scotch tales.<gai>

A. 28. C'HORYMRYTH KEILTA. <eng>288 lines.<gai>

A HOWDIR SO KEILT M'RONANE.

1

HEYM tosk zoskla fynn  
Gow tawri ni draive nevin  
Gow hormy moyr mhorlat mhirr  
Gow cormik m'art inir

2

Ner cleacht me meith my zloon  
Orss afwllych fer eddrwme  
Gi waldeis feynth fail  
Oss word locht a foyall

3

Warwemir in leich lan  
Mir a warmemir in crayc  
Di charmisdir leich fane lay  
Mir a charssmir a ray

4

Hugssmir a cann gin cherri  
Guss a gnok oss boyamir  
Di rynis feyn boya tra  
Di roynis fogryth owlay

5

Di warwiss mun er zlinn  
Fer gi inwal in nerrin  
Di roynissi boya tra  
Di roynissi fogryth owlay

6

Di raddis mun er zlinn  
Gwl gi inte in nerrin  
Di roynissi boya tra  
Di royniss fogryth owlay

7

Ni leith di legin fa boywa  
Doybis sin nerrin awwor  
Di roynissi boya tra  
Di royniss fogryth owlay

8

Ni dorssa er a beith a zeith zark  
A dosslin ead gi hymard  
Di roynissi boya tra  
Di royniss fogryth owlay

9

Ni gurt abbe um halvon  
Di loskgin eid gu lassal  
Di roynissi boya tra  
Di royniss fogryth owlay

10

Noch char aggis reim linn  
Aa na mullin in nerrin  
Insin di leyggiddir rwm  
Eech albin is errin

11

Teym boach er loyss mi chass  
Gr ranegiss ross illirzlass  
In sin glossimsi shear  
Gow taura ni widdir chane

12

Ner harrin eine each zeive  
Zea roym in dawra za essin  
Tugis in dawra fa laa  
Ben in ir chommi za cheilli

[TD 140]

13

Is ben in r chomisso nach gwss  
In fer commisso ella  
Tugis in dawri gi beach  
Ben carbre zi cormik

14

Is ben chormik er sin  
Di raddis ee zi charbre  
Tugis lwm claywa in reith  
Uch fa hay mor a wree

15

Mi clawe feyn fa gin gutti  
Fagwm in droyl chulk chormik  
In sin di quhoyis in nwnn  
Is eaddi in dorsser owym

16

Inn nygyth sin doef ge beacht  
Is me bi kyllor ze chormik  
Is bert ooklachis is tei  
Hawle a vaonissi reith errin

17

Ga zaynith leve raa mi zloor  
Da hwle cheilt yn kyllnor  
Na habbirsi sen er finn  
Er ardre ny feyn voltynn

18

Ga tamsi in layve id tei  
Na ber tar er my wntir  
Ni hay sin agne cheilt  
Far a will ay in vorwilty

19

Cha mir sen a connil chynni  
Er a will dor er talvinn

In sin tarnik toylli  
Ag in re ro zast rawor

20  
IIII choss geym in genn ni genn  
Teym less a is tee cotkin  
In sin chayis fa zass  
Di bi wlyg ay di maylass

21  
Agis tuggis lwm ym zoyn  
Kone esgin ard orwayll  
Eynit lwm in nee riss a ben  
Ers in re fati firzzlin

22  
Balli kness cheilti za zoyn  
Di chone essgin orwoyl  
Na habbirsi sen a re  
Er wiss in ryth a zillin

23  
Brarryth broggodych a derri  
Corsi hoich er orvidi  
Er a layve a keilt chaylle  
Mir wee finn flaa eyne

24  
Gid tani ne hurfin gyle  
Derrow albin no errin  
Er maneach do gi beacht  
A deaffryth mis zi chormik

25  
Gawa tow cow thlaa  
Woyme zoskla mydda  
Ne warrir fin lat id te  
Er ane chowe er talwon

26  
Ach ane chow a keilt chaye  
Da bi toylling tow faywayll  
Da waya a tow zoif re lay  
Lawnon woda di gi feayne

27  
Di zoyve tow hed er gi  
Cart cove cwnnvill  
Di nasgis in brar mir  
Er chormik mc art inir

28  
Gin leggi gi ray in re  
Da waya ay ni feyweill  
Mar nasgis in brar beynn  
Er re errin ni nwlt inn

29  
In deymsow gar zeggir royve  
Heymsyth ze in dymf

Glossim turriss o hawre  
Fa turriss fr gi mannee

30

Do hymrow ni heltin  
Gar skeltyth a chwddychi  
Tuggis lwm ii zelt zark  
Is ii znew ignyth ym ard

31

Aggis fey fy za won ii lach  
Sin loch a seyllin  
II hynnith sleyvecwllin  
II zaw awlle a burrin

32

II zessivey zowrane zum  
II chellych fey a farzhram  
II hyane kylty creive  
Di latteve zrom zawreim

33

II zoyvrane a hen a mach  
O charri donnwane doyv  
II eillin o thrae leith lee  
II rulli a port larga

34

IIII snekga on vrostna wane  
II anoyk charga d . . .  
II eachte one eachte ard  
II smoyrych lettretth lom ard

35

II zroyllane downe yve  
II cheinkych ni corywe  
II chur one chorrin cleyth  
II harreich mwe o foyall

36

II illir chargi ni glach  
II hawik a keyndyth  
II fess o locht melwa  
II cherk ussga o locht erne

37

II cherk reich one vowna math  
II zergin zow locha  
II chreithrane mw cowlin  
II wentane my foyllin

38

II cheythane a glenn awlle  
II zalvon ni sen awle  
II phedda oywri a claa  
II onchon o chroda claach

39

II zoyane o thrae za wan  
II erboyk loychir yr

II chollum one chess chur  
II lon a lettir fin chwle

40

II eddoyk letter roye  
II thrudda tawrych teyve oyr  
II choneyn a schee doe doynn  
II wuk awlde cloyth chur

41

II choyag o zrom dave  
II ane oywryth layn de  
II yghrgane lanenyth furrith  
II chreithir one chreive roye

42

II sperr hawk in swyn o cleyve gla  
II loch lay o lwnycht  
II oyr ane one woyn  
II ussock on vownych wor

43

II oynlayk a hon chnoyth  
II brok a creich ollonych  
II rynith strayth sinnyth  
II zlassoyk o wroch urri

44

II chrottych o chonych zawlwe  
II weil won wor hawni  
II earrinnyth phillhorrych  
II awllinnych seith boygh

45

II zassidi one wyg wylle  
II cheith cheinekyche chnaw chyle  
II woyok oo wrowych brn  
II neiskin o zowdyr

46

II zerrin o leyve za ane  
Da chyill wreane turle  
II annan ar o wy walg  
II chonlane zatta o zranard

47

II zrin zarrych o zruing  
II vronargane on vor cheyyl  
II wlyrrych o zowne ni barga  
II elli zalle on zaltraach

48

II royin o challow charga  
II wuk wor on worarga  
II eskar locht m'lanene  
II zarzart my ni nellane

49

II ane vek o wess a chwle  
II eggyn ess v'mowrn

II ellit zlinni zlinn smoyl  
II woyif o haach mow mor

50

II onchon loyath o loch conn  
II eychat a hoyw chroychin  
II chyraa schee zoyvlane zil  
II vuk vwlcow vlyr

[TD 141]

51

Rath is ker chorkrych chass  
Tugis lwm o einnis  
Tugis lum each agis lar  
Di zrey vassych vanyrane

52

Tarve is bo zarri o zrwm kein  
Tugis lwn o wurn vunchane  
Do chonni di chonnew ni wane  
Di hir cormik orrum gi dane Teym

53

Gi neith zar chursin ym chenn  
Tugis lwm is teym  
Er in dymasychyth ull doyf  
Gow lar ane ew

54

Nor a baillwme a meyow  
Zobbredir voyme ach skeillych  
Di choy in feaych woym o zess  
Di bi wlya dom awles

55

Di rukgis er in glenn da wan  
O orrir loch a lurgin  
Di quhoy mi lach fa layve  
Nach chussit faywail

56

Ter schroyow berwe brass  
Gow aych inn zowlass  
Di zowis e er wrawit  
Gin ger walaa heach hanye

57

Tugis lwm ee lach gin wacht  
Dosli fin o chormik  
Ne fooris zolk roya  
Heg rwm nyg ve me boa

58

Cha deyd ass mi chree  
Chinn gin nawleggir may in dalvon  
Lass ane nane beg lassane nana  
Dolle a chass ymon

59

Er ni tullych er gi ay  
Cor fa lawe rg lassyn ane  
I chonwaille fynn ag in layve  
Er seiltin gin ead wawne

60

Is vin zeyntyth ay sin de hoyrt  
Er a gowe dinn fosslow zoywayl  
In dymychow sin mir sin  
Ner toylling fir in doythin

61

Tugis ead gow taura lwm  
Gow mowr a vor hyle  
Doss gi zokkir a kin  
Oppir ead in nyich sin

62

Caythir a wee si walli  
Er ix dorss fossgillyth  
Cormik hug zeyve in teacht  
Mir zoy ym bea gi skei

63

Mir chonni may za gwryth  
Sin wrow arsing ill wrunych  
Legga brudlychyth gawe  
Vin a guddichthyth greithane

64

Huggi ay brow slatzall sollis doyf  
Er chegit fre zorre  
Gi in dorris deyve downtyth  
Ner way in soyve cond in . .

65

Ead sin is tee gi bronych  
Miss a mwe gi anoyith  
Mi chree cove connis  
Fa la er gi in dorris

66

Ga mor nolk forris royth  
Wonyth skeythow choolyth  
Ner leigis ane deyve a mach  
Gi tra erre in in varrich

67

Anmi ny hyrri skeiltyth  
A chorymryth keilta  
Ach a wag sin teyve ra teyve  
Ne dor chormik za soyve

68

Nor a leggi finn a mach  
Di skeillidir gi skeiltytht  
Cha deacha deis na trear  
Wo hawra zeive er in . .

69

Mi reith feyn agus reach fenn  
Merrolta cheme wass mi chinn  
Ni tre neachin fa darryth zoyve  
Ni troyth sin di hymnichow

70

We skay zoym er mi clow  
Creddwm in crist is ow  
Mimirche ass in ew inn  
Gar vewwm lwm ne weym . .

71

Gar wadda mi leymsi har  
In dawr lochra ni wayn,  
Is fadda in laym rugis ter  
xx kead try in dawr

72

In sen fa lowwr mi leym  
Wagis si viddircheyn  
Gin ach bar mi choss a geill  
Mawl gith tosk er deym.

Teym tosk.

<eng>OISEIN'S COURTING. D. 28. L. 6. M. 15.

THIS ballad is rare. I have three versions, which differ chiefly in spelling. Besides the names of Heroes who flourish elsewhere, three are named who seldom act. Twelve go to seek a Bride for Oisein; she was the foreign love of Cormac. There was a fight with Cormac and the Firbolg. Oisein beheaded Cormac. This is the end of a quarrel between the High King and his army, and makes another blood-feud, which ends only in the Catastrophe. Oisein is made to tell this to a woman. In text L. 6, Dr. Young identifies this with an episode in Fingal (book 4, Clerk's Ossian, vol. II. p. 3). There is not a line of this ballad in the latest Gaelic text of Ossian, though it was twice printed before 1786.<gai>

D. 28. NINGHIN IUNSA. <eng>70 lines.

From Mac Nicol's Collection. Copied by Donald Mac Pherson, May 11, 1872.

Compared with Gillies, page 11, May 24, 1872, with Hector Mac Lean.—  
J.F.C.<gai>

1

'S Cuth Duinne far nach Ionbhuin  
Deirimsa riutsa Nighin Iunsa  
Gu raibh mi m' dheo-laoch air bheirt eille  
Gad ha mi m' sheann Laoch san Lathas'.

2

La gu deachas leinn  
Eibhir-Aluin Chas-fhalt Fheinn  
Shi Ninghin fa 'm Geallabhach Glac  
Leannan Choigrich Chormaic.

3

Gun do ghluais shin gu sruth Locha leige  
An da Fhear-dheug a b' fhearr fuidh 'n Ghrein  
Ge be fhidreadh air Ruin  
Robhain bu teichbheach droch Cuth.

<eng>8 in Gillies.<gai>

4 Dh' fhosgladh dhuinn an Grianan Corr  
Air a Thughadh do 'n Chloth dhuinn  
Lion Meanmneadh shinn uille  
'Gaibhrac Eibhir Chassfhalt Bhui.

<eng>7 in Gillies.<gai>

5  
Labhair Brian (1) 'scha duirt e Breug  
Gad bhiogh ann da ninghin-deug  
Aig feobhas do Chliuth san Fhein  
Bhiogha Cheud Roghin diubh aig Ossain.

<eng>10 in Gillies.<gai>

6  
Gun ghluais shinn gu Druim Dha-Th  
S bha Cormaic robhin na Long-phort  
'S e dar fethibh gu dana  
Le sheac Catha deug do 'n deo-mhath-shluath.

<eng>11 in Gillies.<gai>

7  
Sluadh Chormaic gu do Chass  
Aig na ghaibh an sliaigh bla-lassair

<eng>12 in Gillies.<gai>

8  
Ochdfhear do bhi aig Cormaic Cruinn  
Ionnun an Gniobh dh' fhearibh-bolg  
Mac Olla 's Daire nan Creuchd  
Mac Tosgair (2) treun & Taog.

<eng>13 in Gillies.<gai>

9  
Freasdal Baighach Mac an Riogh  
Daire nan Gniobh bu bhor aigh  
Daora 'b fhearr fullang san Chuing  
'Smeirge Chormaic Chruinn na Laibh.

(1) Bran.

<eng>(2) Toscar for the first time mentioned. D.M.—Scribe's note.  
Supposed to be a mistake for an t-Oscar.<gai>

[TD 142]

NINGHIN IUNSA.

<eng>14 in Gillies.<gai>

10

Ochd-fhear do bhi aig Oissain ard  
Iunnan san Cath ga dhion  
Molla mac Sgeine gu fial  
Sgeuliche fial Flath nam Fiann.

<eng>15 in Gillies.<gai>

11

Faolan & Caorril Cass  
'N Duibh mac Riobhain nior thais Colg  
Toscar an tus shiar na Chlann  
Chuadh fo 'n Chrann an ceann nam Fear bolg.

<eng>16 in Gillies.<gai>

12

Thachair Tosgar thachair Daoil  
Taibh ri Taibh an Lath'r ant shluaidh  
Bha Coibhrig an da Churidh Chaoibh  
Mar gun doirtigh Gaoth a Cuan

<eng>17 in Gillies.<gai>

13

Bu Choibhrag dha Leobhan shinn  
'S cho n' iarruidh e sgian da 'n goin  
Ge bu mhath Saoirsneachd nam Fear  
Bu bheo na Taosgibh am Fuil.

<eng>18 in Gillies.<gai>

14

Chuibhnich Tosgar air a Sgithin  
Arm bu mhian leis an Fhear mhaith  
Chuir e naoidh Goinibh an Taobh Dhaoil  
Sheal bog mu n' do chlasin an Cath.

<eng>19 in Gillies.<gai>

15

Bha Cormaic aig Corbadh an t-sluaidh  
Mar Fhuaim Uird le Deirnibh Laibh  
Giarruidh gu Hoissain gach Uair  
San Cath cruaidh do bheir e dha.

<eng>20 in Gillies.<gai>

16

Do sgoilt Oissain air an T-sliabh  
Caogid Sgiath gu Cormaic Cruinn  
'S gun bhris Cormaic mac Airt  
Caogid Lann ghlass air an Druim.

NINGHIN IUNSA.

<eng>21 in Gillies.<gai>

17

Thugas an Ceann do Chormaic Cruinn  
Air an T-sliabh gus a Nochd  
'S gun do gluais mi leis gu Flath Fail,  
'S an Ceann sin am Laibh air Fhalt.

<eng>22 in Gillies.<gai>

18  
Ge be ghinse dhoibhsa shin  
An La sin a cuir a Chath  
Fheiridh rium mar bha mi nochd  
Gum faigheadh e olc fo 'm Laibh.

<eng>The story of this is, that the Feinne went to Loch Leige to seek the  
sweetheart of Cormac, Eamhair. They killed Cormac, and Oisein carried  
home his head.<gai>

M. 15. SUIREADH OISEIN AIR EAMHAIR ALUINN. <eng>88 lines.<gai>

1  
(1) IS Cuth duine far nach Fionduin (2)  
Deirimse riutsa nighean Iunnsai,  
Gu 'n raibh mi 'm dhea' laoch air bheirt eile,  
Ge ta mi 'm sheann laoch san latha-s'.

2  
Latha gu 'n deachaidh leinn,  
Eamhair aluinn fholt-ghrinn,  
Nighean bu ghéal-lamhach glac,  
Leannan coigrich Chormaic.

3  
Ghluais sinn gu saoth Locha Leige (<eng>perhaps<gai> taobh)  
An da fhear-dheug a b' fhear foi 'n ghrein,  
Ge b' e dh' fhidireadh ar run,  
Romhain bu theichmheach droch cuth.

4  
Bheannuich an sin Bran (3) mac Leacan  
D' an t-sluagh aluinn, ard, gheal-ghlacach,  
Gu narach, treoireach, néo-mheata,  
Nach do phill scannal no ascal.

5  
Dh' fharaid e dh' inn an gloir bhinn,  
Ciod e an taisc (4) mu 'n d' thainig sinn?  
Caoilte fhreagair air ar ceann,  
A dhiarraidh do nighin ortsa.

6  
Co dha ta sibh ga h-iarraidh?  
Do dh' Oisein uasal mac Fheinn,  
'S i mo nearac a gheabh thu.  
A Laoic h-laidir long-phortaich.

7  
Labhair Brán 's ni dubhairt breug,  
Ge do bhiodh agam da nighin deug,  
Aig feabhas do chliuth san Fheinn,

Bhiodh a cheud nighean aig Oisein.

8

Dh' fhosgladh dhuinn an Grianan (5) corr,  
Air a thuthadh do chloth dhuinn, (<eng>perhaps<gai> clùth)  
Lion meanmna sinn uile,  
'G amharc Eamhair chas-fholt bhuidhe.

9

'Nuair a chunnairc Eamhair fhial  
Oisein Mac Fheinn flath na 'm Fiann,  
Thug an Ribhin a b' aille dreach  
Gaol a h-anma d' an dea' mhac.

10

Gu 'n ghluais sinn gu Druim da-thorc,  
'S bha cormac romhain na long-phort,  
'S e dar feitheamh gu dana,  
Le seachd catha d' an dea' mhalaidh. (6)

11

. . . . .  
Sluagh Chormaic gu 'n do chás  
Aig na ghabh an sliabh bla lasair.

12

Ochd-fhear do bhi aig Cormag cruinn,  
Ionann an gnìomh dh' Fhearaibh-Bolg,  
Mac Colla is Daire nan creuchd,  
Mac Toscair' treun agus Taog.

13

Freasdal baghach Mac an Rìgh,  
Daire na 'n gnìomh bu mhor agh,  
Daol bu mhaith fulang sa chuing,  
'S Meirge Chormaic Chruinn na laimh.

14

Ochd-fhear bhi aig Oisein ard,  
Ionann sa chath gharg ga dhion,  
Mulla Mac Scein agus Fial,  
Sgeulaiche fìor flath na Feinn'.

15

Faolan agus Cairioll càs,  
Dubh Mac Ribhinn nìor thais colg,  
Toscar an tus siar a Chlann,  
Chaidh foi 'n chrann an' ceann na 'm Fearbolg. (7)

16

Thachair Toscar thachair Daol,  
Taobh re taobh an lath'r an t-sluaigh,  
Bha comhrag an da churaidh chaoimh  
Mar gu 'n doirteadh gaoth a cuan.

17

Bu chomhrag dha leomhain (8) sin  
'S cha 'n iarradh e scian d' an guin,  
Ge bu mhaith saoirsinneachd na 'm fear,  
Bu cheo na taosgaidh am fuil.

18

Chuimhnich Toscar air an scein,  
Arm bu mhiann leis an fhear mhaith,  
Chuir e naoi guine, an taobh Dhaoil,  
Sealan beag mu 'n chlaon an cath.

19

Bha comhraig ag borbaidh an t-sluaigh,  
Mar fhuaim uird le dearnaibh lamh,  
Ag iarraidh gu Oisein gach uair  
'S an cath cruaidh do bheir e dhoibh.

20

Do scoilt Oisein air an t-sliabh  
Caogad sciath gu Cormag Cruinn,  
'S gu 'n bhris Cormag mac Art  
Caogad lann ghlas air an druim.

21

Thugas an ceann do Chormag Cruinn  
Air an t-sliabhsa gus an nochd,  
'S gun do ghluais gu Flaith Fail,  
'S an ceann sin am laimh air fholt.

22

Ge b' e dh' innseadh dhamhsa sin  
An la sin ag cuir a chath',  
Deireadh rium mar tha mi nochd  
Gu 'm faigheadh e olc o m' laimh.

<eng>THE FAIR MAID'S HILL. A. H. I.

THE oldest version known is here reprinted from the Dean's Book, arranged according to the metre. Hunting rights were always matters of dispute; and here, as it

- (1) Lit. A man is a chief when he is not a Fingal.<gai>
- (2) Iundriun, ionmhuinn?
- (3) Brian.
- (4) Taiscealadh, taisge?<eng>
- (5) A round turret or tent.<gai>
- (6) Mhal-shluagh?
- (7) Ceann na 'm Bolg.
- (8) Leoghain.

[TD 143]

<eng>seems, the army have taken the King's preserves, in addition to their own. This hunting song is remembered in the Long Island in 1871, but the most of it has been reduced to mere narrative.

It is worth remark, that the method of hunting described here, corresponds to the description of a similar hunt by Taylor, the Water Poet, in the reign of James 6th. V. 13, p. 197, Mac Callum, is a short version of this. A great many hunting stories are current in the Highlands still.<gai>

A. 20. SLEYVE NY BAN FINN. <eng>68 lines.<gai>

AUCTOR HUUJUS OSSIN.

1

LA zay deacha finn mo rayth,  
Di helg er sleyve ny ban finn  
Tri meillith wathyon ny wayn,  
Ne zeaath skaow vass in ginn

2

Ossin is vinni lwmmi di zloyr,  
Bannicht foiss er anmyn finn  
Agus innis gay wayd feyg,  
Hwtti er sleyve ny ban finn.

3

Ga mor lewe crathammar slee,  
Or ni deatha voylte in loy  
Di hutti er sleyve ny ban finn,  
Di zeyith lay fin nyth wlygh

4

Innis doyf royth gith skayle,  
Bannith er a waill gin zoyth  
A bayig eaddith no ermmi,  
A doll leive a helg gi lay

5

Di weith eaddith agus ermmi,  
A doll leine a helg mir senni  
Ni weith feanee zeuwe ym zoe,  
Gin leynith roylle is men

6

Gin chottone schee schave,  
Gin lurych sparri zeyr zlynn  
Gin chenvart clooth di chorrith,  
S zay ley in norn gi fer

7

Gin skay neynith warryth boye,  
Gin lanni chroye eskoltith kenn  
A nearryth in doythin fayn scheath,  
Ne royth nath bi zer no finn

8

Is schea a barri enicht is awge,  
Ne zeath lav vassa chinn  
Doll in dastill a choyn zill,  
Gi aggin er farri mir finn

9

Cath eggr a choymir shear,  
A helg er sleyve ni ban finn  
A phatrik ayd chinni ni glar,  
Di balin grann vass ir ginni

10

Noyr a hwyth finni r gonni

Da binni seirri agus shear  
Gow gyir o chnok gow cnok,  
A meskeith hork is feaygh

11  
Di weith finn agus brann,  
Nane swe selli er in tleywe  
Gyth fer rewe in nayd helg,  
No ger eirryth kolg in feark

12  
Di leggy mir tre m cowe,  
A barri lowe syth way gi garga  
Warwe gith cowe zewe da eyg  
Selli fa neyd yn eyll na hard

13  
Di hwtti vi meill feyg bar  
Er a zlann di weith fane tleyve  
A haggus eyg agus arbe  
Ne zarne selgi mir sen reywe

14  
Gir bee deirryth ir selgi hear,  
A clarre oyd ni glar is ni glok  
Deich kayd kow fa lawre loyr  
Hutti fa leon x c tork

15  
Di huttidir lyne ni twrk,  
A roynith ni helg er in lerga  
Mir a weyg r lanith is r lawe  
Di verdis air er in telga

16  
A phatrik ni baichill fear,  
A wakka tow hear no horri  
Selga in lay raid lin  
A waynew fin bi woith no sen

17  
Ach sen selga a roinith finn  
V'alpin ni minni blayth  
Gar ni goyllane ansi cheille,  
Gi bi winni laym ane lay

Lay za deach.

<eng>H. 21. THE BEST DAY THAT THE HEROES EVER HUNTED. 68 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 69. Advocates' Library, December 11, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

Not known to Hennessy, but nevertheless in the Transactions of the  
Ossianic Society. Dublin, December 17, 1871.—J. F. C.

THE ARGUMENT.

THEY loosed 3000 dog and each dog killed two deers which was 6000, and Bran had slain 6001, tho' he was but a puppy, which makes 12001; but the one-third part of their dogs (which was at that day 1000) fell by 100 wild Boars, but they killed them all by their arrows and spears; for they did never go to hunt, or any other way, without being in compleat armour, for it was dangerous at that time to travel a quarter of a mile otherwise.<gai>

DAN 17.

1

LATHA da deachaidh sinn siar,  
A shealg air sliabh na 'm ban fionn;  
'S mile do Mhaithaibh nam Fiann,  
Cho deachaidh riamh os a cheann.

2

Oisain gu 'r binn leam do ghlóir,  
Beannachd fos air anam Fhinn;  
Ailis dhuinne cia lion fiadh,  
Thuit libh air sliabh nam ban Fionn.

3

Ailis o thoiseach do sgéul,  
Beannachd air do bhéul faidheoidh;  
'M biodh bhur 'n eideamh is bhur 'n airm,  
A dol libh 'n bheinn t-seilg gach ló.

4

Gu 'n ar 'n eideamh 's gu 'n ar 'n airm,  
Cho reacheamaid a sheilg nan cnoc,  
Bhiodh air gach feinnidh gach ló,  
Léine shroil 's air eill da choin.

5

Bhiodh cót air do 'n t-síde shéimh,  
Lúireach, is Barghil r' a shlios;  
Is ceannbheairt chochalla chórr,  
'S a dha shleagh an dornn gach fir.

6

Bhiodh sgia úain air a gheibha' buaidh,  
'S cloidheamh cruaidh gu sgoltadh cheann  
Bodha (meadach) agus iudhair,  
'S caogad guinach ann am balg.

7

Siubhail an domhan mu seach,  
'S cho 'n fhuigh thu ann neach mar Fhionn  
A b' fhearr inmhe 'sa b' fhearr ágh,  
Cho deachaidh lamh os a cheann.

8

Re cath teagair bha sinn siar,  
A sealg air sliabh na 'm ban Fionn;  
A Phádraig a cheann nan cliar,  
B' áluin a ghrian os ar ceann.

9

'N uair a shuidhich Fionn a choin,

Air an t-srath a bha fui 'n t-sliabh;  
Shuidh gach féinnidh air tom seilg,  
Gus an d' eirich sgeilg nam fiadh.

10

Dh' fhuasgail sinn tri mile cú,  
Bu mhaith lúth, sa bha ro gharg;  
'S mharbh gach cú dhiu sin da fhiadh,  
Seal mu 'n deachaidh iall air aird.

11

Iodhnadh 's mo 'a chunnacas riamh,  
No chuala Fiann Innse pháil;  
Gu d' mharbh Bran is e na chuilein,  
Fiadh agus idhir re each.

12

Leag (1) sinn naoi mile fia' barr,  
Air an t-srath a' ta fuidh 'n t-sliabh;  
A Phádraig san agams tha beachd,  
Sealg mar sud cho 'n fhacas riamh.

<eng>(1) . . . 9000 Harts, besides Hinds and Roes.<gai>

[TD 144]

13

Thuit leinn naoi mile fiadh bar,  
A eagmhuis earb agus adh;  
Thuit sin air sliabh nam ban fionn,  
Do dh' fhiadhach le Fionn nam fleagh.

14

Ach an deireadh ar seilgne shiar,  
A Phádraig nan cliar 's nan clog;  
Deich céud cu le 'n slabhruidh óir,  
Thuit sin faidheoidh le céud torc.

15

'S ann leinn mharbhadh na tuirc  
A rinn na h-uilc air an leirg,  
'S mar bhitheadh ar lamha 's ar lann  
Cho deanamaid ár air an t-seilg.

16

Biomad laoch fuileachdach fial,  
Na sheasamh air sliabh Innse-crot,  
Gu 'n ach iall a choin na laimh,  
'S e pilleadh o ár nan torc.

17

Sealg mar sud cho d' rinn sinn riamh,  
A dhea' Mhic Ailpain na mionn tlá;  
Guth do cheólain ann sa chéill,  
'S mór bu bhinne leam an lá.

I. 8. SLIABH NAM BEANN FIONN. <eng>68 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 29. Advocates' Library, April 4, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

THE FAIR HILLS.—A POEM. Extracts.

OSSIAN recollects by this poem the best day the Heroes had ever hunted the deer upon a place, called Sliabh nam beann Fionn, i. e., The fair and beautiful Hills. 3,000 Heroes handsomely accoutred entered these Mountains with 3,000 Dogs or Hounds, each Grey-hound had slain two Deer, and Bran, Fingal's Grey-hound, slew as many as all the rest. 1,000 of their hounds fell by wild Boars, and beasts, and 1,000 of their Men were so far overcome with fatigue, before they kilt the Boars and gathered the venison, of which ever after they did not get the better.

The Poem is addressed to the Son of Alpin.<gai>

3 BEANNACHD air do bheul ni 'n ceol;

4 Cho reachamaid a sheilg nan lon;

5 Bhiodh cot air do 'n fhitidh sheimh,

6 'S cloidheamh cruaidh, bu mhaith sa cholg;  
Botha cruadhach air dhea' luthadh,  
Chuireadh siubhal fui' n ghath bolg.

7 A b' fhearr eineach, sa b' fhearr agh.

10 Bu gharg luth ri aonach ard;

13 Thuit leinn naoi mile fiadh bar.

<eng>H. 22. HOW GOLL FALL A HUNDRED OF CLANNA BAOISGE WRESTLING. 68 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 36. Advocates' Library, Dec. 2, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail.

Dublin, Dec. 9, 1871.—Not known to Hennessy. Not found in the Catalogues of Royal Irish Academy. This carries the blood-feud between Goll and the Clanna Baoisgne into the hunting field.

THE ARGUMENT.

FINGAL was one day hunting and Goll was not present, they began to let their dogs after a wild swine, for diversion, and to know which of their dogs would be the vanquisher; Conan, Goll's brother, ordered them to stop the dogs till his brother would come: Faolan, Fingal's son, rose and fall Conan; who was viewing them but Goll, he ran, and before he stop, he laid down one hundred of them on the Hill, a bloody battle immediately began, but not deadly.<gai>

DAN 7.

1  
LATHA dhuinne bhi 'n gleann diamhair,  
Bha sinn re fiathach Muc alte;  
'S bha Fionn fein ann, Caoilte 's Oisain,  
Luchd a bhrosnacha gach sealga.

2

Bha sinn uil' ann clann Mhic Chuthaill,  
Bha faraon ann Coireall ceárnach;  
'S an t-Oscar óg laidair neartmhor,  
Nach cuireadh an cath air chàird.

3

Ochagain air taobh a ghlinne,  
Shuidh sinn uile Clanna Baoisge;  
Do shuidh monad mor air bharradh.  
'S cho bu toiseach rath d' ar daoine ain.

4

Chuir sinn air coin ris an fhireach,  
Gu claoidh is milleadh na béiste;  
Dh' fheachainn co d' ar conaibh gruamach,  
A gheibheadh làn bhuai' air bréine.

5

'S ann an sin a labhair Conan,  
B' e aon laoch comais gach áite;  
'No leigadh bhur gathair gu fireach,  
Gu 'n chlann 'm athairsa bhi láthair.'

6

'S ann an sin dh' eirich Faodhlan,  
B' e aon laoch spáirnneachd gach gnothaich;  
'S ann dhuinne bu lóir a dhonas,  
Gun d' ug e leagadh do Chonan.

7

An sin do thainig Goll gruamach,  
Bu shar bheumeannach 's bu chruai' builleann,  
Seal mun d' fhaodar leinn a chumail,  
Do leag e céud air an tulaich.

8

'S ann an sin a dh' eirich Oscar,  
'N laoch leis an coisgte 'n cruaidh chómhrag;  
Mar bhitheadh dhamh 's deachainn mo gheallidh,  
'S ann dhuitsa b' aithreach am borbadh.

9

Urram cho 'n fhuigh thusa uamsa,  
'Se labhair Goll gruamach re Oscar;  
Gu 'r h-ann leamsa thuit do Shinnsir,  
'S bu dearg linntidh le mor lotaibh.

10

'N ar measgna dh' eirich a' bhuidhin,  
Bhorb na curina r'a chéile;  
Bu lionmhor sgia' bhreac air leith lamh,  
Agus lann bu leathan gle gheal.

11

Chuidh gach fear air chul a chloidheamh,  
'S chuidh gach Flath air chul sgéitha;  
Chum 's gu d' fheachamaid le 'r gathaibh,  
Cia bu treise dhinn no chéile.

12

Chuaidh Goll mor na chulaidh chatha,  
'S cho bu toiseach rath d' ar daoine ain;  
Aig truimead 's aig tricead a bhuillean,  
'N sin air chlaighnaibh Chlanna baoisge.

13

S ann an sin a labhair Conall,  
'Ma 's beó duine Chlanna baoisge;  
Diolamh an fheall is a mheodhair,  
'N dui' air chlaighnaibh Chlanna mornna.'

14

'N sin do fhreagair an Righ Féinne,  
G 'e maith do chomhairls 'a Chonaill;  
Fuidh 'm iochdsa thainig Clanna mornna,  
'S b' iad aon laoich sor-ghlic an domhain.

15

An sin do dh' eirich Fionn fialaidh,  
Is Diarmaid déud gheal o duimhne;  
'S chuir iad na saoi' ean o chéile  
Ge d' bu mhor iargain na bruidhne.

16

A togail dhuinn ris a mhullach,  
'S a direadh re uilean an t- sléibhe;  
Ge do tharladh gu 'n bhi marbh dhuinn,  
B' iomadach ann osnaich chléibhe.

17

Bu lionmhor ann cuirp gu silleach,  
Agus laoich fui' iomad creacaibh;  
'N deidh nu 'm buillean troma dóbhídh,  
Thug Goll mac mornna mhic neamhain.

I. 9. GLEANN DIAMHAIR. <eng>Extracts.

Kennedy's 2nd Collection, page 63. 72 lines. Advocates' Library, April 6, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

THE SOLITARY VALE.

THE Fingalians were hunting and chasing Wild Beasts and wild Boars thro' the woods and Mountains. The tribe of Baisge wanted to set off their Dogs after the Boar in Gaul's absence. Conan who was always a Foamer of strife and wrangles with his impertinent loquacity stopt their Dogs untill his Brother Gaul and his Hounds wou'd draw near and see the sport. Instantly Faolan (one of Fingal's sons) fell on Conan and beat him smartly. Gaul approached and saw his Brother so severely used in his absence, fell furiously upon Clan-baoisge and overturned one hundred of them upon the Hill before his career could be retarded. Thereupon a battle ensued between the two Clans in which the invincible and brave Caledonian Gaul was like to overcome the Tribe of Baisge. The amicable Fingal and courteous Dermid restored peace and amity between both Clans.<gai>

[TD 145]

1

BHA Fionn fein ann, Caoilt, is Toscar,  
Luchd a phrosnachadh gach sealga.

3

Shuigh sinn uil' ann 's Clanna-ruri;  
Do shuigh Momad mor air bharradh,  
Cha bu toiseach ratha dhuinne.

4

Chuir sinn ar coin ris an uchdaich,  
A chlaoi', muice nan calg geura;  
Bu treine gainne nan cuileann,  
Bha friodh mullaich mar choill chreithich.

5

B' e aon laoch conais gach aite;  
No leigibh ur gadhair fui 'n fhireach.

11

Chum 's gu feuchamaid gun athamb,

12

'S cho bu toiseach rath d' ar taith-ne;

13

Mar charraig air aodann tuinne,  
Air an eireadh buinnean arda;  
Bha 'n laoch a teirbirt gach buille,  
Beuma guineach docair gabhaidh.

<eng>H. 23. HOW FINGAL AND GOLL CAST OUT HUNTING THE LEANA. 132 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 38. Advocates' Library, December 4, 1871.  
Copied by Malcolm Macphail

Dublin, December 9, 1871.—Not known to Hennessy.

I HAVE no trace of this particular composition, but I have many stories about great mythical deer hunts. In this case the scene is laid in Glen Eite, in Argyllshire, not far from the Royal Castles of Dunstaffnage, and ancient forts. In verse 20 Fionn is called 'High King of Connaught,' though he is in Morven, and in verse 26, the illustrations are drawn from Beinn Eidian, the Hill of Howth.

If these ballads be historical, this belongs to the Dalriads who came to Argyllshire about A.D. 311, and later. The story is part of the Blood-feud of Fionn and Goll, the cause of which is in the next ballad.

THE ARGUMENT.

FINGAL was one day hunting at a place called Leana, nigh Gleaneilte, in Argyle shire, and either of the parties was too lazie, and they were not doing so much as themselves, Goll and Fingal thought proper to devide the muirs, and that every one would stay on his own side; their agreement was that whoever would shut the Deer (if he would go after he would get the arrow), on whatever ground he would fall that it would be theirs which had the ground by Lot; Oscar struck a hart, and fell on Goll's march and took it away, but Goll, according to their agreement, would not allow him

the hart since it was his own, they cast out that moment, and a bloody battle began betwixt both parties.<gai>

DAN 8.

1  
LATHA dhuinne sealg na Leana,  
A tathach an fheidh o 'n Chlach leadh'd,  
Shuidh mi fein air Guala buidh;  
'S shuidh Mac Chuthaill air Coir-easain.

2  
Shuidh Caoilte air Coire-domhnail,  
Fear a chomhdacha' ar Féinne;  
'S cho d' fhag a choin no gathair a bhos  
Aon fhiadh gu 'n tathach gu h-Eite.

3  
Shuidh Diarmaid donn gheal o duimhne,  
Gille muirnneach na morchuis;  
Maille r'a fhir thréune chatha,  
Thall air uilean cnoc na h-Og' ghnuis.

4  
Shuidh Mac Mornna san Lia' ghumh 's,  
Tacan siar o Ghuala chuirnn;  
'S g' b' e chidheadh sealg nam fear,  
Bu lionmhor ann bás daimh dhúinn.

5  
Mu 'n d' ainig deireadh an ló,  
Dh' eirich gníomh bu doilich léinn,  
Eidear Iodhleann nan arm glas,  
Agus Oscar Mac Righ 'n leirg.

6  
Damh do mharbh Oscar an áigh,  
Tacan beug o bheulamh Ghuill;  
'S thug Goll a bhriathar gu beachd,  
Nach feuchadh é blas an daimh dhuinn.

7  
Do thog Oscar e dh' a fein,  
'S e 'g eisteach re briathar Ghúill;  
'S gu b' eisean an Gille fial,  
Thog e air a sgiá 'sa lúin.

8  
Thainig an t-Oscar donn gu Athair,  
Thainig Maithadh Chlanna baoisge;  
Thainig orna sgiá na cobhair,  
'S thainig Colla, mac cruaidh Chaoilte.

9  
Thainig Fionn fein an ceannard,  
Bu chrann teann air Chlanna baoisge,  
'S labhair e le iolach uabhair,  
Thugaibh urram 's biadh do 'm dhaoine.

10

Thainig Fionn bán Mac Chuathan,  
Le aon fhichead déug furail ghaisgeach;  
'S le uidhir eile do dh' fhianntidh,  
Do thainig Maighre Mac Baistail.

11

Thainig a Macaidh dubh siobhalt,  
Gille gu 'n di meas lan dóghrainn;  
Le aon fhichead déug sgia' nach fannaich,  
'S cho bu charaid Chlanna mornna.

12

Thainig Mac Nic o-theanraig,  
A bu roi' mhaith thun an trotain;  
Le aon fhichead déug sgia' nach sgannail,  
'S a bu roi' mhaith theanndadh totail.

13

Le deich ceud curidh do dh' fhianntidh,  
Do thainig Diarmaid o dùimhne;  
Le 'n gathaibh fiata, feargach fuileach,  
Gu fior mhulleach sliabh Mhic súimhne.

14

Thainig Caoilte fiamh gach catha,  
Le cuig céud 's tri laoich gu súimhne;  
Le 'n lanna' fior chruaidhe geala,  
An gleus catha chum ar coibhreach.

15

Le deich ceud 's fhichead laoch calma,  
Do thainig Garbh lámh Mac Mornna;  
Gu Iodhleann nan armaibh fada,  
D' a thearnadh o 'r tional mór-ne.

16

Le tri fichead tréun laoch catha;  
Do thainig Garbh Mac Mornna;  
'S bu cheannard air tri fir fheachda,  
Gach aon neach dhiu teachd gu comhrag.

17

Le céud ursann chath gu 'n athadh,  
Do thainig Grad lamh gu deonach;  
'S na bha air cul gach curidh,  
Truir laoch fuileachdach gu cómhrag.

18

Thainig le cuig fichead calma,  
Daoir' airmailtach Innse freóine;  
Gu Momad na 'm buillean grada,  
'S cho bu rathail d' ar fir mhór-ne.

19

'Beannachd dhuit 's no fuilaing táir,  
A Ghuill mhoir do radh Conan;  
Thoir cath do 'n Fheinn gu 'n laigsa,  
'S do rath fein a Righ cho donaid.'

20

'No deansa sin orsa Daóire,  
'S feairrde ciall a comhairleachadh;  
Beannachd dhuit is fuilaing táir;  
Do dh' Fhionn árd Righ Connachda.'

21

'C' om am fuilaingeamsa táir,  
Do dh' Fhionn, 's na gabhsa a pháirt,  
'N uair bheiradh é mo dhlighe dhim,  
C' om am fuilaingam e gu brath.'

22

Thionail Fionn an sin a shloigh,  
Gu Momad mór nan tréun bhuillean;  
Bu lionmhor ann bratach úr dhearg,  
Agus laoich fuidh Lúirich bhuidh.

23

Bha deich dorsan air sluabh Ghúill,  
'S iad eagnaichd drim air dhrim gu dochann;  
Is bha caogad Luireach sholuis,  
A coimhead gac aon dorais.

24

'N sin chuaidh na fir r' a chéile,  
Gu fuileachdach tréunmhor cruaidhe;  
'S b' iomad corp a bha d' an sineadh,  
Le buillean a Mhílidh ghruamaich.

25

Gu b' iomad leith lamh, is leith chos,  
An deis an leadairt le géur lann;  
Le buillean a Chuinne chrodha,  
Bha air an lón shios gu 'n eiridh.

26

'S an a chluinte fuaim a luinne,  
Mar chreag ulean no Beinn eudain;  
A sgathadh chnaman is feóla,  
B' e sin an sgéul bróin nach b' éibhneach.

[TD 146]

27

Chluinte fuaim air buillean uile,  
Mar thoirn tuinne re la gábhidh;  
No mar Easaichaibh na 'm beanntaibh,  
Tuiteam ann gach gleann chaol fasaich.

28

Cho raibh brochd no torchd, no taothan,  
Bh' ann an sgilp no 'n creag no 'n uamh;  
Nach do theich ann an gleanntidh,  
'S ann am beanntidh fada uainn.

29

'Oscair an cumhain mo chomain,  
'N uair a bha an Fhiann da leonadh;  
Thug mi airm laoich a' d' laimh,  
'S mo chonamh nach b' fhann an cómhrag.

30

'G' e do dheanamh tu dhamh fein,  
Gach aon mhaith a bha fui 'n ghréin;  
C' om am fuilangeam tailceas Fhinn,  
'N fhear sa bhios an deó am chré.'

31

'Cho 'n iongeantach leams ogh Fhinn,  
Bhi neo chumaillach air fhocal;  
'S a bhi borb gu 'n iochd gu 'n dáimh,  
R' a thréun naimhde re la dochaint.'

32

Cho deachidh an Fheinn le gráin,  
Lead aon iomaire o 'n bhlár;  
O' na dh' eirich a ghrian moch,  
Gus an deach i siar a thámh.

33

Theic Mac Mornna bu mhor gníomh,  
Is mu theich cho b' ann gu 'n dí;  
Thorchair drian d' ar Féinne leis,  
'S dh' fhag mise fuídh léon gu sior.

<eng>I. 10. THE CONFLICT OF LEANA. 132 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 33. Advocates' Library, April 6, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

UPON this day Fingal and Gaul seem'd to have divided the Forests and Mountains into two equal parts, whereby the two Clans were bound by this agreement, that the one Clan shou'd not encroach upon the others Property during the time they were to hunt, and that the Deer shot belonged to whoever Party that occupied the ground whereon he was to fall. Soon after they entered the Mountains and Muirs of Glen-eta, Glenurchy and Glen-finlas in Argyle-shire. Oscar had had chased a stag close upon Gaul's marches and wounded him. The stag fell upon Gaul's property. Oscar pursued him and took him away. Gaul (according to terms of Agreement) wou'd have the stag, but Oscar wou'd not part with him. Upon this dispute the two Clans were gathered together and an engagement ensued in which great many of Clan-baisg were killed, but the brave and valarous Gaul was at last defeated, and Ossian acknowledges to get wounded, of which he was lame ever after.<gai>

LEANA. <eng>Extracts.<gai>

2

SHUIDH mi fein air Guala-chuilinn,

3

Thall air uilean cnoc nan Ogan.

7

Thog e leis am fiadh, sa loinn.

8

'S thainig Colla Mac cruaidh Chailte.

9

Thugar urram buaidh do 'm dhaoin

10

Thainig Fionn bàn Mac Cuathan,  
Le aon fhichead deug curaidh gaisgidh.

11

Thainig a Mhacraidh o 'n Isbein,  
Gilleán gun mhio-mheat an doruinn.

12

Thainig Mac Rìogh na Eite,  
Nan lanna geur 's nan trodan.

13

Le deich ceud 's fichead do dh' fhiantaidh.

14

Le cuig ceud sonn gu sliabh suimhne,  
Na laoch bu docair le geur loinn.

15

Gu Iolann nan arma geura,  
'S bu mhor am beud do Rìogh Phaile.

16

'S e na bha air cul gach curaidh,  
Triuir laoch fhuileachdach gu coi-stri.

17

Do thainig Grad-lamh gu conamh,  
'S bu cheamard air trì fir fheachda,  
Gach laoch neartmhor teachd gu comhrag.

18

Gu Momad nam builleán treuna,  
'N laoch nach euradh an cruai'-chomhrag.

20

'S fearde Triath a chomhairleachadh.

22

B' iomadach ann bratach ur-ghorm,  
Agus laoch ann luraich luthaidh.

23

Bha deich dorsan air Cathain Ghuill.

24

Bhuail sinn an sin air a cheile,  
Mar dha bhuint air sgé nan cuantaidh;  
B' iomad laoch a thuit gan eiridh,  
Le builleán a Mhìlidh ghruamaich.

26

A' sgathadh nan sonn sa chomhrag,  
Sgeula broin ata an-eibhinn.

27

Chluinte toirrm ar beum sa chumasg,  
Mar fhuaim tuinne ri la gabhaidh.

28  
Cha raibh broc, no torc, no baothan,  
Bh' ann an cos nan creag, no 'n uaimh.

29  
Nuair a bha thu' m bruid ga d' leonadh,  
Thug airm laoich ann a d' laimh.

30  
'N fhea' sa bhiodh an deo am chré.

31  
A bhi borb gun iochd no baidh,  
'S ann iomar-bhaidh na luchd cosgairt.

32  
Cha do theich an Fheinn le grain,  
Lead aon iomaire le sgàth.

33  
'S dh' fhag mise fui' leon gun leigheas.

<eng>HOW CUMHAL WAS SLAIN. A. F. O.

IN this ballad, which is old, Fionn and Garradh, of the tribe of Morna, sit at a Pass, and Garradh tells how he and his tribe slew Fionn's father. I will tell all that I have learned about this story when I translate. The ballad seems to fit here amongst Hunting Songs and tribal quarrels. The first is from the Dean's Book, 1512. The second is from the Collection of Fletcher, who could not himself write what he could recite. The third is from the Collection of Dr. Irvine, of Little Dunkeld, about A.D. 1800. The ballad is therefore ancient, and it was widely known in Scotland. In the Dean's Book this fragment is joined to a bit of Cuchullin's Story, to which it does not belong. It is at page 75, Gaelic. Page 1 above.<gai>

A. 21. KINNIS DI WARVE SEW COWLL?

<eng>72 lines.<gai>

1  
. . . . feyne in tulg churr  
Ay deis er gi . . . .  
Hw a feyne agus garri  
Teive er heive in nane tr za

2  
Gin darrith Finn di zarri  
Er su zoith na arrith  
Or is twss do wee ann  
Kinnis di warve sew cowll

3  
Di weyr si zwt mi wrarri  
Er bee zwt orm za earre  
Gir heith mi laive laytich lomm

Chur in kead za in gowll

4

For in caddrew zoiss sin  
A clanni morn mar zilli  
Is wulling is reawor zoif  
Zess dew mathr a varwi

5

Mass for in catdrew leat sin  
Inn vec cowill a halwin  
Leig in carri dr bwnskinni  
Is tog in nallydis chatchin

6

A dog mis zew lawe  
A clann morn is mor grane  
Fa toylling missi wlle  
For gir gow deith eine dwn

7

Mass di zlassi tussi sin  
Ymichtin er slycht haithr  
Bith lemenor sinni er linni  
Mir weith ein eillytin chowale

8

Gowal chor sinn in woyew  
Cowle huc orn mor withwr  
Gowal di zoichir a mach sinn  
A greithew ni geith

9

Chor dram zeine in nalbin inn  
Is dram elle in dow lochlinn  
In tress dram si zreyg zilli  
Beddit woe cheyl r . .

[TD 147]

10

Wemir seableyn deyg  
A hagwss errin is ner wrag  
Ner weg in smach downith  
Sinni gin er dew zagkin

11

In kead lay choymir er teir  
Zinse errin or weimin  
Warveir dein is ner wraik a ray  
Xvi e dein lay

12

Di warvis clanna morn  
Dan leichew is . . .  
Cha roif eine dwn zew sen  
Nach cow eaydi di v . . .

13

Gonith caslane da galnew

Clanni morn mor vanmnith  
In ginni feyn bi leytich  
Ann a weaniss far nerrin

14

Er a lawsi olach ni wane  
Cha nakgis horri no har  
Eine neith hug pask er mi hwle  
Ach fagsin a choskir

15

Hug say teim fame chree  
Re fagsin ni slintee  
Huggimir nein teyg  
A crithew mowin mor zerg

16

A royth gasge in r  
Bassid zown owin a warvi  
Gyn deyve er in twlli hawle  
Ymbi woa dwnni clann chwle

17

Ronimir reith nach royve maule  
Gus in ty in roif cowl  
Huggimir gwn zothin gr fr  
In gorp chwall zor sleywe

18

Gir gar ruggi missi ann  
In nor a warve she cwall  
Ne gneive roym scho ma haa  
Dielmissi orr wa mer lay.

Lay za roymir.

F. 3. MAR A CHAIDH CUTHUL A MHARBHADH.

<eng>Fletcher's Collection, page 122. Advocates' Library, January 22,  
1872. Copied by Malcolm Macphail.

THIS version is very much broken. Many passages have returned to prose,  
and some were written as prose, which turn out to be quatrains, e.g. No.  
9, which can nevertheless be identified with No. 18 of the oldest  
version.<gai>

THUIRT Fionn ri Gairidh Mornne.

Bho nach d' rugadh mise san àm,  
Cionnus a mharbh sibh Cuthal?

B' e Cuthal Athair Fhionn,  
Deir Garra.

1

Is e Cuthal a rinn oirne an tàir,  
'S e rinn a' mòr sgaradh,  
'S fhada dh' fhògair Cuthal sinne  
A mach air chrìochabh nan coimhach.

A. Verse 2.

2

Chaidh dream againn do dh' Albainn,  
Is dream eile do 'n Du-lochlan,  
'S an treas dream do 'n Ghreige a muigh,  
Air chrìochaibh nan coimheach.

A. 11.

3

A cheud latha do bha sinne,  
Air foid Eirinn nan gorm lann,  
Mharbh e dhinn is bann r 'a 'n aireamh,  
Seachd ceud deug air aon leanuin.

4

Do mharbhadh do Chlanna Moirne,  
D' ar Fiannaibh 's d' ar maithibh;  
Is rinn e an sin càrn d' ar cnamhan,  
Ann am fiadhnuis na Feinne.

5

'S e rinn trom air cridheachan,  
Air cuing a bhi na bhi na slinndeiribh.

. . . . .

An sin an uair a thug iad an aireadh,  
Cuthal a' tighinn dhachaidh an deidh;  
Dh' fhaighinn fios sho a mharbhadh,  
Do chlanna Moirne, bha fios aig  
Garadh gu 'm bu toil le Cuthal na mnathan.

Chuir Garadh a phiuthar a mach, gu tachart ri Cuthal mu 'n tigeadh e far  
an robh iad; Bha do bhuaidh air Cuthal 'nuair a tharladh e ri mnaoi gu 'n  
tuiteadh e na chadul. Agus co-luath 's a thachair ise ris thuit o na  
chadul.

Thainig Mor-nin-Taoichd a mach agus glaodh i le h-ard iolaich, ma bheò  
duine do Chlanna Moirne, a dhioladh na maithean.

A. 17.

6

Thug 'ear leinne ruith nach robh mall,  
'S rainig sinn an tigh san robh Cuthal,  
'S chuir sinn guin ghoirt gach fear.  
Ga shleagh ann an corp Cuthail.

7

Bheuchdadh è mur gu 'm biodh mart ann,  
'S raoichdeadh è mur gu 'm biodh torc ann  
Is ge nach b' onair e mhac Rìgh,  
Bhramma Cuthal mar ghearran.

8

Sin agadsa Fhinn mhic Cuthail,  
Beagan do sgeula mu d' athair;  
Gun fhuath gun fholachd o shin,  
Gun eiseamail na gun urram.

D' thubhairt Fionn an sin.

A. 18.

9

Ge nach d' rugadh mise  
Ri linn Chuthail na 'n gear lann.  
An gnìomh a rinn, sibhse gu tàireal  
Diolaidh, mise ann an aon là è.

A deir Garadh.

10

'S maith a gheibh thusa sin fhir,  
Bhiodh 'g iomachd an slighe t-athar;  
Cuirse ad cairdeas air cul,  
'S tog do 'n fholachd choit-chionta.

O. 3. BAS CHUTHAIL. (1) <eng>90 lines.

Las mo run, is leagh mo chroidh,  
'N uair chnnaig liobhearachd t-aill;  
Mar a fuighinnse do ghaol,  
Cho bhithinn is t-shaogh' l mar tha.

19

A laoich chaoimh is gile bos,  
'S mor mo lochd, ach 's mor an sgeul;  
Gabhsa inghean Ghormla nan sonn,  
Bheir mi moid nan tom nach treig.

20

Aon tè dhibir Riogh na Feinn,  
'S a thug speis do 'n Amhair mhoir.

21

Ge do dhibir mise Fionn,  
O na b' annsa leam do ghloir;  
Cha do thaobh mi 'm Famhair treun,  
'S mor a b' eibhinne do cheol.

22

Cho treig mi thu choi'ch a ruin,  
Ach gradh as ur a sior fhas,  
Mar mheanganaibh maoth nan craobh,  
Le teas ghradh nach traoidh gu brath.

<eng>H. 25. HOW THE HEROES FOUND OUT DIARMAID AND HIS WIFE IN THE NEWRY,  
AND HOW OSCAR KEPT HIM FROM BEING EXECUTED THAT DAY.

Kennedy's 1st Collection, page 107. 212 lines. Advocates' Library, Dec.  
18, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

THE ARGUMENT.

AFTER some continuance in Carric-an-daimh, Diarmaid went to a great wood in Ireland named Newry, to hide themselves there from the Heroes: they one day saw a Ran-tree full of Berries, they climb'd into the top of it, and were gathering some of the fruit. The Heroes were hunting in the woods that day, they were getting no sport: they were tir'd and said that they would sit down there it self, they all sit down among the trees; Oscar and Fingal happened to sit aside the Ran-tree under Diarmaid, and began to play on Dice, for to see which of them would play on the Fiddle. (1) Oscar was not playing right, Fingal wish they began again, Diarmaid saw that Oscar was not playing right, (and to perform his promise, see) he cast a berry down on the table so straight, they looked up and saw Diarmaid and Graine in the tree; immediately Fingal ordered Diarmaid to be executed, but Oscar would not allow him to execute Diarmaid that day, because it was directing himself Fingal noticed him; Ossian and all his sons came to Oscar to wage a battle to Fingal and all his Heroes and preserved Diarmaid from being executed that day.<gai>

DAN 24.

1

'S CUMHAIN leam an iomairt ud,  
A bha aig Flath na 'm Fiann;  
E fein is mo mhac,  
'S ann Iughar so shiar.

2

Shuidheadar san Iughar,  
Eidear Mhith is Mhaith;  
Is theannadar re h-iomairt,  
An t-Oscar is am Flath.

3

Theannadar re h-iomairt,  
Is cha b' i 'n iomairt bhaoth;  
S dh' iomaireadh an Fhidhal,  
Eidear an diais laoch.

4

Dh' iomair iad an Fhidhal,  
Eatarra gu propail,  
Gus an d' eirich an fhocal,  
Eidear Fionn is Oscar.

5

Bheamar fein ann,

Is bha mo dhiais mac;  
Air leith ghualainn Fhinn,  
'S gur h-ann leinn a b' ait.

6

Dh' iomairadh an ceud chluich,  
Air Oscar le Fionn;  
Mar tha mi d' a aithris dhuit,  
Gu ro' mhaith 's cumhain leam.

7

Air iomairt na h-ath chluiche,  
Dh' eirich an t-olc braghad;  
Air leigail do Dhiarmaid,  
An caorann air a chlar.

8

'N uair a chunnaig Oskair  
An caorann air chlár;  
Rug e air gu dea' thapidh,  
Is chuir e fear na áit.

9

Air aithneach nan coarann,  
D' aonnan sin do dh' Fhionn,  
Labhair e gu faodhbharach,  
'Tha neach os ar cionn.'

10

Chunnaig sin gu h-árd,  
Os ar ceann san Iudhar;  
Diarmaid agus Grainne,  
So an sgeul is cumhain.

11

So mar bhiodh na briathraibh,  
Eidear ruinn gach la;  
Bhiodh na caogad mallachd,  
D' a thabhairt air Grainn.

12

'N sin labhair Fionn fialidh,  
'N laoch curanta cosgar;  
'B' e teagasg díreach Dhiarmaid,  
Is iomairt ealamh Oskair.'

13

Labhair an sin Oscar,  
Gu socarach calma;  
'Nach fhaodadh an laoch Diarmaid,  
A briathraibh a shal' cha.

14

'Na cuir mi air mhearaichain,  
A laoch cia maith do lámh;  
Air ghea' bidh an Sheasgair,  
Thall sa bhos mu 'n chlár.'

15

'S cho séinnar an Fhidhal so,

Am feast ann am fhia' nais;  
Gus am fuigh mise,  
A ni a' ta mi 'g iarruidh.'

16

'Labhair an sin Oscar,  
Mo dhea' mhac 's mo rún;  
Cia Righ do na feara so,  
Ann sam bheil do shúil.'

17

'An eiric na h-as-umhlachd,  
A fhuair mi as bhur leith,  
Cho b' uilair leam Diarmaid,  
Fhagail fuith mo bhreith.'

18

'S olc a bhreith Righ Fheinne,  
A bheir tu fein Fhinn;  
G' e fuathach leat Diarmaid,  
Bu choir a leigail leinn.'

19

'Cho 'n olc a bhreith Righ Féinne,  
Bheir mi fein air mealtoir;  
A dh' imich le Gráinne,  
'S an diu gu dán rinn falsachd.'

20

Labhair an sin Oscar,  
'Cho d' rinn e riamh d' fhaoil;  
'S nam biodh laoch d' ar 'n uireasbhuidh,  
Bu choir a chuir ruinn.'

21

An sin do labhair Faoghlan,  
Deadh mhac eile Fhinn,  
'Gur ro bhorb leinn Oscar,  
A labhras tu ruin.'

22

'Ciod dheanamh tu Fhaoghlain,  
Re dol an láthair cathanaibh;  
Gu gearrainn do chnámhan,  
Mar bhitheadh ánsachd d' athar.'

23

'Bha fhreagradh sud aig Faoghlan,  
'S cho bu fhreagradh meathaich,  
Bheireamsa dhuit Oscar,  
Mo dhulain a' d' aghaidh.'

24

'Nin urrainn thu Fhaoghlain,  
No aon neach mun chlár;  
Aaon fhocal d' an abarainnsa,  
Ghabhail claoidh os laimh.'

25

'Gur mór an guth sin Oscair,

Fhir nan cosgar catha;  
Gun toir thu oirnn eiridh,  
'S an iorgaill le 'r 'n athair.'

26

'Cia maith thus' is d' athair,  
'S na cathaibh gun tiome;  
Gu toir mi mac o duimhne,  
O Chlanna baoisge uile.'

<eng>(1) Fiddle is a corruption for <gai>'fithchioll,'<eng> a chess-board, or board for playing some game.<gai>

[TD 156]

27

'Bu mhor dhuit sin Oscair,  
Do radh Goll tósd nam beumaibh;  
Gun doir thu 'n laoch d' ar ain deoin,  
O thionail Fiann na h-Eirann.'

28

'S duiladha leam do bhrosnacha,  
A Ghuill chosgara threabhaich;  
'No 'n Fhéinn bhi dhamh mi fhreagarach,  
'S gach laoch le bhagairt treabhídh.' (1)

29

'Ma se sin a deir thu,  
Fhir le 'n caomhe d' fhacal;  
Dean do dhiocheall dhuinn,  
Air an turnna sin a ghlac thu.'

30

'An turnn so 'nois a ghlacamsa,  
An láthair na Féinne,  
Ni 'm faodar gu bheil agaibhsa,  
Na bheiras dhíom e reigáinn.'

31

'S mór a chúis a deir thu,  
Ge maith gu léon is leadairt,  
Dean do dhiocheall dhuinn, (2)  
Air an turnna sin a sheasamh.'

32

'An túrnn so' nois a ghlacamsa,  
Am fiadhnaís feara Pháil;  
Druid a'nuas a Dhiarmaid,  
Is glacams' thu air láimh.'

33

'Thig mis orsa Diarmaid,  
Chugadsa 's gu d' athair;  
Gur mor leam bhur barantas,  
A dhol an láthair catha.'

34

Thainig Diarmaid chugainne,

'S cho b' ann air ar leas;  
B' iomadach laoch againne,  
A dhiothnaichadh sa ghreis.

35

B' iomadach corp créacaidh,  
Ce urlamh na Féinne, (Fui)  
Agus lanna leadarach,  
Ag leadairt a chéile.

36

Cho 'n fhacas re' m chuimhne,  
Urlamh bu mhó géire,  
No clann Fhinn is Oisain,  
Air corpaibh a cheile.

37

Seachd céud 's fichead Toisach  
Do mhuintir Oscair úr,  
Chuir Faoghlan gu dea' thapidh,  
Le aon laimh air cúl.

38

An sin do labhair Oscar,  
Fear chosnadh mor urantais,  
Feach co le 'n deacair,  
Bhi feachainn greis d' ar fulangas.

39

Bu chosmhuil re fuaim tuinne,  
Guth na luinn' aig Oscar,  
'S bu deacair r' a aireamh,  
Na bha armaibh a cosgairt.

40

Bu luaith' e no eas oghann,  
No seobhag trid na b-ealtainn,  
'S gu 'm bu leóir a dheacirachd,  
Na phronnadh e fui' chasaibh.

41

'Gun togar oirnn mar innisge,  
'S am feaste mar sgéul;  
Gun na laoich so theasargain,  
O leadairt a chéile.'

42

'An sin do labhair Conan,  
'S 'e cuimhneachadh na falachd;  
Leigar do Chlanna Baoisge,  
Cuirp a chéile ghearradh.'

43

'S mise Conan iongantach,  
Is tusa Goll nam beamaibh;  
Leig do Chlaun Fhinn is Oisain,  
Air corpaibh a chéile.'

44

'An cumhain leat an t-iomruagadh,

A rinn iad oirnn' a h-Eirinn;  
O Rioghachd na Feadailte,  
Gu rioghachd na Gréige.'

45

'Seachd bliadhna do bhiamar,  
'S na Beagaibh fui' mhealamh;  
'S nac leigadh an t-eagal dhuinn,  
Loc cadail a dheanamh.'

46

'Nach cumhain leat roimhe sin,  
Gu coidleamaid gu suaimhneach;  
Air urlar nan leabaiche,  
An cleitaiche sról uaine.'

47

'Seachd bliadhna do bhiamar,  
An rioghachd Breatan blá'-mhor;  
Aig Cumhall d' ar 'n iomruagadh,  
'S aig Iodhlan a bhrathair.'

48

'Cho 'n fhaod mi fein innseadh,  
Gu deireadh an domhain ór- bhúidh,  
Na thuit an sin le Cuthall,  
Do Mhaithedh Chlanna Mornna.'

49

Seachd láithe do bhieamar,  
Tiomcheall air an Iudhar;  
Seach ceud, is caogad Toisach,  
Do thuit anu gu h-uilidh.

50

A nochda' ceart an sgéule,  
Dhuit a cheann nan cliar;  
Do thuit caogad laoch,  
Le' m fhaodhbhar do 'n Fhiann.

51

Is briathar nach bréugach,  
Dhamhsa fein re rádh;  
Do thuit céud calma,  
A thuileadh air cách.

<eng>Differently placed in I.<gai>

52

'N sin labhair Fioim re h-Oscar,  
'A laoch cuir cosg air h-armaibh;  
Mam bi Clanna Mornna,  
Na 'r deidh beó an Albheinn.' (Albainn <eng>in I.<gai>)

53

Sin e 'n d' úr-sgéul fíor,  
Dhuitsa Chleirich chaich;  
Mar dh' eirich an d' iombhriseadh,  
Eidear Fianntidh Pháil.

<eng>Oscar kept Diarmaid from being killed that day, and told Ossian the very fact, how Graine loosed his enchantment, and all what happened to them since the time they left them, but Fingal would not believe him, and his wrath increased more and more against him, since he lost so many of his men by his fault that day, and for that reason the unlucky Heroe was obliged to fled from Fingal a second time to preserve his life.

Verses 43 to 51 tell part of the Story of Cumhal and Iodhlan, and of the feud between the clans of Morna and Baoisgne. Conan Mac Morna speaks.—J. F. C.<gai>

I. 19. DIARMAID. <eng>304 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 96. Advocates' Library, April 9, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

THE ARGUMENT.

IN this forlorn and disconsolate state Dermid and Grany pursued their journey to a small in the Chanel between the Continent and the Island of Turra, supposed to be Carig-an-daimh, but it is more propable, it has been Carrig-fergus, where they lodged, hid for some time till they got an opportunity to move into the woods of Newry, that country was a property of Diarmid, but is confiscated in favours of Fingal on account of his misdemeanour in complying to run off with Grany. Dermid was upon oath that he should ever pursue the horn and howling of Dogs in the chaise. That he should relieve the distressed and help to redress the injured. That he should oppose the strong and assist the feeble hand. That he should to contuse the Winer and direct the Losser to reclaim his loss at Gamboling. That he should ever obey the highest power or the voice of Fingal, &c. All these vows helped in their turn to shorten his days and hasten his death. Fingal and his Bands happened to be on a hunting party, came into the woods of Newry and rested himself under the shawdow of the very rantree, whereto Dermid and Grany had climbed when they observed Fingal coming. Fingal and Oscar begun to Gambol in which the later had lost three times after another. Dermid upon recollection of his oath directed Oscar by the berries upon every point he should move whereby Oscar won and Dermid was discovered, who was ordered by Fingal to be instantly executed. Oscar<gai>

(1) I. 28. A bagairt sgreaddail geurlann.

(2) I. 31. No dibireadh ao rùa

O na 's duth ach dhuit bhi seasadh

[TD 157]

<eng>insisted upon his reprove. Disputes ran so high that the whole tribe of Clan Baisge were divided into two factions the one with Fingal and the other with Oscar. A bloody engagement ensued in which Oscar was like to overpower his Grand Father. Peace is patched up with loss upon both sides, and Dermid is acquitted for that Day. The following part of this Poem is composed by Ossian in a Lyrick verse, which renders it very agreeable and entertaining and can easily be played upon the Lyre or any Stringed Instrument. It is known in the original among the Caledonians by the name of <gai>'Crosanachd an Iughair,'<eng> signifying, the Lyrick of Newry—but orthographically one is ready to take it to be, Our bad luck at Newry.

NOTE.—After this introduction, follows a copy of the ballad written in the First Collection, lent to Dr. Smith. A few variations are noticed. The chief is the alteration, of verse 52, from Albheinn to Albainn.<gai>

M. 17. BRIATHRAN FHINN RE OSCAR. <eng>26 lines.<gai>

A MHIC mo Mhic, 'se thuirt an Rìgh, 1  
Oscair, a rìgh nan òg fhath,  
Chonnaic mi dealra do loinne, 's b' e m'uaill  
Bhi 'g amharc do bhuidh sa' chath. 4  
Lean gu dlùth re cliù do shìnsreachd,  
'S na dìbir a bhi mar iadsan.  
'N uair bu bheo Treunmhor nan rath,  
Is Trathull athair nan treun laoch, 8  
Chuir iad gach cath le buaidh,  
Is bhuannaich iad cliu gach teugmhail;  
Is mairidh an iomradh san dàn  
Air chuimhn aig na baird 'an déigh so— 12  
O! Oscair, claidh thus' an treun-armach,  
'S thoir tearmann do 'n lag-làmhach fheumach;  
Bi mar bhuiinne-shruth reothairt geamhraidh  
Thoirt gleachd do naimhdean na Féinne, 16  
Ach mar fhann-ghaoth shèimh thlà shamhraidh  
Bi dhoibhsin a shireas do chobhair—  
Mar sin bha Treunmhor nam buadh  
'S bha Trathull nan ruag 'na dhéigh ann: 20  
'S bha Fionn 'na thaice do 'n fhann,  
'Ga dhìon o ainneart luchd eucoir.  
'Na aobhar shìnn mo làmh,  
Le fàilte rachainn 'na choinneamh, 24  
Is gheibheadh e fasgadh is càird  
Fo sgàil dhrithlinneach mo loinne.

O. 25. COMHAIRLE OISEIN DO OSCAIR. <eng>6 lines.

Dr. Irvine's MS., page 117. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.

In this fragment the adviser of Oscar is changed from Fionn to Oisein.—J. F. C.<gai>

COMHAIRLE OISEIN AIR OSCAR AN TUSEUCHD.

OSCAR caomh an treun armach;  
Bi cuin ris an anfhann fheumach;  
Bi mar shruth reodhairt gheamhraidh,  
A caithe naimhdean na Feinne,  
Ach mar thoth chiun sheamh bhath shamhraidh  
Dhoibhsan tha 'n gantar eigin.

A. 27. 1512. DERMIT M'O'ZWNE. <eng>104 lines.<gai>

A HOUDIR SO ALLANE M'ROYREE.

1  
GLENNSCHEE in glenn so rame heive,  
A binn feig agus lon,

Menik redeis in nane,  
Ar on trath so in dey agon

2

A glen so fa wenn Zwlbin zwrm,  
Is haald tulchi fa zran  
Ner wanew a roythi gi dark,  
In dey helga o Inn ni vane

3

Estith beg ma zalew leith  
A chuddycht cheive so woym  
Er wenn Zwlbin is er inn fail,  
Is er M'ezoynn skayl troyg

4

Gur lai finn fa troyg in shelga,  
Er V'ezwn is derk lei  
Zwll di wenn Zwlbin di helga,  
In turkgi nach fadin erm ze

5

Lai M'ezwnn narm ay,  
Da by gin dorchirre in tork  
Gillir royth ba zoill finn,  
Is sche assne rin do locht

6

Er fa harlow a zail,  
M'ozunn graw nin sgoll  
Ach so in skayll fa tursych mnaan,  
Gavr less di layve an tork.

7

Zingywal di lach ni wane,  
Da gurri ea assi gnok  
In schenn tork schee bi garv,  
Di vag ballerych na helve mok

8

Soeyth finn is derk dreach,  
Fa wenn Zwlbin zlass in telga  
Di fre dimit less in tork,  
Mor in tolga a rin a shelga

9

Di clastich cozar ni wane,  
Nor si narm teach fa a cann  
Ersi in a vest o swoyn,  
Is glossis woynth er a glenn

10

Curris ri faggin nin leich,  
In shen tork schee er freich borb  
Bi geyr no ganyth sleygh,  
Bi traneiseygh na gath bolga

11

M'ozwnn ni narm geyr,  
Fragor less in na vest olk

Wa teive reyll trom navynyth gay,  
Currir sleygh in dayl in turk

12

Brissir an cran less fa thre,  
Si chran fa reir er in mwk  
In sleygh o wasi waryerka vlaye,  
Rait less nochchar hay na corp

13

Targir in tan lann o troyle,  
Di chossin mor loye in narm  
Marviss M'ozunn fest,  
Di hanyth feyn de hess slane

14

Tuttis sprocht er Inn ne wane,  
Is soyis sea si gnok  
Makozunn nar dult dayve,  
Olk less a hecht slane o tork

15

Er weith zoyth faddi no host,  
A durt gar wolga ri ray  
Tothiss a zermit o hocht,  
Ga maid try sin tork so id taa

16

Char zult ay achonyth finn  
Olk leinn gin a heacht da hygh  
Toissi tork er a zrum,  
M'ozunn nach trome trygh

17

Toiss na ye reiss,  
A yermit gi meine a torc,  
Fa lattis troygh ya chinn,  
A zil nin narm rind gort

18

Ymbeis be hurrus goye,  
Agus toissi zayve in tork  
Gunne i freich neive garve,  
Boonn in leich bi zarg in drod

19

Tuttis in sin er in rein,  
M'O'Zwne nar eyve fealle  
Na la di heive in turk,  
Ach sen ayd zut gi dorve

20

A ta schai in swm fa creay,  
M'O'Zwne keawe in gleacht  
Invakane fullich ni wane,  
Sin tullu so chayme fa art

21

Saywic swlzorme essroye,  
Far la berrit boye gi ayr

In dey a horchirt la tork,  
Fa hulchin a chnokso a taa

22

Dermit M'O'Zwne oyill,  
Huttom tra ead nin noor  
Bi gil a wrai no grane,  
Bu derk a wail no blai k . .

23

Fa boe innis a alt,  
Fadda rosk barglan fa lesga  
Gurme agus glassi na hwle,  
Maissi is cassi gowl ni gleacht

[TD 158]

24

Binnis is grinnis na zloyr,  
Gil no zoid varzerk vlaa  
Mayd agis evycht sin leich,  
Seng is ser no kness bayn

25

Coythtyc is maaltor ban,  
M'O'Zwne bi vor boye  
In turri char hog swle,  
O chorreich wr er a zroy

26

Immir deit eyde is each,  
Fer in neygin creach nar charre  
Gilli a bar gasga is seith,  
Ach troyg mir a teich so glenn.

Glennschee.

D. 21. MAR MHAIRIBH DIARMAID AN TORC NETHIDH. <eng>66 lines.

Mac Nicol's Collection, Ossianic Ballad No. xi. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 4, 1872.<gai>

1

EISTIBH beg mas aill leibh Laoidh,  
Air Chuidichd O Chaoid sheo chaidh; (1)  
Air Bein Ghullibin sair Fion fial,  
'S air Mac o Duibhne nan sceul truaidh.

2

Dhimir iad 's bu bhor an Fheal,  
Air Mac o Duibhne bu dearg Beul;  
Dol do Bhein Ghullibin a T-shealg,  
Tuirc nach feididh arm a chlaoidh.

3

Dharich a Bheist as a suain,  
Dhaibhirc i uapidh an Glean;  
Dhairich I Faragra nan Fian,  
Teachd a noir san niar na ceann.

4

Mac O Duibhne nach' dob Daibh,  
Chuir e 'n T-shleigh an dail an Tuirc;  
Bhrist e inte an crann mu Thri,  
Bu reachdar leis a bhi san Mhuic.

5

Harruing e t-shean Launn fo ' n Truail,  
A bhuinigh Buaidh ans gach Blar;  
Bhairibh Mac O Duibhne a Bheist,  
Hachir dha fein a bhi slan.

6

Huidh shin uille air aoin Chnoc,  
Laidh mor shrocht air Cean Flath fail;  
Air bhi gha fadda na Thost,  
Labhair e 's gum olc a Chail.

7

Tobhis a Dhiarmaid fo soc,  
Cia miad Troigh san Torc a niar;

8

Shia Traighin deig do dhfhir thobhis,  
Ha an Friogh na Muice fiaghich;  
Cha ne shin iddir a Tobhis,  
Tobhis a rist I Dhiarmaid.

9

Tobhis a Dhiarmaid a rist,  
Na aoghidh gu minn an Torc:  
'S leitsa do Raothin ga Chionn,  
Iulligh nan arm rein-gheur goirt.

10

Dherich e, 's be 'n Turris gaidh,  
As thobhis e ghaibh an Torc;  
Houll am Frith bha nibhail garg,  
Bonn an Laoich bu gharg san Trodd.

11

Aoin Deoch ghosa e d chuaich Fhinn,  
Fhir nan Briaridh blatha binn;  
Fon chaill mo Bhrigh 's mo Bhlaioigh,  
Ochoin gur a truaigh mar dohir.

12

Cha doir mishe dhuit mo Chuach,  
'S cha bho choibhris mi air Hiota;  
Fon 's beg a reinn thu dom Leas,  
'S gur mor a reinn thu dom, aibhleas.

13

Cha dreinn mishe Cronn ort riabh,  
Houll na Bhos an oir na 'n iar;  
Ach immichd le Grain am Braid,  
Sa Huar gam thobhairt fo gheissibh.

14

Gleann shi an Gleann sheo rar Taoibh,  
'Slionbhor Guth Feigh ann as Loin;  
Gleann an trioc an roibh an Fhian,  
Anoir san niar an Deigh nan Conn.

15

An Gleann shin fos Beinn Ghullibin Ghuirm  
'S aligh Tullachan ha fon Ghrein;  
'S trioc a bha na shruthain derry,  
An Deigh nan Fian bhi shealg an Fheigh.

16

Shinn e na t-shin air an Raoin,  
Mac O Duibhn air haibh Feall;  
Na t-shiuigh ri Taibh an Tuirc,  
Shin sgeul fhaithin duit gu dearribh.

17

Giulligh Edidh oir as Each,  
San Eigin nan creich nach gann;  
Laibh bu bhor Gaisge a Gniomh  
Ochain mar ha 'n T-saoigh san Ghleann.

Crioch.

<eng>H. 26. HOW DIARMAID WAS KILLED BY A WILD BOAR.

Kennedy's 1st Collection, page 116. 344 lines. Advocates' Library, Dec. 20, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

THE ARGUMENT.

DIARMAID and Graine deserted from Fingal to a place called Eas-ruaidhe, in the county of An . . . a steep river which empties itself into the . . . and made his abode in the woods there abo . . . The Heroes were passing by the sea shore at the end of the Cataract one day, and Fingal saw a speal that Diarmaid cut off a stick in the water, and immediately knew that Diarmaid was in the woods thereabout, for the speal curled round nine times, and it was s . . . quarters long; there was none in Ireland that could do the like) loosed his dogs and let them through the wood after a wild cat which meet them there (for he know that Diarmaid would not break his vows, see. When Diarmaid heard the dogs howling he appeared unto them; then Fingal did not know how to kill him because he was an excellent warrior unconquered in combats; unless he would break his law, and this was it, he would let but one go to fight with any person once, (for he know that they would conquer the whole world by that regulation;) and for another reason none of his best Heroes would answer him to kill Diarmaid since he was guiltless in taking away his. But Fingal was very cunning, he went to a . . . a mountain, called Beinnghulban, to kill . . . iperous Boar, who was always slaying their Dog and none of them did never venture to go nigh him for fear of being killed. Fingal ordered Diarmaid to kill the Boar; according to his vow, see. Diarmaid obeyed Fingal, went after the Boar and killed him.

Fingal was very sorry that he came safe from the Boar without any detriment; Diarmaid was enchanted, tho' he would get a wound in any part of his body, it would not be deadly, but there was a Mole spot on the sole of his right feet, and if anything would bleed it, he would empty all his blood to the ground till the last drop: Fingal knew that, and he

ordered Diarmaid to measure bare feet the Boar, and that they know how many foot in length that was betwixt his snout and his tail, on his back; he measured the beast downward with great care and leisure and nothing happened to him: Then Fingal desired him to measure the horrid Boar upward against his Bristles, and that he would get any reward or request he would ask: The unfortunate Hero was in great confusion for he dare not break either of his oaths, nor measure the beast upward, but he knew if Fingal would fetch to him out of the Fount, in his own golden Cup, by his own hand and the will of his heart, that it would quench the issue of his wound. He measured the Boar upward on his back . . . . Bristles wounded the spot, then his blood ran down on the Hill like a rivulet's . . . . He asked then a drink of the Spring of Fingal, but he would not gave that untill he lost the least drop of his blood and fall on the heath; Then the Bards and his . . . . lamented over his grave exquisite bitterly, and repents more than ever he did, that he put the excellent warrior who was also his nephew to such a shamefull painfull and pitiful death.<gai>

DAN 25.

1

'S GLEANN sith an gleann so r' ar taobh,  
Far am biodh faóidh fhiadh is lon;  
'S gnáthaichte ruidheadh an Fhiann,  
'S an srath shiar an deidh nan con.

2

Eisteadh beag, mar áill libh Laoidh,  
Air a chuideachd chaoimh so ghluais;  
Air Beinn-Ghulbann 's Flath na 'm Fiann,  
S' mac o duimhne nan sgial truagh.

(1) sheo chaidh uain.

[TD 159]

3

'C' om nach eisteamaid re d' Laoidh,  
Oisain ionmhuinn 's binne glóir;  
No eoin nan cladachd ag caóidhran  
No eoin chóill re teachd an ló.'

4

Latha do bha mo Righ fialaidh,  
. . . fhianntidh nach b' fhiadhach sgà',  
. . . sealg feadh ghleanntina diamhair  
Theirrin sinn sìos gus an tráidh.

5

. . sin chunnaig mo Righsa,  
. ir thus fìor fhir thréune Pháil;  
. . shlisag na cuartaig fhinn gheal,  
'Si naoi fílte teachd gu sáil.

6

Rug e orra na bhois fhoir-ghlain,  
'S dh' amhairc gu bior-shuilach géur;  
Thomhais e i le chois mhaisaich,  
'S b' e fad cuig traidhe is réis.

7

An sin do labhair gu fiathaich,  
'S'e Diarmaid rinn so gun bhréug;  
'S cho 'n aon neach do dh' fhearra Chormaic,  
No do cholgaraich na Féinn.'

8

Dh' eitich mo Righsa gun bhréug,  
'Nach gabhadh e béidh no deoch;  
Gus am faichte gnúis an fhéinnidh,  
Ma bha 'n Eirinn beó an sloc.'

9

Chuir sinn ar gadhair fui 'n t-sliagh,  
'S fui' n choilltich ro' dhiamhair chaoin;  
A deidh fia' chat nan carnna,  
'S gu cluineadh e' n sgairnn san gaoir.

10

Chual an laoch nach b' fhann am blár,  
Gaoir an áird re slios an t-sleibh;  
Agus labhair e r' a mhnaoi,  
'Cho' n éist mi gadhair na Féinne.'

11

'A Dhiarmaid eistsa na gadhair,  
'S nach eil ann ach fadhaid bhréige:  
'S deacair taobsain re Mac Chuthail,  
Leis is cumhair bhi gun chéile.'

12

'Ge de cho 'n eist mi na gadhair,  
'S taodhlidh mi gach fadhaid sleibhe,  
Bu nár nan leigain mo shealg dhir  
Air son an-rún Righ na Féinne.'

13

Do thainig Diarmaid gus a ghleann,  
Gu Féinn ainmeil Innse pháile;  
Is b' ait an sealadh le Fionn,  
A thighain nan ceann 's nan lámhe.

14

Chuaidh sinn gu Beinn-ghulbann ghuirm,  
'S áille tulach tha fuidh 'n ghréin;  
Bu ghnáthaicht' le a shrathaibh dearg,  
Sealg bhi orra dh' Fhionn na Féinn.

15

B' i Beinn-ghulbann leab an tuirc,  
A bha tric fuidh chosaibh fhiadh;  
Mu chomhair deadh mhac o duimhne,  
Do chaill Grainne cónn sa ciall.

16

Shuidhich Fionn 's bu dearg a leac,  
Mu Bheinn-ghulbann ghlais an t-sealg;  
'Fair a Dhiarmaid air an torc,  
'S mor an lochd a rinn an fheall.'

17

'G eisteachd re con-ghaoir nam Fiann,  
Near sa niar a teachd n' ar ceann,  
Dhuisg an an-beist as a suain,  
'S dh' imich i uainn air a ghleann.

18

Chuir air re faicsinn nan laoch,  
Sean torc nimhe nam fraoch borb;  
Bu treine gháinne nam fiodh,  
'S bu ghéire ghath nan gath bolg.

19

'Sean torc diamhair do tha 'n sud,  
Lán do fhuil alluidh 's do ghuin;  
A Dhiarmaid mhic o duimhn ud fhéil,  
Leansa féin an an-beist uilc.'

20

Lean an laoch bu tal'mhídh lámh,  
An an beist a' b' áirde friodh;  
Charaich e chuige 's na dháil,  
Mar fhuaim tuinne n' áirde lith.

21

An t-sleagh o' n bhois bhar-ghil bháin,  
Chuir eisean na dháil ga lot;  
Do bhris e 'n crann air na thri,  
'S dh' fhag e 'n ceann aic shios na chorp.

22

Tharruing e 'n t-sean lann a truaille,  
Leis am buidhnte buaidh 's gach blár;  
Thorchair le O duimhne bhéist,  
'S thainig e fein uaithe slán.

23

Do luidh sprochd air Flath nam Fiann,  
'N tra' shuidh o siar air a chnoc;  
Leasan cho bu turas áigh,  
Diarmaid a theachd slán o' n torc.

24

Air bhi dh' a tamull na thost,  
Labhair e 's gu b' olc re rádh;  
'A Dhiarmaid tomhais an torc,  
Cia lion troidh o thochd ga shail.'

25

Riamh cho d' eitich aon ní 'n Fhéinn,  
A chuir iad r' a ré na dháil;  
Thomhais e 'n torc air a dhruim,  
'S thainig e féin uaithe slán.

26

'Tomhais na adhaidh arís,  
A Dhiarmaid 's ma ní do lot;  
Do rodh athchuing' dhuit d' a cheann,  
Ille nan arm ranna ghéur goirt.'

27

Thomhais e 's bu mhór a sgá',  
Mac O duimhne dhoibh an torc;  
'S ghuin am friodhan barr gheur trom,  
Bonn an laoiach bu gharg san trod.

28

Do thuit e 'n sin air an t-sliagh,  
Mac O duimhne ciabh nan clearc;  
Aon laoch fuileach dach na 'm Fiann,  
Air an tulaich siar o 'n teach.

29

Bha fhuil a ruidh o chorp caóin,  
Mar shruth caól o fhuaran árd;  
Bu truadh bhi faicsinn a leóin,  
Gun chionta no gó fuidh chrá'.

30

Ge d' bu deirge ghruaidh nan t-subh,  
Bhiodh air uilean chnuic san fhéur;  
Dh' fhás iad gu dubh nealach uain,  
Mar neal fuar air neart na gréin.

31

'Aon deoch anois a' d' chuaich Fhinn,  
Fhir nam briathraibh binn, subhach;  
O 'n dhoirt mi moran do 'm fhuil,  
Thoir deoch as an fhuaran chugam.'

32

'De cha tabhair mi dhuit deoch,  
A choisgas do ghoi' no d' iota;  
'S nach d' rinn thu dhamh riamh do 'm leas.  
Nach d' rinn thu faidhoidh do 'm mhi-leas.'

33

'De cha d' rinn mi d' aimh-leas riamh,  
Thall no bhos, an ear nan iar;  
Ach Gráinne dholbh leam am bruid,  
'N uair a bhris i orm mo bhriath'r,

34

'Aon deoch anois a' d' chuaich Fhinn,  
Fhir nam briathraibh binn, subhach;  
O 'n dhoirt mi moran do 'm fhuil,  
Thoir deoch as an fhuaran chugam.'

35

'De cha labhair mi dhuit deoch,  
A choisgas do ghoi' no d' iota;  
'S nach d' rinn thu dhamh riamh de 'm leas,  
Nach d' rinn thu faidheoidh do 'm mhi-leas.'

36

. . . m bu chumhain leat latha shuine (shuimhne)  
. . . o 'n eil fáth a bhi da chuimhneach;  
. . . o mharbhas tri, is ochd ceud dhuit,  
. . . meisg chothann, 's le 'm ghéur chuinsair.'

37

'Aon deoch anois a' d' chuaich Fhinn,  
Fhir nam briathraibh binn, subhach;  
O 'n dhoirt mi moran do 'm fhuil,  
Thoir deoch as an fhuaran chugam.'

38

De cha tabhair mi dhuit deach,  
A choisgas do ghoi' no d' iota;  
'S nach d' rinn thu dhamh riamh do m' leas,  
Nach d' rinn thu faidheoidh do 'm mhi-leas.'

39

'Am bruth chaorainn bha thu 'n láimh,  
O! Fhinn bu mhaith dhuit mi feinach;  
'N uair a bha 'n Deud-gheal, gu d' ghuin,  
'S tu ann an eigainn san d' éug-bhail.'

40

'Aon deoch anois a' d' chuaich Fhinn,  
Fhir nam briathraibh binn, subhach;  
O 'n dhoirt mi moran do 'm fhuil,  
Thoir deoch as an fhuaran chugam.'

[TD 160]

41

'De cha tabhair mi dhuit deoch,  
A choisgas do ghoi' no d' iota;  
'S nach d' rinn thu dhamh riamh do 'm leas,  
Nach d' rinn thu faidheoidh do 'm mhi-leas.'

42

'La eile bu mhaith dhuit mise,  
An Tigh teamhra' 's tu mor iomgain;  
Bu mhi 'n cosgarrach sa bhail,  
'S mi gu d' chosnamh as gach iorgaill.'

43

'Aon deoch, anois a' d' chuaich Fhinn,  
Fhir nam brathraibh bláth, subhach;  
On dhoirt mi moran do 'm fhuil,  
Thoir deoch as an fhuaran chugam.'

44

De cha tabhair mi dhuit deoch,  
A choisgas do ghoi' no d' iota;  
'S nach d' rinn thu dhamh riamh do 'm leas,  
Nach d' rinn thu faidheoidh do 'm mhi-leas.'

45

'Tri mic Innse Tir-fuidh thuinn,  
Mharbh mi iad uile d' an ain-deoin;  
'S dh' ionail mi nam fuil thu steach,  
Ge do chlaoidh thu mi le h-an-iochd.'

46

'Aon deoch anois a' d' chuaich Fhinn,  
Fhir nam briathraibh binn 's na cabh;  
O 'n chaill mi mo bhir' 's mo bhlagh,

Deoch do 'n fhuaran, neo' na tabhair.'

47

'De cha tabhair mi dhuit deoch,  
A choisgas do lot gu siorruidh;  
'S nach d' rinn thu dhamh riamh do 'm leas,  
Nach d' rinn thu faidheoidh do 'm mhi-leas.'

48

'Nam bu chumhain leat la Chonalll ('Chothain')  
Bha Cairbnidh roimhad sa mhuintir;  
Thu fein is an Fhiann ai d' dheidh,  
O! 's truagh 'm ádhaidh gu Beinn-ghulbann.'

49

'Na 'm biodh fios aig mnái' na h-Oighe,  
Mise sheoladh ann san luib so;  
Bu tursach am fir nan ádhart,  
O! struagh 'm ádhaidh gu Beinn-ghulbann.'

50

'Gur mi Diarmaid an Iudhair,  
Chonnachd, agus Buidh, 's Béure;  
'S mi dalt Aondhais a Bhrodha,  
Neach air an raibh rodhe deilbhe.'

51

'S mi dalt Aondhais a Bhrodha,  
Bheirainn todhaidh do gach ur 'chair;  
Thug barr air gach fear le fádhaid,  
O! struagh 'm ádhaidh gu Beinn-ghulbann.'

52

'S mi seobhag shuil ghorm Eas-ruaidh,  
Leom a bheirte buaidh 's gach blár;  
O! struagh mo thorachairt le muic,  
Mu thulachainn a chnuic so' ta.'

53

Do thiodhlaic sinne faidheoidh,  
Le cumha, le brón 's le snith;  
Aon mhacaidh fuilteach nam Fiann,  
Air an tulaich siar fuidh lic.

54

'Nuair a chnnaig Gráinne uilc,  
Gu do chiureadh e fuidh 'n lár;  
Chaill i h-aithne is a gné,  
'S thuit i an neal air a bhlár.

55

Nuair dh' aithrich i as a pná;  
Sheinn i le crá' is le brón;  
Cliú Dhiarmaid bu ghile snuagh,  
Sios gu duainidh air an lon.

56

'Tha leaba deis' ann sa charraig,  
Bha Fionn da farraid ré bliadhna;  
Tha sruith' os a ceann do sháile,

'S cha fhliuchadh mo ghradhsa Diarmaid.'

57

'S' i sinn an leab an raibh Leadan,  
A thogadh t-éug-bhail air fiadhach;  
Am fear nach do smuaintich eagal,  
Roimh cheilair nan con san t-sliagh ud.'

58

'Ochóin b' i sin uair a chéusaidh,  
Gur goirt 's gur géur dhamsa h-iar-guin,  
Do ghorm-shuil a bhi gun leirsinn,  
Fhir a b' eibhinn beul is briathraibh.'

59

'Gur tu mac peathar an Ard-Righ,  
Bha gu badhach ághor fialidh;  
O! struagh a chuir e gu bás thu,  
Gun chion fáth a ghraidh a Dhiarmaid.'

60

'Bu tu aon laoich feara Pháile.  
A dh' fhaotainn buaidh láir an comhrag;  
Thug bárr orr' uile ann 's gach cluiche,  
'S thug an subhachas 's an sólas.'

61

'Bu ghile da chneas nan canach,  
No úr shneachd an gleanntidh caola;  
Thug do chruth barr air an t-sluagh uil';  
Fhir bu deirge gruaidh nan caorann.'

62

'Bu ghuirme do suil nan dearcag,  
A bhiodh air uilean chreach bheann árd,  
'S bu chiuine prioba do rosgaibh,  
No osnach lúbas féur gach fair.'

63

'Bu ghile do dhéud nan gagan,  
A bhiodh air chrathadh feadh an lá;  
'S bu bhinne fuaim do bheoil ionmhuinn.  
No ceól eoin choilteach, 's gach clár.'

64

'Mar dhrisinn' gréine tha d fhalt,  
Gu fionn bhuidh casarlach gradhach;  
Tha do chneas cho mhín san cobhar,  
Fhir a b' fhodhainntach 's gach áite.'

65

'S dubhach mi gun iolach sólais,  
Ach turs' is brón a sior eibhich;  
A chruit chiuil is binne mire,  
Cha tog mo chroidhe gu h-éibhneas.'

66

'Thuit mo spiorad an cuan stuadhach,  
Gun chlos, gun suaimhneas ag gárraich;  
A sior chuimhneacha' do nosaibh,

Och! Mo leonadh is mi gun abhachd.'

67

'Cho chluinn mi tuille do chómhra',  
A b' éibhnaiche no ceól Fiodhail;  
No 'n smeórach 's na gleanntidh fásaich,  
'S dubh a dh' fhag gu bráth mo chroidhé.'

68

'Cho 'n fhaic mi ni 's mó do ghnúis-sa,  
No deábradh do shuil ghorm shoitheamh;  
Ochóin s mi fuidh thuilteach gabhaidh,  
Cho 'n eirich gu bráth gu soluis.'

69

'S doracha do chomhnuidh fui 'n fhód,  
Is cumhan do leab reót gun fhuinn;  
'S cho dearla mhadain gu lá bhráth,  
A dhuiscas tu a' d' phná a shuinn.'

70

'Ach folaichde chaoidh ann san úir,  
Mhiannaiche gach súil do chiabhag;  
Bennachd leat fein is le d' áille,  
Anois agus gu brath a Dhiarmaid.'

71

'Dh' ullaich gach filidh a chlársach,  
A shéinn moladh do 'n lán laoch chúinn;  
Gu do-bhronach 's gu ro thime,  
Ceól 's bu shnithach fann gach súil.'

72

'Gu ma beannaicht' thusa Dhiarmaid,  
Fhir a' b' fhearr briathraibh is ágh;  
Do na tha am fiamtachd Eirann,  
'S an-aoibhinn an diu ar gáir.'

73

'Bha do neart mar thuiltach uisge,  
A dol a sios a chlaoidh do námh,  
An cabhaig mar iolair nan spéur,  
No stéud eisg a ruigh air sáil.'

74

'A Thriath Bhéura b' áille leadan,  
No aon fhleasgach tha san Fheinn;  
Gu ma samhach a raibh d' ór-chul,  
Fuidh chudrom an loin gach ré.'

75

'Ni 's mo cha 'n fhaicar thu air chuan,  
Air an eireadh stuathan árd,  
No 'n doire re sealg an fheidh,  
No 'm blár chéud a sgatha' chnamh.'

76

'Cho mhó chluintar nual do bheóil,  
A bu bhinne na glóir nan ean;  
An Tigh-teamhra' gu lá bhráth,

Fhir bu ro mhaith grádh is gné.'

77

'Gur dubhach an diu gach rosg,  
Bu gheal do bhos, 's bu ghil' do chneas;  
Bu tréun tabhachdach thu laoich,  
Bu phailt mais, is aoigh' is clearc.'

78

'Mile mallachd air an lá  
A thug Gráinne grádh do d' ghnúiss  
B 'e sin a chuir Fionn gu bréin,  
'S a chuir thu a' d' thréin gu h-úir.'

[TD 161]

79

'G' e b' iomad daoine agus neart,  
Mu d' thiomcheall a chlearc nan áill;  
'S tu lamh a b' fhearr iomairt is ágh,  
Ochain do na tha sa ghleann.'

80

'Ach mhealladh do chuma gach bean,  
A mhic o duimhne bu mhear buaidh,  
'S do shuiridhe cha d' thog do shuil,  
Gus an deach úir air do ghruaidh.'

81

'Cha do ghlac cloidheamh na dhornn,  
Nam brat sróil is fhearr san Fheinn;  
Aon neach a bheireadh tu uainn,  
A dh' aingain sluagh Righ na Feinn.'

82

'S cha mho ghlac e sgia' na lann,  
Neach d' an raibh ceann teachd a' d' ghao';  
Mhic o duimhn ud a' ta marbh,  
'N uair a bha thu 'n arm nan laoch.'

83

'Ach o na dholbh thu le Grainn,  
Feadh gach áit' mar fhuath no éilt;  
Ghabh gach duine dhinn ort fuath,  
'S gu h-araid Fionn 's truagh an sgéul.

84

'Cho 'n ionadh mi bhi gun chlí,  
Is dubhach, tiamhidh gun sólas;  
'S a liuthad curidh tréun calma,  
Thuit dhinn air gach ám an cómhrag.'

85

'Thuit iad uil' ach mis' am aonar,  
Mar chrann mosgain, maol, gun duileach;  
Gach darag maóthan is ógan,  
Ge d' bu lionmhur mor re 'n tuireadh.

86

'Ge d' tha 'n diu gun tréin no comhdach,

Bu mhor mo chonadh 's mo lúth;  
Gun easbhuidh daoine no nith.  
Dh' fhag sin saoghal mu seach dhuinn.'

I. 20. BAS DHIARMAID O DUIMHNE. <eng>320 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 104. Advocates' Library, April 9, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

#### THE ARGUMENT.

AFTER the battle of Newry was over, Dermid related to Fingal how Grany had enchanted him to run away with her, and implored his pardon; but Fingal's incredulity and inclemency would not permit him to forgive so atrocious a crime as Dermid was constrained to be guilty of. Therefore Dermid and Grany were obliged to fly a second time from the awful presence of Fingal, and continue their Hermitage in the lonesome Woods and dark Caverns of the Rocks as formerly. Fingal upon the day following went to the woods, and loosed his Hounds after a wild Cat he spied hard by him, in order he should alarm Dermid to the sport. Dermid heard the howling of the Dogs and bawling of the Huntsmen; against the instigation of Grany would appear in the chase and throw himself into the hands of Fingal a second time, who wished his death, could it be carried on accidentally without being a wilful murder. Upon the ensuing day Fingal ordered his Bands to go a hunting to a mountain called Bengul-ban. A huge and viperous wild boar hunted this mountain, which defied all the artifice of Fingal's army and strength of their hounds to kill. The dogs alarmed and pursued the Boar, but durst not come near him. Fingal ordered Dermid to pursue and kill the Boar, and that he would be freely pardoned for his offence. Dermid pursued, attacked, and kilt the dreadful Boar. Fingal recollected that there was a Mole or Mark on the sole of Dermid's right foot, which if touched by the venemous gristles of the Boar that he should bleed to death. Accordingly he commanded Dermid to measure the Boar, and find out his length from the snout to the tail. Dermid measured the Boar downward and came off safe. Fingal ordered him to measure the Boar upward, to which Dermid consented on condition Fingal would grant him a speedy remedy if he happened to be wounded, whereto Fingal agreed. The brave, valarous, and beautiful Dermid O Duin measured the Boar against the gristles, wherewith he got wounded, and Fingal after he is fallen refused him any remedy, not suspecting his death would be occasioned so suddenly by so slight a wound. We can find few or no instances of this nature in all the actions of Fingal, which has been occasioned by the inconstant and perfictious Grany in deluding Dermid to the detestable crime of adultery. Fingal is seldom possessed with the spirit of cruelty and revenge. We find him of a compassionate disposition, even to his professed enemies; hospitable to all strangers.

Full of tenderness and charity to the afflicted; Ready to relieve the miserable, and inclined to Forgive offenders. Slow to cast out with the strong, and powerful to overcome them in war, which is manifested by his advice to his grand son Oscar, one of which we take the liberty to mention here.<gai>

1

O OSCAIR! Claoidh an calma treun,  
Ach dion fui' d' sgoith am fann;  
An aghaidh namham tabhair beum,  
Mar neart sruth leug nam beann.

2

Bi mar an osag sheimh sa mhadh,  
Do 'n dream is laige gnìomh;  
Gu maoinich, meineach, meat a leon,  
Na 'n coimheach broin a strìochd.

3

Na tabhair beum, ach gus am fèum,  
Do chom is treine dhion;  
No h-ob bhi mall gu comhragg lann,  
Mar eagal call do d' Rìogh.

<eng>The following Poem or Lament of Dermid opens upon hunting of the Boar, Dermid expostulating his innocence, enumerating his frequent and great services, and imploring a remedy of Fingal. After his death Grany laments over him in a moving and pathetic manner. Then the Bards sung to his praise and memory in a very tragical and beautiful strain. And Fingal mourned for him many days in the Hall of Turra and Tur-ana.

Note.—Here follow lines which differ from the other version. (H. ). All the rest are identical, and in the same order.—J.F.C. June 6, 1872.  
Collated with H. Mac Lean.<gai>

3

OISEINN fheilidh is binne ceòl,  
No eoin air linnidh nan leug,  
Mar choill cheud tha fuaim do bheoil.

4

Latha do bha mo Rìogh Fionn,  
Is fhiantaidh bu treun am blar;  
A' sealg fea' ghleantaidh is leirg,  
Theiring a mheirgeach gu traidh.

5

Do chunnaig mo Thriath geal ur,  
Bu mhor iul measg fheara Phail;  
Sliseag nua' gu cuan nan tonn,  
Air traidh nan clach donn, 's nam barc.

6

Ghlac Mac Cumhail an t-sleis og,  
A b' fhearr doidh na cornaibh cruinn;  
'S ann leinne bu mhor an t-euchd,  
Bha seachd reisean ann a druim.

7

Do labhair Rìogh Phail nan cuach,  
'Se Diarmaid truagh rinn an t-euchd;  
Cho 'n gon fhear do Chathain Chormaic,  
No ghabh tamh fui' cholbh na Feinn.

8

Dh' eitich mo Rìogh bu mhor miadh,  
Nach gabhadh e biadh no deoch;  
Gus am fuighte Diarmaid donn,  
Ma bha' n Eirinn nan lon phort.

10

Chuaill an laoch, nach b' fhann am blar,

Gadhair bhan ri slios an t-sleibhe;  
Agus labhair e ri Graine,  
Cho' n eist mi ri gàir na Feinne.

13

Thainig Diarmaid gus a ghleann,  
Gu Feinn m' ansachd Innse-Phaile;  
Is b' ait an sealadh le Fionn,  
E tigh' n os ar cionn air fàire.

36

Mharbhas tri fichead, is ceud duit,  
Bu mhor m' fheum le lanna cuinsear.

48

Na 'm bn chumhainn leat latha Clothan,  
Bha Cairbridh roimhead, 's a mhuintir;  
Thu fein is an Fhiann a d' adhaidh,  
O! 's truagh m' adhaidh gu Beinn-ghulbann.

50

Gur mise Diarmaid an Iudhair,  
Chonnachd, agus Buidh, 's Beura;  
'S mi dalta Naois nam fear bodha,  
Laoch air an raibh rodha deilbhe.

51

'S mi dalta Naois nam fear bodha,

54

'N uair chunnaig inghean Ghormala nan steud,  
An treun na luighe 's an ùir;  
Chaill e h-aithne,—thuit san fheur,  
Mar leug gun charuchadh sùl.

[TD 162]

55

Tra dh' airich i as a pnà,  
Sheinn gu craiteach iolach bhròin;  
Cliu Dhiarmaid bu ghile snuadh,  
Shios gu duainidh air an lòn.

59

Gur tu mac peathar Riogh Phaile,

60

Bu tu aon laoch fheara Phaile,  
A bhuidhinn buai' làir ann comhrag;  
Thug barr orr uile 's gach luth-chleas,  
'S thug a d' ghiulan, sugach, solach,

61

Bu ghile do chneas no 'n canach,  
No 'n cathadh 's na gleannaibh caola;  
Dhealradh do chruth ann 'sna leirgean,  
Fhir bu deirge leac no 'n caorann.

62

Bu ghuirme do shuil no 'n dearc,

Air uileann nan leacann ard;  
'S bu chiuine iomairt do rosg,  
No 'u seimh osnach air feur fair.

63

Mar dhrisinne greine t-fhalt,  
Am-lubach, cas-lubach,-ar-bhuidh;  
Tha do chneas co geal 'san cothar,  
A laoich, nach d' fhodhain na blàir dhuit.

64

'S dubhach mi, gun iolach sholais,  
Ach tursa bhroin a' sior eughach;  
A chrùit chiuil is binne mire,  
Cho duisg mo chroidhe gu h-eibhneas.

65

Thuit m' aigheadh 's ann aigeal stuathach,  
Gun chlos no suaimhneas a' garraich;  
A sior chuimhneacha' do nosaibh,  
Och! Mo threodhaid bhroin gun abhachd.

67

Ni 's mo cho 'n fhaicear do ghnuis,  
A dhealradh gu h-ur ann tur Chonail;  
Ochoin! Mi! fui' thuilteach gabhaidh,  
C'uin a thig a ghraidh ort solus.

68

'S dorcha do bhuthainn fui 'n fhod,  
'S cumhann reot do leaba leom;  
Cho dearl' a mhadainn, gu la bhrath,  
A dhuisgeas mo ghradh an sonn.

71

Gu ma h-ahor thusa Dhiarmaid,  
Fhir is fearr briathra' is àgh;  
Do na tha am Fianntachd Eirann,  
'S an-eibhinn an diu' ar gàir.

73

A thriach Bheura b' aille loinreadh,  
No aon ogan tha san Fheinn;  
Gu ma samhach a roibh t-òr-chul,  
Fui' chudram an loin gach re.

77

Mile mallachd air an la,  
A thug Graine gradh do d' chruth,  
Chuir sin Fionn nam Flath o cheill,  
'S truagh an sgeul mar dh' eug u 'n diu'.

78

Ge h-iomad laoch bu mhor neart,  
Mu thiomchall nan clearcan aill;  
'S lamh a b' fhearr-iomairt, is agh,  
Ochain-do na bha sa ghleann.

80

Arm ann uasal nan luath bheum.

82

Ach o na dh' fholbh e le Grain,  
Fea' nan carnn mar fhuath nan eug;  
Ghabh gach duine dhinn air grain,  
Is Riogh Phaile-'s truagh an sgeul.

84

Bu lionmhor sloigh aig Mac Cumhaill.

M. 18. BAS DHIARMUID. <eng>104 lines.<gai>

1

EISTIBH beag (1) ma 's aill libh laoidh  
Air a chuideachd' chaoimh so chuaidh,  
Air Grainne, air Fionn fial  
'S air Mac o Duimhne nan scial truadh.

2

'N Gleann sith sin 's an gleann r'a thaobh (2)  
Far 'm bu bhinn guth feidh (3) is loin,  
Far am minic an robh 'n Fhiann  
An Ear 's an iar an diaidh an con.

3

Air an t-suth sin Ghulbunn ghuirm  
Is aillidh' tulachain tha fo 'n ghrein,  
'S tric a bha na sruthain dearg  
An diaidh na 'm Fiann bhith sealg an fheidh.

4

Dh' imir iad 's bu mhor a chealg  
Air Mac o Duimhne bu dearg li,  
Dol do Bheinn-Ghulbunn a shealg  
Tuiric nach feadadh airm a chaoidh.

5

A Dhiarmuid na freagair an fhaghaid  
'S na tadhaill am fiadhach breige,  
Na rach teann air Fionn Mac Cumhaill,  
O 's cumhadh leis a bhi gun cheile.

6

A ghradh nam ban a Ghrainne  
Na toill-se naire do d' cheile,  
Fhreagairinn-se guth na seilge  
Dh' ain-deoin feirge fir (4) na Feinne.

7

Dhuisg iad a bheist as a shuain,  
Bha freiceadan air shuas an gleann,  
'G eisteachd re garaich nam Fiann  
Is iad gu dian fo cheann. (5)

8

An seann torc nimhe a bha garg  
Thainig o Bhall ard nan Alla-mhuc,  
B' fhaide iongna na gath sleagha  
Bu treise fhriogh na gath builge.

9

Leig iad ris na deadh ghadhair,  
Gadhair Fhinn is fir na seilge,  
Chuir iad a mhuc a bhan le liodra (6)  
'S bha na t-eun choin air a tionntadh.

10

A mhic o duimhne fhir threin,  
Ma 's e 's gu 'n d'rinneadh euchda leat,  
Bith-se cuimhneach air do laimh,  
So an ti fa 'n dearnar leat.

11

Mac o Duimhne nan arm aigh,  
Air faicinn do a bheist uile,  
O 'n t-slos thaobh-gheal shlamhnuich thla  
Chas e 'n t-sleagh an sail an tuirc.

12

Tharruing e 'n t-sleagh o 'n dorn gheal bhan  
Chum a sathadh ann a chorp,  
Bhriseadh leis an cran na thri  
Gun aon mhir dh' e bhith san torc.

13

Tharruing e 'n t-seann lann as an truaille,  
O 's i bhuidhneadh buaidh 's gach blar,  
'S mharbhadh leis an uile bheist  
Is thearuinn e na dhiaidh slan.

14

Luidh sproc air Fionn fial  
Is leig e siar e ris a chnoc,  
Mac o Duimhne nan arm aigh  
A dhol as gu slan o 'n torc.

15

Air dh' a bhith tamull na thosd  
Labhair Fionn 's gu 'm b' olc r'a radh;  
A Dhiarmuid tomhis an torc  
Cia meud traigh o shoc gu shail.

16

Cha do dhiult e achuing' Fhinn,  
'S aithreach leinn a theachd o 'n tigh,  
Thomhis e 'n torc air a dhruim  
Mac o Duimhne nior throm traigh

17

Se traighe deuga do dh' fhior thomhas  
A tha 'n druim na muice fiadhuich,  
Cha 'n e sin idir a thomhas  
Tomhis e ris a Dhiarmaid.

18

A Dhiarmid tomhis a ris  
Na aghuidh gu min an torc;  
Roghainn a gheabhadh tu ga cheann  
Togha nan lano rinn-gheur goirt.

19

Thomhais e, 's cha bu turus aigh,  
Mac o Duimhne nach trom traigh;  
Tholl am friogh nimhe bha garg  
Bonn an laoich bu gharg san trod.

20

Aon deoch dhamh-s' a' d' chuaich Fhinn  
Dheadh mhic mo righ do m' chabhair;  
O chaill mi mo bhlagh 's mo bhrigh,  
Ochoin! is truadh mi mur tabhair.

21

Cha toir mise dhuit deoch  
'S cha mho choisgeas mi air h-iota,  
O 'S beag a rinn thu do m' leas  
'S is mor a rinn thu do m' aimhleas.

- (1) Beagan.
- (2) R'a'r thaobh.
- (3) Fead feidh.
- (4) Fhear.
- (5) Is iad ag cuir gu dian mu cheann.
- (6) Mhan gu leath-trath.

[TD 163]

22

Cha d' rinn mise cron ort riamh  
Thall no bhos, an ear n 'n iar;  
Ach im'eachd le Grainne am braid  
'S a tuar gam' thabhairt fo gheasuibh.

23

Thuit so an sin fo chreuchd,  
Mac o Duimhne ciabh nan cleachd,  
Sar mhac fulangach nam Fiann,  
Air an tuluich siar fa dheas.

24

Cumhachdach gu mealladh bhan  
Mac o Duimhne bu mhor buaidh;  
An t-suireadh cha do thog a suil  
O chaidh an uir do ghruaidh.

25

Bha guirme bha glaise na shuil,  
Bha mine bha maise na ghruaidh,  
Bha spionnadh bha tabhachd san laoch  
Bha sud saor fo chneas bàn.

26

Dh' adhluc iad air aon tuluich,  
Air sith-dhun na muice fiadhuich,  
Grainne Ni Chormaig a churuich,  
Da choin gheal' agus Diarmud.

O. 12. BAS DHIARMAD O DUIGNE. <eng>131 lines.

Dr. Irvine's MS., page 60. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 22, 1872.<gai>

1  
AN gleann Sì, san gleann ri thaobh,  
An gleann an tric an robh fead laoich;  
Eoin is Lomhuinn;  
Far an tric an robh an Fheinn;  
An ear 's an iar deigh nan con.

2  
Air an t-shi Ghulbuin ghuirm,  
Air an tulaich is ailde fo 'n ghrein;  
Air an tric an robh froidhean dearga,  
An deigh sealg fir na Feinne,

3  
Eisdibh tamull ma 's aill leibh,  
Air a' chuideachd chaomh so chuidh;  
Air beinn Ghulbunn, air Fionna fail,  
Air Mac O Duighne nan sgeul truagh (sgial)

4  
Shuidhich Fionn bu chruaidh cheilg,  
Air Mac O Duighne bu deirge lith;  
Dhol a bheinn Ghulbhunn shealg an tuirc,  
Nach d' fheudar leis na h-airm ga dhith.

5  
Dhiamaid na ruig an fhagad,  
'S na taoghail am fiadhach leirge;  
Na rach teann air Fionn Mac Cuthail,  
O' s dubhach thu bhi gun cheille.

6  
A ghradh nam ban, a Ghraine,  
Na toillsa tamailt do d' cheud ghradh;  
Rachainse dh' amharc na seilge,  
Cheart aindeoin feirg fir na Feinne.

7  
Cha d' fhas mi riamh a' m' chrionaich chrithunn,  
'S ionnan sa chreag mo runsa;  
Co a shealladh air graine le toigh,  
Nam fasadh Diarmad na mheall unich.

8  
B' e mo mhiann bhi 'n cois na seilge,  
An toir air Torc a' chraois uamhainn;  
'S tric a leag mi 'n lon a luadhas,

9  
Shuas air eudainn beinn a Ghulbhuinn,  
Dh' fhalbh Mac O Duighne le ceum ard;  
Bu dubhach bu chraiteach Graine.

10  
Shil a deoir Mar fhros na Maidne,

Mar cheò glas bha da shuil (<eng>al.<gai> a gnuis)  
Cha' n fhaic mi tuille Diarmaid,  
Tha m' anam gu dian na dheigh,

11

Mhic Cuthail bi baigheil ri' m leannan,  
Cha bheannachd dhuit m' aighir a chlaoidh;  
Dhuisg iad an uile bheist as a shuain,  
Freicedan air chluas gach beann.

12

'G eisdeachd ri Coin ghairaich nam Fiann,  
'S iad gu dian a ruith fo ceann;  
Leig iad rithe na deagh ghathair,  
Gathair ann fir na Feinne.

13

Thug iad a' mhuc bhan ga leadradh,  
'S na sair choin gheala ga teumadh (ga tionndaidh)  
B' fhaide e teanga na gath sleagha,  
B' fhaide a friogh na gath builge.

14

An seann Torc nimhe bha garg,  
A ghineadh o ardail nan torc;  
Bhriseadh leis an dorn gheal bhlar,  
Thachda dha na bha na chorp,  
Bhriseadh leis an crann na thri,  
Gu 'n aon mhir dho dhol san torc.

15

Tharruig e 'n seann lann dubh o 'n truaill,  
O 'n si b' ioghna buaidh sgach blar;  
Mharbha leis an Uile bheisd,  
As thearnadh na dheigh e fein slan,

16

An sin luidh sproc air Fionn nam Fiann,  
Luidh e siar ris a chnoc;  
Air dha bhi tamull na thosd,  
Labhair 's gum b' olc a radh.

17

Dhiarmad tomhais an torc,  
Cia meud troidh o shoc gu earr?  
Na duilteam t-achuinich Fhinn,  
O 'n 's dan leam cinnteach tighinn o t-iochd (1)

18

Dhiarmad tomhais e ris,  
Na aghaidh gu min an torc;  
Uam gheibh tu g' a chionn  
Tagha nan laun geur bhar goirt.

19

Thomhais Diarmad bu tuirseach da,  
Mac O Duighne nan trom troidh;  
Tholl am friogh nimhe bha garg,  
Buinn an loich bu gharbh an trod. (<eng>al.<gai> bu gharg)

20

Aon deoch a' d' chuaich Fhinn,  
Laoich Mhic Cuthail o 'n chro choinich  
O 'n theirigear mo bhrìgh, 's mo bhìlath,  
Laoich foir no na doir dhuit. (<eng>al.<gai> no na deoir dhuit)

21

O 's aithne dhi leigheas gach feachd, (gach creuchd)  
Cha' n eil leigheas ann mo chuaich;  
A Dhiarmad 's truagh leam do chor,  
'S truagh leam Graine bhi gad' chaoidh

22

'S truagh an gnìomh a rinn an torc,  
Gam chaoidhsa cha bhi Graine aild;  
Ged 'sann gu bas a theid mi nochd,  
'S aithne dhi cleas nan lub,  
A t-iulsa tha teid g 'a toil.

23

Tha gaol domh daingean mar chrìos;  
Tha misneach mar Ghailbhin ard,  
G' a mor a h-osna cha leig fios,  
Ged thuit mi le sligh mo namh.

24

Co so tighinn mar cheò,  
'S a deoir a srutha gun chaird,  
Cò ach Graine 's binne gloir,  
Annir cha bheo do d' ghradh.

25

Mar Ghill eigin nach deach snac till,  
Mar Mhacan is ailde nan t-sugh;  
Ochadan gad' chaoidh saghleann (mar t-aoidh)  
Bha guirme, bha glaise na shuil,  
Bha mine, bha maise na ghruaidh,  
Bha spionnadh, bha tabhachd sano lach.  
Bhi sid saor o shliosean ban,

26

'S truagh mise bhi gad chaoidh,  
Ne m' ainmsa, cha 'n uigh do ghrain,  
Marbhaisg air an torc,  
Ach cha 'n e a rinn m' olc san àm.

27

Cha 'n e, ach Fionn nan cleasan baòth,  
Mallachd aig nn fhaobh gun tamh;  
A Ghrain na bi-sa a' d' dhìom,  
Tha Fionn mar Dhiarmad gu d' dhion.

28

Dh' fhalbh e 's b' olc leam,  
Cha 'n e me run a rinn an gnìomh;

29

Thuit Graine gun cobhair a h-aigh,  
Air gnuis Ailde Dhiarmad duinn,  
Stad a chreuchd bha doirt a fhuil,

Truagh a bhuil an lo sin duinn.

(1) O 's cinnteach leam tigeinn lochd.

[TD 164]

30

Dh' aidhlaiceadh iad air aon tulach,  
Air friodhnaich na Muice fiadhaich;  
Graine nighean Tormaid Mhic Curri,  
Da choin gheala as Diarmad.

31

A Ghulbhrunn, cluinnear do chaoidh,  
'S beag m' uigh dhol gu t-ianach;  
Codail a thuire 'n ad chonnuich,  
Tha do chomhnuidh seasgair dionach.

32

Luidh smal air an Fheinne,  
M' athair fein bha dheth diomach,  
Chlarsach na tog fonn a bhroin,  
Tha deoir a cheana a' taomadh.

<eng>From the recitation of Archd. Stewart, man-servant in Dalchosnie,  
19th Feb., 1801.<gai>

Z. 6. DIARMAID. <eng>56 lines.

Written by Macphail from the recitation of Norman Murray, Habost, Ness,  
Lewis, 1866.

I HAVE a great many more versions of this, orally collected by myself and  
by other collectors in late years. The song is well known in the Islands  
of South Uist and Barra, 1871. This is a sample of decay, and curious for  
that reason.<gai>

LAOIDH DHIARMAID.

EISDIBH beag ma 's aill leibh laoidh,  
Air a bhuidheann chaoimh a dh' fhalbh uainn,  
'S mac-o-Duimhne nan sgeul truagh.

1

Tha srath a 'm beinn Ghuilbean, ghuirm,  
'S àrda tulach fo 'n a ghrein;  
Far an suidheadh sinn pubull àgh,  
'D ol do 'n t-seilg le Fionn nam Fiann.

2

Triall do bheinn Ghuilbean a shealg,  
Air muc nach feudar aimn dhi;  
Dhuisg an uilbhiast as a suain,  
'S dh' imich i bh' uainn air a ghleann.

3

'N uair chuala i tartar nam Fiann,  
Ghabh i an Ear san I iar fo ceann;

'N uair chuala i tartar nan laoch,  
'S i 'n gleann Sìth an robh Fraoch borb.

4

Bu deirge i na graine fiodha,  
'S bu gheire friogha nan gath balg;  
Bhriseadh leatha an t-sleagh mar stri,  
An crann bu rioghna fo na mhuic.

5

Bho 'n bhus 's deirge eilltrich bhlàth,  
'S bu chradh leinn nach b' ann na corp;  
C' uim' nach ciosnaicheadh tu an torc,  
Le tarum nan laoch bu mhor naimhdeas.

6

Air bhi dha fada na thosd,  
Labhair e ge b' olc ri radh;  
Tharruing e an t-seann lann bho 'n truaille,  
Or bu leasan buaidh guch blàir.

7

Dhiarmaid tomhais an torc,  
C' ia lion troidh o top a ta;  
Thomhais e mhuc áir a druim,  
Mac-o-Duimhne nach truime troidh.

8

Dhiarmaid tomhais i rist,  
'Na aghaidh 's mine an torc;  
Thiomdaidh 's cha bu turns àigh,  
Cha d' thomhais ach a dha san torc,

9

Chaidh a gath nimh bu mhor craidh,  
A 'm bonn an laoich nach tlà san trod;  
Aon deoch an uisge dhomh Fhinn,  
'S gheibh thu athchuinge da chinn.

10

Rogha nan arm rionn geur gort,  
Chi thu air a chnoc ud thall;  
Cha tabhair mise dhuitse deoch,  
'S na 's mo cha choisg mi air t-iota.

11

Cha d' rinn thu riamh dhomh leas,  
Nach d' rinn thu 'n aon uair dhomh dh' aimhleas;  
B' fhada leis an Fheinn bu chuimhne,  
Mar a bitheadh Fionn gha iarraidh.

12

Ge bu ghorm an dè an tullach,  
Bu dearg e 'n diudh le fuil Dhiarmaid;  
Thiolaiceadh sud anns an tullach,  
Fo thunnachd na muic fiadhaich.

13

Grainne ni-Chormaic, ni-Chuilleann,  
Le da dhealbh chuilean 'us Diarmaid;

Gu 'm b' fhada, 'us gu 'm bu bhuidhe fhalt,  
Mall a rosg us fada a leac.

14

Bha maise 'us guirme na shuilean,  
Maise 'us caise an cul nan cleachd;  
'S mionaig a ruitheadh an Fheinn,  
Air an t-sliabh an deigh nan con.

<eng>&. EXTRACT FROM A LETTER

Addressed to Miss Mac Leod of Mac Leod, by a Lady, sent April 18, 1872,  
from Dunregan.

THIS shows that Heroic Ballads are known to the very poorest classes in  
the Highlands, and that they are localised everywhere.

<gai>'Beinn Ianabheig,<eng> a peaked hill above the Bay of Portree, was  
once called <gai>Beinn Gulban,<eng> where Diarmad, the friend of Fionn,  
was wounded when measuring the wild boar.'

'At Sgor is the grave of Diarmad; and at Benmore is <gai>Tobar-an-  
Tuiric,<eng> from which, when dying, he besought Fionn to fetch him a  
drink.

'Margaret Macleod, a poor forlorn woman at Portree, knows these places,  
and can sing the songs about them.'

THE STORY OF GOLL MAC MORNA.

P\*. 3. (D. 23. I. 16. O. 20. Z. 25.) (H. 27. I. 17. P. 8. X. 13.  
&.) (A. 24.)

THE Story is told by Kennedy in his 'Arguments,' and the Ballads tell it  
for Gaelic readers. I will tell it in English when I translate. Goll was  
the nickname of Iodhlan: it means 'one eyed.' The name was earned in a  
story about a trip to Lochlann, which I picked up orally. The hero was  
Chief of the Clanna Morna, the biggest and strongest of the Feinne, with  
the title of <gai>'Gaisgeach na Feinne.'Bhima, in the 'Mahábhárata,' was concerned about the Commissariat. He had  
a right to all the marrow, and all that could be got out of the bones.  
Fionn, Chief of the Clanna Baoisgne, quartered his grandson Oscar upon  
Goll. He was called names equivalent to Gnawbones and Lickpot, and so  
played the character whom Dasent named Boots.

Gnawbones slew a dragon in a prose story, which I have got and will  
translate. He earned his nickname of Oscar, and rose from cook's mate to  
be a chief. As Goll got old Fionn quartered his youngest son upon Goll;  
when he grew up he challenged Goll, and proved the strongest. They  
fought, and Fionn's son was slain. Thereupon the ancient blood-feud about  
the slaying of Fionn's Father by the Clanna Morna, whom he had driven and  
oppressed, broke out. Fionn's tribe, as I was told, in 1871, in South  
Uist, bound Goll, and set him with his face to a gale in a sand-drift, so  
he was blinded; then they drove him into a cave, and thence on to a rocky  
point, where he starved to death. His wife came to him, and he bade her  
marry a Spanish warrior, the only one who ever had vanquished him. In the  
Ballads which follow it is easy to trace this story, which may be true.  
It is curious to trace the changes. In 1512, they were going to seek a  
man's head; in 1871, the story current amongst the people savours of the

ways of Lapps, who live on venison and set great store by marrow bones; but, in 1760 or thereabouts, the poetry savours of chivalry.

Instead of the quarrel about marrow bones and food, which must have been a real cause of strife amongst hunters in the middle of the third century, Caoirreal hangs his shield above the shield of Goll in the House of Almuin. (D. 5. below.) Possibly that pretension was a cause of strife when the Poem was composed or shortly before; but the popular tradition is most probable.

A curious underground dwelling in North Uist, discovered a few years ago, was strewed with marrow bones, beef bones, mutton bones, and deer's horns, and edible shells. In Ireland cattle raids were fertile causes of strife, and famines caused cattle raids. In the hands of Dr. Smith, the marrow bones and shields turned into sentiment as any English reader can see by turning to 'Gaelic Antiquities, Edinburgh, 1780, by John Smith, Minister of Kilbrandon, Argyllshire.' <gai>

[TD 165]

P\*. 3. LAMH-FHAD. <eng>146 lines.

Rev. Alexander Campbell's MS. Copied by Donald Mac Pherson, Advocates' Library, July 16, 1872.

WHILE printing these sheets a collection made, about 1803, by the Rev. Alexander Campbell, Minister of Portree, in Skye, was found in the Gaelic drawer at the Advocates' Library. I got a list of the contents, and marked it P\*. Some person unknown condemned the collection thus: 'Style low; versification harsh and clumsy,' 'Dargo pretty correct,' and so on. Wishing to judge for myself, and let others judge, I got this extract.

A story about Longhand and Goll, in Lochlann, is current in 1871. I wrote it myself in Uist from the telling of Mac Isaig. A story and ballad of the same purport were mentioned by Hill as current about Loch Awe in 1780. It is quoted by Dr. Donald Smith, p. 120, 'Appendix, Report on Ossian, 1805.' That story and this ballad belong to Fionn's Expedition to Lochlann. See above, p. 83. They explain how 'Iollan' got the name of 'Goll' = One-eyed. A ballad called 'Laoidh an Duirn,' or the Lay of the Buffet, is often mentioned in Scotland as one to be greatly admired, and a standard for Lays; but I have never found anyone able to repeat it. A ballad known by that name is common in Modern Irish MSS. In one, which I have, the chief characters, are Iollain Mac Morna, or Goll, and Lughaidh Lagha. In another Lughaidh Lamha is the name. In Mr. Campbell's Skye ballad the Metre is peculiar. A pronoun connected with the Sun is written e = he, instead of i = she, which is a mistake, because the noun is correctly made feminine by its aspiration. The sentiment is foreign to ballads, and belongs to a later class of Gaelic songs. I conclude that this is a modern version of the old ballad which is known as the Lay of the Fist, or Buffet, or Cuff, of which I have no other Scotch version.<gai>

1

CHAIDH Fionn is Oscar is Mac Morn'  
'S moran do mhaitheamh nam Fiann  
'Lochlann le cuireadh o Tarcum  
Gu cairdeas is gaol a choimhead

2

Gu sith am bannamh gun cheilg

Cheangal gu dian 's gu daing an

3

Tiaruinte dh' imeach na b-armuin  
Gun chunnart gun ghabhadh gu calla  
Choinnich slioc Lochlann air traigh riu  
'S an t-ard Rìgh dh' altuich am beatha

4

Seac la agus oich' gun sri,  
Ri ceol 's ri iomairt 's ri aighear  
Bha Fionn is Tarcum nan long  
'S a laoch gu fonnar ga chaithibh

5

Ach 's mealta gun fhuras a saoghal  
Ge broscalach faoilteal a shealladh  
Chi' thu e dìreadh 's a tearnadh  
'S tric e na scaileadh mar fhaileas

6

Tha Ghrian sa mhadain ag soillseadh  
'S e g eiri gun nial air athar  
Le mor theas togaidh e 'n driuchd  
Gu suilbhir seallaidh gach fearainn

7

Ach duthaidh go h' alamh nan speuran  
Tathaidh neoil thiuidh air na beannamh  
Chitir an dealan a dearrsadh  
'S cluintir an tairnean le forum

8

Silidh an t-uisge gu nuath' alt  
Diridh e nuas oirnn na mheallan  
Croicidh an tuil o 'n a bheinn  
'S an earbag teachaidh gu falach

9

Mar sin caochlaidh ur dochas  
'S dolas leannuidh fo ghruaim  
'N diudh tha thu aobhach gun douruinn  
'S labhraidh le solas do bheul

10

Treigidh a mairaidh do bharrail,  
Thig norr'uinn faireas le fuaim;  
Gun fhios thig saighid cho guinneach  
'S tuislidh le turraig do cheum.

11

Rinn Tarcum feadhachas mhor  
Bha Fionn 's mhaitheamh fo ghean  
San dochas gu n' chairid an Ridh  
Is sìoth nach bristeadh e tuillidh.

12

Ach mealta bha fhocall 's a ghnìomh  
Ceilg rinn e shnìomh gus am milleadh  
A ghuin sa neimhdeas dha 'n Fheinn

Cheil e fo dhuthar nam faolladh

13

Bha Lamhfhad gu borb aig a chuilm  
Mac baoth na Muirirdeach ruaidh  
'S b' ionmhuinn le Tarcum an laoch  
Ge b' aognaidh aogas 's a ghabhail

14

Scian orbhui chlocharra cheangheal,  
Riabh ris nach do dhealaich Mac Chu'aill;  
Groim thuair Lamhfhad le feall orr,  
'S b' aill leis dha fein gun gleidh

15

Ach ghlac Mac Morn i na laimh  
Is Lamhfhad ged dh' iarr cha 'n fhaidh  
Tus na h-iorghuil 's na douruin  
Gu truagh se Tarcum choireach

16

Dh' eirich greann is fearg a laoch  
Ach Goll cha chaochladh am bharaill  
Cha d' thugadh e seachad gun sri  
Scian bhoadhar an Righ si aig'.

17

'Com am bheil thu dusgadh iorghuil?  
Com bheil thu 'g iarrui dosuin?  
Do dh' Fhionngheal buinidh an scian  
'S do Lamhfhad a chaoidh cha tabhair

18

Suidh fhir mhoir 's na mill a chuilm  
Na bachd toil-inntinn na cuideachd  
Na brist snaim daingann na sioth  
Rinn bhur Righre treun an cheangal.'

19

Cha d' dh' eist an t-umpaidh an laoch  
Cha d' gheill e le sioth dha chomhairl  
Dh' arduich e ghuth fiadhaich cruaidh  
'S chluinte fada fuaim a mhuineal

20

'Is tric se Morna a rinn thu beud  
Air maitheamh is treunfhir Lochlann  
Cha till thu tuilleadh air sal  
Gu brath cha tarruing thu cloidheamh.'

21

Tharruing e 'n dorn le laimh chearr;  
Mac Morna ghearr e gu fuilteach  
Thuit e fein alamh na dheigh  
Bho lar cha d' dh' eirich e tuilleadh

22

Sparr Goll a scian orbhui na thaobh  
Chraobh fhuil a choim as a dèadh  
Ghlaodh e gu cruaidh chaill e chli

Cha b' urrainn Tarcum ga chobhair

23

Glac' mid ars' Tarcum bhur 'n airm  
Suas eirimh uile shliochd Lochlann  
Doirtibh fuil nam Fiantidh gu lar  
Na teichidh aon-aonan diubh dhachaigh

24

Tuiteadh iad le 'r faobhair chruaidh  
'S biodh aoibhneas air mna'an 'n fhearain  
Tuillidh cha chaill oighean an gaoil  
'S mac cha bhi mathair a tuireadh

25

Bidh Morbheinn 's a feidh aig Laoich  
Nach striochd a dh' iorghuil na dh' eagall  
Fionngheal 's a ghaisgeach san uir  
Cha dhùisgir tuillidh dhuinn cogadh

26

Bha 'n Fheinn gun chlogaid gun sceith  
Gun cheilg cha d' smuainteach air cogadh  
Gun duil ri tuasaid no sri  
Gu siothail na suidhe ma 'n t-shligeadh

27

Ach alamh ghlachd iad an airm  
'S ged' thionail na ceudan curri  
Dhion iad an cuideachd gu treun  
'S an ceum a gluasad gu loingeas

28

Rheubadh lamh Oscair an aigh  
Le geur lann guineach Righ Lochlaun  
Ach scaradh eisin gu teann  
'S bu tiamhaidh builleann nan gaisgeach

29

Bha forrum a sciath san shluasaid  
Mar fhuaimneach thartarrach chreige  
Nuair bhualis dealan i'm fuathas  
Ga bloidhidh na caoban le ghlaoidhir

30

Mar sin chluinnte fuaim an sciath  
Gu mor uaibhreach anns a' chath  
'S dh' arduich air gach taobh an iorghuil  
Aig 'n d' rainig an traigh na maitheamh

31

Bhiodh Tarcum na Oscar 'n uair sin  
Na sineadh gu luath gun anam  
Mar brist a sleaghan na cheile  
'S gu na dh' eighmh mac Chumhail air Oscar

[TD 166]

32

A mhic mo mhic Oscair aigh

Bachd do lamh is fàg an t-aineol  
Tha ghaoth na deannamh gu Morbheinn  
'S air siuil bhana ard ri 'n crannaibh

33

Chaill Tarcum urram de laoich  
Bhuinig thu cliu air 's an deannal  
Nach d' choisinn sinn buaidh na h-àraich  
Rinn feum mar b' abhaist dhe 'r lannamh

34

Sheas an iorghuil scuir an t-shri  
Sheol laoich nam Fiann bho'n chala  
Is chluinte neimhdean na 'n deigh  
Ri glaidhaich eildol gun aighear

35

Deach agus fichead fear mor  
Gu fuilteach leonadh le'r lannibh  
'S a dha dheug eile 'sa naoidh  
Sin thuit air an raoin gun anam

36

Chaill sinne Faoilte gun ghruaim  
Is Luath-chas dhireadh nam bealach  
Dithis bu shuthach aig cuilm  
'S nach tiuntadh an cùl san deannal

37

Thog Fionn leis an Coirp ar sàl  
Air ard bheinn chaireach san talamh  
Bha mnaoi fad bliadhna gan caonidh  
Is Rìghinn tuireadh an caulla.

LAOIDH AN DOIRNN. <eng>124 lines. Irish. Extracts.

THE story current in Scotland makes this a quarrel in Lochlann. The Irish ballad makes it a civil broil in Ireland, at a feast at the King's House, at Teamhra, in the reign of Lughaidh Mac Con, who reigned, according to Keating, A.D. 182-212. Oisein, who was present, is made to tell the story to Padruig, whose mission began A.D. 432. I have made shift to copy ten verses from a second Irish copy of this Lay, in which there are 124 lines. I bought both MSS. from Mr. John O'Daly, Dublin, in December, 1871, and I know nothing of their pedigree. If I have erred in reading, I have not done it on purpose. Irish is not my business, but I have done my best to copy it letter by letter.—J.F.C.<gai>

OISEIN.

1

DO chuadh mar go tos Teamhrai,  
As bu líonmhar linn teacht ar d-Teaghlaidh;  
Ar chuir Mac Con na g-cath,  
Rìgh Eireann árd fhlaith.

2

Is e buidhin do tháinig nár g-cionn,  
Do mhathaibh Eireann gan feall,  
Da árd rìgh catha ceata,

Mac Con a 's Fionn flaith na Feinne.

3

Cormac Mac Iollalaidh chais,  
Dear bhrathair Mhèic Con Mac a Mháthar;  
Brasair bèara fear do bhuidh,  
Rìgh Laigheann re h-ìomad sluaigh.

4

Tháinig cugainn as Cruachna,  
Liagan luaimhneach luachra;  
An tréin fhear do bhí lan do ghoil,  
Iollann Mac Mórna fortail,

5

Do shuidh Iollann Mac Morrna Mór,  
Gach fear díobh an-ionad áir;  
Fir Eireann ag-Cathaoir n-uáill,  
Ag-tìgh rìgh Teamhrai na mór sluaigh.

6

Do shuigh Lughaidh Làmh na g-creach,  
Ar ghualainn Ghoill go dána;  
Ar aghaidh Fhinn Mhic Cumhaill,  
As ar ghualainn Bhrasair Bhéara.

7

Ann sin adubhairt Lughaidh Làmhna focal,  
A 's nìor bh-feirde friotal,  
Bheir muintirsi marseo a d-tìr Chuinn,  
Nì fhacadh tusa a threan Ghoill.

GOLL.

8

Do chonairc mise Muintir mhór mhaith,  
A d-tìgh Chuinn ceud catha ag òl;  
Builli dho dá samhail a ngloann Catha,  
Da ghnuis uasal a 's árd fhilatha.

LUGH.

9

Nìor comòradh raimh Conn,  
Re Mac Conn ar toinn;  
Buillidha da samhail a ngleann Catha,  
As dà ghnuis uasal ardfhila.

GOLL.

10

Do dhìgh tusa guth thabhairt ar Chonn,  
Tur mhairbh se do shinsir  
Gur ab e do mhairbh fo-scaì  
Mogha Nuadhat as Maicmadh Mac Luigheach.

D. 23. A CHIOS CHNAIMH. <eng>66 lines.

Copied from Mac Nicol's Collection by Donald Mac Pherson. Advocates' Library, May 3, 1872.

THIS fragment is part of the quarrel between Caoirreal, Fionn's youngest son, and Goll, chief of the Clanna Morna.<gai>

1  
SIN iad hugaibh hun an Oil,  
Air mo shithse maodhain mhor,  
Gun aon Sgiadh air duinne dhibh,  
Gun a còmhdach uille dh' or.

2  
Dath na 'm Flath air dhath an Eug  
Dath an S sneachda thig a nuas  
Dath as aile no air Chach,  
Rosg Riogh orr uille gu leir.

3  
Ha aon Duin' air thus an Sluaidh  
'S na biodh a Mheud mar ha Bhuaidh.  
Cha d' imigh e 'm Fear ga Choish  
Aon Neach ga 'n cumhaidh ris comhrac.

4  
Caoirreal ceutach mar bu Dual  
A chi thu ar thus an T-sluaidh,  
Da Trian Ruim ort Fhein gan Fheall  
Rheitichir a Rum roimh Chaoirreal.

5  
Go 'n chuir Caorreal ma Mhi-cheil  
Am Flaitheas a Shean-ath'r fein,  
A sgiadh osciom sgeithe Ghoill  
Am an Tulachin Tighe na Halbhaidh.

6  
Go de bheireadh sinn duit, Fhir,  
Do sgiadh chuir acionn mo sgeithe?  
Gar m' fheabhas do Mhac Flath,  
Agus mo chruas a chuir Chath,  
Mo mhi mion re Bannal Bhan,  
Agus mo bhi fial re Fili.

7  
Dh' fairid Caorreal seach a Lamh,  
Dheadh Mhic Cumhail na 'n Arm sean  
Cia ma 'm biodh a Chios Chnamh  
Ga cuir uille a dhaon Lathair?

8  
A Chios Chnamha, a Chiois Chamha,  
Gur mairg leinne air 'n do thar Thu  
'N fheoil ma 'n do las meanmna an Fhir,  
Cho raibh 'n sud ach Ciois trian fir.

9  
Ge be bheireadh uain an Smior,  
Chion agus nach bann dom dheoin,  
Bheirin breitch ris a Chnaimh,

Go La bhrath nach blaisinn Feoil.

10

Cnaimh an Daimh aillidh san T-sliabh  
Gun a chuir an coire riamh,  
Thugthar sud an Laimh na Deishe  
Air an lar nar fianishne.

11

Leanabh leanabidh is Laoich làn,  
Cho 'n ann' Comh' fhad theid an Comhrac,  
Cho leanabidh is Mac Riogh thar soal,  
On Tim the e fein air airtheast.

12

Dheridh Sheishear laidir Laoich  
Edir an Leanabh san Toglaoidh  
Gun Fhiu na sgein air an Crios  
Air Eagal a Cheile mharbhadh.

13

Se huirt Connan maol mac Morna  
'M fear a bhadh riamh ris an olc  
Thugthar dhamhsa ma Sgian fein,  
S go 'm bithin thall eattora.

14

Se huirt Oissean beg mac Fhein,  
Leith mar leith air an leath Roinn  
Thugthar dhamhsa mo Sgian fein,  
'S thugthar a sgian fein do Chonnan.

15

'S iomad Og an Earradh Gaisge  
Agus Laoch ar faicsin Gabhaidh,  
'S iomad Laoch luanaich air Lannaobh,  
Gheibhte thall ma Cheannaibh Chnamha.

(1) Gen bheilm.

[TD 167]

16

Am facadh tu Iongnadh riamh  
A Chlerich, channadh gach Cliar (2)  
Bu mho na 'n Fhein uill a theachd slan,  
Ga 'n edrigin cu aon Chnainh.

I. 16. BAS CHATRILL. <eng>128 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 117. Advocates' Library, April 10, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—This fragment is a second bit of the Quarrel between Caoirreal and Goll. It describes the death of the young Hero, and ends with Fionn's Lament for his son. It is not in Kennedy's First Collection. It seems to be more modern than the other, but it is fine Gaelic poetry.

## THE ARGUMENT.

THE manner by which the death of this famous Hero was brought about was very tragical, whose story is related traditionally as follows:—Gaul being the most experienced Warrior of all the Bands of Fingal; and the only one living of the royal race of Clan Moirne, of whom he held command under the famous Flag and special advice of Fingal, and who upon all occasions and at all solemnities was honoured and regarded above any Man of either Clan—Gaul having always occupied the next seat to Fingal, and enjoyed the best and most delicious Messes, especially a Roast or Colop (called Mirmora) over and above the wont ratio of all the Grand Bands created him in his declining years ill will and aversion, by the ambitious Sons of Fingal, in particular Caril.—This Mirmora, or rather Mircorra, was a favourite Mess of Fingal and Gaul, which was but a choice Colop chopped and mixed with marrow and herb seeds: It is described thus:—  
<gai>

Mirmora nan laothan saille,  
Mar shruth meal air barach gheugan;  
Is greadhainn nan lus ga charadh,  
Do Mhomad armann nan geur-lann.

<eng>This Mirmora and every other reward conferred upon Gaul was claimed by Caril, finding himself the bravest and most accomplished Champion among the Sons of Fingal, seeing Gaul aged and unfit for distant services, disputed his birth by dint of arms. The invincible Gaul and inveterate Caril entered the lists and engaged each other in wrestling whereby they could not decide the cause that day, being both equally overcome.

The day following they met, well clad in armour, furnished with sword and Lance (against the persuasion of Fingal) whereby they shewed great courage and bravery, and Gaul gave the decisive stroke to Caril, who has been lamented by Fingal for many days. Gaul fled and hid himself in a Cave full of grief and sorrow, not chosing to rely upon the friendship of Fingal till his days of mourning elapsed. The Poem opens at their engagement and ends by Fingal and the Bard's lament over Caril's corpse.<gai>

## BAS CHAIRILL.

1

ANN Tigh-teamhra nan cruite ciuil,  
Air dhuinne bhi steach mu' n ol;  
Dhuisg an iomar-bhaidh na laoich,  
Cairill caomh, is Momad mor.

2

Dh' eirich gu spairneachd na Suinn,  
Bu truime no 'n tuinn cuilg an cos;  
Sroinich an cuim chluinte cian,  
'S an Fhiann gu cianail fui' sprochen.

3

Clachan agus talmhinn trom,  
Threachailte le 'm buinn san stri;  
A cliarachd re fad an la.  
Gun fhios cia dhiu b' fhearr sa ghnìomh.

4

Air madainn an dara mhàireach,  
Chuai' na suinn an dail a cheile;  
Cairill cuilgeara nam buadh,  
Agus Goll nan cruai' lann geura.

5

Dh' iathadh, dh' imiridh, agus thàirneadh,  
Iad gu naisinnich sa chumasg;  
Gu cuidreach, cudramach, gàbhaidh  
Bu chian le cach gair am buillean.

6

Bu mhinig teine d' an armaibh,  
'S cothar garbh d' an cneasa' geala;  
Chuai' an sleaghan righne bhernadh,  
'S an sgiathan gu lar a ghearadh.

7

Thuit Cairill caoin, calma, ceanail,  
Gun anail fui' n Chuinne-chrotha;  
'S beudach, baolach, borb am buille,  
Leag an curaidh sa chruai' chomhrag.

8

Mo laogh, mo leanabh, mo ghradhsa,  
'S truagh a chraidh do bhas an t-athair;  
Do radh Fionn an aignidh chianail,  
Bu truime no ghrian fui' phlathadh.

9

O Chairill! A Mhic, a ruinein!  
Dhruid do shuil, is ghlais do dheud-geal;  
Ghluais do neart mar osag uamsa,  
Chaochail do shnuadh mar bhla' gheugan.

10

Cho 'n fhaicear ni 's mo do thighin,  
Air an t-slighe chum na coi-stri;  
Cho mho chluinn mi fuaim do sgeithe,  
Ghaoil nam beum a' teachd do' m chonamh.

11

'S truagh nach b' ann le ain-neart choimheach.  
No Rìogh an domhain a bhuailt u;  
'S bheirinnse t-eiric a Chairill,  
O Chrigaile nan arm buadhar,

12

Beannachd dhuit a Chairill Cheutaich,  
'S iomad ceud a dhiong thu 'n comhrag;  
B' fhad a thriall u, b' fhaide cliu ort,  
Ann 's gach iul ann d' fhuaras eolas.

13

Bu mhuirneach, misneachail, meamnach,  
Thu 'n Tigh-teamhra measg nan ceudan;  
A laoch fhuilichdich san torachd,  
Sgeula broin an diu' mar dh' eug u.

14

'S truagh nach ann cathan mhilidh,  
Leaigt u mhin laoich nan dual arbhuidh;  
Bhiodh sliochd Cumhaill toirt diu torachd,  
Fea' gach roid g' an leon san àraich.

15

'S tursach, deurach ceol na Feinne,  
Caoi' an treun laoich, b' eibhinn gaire;  
'S tiamhaidh, dolach Fionn ga d' bhron,  
Nach faicear beo u 'n teach nan armann.

16

'S dosgach eug a ghaisgich euchdoil,  
Thuit gun t-eug-bhail ann sa chumasg;  
Mar neul oiche ghluais e uainne,  
'S e sin an sgeul truagh is cumhainn.

17

Oighean Shora seinnear bron leo,  
A leith an Ogain chaoimh, aillidh;  
Mar cheo nam beann tha gach muthainn,  
'S nithich, cumhach air lag mharan.

18

Tha' n laoch araiceil toirteil, talmhaidh,  
Gun iomairt gun arm, gun uigheam;  
'S cumhann conart, t-ionad comhnuidh,  
Chois an loin-gur mor am puthar

19

Air cuan nan leug, scian a ghluas e,  
Air sumainne uathmhunn, cair-gheal;  
Ceolmhor, ceileireach san leirg,  
Re tim seilg' a tathach lan-daimh.

20

A laoich, mheidhich, mhuirnich, bhàdhaich,  
Labhraich laidir luimnich, bheimnich;  
Mar shruth neartmhor u measg namhan  
Soraidh leai a ghraidh nan geur-lann.

O. 20. GOLL IS CAORULL. <eng>16 lines.

Dr. Irvine's MS., page 111. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.

THIS fragment, got near Dunkeld, is part of the same ballad of which two fragments are given above.<gai>

C.

1

BHEIRINN boid ris a chraimh,  
Gu brath nach blaisinn an fheoil;  
Nan tugta dhìom an smear (smior)  
Cheana 's nach b' ann a' m' dheoir.

G.

2

Chailleadh tu a smior,  
Ga mor do chion air feoil;  
B' fhearr do Ghaisgeach luidhe air airm,  
Na gaoil a thoirt a bharan fheoir.

(2) Cleas?

[TD 168]

C.

3

Air bhar an fheoir, ga mor do thair,  
'S tric a sharuich thu 'n damh donn;  
Ruag thu 'n eild air a bhar,  
'S a dh' eirich tra ri ard nan tom.

G.

4

Chaorul 's beag mo speis,  
Do d' chull nach robh riamh ach gann;  
Cha 'n fhui' cuis lann air son smior,  
'S eu ni troda ma chnaimh.

Z. 25. COIREAL. <eng>60 lines.

Orally collected by Hector Mac Lean, in Barra, September 30, 1860.

SO far as it goes, this version is almost word for word the same as Kennedy's version, I. The man who sang this, lives still, in Barra. As Kennedy's manuscript never was published, this shows what national memory is capable of accomplishing. Donald Mac Phie could, and did, repeat and sing to slow tunes, nearly all the Heroic Ballads which Gillies printed in 1786. The book is very rare. He did not know any part of the Gratis edition of Ossian, distributed in 1818; but the Catechist quoted used to give readings from that book.

National memory will not be instructed, but is ignorantly conservative.

Z. 38. is another version, of 44 lines, written by Alexander Carmichael, and recited by Kenneth Morrison, in Skye, about 1860. A second version was recited to the same collector, by Kenneth. I have them both in vol. 12 of my unpublished collection, see Index, vol. iv., 329, 330. How old this ballad may be, or who composed it, I cannot guess, but it is more than a hundred years old: it was known in Dunkeld, Barra, Skye, and Ceantire, long ago, and it is commonly sung still by the uneducated classes, in spite of the educated, who try to put down this kind of entertainment.<gai>

COIREAL. 'S ann a thaobh bàis Choiril a bha mìorun aig Fionn do Gholl gus an do mharbh e Conn Mac an Deirg.

1

AN taigh Teamhra nan cruite ciuil,  
Air dhuinn a bhith steach mu 'n ol,  
Dhuisg ann an iomar bhaidh na laoich,-

Coireal caomh a 's Mòmad mor.

2

Dh' eirich gu spairneachd na suinn,  
Bu truime na 'n tuinn cuilg an cas,  
Strònaich an arm chluinntè cian,  
'S an Fhinn gu cianail fo sprochd.

3

Clachan agus talamhan trom,  
Treachaillte le 'm buinn 's an stri;  
Cliarachd aca fad an la,  
Gun fhios co dhiu b' fhearr 's a' gnìomh.

4

Air madainn an la 'r na mhaireach,  
Chaidh na suinn an dàil a cheile,-  
Coireal cuilgearra nam buadh,  
Agus Goll nan cruaidh-lann geura.

5

Dh' iadhadh, dh' iomaireadh, agus thairneadh.  
Iad gun nàisneachd anns a' chumasg;  
Gu cuidreach, cudthromach, gabhaidh,  
Bu chian le cach gàir am buillean.

6

Bu mhinig teine d' an armaibh;  
Cobhar garbh dh' an cneasaibh geala:  
Chaidh an sleaghan ruighne 'bhearnadh,  
'S an sgiathan gu làr a ghearradh.

7

Thuit Coireal caomh, calma, ceanaill,  
Gun anail, fo 'n Gholl chròdha;  
'S beudach, baoghalach, borb am buille,  
'Leag an curaidh 's a' chruaidh chomhrag.

8

Mo ghaol! mo leanabh! mo ghradhsa!  
'S truagh a chraidh do bhàs an t-athair!  
Gu 'n robh Fionn an aigne chianail,  
'Bu truime na 'ghrìan fo phlathadh.

9

O! Choiril! a mhic! a rùnain!  
Dhruid do shùil a 's ghlais do dheudach;  
Dh' fhalbh do dhreach mar oiteig, uamsa;  
Chaochail do shnuadh mar bhlàth gheugan.

10

Cha 'n fhaicear na 's mò do thighinn.  
Air an t-slighe chum na comh-stri;  
Cha mhò a chluinnear fuaim do sgéithe,  
A ghaoil nam beum, a' tighinn gu m' chomhnuidh.

11

Is truagh nach b' ann an cathan mhìlidh  
A leagt' thu, 'mhìn-laoich nan dual orbhuidh;  
Bhiodh sliochd Chumhail 'toirt dhiu tòrachd,

Feadh gach ròid 'gan leon 's an àraich.

12

Is truagh nach b' ann le ainneart choimheach,  
Na rìgh an Domhain a bhuailt' thu,  
Is bheirinn-sa t' eirig, a Choiril;  
O Bhreatannaich nan arm bhudhar.

13

Beannachd dhuit a Choiril cheutaich,  
'S iomadh ceud a dhìong thu 'n comhrag;  
B' fhada 'thriall thu, 's b' fhaide cliù ort,  
Anns gach iuil an d' fhuaradh eolas.

14

Bu mhuirneach, misneachail, meanmnach  
Thu 'n taigh Teamhra 'measg nan ceudan;-  
A laoich fhuileachdaich 's an tòrachd,  
Sgeul a bhròin, an diugh, gu 'n d' eug thu.

15

A laoich mhithich, mhùinich, bhàghaich,  
Labhraich, làidir, lainnich, bheumnaich;  
Mar shruth neartar thu 'measg nàmhaid;  
Soraidh leat a ghràidh nan geur-lann.

<eng>From Donald Mac Phie, Breubhaig, Barra, who says he learnt it from Roderick Mac Donald, Catechist, North Uist, about 32 years ago. Mac Donald died shortly afterwards, at an advanced age. Breubhaig, Barra, September 30, 1860.

H. 27. HOW GOLL DIED. 288 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 128. Advocates' Library, December 22, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

THIS version was given to Dr. Smith. With it compare 'Gaul, a Poem,' p. 150, edition 1780, and 'Tiomna Ghuill' (Gaul's last will), 1787, 'Sean Dana', page 40. The Doctor says in a note that the most common editions are much adulterated by a mixture of the Ursgeuls or 'tales of later times.' He quotes mention of Goll Mac Morna in Barbour, &c. But nevertheless Mac Lauchlan of Old Aberdeen declared that Dr. Smith himself composed his 'edition' of Gaul. I have never been able to find any trace of it outside of these two books. Nevertheless, they contain the usual traces of the traditional poetry in a curiously altered yarn upon which the poetry is strung.

THE ARGUMENT.

FINGAL had a son named Coirall who was an excellent warrior, and learnt in all the art of war. Goll was the foremost Hero in the Company, besides Fingal (for he was the first man that would go down in battle, and the last one that would come up). The reward he had for that, was a great Collop every day of the venison, called by them, Mirmorradh, and equal share with the rest again; likewise all the marrow of the bones (for there were none of them so big as Goll, and accordingly he would eat and do more than). Coirall was in enmity with Goll for having such a reward, and said: If he was worth, that he might have this Reward for himself before any other. He ordered Goll to come, and that they would try a

single Combat and whoever would be the victor that he would have the Reward afterwards. Goll answered him, and began first to wrestle, the solid ground would shake under them, with their vast strength, but the one would not overcome the other. Again they began with their Arms, and tried several ways, they had for fighting; their swords would glance like a wandering star, and the sweat running down from their bodies like small rivulet's stream on the plain, and that of a bloody colour, with equal skill and strength, so that the one could not overcome the other. Lastly they tryed the Cross-beam (that is a large piece of Timber they had betwixt them, a cross, and the one drawing it from the other). The one sat on the inside, the other on the outside of the threshold of their house before they gave over, they broke the door, and Coirall gained the victory.

Goll was sore vexed that Coirall had gained the victory, and took it as a great afront and shame; Then he asked of Fingal how he would kill Coirall, and Fingal did never refused a petition to any one; he told him if he would go to the middle of the shore and to give a trial there again, when the flowing would come and the waters would become deep, that he might overcome Coirall, because he was lower than him; but if he would kill him that he would loose the kindness of the Heroes now and forever. Goll rather die than to loose his Reward and to sustain afront also: they went away to the shore with their Arms, and began to strike each other, and so lasted untill the tide came to Coirall higher than the navel and

[TD 169]

could not stand no longer in the water, then Goll killed him. Goll fled then into a cave full of blood and wounds for he durst not go to the Heroes any more, since he killed Coirall. When Oscar heard where Goll was, he went to see him into the cave (for they were fellow-companions in every place and battle), and after a while's conversation, Oscar went away, and Goll cast his spear after him, and if he would not have his shield on him, he would fall on the spot. Oscar let him alone, but unluckily to him Oscar's shield got some damage, and when Fingal saw the shield, he ordered the Heroes to go and kill Goll. They all went away to kill Goll, but he ran into a Peninsula that runs into the sea, and Fingal set watch on the Isthmus, so that he could not come out till he would starve in the Island. He made there his last will to his wife, and told her the man she would marry after him, and starv'd at the end of twelve days and a half on the Peninsula.<gai>

DAN 26.

1

'A RIGHINN is binne ceól,  
Gluais gu nárach 's na gabh brón;  
Mar bu bheairt shubhach le saoi,  
'S mar bu chubhaidh do dhea' mhnaoi.'

2

'Na faicar do dhéur a bhos,  
A righinn is míne bos;  
No dean déur mu ni nach fhuigh,  
Agus na dean an tír fhailh.'

3

'Cuimhnich d' airgead 's cuimhnich d' ór,  
Cuimhnich do shíde 's do shról;  
Cuimhnich sior leanmhuinn an fhir,

'S olc a thig diodhlain bean dea' fhir.'

4

'Cuimhnich air do mhiosair mheamnach,  
A bhiodh againn an Tigh-teamhra;  
'Nuair bhiodhmaid air magh na b'arach,  
Bhiodh gach aon neach dhinn re gard' chas.'

5

'Cuimhnich air do sheachd coin sheilge,  
Thug mi dhuit an cath Chruai'-leirge;  
'S gach aon chu dhiu sin gun s'radh,  
Gu marbhadh s' e fiadh na onrachd.'

6

'C' áit am fuigh mi calma cómhraig,  
A dhea' Ghuill mheamnaich mhic mornna;  
'S maith is aithne dhamhsa 'n lán laoch,  
'Aogh mac na Caillich o 'n Spáilte.'

7

'Air a laimhsa Ghuill ghreadhnaich,  
Air fhineach is air a dhaoine;  
Cha bhi mo chomann glan caoin,  
Aig aon mhac Caillich a choidch.'

8

'Ni mac Caillich a tha 'n Aogh,  
Ach mac na mná 's fhearr san t-saogh'l;  
An t-shaor shlat do 'n chinneadh Oscar,  
'S an lamh fheum is fhearr gu Lochlan.'

9

'Beiridh tu dh' a naonar mac,  
Agus inghean is geal glac;  
Gur aithne dhamh béud a bhos,  
Gun d' theid i éug d' a ceud toraich.'

10

'Aine nan suidheadh tu air lár,  
Gun innsainn dhuit úr-rachd;  
Air an dea' churidh dhána,  
Mhead sa dh' aithrich mo threun lamhsa.'

11

'Latha do bha air Chruachan curidh,  
Shinn air fhineach Fhinn mhic Chuthail;  
Bha sinn fein agus Aogh glinnaich,  
'S ann ag ól agus ag iomairt.'

12

'S ann uamsa thuit an guth dona,  
Ris an do ghabh Fionn a chorraich;  
'S labhair e gu fiatidh cró'-dhearg,  
A sior iarruidh tuilidh cómhraig.'

13

'De man sguir mis agus tú,  
'D' ar 'neud is d' ar 'n namh-rún;  
Cha bhi d' ar comann glan grinn,

Ach an dara fear an Eirinn.'

14

'Gun toir mi ort a mhic Mornna,  
Sgur do d' thair-fhocail 's do d' chómhrag;  
Gu b' fhearr dhuit úr-labhr' gun chuimhne,  
No bhi sior mharbhadh mo mhuintir.'

15

'N sin labhair fear ciuineadh gach fearg,  
B' e sin Breacan mac Righ Cro-dhearg;  
Greasamar na laoich so luidhe,  
Tha na laoich air mheisg a mire.'

16

'Chuaidh Fionn a chodal air thús,  
Chosgar 'n éud is ar namh-rún;  
Is na bruidhn' agus na t-éug-bhail,  
O! 's ann d' a bu chubhaidh geur-bhail.'

17

'N oidhche sin dhuinne gu ló,  
Sinn re h-iomairt is re h-ol;  
'G eisteachd re gáiraich luchd ciuil,  
'S re duain fhilidh bu bhinn búr.'

18

'Bha sinn uil' air theachd an ló,  
Re h-imtheachd do dh' Innse-freoin;  
Bha fuaimneach air ann gu lionmhor,  
Agus mnái a' dol nan diolaid.'

19

'Rainig sinn Corcair-an-leirg,  
'S do bha an amhuinn na feirg;  
'N uair bhiodh i na muinne bras,  
Cha 'n fhéudadh aon neach dol thairt.'

20

'An sin dhuinn gu meadhan ló,  
Gus an sgaoileadh am fionna-cheó;  
Ag éisteachd re fuaim nan gleann,  
Gus an traoidhadh i gu fán.'

21

'Amharc da d' thugeamar uam,  
Air an t-sliagh a bha mu thuath;  
Gu facamar Righ na Féinne,  
Cosgairt nam fiadh, is fhir thréune.'

22

'Do Rainig mi aigneadh mhor,  
Ge d' nach raibh mi lionmhor sloigh;  
Gun do dheasaich mi mo lothainn;  
Air an t-sliagh a bha ma chomhair.'

23

'Do chunnaig sinn a teachd marcaich,  
An-mhor treabhach, se ro-ghasde;  
'S gu b' e marcaich na meisg chothan,

Marcaich a b' áille san domhan.'

24

'Marcaich cuirnnainach, cas-dhonn,  
Sa Chuirne ghlas air a ghualain;  
Fuidh sgé phoiblidh gu neo' thime,  
'S fui' éideadh sróil agus sligneach.'

25

'Air each ceann-fhionn ceannard, cleasach,  
Fad mhúinealach, mhaó, chneasach;  
B' e 'n stéud eatrom, úrar, mhearcach,  
Fuidh 'n ti eibhinn, uasal, mheamnaich.'

26

'Ghluais iad uile 'n sin Fiann Eirann,  
A dh' fhagail sgéul do 'n treun fhear;  
Ciod a b' ainm dh' a, nn da bhuthainn,  
No ciad e ádhbhar a thurais.'

27

'Dh' innis eisean gu neo' sgáthach,  
Aogh mac na Caillich o 'n Spáilte;  
A dh' iarruidh mo roghain d' ar mnái,  
Cia dhiu 's aingain libh 'no 's áill.'

28

'Do fhreagair e Fionn gun lán,  
'S faoin do dhuil a churidh lán;  
Gu 'm fuigh thu do mhiann d' ar mnáith,  
A dh' aingain dea Fhianntidh Pháil.'

29

'Mar a fuigheamsa gu deonach,  
Mo roghain d'ar mnáithaibh ór-bhuidh;  
Cómhrag naoi naonair d' ar calmaibh,  
'S áill leam fhaghail air a bhall so.'

30

'Chuir iad naoi naonair laoch calma,  
A chlaoidh Aogh ghil a dh' aon aurra;  
'S thuit iad uile leis an-ógan,  
Air uilean an t-sleibh na onrachd.'

31

'An sin chuir Fionn caogad ceannard,  
A chlaoidh Aogh ghill a dh' aon aurra;  
'S thuit iad ach Fearr ghuin is Faoghlán,  
Agus Mor-lámh bu chruaidh baoghlach.'

32

'Ghluais iad an sin le mór phnámhan;  
Leis gu teach Fhinn na mór ábhachd;  
An deidh an curine calma,  
Gheibh buaidh is blagh 's gach an la.'

33

'An sin do chuir Fionn mac Chuthail,  
Fios chugam fein gu luath lunach;  
'S du fuighinn, síth, 's duais gun aireamh,

Nan d' thiginn a chlaoidh an lan laoich.'

34

'Dh' imich mi fein le 'm fhir mheamnach,  
Gu luath luinnach gu Tigh-teamhra;  
Air iartas beoil Fhinn mhic Chuthail,  
Gu coimhead a mhná' o 'n mhuirach.'

[TD 170]

35

'Thug e leis gun gheilt roi 'n lámhan,  
A roghain d'a mnaithaibh sar-gheal;  
Co cho' alaich e gun fhann-chrith,  
Ach mi fein is 'm fheara calma.'

36

'Bu tréun marcaich an eich shonraicht,  
Thug tri ruaig roimhainn mar sheóchdain;  
Is do dh' fhag e marbh air an drim,  
Naoi naonair gach aon uair dhinn.'

37

'Do mharbhadh leis naoi mic Fhilidh,  
'S do mharbhadh leis naoi mic Mhinne;  
Do mharbhadh leis naoi mic Pháil,  
'S do mharbhadh leis naoi mic Aille.'

38

'Do mharbha' leis Aogh mac Doire,  
Fear a dhioleadh gach mor bhaile;  
Fear nach do dh' éur riamh aon neach,  
A bhiadh no dheoch le fiaradh leamh.'

39

'Ghluaiseamar fein ann na dháil,  
Is ma ghluais cha b' ann gun cháil;  
Mar neart na tuinne gu mór thir,  
B' amhluidh sin ar builleán cómhraig.'

40

'Eisean cha d' fhodhain d' a ghniomh,  
Is cha d' fhodhain dhosan mi;  
Thug e spuir sa Bhan-righ leis,  
'S mharcaich e san amhuinn deis.'

41

'Ghluaiseamar fein ann san áth,  
'S de ma ghluais cha b' ann mar thá;  
'N uair bha an saoghal air sórd,  
Gu bu nós dhamh laoch a leon.'

42

'Thairneamar cloidheamh a truail,  
'N deidh briseadh air sleagh lán-chruai';  
'S deacair inns' no aithris ulleadh,  
Do bhuaileama rgu cruai' cuidreach.'

43

'Mar fhadhadh teine a dornn,

'S mar eabhal air cloidheamh gorm;  
Do dh' imich a sgiathsan nach cruinne,  
'S gun do dh' imich mo sgiaths' uile.'

44

'Eisean cha d' fhodhain d' a ghníomh,  
Is cha d' fhadhain dhosan mi;  
Thug leis a spuir sa chéile (cheile)  
'S mharcaich e san amhuinn chéudna.'

45

'N sin thainig Fionn fein a' mach,  
An Rígh ea-trom suairce glan; (suairce)  
Thug e sgairt as air an fhaithche,  
Is trí pogan do 'n mharcaich.'

46

'Míle failte dhuits' Aogh áluin,  
A mhí Rígh na h-Eas-spáilte;  
Cia na sloigh a bh' air do cheann,  
Ailís Aoiġh nam beumaibh calm.'

47

'Sluagh aluin, árd-gheal, neartmhor,  
Treo'rach, nárach, 's iad neo' meate;  
Gun easbhuidh air each no air duine,  
An treise nan dreach nan cruitheachd.'

48

'Na h-ursanna catha calma,  
Gheibha buaidh gach sluaigh is armailt;  
'S ann dhamh fein a bha san dán,  
Teachd o bhuilleán trom an lámh.'

49

'Rinn iad an sin reit is ól,  
Fionn is Aogh bu chalma dornn;  
Gabh mo chomhairl' is mo ghrádh,  
'S rígh le d' mhaitheas e gun cháird.'

50

'O! 's coma leam ciod a ní mí,  
Mar an d' thig thu steach a mhílidh;  
Tuilidh mí air sgá' a chuain so,  
Fuidh ullach broin agus uamhan.'

51

'Aine fagsa chreag chruaidh,  
A ríghinn is gile snuagh;  
Gus an cinn fraoch air muir mear,  
Cha d' theid mí chugad a steach.'

52

'Trí tríathibh fichead dhamh gun bhíadh,  
Mar nach raibh neach roimham riamh;  
A bhí air sgáth na fairge fuair,  
Ag ól an t-sàile shearbh ruaidh.'

53

'Nach tárr thusa steach a laoiġh,

'S dean an codal so re 'm thaobh;  
Is bheireamsa dhuit mar ioclaint,  
Do d' chabhair bainne mo chioche.'

54

'S measa na sin mar a tha,  
Inghean Chonaill chaoimh an áigh;  
Comhairle mná near na niar,  
Cha ghabh 's cha do ghabhsa riamh.'

55

'Oir do dh' fholbh mo cháil a choidch,  
Mar mhaóth shneachd no duileach cóill;  
Mar chrionas gach luibh sa Gheamhradh,  
Dhubh mo chroidhe le nimh is campar.'

56

'Is dh' fholbh 'm aimsir agus 'm úin,  
Mar gach cách a chuaidh san úir;  
Cha mho gháiras grian air fáire,  
No madain a dhuaisgas 'm árdan.'

57

'Beannachd leatsa Aine ghradhach,  
'S leis gach ní, is neach, is ábhachd;  
Ach ullaichadh 'm fheara cómhraig,  
Uaigh dhamh air an eilain ór-bhui 's.'

58

'Thuit an tréun laoch air a charraig,  
Ge d' bu mhór a neart sna cathain;  
Aon laoch fuileachdach na Féinne,  
'N uair a dh' éite cath is t-eug-bhail.'

59

Thuit Aine 'n sin air a bhlár,  
Fuidh thúrta, gun treis no cail;  
Is labhair i le fánn chómhradh,  
Air an amhail so do-bhronach.

60

'A laoich mhílidh bu mhor maitheas,  
'S truagh thu chaochla' air sgeir mhare;  
A dhiobhail deoch ach an saile;  
Fhir a gheibha buaidn 's gach gabhadh.'

61

'Ni 's mo cha chluinar thu sgathadh,  
Na naimhde mar ghéuga baraich;  
Na do ghuth an teach nan céuda,  
Fhir bu mhor blagh, fonn, is tréune.'

62

'Bha neart do chuim mar thréun tuinne,  
'S na blára mar fhiadh air chuthach,  
Na mar sheobhag a measg eanlaich,  
Na iolair neartmhor gun mheinach.'

63

'Cha b' e airm Righridh chuir gu bás,

Thu laoich an truid, bu mhor áill;  
Ach fuachd, is ocras, agus iota,  
Air sgá' a chuain fhuaraidh fhior-ghlain.'

64

'A Thriath slios Alba bu mhor agh,  
Samach dò leaba, gu lá bhrath;  
Cho d' thig a mhadain sin a choidhch,  
A dhuisgas tu o úir gu soils.'

65

'Threig thu Tigh-teamhra' gu siorruidh,  
Is Fionn fialaidh is mor ghníomhach;  
Bu tu tréun a dhion 'a gach cómhrag,  
Tha 'n diu cumhach is cha' neónach.'

66

'Cha chluinn gu bráth fuaim do sgétha,  
'S cha mho tharlas orm le h-eibhneas;  
'S truagh a thachair dhamh am ónrachd,  
Fuidh mhor thime, snithach, bronach.'

67

'Cha mhó chi do shiuil air chuantidh,  
Na do bhratach dhathach uaine;  
Na oran do rámhach armaicht,  
Bu bhinn iol-ghair air stuath chalma.'

68

'Cha mhó chi mi sa bhéinn t-seilg,  
Thu Ghuill mhearcaich bu mhai' eirmis;  
Na cothann do ghadhair sheange,  
Air aonach roi' d' fhir mhor, mheamnach.'

69

'Thuit mo chroidh' gun drislsa deábiach,  
Ann an dubhachas gun abhachd;  
Mar a ghrian dorcha le nealaibh,  
Nach dean gáir air béinn nan seimh-ghleann.'

70

Tha mi lan shálhach ag amharc,  
Air do lanna gorma glana;  
Fhuair buaidh air gach neach an cómhrag,  
Fhir bu mhai' cruth, mór treun, solach.

71

'A chip chatha bu mhear cómhrag,  
Gu ma beannaichte do chomhnuidh;  
Séinneam da chliú gu neo' éibhinn,  
Le deó dheireannach mo chreabhaig.'

72

'Cho 'n ionadh mi bhi gun sólas,  
'S mi mar chraoibh an gleann na h-on rachd;  
Mu seach dh' fhag iad mi gam leiradh,  
Le nimh-chrá' gach la nan deidh uil.'

I. 17. BAS GHUILL. <eng>288 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 121. Advocates' Library, April 10, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

THIS second version has been considerably altered. Verses are recast, and names are changed in accordance with the changes in the Argument which are remarkable. It seems that Kennedy was falling into the fashion of his time, and altering his texts. The lines which are left out are repetitions of the first version. Whoever composed this wrote very good Gaelic poetry a hundred years ago.

THE DEATH OF GAUL. Extracts.

THE ARGUMENT.

GAUL the son of Moirne remains in the cave whereto he fled after he kilt Caril in a melancholy and forlorn condition, without any other company than his wife, and was frequently visited by Oscar, his trusty companion, they being the only two that were sent upon the most dangerous enterprises by Fingal. Notwithstanding Oscar's great love and favour, Gaul was afraid he would sometime discover his place of abode to Fingal who seemed still inclinable to be revenged upon him for the death of Caril. Gaul of a day Oscar had gone to see him, when they departed threw his spear after him whereby Oscar was slightly wounded. Oscar did not chose to requite the injury, went home, and was soon obliged to divulge how it happened with him to get wounded to Fingal, who instantly ordered Gaul to be pursued and banished. Gaul fled into an Island or Pininsula. Fingal ordered not to pursue him any further, and planted a watch upon the Isthmus in case he should make his escape. Thus the great, valarous, and invincible Caledonian, Gaul, the Chief of the Clan of Moirne famished upon the desolate Island where he lived for eleven days upon dilse and vegetables. The Poem begins by Gaul comforting his wife Malag who sat upon the opposite shore giving her a charge to carry his effects with her from the Hall of Fingal, and to marry Aogh, a former lover of hers, of whom he gives an account how he had engaged him at a river called Corcar-an-deirg. After his death Malag laments over his grave in a most tragical strain.<gai>

2

No dean bron mu ni nach fuigh  
A choi' ch no dean tìr shaigh.

3

Toir leat t-airgead, agus t-òr  
Toir leat do sheudan, 's do shròl;  
Cuimhnich sior leanmhuinn an fhir,  
'S olc na h-aonaran bean dea' fhir.

5

Na coin luthar, luimneach, laidir  
Mharbhadh feidh ann an cuilg na damhair.

8

An t-shaor shlat do 'n fhine chosgar,

10

A Mhalag nan suighe tu air lar,  
Gun insinn duit ur-sgeul;

15

An caomh Breacan Mac Rìogh Cro-dhearg;  
Greasamar na sloigh so luighe,  
Tha laoch air mheisg a' mire.

16

Laoch na ful gun iomar-bhàidh,  
Bu mhor speis do dh' fhiantai' Phail.

17

Ag eisteachd ri seinn luchd ciuil,

18

Bha fuaimneachd lann oirn' ag eiridh,

19

Nuair bhiodh i na buinne bras,

20

Ag eisteachd ri fuaim nam beann,  
'S Corcair a' traodhadh nan gleann.

21

A' cosgairt nam fiadh bu mhor feileach.

23

Gu b' e macan na misg-chothann.

24

Fui' sge' chreimnich gu neo thime,  
Le eideadh loinreach, is sligheach.

26

Ghluais iad uile Fiann na h-Eireann,  
A dh' fhaghail sgeula do 'n treun laoch;  
Dh' fhiosraich Fionn gu meigheach, baghach,  
A thuras thair druim gach bearna.

27

Dh' innis an laoch gu neo'-sgàthach,  
Aogh Mac Mhanalain o 'n Spailte;  
Dh' iarruidh mna' a' d' bhantrachd Fhinn,  
Is aille cruth is snuadh cinn.

28

Do fhreagair e Fionn gun on,  
'S faoin do thriall o Innse-toir;  
Gu fuigh u rodhain na mnai;  
A dh' aidneoin dea' Fhiantaidh Phail.

30

Air uilean an t-sleibh air lonan.

31

An sin chuir Fionn caogad toiseach,  
A chlaoi Aogh ghil, cearta comhla;  
Thuit iad ach Fearginn is Faoghlán,  
Agus Morlamh nam beum baoghlach

32

Ghluais iad iule le mor phnàmhan,  
Leis gu teach Fhinn na mor àbhachd;  
An deidh nan cur' aine treuna,  
Bu mhor buaidh ann cumasg cheudan.

33

An sin do chuir Fionn Mac Cumhail,  
Fios chugam fein gu Sliabh buidh;  
'S gu fuighinn Sith, is cìs aghor,

35

Thug e leis sa ghreis an t-àrmann,  
Seimhros g nam buadh, nam bos bana;  
Co chomhlaich e gun fhann-chrith,  
Ach mi fein nach treigeadh bantrachd.

38

Fear nach diobradh an cruai' ghabhadh;  
Laoch nach do dh' eur riamh aon neach.

39

Is mu ghluais, cho b' ann mar thà;  
Mar neart na tuinne gu mor-thir,  
B' amhluidh sin ar beum sa chomhrag.

40

Thug e steud sa Bhan-riogh leis.

44

Thug e leis a steud sa chèile,

47

Gun easbhuidh sa ghreis air duine,  
An treise no 'n dreach, no 'n cuma.

48

Na suinn chatha, chalma, chalgach,  
Bu mhor, treubhach, euchdach, armach.

49

Rinn laoich sith reit, is ol,  
Fionn is Aogh le 'n glaoite ceol,  
A Mhalag nam ban glac mo ghradh,  
Srig an Triath nach iargain agh.

50

O! 's coma leom ciod a ni mi,  
Mar a tarr u steach a mhilidh;  
'S cian mo bhron air sga' a chuain,  
Ag caoi gach lo na dh' imich uainn.

51

Cho 'n fhaic u mi choi'ch air lear.

55 Dh' fholbh mo chàil agus mo chli,  
Mar chathadh cuir, no coill chrìn;  
Mar mheathas an luich sa mhadh,  
Mheath mo chroidh nach diongaite 'm bail.

56

Ghluais mo laith mo bhai' mo mhuirnn,  
Mar gach àll a chuai' sau uir;  
C' uin a ghaireas grian air fàire.

57

Ainnir og nan rosgaibh ciùin,  
'Sguir a' d; bhron,-na leon do rùn;  
Beannachd leat a ghraidh nam ban,  
'S cianail bas Och 's cian a dh' fhan.

58

Thuit an treun laoch air an traidh,  
Bu mhor neart ann cneas nam blar;  
Aon laoch fuileachdach na Feinne,  
Ann comhrag lann, ri am na t-eug-bhail.

59

Thuit geug nan ciabh air a bhlar,  
Mar ghealach fui' neul an là;  
Dhuisg a h-aigheadh, las a comhradh,  
B' fhann a guth, gu tursach bronach.

60

A laoich mhilidh, bu mhor agh,  
'S truagh do dhiobradh air tir tràit;

61

Ni 's mo cho chluinnear u sgathadh  
Na naimhde mar gheuga' barraich;  
Do ghuth Chluinte cian thair ceudan,  
C' uin a chluinn mi fuaim do sgeithe.

62

Bha neart mo ghràidh mar ghair tuinne,  
Ann 's na blaraibh, b' aghoir buille;  
Mar sheobhag u measg nan eun,  
No iolair nam beann gun mhein.

63

Cho b' airm Rioghraidh chuir gu bas,  
An laoch nach dithneicht' am blar;  
Ach fuachd, trosg, is gort, is iota,  
Air sgath a chuain fhuara' fhior-ghlain.

64

A Thriath nan lear, 's nam beann àrd,  
'S mor an sgeula t-eug 's an traidh;  
C' uin a thig a mhadainn chiuin,  
A mhosglas an sonn a h-uir?

[TD 172]

65

Dhibir u Teamhra' nan lann,  
Fhinn na feile 's bèud a th' ann;  
'S tric a sheas an treun do chomhrag,  
Laoch nam beum nach euradh coi'-stri.

66

Tarma liobharra, trom, geura,  
C' o ni ' m teirbirt, co ne feum leo?  
'S truagh a thuradh dhamh bhi 'm onrachd,  
Fui' throm thioma, snithach, bronach.

67

C' uin a chi, mo run air chuantaidh,  
No do bhratach dhathach, uaine;  
No orain do ramhachd armach,  
Bu bhim iol-ghaire air stuath chalma.

68

Cho mho chi mi sa bheinn t-seilge,  
Thu Ghuill mheargant a b' fhearr eirmis;  
No cothairt do ghadhar seanga,  
Air aonach nam beann a teamh-ruigh.

69

Chaochail dhamh gu bron a chlarsach,  
Le luchd nan deur dh' eug mo mharan;  
Luigh m' aigneadh mar cheo air sleibhti'  
Nach gluais gaoth nam beann a cheilidh.

70

B' amhail an laoch is crann-giusaich,  
Dhionadh a lann gach fann ghluineacht  
Fhuair buaidh air gach borb an comhrag,  
Fhir a b' fhearr cruth, 's dubh do chomhnuidh.

71

A Thriath nan lann, 's fann a dh' fhag mi.  
Snithich mo rosg nach coisg àbhachd;  
Seinnim do chliu gun run eibhinn,  
'N cian is beo, cho' n eol damh threigsinn.

72

Cho' n iodhnadh mi bhi gun sòlas,  
Mi mar chrann ann gleann na h-onrachd;  
Mu seach dh' fhag na h-armainn threibheach  
Mi fui' chradh, gach la gu deurach.

P. 8. MOLADH AOIDH LE GOLL. <eng>20 lines.

Staffa's Collection, page 62. Advocates' Library, Feb. 22, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

THIS fragment is part of the Death of Goll, picked up in Mull, about 1800.<gai>

1

CHA Mhac Caillich idir e:  
Ach machd na nna 'us fearr fun Ghrein,  
Oig-fhear gasta glanar grinn  
Gaisgich e do dh' Fhiannibh Eirinn.

2

Chunnachdar a tign na cubhich  
Marchdach air Each Barr-fhionn buidhe,  
Each-bus-leabh a geug-mhor glan,

Ceann aigionnaich eadtrom earroil;

3

Crios leathann mo thaobh an laoich,  
'Us cha bu chrios Leathunn do 'n rod chaol,  
Ceann corr glagganach Leadhar,  
Scian fhada ghorm Dhisnich, (1)

4

Bha 'n Abhuinn na buinne bräs  
'Us cha 'n fhaoite le neach dol thairt,  
Ach Marchdach ro ghas an Eich mhòir,  
Leum eisan thairt 'n ceud-fhear

5

Th' seasamh mis' m' bèul an àth,  
'Us th' saòlis gum bu mhath mo làmh,  
Chluinnte screadail air sciath ma seach,  
Ach scoilt e mo sciath re 'm sceanhail. (2)

X. 13. DAN AN EICH BHARR-BHUIDHE.

<eng>130 lines.

Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac  
Lauchlan, Edinburgh. Edinburgh, February 10, 1872.

THIS is another fragment of Gaul's last Dialogue with his Wife. Taken  
from the recitation of Betty Sutherland, in 1857, in Caithness.<gai>

1

AITHNE chragach a chraig a chruaidh,  
'S a ribhinn aluinn aon uair,  
Ach an d' tig fraoch tre mhic an fhir,  
Cha bhi diolain aig bean deagh fhear,

2

Aithne na cluinnear do ghul,  
Ma ni nach gabh ri do chruadh chàs,  
'S na biodh do bhron ma ni nach eil,  
I! nach eil e 's 'n tir thalmhaidh

3

Cuimhnich t' airgid cuimhnich t-òr,  
Cuimhnich do bhuan ghreidh  
'S iad gach uair ga d' ardach',  
Cuimhnich do sheachd coin seilg  
Thainig o thaobh muigh an leirg,

4

Ciod am buaine na fir,  
Be so uair de 'n iomairt.  
Bha mi aidhear 's an Albinn fheile  
Air fineacha Mhic Cumhail,

5

Mise agus Aodh Dioreach  
Air fineachan' chruinn thalmhinn,  
Air an t' shreoil is an t' shide ghlan,

'G òl fion 's a 'g thoirbheirt

6

Is mise a labhair aig an fhion  
Comhradh nach b' fhiach ri radh,  
'S ann uam dh' imich an guth carr  
Ris na ghabh Fionn a chorruich

7

Labhair sin gu foill  
Ghoill mheanmuinich ro mhor,  
B' fhearr dhut thiginn air labhradh eile  
Na bhi marbhadh ur muintir,

8

Chaint sin theireadh tu nochd  
Mhic Muirn na labhradh ard  
Gu faigheadh tu fo do dhorn gu glinn  
Gach dara fear a bha sa 'n Eirinn

9

Dh' eirich fear stiuraidh an tigh  
Macan mac fir chràbhaidh  
Dar bhitheas sluagh air mhisg  
An fhir b' fhearr an cload,  
Nan leabaichean

10

Luidh sinne sud uile an Fhiann  
Eadar an ear 's an iar  
Leinn ciod be ur n' aonadh b' fhearr,  
Thug sinn ur trial gu dealachadh

11

Fir dhonn nan each mear  
Sheang shuairc o 'n ear  
O bhinn na slait a Greagh  
Gu binn dol da 'n diollaid.

12

An oidhche sin duinn gu ullumh,  
Marcachd an deigh a bhuinne  
Ach an d' rainig sinn an leirg  
Is an abhainn na fath feirg  
Is i na buinne cas

13

Cha rachadh duine againn thairis  
Bha sinn sin gu brioghal beachdal  
An oidhche sin duinn gu diarmadach  
'G eisdeachd ri goath nam beann

14

Ach an traoghadh an abhainn

15

Cha robh sinn a bheag ann  
Do 'n t' shluagh b' fhiach an aireamh  
Do 'n t' shluagh adhmholtach laghach,  
De eich taghadh d' dheagh mharcaich,

16

Sin dar sgaoil an ceo  
Dar thainig meadhon an lò  
Sgaoil pobull Fhinn gu farsuing  
Is leag e thugainn aon mharcach,

17

Marcach an eich bharr bhuidhe  
Thainig thugainn da nr guidh.  
'S e eanghach taoruingeach leasach  
Muinealach mor fad shiosach.

18

Marcach an eich chungantach chorr  
Naoi uairean chaidh e tromhainn,  
Air a bhàs gus 'n deach ur sluagh  
Aithne air mun deach e uaithne

19

Thuit le caol druim na suairc  
Naonar ris gach aon uair  
Mharbhadh leis Airtair mac Doir,  
Fear gu biadhadh a chruidh mheanmh

20

Fear nach do dhiult biadh na deoch,  
Do dhuine riamh 's e 'n ainnis  
Thug mi mo sgriob thunn an àth  
B' fhearr leam gu 'm b' ann na thrà

<eng>(1) Spotted. In a different hand.

(2) To his shoulder. In a different hand.<gai>

[TD 173]

21

Shaoil leam dar bha saoghal air surd  
Gu 'n gleachduinn aon laoch costadh  
Chuir mi mo dhruim ris an àth  
An d' shùl gu' n robh druim agam dha

22

Ge truime leamsa do shleagh  
Cha chumadh i ris an laoch ud aon bhuile  
Thug e spuir do na bharruinn uaithne  
Chaidh e 'n abhainn d' aon uair

23

Chrath oirne barr a shleagh  
Sgaoil e sinn mar chreathlagan  
Chaidh e fein is each uaithn slàn  
Air dhealachas a leannan

24

An ainm a chailinn chneasd  
Edar anam anus ionmhuinn,  
Gur e do bheath thighinn dachaidh slàn  
Oighre aluinn na Esbuig

25

Cia mar bha sluagh bh' aig Goll.  
Air taobh tuath na h-eiler?  
Bha sluagh baighach gradhach ragach  
Ciallach narach neo-mhisgeach,

26

Na fir og gharg ghast,  
Ard uaisle a Phannal  
Cha b' e olcas an t-sluaigh.  
'S cha mho gu 'm b' e an diomb buaidh,

27

Thug dom s' thiginn dachaidh slàn  
Ach bhi bàn air an eathar  
Aithne mas falthalt an saoi  
Gur math leat fear ri do thaobh,

28

Tagh do dhionmhaltachd fear  
Nach nàr leat fhaicin ad leabaidh  
Ciod e marach bhiodh sin?  
Aodh cas mac na caillich

29

Cha b' e a chailleach a mhathair  
Ach aon ceann cheud thar cach  
Is b' e fath' shluinneadh air a mhnaoi  
Luathads' a chlaoidhadh athair,

Crioch.

&. TIOMNADH GHUILL. <eng>118 lines.

Orally collected, in Islay, by Hector Mac Lean, as shown in this extract from his letter:-

'Ballygrant, Islay, Dec. 25, 1865.

'SIR,-I send you a fragmentary Fenian Poem, which I wrote down Saturday evening from the dictation of Angus McEachern, brother to Duncan the piper. The old men who recite old Gaelic ballads and stories are disappearing rapidly. Both James Wilson and Malcolm McPhail died in Glasgow, but were taken home, and both are buried at Keills, near Portaskaig. I have not seen this fragment in any book. The old man recited it for me a couple of years since. But a young man, who had read much Gaelic poetry, thought he had seen it in some book, and I accordingly made inquiries among friends in Glasgow, but have not been successful in finding any book which contains it. The old man himself has a notion that it was published in Mr. Woodrow's book; but Mr. Woodrow's book contains no Gaelic, and he published no Gaelic book. His notion is that his father learned this and others from Mr. Woodrow, and that Mr. Woodrow got them in Ireland. This I suspect to be a mistake arising from a confused recollection of the conversations taking place between Woodrow and his father. He called the poem 'Tiomnadh Ghuill,' but it has nothing in common with 'Tiomnadh Ghuill' in the 'Sean Dana.' It contains some curious words, and is evidently the remains of a larger poem. Goll is upon a rock in the Sea, and his Wife is upon the opposite shore talking

to him, and endeavouring to persuade him to come ashore, but he persists in remaining on the rock, fully resolved to meet his destiny.

I am, Sir, yours faithfully,

HECTOR MCLEAN.'

'J. F. Campbell, Esq.,  
Niddry Lodge, Kensington.'

The second verse is not easy to understand. Goll being blind, and his Wife near him, the dialogue comes in naturally, but the language is difficult, because we know nothing about the personage named Mugan beag Mac Smàil in the third verse. The Reciter said that he was a supernatural being, trysted to meet and slay Goll on this rock; a tall, bloody, fierce-eyed youth, like shòr na cuirce. Sòr of the swine on his body, is something very like Odin in his boar's hide, but in the meantime we can make nothing out of this supernatural personage.<gai>

GOLL.

1  
SEALL, a mach a lurain,  
Na 'bheil a' mhaidinn braonach?  
Na 'm faic thu laoch a' tighinn o 'n tràigh?  
'S ann an diugh a 's teann mo chuibhreach.

ISE.

2  
Chi mi chugam òglach ard,  
Fear finleachdach faobhar-gharg,  
'S e mar shòr na cuirce,  
Sòr na muic' air a cholainn.

GOLL.

3  
'S e sin Mugan beag Mac Smàil;  
An diugh a gheall e teachd a' m' dhàil;  
Air bhith dhasan anns na càsaibh,  
'S ann dàsan a 's dàn mo mharbhadh.

4  
A righinn a 's binne ceol,  
Gluais gu nàrach 's na gabh bròn;  
Na dean deur mu 'n ni nach fhaigh thu,  
'S na bi' taighich 's an tir airguidh.

5  
Cuimhnich t'airgiod agus t' òr;  
Cuimhnich do shìoda 's do shròl;  
Cuimhnich geur leanmhuinn t' fhir;  
'S olc thig diòllannas bean deagh-fhir.

6  
Cuimhnich air do theachd o 'n t-sealg  
Thainig chugad o chath Dhruim dearg;  
A' h-uile h-aon le bhuidhe-chrann àgh,  
'S gu marbhadh e fiadh 'na aonar.

7

Àinne nach fag thu' chreag chruaidh  
A righinn èitidh an-fhuar,  
Gus an tig am fraoch romh mhuir mear,  
Cha tig an laoch gu d' chobhair.

ISE.

8

Na 'n tigeadh thu 's teach a laoich,  
'S cadal a dheanadh ri m' thaobh;  
Bheirinn fhein mar iocshlaint dhuit  
Bainne mo dha chich gu d' chobhair.

GOLL.

9

'S miosa na sin mar a tha  
A nighean Chonail,-'s ni 'm breug e;  
Comhairle mnatha, ni h-oir na h-iar,  
Cha do ghabh mi riamh;- 's ni 'n gabham.

ISE.

10

C' àit am faigh mise fear eile  
Ann a' t' àite-sa' Ghuill ghreadhnaich?

GOLL.

Nàille dh' innseamsa sin duitse;-  
Aogh gasda, mac na caillich.

ISE.

11

Air do laimh-sa a Mhic Morna  
Air t' fhine 's air t' onair;  
Cha bhi mo chomunn glan grinn  
Faraon agus aona mhac caillich.

GOLL.

12

Chá bu mhac caillich dhuit Aogh-  
Mac na mnatha 's fhearr fa 'n domhan!  
Ainne do bhi air a mhathair,  
Nighean Chuinn o 'n Chrònan.

13

Beiridh thu dha naonar mac  
Agus nighean fa 'n geal glac;  
Dh' innsinn dhuit a beud a bhos,-  
Theid i fhein gu ceud asaid.

14

Latha dhuinn air Cruachan Còrr-  
Mi fhein agus Aogh Doireach;  
Air sìoda 's air sròl mu seach

Biotar ag òl 's ag iomairt.

15

Thuit nam fhein gu dona mach,  
Gu 'n d' ghabh Fionn rium corruich;  
Nach biodh d' ar comunn glan, grinn  
Ach an darna fear 'bhith 'n Eirinn.

16

Thug sinn ionnsuidh air 'n-eich mheara,-  
'S ar n-eich thaghta g' ar giùlan;  
Fuaim na feoirn' o cheann na slaite  
Agus bean a' dol gu diòllaid.

[TD 174]

17

Biotar an oidhche sin mar sin,  
Sinn ag imeachd air Sliabh Muin,  
Gus an d' rainig sinn Corc air leirg;  
'S gu 'n robh 'n abhainn 'na feirg.

18

Aig teinnaneachd a' bhuirne bhrais,  
Nach fhaodadh duine dol thairis.  
Bha sinn mer sin gu meadhon là  
'G eisdeachd ri faoghaid nam beann.

19

Gus an do sgaoil an ceo ciabhach,  
Gus an do thraigh an abhainn.  
Sùil gu 'n d' thug mi fada uam  
Air an fhaiche 'bha mu thuath:

20

Faicear Fionn fein am flath,  
'S e 'na sheasamh 'na chèir chath;  
Faicear a' tighinn am faiteach,  
'S eo phuball Fhinn a' marcachd.

21

'S e 'm marcaiche bhitheadh an sin  
Am marcach a b' àille fa 'n domhan-  
Am marcach cuirneimeach glas donn,  
'S a bhuirne ghlas air a ghualainn.

22

Sgiath phiobaill de 'n or air a shlios  
'S fhèile sròl gu sligeannach.  
A ta 'chluig agus dorn gath,  
Sgian fhada, lom air dheagh dhath,

23

Air slios odhar an laoch dhuinn  
A' dol an cath 's an cruaidh chomhrag;  
'S aig uallaichead an eich chòrr  
Thug e na tri ruaigean roimhinn.

24

Mharbhadh leis naonar d' ar muinntir:

Mharbhadh leis naonar mic eile:  
Mharbhadh leis an gaisgeach mu 'n can (1)  
Aille Mac Giollagain.

25  
Chaidh mi fhein air mo steud chath;  
'S ma chaidh cha b' ann mar shratha:  
Na 'm biodh an seic air soirn  
Bu dual domhsa 'ghasdadh.

26  
Thairngeadh leinn claidheamh a truaille:  
Bhuail sinn gu cruaidh cuidreach;  
Mar shradag tein' ann a' d' dhorn,  
Na mar reul ainneil adhar bu d' gharbh,

27  
'S dh' imich a sgiath-san uile,  
'S dh' imich mo sgiath-sa gu bile;  
Esan cha deachaidh a dhrioma (2)  
'S mise cha d' thug èireadh dhàsan.

28  
Thug e spuir 's a' bharan leis;-  
Chaidh e 'san abhainn cheudna:  
Thainig Fionn fein a mach;  
An righ feuta fearail.

FIONN.

29  
Co na sloigh a bhiodh an sin,  
Ailis duinn Aoigh nam beumannan?

AOGH.

Sluagh geal, maoth-gheal, and gheal, gleachdach,  
Ard mhuinealach mhi-leasach.

30  
Air bhith dhomhsa 'n dàn;  
Gu 'n d' thainig mi slàn o 'n iomasgail.

<eng>GLOSSARY.<gai>

Sor,<eng> I think should be <gai>sorn,<eng> a snout. <gai>Sorn na muice,<eng> the snout of the sow.

<gai>Tir airgnidh<eng> means land of robbery, but reciter says it means <gai>tigh seinnse,<eng> a public-house.

<gai>Ainne.<eng> This word, I suspect, is a corruption; reciter calls the mother of Aogh Ainne, and Anglicises the name, Ann.

<gai>Do bhi,<eng> the Irish form for <gai>bha.

Cruachan Còrr.<eng> There is a pretty little round hill in the moors west of Staonsha called by this name.

<gai>Feoirne,<eng> gen. of <gai>feoran,<eng> grass.

<gai>Corc air leirg,<eng> the town of Cork.

<gai>Teinneineachd,<eng> tightness.

<gai>Cèir chath,<eng> probably a corruption of <gai>cith cath,<eng> battle-rage.

<gai>Bhùirne,<eng> Reciter explains as <gai>sgiath<eng> or <gai>lùireach. Birnie,<eng> probably.

<gai>Phiòbaill.<eng> Reciter could give me no explanation of this word.

<gai>Sratha,<eng> a sluggish, inactive person.

<gai>A dhrioma.<eng> I should have written this <gai>a 'ghrime,<eng> out of his battle, hors de combat.

<gai>Eireadh,<eng> yielding; from <gai>eirr,<eng> a shield. H. M. L.<gai>

O. 6. CATH CHLOINNE BAOISGE AGUS MORNI. <eng>117 lines.

Dr. Irvine's MS., page 23. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 18, 1872.

THIS is part of the Quarrel between Fionn's tribe and Goll's tribe, but it seems to me that some modern hand has been at work upon a ballad. I place it here supposing that the ballad was part of the Dialogue between Goll and his Wife.<gai>

1

LATHA dhomhsa 's do Fhionn fiall,  
Air sliabh luachair 's bu chubhi leim; (chumha dhuin)  
Uamsa dh' imich an Guth,  
Dhe na ghabh Fionn nam flath coirnich.

2

Air bhi dha g' am iarraidh,  
Air feadh bhal is Islar;  
Air feadh airde nam beann,  
Is leug iosal nan Eirthire.

3

La dhuinn air sliabh Mhuill, (Moilina)  
Chunnacas Fionn teachd le sheachd Cathan;  
Dhomhsa bu chuis sheachnadh sin,  
As e g' am shireadh 's g' am shir-leanmhuin.

4

Shuidhich Fionn na pubuil gheala,  
Air na tulchana Ceardaich;  
Shuidhich mise na pubuil eile,  
Air a' mhagh na fhianuis.

5

Mar gu 'm biodh Co-uriad sloigh,  
'S cha robh duine agam b' fhiach;  
Ach ochd fiched deug deagh ghaisgeach,  
Thuit an tour air a bhinn,

Leum a Ghaur eadarinn.

6

Dh' fhas an amhainn bras,  
Cha taradh treun laoch thairis;  
Ach eisdidh sinn ri gaoth nam beann,  
Aig an tragh an amhainn,

7

Ghluais a mach o phubuill Fhinn,  
An t-aon each buidhe baobhail bras;  
A's e tighinn fo leasanaibh soluis,  
Bior-chluasach donn, bar fhionn blar,  
Uchd leathann donn taobh gheal sholuis.

8

Marcach air muin an Eich mhoir,  
As ailde gu 'm facas thar sloigh;  
Luarach le nao srethain oir,  
Ma chorpan sheimh shith shroil,  
Sgiath bhulganda bhalganda chor.  
Air a ghuailinn deas ro mhor,  
Sgian mhor air a thaobh chli,  
Air mac uasal an ard righ.

9

Thug e spor do 'n ghearran bhlar,  
Nach do thaghail riamh an t-ath;  
Chaidh e nao uairean troimhinn,  
Marcach an Eich shuntaich chuanta;  
Cheangladh leis an Donnan fhiodhi,  
Naonar Mac Ghill Ibhi.-

10

As naonar Mac Tuirmi nan clar, (ne clar)  
Is Garbhan Mac Maolar;  
Is Eadargan Mac Doire,  
Fear nach do dhiùlt biadh no deoch,  
Do neach riamh san aoduinn. (<eng>al.<gai> san fheudare)  
Sguich mi fhin roimh san ath,  
Leam bu mhiltich 's bu tra.

11

Uair gu 'n robh saoghal air sogh,  
Chleachd mi aon laoch a chosgadh. (fhasda)  
Rug e air mo sgiath ro laothach,  
'S ma mo cheann rinn di bloighdean,  
Mar bhitheadh mo chlogaide ghlan,  
Chaillinn an ceann lem leanmhuinn,

12

Thug am Marcach mach an t-atha;  
Thugas steud bhuigh stad bhuigh;  
T-abhra phog do 'n t-sar mharcach,  
G' an dith do bheatha a Mhic Righ Fail,  
Laoich churranda shoghraidh.

(1) <eng>Means<gai> ris an can iad.

(2) A 'ghrime.

[TD 175]

13

Ciod an sluagh a fhuair thu thall,  
Aig Goll Mac Morna na mor lann?  
Sluagh tuigseach ciallach,  
Narach neo-mhisgeach,  
Mar bithe d' ghrasan domh Fhinn.  
Cha tiginn slan uath thairis,  
(1) Ach a nis o 'n tha mi triall,  
Air an anam a tha 'm chliabh,  
Fad mo laimh no mo lainne,  
Cha do chum ris a chuirridh,  
Ach an t-aon chruaidh bhuille.

14

An sin chaidh sinn an dail a' cheile,  
Bu treun 's bu dochdair a' chomhrag;  
Thug an Fhiann tulga air ais; (<eng>al.<gai> turrag)  
Thog clann Morna sgal doibh,  
Chriothnaich am fonn fo 'r casaibh,  
Stad na sruthain le doghruinn.

15

Chlanna Baoisge nam mor ghnìomh,  
Dream bha misneachail riamh;  
Sliochd threunmhoir nam blagh,  
An geill sibh do 'n Gharbh dhragh.

Cumhichibh cruadhas na Feinne,  
Buailibh dannara treuna;  
Pillibh le tabhachd gu cumasg'  
Gleithibh an arach, tionda 'm buinne,

15

Sheall gach fear air a chlaidheamh liomhi  
As air a shleagh shlan chosgi,  
Chual gach fear luaidh a' bhaird,  
Dh' iarr le naire a dheagh chliu,  
Chunnacas Fionn a tearnadh nuas,  
B' anbharach a chith sa choslas,  
Bu chiùn tosdach na Duilean,  
A bheinn chrath le mor ioghnadh,  
Phill sinn an ruaig gu grad.

16

Co dheanga Fionn sa ghreis?  
Thachair Fionn is Goll na mor chleas;  
Thug iad an cath gailbheach dobhi,  
Dh' fhalbh nam bloighdean an sgiathan ball bhreac  
An clogaidean sgealb air an raon  
An sleaghan chaidh nam miribh san adhar,  
Tharruing an claidhean foinnidh fine.

17

Sheas sinn uile an da shlogh,  
'G amharch garbh chath na mor thriath,  
Bheuc na h-uilt le eagal;  
Sgoilt na creagan le mor thoirm.

18

Lub a choille le fuathas,  
B' oilteil torun uamham nan speur,  
Taighse 'g itealaich sna neulaibh;  
Sgreadail gu fiadhaich sa' bheinn  
Thog iad an talamh le 'n Cruaidh spairn.

19

Lub Fiann guthail a ghruaidh,  
Ran an Fhionn le meud an eagail;  
Ran, 's cha b' aobhar eagail doibh,  
Co chuireadh air Fionn?  
Co sheasadh ris san spairn?

20

Thuit mac Morna nan cruaidh bheum,  
Shil ar deoir mu Gholl nan ceud;  
Eirich a Ghuill a leon thu fein,  
Cha 'n imear mo lannsa ort beud,  
'S cuimhne leam an Damh a babhaist,  
Fhionn riamh nach iarradh lochd,  
Tha mi fo d' gheasibh, cian a nochd,  
Glac mo chlaidheamh, glac mo lamh,  
Thoir dhuinn sith is bithidh slan.

21

Clann Morna tha direach deanta,  
Co tha cosmhuil ruitse Ghuill;  
An cath gailbheach nan crom ghleann,  
Co sheasadh tu ach Fionn fial,  
'S co sheasadh Fionn ach Goll ciar.

22

'S eibhinn a nochd sith nam braithrean,  
Sgaoil dhuinn fleagh' aird iar ceol-  
Buail clarsach nam fonn aosda.-  
Oighean thigibh caoin nar coir,  
Caoin thainig reultan na maise  
Bha fo smal car tamull an dall cheò,  
Las an gnuis mar ghrian ag eiridh  
Cuir aoibhneas air feidh is coilltean.

A. 24. KINN ZULLE. <eng>28 lines.

IF there were any doubt as to the antiquity of the Story of Goll, this fragment from the Dean's Book (English, p. 71; Gaelic, p. 50) is conclusive. It places the death of Goll late. Three of the Clanna Morna—Gorraidh, Conon, and Daoire are going to avenge the death of Goll on Ossin, Oscar, and Caoilte. Caoirreal was slain before Goll, Goll was in the slaying of Diarmaid. These three are out of the story. The six here named are in later bits.<gai>

1

A zorri tryillmyt gow find  
Ighilk ernacht sowch linn  
Zarre kinn zulle er in ree  
Gyn gurmist aye gai keive cleith

2

Is lesk lumsyth zwle anna  
Onach clwnnwn gr fan chenna  
Is nach feadmist a zeilt  
Kenna v`morn vor znewe

3

Kail lusse ne is allwm pen  
Id durd conan mor gyn keale  
Marmy for mach gyth dunna  
In deilt zwle olt voe

4

Suyth in trur var mon din nane  
Onach lamyt di zin fen  
Abbir a zorre is lawr  
Fayr sinni sin trom alle

5

Marvesyth ossin mor m`fyn  
Marve mai in tosgir nach teymmi  
Marve dyrre kilte kaye  
Fayir sinni wlle er in lawe

6

Matht is aggwm ne veis anna  
Cha dik linna movil er finn  
Tuttmy ulle sin alle  
Cha dikge gowle dr gowrne

7

Da byth inni byth le a nort  
Dyth churmist finni za leacht  
Is ferr nyth brar gyn nelle  
A derssi rwt a zorre.

A zorre.

<eng>THE DEATH OF THE WOMEN; OF GARAIÐH, AND HIS SON AODH; AND THE  
BURNING OF TEAMHRA.

F. 19. H. 28. I. 21. O. 8. P. 7. 9.

FROM this ballad, which never has been printed so far as I can discover, it appears that Fionn and his Feinne had taken possession of the High King's House at Tara. Goll's brother left behind, at the suggestion of Conan, another brother, fell asleep. The women wove his long hair to stakes, and shouted a war cry. He started up and tore his hair. In revenge or in prosecution of the blood-feud, he set fire to the house, and burned women and children, rings and garments and plenishing. The Feinne put Garaidh to death, but through his last petition he cunningly made Fionn suffer. Thenceforth Fionn was lame, according to tradition. None of the Heroes whose death songs I have placed earlier appear in this ballad. Padruig is not mentioned in it, but the person who is telling the story points to the mound above him, so this is part of the Story told by Oisein to Padruig upon the Hill of the Feinne, which begins in the Dean of Lismore's Collection, runs through all the rest, and is still current.

I have Z. 51. 7 lines, of the story, localised at the Narrows between Skye and the main land, orally collected by Mr. Carmichael in 1862, bound in Vol. xii. MSS.

On the 5th of September, 1871, I arrived at Tobermory at 11, and walked up the hill to the house of William Robertson, who was weaving blankets. I invited him to the Mishnish Hotel, and set him to spout Gaelic while I wrote as best I could. He said that he was 87, that he

(1) Got from Roderick Mac Lennan Taksman, in Kintail, who took it down from the oral recitation of Murdoch Mac Lennan—Kintail—aged about 60, who learned it by heart from his father many years before, who had many more poems of the Heroic ages, but which had not been preserved. Miltown Ramoch, 25th August, 1802. Present, Mr. Alexander Stewart and many others.

[TD 176]

could not read or write, and he could speak no English. I wrote from his dictation, 21 verses of the Lay of Diarmaid, which contained nothing worth adding to versions given above. I read what I had written, and he put his 'mark' on the paper. He next sang me 21 verses of the Lay of Garaidh. There are many variations in this version, but it is the same ballad and story which others got from people of this class. But the explanations given to me were wilder. Instead of being stretched on a noble bed, with a purple or red coverlet, the spy was stretched on the ground with his head under the lid of the cooking pot: <gai>'S a cheann fo bhrot chosgair a chuain.' <eng> That was the name of the great Caldron. The liquids and some other letters were so quiescent that it was exceedingly difficult to catch the words. Moreover, the old man wandered about the whole Fenian Story directly he was put out of his pace. He localised this story at Jarvis's Field in Glen Forsa. He did not know what 'Tail' meant, but in the same line elsewhere the place was 'Innse Phàil.' He explained a line to mean, 'They let away their falcons to the hills,' and said 'they used to go about with sticks between two men and falcons sitting upon them.' Here he got a dram, and said, 'That is the stuff, many a time I made it. I have made Treas tarring so strong that three fulls of water would need to go to it. That's the stuff.' His story told after singing the ballad was this:—

Garaidh was left at home to find out what food the women took because they were so fat. It was Conan who said that they should do it, out on the hill. He said, 'We are lost and tired, hunting; and these women are as fat as seals,' So Garaidh was left. He hid under the kettle, and went to sleep. The food they had was birds' blood and deer's blood mixed with <gai>'Carigean us staimh' <eng>—(I first wrote the word Caliguirn)—The root of the Tangle, which still is eaten. Some say that they bled themselves to make this mixture, and that made them so fat.

Then they found Garaidh, and they wove his long hair, and pinned it to the ground with pegs. When they had done that, they gave a battle cry, 'Gaoir chath,' and he sprang up and left some of his skin. He went to the wood, and got faggots and drove them all in, and put bars on the door, and set fire to the house, and so he burned all that were in the House of Farmalach. That is not far from here for they smelt the fire.

'But,' said I, 'the house must have been near Skye, because of the strait where Mac Reathain was drowned.' 'That must be so,' said Robertson. 'The kettle is here, still, in Loch Sguapain. If you throw in a stone in

winter, it gives a sound still.' (I may remark, that the kettle is in many other places, and that a man told me all about it in Cape Breton beyond the seas.) 'The last who took it up was Oisein. That was the time when he went for the big deer for Padruig. It was Oisein who made all these Luidhean (Lays).' By this time it was 4 p.m. After a rest, we began again, and got to the Lay of Oscar, after which we fell into the Lay of the Great Fool, from which we got to Conan and the Lay of the Buffet. Then he sang the Muilearteach, and at last we finished. So long as this old fellow was allowed to sing a ballad at his own pace he went right through so much as he knew, but questioned or stopped, he was as hard to follow as a grasshopper. It was this man's talk in 1870 that first made me feel that this Fenian Story might be arranged. On the 27th of September at Polchar, in South Uist, Angus Mac Donald, a crofter, gave me the end of the Story of Garaidh.

'His son Aògh Mac Gharidh took Misg chatha, the drunkenness of battle, when his father was slain. He worried the Feinne. They put him into geà (1) chladaich, a rift in the shore to hold battle against the speckled people—the breaking waves, and he broke his heart fighting with them, and so he was put to death.' I read him Robertson's ballad. He had never heard it, but the story told with it was all right.

From notes of this kind I mean to tell my version of these old Heroic legends when I translate the Ballads.<gai>

F. 19. LOSGADH BRUTH FARBAIRN. <eng>84 lines.

Fletcher's Collection, page 111. Advocates' Library, February 23, 1872. Copied by Malcolm Macphail.

NOTE.—This, learned by a man who could not write, and dictated by him to a scribe, must be genuine as an oral recitation. In it Fionn is called King of Teamhra, therefore, as appears in other places, he had taken up his abode in the palace of the Irish High King, Cormac Mac Art.<gai>

1  
SGRIOB a chaidh Fionn le Fhiannibh,  
Thair sruibheadh Glasa Innse fail;  
Chuir iad as na leirgibh gasda,  
Daimh na Beann baisge dha.

2  
Dh' fhag iad nan diaghidh an corn buadhach  
Is deadh mhachd Morn nan gruaidh dearg;  
Aghaidh chiùil a labhradh ra bhinn,  
Eoin chiùin an torraibh nan cran.

3  
An sin nuair a leig Gara mor machd Morn  
E nunn ann san leppidh chùil;  
Luidh suain gu trom air a rosgaibh,  
'S cheann fuidh' n' bhrat chorcair chiùin.

4  
Comhairle a chinn air bheag caille,  
Aig beantreabhach ùr nan falt cam;  
Dealgadh caol am brottadh gasda,  
Folt an laoiach an glach dibh chrann.

5

Aisling a chunnaic Mac Morna,  
Air bhi dha 'na chadal trom;  
Chunnaic e Garradh fuidh dhiamhir,  
Cha raibh luaidh air Fhiannuibh Fhinn.

6

Thug e fosgladh air a rosgabh,  
Ais an aisling fa na deur;  
Dhealluich an tonn o 'n eannuichin,  
Fuil an laoch a dheargadh feur.

7

Mead sùgraidh Ban na Feinne,  
Chaidh e an chaoill is cha cheum deas;  
Dhuin na dorsan mar a chualas.  
Is thug criainn air ghualan leis.

8

Bha ceud cotan ceud fainne seunta,  
Ceud srian bulgach nan each ard;  
Bha ceud bratach chaol uaine dhathan,  
A ghabhadh gaoth ri gathaibh chrann.

9

Bha ceud cuilean le muineal airgid,  
Bha ceud uighan bu ghrinne meur;  
Bha ceud machdan len brollach sioda, fìor ghlan  
Is ceud bean na muim aig gach machdan.

10

A fhuair urram an teach na bean treun,  
Air mo chuigh bha sud san talla;  
Bha ceud cailleach chasliath ghreanach,  
Agus altrum a steach air glun gach callaich.

11

Suil gan tug è thair a ghualain,  
Deadh mhac Chuthail na gruaidh dearg;  
Chunnaic e ceo talmhi daite  
A thigh farabairn is lasair aurd.

12

Cuiribh oirbh a leoghain ghasta,  
Gach aon laoch tha an so rim linn,  
Sid agaibh an caismeachd anamoch,  
Is teanachdabh gu grad bantrach Fhinn.

12

Miad air dochais as air laochaibh,  
Thug an talla dhuin breith chaol;  
Leum gach fear air barr a shleaghe,  
Is dh' fhag iad Mac Reithe sa chaol.

13

An sin anuair a thuirtead Mhac Chuthail,  
San gaisgeadh air dol air cul;  
Cuirmid air druim ris an talla,  
Is caoine mid Garadh air thus.

14

Bu luaithe air cas do 'n talla,  
Nam biodh fios co leanta ann;  
Chuir Fionn a mheur fo dheud fios,  
Fhreagair cach am fios mur dh' fhuair.  
Iarruibh gu maith fear am folach,  
Sann tha Garadh ann san uaimhe.

15

Thig thusa a mach a nis a Gharadh,  
A mhic Morna na cleas truagh;  
Na 'm faithin achuing gu harridh,  
Is gun manam a thoirt uam.

16

'Gheibheadh tusa d' achuinge gu harrid,  
A dh' aon seol ga 'm bheil an criodh;  
Mo dheibhin t-anam na h-iarr e,  
Bho sann do na Fiannuibh u,'

17

Mac an Lion a bhi guin manma,  
B' e sid m' achuing a mhic gu fior;  
Is mo bhraghad a chuir an giurradh,  
Air caol sleisde gile Fhinn.

(1) <eng>This word is in Icelandic.<gai>

[TD 177]

18

Ach chruinneach uaislean na Feinne,  
Is bha sud na choimhrle chruaidh;  
Bu mhor a gheil dhuinn air Garradh  
An Righ san talla bhi uainn.

19

A sin anuair a dh' fhuasgail iad na geasan  
Le Clann Righ Innse Cuinn;  
Thioluig iad cas Righ na Teimhre,  
Fodh fhoid ghlais don talmhinn thruim.

20

Chuir iad an ceann do Mhac Morna,  
Is chaidh mac an Lion bhos a chionn;  
Leig aiteal beag don chalg neatha,  
Fuil daite gu traighibh Fhinn.

21

Is bu dluithe na driuchd air dearna,  
Bha fuil bhos cionn glun gearte Fhinn.

<eng>H. 28. HOW GARABH KILLED THE WOMEN.

152 lines.

Kennedy's 1st Collection, page 140. Advocates' Library, December 26, 1871. Copied by Malcolm Macphail.

THE story of this ballad is told by Kennedy in his Introduction to his First Collection. See above p. 36.

FOR this part we need not say much about it, for it is seen in the Definition largely how Garabh killed the Women, and how Fingal got a severe cut at the time that Oscar beheaded him.<gai>

DAN 27.

1  
LATHA do chuaidh Fionn le Fhianntaidh,  
Gu srath lia ghlas Innse-pháil;  
Shuithich sinn ar lomhainn ghas,  
Air feidh nam beann a bhaisge laimh.

2  
Re cath leagair feadh nan gleanntaidh,  
Gu binn labhrach, calma bha;  
'S leag sinn air na leirge casa,  
Feidh nan glacag is nan ard.

3  
Bha againn Aogh nan cornn buaghach,  
Mac Righ Fighail nan cul cam;  
Le croinn chiuil a labhradh ro'-bhinn,  
Mar eoin air bhara nan crann.

4  
Gach séud a loisgeamh san talla,  
Innseam dhuibh ma 's meoghair leam;  
Nin raibh teach bu liughe céudan,  
'S gach neach air dhea' eideadh ann.

5  
Ceud seacamh 's ceud ceann-bheairt bholgach,  
Is ceud sgia' le 'n comhdach crann;  
Is cuig ceud luireach bu lóinreach,  
Le 'n úr-mhaillaibh ór-bhuidh ann.

6  
Ceud cupa 's ceud fáinne seanta,  
Ceud clach bhuadhach 's ceud córn cam;  
Is ceud Bratach uaine dhalhach,  
Ghabhadh gaoth an gathaibh chrann.

7  
Ceud cuilain le 'n coilair airgaid,  
Bha 'nn san Teaghlach bu dhoi' leinn;  
Ceud laoch a choidil le seantachd,  
Is ceud saor bhean an teach Fhinn.

8  
Ceud macain le 'n earadh uaine,  
'S ceud maighdean bu ghrinne méar;  
Is ceud bean bu mhuim do 'n mhacridh,  
Choisainn cliú an teach nan tréun.

9

Ceud earradh le 'm broilach airgeid,  
Le 'n leintaibh sróil finn-gheal bán;  
'S ceud sligheach philleadh gach urchair,  
'S ceud srian bulgach nan each árd.

10

Ceud cloidheamh le 'n ceann-bheairt airgaid,  
'S ceud sleagh lainnrach bu mhai' ágh;  
'S ceud Craosach le clanna Righridh,  
'S ceud Tuadh mílidh bu mhór ár.

11

Ar 'n ór 's ar uigheam gu h-uilidh,  
Dh' fhag sinne steach am Bruth Fhinn;  
B 'e sin teach nan séuda lomhar,  
Fa 'r 'm biodhmaid seinn ceól gu binn.

12

Dh' fhag sinn Garabh mor mac Mornna,  
'N taobh an talla 'n leabuidh úir;  
Luigh suain gu trom air a rosgaibh,  
'S a cheann fui' 'n bhrat chorcair chluí'.

13

Tamall do bha e san t-shuain sin,  
Air chúl bantrach nan dual cam;  
Cheangail iad air dhealga gasta,  
Falt an laoi ch an glaca chrann.

14

S' e sinn a chunnaig Mac Mornna,  
Air bhi dho na chodal fáill;  
Gun raibh e fein 'n áite diamhair,  
'S gun iomradh air Fianntidh Pháil.

15

An sin do mhosgail Mac Mornna,  
'N caslaigeamh a chodal trom;  
Dhealaich an (1) tonn ris an ionmhar,  
'S fhuil nach b' ionmhuinn sios ga bhonn.

16

Ruigh e 'n sin a mach géur leóinte,  
Le misg chómhraig 's ghuil gu géur;  
'S dh' aithnich e co rinn an crá' dha,  
'S truagh a tharladh dhuinn gu léir.

17

An deidh sugradh bhan na Feinne,  
Chuai' e 'n choillidh 's cho chéum deas;  
Dhruid na dorsan gu teann cruai',  
'S thug crionach air a ghuaille leis.

18

Do loisg e an sin an óigrídh,  
Dheanamh imtheachd mar bu dual;  
'N tra lasamh gu druim an talla,  
Dh' imich e gu grad gu h-uaimh.

19

Suil do thug e thair a ghualain,  
Deadh Mhac Chuthail nan ruag áigh:  
Chunnaig e ceo talmhídh daite,  
Thigh Teamhra' is lasair árd.

20

C' ait am bheil sibh fhear Fiann Eirann,  
Freagradh a chaisamachd banbh;  
Nach fhaic sibh ceó talmhídh daite,  
Thigh Teamhra' is lasair dhearg?

21

Thionail iad an leomhain chatha,  
'S gach Fiann a bha 'n sin r' ar linn;  
Do chum teasarginn Tigh Teamhra',  
Is a theanacas bantrach Fhinn.

22

Do bri' 'n dochais bh' aig na laoiach,  
A lúth an cos 's cho bhreith chlaon;  
Leum gach air bar an sleaghe,  
'S dh' fhag iad Mac Reatha sa chaol. (fear)

23

'N uair rainig sinn taobh an talla,  
'N deidh do 'n d' eug-bhail dol air cúl;  
Chuir sinn ar druim ris an talla,  
'S chaóinte leinn Garabh air thús.

24

'N sinn chruinich Fiann aili' Eirann,  
'S shuidh iad air tulaich nan deur;  
Gur mor an dí dhuinn air talla,  
'S gun ni ann o 'n leanar é.

25

Chuir Fionn a mhear fui' dhéud fios,  
Fhreagair cách am fios a fhuair,  
Leanamh gu lua' fear ar falachd,  
'S gheibhar leibh Garabh san uaigh.

26

'Thig thusa mach orsa Mac Chuthail,  
A mhic Mornna nan gníomh truagh;  
Theid nam fuighinn 'm chuing áraid,  
Gun chead 'm anama iarruidh uait.'

27

Ghheibh thu sin d' athchuinge áraid,  
Do dh' aon ni am bheil do shúil;  
A h-eagmhuis d' anama no h-iarr,  
O 'n tharlaimh air na Fiantídh thu.

28

Mac-an loin thoirt an laimh Oscair,  
Se sin 'm ath-chuinge gu grinne;  
Is mo bhradh'd a chur an giorad,  
Air druim sleiste gile Fhinn.

29

Thainig Garabh 'mach san uair sin,  
A dh' fhulang air son a ghò;  
Air tí fhirinn a chumail,  
'S sinn a mio-run uile dho.

30

Dh' innis dhuinn gach ni mar tharla',  
'S mar a rinn na mnáith a león;  
'S mar a sgrios e sios gu leir iad,  
B' e sin dhuinne sgeul a bhróin.

(1) Ata tonn ris an ionmhar a ciallacha gu do dhealaich fholt agus a chraicean ra chlaigean mar a dhealaichas an tonn re tír, no mar a ruighas an t-uisge re bratha' mar sin a ruigh fhuil o chorp.

[TD 178]

31

Chrunnaich sinn Maitheadh na Feinne,  
Air tulaich nan deur 's bu truagh;  
Bu mhor an geall leinn air Garabh,  
Ar Triath s air talla thoirt uainn.

32

'S iad clann Pháil Innse-teamhra,  
Dh, fhuasgail na geasan gu grinn;  
Fhuaradh sin gun iarruidh uathe,  
Ni uach truailleadh briathraibh Fhinn.

33

Chlathaich iad seachd troidhean do 'n talmhinn,  
'S an tulaich ghuirm os ar cionn;  
'S thiodhlaic cas gheal Rí' Teamhra,  
Seachd troidhean fui 'n talmhinn truim.

34

Shin e uaithe 'm bhragaid sochridh,  
'N eiric air a gníomh a thoill;  
'S ghearr an cloidheamh sud gu h-an-mhor,  
Is seachd troidhean do 'n talmhin truim.

35

Leig aiteal a chuilg nimhe,  
Fuil dhaite gu throidh gheal úir;  
'S bu luaithe na druc air dearn,  
Chuislean geairt oscionn a ghluin.

36

'N sin chruinaich Fiann áillidh Eirann,  
Gu dubhach, déurach, ro-thruagh;  
Bu bheag an dí leinne Garabh,  
Ach ar Triath 's ar tall' thoirt uainn.

37

Labhair Mac Chuthail gu fíor-ghlic,  
Cuma' cháint sin na tosd,  
Oir cho 'n fhiach ar glóir a h-ath-ra',  
'S leóir dhuibh na th' agaibh do dh' olc.

Chlathaichadh uaigh do 'n fhear chalma,  
 'Se Mac Mornna nan gníomh truagh;  
 Am fear a dh' fhag sprochd air cháirde,  
 Cuireadh e san talmhminn fhuar.

I. 21. GARABH. <eng>148 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 131. Advocates' Library, April 10, 1872.  
 Copied by Malcolm Macphail.

IN this second version the scribe has polished his language or he has got better versions from other reciters. I give various readings. The rest of the lines are duplicates.—J. F. C.

#### THE DEATH OF GARY AND DESTRUCTION OF DUNSCAICH.

THE Story of this Poem is both dismal and tragical. Fingal at this period of his life resided in Dunscaich, in the Isle of Sky, who and his Bands had landed one on the adjacent side upon the Continent for game, and left Gary, the son of Moirne, as a scout at home to watch the Fortress, Wives, and Children. Gary had disobliged the Women in Fingal's absence, for which they watched an opportunity of being revenged.

Gary had lien upon his Bed, fell asleep and snored. The women crowded about him, and wove his hair upon stakes which they fixed in the Earth, and with great acclamation huzza'd three times, and alarmed Gary who left both hair and skin upon the stakes. He finding himself thus cruelly scalped and mocked by the women, had set the Fort on fire and sacrificied all that had been within to the flames, and flew into a distant Cave where he hid himself. Fingal, observing the Fortress of Dunscaich on fire, alarmed his Bands in the chase, who soon assembled, and ran in full carreer towards the shore, and as many as wanted Boats to transport them is said to have leaped upon their spears over the sound, where one of them called Mac Rei was drowned, whereby the sound retains the name of Caol-Rei ever since.

'S briathraibh garge fuaridh falachidh,  
Eidear Oscar agus Cairbnidh.

30

Air madain an dara mhàirach,  
Do ghluaiseamar gu mor ghàirdach;  
A thoirt seilg leinn le coi' éibhneas,  
'S cho d' fhiabhraich sinn Ri 'n h-Eirann.

31

Thog sinn Gleann-caothann nan úr rós,  
Gu luath, laisgairnach luthmhor;  
'S chunnaig sinn a teachd nan tean-ruigh  
Buidheann fhuilach fhaobhrach chalma,

32

Macsamhailte do bha 'n daor-ruigh,  
Mar an t-shran-ghaath teachd thair aonach;  
No mar fhrois o 'n iar na gathaibh,  
Roi' na gothaibh baoghlach plathach.

33

'N tra' chunnaig Oscar na slóighaibh,  
Dh' fhás e mar fhiadh-bar air móintich;  
No mar chú air éill no lothainn,  
Re h-am teachd do 'n t-sheilg ma chothair.

34

A deir Oscar r' a luchd seilge,

O! chaomh chalmaibh is mai' eirmais,  
Tha cluich eile teachd nar caraibh,  
Ni 's fhearr no claidh fhiadh air bharrabh.

35

Tha ar naimhde tigh 'n nan grunnaibh,  
Chum an t-sleibh gu feithach fuileach;  
A thoirt sgrios oirnn ann an aon la,  
Mar strioc sinn gu sior do Chairbnidh.

36

Pilleamaid riu gu déonach,  
'S na geillamaid chaoi' da 'n comhrag,  
Man di-measaich no man táiraich;  
Sinn gu sior an dream o 'n d' thainig.

37

Sin a deir na Luthaich chalma,  
O! na d' thugaibh buille dhaibh 'n diu;  
'S fhearr dhuinn réite riu is cordamh,  
No tuiteam uil' air an lón ud.

38

Fhreagair Oscar Caomha grádach,  
'N 'e sin a deir sibh a lán-laoich  
B' fhearr leam tuiteam air na Maghaibh,  
No teicheamh no geill do bhaile.

39

Sin thuirt Raoinidh aoibheil gáirdach,  
'S baoghalach dhuinn dol do 'n ghábha';  
Ach ged thuiteas sinn gu h-uillidh,  
'S ro alloil gu bráth ar cumha.

40

Mile beannachd dhuitsa Raoinidh,  
Fhir is fhearr re lím na caobhrach;  
Do ra Oscar an Ceann catha,  
'N curidh calma, armach, gathach.

41

A rís a deir na Luthaich ághor,  
Re caomh Oscar cosgair, aluin;  
Cha do thréig sinn riamh na cathaibh,  
No air cáirdean gradhach gathach.

42

Bha sinn riamh an tús gach gábhadh,  
F 'ar 'm bu mhinig bulllean lán-laoch;  
Cha d' rinn fós am bás a sheachna',  
Le meath-chrith no leanbachd mheata.

43

Ach 'n diu' chi sinn sloigh doth-áiridh,  
'S dubhadh shliagh is bheann d' ar námhaibh;  
'S baoghalach dhuinn doll nan caraimh,  
'S gun air 'n áireamh dhoibh am fagus.

44

Bheir aon leagamh sinn sa ghábha 's,

Chaoi' na dheidh nach d' theid am blára;  
'S fhearr dhuinn fheuchain le cuthach,  
No bhi rís gu sior fui' Chumha.

45

A cheann-catha 's farsuing ainmein,  
Thoir thusa 'n ceann seant' do Chairbnidh;  
Oir cho mhaslaich síth re laoich sinn,  
Gus 'n d' thig Fionn le chalmaibh gaolach.

46

Ach ma 's raonaich leats' imtheachd,  
Chuca siar gu pian no pilleadh;  
'S ullamh thogas sinn ar 'n arma,  
'S tric a dheálr' an dubhra garbh-chath.

47

An sin do ra' an t-Oscar calma,  
'S 'e cath fuileach mor mhiann' manma;  
Far an cluinte fuaim nan luinne,  
Mar thorainn no sreotha' muinne.

48

A deir e 'n sin r' a bhuidheann dheálrach,  
Fhir rathail is cruaidhe 'n gabhadh;  
'Sgaoileadh uaibhe meath-chrith chatha,  
'S biodh r' ar féum an gléus nan Cathan.

49

Faiceam uile sibh an órdadh,  
Aiteam chathach, rathach, lóinreach;  
'S gluaiseamaid gn luthar, calma,  
Mar bu nos leinn ann 's gach ann la.

50

An sin dh' imich sinn air an fhraoch,  
Chum buaidhe no báis maraon;  
Ar gnúis lóinreach le ar 'n armaibh,  
Chlaoidheadh fradharc mar ghrian Shamhraidh.

51

B' fhuaimnaiche sios slios an t-sléibh sinn,  
No coill Mhorairn' roi' ghaoi' threun-mhor;  
Na toirm ua' mhannach na mara,  
'Nuair bheucadh i ris gach carraig.

[TD 187]

52

Bha ar luas mar fhéidh nan áonach,  
Bhiodh roi 'n fhaghaid a sior dhaór-ruigh,  
No ceathach nam beanntaidh árda,  
'N uair bheanadh dh' a neart an fháilidh.

53

Rainig sinn a bhuidheann lónoil,  
'S bhuaile chugain mar thuinn an damhair;  
Bhiodh o bosraich gu treun calma,  
Ris gach Carraig Chruaidh sa Gheamhra.

54

Bhuail sinn orra mar an céudna,  
Gu luath lamhach, is cho bhréugach;  
Mar mhor easaieh nan gleanntidh,  
'S reothadh sios ro slios nam beanntidh.

55

Choi'-fhreagradh na creagan árda,  
Do sgreadail ar 'n armaibh dealrach;  
'S dheargadh a Magh fui' ar cosaibh,  
Le fuil námh is ghrádhach cosgairt.

56

Mar sin dhuinne gu tra'-neóin,  
Gun fheith gun fhurtachd, ach león;  
A cosgairt gach buidhne nan dithadh,  
Mar a b' fhaigsa dhuinn a thigadh.

57

Faidheoidh thuit sinn air gach láimh,  
Mach o fhear a theich o 'n ár;  
'S cha d' thainig o 'n ghreis d' ar Cathain,  
Ach mis am aonaran galach.

58

Na b' aithne dhamh féin do 'n t-sluagh,  
Aiream dhiu na thuit gu h-uaigh;  
Sin re ra' d' ar namha gabhidh,  
Gun aithris air sluagh Ri' Pháile.

59

Mogan Mac Seirce bha 'n uaimh,  
Chomhraigadh céud cloidheamh cruaidh;  
Thuit sud le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu Righ na h-Eirann.

60

Rígh Loitheann nan iomad lán,  
Geur fuileachdach, faobhrach rann;  
Thuit sud le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu Righ na h-Eirann.

61

Seachd agus ceud mungan maiseach,  
Le 'n clogaid cinn uallach gaisgach;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluagh na h-Eirann.

62

Seachd céud do dh' fheara feachd,  
Thainig oirnn o thír an t-shneachd;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluagh na h-Eirann.

63

Seachd ceud Albannach calm',  
Thainig thair muir gáidheal garbh;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluagh na h-Eirann.

64

Seachd céud do dh' fheara botha,  
Thainig oirnn, 's cha b' ann dar comhair;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluagh na h-Eirann.

65

Seachd céud do dh' fheara scairbh,  
Thainig o 'n tír uasaidh ghairbh;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluagh na h-Eirann.

66

Seachd céud do chlanna Rígh,  
Bu mhó gaisgeadh, 's bu mhor gníomh;  
Thuit sin air láimh Oscair cheatfaich,  
'S e mosgladh gu sluagh na h-Eirann.

67

Seachd céud Cairbnidh ruagh,  
Bu chosmhuil re Cairbnidh 'n t-sluaigh;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluagh na h-Eirann.

68

Seachd is míle calma cruaidh,  
Chosgara' naoi' míle sluaigh;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluaigh Rí Eirann.

69

Seachd is fichead míle rís,  
Do lán ghaisgaich bu mhó gníomh;  
Thuit sin do náimh Oscair ághoir,  
'S e mosgladh gu sluagh an Ard-rígh.

70

Míle mor-laoch is a dha,  
Le 'n sleagh chorránach gu cràdh;  
Thuit sin da láimh Oscair aghoir,  
'S e mosgladh gu sluagh an Ard-rígh.

71

Seachd céud fear tuaighe gu h-ár,  
A sgath síos sinn ann 's gach áit;  
Thuit sin do náimh Oscair ghrádhaich,  
'S e mosgladh gu sluagh an ámhair.

72

Seachd céud Toiseach loinreach, árd;  
Fhuair urram air magh gach bláir;  
Thuit sin le láimh Oscair thréibhaich,  
'S e mosgladh gu sluaigh Rí' Eirann.

73

'N seachd céud eile b' fhaisge láimh,  
Le 'n Creathaille cruadhach bán;  
Thuit sin le láimh Oscair fhéilidh,  
'S e mosgladh gu sluaigh Rí' Eirann.

74

Seachd céud eile is nior ghó,  
Ge' d bha sligheach orr mar or;  
Thuit sin le láimh Oscair áluin,  
'S e mosgladh gu Ri' nan ámhghar.

75

A chuigear a b' fhaisge do' n Righ,  
Bu mhó meas is bu mhór prís;  
Thuit sin le láimh Oscair ghradhaich,  
'S e mosgladh ris na bha láthair.

76

'N uair a chunnaig Carbnidh ruagh,  
'N d' Oscar a snaitheadh a shluaigh;  
A Chraosnach nimhe bha na dhornn,  
Thilg e i chuige le threóir.

77

Thuit Oscar air a ghlun deas,  
'S an t-sleagh nimhe roi' a chneas;  
Thug e ath' urchair dh' i 'n ceud-rod,  
Is mharbhadh leis Righ na h-Eirann.

78

Art mhic Chairbnidh glac do chloi' eamh,  
Is seas fein an áite d' Athar;  
Mar toir thu 'n t-éug do na Caithain,  
Gur leóir dhuit fein mead do rabhaidh.

79

Thuit le Oscar sluagh gun áireamh,  
Do mhaitheadh 's do dhaoine ághor;  
Agus faidheoidh gníomh gun chuimhne,  
Art mac Chairbnidh 'n dara urchair.

80

Chuir iad an sin na bha láthair,  
Camhar Chairbnidh suas san áraich;  
Chum a león le smuaintidh tiamhidh,  
Aon laoch Eirann is nam Fianntidh.

81

Dh' imich an deidh na garg ghreis,  
Iarmaid an t-sluaigh fhuair gun treis;  
'S nan rigeadh mo lámh an cneas,  
Cho slánaicht' gu bráth an cneidh,

82

Oscar mac Osian an áigh,  
Thog e leac chloiche o 'n lár;  
'S bhris e 'n cabhar is an ceap,  
Gníomh mo dheireadh a dhea' mhic.

PAIRT II. <eng>This is a version of Ballad A. 30.<gai>

83

O! 's mise Fearadhas filidh,  
Is chuartaich mi gach innais;  
A noc an deidh na Feinne,

Struagh mo sgeul r'a innis.

84

Innis sgèul Fhearadhais,  
Philidh fiann fear Eirann;  
Cionnas mar a tharladh,  
Cath camhara nam béumanna'.

85

Nior mhaith e mhic Chuthail,  
Mo sgeulas o Cath-camhra;  
Cha bheó an d' Oscar ionmhuinn,  
Achuir mor chosg air chalmaibh.

86

'S cha bheó a bhrathair eile,  
Aon laoch fial nan gaisgeach;  
'S ann leis a Choran calma,  
A thorchair am fear sin.

87

'S mharbhadh fear a Mhantail,  
'S leinne do bha chónamh;  
Tha chroidhe gu fuar fal' chaidh,  
'S a lámh chalm an comhnuidh.

88

'S mharbhadh na Mic Luthaic,  
Na sea Mic san d' Athair;  
Mharbhadh og Rìgh Auna,  
'S mharbhadh ann Rìgh Laitheann.

[TD 188]

89

Mharbhadh Mughan seirce.  
Bha air thús nan sloighaibh,  
'S mharbhadh luchd nan Tuaghadh,  
A rinn mór thruaigh' sa chómhrag.

90

Mharbhadh na sea Cuinn,  
Na suinn bu mhai' sa chomstridh;  
'S mharbhadh Raoinidh 's Art,  
Na laoi ch bu dáite, loinreach.

91

Mharbhadh Glais is Geamhail,  
Is seachd mic Chaoilt' Mhic Ronan,  
Daoire dearg is Aogh geal,  
Fead is Faoidh is Mor-lamh.

92

Mharbhadh an Dubh-chuimir,  
Cruinne 's Balbh is Gáire;  
Fir nan créuce calma,  
'S iad gu fal' chaidh fásail.

93

Mharbhadh Oscar Gharidh,

Béirnnidh is Fad-lamhach;  
Is Clann-pháil o Teamhradh,  
Agus Fearraghuin gradhach.

94

Mharbhudh naoi mic Mhine,  
Déud-gheal agus Ardan;  
Mor-ghlan maiseach fialaidh,  
'S Connlaoh ciatach áluin.

95

Mharbhadh ann an Tréun fhear.  
Deó-gréine agus Aillidh;  
'S tha Lubhar agus saor-ghlan,  
Shios r' a 'n taobh gun mháran.

96

Mharbhadh naoi mic Cholla,  
Goille 's na tri Sgáire;  
Ioghlan is Fionn Breatan,  
Mac Bhreastail 's naoi mic Smáile.

97

Cho 'n ionann sa deireamsa,  
Ach mac mo mhic is manam;  
Cionnas a bha Oscar  
A sgoltadh a chatha?

98

Gur deacair sin r' a innse,  
Le ro mhead na h-obair;  
Na thuit sa chath gun áireamh.  
Le armaibh 's lámhaibh Oscair.

99

Bu luaithe' e no Eas omhann,  
No seobhag trid na h-ealtainn;  
'S mar rua'mhuinne sreothadh,  
Bha Oscar a g' aiseag.

100

'S bhitheadh e 'n uair eile,  
Mar bhile re tréun ghaoith;  
A lámh air gach fiuidh,  
'S a shúil air gach tréun laoch.

101

Chunnaig e Righ Eirann,  
Shios air lar a chatha;  
'S thug e ruathar chuige,  
Mar Mhuinne re carraig.

102

Mharbhadh leis an tréun laoch,  
Is an coran uime  
Mac peath'r a Mhathar,  
Am fear a chráidh sa ghuin e.

103

'S Art mac a Chairbnidh,

Air an dara buille;  
Sgoilteadh e na creagan,  
Le leadairt a luinne.

104

'Nam biodh beachd mo sgéulsa,  
An criochaibh na Gréige;  
Bhiodh Mnathan ann gu túrsach,  
Is fir air bheagan céille.

105

'N sin do rádhait 'm Athair,  
G' am b' alle Rìgh na Féinne  
'Struagh anois a tharladh dhamh,  
Bhi gu bráth an-eibhinn.

106

Tha mi' nois gu caointeach,  
An deidh gach cath is comhraig;  
An deireadh mo láithe,  
Gun fhir gun mhnái' gun sólas.

107

Imicheamaid roimhainn,  
Anois a chosg mo chomhraidh;  
Far am bheil an t-Oscar,  
A chuir mor chosg air slóighibh.

PAIRT III.

108

Thainig sinn an sin is Fionn,  
Air an tulach os an chionn;  
'S chunnaigh sinn air magh na t-éug-bhail,  
Ar laoch chaomhe, chalma, cheatfach.

109

Iad marbh gu h-uilidh san áraich,  
'San clab ris gach gaoith gun mháran;  
O! b' e sin an sealladh deurach,  
A dh' fhag sinne chaoi' an-eibhinn.

110

Fhuaras Oscar mo mhac féin ann,  
'S 'e na luigh air uilain thréibhaich;  
'Sa shleagh sint air lar lom ruisgte,  
Is fhuil sios tríd magh a Luireach.

111

'S mease bhi tu dhe' a dhe' mhic,  
Na latha catha Béinn-eadainn;  
Ghabham na corrain roi' d' mheadhan,  
'S fhuareamar arís do leaghas.

112

Mo leaghas cho 'n eil e 'm fáth,  
'S cho deanar e gu lá bhráth;  
Chuir Cairbnidh sleagh nan seachd aghan,  
Eidear 'm iomlag agus 'm áirnnean.

113

'N uair thainig Cairbnidh nan lann,  
Le fheachd a chur cath nach gann;  
C' om nach do mharbh thu gun sóradh,  
E air thús' ma 'n d' rinn do leonadh.

114

'S mise 'm feasd nach guineadh Cairbnidh,  
Air na bheireadh long thair fairge;  
Gus an guineadh mi gu neimhail,  
Sinn clann na deise dearbh pheathrach.

115

Do thug mise urchair bhathast,  
Mhiodhair 's g' a 'm bu leoir a guinne;  
'S chuir mi sleagh na naoi saoillean,  
An cumachd an fhuilt san aodain.

116

Thuit e 'n sin air magh na d' eug-bhail,  
Le mor chrádh air muin nan ceude;  
Bha ionchain a sios gu shúilean,  
'S fhuil a taomadh magh a Lúireach.

117

'S truagh a mhic nach d' rinn thu trá' sin,  
Man d' thug é am buille báis dhuit;  
Cha slánaichear thu gu siorruidh,  
Fhir a b' aghoire measg mhilidh.

118

Ciod e 'm fath chaoi sin a radhait,  
'S nach fhéud duine le mead ághan;  
Tighain o 'n bhás a fhuar órda',  
Ge d' bhitheadh gach sloigh ga chaonadh.

119

'N sin thug leinn an t-Oscar áluin,  
Air bharadh ar sleaghan árda;  
'S thug sinn d' a' iomchar grinn,  
Gus an d' rainig sinn tigh Fhinn.

120

Chruinnaich iad an sin na sluaigh,  
'S gu 'm b' iad sin na buirich thruagh;  
Cha chaoineadh bean a fear fein,  
'S cha ghuileadh a bhrathair e,

121

Cha chaoineadh piuthar a brathair,  
'S cha chaoineadh a mac a Mathair;  
Ach iad uile ann sa phlogail,  
A géur chaoineadh mo chaomh Oscar.

122

Donnalaich nan con re 'm thaobh,  
Agus buirich nan sean laoch;  
'S gal gach bannail ann gu snitheach,  
'S iad is modha chraidh mo chroidhe.

123

Mar sin dhuinn gus an ath-lo,  
Fuidh uallach uamhain is bróin;  
Ag amharc air a chaomh dhochaint,  
Gus 'n do cháill e 'n deó ra phloggail.

124

Thug sinn leinn e 'n sin gun ghàir,  
Air ghuailleán is sleaghean árd;  
Gus an tnláich uaine dhosrach,  
'S thiodhlaiceadh leinn an sinn Oscar.

125

'S ann an sin a labhair Fionn,  
Air an tulaich fhuair gu fánn;  
Air an amhail so du-bhrónach,  
'S dh' éist sinn uile ra chaoi-chomhradh.

[TD 189]

126

Mo laogh fein e, laogh mo laoigh,  
Leanadh mo leinadh ghil chaoimh;  
Mo chroidh' léimnich mar Lon dochaint,  
Chion gu bráth nach eirich Oscar.

<eng>Here begins a passage which seems to be modern; compare I. The metre is different.<gai>

127

Ach anois sa rís gu brath,  
Gun treise gun dreach mar thá;  
Fui lic fhuaraidh chruai' gun chomhdach,  
Gun luadh gu la bhrath air comhrag.

128

Bha do chroidh mar ghathaibh gréine,  
'S do spiorad mar chanach sléibh;  
B' e do nós bhi aoibal fáilteach,  
Mar na rósaibh air gach fáire.

129

B' fhearr no sinu do chruth is d' aogasg,  
Fhir a b' áille bh' ann is d' shaoghal;  
Mar a ghrían a teachd roi' néalaibh,  
Bha do shnuagh a measg nan tréun-laoch.

130

Bha do ghruaidh cho dearg san caóran,  
Na ruiteaga suas gu craobhach;  
'S bha do rosgaibh du-ghorm calma,  
Mar an osnaich chiuin is t-shamhradh.

131

Bha do chneas gu finn-gheal deálrach,  
Mar ghealach uo sneachd an fhásaich;  
Thug barr air gach neach a móideachd,  
'S thug an neart re tím a chómhraig.

132

Bha re h-am cath agus d' éug-bhail,  
Mar easaiche bheann ag éabhaich;  
Is chlaoidheadh e sios gach aiteam,  
Mar a charraig tuinn na mara.

133

'S truagh a tharladh críoch mo láithe,  
Bhi gun Fheinn gun ghean gun abhachd;  
Thuit mo chroidhe gu lár fui' shuimneadh,  
'S cha tog ceól re 'm bheó as úr e.

134

Cha tog clarsach o an-eibhneas,  
No Figheal is mire gleus é,  
Anois no gu brath gu sólas,  
'S tiamhaidh a dh' fhás críoch mo loithe.

<eng>Here comes in the current ballad.<gai>

135

'S ann an sin a dubhras féinach,  
'S mi sior chuimhneacha mo dhea' Mhic,  
Cho 'n ann dhamhsa 's fhearr a tharladh,  
A bhi chaoi' gun mhac gnn ábhachd.

136

Chráidh a bhas gu bráth mo chroidhe,  
'S an-eibhinn mise ro' shnitheach;  
'S ionmhuinn a neach fui 'n lic ata,  
'S tearc laoch air am bheil a radh.

137

O! s truagh nach mise thuit ann,  
Ann Cath-cabhara gníomh nach gann,  
'S bhíodh Oscar a near sa niar,  
A diol mo bhás air gach Cliar.

138

'S ge d' bu tusa thuiteadh ann,  
An Cath-cabhara gníomh nach gann;  
Cho chluinneadh neach a chaoi' osann,  
No iargain a' d' dheis ag Oscar.

139

'S olc a chreideas mi do radhsa,  
Nach bitheadh an d' Oscar grádhach;  
A dioleadh mo bháis gun chlos aig,  
Ann 's gach áite ghná' a cosgairt.

140

Tha mi lán sháthach ag amharc,  
Air a lionn a b' fhearr sna Cathain;  
Fhuair buaidh air gach neach an cómhrag,  
Le láimh chalma an-mhor sheolta.

141

Osain glacsa an gath calma,  
O nach maithrean an d' Oscar armach;  
'S biodh súrd Curidh ort gun tiom-chridh';  
'S na Cathain a teachd mu d' thiomcheal.

142

Cho d' fhidir duin ormsa riamh,  
Croidhe feola bhi am chliabh;  
Ach croidhe do chuine lán-dáimh,  
'N déis a chuibhreach leis an stáillin.

143

Se Cath-cabharra mhil gu leir,  
Sinne 's air laoich chaomhe thréun;  
Cairbnidh is Garabh mac Mornna,  
'S cho b' ann dhoibh fein b' fhearr an leonadh,

144

Na thuit ann an cath nan céud,  
Innseamsa na thuit oirnn féin;  
D' ar fir shnuaghar, chalma, og,  
Bu luathghaireach mu thra'-noin.

145

Fear air fhichead, s fichead céud,  
A choi áireamh Fionn san Fhéinn;  
A dh uighir sin 's nior ghó,  
Dh' oigridh Eirann sgéul is mó.

I. 22. BAS OSCAIR. <eng>572 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 137. Advocates' Library, April 11, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

AT page 143 of the manuscript are stanzas claimed by Kennedy as his own composition. They are to be found elsewhere, and they differ from the rest in clink, rhythm, and metre. Compared with the first version, the passage is found to be recast and greatly improved. Verse 51 mentions 'Woody Morven,' which is struck out in the second version. This passage was greatly admired by Dr. Smith. See verses 29 to 58. Admirers of Ballads, we think that it contrasts unfavourably with the rest, e.g. with the second part; and that it is an imitation of the style of Mac Pherson's English. The verse lacks the usual harmony of vowels and liquid consonants; vowels are cut in half, and the imitation is inferior to the old poetry in many respects.—H. McL. and J. F. C.

THE DEATH OF OSCAR.

THE ARGUMENT.

FINGAL having departed into Rome to cure his thigh, attended by a strong Detachment of the Fingalians, gave Oscar the command of his Bands at home during his absence, which by this time were reduced very low thro' various misfortunes and disasters. About this time Cairbre found means to make himself supreme King of Ireland in the minority of Cormac the lawful King. [Cairbre was son to Cormac.] He therefore studied to strip Fingal in his absence of all the privileges, properties and Tributes he held and enjoyed for many years in Ireland. To accomplish this design, he sent for Oscar to Scotland to congratulate him in his great success, in order to pick a quarrel with him, and find him utterly overthrown before Fingal should return. Accordingly Oscar arrived and was joyfully received by Cairbre who held feasting and various Music in his Hall for seven days. Cairbre sought as a complement the victorious Spear of Oscar, who would

agree upon no terms than an exchange of Spears. Upon the Day following Oscar departed with his small army, in case he should be overpowered seeing Cairbre's treachery, who was re-inforced from every place. Cairbre pursued and engaged Oscar. Both armies are mostly cut off, and Cairbre is kilt by Oscar, and Oscar is mortally wounded by Cairbre. Arth the son of Cairbre commands the Irish army who is likewise kilt by Oscar after being wounded. Cairbre's image is erected on the field when his son fell, which Oscar throws down by a stone, which remains in that deplorable condition till the Fingalians' arrival. We cannot learn by the poem that any of Oscar's army survived after this dismal battle, but Fergus, the celebrated Bard, who watched the shore, longing for his father's arrival upon the coast. By and by Fingal arrived who had Intelligence of the action as soon as he landed. The Poem is divided into three Parts. The first part relates the action, and enumerates the number slain upon Cairbre's side. The second part passes by way of an Episode between Fergus and Fingal when he landed. The third part (called Oscar's Lament) contains how Fingal and Ossian converse with Oscar on the field, when they had carried him upon their spears to Temora, where he expired, and where Ossian lamented over him in the most tragical and pathetic manner.<gai>

BAS OSCAIR.

3

LUIMNEACH, leimneach, treun gun athadh,  
Nuair a dh' eireadh euchd a chatha.

5

Laoich nach iochda cis do Chairbni',  
Gus na dhithinnich làth-cathar iad.

6

Ann 's gach bail air fea' nah Eireann;  
Do na ogain shnuadhar, shamhraidh.

7

Do radh Comhairlich an Ard-riogh,  
Comhairle gu 'n iul gun àbhachd;  
'S mor an sgeul, gun euchd a Chairbni',  
Cis na h-Eireann aig Fiann Albann.

[TD 190]

8

Sgaoilt an cliu, is cian ata i,  
Mar a mhadainn mhoch a dealradh;  
Thus' a' d' iochdaidh choi' ch gun eiridh,

9

Cia mar chisnichear na calma,  
Dream nach do dhithinnich comhrag,  
A noir no niar, nach d' fhiar conamh.

10

Cuir fios air Oscar o Albainn,  
'S iochdadh e dhuit lann, is barr-ghil.

11

Ghardaich sud a milidh gruamach,  
A dhithinnich an t-og snuadhar.

13

Dhol a ghabhail feist is dhuana,  
Sgeul nach b' eibhinn do 'n Fhinn bhuadhar.

14

Bha ochd ceud is caogad marcaich.

15

Is Oscar caomh calma, buadhar.

16

Fad sia oichean, is sia lo,

23

Do dh' ur Oscar suguach, armach,  
Is da oig-fhir cheolmhor chalma.

29

'S chunnaig sinn cian nan teann-ruigh,  
Buidheann fhuileach nan arm cam-geur.

30

Bu mhac samhail triall nan laoch ud.

31

Nuair a chunacas leinn na sluaigh,  
Chaochail Oscar gean is snuadh;

32

A deir Oscar ri luchd seilge,  
A laoch nan arm glan gun mheirgeadh;  
Tha iomairt nan calg mar caradh,  
Is fearr no ruidh fhiadh air bharadh.

33

Tha ar naimhde tcachd nan ceudan,  
Na suinn ghuithich ghathach, gheura;  
Gu toirt ar Tighearnais dhinn,  
Dlighe dea' Mhic Cumhail Fhinn.

34

Mun di-measaich ne mun tair oirm,  
Bhi da 'r dì an Rìogh o 'n d' thainig.

35

Do fhreagair na Luthaich àghor,  
Rinn laith o chian eagnadh fhagail;  
Gun bhi dian gu triall ann comhrag,  
Laoch no miannaich doll nan comhail.

36

Fhreagair Oscar treun gach gàbhadh,  
Leam is eibhinn triall gu gàirdeach;  
Ann comhail nan fearadh armach,  
Geill mo Rìogh cho 'n iochd do Chairbni',

37

Fhreagair Raonaidh loineach, làthair  
'S bao' lach, baoth a chaochail àbhaist;

Togaidh mi mo lann gu 'd chonamh,  
'S cian ar cliu ge d' thuit sa chomrag.

39

Do radh rìs na Luthaich àghor,  
La an àir, air lar a chatha.

42 H.

40

Sheas o thus an tus na t-eug-bhail,  
Am bu mhinig iomairt geur-lann;  
Eug nan creuchd an d' eur e sheachnadh,  
No beum ceud no threig le meatachd.

43 H.

41

Thuirling an diu sluagh gun àireamh,  
Fea' nam beann, 's gun Fhionn a lathair;  
'S bao' lach Oscair doll nan dàil,  
'Stu air oigridh Innse-phail.

44 H.

42

Tha beum nan ceud eughach athach,  
Choi'ch na dheidh bidh 'n Fheinn air bhadhal;  
'S an-ìochd feirg, 's tha buirbe dian,  
Co ni stri ri tnu gun fhiadh.

43

'S mor ar tuiteam, 's mor an t-àr e,  
'S cruai' an sgeul gach re ra chlaistin;  
Oigridh shaghach armach Fhinn,  
A sgathadh sìos drim air dhrim.

44

Oscair na 'm buadh uaraich, chalma,  
Toir iomlaid cinn-sleagh do Chairbni';  
Cho mhasladh dhuit sìth ri laoch,  
Gus an d' thig Fionn le chalma' gaoil.

46 H.

45

'S ulladh thogas sinn gach arm,  
Is tric a dhears' ri la garbh.

46

Far an cluinte toirm ar lann,  
Mar fhuaim tuinne, no sruth bheann.

47

Duirt aris an t-Oscar aluinn,  
Oigridh mheamnach, no biodh sgàthach;  
Sgaoileadh uaithibh meith-chrith Chatha,  
'S biodh gach treun aun gleus nan Cathan.

48

Gluaiseamaid gu luthar ea-trom,  
Mar bu nòs leinn ann 's gach t-eug-bhail.

49

Dh' imich na fir uir an t-sliabh,  
Chum buaidh no bas, mar ealt ian;  
An gnuis shoilleir le 'n armaibh caol,  
'S cian a dhealradh air an raon.

50

Dh' imich Oscar air ar tus,  
Mar mhadainn, no solus ur;  
A chruth mar ghrian, a leac mar ros,  
Eitidh, borb, mar cholb an t-sloig;

51

Bha fuaim ar cos ri dos an t-sleibh,  
Mar a choill roi 'n osaig dhein;  
No toirm na tuinn air an Tràidh,  
'Nuair a bheucadh stoirm an ard.

52

Bha air luas mar fheidh nam beann,  
Bhiodh roi' n fhadhaid siar sa ghlean;  
No ceathach nan sleibhti cian,  
Ghluaiste le an-fheath na nial.

53

Bhuaile chugainn a bhuidheann mhor,  
Laidir lionmhor, milti' sloigh;  
Mar thuinn fui' fhathrum nan ramh,  
Shug na ceudan beum gu h-àr.

54

Bhuaile sinn orra mar an ceudna,  
Gu luath-lamhach is cho bhreugach;  
Mar thoirm nan easaiche dian,  
Chluint ar slachdraich astar cian.

55

Choi'-fhreagradh Mac talla bheann,  
Do sgreadail ar 'n arm 'sa ghleann;  
Dheargadh a magh fui' ar cosaibh,  
Le fuil namh 'san araich cosgairt.

56

Mar sin dhuinne gu tra-noin,  
Gun fheidh sa ghreis ann teas leoin;  
A' cosgairt an t-sluaigh nan dithidh,  
Mar a b' fhaisge dhuinn san t-slighe,

57

Faidheoidh dhithinich gach taobh,

58

Mar dh' imich a sios an sluagh.  
D' ar naimhde treun euchdach aillidh,

<eng>Here begin parts of current ballads.<gai>

60

Thuit sud le laimh Oscair thall,

61

Thuit sud le laimh Oscair thall,

62

Thuit sud le laimh Oscair thall,

63

Thuit sud le laimh Oscair thall,

68

Seachd agus ceud calma cruaidh,  
A dhithinich sin gu truagh;

69

An seachd ceud a b' euchdail gnìomh,  
Le creathaille chruaidh san stri;

75 H.

70

A chuigear a b' fhaisge do 'n Rìogh,  
Bu mhor meas is bu mho pris;  
Thuit sud le laimh Oscair threibhich,  
'S e mosgladh gu Rìogh na h-Eireann.

71

Thilg e i chuige, 's na chomhail.

74

Thuit le Oscar nam beum gaidheal,  
Maithibh Eireann beud do aireamh;

75

Chuir na sluaigh a ghluais gu trai'-uainn.

PAIRT II.

81

Cho bheo a bhrathair eile,  
Aon laoch fial nan creach bheann;  
'S ann le Mungan calma,  
A mharbhadh am fear sin.

87

Fir nan euchda' calma,

88

Is Beinnidh brionnach, bla'-bhinn;  
Fearginn, is Fad-lamhach.

89

Bhu bhinne no choill bhla' or;  
Morglan maiseach, ceutach,  
Deudgeal agus Ardan.

91

Ioghlan, is Fionn Breatail,

97

Mharbhadh leis an Cairbni',  
Air an dara buille;

[TD 191]

100

An sin do labhair m' Athair,  
Mo Rìogh air bhadal ceille;  
'S tursach, truagh a tharladh dhamh,  
Ghluais na lai' bha eibhinn.

101

Tha mo thim ga deurach,  
An deidh nan Cathan comhraig;  
Gu h-aosmhor, an-fhann, cianail,  
'S mo laoich nach iarar beo iad.

102

Gluaisemaid o 'n trai' so,  
No cluinneadh cach sinn bronach;  
A dh' fhaicsinn Oscair chreuchte,  
A choisg na ceudan sloighe.

PAIRT III.

<eng>This is current still.<gai>

CUMHA OSCAIR.

103

Air tulaich nan deur sa ghleann;  
Na Cathain chaomh, chalma, cheutfach,

104

Tostach, bolbh, gun cholbh, gun chàradh,  
An clab ris gach gaoth, gun mhàran;  
Ochoin, ri luaith, 's cruadh an sgeul so,  
Adh' dh' fhag sinne choi' ch an-eibhinn.

107

Chuir Cairbni' sleagh nan seachd gainne,

108

Gus an guinte mi os iosal,  
Gur sinn clann da pheathrach dileas.

109

Do thug mise urachair bhrathast,  
Chuir mi sleagh na naoi faobhar,

110

Thuit an Triath air magh na t-eug-bhail,  
Claidhte crait' air earr an t-sleibhe;  
'S fhuil a' maomadh magh a luireach.

111

Cho slanaichear u gu dilinn,  
A laoich mheamnaich, mheighich, mhilidh.

113

'S cho ghuileadh a bhrathair deur.

116

Mar sin duinne gu tra-non,  
Gun fheith, gun fhurtachd, ach bron,  
Ag amharc air mo ghaol Oscar,

117

Thug sinn leinn mo ghaol, an t-armann,

<eng>Here begins a passage which seems to be modern; compare H. The metre is that of some of the Gaelic Paraphrases.<gai>

120

Mar neul a ghluaiseas thair fàir,  
No cothar cuain air an tràidh;  
Chaochail do chruth Oscar ur,  
A laoich! Ni smo cho' n fhaicear thu.

121

Och a laoigh, cho' n fhaic do ghradh,  
Tu teachd o 'n leirg le lua'-ghair;  
'S fuar do leac mo chreach! gun chomdach,  
Gun luaith gn la bhrath air comhrag.

122

Do chroidh caoin mar ghath greine,  
A laoich meaghaich, mhuirnich, ghle-ghil  
B' e do nos bhi aoibheil failteach,  
Mar na rosaibh air gach fàire,

123

Bu mhor do chruth, is b' fhearr t-aosgasg,  
Fhir a b' aille bh' ann is t-shaoghal;  
Mar a ghrìan a' teachd roi' neul,  
B' amhail do thriall, is do neal,

124

Chite 'n laoch mar aiteal ceo,  
Nearator, luthar eibhinn, òg;  
Ann comhrag nan Cathan dlu,  
Mar am feur fui' n osg chiuin.

125

Bha do chneas mar chothar sruth,  
Air an trai' mar chatha cuir;  
A laoich bu docair san leirg,  
Nuair a dhuisgt u, choisgte feirg.

126

Cia uime dh' eireas a ghrìan,  
Air mo chruth mar cheo na nial;  
Nach an-eibhinn a bhi beo,  
Tursach deurach ann talla bhron.

127

Co dh' eireas air teachd an lò,  
Gu comhrag ceud, 's ann iomairt sgleò;

O nach maithrean Oscar ur,  
A choisgeadh euchd nan coimheach dhuinn.

128

Co dhiongas ann comhrag sluaigh,  
Armailt almhai', eitidh, chruaidh;  
Onach maithrean Occar àigh,  
Bu truime beum, 's bu treine lamh.

129

'S amhail m' fhonn 's an tonn gun chli  
A caoi' nan sonn bu trom 's an stri;  
Gun Fheinn gun aidhear, no gun duan,  
Is mor an sgeul, 's an t-Oscar uainn.

130

Co ni ceol an teach nan ceud,  
'San t-Oscar og fui 'n fhod gach rè;  
Na milte sgia' gun triath sa mhur,  
Is sleaghah geur nan treuna ciuin.

131

Chaochail ceol gu bron gach sonn,  
Gach cruit is clarsach dh' fhas i trom;  
Cho ghluais an t-aosmhor lia' gu stri',  
No 'n t-Oscar og nach beo gu gniomh.

132

'S ann an sin a dubhras fein,  
O mhic! a luaidh gur truagh an sgeul;  
Do leon ag Caothann nan sruth màll,  
Gun Fhionn, gun Fhaodhlan a bhi ann.

133

Chrai' do bhas gu brath mo chroidh,  
'S an-eibhinn mo laith, gun chli;  
'S ionmhuinn an laoch fui' lic ata,  
Is tearc laoch air am bheil t-iom ra'.

<eng>Here comes in the current ballad, but apparently altered and added to.<gai>

135

Ge do thuiteadh tusa thall  
Ann Cath-cabhara gniomh a chalb;  
Cho chluinneadh neach eigh no osann,  
No iargainn a d' dheidh ag Oscar.

136

'S olc a chreideas mi do sgeul,  
Nach dioladh an t-Oscar treun;  
Mo bhas air gach Triath gun chlos,  
Laogh mo ghraidh cho 'n iaradh fois.

137

Bu mhaiseach mo laogh san leirg,  
Bao'lach treun, 'nuair dh' eireadh fheirg;  
Aluin mar Anna nan leug,  
Chuireadh crith air bratach cheud.

138

'S cian is cumhainn leamh do ghníomh  
A laoiach nan arm tana mìn  
A Bharghil s' an Driolanach àigh  
Co ni feum do sheud moghraidh

141 H.

139

Oiseinn glac an cloidheamh calma

141

'Se cath-cabharra chuir fui dhi,  
Na laoiach chaomh nach oba stri;  
A ghluaiseadh 'sann iomairt sloigh.  
Eididh, armach, calma corr.

142

Na thuit aig Caothaun nan leug,

143

A dha uidhir, 's mile sloigh

M. 19. BAS OSCAIR. <eng>256 lines.<gai>

1

CHA 'N abair mi mo thriath re m' cheol,  
Ge be' oil le h-Oisein e nochd  
Oscar agus Cairbre calma',  
Tradhar iad an Cath Ghabhra.

2

An t-sleagh nimhe 's i 'n laimh Chairbre,  
Gu 'n croitheadh i re uair feirge;  
Deireadh am fiach ri (1) ghoimh,  
Gur ann lea' mhairbhtheadh Oscar.

3

'S measa deireadh e ris fein,  
Am fiach dubh mu mhi-cheill,  
A chuigear ata sibh mu 'n chlar  
Ach fuil fir a bhith ga thachdadh.

4

Dh' sharai finn, a Rath (2) gun cheil,  
Cuim an tacdadh ar suil fein;  
Ciod i ghiomh a th'air ar rosgaibh,  
Nuair a choineamaid a chaol reachda?

5

Gairidh am fiach moch am maireach  
Air do ghrudhsa ann san àr-fhaich,  
Cuireadar do shuil (3) a gluc,  
As e sin a thig a thuiread.

6

Is dearg an fhaobh sin ta thu nigheadh,  
'S dearg an t-aogas do bhi uirre,  
Ach gus an d' thainig an diu',

An fhaobh sin cha b' olc a h-inneal.

- (1) Thre.
- (2) Bhaobh.
- (3) A shuil.

[TD 192]

7

A Bhaobh a nigheas at t-eadach,  
Deansa dhuinne faisd' neachd cheudna,  
An tuit aon duine dhiubh leinn,  
No 'n d' theid sinn uile do neo-ni?

8

Marbhas leasta cuig ceud,  
Is gonar leat an Rìgh fein,  
Araon 's am fear a laghadh (4) dh'e,  
Bhar saoghal uile gu 'n d' thainig.

9

Na cluinneadh e thu Rosg Mac Ruaidh,  
No duinne bhuineadh d' a shluagh,  
Na cluinneadh an Fheinn thu nochd,  
Mu 'm bith sinn uile gun mheisnich.

10

An cuala sibhse turus Fhinn,  
Nuair ghluais e gu h-Eirinn?  
Thainig an Cairbre sleaghach garg,  
'S ghlac e Eirinn fo aon smachd.

11

Dh' fhalbh sinne le dian damhair  
A lion d' an Fheinn as a bha sinn,  
Leagadh leinn ar feachd 's ar sluagh  
An taobh mu thuabh do dh' Eirinn.

12

Chuireadh le Cairbre anuas  
Fios air Oscar cruaidh na Feinne,  
Dol a dh' ionnsuidh fleadh na Feinne,  
'S gu faigheadh e cìs de reir sin.

13

Ghluais, o nach d' ob e namh,  
An t-Oscar aluinn gu leachd an Rìgh,  
Triachad fear treun dh' imich leis,  
A fhreasdal d' a thoil 's da fheim.

14

Fhuair sinn onoir fhuair sinn biadh,  
Mar a fhuair sinn roimhe riamh,  
Bha sinn gu sughach as teach,  
Maille re Cairbre san Teamhraidh.

15

An la mu dheireadh d' an òl,  
Thuirt Cairbre le guth mor,  
Iomlait ceinn sleagha b' ail leam uait,

Oscair dhuinn na h-Albhainn.

16

Creud an iomlaid ceinn a bhiodh ort,  
A Chairbre ruaidh na 'n Long-phort?  
'S tric bu leat mi fein 's mo shleagh,  
Ann latha catha agus comhraig.

17

Cha b' uileor leamsa cis no cain,  
No aon seoid a bhiodh na 'r tir,  
Cha b' uileor leam ro m' linn a bhos,  
Gach seoid a dh' iarrain gu 'm faighinn.

18

Cha 'n 'eil òr no earras gu fìor,  
A dh' iarradh oirne an rìgh,  
Gun tair gun tailceas duinn d' e,  
Nach bu leatsa Fhighearnas.

19

Ach malairt cinn gun mhalairt crainn  
B' ea-corach sud iarraidh oirn,  
'S e 'm fath mu 'n iarradh tu oirn e,  
Mise a bhith gun Fhiann gun athair.

20

Ge do bhiodh an Fhiann is t-athair,  
Co maith 's bha iad riamh na 'm beatha.  
Cha b' uileor leamsa re m' linn,  
Gach seud a dh' iarrain gu 'm faighinn.

21

Na 'm biodh an Fhiann agus m' athair,  
Co maith 's a bha iad na 'm beatha,  
Is teann ar am faigheadh tu sinn  
Leud do thaighe an Eirinn.

22

Lion fuarachd na laoich làn,  
Re claistin na h-iomar-bhaidh,  
Bha briathra garbha leath mar leath  
Eadar an Cairbre 's an t-Oscar.

23

Bheirin-se briathar buan,  
'S e thubhairt an Cairbre ruadh,  
An t-sleagh sin ata na d' laimh  
Gur h-ann innte tha do luath-bhas.

24

Briathar buan sin briathar buan,  
A bheireadh an Cairbre ruadh  
Gu 'n cuireadh e sleagh nan seach siong,  
Eadar airne agus imleag.

25

Briathar eil' ann aghaidh sin,  
Bheireadh an t-Oscar calma,  
Gu 'n cuireadh e sleagh nan naoi siong,

Mu chuma' fhuilt agus eadain.

26

Briathar buan sin briathar buan,  
A bheireadh an Cairbre ruadh,  
Gu 'n d' thugadh e sealg agus creach  
A h-Albainn an la 'r na mhaireach.

27

Briathar eil' an aghaidh sin,  
Bheireadh an t-Oscar calma  
Gu 'n d' thugadh e sealg agus creach  
Do dh' Albainn an la 'r mhaireach.

28

Bha 'n oiche sin duinne gu 'n chabhair,  
Thall agus a bhos mu 'n amhainn,  
Bha doirlinn leath mar leath  
Bha doirlinn mhor eadar-inn.

29

Chualas Olla le guth tiom,  
Air chlairsich bhinn ag tuireadh bais;  
Dh' eirich Oscar am feirg  
Is ghlac e airm na dhornaibh aigh.

30

Dh' eirich sinn an la 'r na mhaireach,  
Ar sluagh uil' ann fin na bha dh 'inn,  
Thogadh sealg agus creach leinn,  
Gu 'n fhiairaich do Righ Eirinn.

31

Mharbh sinn Righ Luthaidh na 'n lann,  
Laoch fuileach le faobhar arm,  
Thog sinn creach re sliabh Goill,  
Gu luath lois gearnach lu'-mhor.

32

An uair a rainig sinn ann  
Beallach cumhaing an caoil-ghleann,  
'S ann a bhlo dh an Cairbre ard,  
Ag lonmaireachd ag teachd na 'r co-dhail.

33

Cuig fichead Gaidheal garg,  
Thainig o 'n tir fhuair ghairbh (5)  
Thuit sud le laimh Oisclair thall,  
'S mosgladh re Righ Eirinn.

34

Seachd fichead do Chlannaibh Righ,  
Bu mhor gaisg agus gnìomh:  
Thuit sud le laimh Oisclair thall,  
'S e mosgladh re Righ Eirinn.

35

Mungan Mac Seirc a bha 'n naimh,  
A chuimhriceadh ceud cloidheamh glas,  
Thuit sud le lamh Oisclair thall,

'S e mosgladh re Rìgh Eirinn.

36

Cuig fichead fear cloidheamh glais,  
Nach deach' aon cheim riamh air ais;  
Thuit sud le laimh Oskair thall,  
'S e mosgladh re Rìgh Eirinn.

37

Cuig fichead fear bogha,  
A thainig air Cairbre d' a chobhair;  
Thuit sud le laimh Oskair thall,  
'S e mosgladh re Rìgh Eirinn.

38

Seachd fichead do dh' fhearaibh feachd,  
A thainig a tìr an t-sneachd;  
Thuit sud le laimh Oskair thall,  
'S e mosgladh re Rìgh Eirinn.

39

Cuig fichead Cairbre ruadh,  
Bha cos'lach re Cairbre an t-sluaigh;  
Thuid sud le laimh Oskair thall,  
'S e mosgladh re Rìgh Eirinn.

40

A chuigear a b' fhaigse d' an Rìgh,  
D' am bu dual gaisg' is gnìomh;  
Thuit sud le laimh Oskair thall,  
'S e mosgladh re Rìgh Eirinn.

41

Nuair chunnaic an Cairbre ruadh,  
Oskar ag snoigheadh an t-sluaigh,  
A chraoiseach nimhe bha na laimh  
Gu 'n do leig e i na cho-dhail.

42

Thuit Oscar air a ghlun deas,  
'S an t-sleagh nimhe troimh a chneas,  
Thug e urchair eile nunn,  
Is mharbhadh leis Rìgh nah Eirinn.

43

Eirich Art is glac do chloidh eamh,  
Is seasamh ann aite t-athar,  
Is ma gheabh thu do dhiol saoghail,  
Saoilidh mi gur mac rìgh thu.

(4) Laoidheadh.

(5) Cuig fichead Albannach ard,  
Thainig thair muir chairginich ghairbh.

[TD 193]

44

Thug e urchair eile 'n airde,  
At leinne gu 'm bu leoir a h-airde

Leagadh leis aig meud a chuimseadh  
Art mac Cairbre air an ath urchair.

45

Chuir iad chum an Rìgh mu cheap,  
Sluagh Chairbre bu gharbh gleac,  
Los gu 'm buidh' nte leo buaidh laraich,  
Air faicin doibh Oscair gu craiteach.

46

Thog e leacog chonart chruaidh,  
Bharr na talmhainn taobh-ruaidh,  
Bhris e 'n Cath-bharra mu 'n cheap,  
Gnìomh mu dheireadh mo dheadh mhic.

47

Togaibh libh mi noise Fhiann  
Nìor thog sibh me roimhe riamh,  
Thugaibh mi gu tulaich ghlain,  
Ach gu 'm buin sibh dìom an t-eadach.

48

Chualas aig traidh mu Thuath  
Eimheach sluaigh is fadhar arm',  
Chlisg ar gaisgich gu luath,  
Mu 'n raibh oscar fadhasd marbh.

49

Marbh'-asg ort a mhic na buaidhe  
Nì thu breug an darna h-uair dhuinn,  
Loingis mo shean-athar (6) ata ann.  
'S iad ag teachd le cabhair chugainn.

50

Bheanniuch sinn uile do Fhionn,  
Ge te cha do bheannuich dhuinn,  
Gus an d' thainig e tulach nan deur  
Far an robh oscar na 'n arm geur.

51

'S measa mhic a bhiodh (7) tu dh'e  
Latha catha sin Beinn-eadain,  
Shnamha na corran throimh d' chneas  
'S i mo lamhsa rinn do leigheas.

52

Mo leigheas cha 'n 'eil am fath, (8)  
'S cha mho nithear e gu brath;  
Chuir Cairbre sluagh na 'n seachd sìong  
Eadar m' airnin agus m' imleog.

53

Chuir mise sleagh na 'n naoi sìong,  
Mu chuma fhuilt agus eadain,  
'S na 'n rìgeadh mo dhuirn a chneas,  
Cha deanadh aon leigh a leigheas.

54

'S measa mhic a bhiodh tu dh'e  
Latha catha sin duindealgainn

Shnamhadh na geoidh throimh d' chneas,  
Is i mo lamhsa rinn do leigheas,

55

Mo leigheas cha 'n 'eil am fath,  
'S cha mho dheantar e gu brath,  
An gath domhainn am thaobh deas,  
Cha dual do leigh a leigheas.

56

Sin an uair a chaoidh Fionn,  
Air an tulaich os ar cionn,  
Shruthadh na deoir sios o rosgaibh,  
Thiontadh e reinn a chulthaobh.

57

'Mo laogh fein thu, laogh mo laoigh  
Leanabh mo leinibh ghil chaoibh,  
Mo chridhe leimnich mar lon,  
Gu là bhràth cha 'n eirch Oscar.

58

'S truadh nach mise thuiteadh ann  
An Cath Ghabhradh, gnìomh nach gann,  
Is thusa an Ear 's an Iar,  
A bhi roimh na Fiannaich Oscair'.

59

Cha d'fhidir duine roimhe riamh,  
Gur cridhe feola bha 'm chliabh,  
Ach cridhe do chuimhne cuir  
Air a chumhdachadh le staillinn.

60

Donnalaich na 'n con re m' thaobh,  
Agus buraich na 'n sean laoch,  
'S gul a Phannail caoidh mu 'n seach  
Gur e surahdom eadh chridh'.

61

Thog sinn leinn an t-Oscar aluinn,  
Air ghuailibh, air sleaghaibb 'arda  
Thug sinn as iomchara grinn  
Gus an d' thainig sinn tigh Fheinn.

62

Cha chaoineadh Bean a mac fein,  
Cha chaoineadh fear a bhrathair caoin  
Cia lion 's a bha sinn mu 'n teach,  
Bha sinn uil' caoineadh Oscair.

63

Bas Oscair a chradh mo chridh',  
Triath fear Eirinn 's mor d' ar di;  
Cait am facas riamh re d' linn  
Fear co cruaidh riut air chul lainn?

64

Nior chuir Fionn d' e crith is grain,  
O 'n latha sin gu la bhrath;

Cha ghabhadh is cha b' fheirde leis  
Trian d 'an bheatha go d' abrainn.

M. 20. MARBH-RANN OSCAIR. <eng>120 lines.

This version is so broken that it cannot easily be divided into  
verses.<gai>

AN cuala sibhse truas fhinn, 1  
'N uair a ghluais è gu h-innse Eirionn,  
Cairbhair sleaghach lamhach garga,  
Ghlac è Eirionn fa aon smachd. 4  
Sud sgeul bu duilich leinn,  
E bhuntainn uain ar Tighearnais.  
'S dh'fhalbh finn le dean damhair,  
A lion do 'n Fheinne uile 's a bha sinn, 8  
Leagadh leinn ar feachd 's ar sluagh,  
An taobh mu thuath do dh' Eirionn.  
Chuireadh le Cairbhair anuas,  
Fios air Oscar óg na Féinne; 12  
Dhol a dhionsuidh feisd an Righ.  
'S gu faigheadh e cìs da rèir.  
Ghluais (o nach d ób e uamh,) 16  
An t 'Oscar aluin gu teach an Righ,  
Tri-chéud fear trein a dh imich leis,  
A fhreasdal da thoil 's da fheum,  
'S dhás briathra garbh leith mar leith,  
Eadir Cairbhair agus Oscar, 20

CAIRBHAIR.

Malairt sleagh a baill leam uait  
Oscair dhuinn a' h-Albuinn:  
An t-sleagh a bha an talla an Righ,  
Gur ann dhomh fein bu dual ì, 24

OSCAR.

Ciod a mhalairt sleagh a th' ort,  
A Chairbhair mhoir n' an long-phort?  
'S tric bu leat mi fein 's mo sleagh 28  
An la cuir catha na comhraig,  
Ach malairt cinn, na iomloid croinn,  
B' eucorach sud iarradh oirn,  
'S e am fath mu 'n iart oirn è,  
Sinn a bhi gun Fheinne gun athair, 32

CAIRBHAIR.

Ged a bhitheadh an Fheinne 's t-athair,  
Co maith sa bha iad re 'n lathaibh,  
Cha builear leamsa ro m' linn  
Na seoid a dhiaruinn gu 'm fuighinn. 36  
(1) 'Na 'm bitheadh an Fheinne agus m' athair  
'Co maith sa bha iad ra 'n laithaibh,  
Cha 'n fhuigheadh tus a Charbhair Ruai  
Leud do thraighith do dh' Eirinn. 40  
(2) Ghluais fuarachd na 'n Laoch gach lamh,  
Ri cluinntin na h-iomairt aca bha,

CAIRBHAIR.

'N sin nuair a labhair Chairbhair ruadh,  
Briathra bheirimse gu m' uaimh, 44  
An t-sleagh sin ann ad laimh,  
Gur ann uimpe tha luaidh do bhàis.  
Chualas Orran le guth tiom,  
Air clarsaich bhinn a tuireadh bais, 48  
Dheirich Oscar le mor th' eirg,  
'S è mosgladh gu Rìgh na h-Eirionn,  
An t-seisear a b' fhaisge do 'n Rìgh,  
Da 'm bu dual gaisg 's gnìomh, 52  
Thuit sud le lamh Oscair thall,  
'S è mosgladh gu Rìgh na h-Eirionn.

(6) Shean-'ar.

(7) Bhi.

(8) An dàn.

<eng>(1) Oscar speaks.

(2) The Bard speaks.<gai>

[TD 194]

Nuair chunnaic an Cairbhair ruadh  
Oscar asnuigheadh a shluaigh, 56  
An t-sleagh neathe bha na laimh  
Leig è sud na cho-dhail.  
Chuaidh Oscar air a ghlùn deas,  
'S an t-sleagh neathe t-roimh a chneas, 60  
Thug e urchair eile nunn-  
'S mharbhadh leis Rìgh na h-Eirionn.

CAIRBHAIR.

Art mhic Carbhair glac do chlaimh,  
'S dean seasamh an aite t-Athar, 64  
'S mar dean an 't eug do thoirt  
Diol mo bhas lo meud do ratha,  
Thuit le Oscar gnìomh nach cuimseach  
Art mac Chairbhair air 'n ath urchair, 68  
Sgar è dheth an clogaide, 's an ceann,  
Be gnìomh mu dheirre mo dheagh-mhic.  
Chualas aig an traigh mu thuath,  
Eigheach sluaigh is faoghair arm, 72  
Chlisg air gaisgich gu luath,  
'S fhuaras Oscar-leith-mharbh.  
'Sin nuair thainig oirne Fionn,  
Air an tulaich os ar ceann, 76  
Shileadh na deoir air a rosga,  
Thiondaidh é ruinn a chul-thaobh,  
'Mo laogh fein thu 's laogh mo laoigh!  
'Leanamh mo leinimh ghil chaomh! 80  
'S é mo chridh th' air a lot gu trom,  
'Sgula bhràth cha 'n eirigh Oscar,  
'—'S measa a mhic a bha thu dheth  
'Ann la cur catha beinn Eudain 84  
'Shnamh na corrain roimh d' chneas,  
'Si mo lamhsa roinn do leigheas.'

OSCAR.

'Mo leigheas cha n' eil è n' dàn,  
'S cha mho nithear è gu brath, 88  
'An gath domhain am thaobh deas,  
'Cha dual do n' Leigh a leigheas.'  
Chuir Carbar sleagh na 'n seachd seang,  
Eidar m 'airnean agus 'm iomlag 92  
Thug mise urchair eill a nunn  
Mu chumachd fhuilt agus eadain,  
'S n' an ruigeadh mo dhuirn a chneas  
Cha deanadh Leigh a leigheas. 96

FINGAL.

'S truagh nach mise a thuitheadh ann,  
An cath 'g àrach gnìomh nach gann;  
'S thus a near 's a niar.  
Bhi roimhe na Fiannaidh Oscar! 100

OSCAR.

Ge 'd bu tusa thuiteadh ann,  
An cath 'g àrach gnìomh nach gann;  
Ochoin! a near no niar  
T' iarguin cha deanadh Oscar. 104  
Cha didir duine riamh,  
Gur criodhe feola bha am chliabh,  
Ach criodhe do chuilbhne cuir,  
Air achomhdacha le stàilinn 108  
Tathanntaich n'an con re 'm thaobh,  
'S buireadh n'an sean Laoch,  
'S gul a pannail ma seach  
Gur è sud a chraidh mi 'm chridh, 112  
Thog sinn oirn an 't-Oscar aluin,  
Air ghualibh n'an sleagh a 'b airde,  
Thug as iomchar 's giulan grinn  
Gus an d' thainig sinn Tigh Fhinn, 116  
Cha chaoineadh fear a mhac Fein  
'S cha mho a chaoineadh fear a bhrathair  
Cia lion 's a bha sinn mu 'n teach  
Bha sinn uile a' caoineadh Osgair. 120

O. 13. CATH GABHRA' NO MARBH OSCAIR.

<eng>Dr. Irvine's MS., page 66. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 23, 1872.

THIS makes the whole agree with the Irish story. Cairbre, Cormac's son, had taken all Ireland, and wished to drive the Feinne out of Almhi (Allen) their possession. The King of Ireland and his troops fell out, and the mutineers were exterminated. This version, got by Dr. Irvine in Glenlyon, about 1800, close to Mac Pherson's country, and just before the Gaelic of 1807 was published, seems to me conclusive. This traditionary version closely agrees with the version written by Dean Mac Gregor, who was a native of Glenlyon. After an interval of nearly three hundred years, oral tradition had lost something, but nothing was added or altered. In the hands of Kennedy the ballad was lengthened, and polished.

In the hands of Mac Pherson it was rolled up in a mist of words, and hidden in the English poem of Temora, which some one translated into Gaelic, as I firmly believe.<gai>

1

'S MEANMNACH tha mise ma Chaoilte,  
O nach mairrean fear mo cho-aoise;  
B' e Chaoilte mo cho aoise ceart,  
Leis am buighnte buaidh is beachd. (san fheachd)

2

B' e Caoilte mo leth churruidh chatha,  
Ri furtachd is ri h-aonnar:  
An righ bu cheannard dhuinn uille,  
Ard threun fhlath nan Triath. (<eng>al.<gai> nam Fiann)

3

An sin do ghluais siubhal Fhinn,  
Gach slios bhaile bha 'n Eirin;  
Cairbre luath lamach neo lag,  
Chuir e Eirin uile fo aon smachd.

4

Chuir e fios oirrne g' ar teinn ruidh,  
G' ar n' ioman a mach à Almhi;  
Dheanamh gnìomh bu tursach dhuinne,  
A bhuintinn dhinn ar Tighearnas.

5

Fhreagair sinn an curruidh dana,  
A lion ann uile na bha sinn;  
Cha robh sinn ann dhe 'n Fhinn uile,  
Na chosnadh a' phiob bhuidhe.

6

Air an rod gheal, gle gheal, cleacach,  
Bha sinn ochd ceud ann sar mharcach  
Chaidh sinn gu aoibhinn a steach,  
'S bha cumha Chairbre an t-oighre.

7

Iomlaid cinn sleagha b' aill leam uatsa,  
A dheagh Oscair aluinn;  
Iomlaid cinn g'an iomlaid crainn,  
B' eucoir sid iarraidh orm.

8

Gur e 'm fath m' an iarradh tu e,  
Sinne bhi gun Fhiann, gun athair;  
Ged a bhitheadh am Fiann 's t-athair,  
Mar a b' fhearr a bha riamh nam beatha,  
Cha b' uilear leamsa ri m' linn,  
Gach seud a dh' iarradh gu 'm faighinn.

9

Nam bitheadh an Fheinn agus m' athair,  
Mar a b' fhearr a bha nam beatha;  
Cha bhitheadh agadsa, o righ,  
Leud do throidhe ann Eirin.

10

Dh' fharaich fuarachd nan laoch lan,  
Bhi cluintinn na h-iomar bhaigh (<eng>al.<gai> maigh)  
Briathra garbha leth mar leth,  
Eadar Cairbre fiat 's Oscair.

11

Gun tugainnse briathra gu nuadh,  
Arsa an Cairbre crann ruadh;  
An t-sleagh sin m'a bheil do lamh,  
Gur ann leatha bhios do luatha bhas.

12

Gu 'n tugainse breathra eile,  
Arsa an Oscar donn a h-Almhi;  
Gu 'n togar leam sealg is creach,  
Gu 'n rachainn do Dh' almhi a maireach.

13

Oidhche a' faireach leinn gu là,  
Mar ri mnathaibh Fhiann Co-ol; (mathaibh)  
Shuidhich sinn Dour leth marleth, (Doubhir)  
'S bha Dour eadaruin.

14

Thogadh leinn an la air mhaireach,  
Do Almhi bhitheadh ar 'n ards,  
Thug sinn ri sliabh Baoisge nan creach,  
Gu luath laoisgairneach luth-mhor. (laoisginneach)

15

Mogan Mac Seirc a Nuadh, (<eng>al.<gai> Nuath)  
Dh' ionga dhe deich ceud claidhe' ruadh;  
Thuit sud le laimh Oscair thall,  
'S e mosgladh ri ard righ Eirin.

16

Deich fichead de mhacaibh righ,  
'S air leinne gu 'm bu mhor am pris;  
Thuit sud le laimh Oscair thall,  
'S e mosgladh gu h-ard righ Eirin.

[TD 195]

17

Deich fichead Cairbre ruadh,  
Bha cosmhuil ri Cairbre an t-sluaigh;  
Thuit sud le laimh Oscair thall,  
'S e mosgladh ri gu ard righ Eirin.

18

Deich fichead Albannach ard,  
A thainig a' tir Ghael gharg;  
Thuit sud le laimh Oscair thall,  
'S e mosgladh gu h-ard righ Eirin.

19

A chuigear a b' fhaisge do 'n righ,  
G' a choimhead o dhosgainn 's o ghnìomh;  
Thuit sud lo laimh Oscair thall,

'S e mosgladh ri ard righ Eirin.

20

'N uair a chunnaic an Cairbre ruadh,  
Oscair a' snaithe an t-slúaigh;  
An t-sleagh nimhe bha na laimh,  
Thug e urchoir dhi cho dhail.

21

Thuit Oscair air a ghlun deas,  
'S an t-sleagh nimhe troimh a chneas;  
Thug e urchoir eile null,  
Is mharbhta leis ard righ Eirin. (thorcha)

22

Art mhic Cairbre glac do chlaidhe,  
Seasamh daua 'n aite t-athar;  
'S mu gheibh thu do dhiol saoghail,  
'S aoildh mi gur Mac radh thu.

23

Thug Oscar an t-sleagh air a h-ais.  
'S mharbh e Art air an ath-urchair;  
Sluagh Chairbre garbh an cleachd,  
Chuir sinn an cath garg mu 'n cheap.

24

Oscair Mac Oisein an aigh,  
Thog e leac cloiche na laimh;  
'S bhris e crun an righ mun cheap,  
Gnìomh mu dheire mo dheagh mhic.

25

Mar Ealtuin air a sgapadh bras,  
Mar duilleach sguuibte le cruaidh fhras;  
Mar cheò sgairte briste le pronn ghaoth;  
'Sin mar theich shiagh Chairbre as.

26

Bu truagh an gaoir gan tannadh sios,  
Thiomaich mo chridhe, 's mo chliabh;  
Le mi-run Chairbre chlaon.  
Bha àr a leanachd a dheagh dhaoìn.

27

Oscair glac baigh na treig,  
Tha d' fhuil fein a strugha comhla;  
'S gearr 'se m' eagal do latha,  
Tha t-athair a cheana dhe bronach.

28

Mo latha-sa tha buain mar ghrian,  
Ghleidh mi dion mo chliu san stri;  
Thuit Cairbre nan cleas fo m' laimh,  
Cha bhas ach beatha mo thi.

29

Thuit Oscar air a thaobh,  
Phill a shluagh mar iom-ghaoth;  
Fo dhubhar crainn Cuillin tuidh;

B' iomadh suil bha dian a ruidh.

30

Bu mhiosa Mhic bha thu dheth,  
Latha catha beinn Edinn;  
Shnamh na Corran tro do chneas,  
'S i mo lamh a rinn do leagheas.

31

Mo leigheas cha 'n eil e 'n dan,  
Cha mho nithear e gu brath;  
Chuir Cairbre sleagh na nao seang (seamh)  
Eadar m' airnean 's m' iomlag.

32

Chuir mise sleagh nan seachd seang,  
Edar cumha fheuilt is eudainn;  
'S m' an ruigeadh mo dhuirn a chneas,  
Cha deanadh aon leigh 'a leigheas. (na laoch)

33

Sin nuar thainig oirnne Fionn,  
Air an tulaich as an cleann; (ar)  
Shil na doir air a rosgaibh;  
Thionndaidh e ruinn a chul-taobh.

34

Laogh mo leinibh mo laogh fein thu,  
Laogh mo chuilein ghlain chaomh;  
Mo chridhe leumartaich mar lor,  
Gu la bhrath cha 'n eirich Oscar.

35

'S truagh nach mise a thuit ann,  
An cath gabhi gnìomh nach gann; (gabhra)  
'S tusa bhi 'near san iar,  
Roimh na Fiannaibh Oscair.

36

Nam bu tusa thuiteadh ann,  
An cath gabhi gnìomh nach gann;  
Cha chluinte 'n ear no 'n iar.  
Iarguin ma dheimhin aig Oscar.

37

Thogainn thu gu tulaich ghlain,  
Sguirinn am feasd gad chaoidh;  
Thogar leinn an t-Oscar calma,  
Air bharruibh ar sleagha arda.

38

Gus an tulach bha shuas an tigh,  
'S bhitheamaid uile caoineadh Oscair;  
Sgalartaich nan Coin ri m' thaobh;  
Agus buruich nan seann laoch.

39

Donnal as shannail nan seach,  
Gur e sud a chraidh mo chridhe;  
Leac Oscair a chraidh mu 'm chridh,

Treun ri treun san uir rithe

40

'S iomadh neach gan teirca tabaist,  
'S tearc laoch air a bheil t-ìomradh.

<eng>From—Macintyre, Glenlyon, who can neither read or write.

THE DEATH OF FIONN. F. 20. O. 19.

THE usual tradition is that Fionn went away, and that he is living somewhere still. Fletcher's Collection contains a story about the Death of Fionn, of which I have but one other version. Fionn went courting one of the Clann Chuilgeadan, who appear in the Lay of the Heads, and in the ballad of Dun-an-oir. He is challenged to leap, and when he wins he is challenged to leap backwards. He falls, and is beheaded. But the slayers lived near Cape Clear, according to Irish authorities. Taileuchd mac a Chuilgeadan was the man, Gleann Dochart the place, an Island in Loch an Iubhair, near Beinn Mhòr, in Scotland, was the spot, and Fionn was buried at Cill Fhinn, a place near the end of Loch Tay. The slayer was slowly put to death by twisting off his arms and legs. This looks like broken poetry; and it certainly was a current story, because two men got different versions of it. The only Heroes named are Fionn and Oisein: so this comes after the Battle of Gabhra.

See Fionn's Irish Pedigree above for the Irish account of the Death of Fionn. Page 34.<gai>

F. 20. EACHDRAIDH MAR A CHAIDH FIONN A MHARBHADH. <eng>93 lines broken.

Fletcher's Collection, page 132. Advocates' Library, January 22, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

AIR bhi do dhuine àraidh d' an goirte Taileachd-mac-Chuiligeadan, mar ainm, a gabhail tamhachd ann an Eilean Lochan Iubhair laimh ri Beinn-mhòr ann an Gleann Dochart, aig an robh leannan sith, mar Chonaltra san aite sin.

Air bhi do Fhionn-mac-Cuthail air faoiteann fiosrachadh mu timchioll, Chaidh e a steach ga faicsinn, agus ghabh e tlachd fuireach comhla ri. Ach fa dheireadh air bhi do Thaileachd air faigheann a mach gu 'n robh Fionn a tachairt tric an rathad a leannan. Air dha ransachadh eatara mu dheibhinn. Thuiteadh leotha le cheile ann an eud co mòr, agus gu 'n rabhadar a' dol a bhualadh a cheile.

Ach a deir ise gu deanamar dhuibh riaghailt, na bitheabh am feirg ri cheile.

1

AM fear a 's fearr buaidh an leum, is e leannas mi fein le tlachd,  
Dh' imich na Laoich an sin a mach a leum,  
Leum Taileachd o' n Eilean air tìr tioram, is leum Fionn gu sgiobalt  
treun 'na dheigh.

2

A deir Taileachd,  
Leumainse an linne air m' ais  
Is mur a leum thusa an cothair do chùil,

Biodh agamsa an cliù gu ceart.  
Leum iad araon air an ais,  
Ach 'se Taileachd a leum an toiseach;  
Agus bha è air tìr tioram Eilan,  
Ach air leum an sin do dh' Fhionn,  
Chaidh e foidhe gu Cheann.

3

Agus ghlac Taileachd an sin an  
Corom bha thaobh cùil air agus bhuin e an ceann do dh' Fhionn mu 'm  
burrain e riamh tionndadh ris.

[TD 196]

Theich Taileachd le h-eagal fuathas na Feinne, agus ceann Fhionn aige  
Gu 'n d' rainig e ceann Loch-laoidain, agus air bhi dha' sgìth ga  
ghiulan, chuireadh leis air stob è air tom dubh aig àth na h-aimhne d' an  
goirear àth Chinn o sin a mach.

4

Agus air do 'n Fheinn corp Fhionn fhaotainn ri taobh an Lochain,  
Thogadar air Rìgh 's ar Triath,  
Air Ghuailibh briagha nan laoch,  
Is dh' amhlaig sinn è air cùl tuim,  
An uaigh do 'n goirear Cilfhinn mar ainm.  
Bha an Fheinn uile fodh' throm fheirg  
Co dheanadh orra an tàir,  
Dh' iomaichidair air toir a chinn,  
Na suinn mu 'n do Gabh iad Caird.

5

Gus an d' fhuaras leò ceann an laoich,  
Air cnoc fraoich an taobh Ath-chinn;  
Is rinneas toireachd air an laimh,  
Bha co dana is dol na dhàil.

6

Chuir iad miar foidh dheud fios,  
Dh' innseadh dhoibh am fios mur bha;  
Taileachd a bhi fo fhiamh,  
Air son a ghnìomh am Beinn-all-air.

7

Dh' fhuaras Taileachd ann san uaigh,  
Is chuireadar gu cruaidh ris ceist;  
A Thaileachd an aireach leat Fionn,  
Is fhreagair gu h-aingidh air ais,  
Cha 'n aireach mur aireach le Goll nan cleas  
An ruaig a chuir e air Clann Chuiligeadar.

8

An lamh dheas air son a' ghnìomh,  
Bhuin sinn do Thaileachd gu fìor;  
Bhuin sinn dheth an lamh eile,  
Air son gnìomh na mòr chionta,  
Chuir iad ceist an dara h-uair,  
A Thaileachd an aireach leat Fionn.

9

A d' thuirte Taileachd,

Air mo Riogh nach aireach;  
Mur aireach le Goll nan cleas,  
An ruaig a Chuir è air Clann Chuilgeadar.

10  
Shniomh sinn an leth chos o 'n toin,  
Le teannachuir righin chruaidh;  
Agus phronn sinn a chos eile,  
Le leachdibh cruaidhe na sceire,  
A Thaileachd an aireach leat Fionn  
Dubhairt Taileachd.

11  
Air mo Riogh nach aireach leam,  
Mur aireach le Goll nan cleas;  
An ruaig a chuir e air Clann Chuilgeadar.

12  
An da shuil a bha na Cheann,  
Loisg sinn le lionn gaoileach garg;  
A Thaileachd an aireach leat Fionn  
Dubhairt Taileachd fa dheireadh thall;  
Air mo riogh nach aireach leam,  
Mur h-aireach le Goll nan cleas  
An ruaig a chuir e air Clann Chuilgedar  
Chuir sinn air sleagha troimh chridhe  
Thaileachd is mharbh sinn e.

O. 19. BAS FHINN LE TAOILEACH. <eng>43 lines.

Dr. Irvine's MS., page 108. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.<gai>

ELAN an uidhir, Leannan sith, 1  
Leum mar dhuais graidh  
Leum Taoileach mach as an Elan,  
Leum Fionn a mach 4  
Leum Taoileach a steach an coinneamh a chuil  
Leum Fionn, is thuit san uisge.  
Chuir Taoileach an ceann deth.  
Dh' fhalbh leis a' cheann, is chuir air stob aig 8  
Ath Fhinn, aig ceann shuas na cruaidh an  
Ranach. Dh' fhalbh iad an toir iar Fionn.

Cha robh fios co thug an ceann deth; Thachair iad air a cheann. Ma 's  
fior a labhair an ceann 'Nuair tharruing iad deud; Thuirt aon dui, se sid  
guth Fhinn. Guth chinn air a chrann. Thug iad a nuas an ceann. Chuir fear  
a mheur fo dheud fios, fhuair fios co rinn an gnìomh. Thuirt Oisean Mac  
an Rìgh. Diolaidh sinn bas Fhinn.

No 's masladh gu brath dhuinn.  
Dh' fhalbhas air toir air Taoileach; Fhuair e an namh aig ceann shuas  
Beinn Arlar.  
Thaileach an aithreach leat Fionn,  
Air mo rìgh, cha 'n aithreach leam;  
Mar aithreach le Goll nan cleas.  
An cath ruaig bh' air Clann Chuilgedan. 16  
An lamh dheas a rinn an gnìomh.  
Bheir sinn do Thaileach gu fìor,

Bheir sinn deth an lamh eile.  
 Ann an cionta na moir choirre. 20  
 A Thaoileach, an aithreach leat Fionn,  
 Air mo righ cha 'n aithreach leam.  
 Shníomh sinn deth an leth chos  
 Le Teanchar gramail cruaidh; 24  
 Phronn sinn a choss eile,  
 Le leacaibh garbh na sgeire;  
 A Thaoileach an aithreach leat Fionn,  
 Air mo righ cha 'n aithreach leam. 28  
 An da shuil bha na cheann,  
 Loisg sinn le lionn goileach dearg,  
 Bhuin sin an ceann de Thaoileach,  
 An comain an droch ghníomh a rinn e 32  
 Nan abradh Taoileach gu 'm bu bheud  
 An ceann a thoirt de chom nan ceud,  
 Cuach Fhinn bheiridh beo,  
 Chuireadh an ceann ris a chlo 36  
 Phill sinn gu bronach tuirseach  
 Ghiulainear leinn ceann Fhinn,  
 Gun t-aite an d' fhuaireas a choluinn;  
 Ghiulan sinn e gu aluinn, 40  
 Air chrannaibh sleagh Arda,  
 Dh' adhlacadh leinn e an cill,  
 Is deirear cill Fhinn ris gu 'n duigh.

<eng>THE DEATH OF OISEIN.

THIS Ballad does not describe the death of Oisein, but is part of his Lament for his comrades. Some marginal writer on the manuscript says that this is equal to anything in the books of Mac Pherson or Dr. Smith. To me it seems to be made up of fragments and mended. Some verses I recognise as in other ballads; others bear the stamp of popular poetry, others do not, according to my opinion. The metre varies. Current tradition sends Oisein off to the Isle of Youth with his mother in the form of a deer, or with a mythical hound. In any case this ends Kennedy's Second Collection, and leaves Oisein the last of the Heroes alive. An Irish manuscript, called the Book of Lismore, contains a long composition called the Dialogue of the Old Men. In it Caoilte and Oisein converse with Saints and Chiefs, and wander about telling stories in Ireland.<gai>

I. 23. BAS OISEIN. <eng>140 lines.

Kennedy's 2nd Collection, page 160. Advocates' Library, April 12, 1872.  
 Copied by Malcolm Macphail.

THE DEATH OF OSSIAN.

IT is certain that Ossian survived all the Fingalians, and lived till that Era Christianity was introduced into Ireland by St. Patrick, who is no other than this Son of Alpin he addressed his Poems so frequently to. It is applied till this day to an aged man, who live after all after all his Friends, relations and children. 'That he is left alone as Ossian after the Fingalians:' <gai>'Tha e mar Oiseinn an deidh na Feinne.'  
 <eng>Ossian seems to have lived with an eminent man Conar in Glencathan, or the Glen of Wars, in his latter days. Conar's wife being a distant relation of Ossian wanted that he should immortalize and flourish the Fame of her own Family beyond that of Fingal's upon his death bed, but he

refused, finding it unparalel and unreasonable. Ossian discovers by this Poem the strength of Fingal's army when in the height of his glory, and ranges over their actions in war and joy in peace. He regrets in the softest and most pathetic strain, That he is left alone like a bird wounded and benighted in the solitary woods, longing for the dawn to renew his joy and lull his grief. Or to a mouldering oak in the desert which is ready to fall by the least blast, without joy, music, groath or grandeur. Where is my Friend to lament my fall, and rear my Tomb; and who shall dig my grave but cruel Aliens? Where art thou, O Fingal!

[TD 197]

Oscar and Cailte, with all your hosts my Days are expired. My time is past. My Friends are extinct. My peace and ease is over. My joy is done. My pleasure is gone. The grave is my home, so let me now die and live no more!<gai>

1

'S TIAMHAIDH bhi noc ann Gleann-caothan  
Gun ghuth gadhair ann gun cheol;  
Mo chroidhe cho dean e do 'm reir,  
'S mi fein an sean fhear gun treoir.

2

'N uair reachamaid do Ghleann-caothann,  
Bu bhinn bladhar againn ceol;  
B' iomad dea' fhear dhinn air chint,  
'S cho toileamaid diomb d' ar deoin.

3

'Nuair thogamaid ri Gleann-caothann,  
Bu lionmhor fadhaid gach iul;  
A cosgairt an daimh, 'san fheidh,  
'S iomad ceud nach eireadh dhiu.

4

B' iomad laoch a dh' eighthe mach,  
A dhireadh gu bras an sliabh;  
Le shleagh 's i ruisgte na dhornn,  
Le cloidheamh mor agus Sgiath.

5

Fionn mo ghaoil caogad Triath,  
Le cheile air grianan ard;  
Is Gile-ghreine ri crann.  
Os a chionn, a bhratach aigh.

6

Bu chian ar sgaoileadh o cheil,  
Fea' gach sleibh air barra bhac;  
Laochrai' chalma, churant Fhinn,  
'S am botha gach tiom nan glaic.

7

'Nuair a dh' eireadh seilg an fheidh,  
Dh' fhuasgladhmaid na ceuda Cu;  
'S ioma' damh, earb, agus Adh,  
A thuiteadh sa bhaoil gach iul.

8

Philleamaid le 'r seilg tra-non,  
Gu Teamhra' cheolmhor nan teud;  
Am bu lionmhor cruit is clar  
'S ioma' bard a sheinneadh sgeul.

9

B' ioma' slige doll mun cuairt,  
'S dana nua 'ga luadh le cheil;  
A' caitheamh na feist 's ann Tur,  
B' aluin, ur na Flathaibh Feinn.

10

B' eibhinn nos na Feinn a ghluais,  
Ceolmhor, cuannar, snuadhar treun,  
Fion is fochlas agus feoil,  
Speis gu leoir, 's cho b' eol duinn breug.

11

Na suinn chaomha, chalma, ghraidh,  
Bu mhor baidh' 's bu chian an cliu;  
Feileachd, furan, 's a bhi dian,  
A dhion choitheach, ciau o' n iul.

12

La a chath air magh na bàir,  
Co, na b' fhearr, cho chualas riamh;  
Chomhraigeamaid fear is ceud,  
Gach aon fear do 'n Fheinn bu Triath.

13

Cha do ghluais sinn riamh d' ar deoin,  
Ach gu foill do chomhrag dian;  
An t-onrachdan dhion gu treun,  
'S an coitheach creuchta f' ar sgia.'

14

B' e 'n t-aireamh a bha ri' m linn,  
Ann an Teamhra' bhinn nan teud;  
Ceithir mile deug, is caogad,  
N' ar cairdean gaoil air bheag beud.

15

Gun luadh air oglaich Ri' Phail,  
Aosmhoir sharaicht, no mnai' og;  
No gillean freasdail nan lann,  
Och! Gur fann tha mi fui' bhron.

16

Siubhail an domhan mu seach,  
'S cho' n fhuigh u ann neach mar Fhionn;  
A b' fhearr eineach agus agh,  
Cho deachaidh lamh os a cheann.

17

Ghluais na laoich do 'n uaigh gun lo,  
Sin a dh' fhag mar cheo mo shuil;  
Mar aon ean leointe sa choill,  
Gun solas a' caoi' 'sa mhur.

18

Gun leirsinn, ur-fhas, no fonn,  
Mar an sonn a sguir a dh' fhàs;  
No chnu tha sa ghreadhain chrion,  
Gu tuiteam, 's cho 'n eiridh dha.

19

'S neo eibhinn do 'n chroidhe bhroin,  
Nach nochdar sòlas o chaoimh;  
Mar fhiadh a bhais tha mo chruth,  
Dh' eig mo ghuth le dealt na h-oi'ch.

20

Chaochail mo fhradhar, 's mo shnuadh,  
Ach cho choisg an uaigh mo ghradh;  
O Chailt, is Oscair nam buadh,  
Is Fhinn uaibhrich dea' Ri' Phail.

21

Tha m' osnaich a teachd gach taobh,  
Mar ghluaiseas a ghaoth gach nial;  
Tha mo bhron a teachd amach,  
Mar uisge bras, no sruth dian.

22

Ailis dhuinne Oiseinn fheil,  
Gus a bhas o' n tha thu doll;  
C' ait am fac u deas no tuath  
Teach is mo' a shluaigh no so.

23

Chunnacas latha teach Fhinn  
Air an iargain thruim so th' òrm;  
Bu lionmhore gile fir feachd,  
No Conar a' d' theach gun stoilbh.

24

C' ait am bheil na fir mhora,  
Bhiodh aig Conar gach tra'-noine;  
Nach d' thugadh iad an t-Oisein amach,  
Air caol chas, 's a chab 'san otrach.

25

Cha bu chubhaidh dheanamh orm,  
Na thuit u le colg a bhean;  
'S laoch mi a rínn iomad àr,  
Ged' tha 'nois gun chail gun ghèan.

26

Is mi Oisein, dea' mhach Fhinn,  
Bha mi uair, 's bu ghairdeach leam;  
Gur mi shuithichidh an t-sealg,  
'Nuair a dh' eireadh fearg air Fionn.

27

'Nuair a bha mi ann san Fheinn,  
'S mi gu treun a measg nam fear;  
Thigeadh caogad Inghean donn,  
A dh' fhalcadh mo chinn a bhean.

28

Cho b' e failceadh nan ceann caomh,  
Air do mhaoil bu mhiann leam feinn;  
Ach beist nimhe Loch-leathean,  
Reubadh do shean leathair lèi.

29

A laoich nach mol u mo mhur  
Nan ceudan cu, 's nan teud mear;  
'S ceolmhoire no Teamhra' bhinn,  
Anns gach tim bhiodh comhrag fhear.

30

Cha toir cliu do theach fui 'n ghrein,  
Mar mhur feilidhe Fhinn mo ghraidh;  
A leithid cho 'n fhacas riamh,  
A near no niar taobh a bha.

31

Bha mi la bu mhor mo phris,  
Ann Teamhra' nan ceuda cliar;  
Tha i 'n diu 'n h àbhaidh fhuar,  
Is mise mo thruaigh! gun mhiadh.

32

Mo dhea' Inghean bha mi uair,  
Ghlacaim an eilid air chluas cinn;  
Bheirinn am bior fuinn amach,  
Ann 's an oi' che dhorcha dhaill.

33

Ochoin, is mi 'nois gun treoir,  
Gun neach beo a ni mo chaidh;  
Gun chaomh a thogas mo leac,  
Is m' uaigh cho treachail, ach buirb.

34

Gun Chailte gun Oscar, gun Fhionn,  
Gun fhear m' osnaich gu tiom truagh;  
Gun fhear m' osnaich ann gu fìor,  
'S mi' n crann crìon a chaill na sluaigh.

35

Ghluais mo re mar sgèul, no sgàil,  
Ghluais mo chairdean, is mo shith;  
Ghluais mo sholas, is mo bhaidh,  
Mar ata mi-Gu brath biom.

<eng>That the above seven Poems were transcribed or collected by Mr. Duncan Kennedy, as they appear in the preceding pages, is certified by John Macfarlane. Assistant Minister. Kilbrandon, May 1, 1785.

[TD 198]

THE STORY OF OISEIN:

AND FOURTEEN VERSIONS OF A BALLAD.

THE traditional Story of Oisein I got from the following people in 1870-1:—Pages 56, 57, 104, 131, 136, 169, &c. MS.

1. A travelling tailor, on board the Dunvegan steamer, between Uist and Barra. Sept. 18, 1871. He lives at Ballymarten, in North Uist.
2. Patrick Smith, South Uist. Sept. 17.
2. John Cameron, Borve, Barra. Sept. 25.
4. Duncan Mac Lellan, Carnan, South Uist. Sept. 27.
5. A boy, unknown, who came in while I was writing. Oct. 6.
6. Hector Mac Isaig, South Uist. Sept. 30.
7. A Lady's Manuscript, North Uist. Oct. 6.
8. William Robertson, weaver, Tobermoroy, Sept. 16, 1871. page 131. It agrees generally with the story told by Kennedy and Fletcher; and told already in text Y. vol. III. I will tell it in English, when I translate. As a sample of oral collections, I add these notes. They were written in English, while the reciters told what they knew in Gaelic, and very little altered, when written out.

William Robertson questioned—'Why was Oisean so called?'

'I will tell you that.' 'The sister of Conchullin Mac an Dualtaich laid spells <gai>(geasan)<eng> upon Fionn that he would marry any female creature that he might chance to meet. Fionn fell in with a deer. . . . Then the deer turned to him, and said, "Now I have two. Come here again, and you will have a son." Then Fionn put his finger under his wisdom tooth, and he knew that the deer was a woman enchanted. He came to the place at the time, and found a man child, and he had <gai>colg an fheidh,<eng> deer's hair, upon his temple; and that is why he was called Oisein. On the corner of the brow here,' (touching his own temple,) 'because the deer's hair was upon his temple, he was called "Corner." That was "Oisein," the son of Fionn. His mother was the daughter of the Dualtach, under spells.' From this, Oisein was Conchullin's nephew. (137.) 'When Oisein was old, amongst the Feinne, and his son was dead, Fionn took care of him. He was commander of the world. A pretty woman met Oisein, when he was out walking one day, and saluted him warmly, "Will you not go one day with your mother?" She said, "You have been long enough with the Feinne." He went away with her. She opened a door in a rock, and they went in. He staid with his mother for a week. But these days were so many hundreds of years. He wanted to go back to the Feinne. "Since you came here," said his mother, "nor Fionn, nor a man of the Feinne, lives."' And here came a long story, of which part only is in the Ballads and Arguments printed above.

Mac Isaig, in South Uist, and from others next year, 1871.

Reciter.—'Oisein was the son of Fionn Mac Cumhail. He was born of a hind, <gai>(sailearachd fheidh.)<eng> His mother was a woman, under spells, <gai>(fo gheasibh.)<eng> She lived long in the mountains as a deer.'

Instructed Boy.—'Oisein was suckled by a hind; and that is the true story. His mother was a woman.'

Scribe.—'You have not got the story at all.' (Boy departs, snubbed.)

Reciter.—'Most of the old men say that Oisein's mother was a woman, in the form of a deer. I do not know how it all came about, or how it was, but they say that Fionn also was under spells;' &c., &c.

Scribe.—'That must have been when he fled, after he got his wisdom tooth, and slew Arc Dubh, at Eas Ruagh, in Eirinn?'

Reciter.—'Yes. When Oisein was born in the mountains, it was so that if his mother licked him, as deer lick their calves, he was to be a deer, like his mother. If not, he was to be a man, like Fionn, his father. She had so much of the deer's nature in her, that she begun to lick the child, and she gave one sweep of her tongue to his temple. The deer's hair <gai>(colg an fheidh)<eng> grew on the corner of his brow at once. When his mother saw that, she had so much of the woman's nature left that she wished her son to be a man, she stopped licking him, and he grew up to be a man, and they called him "Oisein." (Angle, or corner.) He was the best Bard in the world.'

Scribe.—'Do you know the song that he made to the deer, his mother?'

Reciter.—'That is Oran Luaidhe, (a fulling song) which the women sing now, when they are fulling clothes. A great many people can sing that song. That's a woman's: my wife knows it better than I do, but she is too old and weak to come here.' After some persuasion, sings as much as he knows; and says that Carmichael, his neighbour, has got it written. Here follows the Song, as I wrote it myself.

#### OISEIN'S SONG TO HIS MOTHER.

WRITTEN by J. F. Campbell, from the dictation of Hector Mac Isaig, September 3, 1871, at Carnan Inn, South Uist, and from other versions orally collected in September.

The first verse is written at length and fills the tune. The lines are written without the chorus afterwards. In singing songs of this kind one woman sings a line, and all the rest sing chorus, while the whole bevy of women and girls mark time merrily with hands or feet upon their work. I have tried to spell the chorus so as to give it meaning, but no meaning is attached to these words now. They are sounds made musical like instrumental music.

At page 76, vol. I., 'Barzaz Briez,' Paris, 1846, Villmarqué has treated a similar chorus more boldly.

Tan! tan! dir! oh dir! tan! tan! dir ha tan!  
Tann! tann! tir! ha tonn! tonn! tir ha tann!

\* O feu! ô feu! ô acier! ô acier! ô feu! ô feu! ô acier et feu!  
O chêne! ô chêne! ô terre! ô flots! ô flots! ô terre et chêne!

I am not sure that we have done right, but we have similar materials in these two Celtic songs, with vocal accompaniment.<gai>

1  
\*† Tha tùchran beag air m' anail,  
Bheir mi ho horo hàw  
Cha chluinn mo leann an mo guth;  
Bheir mi ho ro Rìgh; o hàw;  
Bheir mi ho ro Rìgh; o hàw;

Eigh! Haogh! ro Righ; bha gh' òl  
Bheir mi ho ro ho, tha; Righ! thù.

2  
Chu chluinn mo leannan mo guth  
Ma 's tu mo mhathair gur fiadh thu.

3  
\*† Ma 's tu mo mhathair gur fiadh thu  
\*† Faicail ort o ghnìomh nan con.

4  
Faicail ort o ghnìomh nan con  
Ma theid thu gu beannibh arda.

5  
† Ma theid thu gu beannibh arda  
Faicail ort o Chlanna MORNA.

6  
Faicail ort o Chlanna Morna  
Clanna Morna 's an cuid con.

7  
Clanna Morna 's an cuid con  
'S da chu dheug air lon aca.

8  
'S da chu dheug air lon aca  
'S a chu fhein air laimh gach fir.

9  
Ma theid thu gu gleanntibh fòdh  
Faicail ort o chlann a BHÒ.

10  
Faicail ort o Chlann a Bhò  
Clanna Bhò 'us an cuid con.

11  
Clanna Bhò 'us an cuid con  
'S da chu dheug air lon aca.

12  
'S da chu dheug air lon aca  
'S a chu fhein air laimh gach fir.

13  
Ma theid thu gu beannibh arda  
Faicail ort o Chlann na GRAISGE.

<eng>Repeat 14. 15. 16. as 10. 11. 12.<gai>

17  
Ma theid thu gu beannibh ìseal  
Faicill ort o Chlann na BAOISGE.

<eng>Repeat 18. 19. 20.<gai>

Ma theid thu air bheanntaibh arda  
† Faicill ort o Chlann na CEARDAICH.

<eng>Repeat 22. 23. 24. as above.

Here Mac Isaig stopped and said: 'I have no more, but that is a long song. When Oisein was out in the Hill the Hind was always coming near him, but he would not follow her. He was ashamed of his Mother, but he made that song.' (P. 170, &c.)

(P. 56). The Tailor said: 'There is a song about that story. I have very little of it, Carmichael has written it.' Then he sang it to a very wild tune. The lines which are the same I have marked above \*. The rest are added below.<gai>

[TD 199]

25

Ma theid thu gu gleanntaibh domhain  
Bheir mi o huro ho.  
† Faicail ort a chlann a GOBHAIN  
Bheir mi o huro ho  
Bheir mi o huro ho  
Bheir mi hi ri Righ riabhag  
Ho i ho ro, háw.

<eng>Repeat 26. 27. 28. as above.

October 6, 1871.—Copied at Dunvegan, a version lent by Miss Mac Leod of Mac Leod, written this year in North Uist, by Miss Tolmie, from the repetition of women who used to sing this song at their work, but who have been forbidden to sing any secular music, and have given up the practice as wicked. Lines which are the same are marked † above. The chorus varies a little and indicates a different tune. As the Lady is a musician, probably her version is right, and the tune varies.<gai>

1

BHEIR mi hò ri u o hò  
Tha tucharan beag air m' anail  
Bheir mi hò ri u o hò  
'S tha sior ghabhail air mo ghuth.  
Bheir mi hò ri u o hò  
E ho i ri ri ibh og o ho  
Ri o hò ho rò.

<eng>The repetition varies thus:—<gai>

29

Ma theid thu air beanntaibh ìseal  
Bheir mi hò ri u o hò  
N' aire dhuit o Chlann na FRITHEADH  
Bheir mi hò ri u o hò  
Clann na Fritheadh 's an cuid con  
'S da chu dheug air lon aca  
'S a chu fhein air laimh gach fear.

<eng>Repeat 30. 31. 32. with Chorus as above.

The song ends with the Chorus:—<gai>

Bheir mi hò ri u o hò.

<eng>In one verse is the line:—<gai>

'Eirich m' an eirich a ghrian.'

<eng>This counsel, according to the story told, was given that the Deer might break the spell which bound her, since the period before Oisein's birth. The same origin for 'Oisein's' name was given. He had a mole on the side of his face or the corner of it.

June, 1872.—Having collected and arranged these fragments myself, and having found three similar verses in Fletcher's Manuscript at the Advocates' Library, (F. 6. 11. 12. 13., p. 60 above), I wrote to Mr. Carmichael: who was kind enough to send me the following extracts from the Collection which he has been making during seven years in the Long Island.

Taking all these versions together, it is easy to extract the meaning. But it is impossible to convey any idea of this kind of vocal industry without transporting the reader to the scene where women and girls sing songs without words, and dance wildly to their own wild music, as merry and busy as a hive of bees.

OISEIN'S WARNING TO HIS MOTHER.

TRANSLATED from Mr. Carmichael's Gaelic Argument, transcribed and collated with other versions, by J. F. Campbell, July 4, 1872.

1. From Donall Mac Phie, smith, Breubhaig, Barra, December 10, 1866.

A hind was mother to Oisein. His mother Graidhne, Fionn's wife and Oisein's mother) was under spells. Surely it was a fairy sweetheart that put her under spells. They (the fairy sweethearts) used always to be at that kind of work. It was on a pretty little green island, which is called Eillan Sandraigh (or otherwise on a sea rock—<gai>sgier<eng>) in Loch-nan-ceall, in Arasaig, that Oisein was born. His mother laid her tongue on him, to lick him, above the eyebrow, before he was taken from her. Hair grew upon the place where his mother put her tongue, and because of that they called him 'Oisein' by name. Oisein knew that the Feinne wanted to kill her, and he used to warn his mother against the hounds, and tell her the gifts of every hound, and the might of every Hero in the Feinne. It is said that this was the first Lay that Oisein ever made, when he was a suckling little lad <gai>(na phroilleachan beag gille).<eng> Graidhne was the first wife Fionn had, and mother of Oisein. Oisein was near about as big as he would be before Graidhne got free from the spells. He was giving her warning to beware of the dogs. (Carmichael's Note). It is curious that O'Curry in his valuable Lectures on the MSS. Materials of Ancient Irish History, page 304, says:—'Oisin, a word which signifies literally the little fawn.' There is some similarity between this and the Story of Romulus and Remus, the founders of Rome, who are said to have been suckled by a she-wolf.—A. C.

A reference to the Story of Diarmaid and Graidhne will shew how this varies from the story generally told about Fionn and Cormac's daughter. Nothing is said about any transformation of Graidhne anywhere else.—J. F. C.

A FRAGMENT OF THE SONG.<gai>

MAS tu mo mhathair 's gur a fiadh thu,  
Bheir mi hoiriou o òhoa!  
Orst an sliabh muin tig an teasach <eng>(hunt fever)<gai>  
Bheir mi hoiriou o òhoa  
Shò hirir-bheag  
O na haoi o ro hou  
Faicil orst romh Chlanna Morna  
Bheir mi hoiriou o òhoa  
Ehò hiri riabhag  
O na haoi o ro hoa  
Clanna Morna 's an cuid cõn  
Beir mi hoiriou o o-hoa  
Da chiad diag a dh-aireamh fhear  
Bheir, &c.  
'S a chu fhein an laimh guch fir  
'S a shleagh fein an laimh guch laoich  
Ma theid thu gu srath-na-h-amhunn  
Faicail orst romh Chlanna Ghobha

<eng>Here repeat as above.<gai>

Ma theid thu do bheannaibh domhain  
Cuimhnuich an t-saigh earblach dhonn

<eng>Here this fragment ends.

2. From Aonas Mac Leoid, crofter, Baile Mharstam, Uist, a chinne Tuath,  
March 26, 1868.<gai>

MU 's tu mo mhathair 's gur fiadh thu,  
Bheir mi hoireann o a haw!  
Faicill orst romh ghnìomh nan con  
Bheir, &c.  
Eho heir ir eubhag  
Ho-haoi o a ro haw  
Ma, theid thu (a) bheanntaibh domhain  
Bheir, &c.  
Faicill orst romh Chlann a Ghobha  
Bheir, &c.  
Eho, &c.,  
Ho, &c.,  
Da chiad diag a dh aireamh fhearaibh,  
'S a chu fein an laimh gach aon fhir,  
'S iad air eil aig Leide mac Liannain,

<eng>Here follows a verse as above with the name, Clann-na Ceairde, and  
two more lines which an old woman in the Island of Baile shear South Uist  
placed at the end of each verse.<gai>

'S fear beag 'ad air sgàth chreagain.  
'S eugail leis nach tig ige (thuige?)

<eng>3. From Oirig Nic Iain, Tao Loch-euphorst, Uist a Tuath, September  
27, 1868.<gai>

MUS tu mo mhathair  
Us gur fiadh thu  
Bheir mi hoirean o haw.  
Eirich mu 'n eirich grian orst.

Bheir, &c.,  
Faicill orst romh ghniamh nan conaibh  
Ma theid thu romh struth-an-lonain;  
Faicill orst romh Chlanna Morna  
Clanna Morna 's an cuid con.  
Da chiad diag a dh-aireamh fhearraibh,  
Fear beag beag ri sgiath creagain  
'S a dha-chu-dhiag air lothain aige.

<eng>Here follow verses with the names,<gai> Clanna Ghobha, Clanna Baoisge.

<eng>4. From an old woman, met in a shepherd's house, at Liadal, close to Prince Charles's Cave at Borrodale, South Uist, May 29, 1868.

[TD 200]

MA 's tu mo mhathair 'us gur fiadh thu  
Bheir mi oirrinn o haw  
Bi d' fhaicil romh ghniamh nan conu  
Bheir, &c., <eng>(same as in 2nd version.)<gai>  
Eho, &c.,  
O na, &c.,

'S iad eir bheannaibh arda romhad,  
'S iad ag innse dhomh nach tig thu.  
Faicill orst romh Chlann Ghil 'e ain  
Clann Ghil' e' ain san cuid chon.

<eng>Here follows a verse with the name Chlann ic Phairce, and this note by Carmichael:—'This old woman said that all the Finneachann (tribes) were mentioned in the song. This I think doubtful. The part of the song mentioning the Clans must have been a later composition, for the rest of the song seems to me old—older than the mediæval time of the Clans. The Parks are nearly extinct here now. I only know one man of that name in the whole of South Uist, where there were many of that name formerly. All names seem to have been represented here. The Long Island seems to have been the Cave of Adullam to which all criminal and political offenders betook themselves.'

5. From Kenneth Morison, pauper, aged 80. Nisisi na h-Earradh, July 12, 1870. 25 lines, of which the whole are in the next version.<gai>

6. OISEIN GA MHATHAIR. <eng>63 lines.<gai>

Seinntle le Do 'ul Macaphi Gobha Breubhaig Barraidh, 10th December, 1866.

1  
MA 's tu mo mhathair 's gur a fiadh thu,  
Bheir mi hoirion o ahaw,  
Ma 's tu mo mhathair 's gur a fiadh thu,  
Bheir mi hoirion o ahaw,  
Ehō hir-ir ibh-ag ò  
Na haoi o a ro haw  
Eirich mu 'n eirich grian orst  
Bheir mi hoirion o ahaw, &c.  
Eirich mu 'n eirich grian orst  
Bheir, &c.

Siubhail sliabh mu 'n tig an teasach,

2

Ma 's tu mu mhathair 'us gur fiadh thu  
Faicill orst romh ghniamh nan conaibh  
'Siad air bheannaibh arda romhad.  
'Seachainn Caoilte seachainn Luathas,  
'Seachainn Bruchag dhugh nam bruach,  
'Seachainn an t-saigh eárblach dhúgh (dùgh)  
Bran mac Buidheig namh na 'm fiadh,  
Agus Geolai bheag nan car.

3

Mu theid thu do bheannaibh iosal,  
Faicill orst romh Chlanna Baoisge,  
Clann na Baoisgne 's an cuid con,  
Da chiad diag a dh' aireamh fhear,  
'Sa shleagh fheinn an laimh gach laoich  
'Sa chu fhein an laimh gach fir,  
'Siad air eil aig Leide mac Liannain,  
'S fear beag, beag ri sga creagain  
'S da-chu-dhiag éir lothain aige.

4

Mu theid thu eir / strath an lonain / bheanniabh mora  
Faicill orst romh Chlanna Morna  
Clann na Morna 's an cuid con  
Da chiad diag a dh' aireamh fhear  
'Sa shleagh fein an laimh gach laoich,  
'S iad eir eil aig Leide mac Liannain  
'Sa chu fein an laimh gach fir,  
'S fear beag, beag ri sga creagain  
'S da chu dhiag eir lothain aige

5

Mu theid thu / gu strath na h-athun / romh ghleanna domhain / eir chuanta  
(chluanta?) domhain  
Faicill orst romh Chlanna Ghobha,  
Clanna Ghobha 's an cuid con  
Da chiad diag a dh' aireamh fhéar  
'S a shleagh fein an laimh gach laoich,  
'Sa chu fein an laimh gach fir  
'S iad eir eil aig Leide mac Liannain,  
'S fear beag, beag ri sga creagain  
'S da chu dhiag eir lothain aige.

6

Mu theid thu do bheannaibh arda  
Bi d' fhiacill romh chlann / a chearta / na ceirde / na ceardach  
Clann na ceairde 's an cuid con.  
Da chiad diag a dh' aireamh fhear  
'Sa shleagh fhein an laimh gach laoich  
'Sa chu fhein an laimh gach fir  
'S iad eir eil ais Leide mar Liannain  
'S fear beag beag ri sga creagain  
'S da chu dhiag eir lothain aige.

7

Gu 'n gleidh an sealbh thu o 'n t-srannan  
Mu 'n cluinn do leannan do ghuth,

'Sa dha chu dhiag eir faire mire  
'Sa chu fein an laimh gach fir dhiu.  
Bha mi la 's bheinn sheilg  
'S chunnacas fiadh a chabair aird  
Gu 'n ghear e torra leum dha 'n loch

Mu theid thu romh ghleannaibh domhain  
Cuimhnich an t-saigh earblach dhonn  
(Cuimhnich an t-saigh earblach dhonn?)

<eng>July 4, 1872.—From these six versions gathered by Carmichael, and from my own collection of eight versions, this appears to have been a popular woman's waulking song all over the Islands. It had never been written or printed so far as I know, and the tune has still to be recovered. Like its class, a very few lines would tell the story. It is a kind of muster-roll of the chief Feinian tribes. The object of this kind of singing is to promote Rhythmical movement, and lighten toil with vocal music. Still this song without words must rank as one of the Celtic Heroic Ballads, upon which later growths were grafted in the 4th version. It would be easy to add any names without interfering with the old Heroes first named, as it is said, by OISEIN THE LAST OF THE FEINNE.

#### PARODIES.

THE following are founded upon Heroic Ballads and Traditions, but are not of their age. They prove the antiquity and popularity of the compositions which they caricature or imitate. As they are older than Mac Pherson's Ossian, they indicate the nature of popular poetry current in Scotland, and ascribed to Oisein before Mac Pherson was born.<gai>

P. 12. LAOIDH NA SUAIMHNICHE DUIBHE. <eng>35 lines.

Staffa's Collection, page 74. Advocates' Library, February 26, 1872.  
Copied by Malcolm Macphail.

AN imaginary dialogue between the Bard and a Black Mantle. It is asked to tell a tale of Eirinn; and tells to whom it belonged, from the reign of Cormac till the Ollamh gave it to the man of strings, (the harper) and the harper, to a hoary Parson. It hopes still to tell a tale from a white book; and now the hopes of the Black Mantle are accomplished.<gai>

1  
FAILTE dhuise th' suaimhnich dhubh,  
Caite 'n d' fag u do chruth corr,  
Sgeul na h-Eirinn a thoirt dhuinn  
'S dheistamaid gu (1) shùin re d' Ghloir,

2  
Sgeul  
'S òg a thaini' du rem sgeul  
Nan tuigta leat fein mo dhan

3  
'S òg  
Sann re linn Chormaic ic Art,  
A chuiridh re slait mo th' snàth

4  
Sann

Bha mi Tamull aig an Rìogh  
Gann Imrachadh air dhruin each

5

Bha mi  
Ge sean suamhnach mi gun phrìs  
Chunnachdas òl air fion us creach

6

Ge sean  
Thani mi (2) malairt an Deirg,  
Gù Rìogh Eirinn meilag an àigh.

7

Thani mi  
Thani mi m' dhìlib air Goll,  
O mhac Dreagmhuinn na fonn sàor

- (1) sèimh.
- (2) imlaid.

[TD 201]

8

Thani mi  
Bha mi rist aig Iolluinn greis  
A coimhead air cleas nan Arm.

9

Bha mi,  
Bha mi rist aig Oscar òg  
'N deidh do mhac morla bhi marbh

10

Bha mi  
Oscar ualich nan arm gèur  
Cha ghleidhidh e sèud ach seal

11

Oscar  
Dhioluich e mise ro am  
Mhac O Duibhne na lann sean,

12

Dholuch  
Thug O Duibhne mi da mhac  
An comaine seachd Lann,

13

Thug  
Bha mi aig Diarmaid an t'-slòigh  
Fad so mhair a Ghloir na cheann

14

Bha mi  
Gus an d' thanig a sgeul truagh,  
A mharbhadh leibh th' suas sa Ghleann

15

Gus an  
Thug an t-Olla mi n' fear thèud  
Thug a fear theud do 'n Bhàrd <eng>(Twice)<gai>

16  
Thug  
Tha mi nois ann a mor phian  
Aig a phearsan liath an drast <eng>(Twice)<gai>

17  
Tha  
'S bi rìsd mas aill Dia  
Gabhail sgial a Leabhar Ban.

O. 33. AITHRIS AIR ORAIN NAM FIANN. <eng>Bonadar. 85 lines.

Dr. Irvine's MS., page 145. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, April 2, 1872.

A TAILOR'S Parody on the Feinne, traced back to about 1760, but as old as 1603. The people parodied, are not Mac Pherson's people, but the people of the Ballads, and of the Stories: the Feinne, the Giants, the Hags, and even the Foxes of the fables. The composer seems to have been a Roman Catholic.<gai>

1  
AN raoir chunncas aisling,  
An leaba 's mi gun dusgadh;  
Ach ma 's fìor na faidhean,  
Bha pairt dhi mor na breige.

2  
Am fear sin chaidh shiolacadh,  
O cheann tri cheud bliadhna;  
A tighinn a dh' iarraidh deallachadh,  
'S bhean air dol am fiadh air.

3  
O chunnaic mi na slobanan,  
'S na tobraichean air treasga;  
An fhairge ghlas na h-iomaran,  
Fo chriuthneachd, 's fo bhuntata.

4  
Na bha 'n sin a dh' uamh bheathachaibh,  
A nuallaich air an smagaibh;  
Ag iarraidh aite gearrasdain,  
Dh' fhearann thighearna Ghrannta.

5  
Chunnadh neud na curra, is i,  
Na cuirridh air Mulan arbhair;  
Is i cor as tri miosan ag innseadh,  
Mar bha 'n aimsir,

6  
An dreadhan donn na shanselar,  
Fo laimh an rìgh an Alba;  
Ag iarraidh aite sheanlair,

An iolar eir a meanmh chro. (spreidh)

7

O thachair Fionn Mac Cuthail orm,  
Is buighinn do na Fiannaibh;  
Is miol choin aca air iallaibh,  
Is iad a' dol air iarghlas.

8

Dh' aithnich mi na dh' fheud mi dhiubh,  
Bha Caoillte ann bha Diarmad;  
Bha Goll mor ard, bha Ioluin ann,  
Cha d' fhuirich mi ri 'n sgeulachd.

9

Direadh ris na uchdanan,  
Bha cor is dusan mile;  
Chaidh gach fear na armachd diubh,  
Mharbhtar mi mar pillteadh.

10

Ach suil a thug mi shealltuin orra,  
Bha Coll air each gun diallaid;  
Chaidh mi steach do ghlean bha 'n sin  
Cha tarla dhomh bhi siamh ann.

11

Bha lan a mhada alluidh ann,  
Le 'n strathruichibh sle 'n chabhaibh;  
O thug mi dhoibh mo thombaca math,  
Is b' ait a rinn iad sgeulachd.

12

'G iarraidh pass o 'n chomhairle,  
Cead gnothuich dol a Ghrianaig;  
Chaidh mi steach an talla 'n sud,  
Bha lan caithream chailleach ann.

13

Thug gach aon te riamh dhiu,  
Lamh a dh' iarraidh fairce;  
Ghuidh mi, ma bha ciall aca,  
Gun seola 'n righ na b' fhearr dhoibh.

14

Thuir am Fomhear mor 'se casdaich,  
Na leag a mach an Tar ghallach;  
Rug e air a thuaidh mhoir,  
Is ghluais e chum an urlar.

15

Rug mise air mo rosail, <eng>(rosary)<gai>  
'S gu 'n deanain doigh g ionnsuidh;  
An sin dh' aithnich mi gu' m b' fhogarach,  
An t-oglach mor mac Rusgaidh.

16

Ged thachair e measg bhiastan,  
Gun mhoran riasain annta;  
Thachair mi air Gille Martain,

'S thug mi straid a chaint ris.

17

Dhi fhaoineachd mi san tra ud,  
C' ait a dol fo armaibh;  
Thuirt gu 'n robh a dh' iarraidh tagraidh,  
Air fear an cois na fairge.

18

'S gu 'm bitheadh esan paighte dheth,  
Co ceart ris bas a shean mhathair;

19

O chunnadh mise sessaraich,  
Nan seasamh ri ball cainbe  
Mhuca mhara cho ghaoisidh,  
No cearca fraoich no calman.

20

Pass air an Roimh an sud <eng>(Rome)<gai>  
An seomar an cois armailt;  
Slaod Sichaillinn na Cimaids as a h-earball,

21

O chunnaic mi na Muilearnan,  
Nan curraidh air an degghau;  
Ag iarraidh sneachd 's reota,  
Teann mhor tbeachd as na speuran.

22

Gur s nn th' air as sarachadh,  
A cur nan ald ri cheile;  
Gleth ar leachd as grotan dhuinn,  
A steach a chor nan edhlan.

<eng>Written from Alexander Cameron, tailor, in Easter Druimcharry, who got it 50 years ago from Donald Cameron, tailor there, 1802.—(DR. IRVINE'S Note.)<gai>

O. 34. AN TAILFHEAR DO NA FIANNAIBH.

<eng>68 lines.

Dr. Irvine's MS., page 149. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, April 2, 1872.

A TAILOR'S parody on the Fians, of the Ballads and their domestic and family broils. Composed, as appears from the costume, about 1715 to 1745, when the dress of the Highlanders was to be changed by Act of Parliament, and men wore velvet breeches and cassocks of silk. This is very good. The metre is not the metre of the Ballads, but it is near about it.<gai>

1

CHaidh mi turus dheanamh eudaich,  
Chlanna Baoisge mach a h-Albuin;  
Cha tug iad a nasgaidh mo shaothair,  
Gu 'm b' iad fhein na daoine calma.

2

'S tric a rinn mi cosag mhaiseach,  
Do Gholl mhor an aigne mheanmnaich;  
'S cha lugha leam na Guini <eng>(Guinea)<gai>  
D' ur shineadh e a lamh dhomh.

[TD 202]

3

Chaidh mi tur a dheanamh triuthass,  
Do Chuchullin an Dun-dealgain;  
An am dhomh suidh gu chumadh,  
Thainig Fomhear mor a' m' ionnsuidh.

4

Tharruing Cuchullin an claidhe,  
'S mairg a tharla air san uair sin;  
Sgath e na cuig cinn de mhuineal,  
'S mise chunnaic bhi g' am bualadh.

5

Gheibhte forras a' d' thigh Righail,  
Piobaraicheachd is cruit, is clarsach;  
Gheibhte coin sheang ann air slabhruidh,  
Iomad spainteach ghlas air alachaig.

6

Fion g 'a aisig, ol g 'a iomairt,  
Fir ura ag iomairt air thalaisg;  
Mnathan deud gheall fualadh anairt,  
Ceur a' lasadh ann an coinleir.

7

'S lionar clogaid is ceann bheart,  
'S iomadach dearg is uaine;  
'S ioma dioghailt as srian bhucallach,  
Pillan oir is cuipean airgid.

8

'S lionar sleagh le 'n roinn gheur fhaoir,  
Bha 'n taic ri laoich a' d' thalla;  
Gheibhte Tombac is sgeulachd,  
Brandi Eireanach gun airceas.

9

Chuir Fionn teachdaireachd gam shireadh,  
Dheanamh Briogas da de Bhalbhaid;  
'Dean farsuing e am bac na h-iosgaid,  
Los gu 'm faigh mi ruidh gu calma.'

10

'S mise an duine as luaith a theirte,  
B' ann an seachd cathaibh na Feinne;  
Air a chluais na freagair duin aca,  
Gus am bi thu ullamh m' sheirbhis.

11

Thuir Oscar 'se gabhail mi-thlachd,  
Ciod an sta dhut bhi ga shireadh;  
Mar fhaigh mise moch a maireach,  
Sgudaidh mi 'n cleann dhe mhuineal.

12

Oscar is mise do shean athair,  
'S e thachairt agam na shuidh;  
Gus am bi e ullamh 'm serbhis,  
Cha dean e greim a dh' aon duine.

13

Ge bu tu m' athair 's mo shean athair  
Cha bhi mi nis faide ruisgte;  
Mo chaodan side ri fhuathail,  
Bheirinn duais chionn a dheanamh.

14

Thuirt Conan 'se dusg a chogaidh,  
Ge b' ail le Oscar is le Fionn e;  
Gheibh sinn cuid ar croinn dhe 'n Tailfhear,  
Gu eudach bainnse mhic Morna.

15

Dh' eirich Caoilte, dh' eirich Diarmad,  
'S neonach ciod a chiall th'-agaibh;  
Stri mu lan puids' a Thailfhear,  
Is nach riarach e air fad sibh.

16

Gabhaibh gu suidh is gu siocha',  
'S ni mi innleachd air an ceart uair;  
Cuiribh gu foich na Feinne,  
An Tailfhear m 'an eirich leis breamas.

17

Math do chomhairls' Dhiarmad,  
O 's craobh shiocha dhuinn air fad thu;  
Cuiribh an Tailfhear as an teaghlaich,  
Cha mhair a chaonag nis faide.

O. 35. LABHAIR DIARMAID. <eng>27 lines.

Dr. Irvine's MS., page 152. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, April 2, 1872.

THIS poem was composed about the year 1715 by a Mac Nicol, tailor, in Arimane Glenlocha, the same on whom McIntyre made the satirical song. Taken from Angus Stewart, tailor, Bunrannoch's recitation, who had it from Donald Dewar, tailor, now dead, at Dalchosnie, Feb. 25, 1801.

It mentions King George and King James and the Battle of Sheriff-Muir (Nov. 13, 1715), at which John Duke of Argyll commanded on one side. The tailor says that the Duke of Gordon fled . . . Diarmaid wants to know why they did not send for him and his people to drive away the Saxons to Newcastle.<gai>

1

LABHAIR Diarmad gu glic soisneach,  
C' ait am b' abhaist domh bhi chomhnuidh;  
Thuirt mi fhein le briathraibh ailde,  
Gu 'm b' abhaist dhomh bhi 'n gleann Locha.

2

Cia mar tha iad mo luchd cinnich,  
Edar dhuine, Ghille 's ogan;  
Cia ma tha 'm Baran 'sa bhrathair,  
'S na bheil a lathair an t-sheorta.

3

Nan robh duine aca sna cathair,  
B' ac' air machair Alba;  
Eadar rìgh Deorsa 's rìgh Seumas,  
No ma thearuinn iad gun mharbha.

4

Eha mise ann an cath an t-siorra,  
'S innsidh mi dhuitse Dhiarmaid;  
Rinn clann Domhnuil riamh an dlighe,

5

Theich Diuc Gordan as na cianaibh,  
Mar-aisg oirbh chuideachd an donais;  
Ciod uime nach do chuir sibh fios oirnne,  
'S chairtemid nunn na Sasganaich,  
Thar a Chastail Notha aon uair.

6

Ma thig an rìgh air a philleadh,  
Steach a Shiorrachd na h-Alba;  
Cuiribh litir bharr a g'ar sireadh,  
'S gu Diuc o bearrag 's enrachd.

7

Biodhse 'g imeachd a dh' Albuin,  
'S feuch am faic sibh mo dhaoine;  
Beir sorruidh uams mo cheud beannachd,  
Aithris dhoibh gu 'n chaisg mi chaonag.

X. 6. LAOIDH AN TRUISEALAICH. <eng>43 lines.

Copied by Malcolm Macphail from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh, Jan. 29, 1872.

THIS is an imaginary conversation with a great standing Stone in the Ness of Lewis, in the Parish of Barras. It is curious because made up of names, and of single lines of Ballads which are recited entire in the neighbouring Islands and printed above. It is a very good sample of the decay of tradition, a good ending to the Story of Cuchuillin, Deirdre, Fraoch, Fionn, and the Feinne. Murray, the reciter, asserts that it was the custom in his youth to recite this 'Lay of the Truiseal Stone,' near the butt of Lewis in Shawbost.<gai>

1

EISDIBH beag ma 's aireamh laoidh,  
Chailin O! an stiùir thu mi?

2

Sgèula leat a Thruiseal mhòir,  
Cò na slòigh bh' ann ri d' aois;  
Robh thu ann linn nam Fiann,  
Am fac thu Fionn, Fial, no Fraoch?

3

Fraoch mac Chumhail nan cuach òir,  
Lèonadh e gun chomhla an airm;  
Le biast a ghlinne bho thuath,  
Thuit mac Chumhail fo chruaidh cheilg.

4

Bu mhòr am beud an fhuil bhaor,  
Tuiteam le gnìomh nam bean baoth;

5

A cheud là a chaidh Fraoch a shnàmh,  
Lu guth mhneimh thàrladh olc;  
Thug e làn a bhruit gu tìr,  
A chaorrainn abuich mìn gun lochd.

6

Sud an lus am bheil mo mhian,  
A laimh Mhic Chumhail nan ciamh càrn  
Ubhallan na craoibhe a 's arda dos,  
Chi mi air an loch ud thall.

7

Labhair Mac Chumhail nan cuach,  
'S lasair a dhà ghruaidh mar fhuil  
Chaidh e shnàmh an loch air uair,  
'S an eadh-uair am fuachd ga ghuin.

8

Mothachaidh gach fear fo 'n ghrèin,  
A bhean féin mu 'n dean i chron;  
Ma 's bi iad uile gu leir,  
Mar tha bhaobh an deigh nan corp.

9

Seachd rìghrean chuir i gu leàs,  
Thàrladh sud 'na dàil 'us gum b' olc;  
Cearaill, 'us Earaill, 'us Fraoch,  
'S Cuchullin a sgoilteadh sgiath,  
'S Fear Liath an taoibh ghil,  
Oissian Mac Shigheigh nan cliar,  
Nach diult biadh do neach air bith.

[TD 203]

10

Bha mise an cath an dè,  
'S gu'n robh mi féin an cath cnuic,  
An cath callan bho 'n taobh tuath;  
'S cath carran bho 'n cruaidh trod.

11

Is Truisealach mi an dèigh nam Fiann,  
'S fada mo phian an deigh chaich;  
Air m' ulain 'san aird an iar,  
Gu bun mo dhà sgiath an sàs.

<eng>As recited by an old Lewis-man (Norman Murray, Habost, Ness,) in the Spring of 1867. Given to Rev. Dr. Mac Lauchlan by Malcolm Macphail.

LATER HEROIC BALLADS.

THE Story of the Feinne as told by Oisein to Padruig ends here, so far as I have been able to gather. But the story has a sequel.

The 'Lay of the Great Fool,' according to Fletcher's version, concerns the last branches of the Feinne. According to Staffa's version, the Hero was a son of Dearg. The scene is laid at Dun-an-Oir, where Fionn was slain, where Connal avenged the death of Cuchullin, where Caoilte fought his best fight. Padruig and Oisein are out of the story, but the story still goes on. Different minds have been at work on this, but it bears the marks of genuine popular verse.

I print, F. O. O. P., all late versions of this ballad, which still is exceedingly popular. I have already printed a version (Y. vol. iii. p. 154.) It is there placed with the story of Fionn's birth and education, and with part of the Arthurian story of Peredur and Peronnik, the Breton Idiot, who is the equivalent character, as I supposed.

In December, 1871, after ten years, I found, p. 166, O'Donovan's Catalogue, Trin. Coll., Dublin, H. 2. 6., MS. written about 1716. Eachtra an Amadain mhoir. 38 pages of pure Irish prose, supposed to be a translation from Welsh; a story in which King Arthur's knights are introduced, and necromancers, 'Gruagacha.'

I conclude that this popular Ballad represents the Fenian story passing into the Arthurian story, and clad in ideas of the date of Arthurian stories of the early age of printed books.

This Poem was first printed separately in Glasgow, in 1800, by Thomas Duncan. In 1861 the Dublin Ossianic Society printed a version of 720 lines. In 1862 I printed a version of 256 lines orally collected. In 1813 Turner printed 212 lines. All these are versions of the same poem; and all, as I believe, have been orally preserved ever since wandering bards first begun to recite the 'Lay of the Great Fool,' who was of the old Fenian breed, and a Hero true to his word.<gai>

F. 21. RANN NA DUAN MU 'N AMADAN MHOR, AGUS MU GHRUAGACH DHUN-AN-ÒIR.

<eng>238 lines.<gai>

PAIRT DO 'N DREAM MU DHEIREADH BHA BEÒ DO NA FIANNIBH.

<eng>Fletcher's Collection, page 89. 238 lines. Advocates' Library. January 19, 1872. Copied by Malcolm Macphail.<gai>

1  
CHUALAS sgèul luainneach 's cha bhreug,  
Air an Oinid d' an geill na slòigh;  
Laoch meamnach air nach dearg àrm,  
'S b' e b' ainm dha 'n t-Amadan mòr.

2  
Smachd an Domhain de ghlac se,  
Giulla nach d' fhaod gun bhì bòrb;  
Cha b' ann gleachda sgia na lann,  
Bha neart a bh' ann ach na dhoid.

3

'S amhluidh sin do bhitheadh e,  
'S iomad triath' bha fui' smachd;  
'S sgèula gearr na dheireadh thall,  
Tuig mo rann 's gu bheil i ceart.

4

Lò g' an rabh an t-Amadam mòr,  
Air chrìochaibh Lochlain le seòl gaoith;  
E-fein is aon mhac-o-mnai,  
'S ni 'm facas riamh h-ailte mhnaoi.

5

Ann gleann diomhair tharla dhoibh,  
'N gleann bu bhoidhche bha fui 'n ghrèin:  
B' aile srath 's bu mhine fonn,  
Fuaime a thonn ri slìos a shlèibh.

6

Sin 'n uair thiurt mac-o-mnai,  
Fhir is fearr làmh ga bheil ann;  
Chuairtich mi 'n domhain mu thrìd  
'S ni facas tìr mar tha 'n gleann.

7

'S chunnacadar a teachd an ròd,  
An Gruagach bho bu bhreagha brot;  
Saothach dh' òr loisgte na dhorn,  
Coltach ri corn sam biodh deoch.

8

Sin 'nuair 'labhair am fear mòr,  
Ni 'n rabh mise fòs ri m' rè;  
Aon uair bu mhò thart,  
B' ait leam a theachd no cò è.

9

Comhairle a bheirinn ort arsa bhean  
Na h-òl a dheoch 's na blais a bhiadh;  
Gus am fiosraicheadh tu 'n gleann,  
'S nach rabh thu ann roimhe riamh.

10

Air dhoibh teachd air cheann gach sgeoil,  
Shuidh an Gruagach bu bhreagha brot;  
Deansa suidhe Oghlaich mhòir,  
Na biodh dubhach is òl do dheoch.

11

'S na commaine ceudna dho,  
Thuir an t-amadan le gloir ghlic;  
'S e toirt sioca sugha draotha borb,  
'S cha d' fhàg braon sa chorn nach dibh.

12

'S air imeachd do Ghrugaich a chuirn,  
Bu neo-buaghar a chuir m' a h-òl;  
Na cosa bho na gluine sìos,  
Bha sìd a dhith air an fhear mhòr.

13

Sin 'nuair 'labhair a Mac-o-mnai,  
'S truagh a fhlath mar tha thu nocht;  
'S tearc do charaid san domhain mhòr,  
'S ni 'n oill leo thu bhi gun chos.

14

Sin 'nuair' thuirt an t-oglach mòr,  
Biodhsa ribhinn òg a' d' thosd;  
Cha bhi cos air duine a s' tir,  
Na gheibh mi rìs mo dha chois.

15

Chualas uatha sa ghleann,  
Guth a ghaothair bu bhinn ceol;  
Tog leat mo lann is mo sgiath,  
Chum an aonaich is fearr doigh.

16

Dh' imich iad an sin faraon,  
Bhean 's an laoch bu gharg san trod,  
'S bu luaithe è air a dha ghlun,  
Na seisear le lugh an cos.

17

Air dhoibh suidhe air an t-sliabh,  
Chunnacas fiadh shuas Gleann-gorm;  
Gadhar geal cluas, dearg na dheigh,  
Tathunn gu geur air a lòrg.

18

Sin 'nuair thilg an t-oglach mòr,  
Urchair ghasda le seol geur;  
'S chuireadh le neart laimh an laoich,  
An t-sleagh troidh' dha-thaobh an fheidh.

19

Ghlaca leis an gadhar bàn,  
'S chuireadh è na laimh air èil;  
Biodh tu agam deanamh ceoil,  
Na gu 'n d' thig duine na toir ad dheidh.

20

'Se chunnacas a tighinn bho 'n ghleann,  
An Gruagach gan rabh dealra òir;  
'S ann liobhadh air a thaobh clì,  
A dha shleagh 's a sgiath na dhorn.

21

Bheannaich an Gruagach deas donn,  
Do 'n Amadan mhòr is ga mhnaoi;  
'S ghabh e sgeula dheth gu beachd,  
Ciod am ball an do chleachd an t-saoi.

22

Is mise Gruagach a ghaothair bhàin,  
Tha air do laimhse Mhaca-mòr;  
Riddire Curand gu b' è m' ainm,  
'S anns' gach bale gu gleithinn buaidh.

23

Bheirinnse mo dhearbha dhuit,  
Mhacain sin is ailte dreach;  
Nach bi Gruagach a ghaodhair bhàin,  
Gu là bhràth r'a radhain ruit.

24

Nach leoir leatsa Mhaca-mòr,  
Leth-bhreth na dho, air an roinn;  
An t-sealg uil bhi air do laimh,  
'S an gaodhar bàn a leigeal leam.

[TD 204]

25

'S mise féin a rinn an t-sealg,  
Se thuirt an t-amadan gàrg dian;  
Ge b' e againn is treise làmh,  
Biodh aige an gaodhar bàn 's am fiadh.

26

Bho thàrladh mo ghaodhar ort,  
IS po chosa, a bhi d' dhith;  
Biadh is aodach fad do rè,  
Bheirinnse dhuit fein is do d' mhnaoi.

27

Sin 'nuair' labhair am Maca-mnai,  
Bheir thusa 'n gaodhar geal do;  
Gheibh e sin is an gaodhar breac,  
N' am b' eairde leats' ni bu mhò.

28

Thog an t-Amadan am fiadh,  
A lann a sgiath agus a bhean;  
Agus dh' imich iad nan triuir,  
Ann san iul a rinn am fear.

29

'Se chunnacas uatha sa ghleann,  
Cathair gan rabh dealra òir;  
'S ni 'm facas riamh sealla sùl,  
Nach faighte annsa chuirt na s leoir.

30

Sin 'nuair labhair am fear mòr,  
Cò i chathair òir bhui' ùr;  
'S boidhche dealbh s is aile dreach,  
Na faigh' sinne breith na h-iul.

31

Dùn-an-òir an dùn am bhuil,  
Dùn-a-ghuil gu b' e sid ainm;  
'S ni mairtheann a Fhiannaibh fail,  
Ach mise 'mhàin agus aon bhean.

32

Chuannacas aon bhean anns' an Dùn,  
'S ni 'm facas sealla sùl bu bhreagh;

Bu ghile na 'n cabhadh a cneas,  
'S guirme rosg sa deud mar bhla,

33

Dh' fhiosraich an ainnir òg,  
An tùs an sgeoil da fear féin;  
Cò i maca-deud-gheal-òg,  
Is am fear mòr do 'n d' thug i spèis.

34

'N-t-Amadan mor gu b' e ainm,  
'S iomadh triath a bha fui' smachd;  
Fir an domhain bha ga reir,  
'S mise fein gu do gheil do.

35

'S neònach leam na bheil thu radh 'n,  
Mhiads air 'n do thar e doigh;  
Mu chuir e domhain fui' smachd,  
Com na leig á chosan leò.

36

Righrean an domhain gun gheil do,  
A roghainn sin an Ionhoir òir;  
'S mur bhi druigheachd a chuirn chrosd,  
Cha leigeadh e chosan leò.

37

'S air dhoibh suidhe air an òl,  
An da mhnaoi òg a b' fhearr cliù;  
Bha Gruagach dhùn-an-oir nan treis,  
Is Amadan mòr nan cleas lùgh.

38

Ach 's mithich dhamhsa dol a shealg,  
A Dhùn-deilg 's do Ghleann-smàil;  
Gleith mo rath dhamh air mo chùl,  
Mo chuid òir is gleith mo mhna.

39

'S ge' do robh mi fad a mach,  
Na cadail is na crom do cheann,  
'S na leig aon duine a mach,  
Na duine' steach ach na bheil ann.

40

Sin 'nuair thuirt an t-òglach mòr,  
Thigse ribhinn òg fui' m' cheann;  
Tha 'n cadal a teachd am thuar,  
'S ni togair leam suain ann Gleann.

41

Ach air bhi dha na chadal trom,  
Thainig Gaisgeach donn a steach;  
'S do mhnaoi a' Ghruagaich thug e pòg,  
'S cha b' oill leis an òigh a theachd.

42

Ach dh' eirich an ainnir mheirbh,  
Is tharruing i gu garbh a cheann;

Biodhsa t-fhairreach-oglaich mhoir,  
Ma rinn thu 'n t-suain cha b' e 'n t-àm.

43

Mur bithinse am shuain gu leoir,  
Cha d' tigeadh iad oirnn a steach;  
Gu d' thig Gruagach Dhùn-an-oir,  
Mu 'n rachadh am beò a mach.

44

Choir an doruis do ghabh è,  
Ghlacadh leis a sgiath na dhorn;  
'S cha d' bhuaill gobha' ceard na saor,  
Comhludh bu daingne na 'n laoch borb.

45

Dh' eirich an Gaisgeach deas donn,  
'S a dha shleagh sa sgiath na dhorn;  
Fàg an doruis oglaich mhoir,  
Cha bhall coir am bheil tu tàmh.

46

Rìgh! gu fuilling mis' am bàs,  
Bho ghabh mi e tras am cheann;  
Mu 'n d' theid aon duine a mach,  
Na duine steach ach na bheil ann.

47

Gheibhte tu m' airgead is m' òr,  
Mo chulaidh mhath shròil is m' each;  
Bu choi-dheas leam muir na tìr,  
N'an leigeadh tu 'rìs mi mach.

48

Ge do 's math t-airgead is t-òr,  
Do chuladh mhath shroil is t-each;  
Ach gu d' thig Gruagrch Dhùn-an-òir,  
Cha racha' do bheò a mach.

49

Mo chomraich ort oglaich mhòir,  
Gabh naoi dachunn do dh' òr glan;  
Fonn is earras 's fearann saor,  
'S leig mi 'n raon a dùn-nam-ban.

50

Bheirimse briathra na dho,  
Nach rachadh do bheò a mach;  
Ach an d' thig Gruagach an teach-òir,  
'S gu dioladh e pòg a mhna.

51

Gheibheadh tu do leth-chos fud,  
Mar a b' fhearr gan rabh i riamh;  
Deir an Gaisgeach a bha glic,  
Leigse nise dhomh bhi triall.

52

Sin 'nuair thuirt am fear mòr,  
Dean thusa ort fos gu mall;

A chos eile gu ceum cruaiigh.  
Gu d' thig bh' uaitsa na do cheann.

53  
Mo chomruich ortsa a bhean  
Didinn mo chorp 's glac mo lann;  
Do dhidinn cha neil on bhàs,  
A mhacan is ailte dreach.

54  
Do dhidinn cha neil, &c.,  
A mhacan, &c.  
Ach a chas eile thoirt do,  
'S bi 'g imeachd an ròd a mach.

55  
Fhuair thu nis do chosan fud,  
Mar is fearr gan rabh iad riamh,  
Deir an Gaisgeach a bha glic,  
'S mithich dhomh a nis bhi triall.

56  
Na cosan so fhuair mi ceart,  
Ni 'n leiginn iad leat na leo;  
'S ni 'n rachadh tu fos a mach,  
Ach an d' thig gruagach an teach òir.

57  
'S mise gruagach 'ghaodhair bhàin,  
'S mi chuir ann 's gach càs thù;  
'S mi thug do chosan bh' uait,  
Dh' idreachduinn do luais 's do lugh.

58  
Bho a tharla dhuinn bhi 'n sìth,  
Thugainn 'n ar dithis dol a mach;  
Siubhlaidh sinn an oir san iar,  
Is ann 's gach tir gu 'n gabh sinn neart.

59  
Dh' imich iad ann sin a mach,  
Mein air mhein is gràdh air ghràdh;  
'S chualas sgeul luaineach 's cha bhreug,  
Air an Eoin d' an geil na sloigh.

60  
Laoch meinmach air, &c.  
Ga b' aim an t-Amadan mor.

O. 11. LAOIDH AN AMADAIN MHOIR. <eng>146 lines.

Dr. Irvine's MS., page 54. 144 lines. Copied by Malcolm Macphail.  
Edinburgh, March 22, 1872.

COMPARED with Fletcher's version, this shows how a Ballad orally preserved alters. Every verse, almost every line, differs in some degree; but so as to preserve the story, the sequence, and the general sound of the language. In this manner a Ballad might last for centuries, changing with the dialect and the locality in which it is remembered.<gai>

[TD 205]

1

CHUALAS sgeula luanach gun bhreig;  
Air Onaid gan gheill na sloigh;  
Fear meanmhnach air nach dearg arm,  
'S e b' ainm dha un t-amadan mor.

2

La do bhi an t-amadam mor,  
An crich Lochlin na seol gaoith;  
E chuideachd air aon mhacan mna,  
Gum b' ailde briagh i mar mhnaoi.

3

An gleann diomhar gu'n tharla doibh,  
Nach romh iad fos ann roi riamh;  
B' fhiui shrath 's b' ailde fhonn,  
F uaim a thoun ri slios a shleibh.

4

Chunncas tighinn o'n traigh,  
Gruagach o'n dealradh brat;  
Sadhach oir lasta na dorn,  
Coltach ri corn am bitheadh deoch.

5

Comhairle Bheirinn ort,  
Na feuch a dheoch, na blais a bhiadh;  
Ach gu'm fiosraicheadh an gleann,  
'S nach robh sinn ann roi riamh.

6

Bheannaich gruagach a bhrait oir,  
Do'n Amadan mhor 's do mhnaoi;  
Na bisa dubhach fhir mhoir,  
Ach bi-sa subhach 's ol deoch.

7

An comain nam briathra dha,  
Ghlac e fein an corn na laimh;  
Thug e satha draosda borb,  
Nir dh' fhag braon sa chorn nach dibh.

8

Dh' imich gruagach a chuirn,  
'S b' fhuathach a cuilm ri ol (cal cuirm)  
Na cosan o na gluinibh sios,  
Bha dhi air an fhear mhor.

9

Sin do'r thuirt a Macan mnà,  
'S truagh an cas am bheil thu nochd;  
'S tearc do charaid san domhainn mhor,  
'S ionmhuinn leo thu bhi gun chos.

10

Thuirt an t-amadan ra mhnaoi.  
Tog a' d' chaoidh 's bi nad thosd;

Cha 'n eil aon chos ann san tir,  
No gleithidh mi ris mo chos.

11

Dh' imich iad an sin an dithis,  
Bhean san laoch bu gharg trod;  
Bu luaithe esan air a dha ghluin,  
Na seisar air futh a chos.

12

Chualas faghaid anns a ghleann,  
Guth gadhair ann bu bhinne ceol;  
Imrich mo sgiath 's mo lann,  
Gu aonach is fearra doigh.

13

Air dhoibh bhi tamull a' triall  
Chunncas fiadh a beannaibh borb;  
Gadhar cluas dearg na dheigh,  
Taghunn gu geur air a lorg.

14

An sin gun tug an t-oglach mor,  
An uirchir ghasda le seol gaoith;  
Chuir e fada lamh an laoich,  
An t-sleagh ro' dha thaobh au fheidh.

15

Rug e air a ghabhar bhan,  
Nn laimh is chuir e grad air eill;  
Bithidh tu agamsa ri ceol,  
Aig an tig an toir a' d' dheigh.

16

Chunncas tighinn o'n traigh,  
Gruagach aluinn o'n dealradh òr;  
Lann min geur air a thaobh chli,  
Da shleagh is sgiath na dhorn.

17

Bheannaich Gruagach a' bhruit oir,  
Don Amadan mhor, 's d' a mhnaoi;  
Ciod i do rioghachd gu beachd,  
No 'n tir anns na chleachd thu bhi?

18

An Ridire Corcur gur e m' ainm,  
Anns gach ball bheirinn buaidh;  
'S mi gruagach a ghadhair bhain  
Ma' r' (1) a lamhsa Amadain mhoir.

19

A mhacan is ailde dealbh,  
Bheirinn fhein mo dhearbh dhuit  
Nach bi gruagach a ghaidhir bhain,  
Gu la bhrath ri radha ruit.

20

Cum nach foghna leat fhir mhoir;  
Leatrom na dha bhi sau roinn?

An t-sealg uile bhi air a laimh (<eng>al.<gai> lann),  
'S mo ghadhar ban a leigeadh leam.

21

'S mise fein a rinn an t-sealg,  
Arsa an t-amadan garg dian,  
'S ge bi againn 's fearr lamh, (<eng>al.<gai> lann)  
'S leis an gadhar bàn 's am fiadh.

22

O 'n tharla mo ghadhar ort,  
'S do chosan a bhi ga d' dhith;  
Biadh is eudach fad do re, (<eng>al.<gai> gad reir)  
Bheirinnse dhuit fein 's do d' mhnaoi.

23

Sin do labhair Macan mna,  
Thoirsa an gadhar bun domh?  
Bheireadh as an gadhar breac,  
O'n b' aill leatsa 's ni bu mho. (<eng>al.<gai> ge b' ait leis)

24

Dh' imich iad an sin nan truir,  
Anns an iul na ghabh am fear;  
Thog e air a mhuin am fiadh,  
Chrannag, a sgiath, is a bhean.

25

Dh' imich iad an sin a shealg,  
(2) Air Uamhuinn dearg s air ghleann smail; (2)  
Amhairc mo chaithir 's mo chuil,  
Mo chuid oir 's caithir mo mhna.

26

Mu caithir tharladh mi ri d' thaobh,  
Caithir ann o n dealra òir;  
Ni 'm faca mo shuilsa riamh,  
Dath air nach robh air nis leor.

27

Ach gu'n tig mise fhir mhoir,  
Na luidh, is na crom do cheann;  
Na leig duine 'nad choir a steach,  
Na duine mach dene th' ann.

28

Chois an doruis do shuidhe,  
Rug e air a sgeth na dhorn;  
Cha d' rinn Gobha riamh na saor, (ceard)  
Comhla 's dainge nan laoch mor. (borb)

29

Thuir an gruagach cas don (deas)  
Is na laimh rug air an sge;  
Druid as sin Oglach mhoir;  
Cha 'n aite coir sna shuidh thu fein.

30

Mar bithinnse am shuain na leoir;  
Cha tigeadh tu a' m' dheoin a steach,

O na tharladh mise ann an so,  
Do bheo cha rachadh mach.

31

'Nuair bha 'n gruagach na luim,  
Leum e suas an uchd a mhna;  
Gabham do chomhrich, a bhean,  
Amhairc mo chor 's mo lann.

32

O nach umhail duit am bas,  
Fhleasgaich tharladh a' d chas teann;  
Chas eile gu ceum cruaidh,  
'S fearr dhuit uat na do cheann.

33

Ach mo chosan a bhuin diom,  
Cha leiginn ris leat na leo;  
Ni mo rachadh tu a mach,  
Gu'n tig a gruagach na Teach, oir.

34

Buaidh is beannachd ortsa fhir mhoir,  
'S mor mo dhoighsa as do run;  
'S mi gruagach a ghair bhain,  
'S mi choinnich air lamh thu.

35

'S mise thug do chosan uat,  
Dh' fheuchain do luathas 's do luth;  
Chaidh iad an sin a mach,  
A ghabhail beachd air gach uil.

36

Ghlacadh iad cheile air laimh,  
Muin air mhuin 's gradh air ghradh;  
An domhain uile gu beachd,  
Am fear mor gu smachd fhuair.

37

An aill leibh sgeul luanach (3) gun bhreig,  
Air an Oin g an geill un sloigh.

(1) ir <eng>sic in MS. 'ill.'—M.P.<gai>

(2) Air uain an deirg an gleann smail.—<eng>Robertson, Charles.<gai>

(3) Ruanach.

[TD 206]

O. 37. LAOIDH AN AMADAIN MHOIR. <eng>96 lines.

Dr. Irvine's MS., page 154. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, April 2, 1872.

THIS begins about verse 26 of the last version, and varies in the same manner and degree.

(See page 205.)<gai> SEOL eile 'n a chramaig, is a sgiath, is a bhean.

1

CHUNNCAS uatha sa ghleann,  
Cathair dhe 'n robh dealbra' oir;  
Cha 'n fhacas riama an sealla sul,  
Nach faca anns a' chuirte nis leor.

2

Dh' fhaoineachd a Maca Mor,  
Co i a chathair oir righ ur:  
'S aille dreach 's is gloine dealbh?  
Am faigh sinn brath no iul.

3

Dun an oir sin dun a bhuil,  
Dun a bhuil gur e sid ainn;  
Ni mairean de fhiannaibh fhail,  
Ach mise a mhain 's m' aon bhean.

4

Chunncas ainnir anns an Dun,  
Na suidh an cathair uirigh oir;  
Bu ghile 'n an cathamh a cneas,  
Bu ghorm a rosge 's a deud mar bhla.

5

Dh' fhaoineachd (1) an ainnir og,  
Toiseach gach sgeoil ga fear feln;  
Co e am macan deud gheall og,  
Nam fear mor gu bheil sibh geill.

6

An t-amadan corcara gur e ainm,  
Anns gach ball gu 'n tug e buaidh;  
Sluagh an Domhain tha fo smachd,  
Is mise fein gan ghulla dha.

7

'S ioghna leam na bheil thu 'g radh,  
'S liuthad Triath 's 'na shar e dhoibh;  
Mar geill an domhain da air fad,  
Cum na leig e chosan leo.

8

Bheirinnsa mo dhearbha duit,  
Ainnir mheirbh mhin a bhrat bhreagh;  
Mar ri duigheachdan a chuim chrosd,  
Cha do leig se a chosan leo.

9

Leag iad air iomairt 's air ol (<eng>perhaps<gai> ceol)  
An da mhnaoi og a b' fhearr cliu,  
Gruagach Dhuin an oir na treis,  
Is amadam mor nan cleas luth.

10

'S mithich dhomhsa dol a shealg,  
Air uan an Deirg an gleann smail;  
Glethsa mo rath air mo chul,  
Gleth mo Dhun oir gleth mo mhnaoi.

11

Ged fhuirich mise fada mach;  
Na caidil no crom do cheann,  
Na leig duine air bith a steach.  
No duine a mach de 'n bheil ann.

12

Sin dor thuirt a Maca Mor,  
Tair a Righinn oig fom' cheann;  
Tha 'n cadal g 'am thoirt air chuairt,  
Gu 'n togair leam suain sa' ghleann.

13

Air do bhi na chadal trom,  
Thain' an gaisgeach deas donn a steach;  
Do 'n mhnaoi ghruagaich thug e pog,  
'S cha b' ail leis an oigh a theachd.

14

Sin dor thuirt an ainnir mheirbh,  
'S tharruing e gu garb a cheann;  
Biodhsa a' d' fharach, oglach mhoir,  
Ma rinn thu 'n t-suain cha b' e 'n t-am.

15

Mar bithinnsa am shuain gu leór,  
Cha tigeadh se oirm a steach;  
'S gu tig Gruagach Dun-an-oir,  
Man teid esa an rod a mach.

16

Chois an doruis do ghabh se,  
An laoch air nach teid gun bhi garg;  
Cha do bhuail Gobha, ceard, no saor,  
Comhla 's daingne n' an laoch borb.

17

Sin thuirt an gaisgeach deas donn,  
'S rug se air a sge na dhorn;  
Fagsa 'n dorus, Oglach mhoir,  
Cha bhall coir sa' bheil thu ghna.

18

Ach gu' m faighinnsa am bas,  
O 'n ghabh mi 'n tra so e' m cheann;  
Ma thig aon duine a steach,  
Na duine a mach ach na bheil ann.

19

Gheibheadh tu m' airgiod 's m' or,  
Mo chulaidh mhaith shroil, 's m' each;  
'S co annsa leis muir no tir,  
'S leag seachad mi ris a mach,

20

Ge maith d' airgiod agus d' or,  
Do chulaidh mhaith shroil, is t-each;  
Gun tig Gruagach Dun-an-oir,  
Mu 'n teid thusa 'n rod a mach.

21

Gabh mo chomraich uam fhir mhoir,  
Gabh nao dabhichan de 'n or ghlan;  
Mo chrobh 's m' eich 's m' fhearann saor,  
'S leag dhomh an raon an Dun nam ban.

22

Chuirinnse do leth chas fodhad,  
Mar a b' fhearr a bha i riamh;  
Se thuirt an gaisgeach a bha glic,  
'S mithich dhomhs' anis a bhi triall.

23

Deansa fossa ort gu mall,  
Thuirt an t-oglach nach robh cli;  
Chos eile le ceum cruadhas,  
Bhitheas i uat air neo do cheann.

24

Do dhidin cha 'n eil o 'n bhas,  
A mhacan is ailde dealbh;  
Gun a chos eile thoirt dha, (2)  
'S gabh sa 'n rod a mach,

Crioch Laoidh an Amadain,  
Air sheol eile.

P. 13. LAOIDH AN UMPI. <eng>148 lines.

Staffa's Collection, page 76. Advocates' Library, Feb. 26, 1872. Copied  
by Malcolm Macphail.

THIS version differs from the others. It is written as a song, in which  
each couplet is repeated, so as to double the length of the song and fill  
in the tune of each quatrain. This manner of singing Heroic Ballads  
survived in Uist in September 1871. Towards the end this is written  
without any divisions, so I have divided it into quatrains.—J. F. C.<gai>

DAN COMH-AINM LAOIDH AN AMADAIN MHÒIR.

1

SGEUL uainich chualas gun bhreug  
Air Eoin gan a gheill na sloigh  
Fear mor meamnach mac an Deirg  
Ga 'm b' ainn an t-amadan mòr  
Fear mor

2

Nearr an Domhuin do ghabh se  
'N Laoch nach faod gun bhi gu borb  
Nearr

3

Cha do ghlachdadh leis Sciath na Lann  
Ach a nearr a bhi ann a dhòid  
Cha

4

Latha gan deach n t-amadan mor

Do th' sean Rìogh' chd Lochlunn ceol-eaomh  
Latha

5  
E fein us aona mhachdaibh nna  
'S bu leoir a h' aillichd mar mhnaoi  
E fein

6  
Chasidh leo Gleam Diomhair roid  
Nach rabh siad ann roimhe riamh  
Chasidh

7  
Do dh' fiosruich a machdaibh mna  
Fhir a fearr lamh rabh tu ann  
Do

8  
Th' siubhail mi 'n Domhan mar thri  
'S cha 'n facas tìoir mar an Glean  
Th' siubhail

9  
'B aill fiodh us feur 'us fonn  
Us fuaim a thonn ri slìos a th' sleibh  
B' aill

- (1) Dh' fhiosrachadh.
- (2) 'S mi chuir anns gach cas thu.

[TD 207]

10  
Achanich a dhlarrams ort  
Na h' ol a dheoch 'us na cath a bhiadh  
Achanich

11  
Gus a fiosruich u cia 'n Gleann  
Nach rabh u ann roimhe riamh  
Gus

12  
Gu bheil mise fos rem re  
On la glachd mi Sceith na lann  
Gu

13  
An uair b' mho bhiodh mo thart  
Sin an uair bu th' seachda bearl'  
An uair

14  
Chunnachadar a teachd san ròd  
Gruagach ùr o 'm breocha brot  
Chunnachadar

15

Sa chorn Ialluichte na dhorn  
Coltach re corn am biodh deoch  
Sa chorn

16  
Bi nad th' suidhe oclaich mhor  
Na bu dubhach us òl deoch  
Bi nad

17  
Ruge air a chorn gu brisc borb  
'S cha rabh braon sa chorn nach ibh  
Ruga

18  
Nair mhothuich Gruagach a chuirn  
Nach buadha a chuirn ra h-òl  
Nair

19  
'N da chois o na Gluinibh sios  
Bhiodh a dhith air an fhear mhor  
'N da

20  
Sin nair labhair Gilbhan òg  
'S mor a m' brons thair imeachd ort  
Sin

21  
'S tearc do charid san Domhan mhor  
'S cha n' òil leo u bhi gun chios  
'S tearc

22  
Uist a nis a Ghilbhann òg  
Tog thus ad bhron 'us bi d' thosd  
Uist

23  
Cha bhi aona chas ann san Tiòr  
Neo gheibh mi rist mo dha chöis  
Cha

24  
'N imraich thu mo Sciath 's mo Lann,  
Gu an Inbh us fearr dreach us deal bh  
'N iomrich

25  
Dhimchidar a sin a raon  
A Bhean sa a Laoch bu mhor trot  
Dhimchadar

26  
Bu luaithe eisan air a dha Ghlun  
Na seisar air lus an cös  
Bu

27

Chunnachdadar a teachd san Ròd  
Gruagach ur fuidhn dearsadh òir  
Chunn

28

A Lann than' air a thaobh cli  
A dha th' sleadh sa sciath na dhoid  
A Lann

29

Bheannuich Gruagach a bhruit oir  
Don Amadan mhor 's da mhnaoi  
Bheannuich

30

Us ghadhadh leo sgeula gu beachd  
Cia 'n t-sliogh as na chleachd an t-saoi  
Us

31

Riodaire chorcair se m' ainm  
As gach ball do bheirinn buaidh  
Riodaire

32

'S mi gruagach a Ghadhair Bhàin  
Air do Laimhsa mhachdaibh mhòir  
'S mi

33

Bheira mise dhearbhadh dhuit  
A mhachdaibh 'us fear dreach 'us dealbh  
Bheira

34

Nach bi gruagach a Ghadhir bhain  
As a so ri raitin riut  
Nach

35

Nach foghnadh leatsa mhachdaibh mhoir  
Leathrom na dho bhi san roinn  
Nach

36

An t-sealg uile bhi air do laimh  
Sau Gadhir Bán a leigidh leinn  
An

37

'S mise fein a rinn an t-sealg  
Ars an t-amadan Garg dian  
'S mise

38

'S ge b' e neach 'us treisa lamh  
'S leis an Gadhir Ban sa fiadh  
'S ge

39

On tharladh dom Ghadhir ort  
'S na cosan a bhi gad dhi-o 'n &c  
On

40  
Biadh agus aodach mar th' feum  
Bheirinn sid dhuit fein 's dod mhnaoi  
Biadh

41  
Sin nair labhair Giolbhann òg  
Thoir dhosan an Cadhir Ban  
Sin

42  
Gheibhadh e sud san cù breac  
'S nam bu leatsa ni bu mho  
Gheibhadh.

43  
Dhimchidar a sin na triuir,  
Ann san iùl a rinn a fear  
Thog e air a mhuinn a fiadh  
An crannagibh sgiath sa Bhean

44  
Chunnachdadar a teachd ren taobh  
Cathir ùr fuidlin dearsadh òir  
Cha rabh dreach ga faca suil  
Nach rabh air a chuirte gu leoir.

45  
Air chromadh dhuinn anns an Dùn  
Cha 'n faca suil ni bu bhreòich  
'S giola na 'n canach a corp  
'S guirme rosg sa deud mar bhla

46  
Do dh' eirich a machaimh òg.  
Machdaimh Gruagach an dun deirg  
Cia e machdaimn steud-gheal òg  
Na 'm fear mor gan dug u Geill

47  
Se sud an t-amadan mor  
Agus Gilabhann mheirbh an rois  
Rìghre 'n Domhuin tha na mhèinn  
'S mise fein a gheilladh dho

48  
'S iognadh leam na bheil thu 'g radh  
Rìghre 'n Domhuin bhi fuidh smachd  
'S gun leigidh e chasan leo  
Sa liudhid sloigh a thug dha geill

49  
Bheiradh mise deirbha dhuit  
A mhachdaimh 'us fearr dreach 'us delbh  
Mar bhi Draoidheachd chuirim chrosd  
Nach leigidh e chosan leo

50

Bi mis' a nois falbh a th' seilg  
Uadha deirg fuidh ghleann a Smeoir  
Coimhead thusa Bhrathrin ghraidh  
Caithir mo mna 's mo chuid oir

51

'S air fhad 'us gam bi mise muigh  
Na deann luidh sna crom do cheann  
Na leig thusa duine mach  
Na duine steach gan dig ann

52

Tarinn a ghilabhann fuidh 'm cheann  
San cadil gan th' suain gu mor  
Tharinn i a cheann gu cruaidh  
Rinn thusa 'n t-suain 's cha b' e 'n t' àm

53

Thanig an Gruagach deas Donn  
'S do mhna ghruagaich thug se pòg  
Lathir an Doruis sann thuigh se  
'N Laoch nach faod gun bhi borb

54

'S cha do chuir Gobhinn na ceard  
Comhla b' fearr na 'n Laoch borb

[TD 208]

55

Nair bha 'n Gaisgich an cas cruaidh  
Leum e gu luath 'n uchd na mnà  
Tha mi cuir chuimric ort  
Coimhliontachd no chos 's mo lamh

56

Ach cha 'n eagal duit do 'n bhas  
Cha nann an cás tharladh tu  
Gus an dig gruagach dhuin an oir  
'S gun dioladh e pòg a mhnà

57

Thug mise le 'm Dhraoidheachd fein  
Do leith chas do 'm luing a steach  
Gheibha du fuid mar bha u riamh  
'S mo leigail sa ròd a mach

58

A chas eila gu ceim cruaidh  
Bheira du uait na do cheann  
Gus an dig gruagach dhun an oir  
'S gun dioladh e pòg a mhnà.

Chrioich.

X. 7. IULAIREAN. <eng>61 lines.

Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh, February 1, 1872.

Collected by Donald Mac Pherson, at Lochalsh, now Sub-librarian in the Advocates' Library. January 1872.

THIS is an Arthurian Ballad. There are many of the class in Irish MSS.; but this is the only Scotch one I know. I have a third version, written in Tیره, by John Dewar.<gai>

IULAIREAN.

IULAIREAN 'us horo hì!  
Là 'chaidh Oscar nan sluagh,  
Iulair ohon horo chò!  
Gu tulach nam buadh a shealg;  
Iulairean 'us horo hì!  
Gu 'm facas eige 'n ä shuain,  
Iulair ohon, &c.  
Ribhinn a b' fhèarr snuagh na 'ghrian,  
Iulairean 'us, &c.  
An fhìor bhealaidh ruadh bha 'n a bun,  
Iulair ohon, &c.  
Chunnacas 'an iomall a' chuain,  
Iulairean 'us, &c.  
Iùbhrach nam buadh tigh 'n gu tìr,  
Iulair ohon, &c.  
Bu lìonmhor innt' cuach agus cup,  
Iulairean 'us, &c.  
Aon bhean innt' 'an cathair òir,  
Iulair ohon, &c.  
Ag iomairt 's ag òl mu seach,  
Iulairean 'us, &c.  
Dh' fhoighneachd e de 'n mhnaoi oig,  
Iulair ohon, &c.  
'An àill leat mise mear fhear?'  
Iulairean 'us, &c.  
Labhair ise 'm briathran bò  
Iulair ohon, &c.  
'Cha-n àill leam thn air son fir,'  
Iulairean 'us, &c.  
A fhleasgaich, ge boidheach do dhreach,  
Iulair ohon, &c.  
'S go briagha leat fhéin do shlios,  
Iulairean 'us, &c.  
Tha mi 'nis a' dol a nach,  
Iulair ohon, &c.  
Is sgéula na bheil agaibh orm,  
Iulairean 'us, &c.  
Tha sgéula beag agam no dhà  
Iulair ohon, &c.  
Air Fionn mac rìgh nan arm,  
Iulairean 'us, &c.  
Ruitheam, caisgeam, traogham, d' fhearg,  
Iulair ohon, &c.  
Cuiridh mi dealg 's an fhear mhòr,  
Iulairean 'us, &c.  
Cia mar a dheanadh tu sin,  
Iulair ohon, &c.  
'S nach tu laoch a 's fèarr 's an Fhéinn?

Iulairean 'us, &c.  
Goididh mi 'n claidheamh o 'chrios,  
Iulair ohon, &c.  
'S gearraidh mi gun fhios deth 'n ceann!  
Iulairean 'us, &c.  
A laoch a thainig a 's teach,  
Iulair ohon, &c.  
'S ann leat a chinnich an t-euchd:-  
Iulairean 'us, &c.  
Mharbh thu dithis de chlann rìgh Gréig-  
Iulair ohon, &c.  
'S tu fhéin a mharbh an treas fear,  
Iulairean 'us, &c.

Z. 3. RIGH BREATAINN. <eng>46 lines.

Orally collected in Islay, by Mr. Hector Mac Lean, 1860.<gai>

1  
CHUNNA rìgh Breatainn 'na shuain,  
An aona bhean a b' fhearr snuadh fo 'n ghréin  
Gum b' fhearr leis tuiteam 'n a gean  
Na còmhradh 'pheathar mhath féin.

2  
Labhair Sior Bhoilidh gu fial:-  
'Théid mise g' a h-iarraidh dhuit;  
Mi féin, mo ghille, 's mo chù  
'Nar triuir a shireadh na mnàì.'

3  
Seachd de sheachduinn ean 's tri mìosan  
Bha sinn sgith ri siubhal cuain;  
Ma 'n d' fhuaras fearann, na fonn,  
Ionad an gabhadh long tàmh.

4  
Latha throimh iomall a' chuain ghairbh,  
Clachan meadha, mìn-geal, gorm;  
Uinneagan gloine ri stuaigh;  
Cupaichean a 's cuaich, a 's cùirn.

5  
Latha dhomh 'seòladh g' am bun,  
Thàinig an t-slabhraidh chuir a nuas;  
Cha do ghabh mi sgreamh na sgaoim;  
Chaidh mi urra 'm dheun a suas.

6  
Chunnacas a' bhean dheud-gheal òg  
'Na suidhe 'san òr a steach;  
Sgàthan gloine air a da ghlùin;  
'S bheannaich d' a gnùis ghil.

7  
Fhir a thàinig oirnn o 'n chuan,  
'S truagh fear beannachaidh an-so;  
Aig fear na cathrach so féin  
Nach do dh' fhidir treun na truaghas.

8

Air do shuidhe-sa, 'bhean mhàld:  
'S coingeis leam a ghràdh na fhuath,  
Chuir iad Sior Bhoilidh fo chleith,  
Thàinig a stigh am fear mòr.

9

'Ulaidh, 's a Thasgaidh, 's a Rùin;  
'S mòr an cùram th' agam dhiòt;  
An cuir thu do cheann air mo ghlùìi,  
'S gun seinninn duit ciuil a 's cruit?'

10

Thuit e 'n sin 'na shioram suain  
An déis 'bhith 'cuartachadh chuain ghaùbh:  
Thug iad a chlaidheamh o 'chrios,  
'S thug iad deth gun fhios na cinn.

11

Cheanghail iad an sluagh gu léir,  
'S bha 'bhean féin fo chumha thruim;  
Fhuair iad gach ni mar a b' àill,  
'S thug iad an lamh do 'n taobh tuath.

12

Gus an tulaich ghuirm ghlais ùir  
Far am bu lùghuhor cù na fiadh.

<eng>STORIES IN PROSE AND VERSE ABOUT PERSONS WHO FIGURE LATER IN HISTORY.

FROM Cuchullin to St. Patrick covers a period of about 450 years, according to Irish historians. About 464, Conall Gulban, son of Niall of the Nine Hostages, was slain. His name is associated with that of Colum Cille (St. Columba), whose ancestor he was. A whole series of prose tales, now current in the Islands, relate to this worthy. A great many versions of these tales are preserved in Irish manuscripts, of which mention is made in Irish catalogues. I printed a version of Conall in Vol. iii. Y., 1802. O'Donovan supposes that these tales were composed about 1400, during the reign of Magic and Knight Errantry. Old copies of this tale are in the Advocates' Library.

[TD 209]

O CEINS LEG.

THIS story of Conall Gulban and a whole series of other stories of the same kind were framed in a story about the breaking of a man's leg. A man now living in Paisley repeated this compound story to Mr. Hector Mac Lean, who wrote it out in 1870. By fusing and mending versions of the tales which are told in this frame, it would be easy to make a larger volume than this one. Samples of the tales in question are in Text Y. Conall Gulban, The Knight of the Red Shield, Murdoch Mac Brian, The Lad of the flapping Gray Garment, The slim swarthy Champion, &c., &c. Modern Irish manuscripts are full of stories of this kind, and several from older writings have been published. Amongst these is the 'Battle of Clontarff.' The following ballad is a sample of Gaelic of 1654-5. It is a parody, and consists of catchwords and first lines of stories and

recitations, of which many are known to Irish scholars, many are forgotten, and some are in this book. The 'Battle of Clontarff' is mentioned at the 12th line.

It follows that this composition dates between 1014, the date of the Battle, and 1854, the date of the writing.<gai>

CATH CHLUAIN TARBH. <eng>69 lines.

TRANSCRIBED June, 1872, by Donald Mac Pherson, Advocates' Library, from No. xxxv. Kilbride. 'Report on Ossian,' 2956, No. iii. written in the Irish hand, by Eamonn Mac Lachlain, 1654-55.<gai>

|  |    |
|--|----|
| NAR mhaireann teamhair attuaith<br>Ni fan easa ruaidh na chochd<br>Fionn mac cubhail flath na bhfiann<br>Ab theid go sliabh dha chon   | 1  |
| Do chonarc mi ceisd dha cur<br>Cia as luaithe anugh no an chearc<br>Do rinne og earannan feall<br>Ar o cconnaing na ceall mbeag (comg)<br>Ni bhfaicionn tu an bràthair bochd | 5  |
| Mairg a nochd ata gan arm<br>Innis duinn a bheansa amuigh<br>Nar chuireadh cath chluain tarbh<br>Do thoglach bruighin da dhearg<br>Cuma liom sealg shleibhe crot             | 10 |
| Iomdha sionnach aslach gua<br>Fada fuar anoidhche anochd<br>Do rinne Fionn eirighe mhoch<br>Ni hionann broc agus fiadh<br>Do bhean na fagthar ar fail                        | 15 |
| Tangadar gaill anath cliath<br>Do fuair mac samhain aghuin<br>Gana ccluinn na bidh gan airm<br>Fad liom garaidh is Goll<br>Tainn longh asliabh cairn.                        | 20 |
| Do dhearg mac lughaidh alamh<br>Is iomdha bad ar an Siuir<br>Tarla do chrann air an tsop<br>Druid romham gu ros mac criuinn<br>Do thuit meirge cath cuim                     | 25 |
| Leig don luing teacht attir<br>Mairg na bfan abhbfeairann ceall<br>Ait an cuirfinn ceann no linn<br>Math an maraidhe mac leoid<br>Do thoghladh fa dho an traoui.             | 30 |
| Ni fansa saoghal ach seal<br>Is aithne dhomh fear gun mhnaoi<br>Do chuala mi glaodh sa bpurt<br>Nach ionan muc agus miol<br>Do mharbhadh gaill accluain tarbh                | 35 |

Eire aird innis na riogh 40  
 Seacht mar oninid anochd  
 Tainn long a bport a bháid  
 Do bhi claidheamh ag mac ceacht  
 Is iomdha sgeul air na mnaibh

Conall cearnach do mharbh Conn 45  
 Is aluinn fonn mhuighe ré  
 Do chuaidh an claiceuch ar cuairt  
 Ambaile i Ruairc bhios o neill  
 A bheansa fa ndeanann tu ead

Is binn beul na ceol crot 50  
 Do thuit ean cheann innis fail  
 Na Deana do dhail ga bog  
 Ne hionand cearc agus coir  
 Ad bathadh long asliabh liag

Cia don fhein rer ceangladh roc 55  
 Dail catha idir cearc is miall  
 Mac Subhaltach na sleidh slim  
 Ds chinn ar chach  
 Do mharbhomhair fiadh araon

Don taobh thiar don thsliabh bhan. 60  
 Is mor mo dhonas tar chach  
 Beag nach bfhear am bas ren bheul  
 Iomdha aracht a ghledh ruic  
 Ag sin an cruith ar na ghleas

Donncha mha guidhir nar ccreach 65  
 Fear nach cuirionn cearc air eill  
 Na leigese a choir le cach  
 Na leigamar ail leis fein.

Nar mhairiann.

<eng>THE PRAISE OF CONAL'S SWORD.

THE Stories which celebrate the exploits of Conall Gulban and later Heroes are characterised by certain passages, which are called 'Runs.' They contain curious obsolete words, and they are repeated so fast that it is exceedingly difficult to take them down. Samples of this kind of recitation are given above at pp. 1, 2. Similar passages abound in Irish manuscripts.

The following passage was written by Mr. Carmichael in the Long Island, and I myself heard many such passages recited in various Islands, in 1871:—<gai>

&c. MOLADH CLAIDHEIMH CHONAILL.

<eng>Orally collected by Alexander Carmichael.<gai>

'S E mac mnatha síthe a bha ann an Conall Gulbann. Chuir rìgh Lochlainn fo dhraoidheachd e; agus bha e fad trì ràidhean 's a' phrùmh (bruth?) agus diul aige nach robh e ann ach aon oidhche. Fhuair Conall an claidheamh o a shean-athair, ain bodach sìth, 'nuair a bha e ann am prùmh Bheinn Ghulbann.

'Nuair a rachadh an saoidh 'n a chulaidh chatha chruaidh chomhraig, 's e bu chulaidh chatha chruaidh chòmhraig dhà, a chrios strilean, stròlain, a léine shleamhuinn de 'n t-sìoda bhuidhe, 's a lùireach aigileineach iarruinn, a chlogada clocharra ceanna-bhuidhe gu dìon a mhuineil agus a gheala-bhràghaid, Chuireadh e sgiath bhu caideach, bha caideach mhìn-dearg air a thaobh clì, air am bu lionmhor dealbh leòmhain, liobairt, gri-bhinnich, nathrach bheumnaich losgnaich shlignich.

Fin an uair a dheasaicheadh an laoch a Shlachdan geur, cruaidh, curranta claidheimh an déigh a tharruing as a chisdidh chaoil ghuirm ghiumhais. A cheann air a chur ann gu socair, mar chùismhdta, 's e gu' fhocal air a linn-tean. 'S e gu lìomha, lìomharra; 's e gu làidir, fulangach; gu ruighinn, geur, ri iomarachadh; gu so-chur, sàthta, so-bhuailte 'n a làmhuinn Geur, eutrom, iongantach. B' e sin an claidheamh, Sìosantach, Suasantach. Ghearradh e naoi naoinear a null, agus naoi naoinear a nall, agus ghlacaoth e fhéin anns an làimh cheudna a rithi 's e; maille ri a dha sgithinn ghuineana, ghoineana, mar arm gheur ghorrag, mar arm ghorm sgian. Sgian a ghearradh ubhal air uisge agus fuiltean foinnearra, fiorghaidh; a bheireadh uisge air stiornannan, agus teine dearg air an earrliun annta air an toiseach agus asta air an deireadh; far am bu tiugh e bu tanae, 's far am bu tana bu luath-sgaoilteach, bu dùn-mharbhach. Cha 'n fhàgadh e fear innseadh sgeoil na maoidheadh an tuairisgeoil, mar an rachadh e 'n talamh toll na 'n sgellpeannan chreag; ach aon fhear claghann ruadh air leith-shùil, 's air leith-ghlùin, 's air leith-chluais; 's ged a bhiodh deich teangannan fiilidh fìor-ghlic 'n a cheann, 's ann ag innseadh uilc fhèin agus uilc chàich a bhitheadh e, agus treuntan a' ghaisgich.

### Q. 3. CORADH

TIAMHAIDH EADAR INGHEAN OIGHRE BHAILACLIATH, AGUS MURCHA MAC BRIAN, RIGH ERIN. <eng>88 lines.

THE only version known to me of this beautiful popular ballad is here reprinted from Stewart's Book, p. 549. The Hero of Clontarff and the Heiress of Dublin are the characters.<gai>

1

INNIS dhomh-sa fhir fudh chreuchdaibh,  
A mhic cheutaich an earraidh uaine,  
Ciod e 'n leath, na 'n cath o 'n tain' thu,  
'S iad mo bhrathairean mo chuis truaighe.

2

Innis thusa dhomh-sa air thoiseach  
Aobhar t'osnaich a gheug mhalta,  
Na 'n robh daimh agad, na caradh,  
Ri feuraibh nan cridheacha calma.

[TD 210]

3

Tri trianan de chloinn mo mhàthar,  
B'iad mo bhrathairean iad san uair sin,  
'S ar leam fein gu 'n robh iad caomhail,  
'S a' naonar ann an earradh uaine.

4

Na 'n tugadh tu dhomh-sa cobhair,  
Deoch fhuar o thobar ua h-iocshlaint',  
Gu 'n innsin duit na comain sgeula  
Air naonar an earraidh shioda.

5

Sin ghluais a bhean gu suilbhir,  
Gus i chluinntin sgeul a brathairean,  
A 's fhuaras lea 'n tobar tuinn-ghlan,  
'S e lomlan an cois na tràighe,

6

Thog i lea làn a cuiache  
De uisge an fhuarain 'san àm sin,  
'S gu 'n tug i dh'ionnsaidh an laoich e,  
S' bha 'n sgeul ud faoilidh o 'n bhantraich.

7

A nis o chaisg thu t'iota tharta  
Innis dhomh-sa pairt de d' sgeula,  
Ach a laoich na biodh ort iomghuin,  
'S an leam fein gur mor do chreuchdan.

8

Latha dhomh-sa bhi sa bhlàr,  
Anns an robh na curaidh chalma,  
Le m' chlaidheamh geur, a 's mi m'aonar,  
Leam a thuit do naonar brathairean.

9

Thuit mo bhrathairean-sa 'n Cath chluaine,  
'S air leam fein gur cruaidh an aoidh,  
Sgal a chuilein chaoin a chualas  
A 's mò a rainig riamh mo chridhe.

10

Ach mus cruaidh leat sgal a chuilein,  
Na bi caoidh cloinne do mhathar,  
Air ghradh t'einich na ceil orm,  
Co thu fein, na co e t'athair.

11

Inghean oighre Bhailacliath,  
Cha cheilinn a thriath nan lann,  
'S do ghruagach Eilein nan eun,  
'S ann a rug mi fein mo chlann.

12

Mis' a 's gruagach a chuirn Cheusda,  
An triuir macan, a 's an cu,  
An t-seisear a b'ailli fudh 'n ghrein,  
Gus n' do mhill sin fein ar cliu.

13

A mhacain siu a ghearr na spaoidh,  
O 'n a thog thu do shleagh ri sion,  
A nis o thainig mi do d' fhios,  
Innis a ris co thu fein.

14

Mise Murcha sin mac Brian,  
'S ioma sciath a sgoilt mi 'n cath,  
Gus an diugh gu 'n dìongain ceud,  
Le m' chloidheamh geur, a 's le m' gath.

15

Triochad bliadhna thug mi beo,  
Mar chuilean na chluainean fein,  
Cha robh bàigh agam ri neach,  
Ach ag sior thoirt chreach an geill.

16

Latha dhomh-sa bhi san Dùn,  
'S ann domh fein bu chruaidh an sgèul,  
D'fhag mi 'n gruagach, 's a thriuir mac,  
Sìnte fudh 'n bhrat shioda, sheamh.

17

'S air an taobh mu thuath de 'n Bhrough sin  
Chunnacas an tobar a b' àluinn',  
Bha na bric a' snamh gu h-eatrom,  
'S iad ag leimeadh suas re bhraghad.

18

Na tri bric àluinn, iongantach,  
Re faicinn sgàile m'aodain-se,  
Thuit iad fuar ann an tinneanas  
'S ann domh-sa a b'aobhar thursaidh sud.

19

'Nuair a chual' an cuilean sitheadh,  
Gu 'n robh mis' a caoidh na cloinne,  
Leig se na tri sgalan uaith,  
'S thuit se fuar mar neach eile.

20

Chladhaich mi uaigh dhoibh san Innis,  
O na d'fhalbh iad de 'n aon tinneas;  
Ach a Mhurcha nan sciath laidir,  
Sin agad mur d' fhag mi 'n Innis.

21

Ach a Mhurcha nan gruaidh corcair,  
O 's ann leat a lotadh mo dhaoine,  
Gur e chobh' readh air mo dhochunn,  
Làn a chopains' dhe d'fhuil chraobaich.

22

Tog thusa leat làn do chuaiche  
De 'n fhuil fhuair, a 's i gun tiomadh,  
Eineach deighionach ch 'n èuram,  
Thoir leat mo sgeul, agus imthich.

D. 25. MURCHADH MAC BRIAN. <eng>52 lines.

Mac Nicol's Collection. Ossianic Ballad, No. xv. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 7, 1872.

AS these old tales decay and the old language becomes difficult, it becomes a feat to be able to recite a particular passage. The man who can 'put Murdoch Mac Brian in his riding dress' is famed now.

The following is from Mac Nicol's Collection. I give it, with a parody which I got from a Gentleman, in Tiree, in 1871. He got it somewhere in the east of Scotland from a man who could say it by heart.

The Hero of the story was one of the Heroes of the Battle of Clontarff. The composition must therefore date between 1014 and 1750, when Mac Nicol flourished. An old weaver at Tobermory recited a version of this to me in 1870. John Dewar wrote a version in 1869; and generally this pervades Scotland.<gai>

AN sin do ghabhadar Leinteog shithe sheimh shroil do 'n Shioda bhuithe, on Deilg ghreiste 'n teannta ri ghealachneas. Do dh' iathas mu 'n Leinteog ud an Coitein caomha, cuannta, ceos-bhla, baobha, cros-mhor, cotharaichte, suainmhor sroldearg, sioda, air uachdar na h-or Leinte sin.

Do dh' iathas mun Choitein sin an scabul fighi, fion-deirgin, orchum, cearnach, coileirich, farsuing, caomh-ghorm, cloch-corrach, air a chomdach cloch-corra-mhogaill, fuaim cneans da Chudram air taobh an treun scabuill, ioghain mu 'n Chlet-taobh uchd agus aona-bhreth. Do dh' iathas mun Scabul sin an Luirreach shithe, threun-amalach, thorrùn, ghleusta, gharbh, ghabhalach, fhad, eatrom uilleanach, fharsuing, leobhar, Lochlanach, gun fheautas, gun fhotus, gun fheaus-fhotas, air uachdar an treun scabul sin. Do dh' iathas mu 'n Luirich sin da Chrios amalach, an or Litir daingin, duillich, deo-mhaiseach, suamhain, clar-leathun, an Eugasg samhailte, don amhailte, ballach, breac-chlar, buagh-sciamhach air a chomhdach gu Ceard amhail do Chlocha buaghacha, breac-mhaiseach, as a Chath-chrios cho-uchdach, gu dion Cneas a Cha-mhili as na Cathamh creuchdmhor.

Ansa Chrios sin do chuirte a Chlaidheamh, clais-leathan, co-shinteach, fir-chruaidh, sgaiteach, gorm-sholluist, baobha, beumchearnach, bleithich, uasal, an t-Ealt Chlaidheamh a luin, orlitrich, do 'n Ghoineachd ghlan, ghorm-sholluist, nung, aluinn, aon Dorruist. Or-thruaill ga uime dhidin, air taobh cli an treun-churaidh, an aghai na h-Iorraghail 's gach Iorraghail da iomain.

Air sin do ghabhar dho sgia dhonn, dhualach, aon dualach da Ghualain dha thaobh sleagh chudrom, Chro-fharsuing, le seamanabh oir 's le Fairistibh airgid.

An sin do ghabhar a Chath-bharra, chudramach, Chneas-bhuaghach, Chloch co di ga 'm bu choainm Clogaid ann san t-sheanna Ghailic.

An sin do dh' uimicheadh Each dha ga m' b' ainm Gorm-steud, ghasta, ghniomh-ealamh, mion forasta, Folt-leamhar, uaibhneach, fhoillseach, iombathach, toiniceach, Tos-luath torunnmher, mungaech, meannach, mor chroidheach, sul-ghorm, seang-ard, scocail, fallain, feolmhor, feadreach, 'n Eugasg Orshrian sitir bhlar do mharcaichidh trid na 'm Ballachan co math sa mharcaichidh e Machair min sgiamhach.

EOGHAN O NEILL A CHIUR AIR EACH.

<eng>From the Revd. John Campbell, Minister, Tiree, September 15, 1871. A Caricature of Murcha Mac Brian, or of some other such person.

(From Harry . . . . Beadle of the Strowan Church, Blair Atholl, Perthshire, 1859.)<gai>

CLIU an Eoghain b' uaisle, b' ainneamh, Bi ga mhaoidheadh.

Gille uaibhreach iognach nan gart gabhail Ceannas fòilleart, beag an t-ùilleart, Fhuair an t-òig-fhear, gu oighnachd Néill òig más éiginn.

Ge iomadh laoch bha 'n latha sin an teach Eoghain, gabhail gu buan ris na bath-chiall, buar an t-anachiall, srath Lathruinn o shlios Teamhraidh, mar bha Fearghus 's sur Phillimore, Saor Dhunoighre Maos Dhun dealgaidh, 's gearr an ùine gus am faic sibh rùn nan cludalach latha Dhundealgaidh. Gheill còig còigeagan nan dàna Mhac-a-Duibhne; 's ann da b' umhail neart nacàine, do na daoidhean 's na daoi-rùine.

[TD 211]

Dh' éirich Clann o Biorrachdainn a Borrachdainn a Buidheanaich, Clann a Diomasach a Duamasach, deagh mhearra, deagh mhorra, deagh Dhomanullach, Clanna Rìgh, ruadh, rud fir air urram, a sheasaich éididh dh' Eoghan o Néill san uair sin gun uireasbhuidh.

Chuir iad an laoch na chaol léine ghréis, innealta, air a dion-chriosadh, 's a maise gu muincheall.

Chuirte 'n taice ris an léine an triùbhsan eutrom, each-darach;

Chuirte 'n taice ris an triùbhsan a bhròg chaol dhòreach, 's a bhròg dhiònach dheagh-chumta, gun a rabhadh ro-mhòr;

Chuirte 'n taice ri sin na sà-spuir àillte, innealta, ruighinn, chroda, cheardalach;

Chuirte 'n taice ri sin an còta stiomach, taitneach, an-ùracha, an-òracha, an-uilinneach, breac-eangach, sgiamhach, sguamhach, sgobhanta, cnaparra de 'n òr, ro-iasgaidh mun fhuasgladh.

Chuirte 'n taic ri sin an claidheamh tana, diasd-gheal, bòdarra, làidir, leadanach, air chumadh bhalgan àiridh, 's mar bhòrd de 'n uibhar iòchdarach.

'S e bu sgeul ceaird agus bàird 's luchd filidh, gun robh a dhiòl eididh às airm d 's inneil aig Eoghan, nam biodh a dhiòl eich aige;

'S iomadh mùillein indorlach agus ite laoch bha 'n latha sin ann an each Eoghain.

Bha trì gnèithean de ghnè na mna ann an each Eoghain, tòn mhòr, meadhon seang, 's mairsinn buar air a mharcachd;

Bha trì gnèithean a ghnè an t-sionnaich ann an each Eoghain, Earball meadhon mòr, car an aghaidh cuir, agus cluas ri cuisdeachd;

Bha trì gnèithean de ghnè na gearra ann an each Eoghain, sùil mhòr cholgarra, sròn bhiorach, mhingeanda, muineal reamhar 's ceann cas;

Bha còig gnèithean deug de ghnè na saoidh ann an each Eoghain, bha e gu h-easgaidh, òg, innealta, ciar, gearanta, cluas, mas dhuilleig, uch-d mar ghearran, fad-shreathach, stad-spreathach, mòr-shùileach balg shròineach,

na tharbh truisgte, 's na bheithir bheumnaich, tighinn, bho àite nan ionad gu ionad na h-éiridh

'S e bu sgeul ceaird d 's bàird d 's luchd filidh, gun robh a dhìol éididh, d 's airm, d 's inneil, d 's eich aig Eoghan, nam biodh an diollaid air each Eoghain.

Fhuaras dha an diòllaid chòmhnard, bhucaideach, thorrach, shneineach, thacaideach, ghlasach, ghiortach, stiorapach, srian o dhruim leathar nan tarbh 's a thàrr leathar nan aighean, o làimh greusaich a's gobhainn, air a sparradh an ceann na sruide, 's meòis bhoga nan saoidh ga sreang-thuigeadh;

'S chaidh e trì uairean tiomchioll an òtraich, 's ghabh e eagal mòr, 's phill e.

<eng>NOTE.—The reciter, if still alive, will be about 60 years old. He said there were only two in the country who knew this piece, himself and another. Both learned it in their youth.

B. 7. Upon ARCHIBALD, EARL OF ARGYLL, who was beheaded at Edinburgh, June 30, 1685. 52 lines.

Copied from Mac Lean's Manuscript, 1693, by Donald Mac Pherson, Advocates' Library, July, 1872.

THE series of Historic Ballads which began with Cuchullin is carried to later times in a regular sequence. The following is written in the 'Irish hand,' at Ardchonail Castle, in Loch Awe; date, between 1685 and 1693. The inference to be drawn is, that all the rest were first composed about the dates of the events celebrated, and that Heroic Ballads are Metrical Popular History, orally preserved and orally collected.

Thus far these Ballads make a consecutive, though broken, series, into which Mac Pherson's Story does not enter, though his story contains traces of these Romantic Histories.<gai>

1  
IS maith mo leaba is olc mo shuain  
An sgeil so chualas osaird  
Gillaspic buachail a chrùn  
Ar na ghlasadh san tuir fo gheard.

2  
Dia cobhur ar ar feidhm  
Cur tuallas na bréag ar chaird  
Cur car na consboid mun cúairt  
Beir consboil na slúagh a baird.

3  
Fuasgail e o dhórsuibh báis  
Rétuidh an ród dho gn deas  
Ge (2) hóba phrisoil na sluagh  
Ort ni bhuil ni cruaidh no cheisd.

4  
Do ghairdean laidir na thóir  
Air gach póir ga faighid an fheill  
Dhaimh Dheóin a mhí run sa ceilg

Gabh na leoghan garg mad smachd

5

Impire Babiloin mhóir  
Chuir an iomhuigh oir san leirg  
An eimhuin lasrach na colg  
Mug aisde na hóighe o fheirg.—

6

D' uasgdil thu na geinhla crúaidh  
Do Pheadar na buagh na fheidhm  
Charn thu an fhairge súas le sruth  
Tha ú an deudhgh mar bath- (bha ndé)

7

Fagfuidh a churadh fa dhíon  
Are na ri aneart  
Leoghan do lochd smérbe mor  
Chunarc mi na slóigh fad smachd.

8

Seobhac don ealtuin abfearr  
O dreim Artuir a ba garg colg  
On chú chréu re búan na gereac  
Feinich fearail na mbfeun (1) borb.

9

O Duibhne o Dhún na gcuach  
Gan tioc fadh na sloigh fa tìochd  
Bruth sollas ba niamhd bés  
Mbiadh coimhlion na ced go d

10

Iomdha toiseach trén admhagh  
Fa lionmhar fleadh agus lann  
Armuin fo dhidion do sgeith  
Deiridh le triath Dhundalbheann.

11

Do bhandrachd ad bhaile dérach  
Gam biodh do theach na thigh stóir  
Gaisgidh go huaibhreach na gcléus  
Mar ghuar do bhés tra nòin.

12

Ba chleathach calma do 'n chrúin  
Libh o thús o lín go lín  
Bhi ga fhreasdil anns gach buaidh  
Is ro bheg liom do dhuais da cionn

13

Tuirsach mé tuiribh do bhéis  
Chraoibh thuinnidh deiradh rath  
Iosa le mbeirar gach buaidh  
Tabhair eistachd dom dhu (2) go maith.

<eng>MYTHICAL BALLADS.

BESIDES the Heroic Ballads, of which samples have been given above, certain Mythical Ballads are current. The following are samples. I have another attributed to a Fairy, who wanted to steal a child; but these are foreign to my present subject.

Z. 4. GILBHINN. 40 lines.

Orally collected, in Islay, by Mr. Hector Mac Lean, in 1860.<gai>

BHA duine 'chòmhnuidh làmh ri coillidh, agus bha nighean dhreachmhor aige. Chaidh i mach latha, 's choinnich fear i, agus 's e 'n t-ainm a thug e air fhéin Gilbhinn Thòis ich iad air leannanachd o latha gu latha. Dh'innis i d'a piuthair e-agus gheall a piuthar nach innseadh i do dhuine 'sam bith e;-gun d' thigeadh e mach air a glùin ma 'n d' thigeadh e 'mach air a beul. Ach ma dheireadh dh'innis a piuthar d' a muinntir e, 's chaidh ise chuibhreachadh a stigh an sin. 'S e leannan sith a bha ann. Cha robh i fada beò an déigh so;-ach bhàtar 'ga cluinntinn daonnan a neas a bha i beò a' gabhail an òrain so.

GILBHINN.

1

GRAIDHIN Gilbhinn hùgaidh ò. Fonn.  
Hùgaidh horò hùgaidh ò.  
Gràidhin Gilbhinn hùgaidh ò  
Thug thu 'n céile cadail diom.

2

Air an luan na air an luan,  
Cha d' théid mise 'chrò nan uan;  
'S cha mhò théid mi 'chur an fhrois,  
O nach bi mi bhos r' a bhuaìn.

3

Air a' bhiolair 'ud 'san t-sruthan,  
'S air a' chuthaig a ni 'n t-seinn;  
Air a' choill ud thall ma dhuilleach,  
Cha d' fhuair duine riamh mo sgeul.

(1) Na Feineborh geors.

(2) Dhuan. D. M. P.

[TD 212]

4

Chi mi mo thriuir bhràithrean seachad,  
Air na h-eachaibh loma luath;  
Sgeanan caol 'bhith throimh an crios,  
'S am fuil fhein 'na sitheann fhuar.

5

Chi mi m' athair air an tràigh;-  
Gur h-e fear an triubhais bhàin;  
A rìgh nach fhaicinn na h-eoin  
Os cionn a bheoil a' bigearsaich.

6

A phiùthrag de phiùthragan,  
'S ann riut a leig mi mo rùn;

Gur luaithe thàinig an sgeul,  
Air do bheul na air do ghlùn.

7

Ach a nighean 'ud 'san dorus,  
Gu faicinn triuir air do bhanais,  
A ni sgoltadh a' bhradain fhìor-uisg,  
Eadar do dha chich 's do bhroilleach.

8

Cha dèan mi mire ri Macan,  
Na ri mac an Iarla ruaidh,  
Gus an cuir am bradan tarra gheal  
Tri chuir dheth an crò nan uan.

9

Cha dèan mi mire ri Macan,  
Na ri mac an Iarla ruaidh;  
Gus an déan fiolair mhòr nan spògan,  
Leaba chlàimh an druim a' chuain.

10

'S a' chraobh chaorainn 'ud 's an dorus,  
'S ann urra théid mi do 'n chill;  
Bheir sibh m' aghaidh air Dun Sealbhain,  
'S ni sibh dhomhsa carbad grinn.

#### X. 4. DUARAN (SUARAN?) AGUS GOLL.

<eng>Copied by Malcolm Macphail, from materials furnished by the Rev. Dr. Mac Lauchlan, Edinburgh. January 31, 1872.

I WROTE a long English version of this Story from the Gaelic dictation of Mac Isaig, in South Uist, in September 1871. There is an Enchanter in the story, whose name is 'Duaran,' not Suaran. This was sent to me before 1862, by Mr. Carmichael, who afterwards sent a copy to Dr. Mac Lauchlan. See Vol. xii., Y. 58, MS. 334. I will give my own version with other translations.<gai>

BHA gaol aig Duaran (Suaran?) agus Goll air an aon nighinn, agus bha namhaideas aca ri cheile leis a sin. Bha fear a ruith, eadar riu ag innseadh an darra fear gu de bha am fear eile 'g radh mu dheighinn. Bha fuas, fuas aig Ian mac Iain ic Eoghain air an laoidh Choidheich so. Ach cha 'n eil cuimhne agumsa ach air beagan fhacal. Cha chuala sibh riamh, riamh na bha aige do bhardachd agus do laoidhean Oisein, agus cha chuala duine beo riamh bardachd bu bhriagha na i. Chumadh e fad na seachduinn gheamhraidh sibh a seinn laoidhean Oisein, agus Ochain! Ochain! 'se fein a sheinneadh iad. Agus aig deireadh na seachduinn cha chuala sibh leth 's na bha aige. Nis bhiodh an tigh aige dian lan a chuile h-oiche, a cuir a mach air an dorust, agus nach faigheadh sibh suidhe no seasadh ann. Cha 'n eil duine beo 'n diugh aig a bheil laoidhean (bardachd) Oisein mar bha aig Iain mac Iain-ic Eoghain (an Talamh-sgeir).

Coinneach Moireastan, (Mac Illemhoire?) 's an Trithean 's an Eilean Sgiathanach.

Sgrìobhta Deiruir <eng>(Dec.)<gai> 12mh, 1862.

1

THUG an dís an ainnir gaol,

Ach air Goll bha gorm shuil chaoin;  
B' e fa a h-aislig, e 's an oiche.  
'S fa a broin mu chaothan, no chaoirean, choilltead.

2

'A Dhuarain (Shuarain?) cuim a sheas?  
A Ghoill cuim a thuit?  
A Dhurain (Shurain?) cuim an cualas-riamh  
Luaidh air a shliochd?

3

Fhuairleadh an aileag 's i bronach.  
'S beo cha bhuinte bho gaol i,  
Beul ri beul (ri bheul?) 'us uchd ('s a h-uchd,) ri uchd,  
Mar fhithheadh slat ri (mu?) stoc aosda.

<eng>This fragment indicates a lost poem, with part of the Story of Goll  
in it.—J.F.C.<gai>

&c. 1. COLLUN GUN CHEANN. <eng>22 lines.

A fragment written by Mac Phail, from the recitation of Norman Murray,  
Habost, Ness, Lewis, 1866.

I HAVE no other fragment of this ballad. A headless body comes to the  
Feinne, and gets her wish. There is something like the story in Vol. iii.  
Y. 403. No. 86. A hideous creature turns into a beautiful woman, who, in  
some strange fashion is mixed up with a grayhound, and turns out to be  
the daughter of the King of the Land under the Waves. I suppose that all  
these strange mythical legends were told in alternate prose and verse,  
and that the verse is almost forgotten.<gai>

1

LA bha 'n Fheinn ag 'ol,  
A' caitheamh 's ag iomairt lagha,  
Chunnaic iad collum gum cheann,  
Direadh o ghleann an dà chlaidh.

2

'Mo chomraich oirbh Fhiannaibh maith  
Eadar mhac rìgh 'us mhac Fhlath;  
'S mo chomraich ort ma 's tu Fionn,  
Os an ceann uile gu leir.'

3

'Or 'us airgead 'us cuid,  
Gheibheadh tn sud bh' uam gnn airc,  
Ach cha luidhean leat mar fhear,  
Air na chuir na neimh gu làr,

4

Ni mo a shìnean ri do thaobh,  
Air a bhi gun mhuaoi gu brath;

5

Fhinn mhic Cumhail a ghin Leigh,  
Cha robh mi' feum do chuid òir;  
Ach thu luidhe leam mar fhear,  
'S gun thu ga ehleith air an Fheinn.

6

Labhair Treun mo ghiollan féin  
Ge do labhair bu bheum laoch;  
'Luidhidh mise leat mar fhear,  
'S cha chleith mi e air an Fheinn.

<eng>HEROIC GAELIC POEMS, LIKE MAC PHERSON'S OSSIAN.

AMONGST the numerous manuscripts ransacked for Heroic Ballads I have found only the following, which resemble Mac Pherson's 'Ossian,' or form part of it. D. 30. Malvina's Dream. O. 26. a fragment got from Captain Morrison, who was Mac Pherson's assistant. It is exceedingly like Mac Pherson's Ossian, but I do not know the passage if it is in that work. Two addresses to the Sun, in which the sun is masculine, whereas the word is feminine. Goll and Fionn. The Death of Goll by Muchtan. 'Connlaoch and Cuthon,' 184 lines of the book, which was printed soon after this MS. collection was made by Dr. Irvine. I print these in order that believers in the antiquity of Mac Pherson's Ossian may compare quantity, date, and quality. I have no other fragments of Mac Pherson's Ossian in manuscripts older than 1807.<gai>

O. 26. TOIR AIR NA TUATHAICH. <eng>44 lines.

Dr. Irvine's MS., page 118. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh, March 30, 1872.

THIS metre differs from the Ballads, but this looks like original Gaelic composition. Maigh ich: Plain-men, or possibly people of Meath, and Fionn, are the only two names by which to identify this with any part of the Fenian Story. Apparently it was got from Captain Morrison, who was one of Mac Pherson's assistants. The writing dates about A.D. 1800.<gai>

1

TAOM a Char amhain, taom do shruth,  
An aoibhneas an diugh siubhail sios;  
Dh' fhalbh coigreach b' airde guth,  
Cha 'n fhaicear an steud each san t-sliabh.

2

Tha stoirm cogaidh fada thall,  
Aig Clanna Gall o thuath;  
Dh' fhalbh iad mar mar aileas chrann,  
Ar lamha dearg am fuil Lochlain.

3

C' ait a nis a bheil thu Eite,  
C' ait a bheil do bhreugan dana (granda)  
An dean iad do chobhair an cruas (cruadhas)  
An dean iad suas cron do chairdean.

[TD 213]

4

Fheara faicibh 'n tuil ag, aomadh,  
Thar sgeir fhaoin o mheadhon sgairnich;  
Sid mar ruagais naimhdean scurse (or sairse)  
O ghleannaibh, so chraobh nam fasach.

5

Lean sinn an ruaig gu diana dana,  
Chualadh Tuaid guth an air;  
Glaodh mor thighearn, baighail, baighail,  
Faic a bhaigh a righ ma 's fearr.

6

Ciod uime deir Fionn, A threig thu,  
Lleachd nun ceud fhearann a bha;  
Ciod uime dh' airr thu coghna dhaonnan,  
Chuir tha Fionn 's a dhaoine o bhlar.

7

Thainig Maighich orm mar thorrann,  
Losg mo thighean 's mo mhna;  
Ruisg C mo choilltean aobhinn aluinn,  
'S dh' fhag iad mi mar eun gun sta.

8

Chuir mi flos a Lochlainn uabhrach,  
A philleadh uam neart an air;  
Tha mi nis mar sgeir ga cuairteach,  
Le mear thonnaibh buaireach ard.

9

Tha mi nis fo d' chuim a threun-fhear  
Faic mo bheud dean rimm baigh;  
Tog m' uallach tha trom ri ghiulan,  
Tha mi cuirte anns gach airc.

10

Tha Fionn mar oiteag a gheamhraidh,  
Do naimhdean eilan mo ghraidh;  
Ach caoin mar aiteal an t-samhraidh,  
Do shliochd aimbeairt thig a' m' laimh.

11

'S leat mo chloidhe, s leat mo laochruidh,  
Cha 'n fhaoin an iomairt nan lann;  
Pillidh Lochlan mar thonn na sgeire,  
'S bithidh Breatann dhe fathast slan.

O. 1. GOLL AGUS FIONN. <eng>104 lines.

Dr. Irving's MS., page 1. Copied by Malcolm Macphail, Edinburgh. March 14, 1872.

THIS writing dates from about A.D. 1800. I have tried to divide the quatrains. This is part of the civil wars of the Tribes of Morna and Baoisgne, and seems to be a popular ballad broken and mended. I have no other version.<gai>

1

MA shealgachan mor a' ghlinne,  
Ma Leitrichein ghlinn Loire;  
Ma ghleann dubh mu loch mu lach,  
Ma theach righ Soch righ Suine.

2

Chaidh Fionn gu sliabh maigh Macharach,  
A chruinneachadh steach na seilge;  
An nualan mor Glu bhinn glao bhinn,  
Gur e leig O-baoisg agus Obair ghlic.

3

Chruinneachadar an Fheinn uile,  
Iar claisdinn doibh na glaoth Feinne;  
Lomlan a' d' fhuil agus a' d' fheithibh,  
Dh' ionnsuidh na Tulich san robh O-baoisge,

4

'Se Fionn fein a rinn an t-sealg,  
Do na Fiannaibh uasal banbhidh;  
A 's nir dh' fhag e san Fheinn, g' e b' iognadh,  
Aon (1) laoch deanach no fear dearmad (2)

5

Tus eiridh do na Fiannaibh,  
Aois Feinne do Mhac Cumhail;  
Is b' eigin do Gholl gaosraidh,  
Tùs uigh na Feinne fhulang.

6

Air do laimhsa Ghuill Mhic Morna,  
Fhir nam briathra togha, treuna;  
'S ann mur sud bhiteas am fiadhach,  
Ged nach fan thu am fiannachd Eirin.

7

'Se labhair Goll nan ceuma calma,  
Dhuitsa Fhinn a bhreitheamh bhaoilich;  
Dh' fhagas mi 'm aogh braonach meamnach (3)  
Gur e dh' agair Goll air Oisain.

8

A' gheug a chosnadh dhuinn gach feum,  
Aisig sinn a near do Albuin;  
O mo h-Erlin gu mo h-Irlin (4)  
Gluasadar 'nur longaibh leothra.

9

Is ann 'ur barcaibh fada reamhra,  
Ann an ait a' bhreitheamh bhaoilich;  
Gabhail gloir na gaoithe gaoibha.

10

Thug sinn bliadhna an Dun Erla,  
Ann an aite gle ghlic tosdach  
Ar mnathan agus ar clann an Albuin,  
Is bha ar n-annsachd an Dun Monidh.

11

Ghluasadar an ceart cheann na bliadhna,  
Ann an trom ghoil dian na dile;  
Fear nach do chleachd ionmhuin obaich,  
Deich ceud sgiath bu dearg dealradh.

12

Chruinnich torr (5) nan treun fhear,  
Chanadar gloir gle bhinn ghaosruidh;  
Chuir sinn Teachdaire chum nam Flath,  
Gu 'm b' e sud na Catha calma.

13

Is neonach a chlanna Morna,  
As ar tighin foigula do'r (6) n-aois;  
Teacha dh' fhuabairt Cath a dh' Albuin,  
Gu aibhine chlanna Baoisge.

14

Agus nach b' ionan coimeasg (7) Gobha,  
Dhuinne agus dhoibhse;  
Agus nach b' ionan cruas do'r sgeinibh,  
No do'r lannaibh no do'r doidibh.

15

Agus nach b' ionnan coimeasg catha dhuinne,  
Agus do chuiridhein O-baoisge (8);  
O mhac Morna gu Dun Miogha,  
No o laimh na Sotha Saoiaich.

16

Aobh agus Oscar agus Oisean,  
Seachda ceud deug agus tri fichead,  
Fionn agus fine mhic Cumhail,

17

Thainig Mac Iain righ Ianric,  
Fear nach do chle Chad ionmhuin obaich,  
Deich ceud sgiath bu dearg dealradh.  
Gu 'm bu bhanbh ri dol san trod iad,

18

Thainig Ioluin nam beumana;  
Fear nach d' thugadh geill a nasgaidh,  
Cabhlach mor de mhaithibh Eighne,  
Thainig fo'n cath-eididh thugainn;

19

Thainig clann Fhinn uile,  
Dh' fhuilingeadh mor cheum docrach,  
Agus clann na Meara Mora,  
A' bhuidhean shogha sheasmhach.

20

Chanadar an sin ri cheile,  
An comhara bu leoir a ghnogha;  
A chuireadh Mac Ialla à creagaibh,  
Is à barcaibh reamhra reithe.

21

Thuit leamsa Duthan,  
An cios iomain a bhuille;  
Aobh agus Goll Mac Laghair,  
Dh' fhag mi ann iad a thri buillean. (9)

22

Mar thuill a' ruidh le gleann,

Trom bhuirich am measg nun crann;  
No mar fhiadh ri firach beinne,  
Is gadhair dian 'na dheigh mar theine.

23

Sid mar theich clanna Morna,  
Dhearg am feur le fuil nan treun fhear;  
'S iomadh creuchda a bha ri chasgadh,

24

Thog am bard an Iolach bhroin.  
'S truagh clanna Morna caithte.  
Bhuail e chlarsach, gu trom, trom,  
Am fonn tha 'm chluasaibh taisgte,

25

Phill sinne gu dun Fhinn,  
Le caithream binn a ceumadh faiche;  
Thainig ar mnathan 'nar comhail,  
A seinn oran, 'failte gaisge.'

26

Tha seachd dorsan air teach Fhinn,  
Air an eugnadh druim thar dhruim;  
Caogad luirich shuairce sholuis,  
Bhitheadh air gualinn gach aon doruis.

- (1) Aon laoch dionach no fear dearmad.
- (2) <eng>I suspect<gai> Tearman <eng>is the true reading.<gai>
- (3) Ball bhreac no banbhuidh.
- (4) O Dhun Erlingu Dun Irlin.
- (5) cor.
- (6) dol.
- (7) coimeas.
- (8) O-bocair.
- (9) Chaidh dibhail anns an teugmhail,  
Faraon agus beagan buidhne,  
Seachd ceud deug tri chathan,  
Thuit le Maithibh na h-Eirin.

[TD 214]

27

Mise agus Diarmad agus Garra,  
Car sealan am beannaibh ard;  
Gur e gheibhmaid o Mhac Cumhail,  
Gur ro mhinic urram seilge.

O. 21. BAS GHUILL LE MUCHTAN. <eng>46 lines.

Dr. Irvine's MS., page 112. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.

THIS was got from a Loch Tayside Fox-hunter, about 1802, according to the Collector's note. It seems like a verse of a Ballad on which some one has enlarged. The Story is nowhere, but the verse is a vague ejaculatory rhapsody, like 'Mordubh,' and a few other Gaelic compositions, which all came from the same neighbourhood. I have no other version of this.<gai>

1

'SE sin Mughtan beag Mac Smail,  
An diu gheall e teachd a' m' dhail;  
Mar charaid o bhlar na macharach,  
A' d' dhail, tha mi gun fhiamh.

2

Smithich an gnìomh a chuimhnicheadh,  
'S tu mharbh m' athair am beinn a Chatain;  
'S dioladh tu a bhraise an uair so.

G.

3

Tha mi nis aosda liath,  
Dh' fhalbh mo thrìan fada nunn;  
Bha mi uair nach geillinn diut,  
Mhughtan ga garbh do bheum.

4

Thainim slàn as na cathaibh,  
Ged sann duit sa tha 'n dan mo mharbha;  
Cha bhi sealbh do threun fhear arm  
Thionndaidh e aghaidh ris a bhalla,  
'S dh' fhalbh anam ann an ceo.

5

An ceo ged dh' fhalbh cha lag,  
An t-anam bh' aig a ghaisgeach mhor;  
Bha e ard mar sgeir an aonaich,  
Bha e aild mar chraobh fo bhla.

6

Bha e ciuin mar oigh na maise,  
Nuair bhiodh fleagh ma bhord is caird;  
Bha e garg an trod nan ceud chath,  
Mar madadh alluidh reuba bha.

7

Tionnail do Gholl cha 'n fhaigheadh,  
Cha 'n fhacadh, is cha 'n fhaic gu brath;  
Dh' fhalbh Fionn ceann na maise,  
Esan araon air Feinne bi bar.

8

Ach dlu dha tha Goll mor cheum,  
Och nan och cha bheo thu gradh;  
Cuime a dh' fhagadh mi nam aonar,  
Mar theann darag am faon ghleann.

9

Gun gheig gu fasgadh o 'n don-shion,  
Ach c grad lubadh nuas a ceann;  
O co chaireas mi gu uaigneach,  
San tigh chumhan, dhuchnai, dhall,

10

Far nach cluinn mi guth na teugmhail,  
'S nach tig leus cum' chridhe fann;

Ruige mi Oscar Mac mo cheud ghraidh,  
Ruigidh Ebhir, run Alba.

11  
Bithidh sinne subhach anns na neulaibh,  
Co 'n sin a dh' iarras baigh;  
Eutrom bithidh ar n-anam ait,  
Fhinn thig athair mo ghraidh,

12  
Bha mise roimh neartmhor luthar,  
Ged tha mi 'n diugh ciurte dall.

<eng>These fragments got from foresaid D. Mc Irvine.

In mist, though fled, not weak, the soul of the mighty chief. He was tall as the cliff of the hill; fair as a tree in blossom; mild as the maid of beauty—when round the table went the feast of friendship; fierce in the strife of hundreds, as the wolf tearing the herd. A match for Gaul never can be found, never was seen, and never will be. (Dr. IRVINE'S Note.)

MALVINA'S DREAM. D. 29. M. 22. 23. (In Carthon.)

A COPY of this fragment is in Mac Nicol's Collection, of 2,819 lines, of which samples are printed above. It is the only fragment of Ossian's Poems which I have found in any manuscript written before A.D. 1800. It looked so different from the rest of my collection, that I took some pains to trace this fragment.

In 1762, Mac Pherson printed the English of Croma, p. 249.

The Gaelic was quoted by Shaw, as an example of Gaelic, in 1778. Edinburgh, 4to. , Shaw's 'Analysis.'

Amongst Mac Nicol's papers I found 56 lines of Gaelic, written in a hand of the period, and marked on the back, 'Astarruing' (extract). It is headed, 'Fragment of a Poem attributed to Ossian,' and ends with a line of . . . It is corrected in a different hand, with blacker ink, and the second hand has inserted a line. The collector was in correspondence with Mac Pherson, but neither handwriting is Mac Pherson's. In 1786, Gillies published, at p. 29, and p. 210, two copies of this extract 'Aisling Mala-Mhin,' and 'Mhahline's Brughdar le Ossain.' In 1787, p. 46, Dr. Smith printed the fragment in 'Sean Dana'; 57 lines.

The extra line and the corrections are in Gillies; not in Smith. All vary in spelling, e.g., 'an t-Oscar,' (the Oscar) of the MS., is printed 'Thoscair,' in Gillies; 'Toscar,' in Smith.

Similar orthography occurs elsewhere, e.g. 'Aig Tathir,' (father,) which shows that 'Oscar' was meant by the Scribe, not 'Toscar.' Avowed translations from English Songs, and 'Maccaronic Poetry,' (Gaelic and English mixed) are in Mac Nicol's MS., and in Gillies. Therefore people could, and did, then translate from English into Gaelic.

In Mac Pherson, the Sun is masculine. 'The flower on which the Sun has looked in his strength.' In the 'extract,' the Sun is also masculine. Nuair sheallas e sios na shoilse (p. 30, Gillies). This manifest error is corrected in later 'texts,' but it is the sort of error which a translator might easily make; especially if he were stronger in classics

than in Gaelic. This same error runs through the whole of 'Ossian's Poems,' and so marks the composition of one man.

In 1807, Croma was published, p. 211, vol. i. of the large edition of Ossian, in Gaelic.

It was printed from Mac Pherson's manuscripts, revised by able vernacular scholars.

In 1807 Mac Pherson's Gaelic Text was translated into Latin. Mac Nicol's 'extract' is there. The worst of the Anglicisms in it, and in Gillies, are struck out or softened. Sentences are recast, words, even lines, are changed. The sense remains as it was in 1762, but the Text is amended.

In 1818 the Gratis Ossian, revised from the printed text, contains the extract, but further improved towards modern orthography, and current local idiom.

In 1870, Mr. Clerk's Gaelic text, revised from older printed texts, departs from the oldest known form, which is the 'extract.' The editor claims no authority, but his own, for his alterations. Mr. Clerk's translation of his text differs from Mac Pherson's English. The question is, which of all these is the 'original' of the 'extract,' which contrasts so very remarkably with the rest of Mac Nicol's Collection, and with all older written Gaelic; and which corresponds to Mac Pherson's sample of Gaelic, printed 1763.

I have no doubt that Mac Pherson's English was 'the original,' and that all the Gaelic 'texts,' are altered from a first translation. All the successive changes, from the oldest known, tend towards modern provincial dialects of Scotch Gaelic, and depart from the language of Mac Nicol's Collection, and the rest, which tends towards the language and spelling of Text A., except in this 'extract.'

Mac Pherson's original English is idiomatic.

The Gaelic equivalents seem to be struggles to express the same ideas in equivalent words. For example, Mac Pherson wrote, in 1762:

'I feel the fluttering of my soul.'

In 1807 Mac Pherson's text is:-

<gai>'Tha forum mo chleibha gu h-ard.'<eng>

The closest rendering of that line is

'The noise of my side (or thorax) is above.'

Mr. Clerk says that the line is probably 'spurious,' and translates it freely

'The throbbing of my heart is loud,'

[TD 215]

For lack of a Gaelic verb 'to flutter' in Mac Pherson's sense, and because of the fetters of verse, it was necessary to change the image in the Gaelic 'extract.'

Mac Pherson's original character felt a fluttering inside.

The Gaelic heard a clattering on high.

I think that the idea was first clothed in English, in this case, and throughout the fragment.

In 1762 Mac Pherson said—

'When thou didst return from the chase in the day of the sun.'

In the 'extract' the line added by another hand is

<gai>'Nuair phill thu flathail o 'n t seilg.'<eng>

The line is in Gillies.

Something was wanted to lengthen this Gaelic translation and make it scan, so the meaning was enlarged to

'When thou didst return (NOBLY) from the chace.'

In 1807 'nobly' was taken out, and 'of the Cairns' put in, and the construction was altered to

<gai>'Nuair thearnadh leat o sheilg nan carn.<eng>  
'Quando descendebatur a te a venatu molium saxearum.'

Mr. Clerk translates the line—

'When from the mountain chace thou comest down.'

The passage stood in Mac Pherson's English text thus in 1762, at first, so far as we know,

'When thou didst return from the chace in the day of the sun.'

A close translation of the last text, 1870, is

'When thou hadst descended from the chase (OF THE CAIRNS) in the (CALM) day of the (HIGH) sun (IN THE SKIES).

I suspect the first idea was

'When you came hack from the Hill on SUNDAY.'

Translators commonly enlarge on texts. In this case the text, which purports to be Ossian's of the 3rd century, has grown by additions and alterations from Mac Nicol's 'extract' onwards. I have never seen another bit of Mac Pherson's text in writing of this period, and the evidence seems to me conclusive. It seems to prove that this 'extract' from Mac Pherson's 'text' is a translation from Mac Pherson's original composition, that he is the author of 'Malvina's Dream,' and of 'Croma,' from which Mac Nicol somehow got an 'extract,' Dr. Smith another copy, and Shaw a third.

Saving these 56 lines of 'Croma,' no part of Mac Nicol's collection of 2,819 lines is in the Gaelic Ossian of 1807.<gai>

M. 21. MHAHLINE'S BRUGHDAR LE OSSAIN.

<eng>57 lines.

This will not make verses.<gai>

'S E guth anam mo Ruin a tha 'nn! 1  
O! 's ainmach gu aislin Mhalmhin' thu,  
Fosgluibh-se talla nan speur,  
Aithir Oscair nan cruaidh-bheum;

Fosgluibh-se doirsa nan nial, 5  
Tha ceumma Mhalmhine go dian.  
Chualam guth a' m' aislin fein,  
Tha fathrum mo chleibh go ard.  
C' uime thanic an Ossag a' m' dheigh

O dhubh-shiubhal na linne od thall? 10  
Bha do sgiath fhuaimneach ann gallan an aonaich,  
Shiubhall aislin Mhalmhine go dian,  
Ach chunnic is' a run ag aomadh,  
'S a cheo-earradh ag aomadh m' a chliabh:

Bha dearsa na greine air thaobh ris, 15  
Co boisgeal ri or nan daimh.  
'S e guth anaim mo ruin a tha 'nn,  
O! 's ainmach gu m' aislin fein thu.  
'S comhnuidh dhuit anam Mhalmhine,

Mhic Ossain is treine lamh. 20  
Dh 'eirich m' osna marri dearsa o near,  
Thaom mo dheoir measg shioladh na h oiche.  
Bu ghallan Aluin a' t-fhianais mi Oscair,  
Le m' uile gheuga uaine ma m' thimchiol?

Ach thanic do bhas-sa mar Ossaig 25  
O 'n fhasach, i dhaom mi fios.  
Thanic earrach le fioladh nan speur,  
Cha d' eirich duill' uaine dhamh fein;  
Chunic oigha me samhach 's an talla,

Agus bhuaill iad clarsach nan fonn. 30  
Bha deoir ag taomadh le gruaidhean Mhalmhine;  
Chunic oigh me 's mo thuirladh gu trom.  
C' uime am bheil thu co tuirseach, a' m' fhianis,  
Chaomh Ainnir-og Luath-ath nan sruth.

An robh e sgiamhach mar dhearsa na greiue? 35  
Am bu cho tlachdor a' shiubhal 's a chruth?  
'S taitneach t-fhonn an cluais Ossain,  
Nighean Luath-ath nan sruth dian.  
Thanic guth nam bard nach beo,

Am measg t-aislin air aomadh nan sliabh, 40  
Nuair thuit codal air do shuilean soirbh,  
Aig cuan mor -shruth nan ioma fuaim,  
Nuair phil thu flathail o 'n t-seilg,  
'S grian la thu ag sgaoilta na bein.—

Chual thu guth nam bard nach beo: 45

'S glan faiteal do chiuil fein.  
'S caoin faiteal nam fonn o Mhalmhine!  
Ach claonidh iad anam gu deoir;  
Tha solas ann Tuireadh le sioth,

Nuair dh 'aomas cliabh tuirse gu bron; 50  
Ach claidheadh fad-thuirse fiol dorthuin,  
Fhlath-nighean Oscair nan cruaidh-bheum.  
'S ainmach an la gan nial  
Thuiteas iad, mar chuisag, fo 'n ghrian,

Nuair sheallas i sios 'n a soilse, 55  
Adeigh do 'n dubh cheathach siubhal do 'n bheinn,  
'S a throm-cheann fo shioladh na h-oiche.

<eng>THE SUN HYMNS. O. U. 5. 6.

GRANT (U.) printed (4) the 'Address to the Sun,' in Caricthara, 11 lines,  
and (5) 'The Address to the Sun,' in Carthon, 38 lines.

These were got January, 1798, from Donald Grant Ulnish, in the Isle of  
Skye, who wrote (4) from the dictation of an old gentleman at Vaternish.  
Older copies exist, and versions vary. The report on Ossian is quoted.  
The originals were amongst Mac Pherson's papers, and his assistant,  
Captain Morrison, gave a copy of No. 4 to the Rev. Mr. Mac Kinnon, of  
Glendaruel, before 1780, 11 lines.

The Rev. Mr. Mac Diarmaid is also quoted. He said, April 9, 1801, that he  
got these two poems 'about 30 years ago' (1771) from an old man in  
Glenlyon, who learnt them in his youth. In 1760 Mac Pherson began to  
print translations from Ossian's Poems; in 1763 he printed his Gaelic.  
No. 4 was in Mac Pherson's Gaelic text, 1807. No. 5 is not in the Gaelic  
Carthon of 1807 and 1818, but Mr. Clerk has placed it in the edition of  
1870.

After reading passages in Carthon the conclusion seems obvious,

'They saw battle in his face,' 1760.

<gai>'An còmhrag a snamh air a ghnuis,'<eng> 1818.

The fight; a swimming on his face.

'Tell him that we are mighty in war,' 1760.

<gai>'Innis da sa chòmhrag ar brìgh,'<eng> 1818.

Tell him in the fight our broth (pith).

'The tear is on their cheek,' 1760.

<gai>'Dear a' siubhal lic bhanail gun ghiomh,'<eng> 1818.

Tears a travelling cheeks female without exploits.

I set a far better Gaelic scholar than I am, Mr. Mac Lean, to read  
Carthon for Anglicisms, and we came to the conclusion that we ought to  
mark the whole Gaelic text; because of language we were satisfied that

the Gaelic is really an unfinished translation of the original English, which Mac Pherson composed upon some text.

In the first and second editions of the Gaelic Ossian the 'Sun Hymn' is omitted. It is added in Clerk's Ossian, page 220, from 'The Report of the Highland Society,' with the Pedigree quoted by Grant, which lands it in Glenlyon, near Mac Pherson, about the date of his first Gaelic publication.

[TD 216]

The end of the English Carthon never has been found in Gaelic. On a margin of a copy of the first edition of Mac Pherson's translation of Ossian, which was found at his house, was this note,—

'Delivered all that could be found of Carthon to Mr. John Mackenzie.'

It has been said that this address is but an imitation of Milton's, in 'Paradise Lost,' and I suppose that it may be a free translation. At all events, 'Carthon' and the 'Sun Hymns' are very unlike any Gaelic Ballads which are orally preserved.<gai>

O. 22. FAILTE NO URNUIGH NA GREINE.

<eng>38 lines. (IN CARTHON.)

Dr. Irvine's MS., page 93. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.

THIS writing dates about A.D. 1800. The poem was got from Mac Diarmaid of Weem, and from Mac Pherson's assistant, Captain Morrison. It is the equivalent of a passage in Ossian. Judging by the language, I think that this was translated from English. It certainly differs from the popular ballads, and the Sun is masculine, which is a mistake.

That the Sun personified in Gaelic verse ought to be a woman, and not a man, is proved by a song written by an Inverary Bard. in 1871, when the Princess Louise came home. He wrote—<gai>

'Bho 'n a dh' èirich a Ghrian  
'S gu 'n do chuir i fo a sgiath na nèoil.'

<eng>Because the Sun has arisen; and because she has put the clouds below her wing (or shield).<gai>

1

O THUSA fein a shiubhleas shuas.  
Cruin mar lann sgiath chruaidh nan triath,  
Cò as tha do dhearsa gun ghruaim,  
Do sholus tha buan a Ghrian.

2

Thig thu mach nad aille fein,  
Is follachidh reill an triall;  
Theid geallach gun tuar o 'n speur,  
Ga cletha fein fo stuagh san iar.

3

Tha thusa ann ad astar a mhain,

Cò tha dana chi nad choir;  
Tuitidh darag o 'n chruaich ard,  
Tuitidh carn fo aois is scoir.

4

Traoghaidh is lionaidh an cuan,  
Cailear shuas an rè san speur;  
Thusa a' d' aon a chaoidh fo bhuaidh,  
An aoibhneas do sholuis fein.

5

'Nuair a dhuthas m' an Domhain stoirm,  
Le torrun borb is dealan Berr;  
Seallaidh tu nad aille ro 'n Toirm,  
Fiamh gaire ort am bruillean nan speur.

6

Ach dhomhsa tha do sholus faoin,  
'S nach faic a chaoidh do ghnuis,  
. . . . .

7

Sgaoladh cuil as orbhuidh ciabh,  
Air aghaidh nan neul san ear;  
No 'nuair chritheas tu san Iar,  
Aig do dhorsa ciar air lear.

8

'S maith dh' fheudta gu bheil thu 's mise fein,  
An am gu treun, 's gun fheum an am,  
Ar bliadhna tearna o 'n speur,  
A' siubhal le cheile gu 'n ceann.

9

Biodh aoibhneas ort fein a ghrian,  
'S tu neartmhor a thriath, nad' oige;  
'S dorcha mi-thaitneach an aois,  
Mar sholus faoin an rè gun chail.

10

'S i a sealladh o neoil air an raoin,  
Is liath cheo air taobh nan carn;  
An oitetag o thuath air an Reth,  
Fear siubhail fo bheud 'se mall.

O. 23. URNUIGH NA GREINE AN CARRAICTHURA.

<eng>11 lines.

Dr. Irvine's MS., page 115. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, March 30, 1872.

BECAUSE the Sun is called 'a mhic' (son) whereas the word is feminine, this cannot possibly be an old Gaelic composition: 40 years before 1801 accords with the publication of Mac Pherson's Fragments 1760, and with Jerome Stone's translations 1755, and to that date I would attribute this Sun Prayer. The verbatim agreement of all the numerous copies of this composition indicate a common manuscript original. Oral Ballads differ, as shown above.<gai>

1

AN d' fhag thu gorm astar nan speur,  
A mhic gun bheud, as orbhuidh ciabh;  
Tha dorsa na h-oidche dhuit fein, (reid)  
Is pailliun do chlos san iar.

2

Thig na stuaidh mu 'n cuairt gu mall,  
Choimhead fear is glaine gruaidh;  
A togail fo eagal an ceann.

3

Ged fhaicinn co alluin na shuain,  
Theich iadsan gun tuar o d' thaobh;  
Gabhsa cadal ann ad chos,  
A ghrian is pill an tos le aoibhneas.

<eng>Got these two addresses from Mr. Mac Diarmaid, of Weem, July 29, 1801, who says he got them from Duncan Robertson, Craigelig, Glenlyon, upwards of 40 years ago, when a student at College. Compared with two I got from Captain Morrison with which they agree almost verbatim.—Dr. IRVINE'S Note.<gai>

O. 29. CONNLAOCH AGUS CUTHONN. <eng>181 lines.

Dr. Irvine's MS., page 121. Copied by Malcolm Macphail. Edinburgh, April 1, 1872.

See Stewart's Collection, 1804, page 581.

IN this the language savours of the North Country and of the Isle of Skye. Nial, becomes Neul in Stewart's Book. The printed version has all the seeming of a version revised and corrected by some one whose own ideas of Gaelic differed from those of the scribe or composer.

1800. Irvine's MSS., O. 181 lines.

1804. Stewart's Collection, Vol. ii. 581. 184 lines.

1870. See Clerk's 'Ossian,' Vol. ii. 562. 184 lines.

This looks like an extract from the manuscript which was printed in 1807. All known copies correspond in all respects, and differ from the Ballads, which vary as shown above. This is printed as written to show the broken irregular metre of 'Ossian's Poems.'

CONNLAOCH AGUS CUTHONN.

1

AN cual Oisean gnth neo-fhaoin,  
N' an gairm latha fo aoma' th' ann?  
'S tric mo smuain air aimsir nan raon,

Mar ghrian fheasgair tha claon an gleann,  
Nuathcheair mor Thorman na seilge,  
Sleagh fhada na marbh ann am laimh.

2

Is ceart a chual Oisean an guth,  
Co thusa shiol duilhir na oidhche;  
Clann gun gnìomh an suain fogha,  
Gaoth a meadhon an talla gun soillse.

3

Tha sgiath an rìgh a fuaim air am,  
Ri osag carn is airde gruaim;  
Sgiath chopanach balla mo thalla,  
Air an cuir mi car tanull mo lamh.

4

Ceart gu 'n cluinn mi mo chara fein,  
Is fada guth an treun o luaidh;  
Cuinn astar air dubh neul gun fheum.

5

A shiol Morna ua beum cruaidh,  
Sar Oscar neo-bhaoth air cul sgè;  
Is tric a bha 'n gaisgeach rid' thaobh,  
A Chomlaoich an am aoma na sleagh.

6

A bheil cadal air Tais Chonnlaoch mhin ghuth,  
A meadhon talla fo mhor ghaoth toirm;  
An cadal tha e Oisean, nan corr ghnìomh,  
Is an ro chuan ma chomhnuidh fo stoirm.

7

Cha' n' eil uaigh tha fo leirsinn an Innis,  
Cia fada bhias sinne gun chliu;

8

A Ri Sheallama 's fuaimear gleann,  
'S truagh Oisean gun mo shuil ort fein (leirsinne)  
'S thu suidh gun fheum air do nial,  
An ceo thu air Lano a threun?

[TD 217]

9

No tein adhair gun bheum air sliabh,  
Co dheth tha cearb do thrusgan baoth?  
Shiubhail e air osaig de ghaoith,  
Mar fhaileas fo aom na nial.

10

Thigsa uaithe do bhalla fein,  
A Chlarsach nan treun le fuaim;  
Biodh solas na cuimhne air beinn,  
Ithonn an eirigh a chuain.

11

Faiceamsa mo chairde an gnìomh,  
Chi Oisean gun trian na treuna;  
Air Innis tha dubh ghorm fo nial,  
Cos thorma nan sian aig eirigh  
Air carraig chanuich nan crom chrann.

12

Tha struth a tornan aig a bheul,  
Tha Toscar a' Croma' thar fhuaim;  
Tha Fearghus fo mhulad ua threun,  
Cumha thonn nam beus fada shuas.

13

Am bheil gaoth air aoma' nan tonn?  
N' an cluinn mi air chrom an guth?

14

Tha 'n oidhche Thoscar fo ghailinn nan sian,  
Thuit g 'an trian o chruaich;  
Tha dubh shiubhal mara fo nial,  
Tha biacail nan crion thon m 'an cuairt.

15

Thainig tein adhair le beum,  
Le sealla na fearnaich do threun; (doi)  
Chunnaic mi Fhearghus gun bheud,  
An tais de na bha treun an oidhche,  
Gun fhocal sheas e air bruaich,  
'S a thrusgan a' cuir fuaim air gaoith.

16

Chunnaic mi a dheuran le truaigh,  
As e 'n duine gun tuar 'se baoth;  
As a smuainte ga claon an cliabh,  
'S e t-athair Feargus, a Thoscar a t' ann,  
Tha e faicinn a bhais ma shiol.

17

Mar sin bha choslas san am,  
'Nuair thuit Mor Ronan fo nial;

18

Eirin nan cnoc uaine fo fheur,  
Gur annsa domh fein an gleann;  
Tha samhchair mu ghorm thuit do bheann,  
